


H.M. 115.





6. 2.

Jyoti h. 207.

11. 1. 2005
Jyoti h. 207.

ON
COMMUNION WITH GOD,
THE FATHER, SON, AND HOLY GHOST,
(EACH PERSON DISTINCTLY)
IN LOVE, GRACE, AND CONSOLATION:
OR,
THE SAINTS' FELLOWSHIP WITH FATHER, SON, AND
HOLY GHOST UNFOLDED.

BY JOHN OWEN, D.D.

TRANSLATED INTO GAELIC
BY ALEXANDER McDougall, TEACHER,
GLEN URQUHART.

WITH A PREFACE BY JOHN KENNEDY, D.D.,
DINGWALL.

EDINBURGH:
The Religious Tract and Book Society of Scotland.
1876.



Lauriston Castle
LIBRARY ACCESSION

DR. KENNEDY'S PREFACE.

THIS book is the product of a past age. No living theologian could write it. We have men whose learning may compare with Owen's, because they have access to materials that were not at his hands ; but we have none who more thoroughly mastered, and more wisely use, the stores which are accessible. We have men, too, who are extensively acquainted with the various systems of theology, and have skill to unfold and defend the truth of the gospel. In Hodge we have a systematic divine than whom no age has produced a more accomplished. We also have some who apply themselves to the practical uses of Scripture doctrine ; but the most of them are attempting to build before they have laid the foundation. There are, besides, a few who attempt to describe the inner life of Christians, but who too often only succeed in showing their lack of discernment and skill. But in Owen we have the learned expositor, the systematic divine, the skilful analyst, and the wise

PREFACE.

practical teacher. The works of such an author, in point of learning, fulness, discrimination, and practical wisdom, are quite unique. Among British theologians Owen is *facile princeps*.

An admirable work on “Communion with God” is now, for the first time, by means of this translation by Mr. M'Dougall, put within reach of those who understand Gaelic only. The translation is faithful, and in a dialect which will be generally understood throughout all the districts of the Highlands. All Gaelic readers should procure and study it. In the work they will find a profusion of Scripture truth brought to bear on the subject of communion with God. Owen gives neither what is confused nor what is superficial to his readers. He ever keeps in view the places, which, according to the scheme of redemption, pertain to the Persons of the Godhead in the great work of salvation. Directing attention to the relations in which the Father, Son, and Holy Ghost stand to those who are saved, he shows, in the light of Scripture, how each is to be apprehended and approached—what is the fitting response of faith and feeling to the truth regarding each of them—how believers, guided by the light of Scripture, are to commune with each divine Person, while dealing with the one true God.

It will be a sad sign of declension if such a book is not extensively read. Works, which go beneath the surface of spiritual things, are little prized by a generation in haste to be religious, while at the same time in haste to be rich. Men guided by the world, find no leisure except to acquire light views of even “the first principles of the oracles of God,” and these they use as feathers with which to wing their profession that it may rise aloft, and with which to stuff the pillow on which their hearts indulge in a delusive sleep.

Highlanders, if you would retain what the best of your fathers enjoyed and commended, read and study with much prayer this precious book, now brought for the first time to your hands. There is much in it which only fathers in Christ can understand ; but Christians of all grades may find in it what is suitable for their instruction and comfort ; and to those who know not “the grace of God in truth,” there is much that is fitted to expose the guilty folly of their ease and unbelief. That to all these this work may find access, and that the Spirit of God may apply its contents to their hearts, is the prayer of

JOHN KENNEDY.

DINGWALL, January 12th, 1876.



AIR

COMH-CHOMUNN NAN NAOMH RI DIA,

AN T-ATHAIR, AM MAC, AGUS AN SPIORAD NAOMH.

(*GACH PEARSA FA LETIH*)

ANN AN GRADH, ANN AN GRAS, AGUS ANN
AN COMHFURTACHD.

LE IAIN OMHAINN, D.D.

EADAR-THEANGAICHTE

LE ALASTAIR MACDHUGHAILL,

MÀIGHSTIR-SGOILE, GLEANN-URACHADAINE.

DUNEIDIN:

CLO-BHUILTE DO'N CHOMUNN AIRSON CRAOBHSGAOILIDH
LEABHRAICHEAN DIADHAIDH AIR FEADH ALBA.

587

AIR COMH-CHOMUNN RI DIA.

—o—

EARRANN I.

CAIBIDEIL I.

Gu bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Dia — 1 Eoin i. 3 air a bheachdachadh chum na criche sin — Beagan mu nàdur comh-chomuinn gu coitchionn.

ANN an Cend Litir Eoin, caib. i., rann 3, tha an t-abstol a' toirt dearbh-chìnnte dhoibh-san chum an do sgrìobh e gu bheil comh-chomunn nan creideach “ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criod;” agus tha e' deanamh so ann an cainnt cho neoghnàthaichte as gu bheil i'gùilan ùghdarrais mhionnan innte; o'm bheil an t-eadar-theangachadh sin againne, “Gu firinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criod.”

Do bhrigh gu'n robh coslas agus inbhe fhaicsinneach nan naomh anns na làithibh sin gle dhùibhidh agus tàireil, agus an cinn-iùil air am meas mar shalachar an t-saoghal so, agus mar anabas nan uile nithe, bha e fosgailte do mhòran chunnuilean o reusonachadh feòlmhor a bhi 'cuireadh mhuinnitir eile a dh'ionnsuidh comuinn riu, agus comh-roinn a ghabhail anns na nthibh luachmhòr a bha iad a' sealbhachadh: “Ciod a' bhuannachd a tha ann an *comunn* riu? Ciod a tha ann ach aghaidh a chur air àmhgharaibh, air maslaidhibh, air fanoidibh, agus air gach gnè uile?” Uime sin, a chum na h-eagalan feòlmhor so a bhacadh no a ghiùlan as an rathad, tha an t-abstol, ann an dìan-chainnt, a' leigeadh ris dhoibh-san chum an do sgrìobh e gu'n robh an comunn a bha iad a' sealbhachadh da rìreadh ro urramach, ro ghlòrmhor, agus ion-mhìannaichte ann féin, agus — a thaobh *cuid* ris an robh e aca — gu'm bitheadh e air 'fhaotainn mar sin, ciod air bith ana-cothrom a bha 'na chomh-chuideachd ann am beachd nàdurra. Oir “gu firin-

neach," a deir e, "tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criod."

Air do'n abstol an ni so a chur 'an céill ann an cainnt cho dìan agus cho soilleir, feudaidh sinne a leantuinn ann an dànamachd le ar ràdh féin,—eadhon, "*Gu bheil aig naomhaibh Dhé comh-chomunn ris.*" Agus tha e 'na chomh-chomunn naomh agus spioradail, mar a bheir sinn fainear. Ni sinn 'fhosgladh suas agus a thoirt air aghaidh an déigh so eionnus a tha so air a labhairt ann an rathad eadar-dhealaichte a thaobh an Athar agus a' Mhic.

Cha-n'eil comh-chomunn aig duine sam bith a thaobh nàduir ri Dia, o theachd a steach a' pheacaidh do'n t-saoghal. Tha Dia 'na *sholus*, tha sinne 'nar *dorchadas*; agus ciod an comunn a tha aig solus ri *dorchadas*? Is *beatha* Dia, tha sinne *marbh*; is *gràdh* Dia, tha sinne 'nar *naimhdeas*; agus ciod an comh-chòrdadh a dh'fheudas a bhi eadaruinn? Cha-n'eil aig daoinibh anns a chor so aon chuid Criod, no dòchas, no Dia anns an t-saoghal, Eph. ii. 12; "air dhoibh, a bhi 'nan coimhlich do bheatha Dhé, thaobh an aineolais a tha annta," caib. iv. 18. A nis, cha-n'fheud dìthisimeachd le 'chéile, mar bi iad réidh, Amos iii. 3. Am feadh a tha Dia agus daoine cho sad so o 'chéile, cha-n'eil *imeachd le 'chéile* ann an comh-chaidreamh sam bith air an son. Rinn am peacadh a shamhuil sin de mhilleadh air ar ceud chòir ann an Dia, as nach d' fhagadh comas air bith againn annainn féin ar staid a leigheas. Agus mar a thug sinn air falbh gach comas pillidh uainn féin, mar sin cha d' fhoillsich Dia slighe air bith chum *dol a steach* d'a ionnsuidh; no gu'm bu chomasach do pheacaich air dhòigh sam bith a theachd 'am fagus da ann an sith. Cha robh ni air bith a chruthaich Dia, no buadh air bith de a nàdur a dh'fhoillsich e, a b'urrainn an solus a's lugh a thoirt air a shamhuil sin de fhrithealadh.

Cha-n'eil foillseachadh gràis Dé agus tròcair a' mhaitheanais, ni a's e an t-aon dorus a dh'ionnsuidh a' chomh-chomuinn so, air 'earbsa ri neach air bith eile ach ris-san a mhain anns am bheil e taisgte suas,—ris-san a rinn an gràs agus an tròcair sin a chosnad, troimh am bheil e air a fhrithealadh a mach, agus a tha 'ga fhoillseachadh o uchd an Athar. Uime sin cha-n'eil an comh-chomunn so ri Dia air 'iomradh ann an cainnt chomh-araichte anns an t-Sean-tiomnad. Tha an ni féin air 'fhaotainn ann; ach is ann anns an t-soisgeul a tha a *sholus glan* a' dealradh, agus dànamachd a' chreidimh ann air 'fhoillseachadh

tre'n Spiorad air a fhrithealadh ann. Tha an t-saorsa so againn tre'n Spiorad sin, 2 Cor. iii. 17, 18. B'e Abraham *caraid* Dhé, Isa. xli. 8; bha Daibhidh 'na dhuine a réir a *chridhe* féin, *dh'imirich* Enoch maille ri Dia, Gen. v. 22, bha iad so uile a' sealbhachadh a' chonch-chomuinn so ann féin; gidheadh cha robh fathast an t-slighe chum an ionaid a bu ro naoimhe air a foillseachadh, am feadh's a bha an ceud phàillium fathast 'na sheasamh, Eabh. ix. 8. Ged a bha comh-chomunn aca ri Dia, gidheadh cha robh dànanachd agus muinghin aca ann. Tha so a' leantuinn mar thoradh air dol a steach ar n-Ard-shagairt a dh'ionnsuidh an ionaid a bu ro naoimhe, Eabh. iv. 16, x. 19. Bha mar an cendna am folach a' fantuinn orra, ionnus nach robh làn shaorsa aca ann an teachdhl dìuth do Dhia, 2 Cor. iii. 15, 16. Ach a nis ann an Criosd tha dànanachd agus slighe air am frithdealadh dhuinn chum dol a steach ann am muinghin do Dhia, Eph. iii. 12: ni air nach robh eòlas aig na naomhaibh o shean. Is ann a mhain ann an Criosd, ma seadh, a tha bith agus làn fhoillseachadh na fagusachd so do Dhia air am faotainn. Rinn esan slighe nuadh agus bheò a choisrigeadh dhuinn "tre'n roinn-bhrat, sin r'a ràdh, tre 'fheòil féin,' Eabh. x. 20, air do'n t-sean slighe a bhi air a dùnadhl suas; agus "trid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar," Eph. ii. 18. Agus a rìs, "Tha sibhse a bha roimh so fad o làimh, air blur toirt am fagus tre fhuil Chriosd, oir is esan ar sith-ne," rainn 13, 14. Air stéidh so ar comh-chomuinn ri Dia bheir sinn an tuilleadh fainear 'an déigh so. Air an stéidh nuaidh so, ma seadh, air an t-slighe nuaidh agus bheò so, tha peacaich air an gabhail a steach a dh'ionnsuidh comh-chomuinn ri Dia. Agus gn cinnteach is frithdealadh iongantach sin, gu'm bitheadh aig peacaich comh-chomunn ris an Dia sin a tha neo-chriochnach naomh. Gu bhi labhairt beagan uime ann an rathad coitchionn:—Tha comh-chomunn ag amharc ri *nithibh* fa leth no ri *pearsaibh* fa leth. Far am bheil coimh-sheilbh aig muinntir ann an ni air bith, bitheadh an ni sin maith no olc, bitheadh e 'na dhleasannas no 'na thoil-inntinn, bitheadh e anns an aon nàdur no anns na h-aon ghnìomharailbh,—iadsan a tha 'seasanbh anns an dàimh so d'a chéile, tha iad ann an comunn a chéile. Tha comh-roinn choitchionn anns an aon nàdur a' toirt comh-chomuinn do na h-uile dhaoinibh anns an nàdur sin. A thaobh an taghaidh tha an t-abstol ag ràdh, Eabh. ii. 14, "Mheud's gu bheil aig a chloinn comh-roinn a dh'fheòil agus a dh'fhuil,"—is e sin,

bha comunn aca anns an aon nàdur ris a' chuid eil de'n chinne-dhaoine ; agus uime sin thàinig Criod a steach anns a' chomunn cheudna : "Ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin." Tha comh-chomunn ann mar an ceudna a thaobh *coir* no *suidheachaidh*, bitheadh e maith no ole ; agus sin aon chuid ann an nitibh spioradail, anns an *taobh a stigh*, mar a tha comh-chomunn nan naomh gach aon r'a chéile, no a thaobh nithe eile, o'n *taobh a muigh*. Bha e mar sin maille ri Criod agus an dà ghaduiche a thaobh an aoin choir o'n taobh a muigh. Bha iad fo dhiteadh ceudna a' cheusaidh, Lucas xxiii. 40, "nan companaich an aoin àmhghair." Bha comh-chomunn aca a thaobh a choir àmhgharaich sin chum an do dhiteadh iad ; agus ghuidh aon diubh compairt 'fhaotainn anns an staid bheannaichte sin chum an robh ar Slànuighear air ball gu dhol a steach, ni mar an ceudna a thugadh dha. Tha comh-chomunn ann mar an ceudna ann an gnìomharaibh, eo ac a tha iad *maith no ole*. Annta sin a tha *maith*, tha comh-chomunn aig na naomhaibh ann an coimhlionadh aoraidh naoimhe Dhé, a rèir suidheachaidh an t-soisgeil, Philip. i. 5 ; ni, a thaobh gnè coitchinn a' chomh-chomuinn so, anns an robh Daibhidh a' deanamh mòir ghàirdeachais, Salm. xlvi. 4. Annta sin a tha *ole*, bha Simeon agus Lébhi 'nam bràithribh, Gen. xlix. 5. Bha comh-chomunn aca anns an aon gnìomh an-iochdmhoir dioghaltais agus mortaidh. A nis, cha-n'eil ar comh-chomunn-ne ri Dia a' coimh-sheasamh ann an aon air bith dhiubh so ; agus a thaobh cuid dhiubh, tha e gu h-ionlan an *taobh a muigh* dhiubh. Cha-n urrainn e bhi 'na chomh-chomunn nàdurra ; feumaidh e bhi *saor* agus comh-aontachail. Cha-n urrainn e bhi 'na chomh-chomunn coir agus suidheachaidh, ach 'na chomh-chomunn ann an gnìomharaibh. Cha-n urrainn e bhi anns na h-aon glòmìomharaibh eadar dhithis a thaobh an treas neach, ach 'na chomh-thabhairt le aon neach do neach eile. Bha feallsanach mòr nan Cinneach a' meas gu'n robh nàdur Dhé agus nàdur dhaoine cho neo-chriochnach am fad air falbh o 'chéile 's nach bu chomasach comh-chàirdeas a bhi eatorra. B'urrainn e a mheasrachadh gu feudadh eadar-dhealachadh iubhe a bhi eadar dhithis ann an comh-chàirdeas, ged nach b' urrainn e crìochan an eadar-dhealachaidh a chomharachadh ; ach 'na bhreithneachadh-sa cha d' fhasadh àite sam bith eadar Dia agus daoinibh air a shon. Tha neach eile dhiubh, gun amharus, a tha 'g ràdh gu bheil comh-chàirdeas sònruichte eadar Dia agus daoinibh, ach cha b' urrainn e a lorgachadh ni

b'airde na comunn coitchionn an fhreasdail. Bha euid eile a ràinig air cainnt ni's ro àirde na sin m'a thimchioll ; gidhealadh nach robh idir a' tuigsinn ciol mu'n robh iad a' labhairt. Tha an t-eòlas so folaichte ann an Criosd, mar a bheir sinn fainear an déigh so. Tha e ro iongantach air son nàduir, mar a tha e peacock agus truailte. Cha treòraich nàdur ni's àirde na uamhunn agus eagalan a' bhàis roimh ghnùis Dé. Ach a ta againne stéidh nuadh comb-chomuinn ris, agus foillseachadh nuadh dheth, mar a dh'ainmich sinn.

A nis tha comh-chomunn a' coimh-sheasamh ann a bhi 'comh-roinn d'a chéile na nithe maith sin anns am bheil tlachd na muinntir sin a tha anns a' chomunn ; agus sin air stéidh aonaidh sònruicht' a tha eatorra. Bha e mar sin a thaobh Ionatain agus Dhaibhidh ; bha an anaman a' dlùthachadh r'a chéile ann an *gràdh*, 1 Sam. xx. 17. Bha aonadh a' ghràidh eatorra ; agus 'an sin bha iad a' comh-roinn d'a chéile gach toradh gràidh a bha en t-aonadh sin a' giùlan. Ann an nithibh spioradail tha so ni's ro bharraichte : iadsan a tha 'mealtuinn a' chomh-chomuinn so tha an t-aonadh a's ro oirdheire aca mar a stéidh ; agus tha toraidhean an aonaidh sin, a tha iad a' comh-roinn d'a chéile, a' toirt barrachd ann an luachmhoireachd agus an inbheachd.

A thaobh an aonaidh sin a's e stéidh a' chomh-chomuinn sin gu léir a tha againn ri Dia, labhair sinn air a cheana gu farsuinn ann an àite eile, agus cha-n'eil tuilleadh againn a chuireas sinn ris.

Tha an comh-chomunn sin, ma seadh, a tha againn ri Dia a' coimh-sheasamh anns gu bheil Dia 'ga thoirt féin seachad *dhuinne*, agus sinne 'gar toirt féin seachad do Dhia, anns gach ni a tha e 'g aithne dhuinn, agus a gabhail uaithne, agus sin a' sruthadh o'n aonadh a tha againn ris ann an Iosa Criosd. Agus tha e dà-fhìllte :—1. Tha e *iomlan agus foirfe*, ann an làn mhealtuinn a ghloire, agus ann a bhi 'gar toirt féin seachad gu h-iomlan da, agus a' foiseachadh ann mar ar n-àrd chrich ; air an eùirear sinn ann an seilbh an uair a chì sinn e mar a tae ; —agus, 2. Tha e *tòiseachail agus mi-ionlan*, ann an ceud thoraidhibh sin na h-iomlaineachd a tha againn ann an so ann an staid gràis ; an seadh sin a mbain anns an dean sinn a thoirt fainear.

Is ann mu'n chomh-chomunn ro naomh agus spioradail sin, ma seadh, ann an tabhairt agus ann an gabhail, a tha eadar Dia agus na naomhaibh, am feadh a tha iad agimeachd maille r'a

chéile ann an coimhcheangal síthe, a dhaingnicheadh ann am fuil Iosa, a tha sinn gu bhi labhairt. Agus so ni sinn, ma cheadaicheas Dia ; aig an àm cheudna ag aslachadh Dhé agus Athar ar Tighearna agus ar Slànuighir Iosa Criod, neach, a réir saoibhreis a ghráis, a rinn ar pilleadh o staid naimhdeis a dh' ionnsuidh staid comh-chomuinn ris féin, chum gu'n deònaicheadh e gu'm bitheadh aige-san a tha 'sgrìobhadh, agus aca-san a dh'fheudas a bhi 'leughadh bhriathran a thròcair, a leithid de bhlas air a mhillseachd agus air 'oirdheirceas ann, as gu'm bi iad air am brosnachadh a dh'ionnsuidh an tuillidh dian-thograidh an déigh iomlaineachd a shlainte, agus comh-chomuinn siorruidh maille ris ann an glòir.

CAIBIDEIL II.

Gu bheil comh-chomunn eadar-dhealaichte aig na naomhaibh ris an Athair, ris a' Mhac, agus ris an Spiorad Naomh—1 Eoin v. 7, air 'fhosgladh chum na criche sin ; mar an ceudna 1 Cor. xii. 4-6, Eph. ii. 18—An t-Athair agus am Mac air an ainmeachadh cuideachd anns a' chomunn so; an t-Athair air 'ainmeachadh 'na aonar, am Mac mar an ceudna, agus an Spiorad Naomh air leth—Gu bheil sùil nan naomh ris gach pearsa fa leth ann an aoradh Dhé air a nochdadhl—Creidimh anns an Athair, 1 Eoin v. 9, 10 ; agus gràdh dha, 1 Eoin ii. 15, Mal. i. 6—Mar sinn ann an urning agus moladh—Mar sin mar an cendna a thaobh a' Mhic, Eoin xiv. 1—Air ar comh-chomunn ris an Spiorad Naomh—An fhirinn so air a daingneachadh.

THUG sinn fainear anns a' cheud chaibideil gu bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Dia, agus mar an ceudna nàdur comh-chomuinn gu coitchionn. Bheir sinn anns an ath àite fainear an dòigh anns am bheil an comh-chomunn so a' faotainn cleachdaidh, agus ciod anns am bheil e a' coimb-sheasamh. Mu thimechioll an *dòigh*, agus a thaobh phearsachan fa leth na Diadhachd ris am bheil an comh-chomunn so aca, tha e aon chuid *eadar-dhealaichte* agus sònruichte, no tha e air 'fhaotainn agus air a chleachdadhl d'an taobh maraon. Nochdaidh sinn, air tùs, gu bheil comh-chomunn eadar-dhealaichte aig na naomhaibh ris an Athair, agus ris a' Mhac, agus ris an Spiorad Naomh—is e sin, eadar-dhealaichte ris an Athair, eadar-dhealaichte ris a' Mhac, agus eadar-dhealaichte ris an Spiorad Naomh,—agus mar an ceudna ciod anns am bheil an comh-chomunn eadar-dhealaichte.

laichte so a' coimh-sheasamh a tha gu sònruichte air a chur as leth gach pearsa fa leth.

Ann an 1 Eoin v. 7, tha an t-abstol ag innseadh dhuinn gu bheil "Triuir a tha 'deanamh fianuis air nèamh, an t-Athair, am Focail, agus an Spiorad Naomh.'" Tha iad air nèamh, agus tha iad a' deanamh fianuis dhuinne. Agus eiod mu'm bheil iad a' deanamh finuis? Ealhon mu Chriosd mar am Mae, agus mu shlàinte nan creideach 'na fhuil. Oir is ann mu thoirt air aghaidh na slàinte sin tre fhuil agus uisge, fireanachadh agus naomhachadh, a tha an t-abstol a' labhairt anns an àite sin. A nis, cionnus a tha iad a' deanamh fianuis uime? eadhon mar thriuir, mar thriuir fhianuisibh eadar-dhealaichte. 'Nuair a tha Dia a' deanamh fianuis a thaobh ar slàinte, tha e gun teagamh mar fhiachaibh oirnne gabhairl ris an fhiannuis sin. Agus tha e mar fhiachaibh oirnn gabhairl rithe anns an dearbh dhòigh anns am bheil i air a deanamh. A nis tha so deanta gu h-eadar-dhealaichte. Tha an t-Athair a' deanamh fianuis, tha am Mae a' deanamh fianuis, agus tha an Spiorad Naomh a' deanamh fianuis; oir is triuir fhianuisean eadar-dhealaichte iad. Mar sin, ma seadh, tha e mar fhiachaibh oirnne gabhairl ris gach fianuis air leth: agus ann a bhi 'deanamh sin tha comh-chomunn againn ris gach pearsa fa leth; oir tha earrann mhòr de ar comh-chomunn ri Dia a' coimh-sheasamh, air a thaobh-san, ann an *deanamh* fianuis, agus, air ar taobh-ne ann an *gabhairl ris* an fhanuis sin. Bheir sinn fainear an déagh so eiod anns am bheil fianuiseachadh eadar-dhealaichte gach pearsa fa leth a' coimh-sheasamh.

Ann an 1 Cor. xii. 4-6, tha an t-abstol, ann a bhi labhairt mu chomh-roinn thiodhlacan agus ghràsan ris na naomhaibh, 'gan eur as leth gach pearsa fa leth, mar an tobar o'm bheil iad air am frithealachadh a mach dhoibh. "Tha eadar-dhealachadh thiodhlacan ann, ach cha-n'eil ach aon *Spiorad* ann,"—"an t-aon Spiorad ceudna sin," is e sin, an Spiorad Naomh, rann 11. "Tha eadar-dhealachadh frithealaidh ann, gidheadh cha-n'eil ach aon *Tighearn* ann," an t-aon Tighearn Iosa, rann 5. "Agus tha eadar-dhealachadh oibreachaidh ann, ach an t-aon *Dia*," ealhon an t-Athair, Eph. iv. 6. Mar so tha tiodhlacan agus gràsan air am buileachadh, agus mar so tha iad air an gabhairl.

Agus cha-n e mhain gu bheil an t-eadar-dhealachadh so air a choimhead ann an *sruthadh a mach* nan uile ghràs o Dhia, agus ann am *frithealaidhean* an Spioraid Naoimh oirnn, ach mar an

ceudna ann ar n-uile tharruing dlùth do Dhìa. "Oir tre Chriosd tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar," Eph. ii. 18. *An dol a steach* sin a tha againn a dh' ionnsuidh Dhé, anns am bheil comh-chomunn againn ris, tha e "tre Chriosd," "anns an Spiorad," agus "a chum an Athar;"—tha na pearsachan air am beachdachadh ann an so ag oibreachadh gu h-eadar-dhealaichte ann an coimhlionadh uile chomhairlean toil! Dé air am foillseachadh anns an t-soisgeul.

Tha e fior nach 'eil iomradh sònruchté air a dheanamh air uairibh ach a mhain air an Athair agus air a' Mhaic, 1 Eoin i. 3. "Tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhaic Iosa Criosd." Am focal "agus" ann an so tha e 'g eadar-dhealachadh, agus mar an ceudna ag aonadh. A ris, Eoin xiv. 23, "Ma ghràdhlaicheas neach mise, coimhididh e m' fhocal : agus gràdhlaichidh m'Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris." Is ann anns a' comh-chomunn so a tha an t-Athair agus am Mac a' deanamh còmhnuidh maille ris an anam.

Air uairibh tha am Mac a mhain air 'ainmeachadh a thaobh an ni so. 1 Cor. i. 9, "Tha Dia firinneach, leis an do ghairmeadh sibh chum comh-chomuinn a Mhic Iosa Croisd ar Tighearn." Agus, mar an ceudna, Taisb. iii. 20, "Ma dh' eisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille rium-sa ;"—air an labhair sinn an déigh so.

Ann an àitibh eile, tha an Spiorad a mhain air 'ainmeachadh. 2 Cor. xiii. 14, "Gràs an Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh gu'n robh maille ribh uile." Tha comh-chomunn eadar-dhealaichte so nan naomh, ma seadh, ris an Athair, ris a' Mhaic, agus ris an Spiorad Naomh, gle shoilleir anns na Sgriobtuiribh; gidheadh feudar an tuilleadh dearbhaidh a dheanamh air. A mhain gu feum sinn an rabhadh so a thoirt seachad roimh làimh :—ciod air bith a bhitheas air a thagradh ann an daingneachadh an teagaig so, bithidh e deanta ann an coimh-cheangal ris a' mhìneachadh sin a tha air a dheanamh ann an toiseach a' chaibideil a leanas.

Is iad na meadhonan, ma seadh, air taobh nan naomh, trid am bheil iad a' sealbhachadh comh-chomuinn ri Dia ann an Criosd, uile chleachdaidhean naomh agus spioradail an anaman anns na gràsaibh sin, agus tre na slighibh sin, anns am bheil araon aoradh modhannail agus suidhichte Dhé a' coimh-sheasamh. Is iad creidimh, gràdh, muinghin, aoibhneas, agus an leithide sin, aoradh nàdurra no aoradh modhannail Dhè

tre'm bheil comh-chomunn aca-san ris anns am bheil na gràsan sin. A nis, tha iad so air an cleachdad air Dia aon chuid *gu neo-mheadhonach*, as engmhais ceangail sònruichte ri meadhonaibh faicsinneach air bith o'n taobh a muigh ; air neo tha iad air an tarruing a mach a dh' ionnsuidh cleachdaidh faicsinnich tre mheadhonaibh na h-ìrnuigh agus a' mholaidh, a réir an riaghailte sin a shuidhich e féin. A nis, tha na Sgriobtuirean a' deanamh soilleir gu bheil stùl aig na naomhaibh ris gach pearsa fa leth, araon ann an cleachdad modhannail, folaichte, nan gràsin, agus mar an ceudna mar a tha iad air an giùlan a mach tre mheadhonaibh faicsinneach aoraidh Dhé : chum an tuilleadh soluis a chur air, bheir sinn seachad eisampleirean eadar-dhealaichte a thaobh gach pearsa fa leth :—

1. A thaobh an ATHAR. Tha creidimh, agus gràdh, agus ùmhachd, air an cleachdad air an cleachdad air anns na naomhaibh air mhodh sònruichte agus eadar-dhealaichte ; agus tha esan air dhòigh àraidh air fhoillseachadh anns na slighibh sin mar neach a tha 'ga chleachdad air bhi 'gan tarruing a mach agus 'gam brosnachadh suas ann an cleachdad nan gràsan sin. Tha e 'deanamh fianuis mu thimchioll a Mhic, 1 Eoin v. 9, "Is i so fianuis Dé, a thug e mu thimchioll a Mhic." A nis, ann an deanamh na fianuis is cuspair creidimh e. 'Nuair a tha e 'deanamh fianuis—ni a tha e 'deanamh mar an t-Athair, do bhrigh gu bheil e deanta leis mu'n Mhic—tha e mar fliachaibh oirnne gabhairis anns an flianus sin tre chreidimh. Agus tha so air a chur 'an cíll, rann 10, "An ti a chreideas ann am Mac Dhé, tha an flianus aige ann féin." Is e a tha air a chiallachadh ann an so le bhi creidsinn ann am Mac Dhé, a bhi 'gabhairis ann Tighearn Iosa Criod mar am Mac, am Mac a thugadh dhuinne, Isa. ix. 6, airson uile chriochan gràidh an Athar, air teisteas fianuis an Athar ; agus uime sin, ann an deanamh so, tha creidimh air a chleachdad air neo-mheadhonach air pearsa an Athar. Tha so féin againn anns na briathraibh a leanas, "An ti nach creid Dia"—is e sin, an t-Athair, a tha deanamh fianuis mu thimchioll a' Mhic—"rinn e breugaire dheth." "Tha sibh a'c reidsinn ann an Dia," deir ar Slànuighear, Eoin xiv. 1; is e sin, anns an Athair, mar an t-Athair, oir tha e air ball ag rádh, "Creidibh annam-sa mar an ceudna." Cha-n'eil Dia, mar am *pròmhn Fhàrrinn*, neach gur e 'úghdarris am bunait air am bheil gach creidimh diadhaidh air a stéidheachadh, agus air am bheil a chleachdad air léir a'

crìochnachadh, ri bhi air a bheachdachadh *gn pearsanta*, mar gu'm bitheadh pearsa eadar-dhealaichte air bith air a chiallachadh, ach *a réir a bhith*, a' filleadh suas nàduir na Diadhachd gu h-iomlan ; ni a's e priomh chuspair a' chreidimh. Ach anns an àite so, is e teisteas agus ùghdarras an Athar mar an t-Athair air am bheil sinn a' labhairt, teisteas agus ùghdarras anns am bheil an creidimh a' foiseachadh gu h-eadar-dhealaichte air an Athair ; oir mar bitheadh e mar sin, cha b' urrainn am Mac a' chainnt sin a chleachdahh, "Creidibh *anuamsa* mar an ceudna."

Tha an ni ceudna air a ràdh mu ghràdh. I Eoin i. 15, "Ma ghràdhhaiceas neach air bith an saoghal, cha-n'eil gràdh an Athair ann ;" is e sin, an gràdh a tha againn dha-san, cha-n e an gràdh a thug esan duinne. Tha an t-Athair ann an so air a chur mar chuspair ar gràidh mu choinneamh an t-saoghal, a tha 'glacadh ar n-aigne ; tha e air 'ainmeachadh mar chuspair, cha-n ann mar ùghdair a' ghràidh a tha ann an so. Agus is e an gràdh so dha mar Athair de'm bheil e gairm an "onoir" sin a bhuineas da, Mal. i. 6.

Os barr : is e an t-Athair air mhodh sònruichte cuspair nan gràsan so ann an cleachdadh na h-iùrnuigh agus a' mholaidh, agus mar an ceudna mar a tha iad air an giùlan a mach ann an aoradh suidhichte Dhé. "Ma ghairmeas sibh air an Athair," I Phead. i. 17. "Air an aobhar so tha mi a' lùbadh mo ghlùine do Athair ar Tighearna Iosa Criod, air an aimmichear an teaghlach uile air nèamh agus air talamh," Eph. iii. 14, 15. Tha lùbadh na glòine a' filleadh ann an t-iomlain de aoradh Dhé, araon sin a tha modhannail, anns an ùmhachd choitchionn a tha e 'g iarraidh, agus mar an ceudna, na meadhanan sònruichte anns am bheil an ùmhachd sin air a coimhlionadh a réir a shuidheachaидh fèin ; "Dhomhsa," deir an Tighearn, "lùbaidh gach glòin, mionnaichidh gach teangadh," Isa. xlv. 23 ; agus ann an rainn 24, 25, tha e 'g ràdh gu bheil sin a' coimh-sheasamh ann e bhi air aideachadh leò mar am "fìreàntachd agus an neart." Seadh, tha lùbadh so na glòine gle choltaich a' filleadh ann air uairibh ceannsachd riaghailteich a' chruthachaidh uile fo àrd-uachdaranaichd Dhé, Philip. ii. 10. Ach anns an àite so cha-n'eil an t-abstol a' cleachdadh an fhocail ann an seadh cho coitchionn, oir is cainnt shamhlachail i, air a togail o'n t-suidheachadh chorporra anns an gnàth do dhleasannas na h-iùrnuigh a bhi air a choimhlionadh. Ann an Eph. iii. 16, 17, tha an t-abstol a' eur an céill ni's farsuinne ciod a bha air 'inntinn ann an lùbadh so na glòine do Dhia.

Tha oibreachadh Spioraid nan gràs, ma seadh, anns an dleasannas sin, a' treòrachadh gu h-eadar-dhealaichte chum an Athar, mar an t-Athair, mar thobar na Diadhachd, agus tobar nan uile bheannachdan sin a tha 'chòmhnuidh ann an Criod, —mar Athair ar Tighearna Iosa Criod. Agus, uime sin, tha an t-abstol ceudna ann an àite eile gu soilleir ag ainmeachadh an Athar agus a' Mhic *maraon*, agus mar an ceudna *gu h-eadar-dhealaichte*, ann an cur suas athchuingean, 1 Tess. iii. 11, "Gu'n deanadh Dia fèin, eadhon ar n-Athair, agus ar Tighearn Iosa Criod ar slighe-ne a threòrachadh do 'ur n-ionnsuidh-sa." Gheibh sibh an ni ceudna a thaobh dleasanais a' bhuidheachais, Eph. i. 3, 4, "Beannaichte gu robh Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Criod." Tha mòran àitean eile anns am bheil na dleasanaisan iomadach eile sin air an ainmeachadh a tha 'deanamh suas an iomlain de'n aoradh dhiadhaidh sin anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Dia, agus a tha air an cleachdadh gu h-eadar-dhealaichte air pearsa an Athar, agus nach urrainn a bhi air an cleachdadh air neach sam bith eile aeh Dia a mbain as eugmhais iodhal-aoraidh,—gidheadh nach dean sinn a thogail aig an àm so.

2. Tha na gràsan so mar an ceudna air an cleachdadh gu h-eadar-dhealaichte air pearsa a' Mhic. Eoin xiv. 1, "Tha sibh a' creidsinn ann an Dia," a deir Criod, "creidibh annam-sa mar an ceudna;"—"Creidibh annam, cleachdaibh creidimh gu h-eadar-dhealaichte orm; an dearbh chreidimh diadhaidh, nèamhaidh sin leis am bheil sibh a' creidsinn ann an Dia, eadhon an t-Athair." Tha creidimh air a chleachdadh air Criod, ma seadh, gur Mac Dhé e, Slànnighear an t-saoghail. Agus b'e dearmad an ni so fèin a tharruing a mach bagradh an Tighearna an aghaidh nam Phairiseach, Eoin viii. 24, "Mar creid sibh gur mise e, gheibh sibh bàs ann bhur peacaidh." Ann an t-seadh so, cha-n e am Mac cuspair neo-mheadhonach a' chreidimh, do bhrigh gur ann a tha e 'dùinadh a steach ri teisteads an Athar mu thimchioll Chriod mar am Mac. Gilheadh tha creidimh air a chleachdadh air a' Mhae mar an ceudna, mar ann an 1 Eoin v. 13, "Creidsinn ann an aium Mhic Dhé;" mar sin mar an ceudna Eoin ix. 36;—seadh, tha cleachdadh creidimh, dòchais, agus muinghin gu h-eadar-dhealaichte air an Tighearn Iosa Criod Mac Dhé, mar Mhae Dhé, "anabarrach tric air 'aithne dhuinn, Eoin iii. 16, "Ghràdhlaich Dia," is e sin, an t-Athair, "an saoghal, . . . chum as ge b'e neach a chreideas ann," is e sin, anns a' Mhae, "nach sgriosar e." Tha creidimh

air a chleachdadhl air a' Mhac a chuireadh leis an Athair. "An ti a chreideas ann, cha d'tear e," rann 18. "An ti a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaireannach aige," rann 36. "Is i so obair Dhé, gu'n creid sibh anns an ti a chuir e uaith," Eoin vi. 29, 40. Tha stéidh an iomlain air a leagadh ann an Eoin v. 23, "Chum gu'n tugadh na h-uile dhaoine urram do'n Mhac, anhuil mar a tha iad a' toirt urraim do'n Athair. An ti nach 'eil a' toirt urraim do'n Mhac, cha-n'eil e 'toirt urraim do'n Athair a chuir uaith e." Ach a thaobh urraim agus aoraidh so a' Mhic labhair sinn uime gu farsuinn ann an aite eile; uime sin cha dean sinn a thoirt fainear gu coitehionn a ris. A thaobh gràis a' *ghraigdh*, cha-n ainnich sinn ach a mhain beanachadh naomh sin an abstoil, Eph. vi. 24, "Gu robh gràs maille riusan uile a tha 'gràdhachadh ar Tighearna Iosa Criod ann an tréibh dhireas,"—is e sin, le gràdh diadhaidh, gràdh an aoraidh dhiadhaidh; an ni sin a mhain a's e gràdh neo-thruailte an Tighearn Iosa.

A thuilleadh air so: tha e anabarrach soilleir gu bheil gràsan a' chreidimh, an dòchais, agus a' ghràidh, air mhodh sònruichte fiachnaichte o na naomhaibh, agus air an cleachdadhl leò, air pears' a' Mhic air leth, mar a chi sinn anns an laoidh-mholaidh naoimh sin, Taisb. i. 5, 6, "Dhasan a ghràdhaich sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidlhibh 'na fluil féin, agus a rinn rìghrean dhinn agus sagartan do Dhia agus d' a Athair-san; dha-san gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen." Ni a tha air 'fhoillseachadh ann an glòir ni's robh bharraichte fathast, caib. v. 8, "Thnit na ceithir beò-chreutair-ean, agus na ceithir seanairean fichead sios 'an làthair an Uain, agus aig gach aon diubh clarsaichean agus tùis-shoithichean òir làn de nthibh deadh-fhàile, nithe a's iad ùrnuighean nan naomh :" agus mar an ceudna, rainn 13, 14, "Agus chuala mi gach uile chreutair a tha air nèamh, agus air an talamh, agus fo'n talamh, agus a tha air a' chuan, agus na h-uile ni a tha annta, ag ràdh, Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd, gu robh dhasan a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal." Tha an t-Athair agus am Mac—esan a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaithir agus an t-Uan—air an cumail a maech maraon, gidheadh gu h-eadar-dhealaichte, mar chuspair gach aoradh agus urram diadhaidh gu saoghal nan saoghal. Agus uime sin, shoerach Stephen anns an aslachadh dheireannaich naoimh sin, a chreidimh agus a dhòchas gu h-eadar-dhealaichte air pears' a' Mhic, Gníomh. vii. 59, 60, "A Thig-

hearn Iosa, glac mo spiorad ;” agus, “ A Thighearn, na cuir am peacadh so as an leth ;”—oir bha fios aige gu’n robh cumhachd aig Mae an duine peacaidean a mhaitheadh mar an ceudna. Agus is e aoradh so an Tighearn Iosa a tha-n t-abstol ag ainmeachadh mar an ni sin a tha ’comharachadh a mach nan naomh ’nan ciù, 1 Cor. i. 2, “ Maille riusan uile a tha ’gairm air ainm ar Tighearn Iosa Criod, anns gach àite, an Tighearna-san agus ar Tighearna-ne ;” is e sin, maille ri uile naoimh Dhé. Agus tha ’gairm air ainm an Tighearna a’ filleadh ann gu coitchionn an t-ionlain de aoradh Dhé. Is e so, ma seadh, dlighe ar n-Eadar-mheadhonair, gidheadh, mar Dhia, mar am Mac,—cha-n ann mar Eadar-mheadhonair.

3. Tha so mar an ceudna firinneach a thaobh SPIORAID NAOIMH nan gràs. Tha oibreachadh peacaideh mòire sin a’ mhi-chreidimh air a chur ’an céill mar ni a tha na cheannaire an aghaidh an Spioraid Naoimhe sin, Gnìomh. vii. 51. Agus tha ionradh eadar-dhealaichte againn air gràdh an Spioraid, Rom. xv. 30. Tha an t-abstol mar an ceudna ag aslachadh an Spioraid gu h-eadar-dhealaichte anns a’ bheannachadh naoimh sin, 2 Cor. xiii. 14, “ Gràs an Tighearna Iosa Criod, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh, gu’n robh maille ribh uile.” Agus tha a’ leithid so de bheannachadh a’ giùlan seadh aslachaidh ann. Tha còir aige mar an ceudna anns na h-uile gnìomh aoraidh suidhichte, do bhrigh gu bheil suidheachadh frithealaidh a’ bhaistidh ’na ainm, Mata xxviii. 19; air an labhair sinn ’an déigh so.

A nis is e so suim nan nithe sin a labhair sinn :—cha-n’eil gràs air bith anns am bheil ar n-anaman a’ dol a mach a dh’ ionnsuidh Dhé, cha-n’eil gnìomh aoraidh diadhaidh air bith air a chleachdadhbh d’thaobh, cha-n’eil dleasannas no ùmhachd air bith air an coimhlionadh dha, nach ’eil air an cleachdadhbh gu h-eadar-dhealaichte air an Athair, air a’ Mhae, agus air an Spiorad Naomh. A nis is ann tre na meadhonan so, agus an leithid eile, a tha comh-chomunn againn ri Dia; agus nime sin tha an comh-chomunn sin againn gu h-eadar-dhealaichte ris gach pearsa fa leth, mar a thug sinn fainear.

Feudaidh tuilleadh soluis fathast a bhi air a chur air so, ma bheachdaicheas sinn eia cho eadar-dhealaichte as a tha pearsachan na Diadhachd air am foillseachadh ann an *compairteachadh* nan nithe maith sin, anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Dia. Mar a tha anama nan naomh anns na h-uile cleachdadhbh gràis a’ dol a mach a dh’ ionnsuidh gach

pearsa fa leth, mar sin tha na h-uile seilbh spioradail a tha air a chompairteachadh riu o Dhia, a' giùlan sin coimhcheangailte ris a tha 'comharachadh a mach éiridh agus tobair eadar-dhealaichte—ged nach ann a thaobh bith nan seilbhean amaita féin, gidheadh—a thaobh frithealaidh dhuinne. A nis tha dà rathad anns am bheil so air a chur 'an céill :—

(1.) 'Nuair a tha an *t-aon* ni, aig an *aon* àm, air a chur as leth gach pearsa 'san Diadhachd *maraon* agus gidheadh *gu h-eadar-dhealaichte*, agus mar an cendna as leth gach aon phearsa *fa leth*. Mar sin tha gràs agus sith air an aimmeachadh, Taisb. i. 4, 5, "Gràs dhuibh agus sith o'n Ti a tha, agus a bha, agus a tha ri teachd ; agus o na seachd spioradaibh a tha'm fianuis a rìgh-chaithreach-san ; agus o Iosa Criod, an fhianuis fhìor." Is iad na seachd spioradan a tha'm fianuis na rìgh-chaithreach Spiorad Naomh Dhé, mar thobar ionlan gach tiodhlaic agus frithealaidh ionlain. Tha na pearsachan uile air an aimmeachadh annu an so maraon, agus gidheadh gu h-eadar-dhealaichte ann an compairteachadh gràis agus sithe ris na naomhaibh. "Gràs agus sith gu robh maille ribh o'n Athair, agus o na seachd spioradaibh, agus o Iosa Criod."

(2.) 'N uair a tha an *t-aon* ni air a chur as leth gach pearsa *gu h-eadar-dhealaichte* agus *fa léth*. Gu cinnteach cha-n'eil feart gràsimhor air bith a teachd a nuas o'n àirde, cha-n'eil frithealaidh air bith soluis, no beatha, no gràidh, no gràis, air ar eridheachaibh nach 'eil a teachd d'ar n-ionnsuidh fo'n fhrith-ealaidh cheudna. Cha dean sinn ach aon eisampleir a thoirt seachad a tha gle fharsuinn, agus a dh' fheudas a bhi 'filleadh suas ann na h-uile ni eile ; agus is e sin TEAGASG. Tha teagast Dhé a' coimh-sheasamh ann an compairteachadh nan uile bheannachdan sin uaith féin ris na naomhaibh air am bheil iad 'nan luchd-seilbh. Tha an gealladh sin, "Bithidh iad uile air an teagast o Dhia," a' filleadh suas ann féin an t-ionlan de dhionhaireachd gràis Dé, is e sin, a thaobh frithealaidh a ghràis sin oirnne, anns an tomhas anns am feud sinn a bhi 'nar luchd-seilbh air. A nis tha so,—

[1.] Air a chur as leth an ATHAR. Tha coimhlionadh a' gheallaидh sin air a chur *gu sònruichte* as a lethsa, Eoin vi. 45, "Tha e sgrìoblita anns na fàidhibh, Agus bithidh iad uile air an teagast o Dhia. Uime sin gach neach a chuala, agus a dh' fhòglum o'n Athair, thig e a' m' ionnsuidh-sa." An teagast so, ma seadh, tre'm bheil sinn air ar n-atharrachadh o bhàs gu beatha, air ar toirt a dh' ionnsuidh Chriosd, chum a bhi 'nar

luchd-compairt de bheatha agus de ghràdh ann,—tha e so o'n Athair : ris-san tha sinn ag éisdeachd, uaithsan tha sinn a' foghlum, trid-san tha sinn air ar toirt a dh' ionnsuidh aonaidh agus comh-chomuinn ris an Tighearn Iosa. Is e so a bhi air ar tarruing leis an Athair, air ar n-ath-ghin leis o 'thoil féin, le a Spiorad féin ; obair anns am bheil e mar an ceudna a' cleachdadadh mhinisteirean an t-soisgeil mar mheadhonaibh, Gniomh. xxvi. 17, 18.

[2.] Tha e air a chur as leth a' Mhic. Tha an t-Athair 'ga ghairm o nèamh mar am fear-teagaisg mòr, anns an àithne naomh sin éisdeachd ris, a thàinig, àm an déigh àma, o'n ghlòir oirdheire, "Is e so mo Mhac gràdhach ; éisdibh ris." Tha oifig Chriosd mar fhàidh gu léir, agus earrann mhòr de 'oifig mar rìgh a' coimh-sheasamh anns an teagasg so ; is ann ann a tha e 'tarruing dhaoine d'a ionnsuidh féin, amhuil a ta an t-Athair a' deanamh 'na theagasg-san, Eoin xii. 32 ; agus a ta a leithid sin de éifeachd 'na theagasg as gu bheil na mairbh a' cluinnntinn a ghutha agus air an tabhairt beò, Eoin v. 25. Tha teagasg a' Mhic mar anail bheò do'n anam mharbh ;—mar fheartaibh éifeachdach soluis a' dealradh ann an dorchadas ; a' compaireachadh beatha, agus a' beothachadh na mairbh ; a' fosgladh nan stilean dalla, agus a' taiseachadh nan eridheachan cruaidh ;—teagasg anns am bheil an Spiorad air a dhòrtadh a mach, le 'uile thoraidhibh gràsmhor maille ris. Agus do bhrigh so tha e 'g agradh mar a dhlighe féin a bhi 'na aon àrd-mhaighstir, Mata xxiii. 10, "Is aon Ard-mhaighstir a tha agaibh, Criosd."

[3.] Tha an teagasg so mar an ceudna air a chur as leth an SPIORAID. Eoin xiv. 26, "An Comhfhurtair, teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithe." "Ach tha an t-ùngadh a fhuair sibh uaith-san," deir an t-abstol, "a' fantuinn annaibh, agus cha-n'eil feum agaibh gu'n teagaisgeadh aon neach sibh : ach mar a tha an t-ùngadh so féin 'g 'ur teagasg mu thimchioll nan uile nithe, agus a tha e fior, agus nach breug e, eadhon mar a theagaisg e sibh, fanaibh ann," 1 Eoin ii. 17. Is e Spiorad Naomh Dhé a mhain an t-ùngadh teagasgach sin, neach, cha-n e mhain a tha fior, ach a's e an fhìrinn féin : tha esan, ma seadh, a' teagasg mar an ceudna ; air dha a bhi air a bhuiileachadh oirnn "chum gu'm bitheadh aithne againn air na nithibh sin a thugadh dhuinn gu saor o Dhia," 1 Cor. ii. 12. Rinn sinn roghainn de'n eisampleir so a chionn, mar a dh' ainmich sinn a cheana, gu bheil e gle fharsuinn, agus a filleadh ann féin a'

chuid mhòr de na nithibh fa leth a dh' fheudadh a bhi air an ainmeachadh,—mar a tha beothachadh, gleidheadh, agus an leithid sin.

Tha so, ma seadh, mar an ceudna a' cuideachadh na firinn sin a tha sinn a' daingneachadh ; do blàrigh gu bheil a leithid so de chompairteachadh eadar-dhealaichte gràis o gach pearsa fa leth anns an Diadhachd, feumaidh, uime sin, gu bheil comh-chomunn eadar-dhealaichte aig na naomhaibh riu fa leth.

Cha dean sinn a nis ach a mhain ainmeachadh ann am focal, *ciod anns am bheil an t-eadar-dhealachadh so a' luidh*, agus ciod e stéidh an eadar-dhealachaidh sin. A nis, a thaobh an Athar, tha so a' coimh-sheasamh anns gu bheil esan ag oibreachadh ann an rathad a' phriomh ùghdarrais; am Mac ann an rathad a bhi compairteachadh a mach à *ionmhas coisiunte*; agus an Spiorad Naomh ann an rathad a' *chomh-chuir*.

Anns a' cheud àite,—Tha an t-Athair a' compairteachadh gràis ann an rathad a' phriomh ùghdarrais: “Tha e 'beothachadh an dream a's aill leis,” Eoin v. 21. “O 'thoil féin ghin e sinne,” Seumas i. 18. Tha cumhachd beothachaidh, a thaobh priomh ùghdarrais, a' gabhail còmhnuidh ann an rathad inbheachd ann am pearsa an Athair ; agus, uime sin, an uair a tha Criod a' cur an Spioraid beothachaidh uaith, tha e sgrìobhta gu bheil e deanamh sin o'n Athair, no gu bheil an t-Athair féin 'ga dheanamh. “Ach an Comhfhurtair, an Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair,” Eoin xiv. 26. “Ach an uair a thig an Comhfhurtair, a chuireas mise do 'ur n-ionnsuidh o'n Athair,” Eoin xv. 26 ;—ged a theirear, mar an ceudna, ann an seadh eile, gu bheil e 'ga chur a féin, Eoin xvi. 7.

Anns an dara àite,—Tha am Mac a' compairteachadh ann an rathad a bhi 'g ullachadh *ionmhas coisiunte* gràis : “As a lànachd-san fhuair sinne uile, agus gràs airson gràis,” Eoin i. 16. Agus cia uaith a tha an lànachd so aige? “B'e deadh thoil an Athair gu'n còmhnuicheadh gach uile ionlanachd ann-san,” Col. i. 19. Agus ann an litir nam Philip. ii. 8-11, chi sibh c'arson a dh'earbadh frithealadh an ionlanachd so ris. “An uair a ni thu 'anam 'na ìobairt-réitich, chi e sliochd, sinear a làithean ; agus soirbhichidh rùn an Tighearna 'na làimh. De shaothair 'anama chi e, agus bitidh e toilichte : le eòlas airson ni m' oglach fireanach mòran fhìreanachadh : oir giùlainidh e an eucceartan,” Isa. liii. 10, 11. Agus maille ris an ionlanachd so, tha ùghdarras aige mar an ceudna chum a bhi 'ga chompairteachadh, Eoin v. 25-27 ; Mata xxviii. 18.

Anns an treas dite,— Tha an Spiorad a' deanamh an ni ceudna ann an rathad a' *chomh-chuir*, Rom. vii. 11, "Ach ma tha Spiorad an ti a thog Iosa o na mairbh a' gabhail còmhnuidh annaibh, an ti a thog Criod o na mairbh, beothaichidh e mar an ceudna bhur cuirp bhasmhór-sa, tre a Spiorad-san a tha 'chòmhnuidh annaibh." Ann an so tha na trì pearsachan air an ainmeachadh ann an oibreachadh comh-aontachail agus eadar-dhealaichte ar beothachaidh. Ann an so tha beothachadh an Athair ann an rathad ùghdarrais,— "Thog e Criod o na mairbh, agus beothaichidh e sibhse ;" tha beothachadh a' Mhic ann mar eadar-mheadhonair,—oir tha e deanta ann am "bàs Chriod ;" agus, mar an cendna, beothachadh an Spioraid ann an rathad a chomh-chuir éifeachdaich,—ni se e "tre'n Spiorad a tha 'chòmhnuidh annaibh." Is e so, ma seadh, an comh-chomunn eadar-dhealaichte sin air am bheil sinn a' labhairt air a dhaing-neachadh agus air a dhearbhadh.

CAIBIDEIL III.

Air a' chomh-chomunn àraidih agus eadar-dhealaichte sin a tha aig na naomhaibh ris an Athair—Roimh-bheachdan chum a bhi 'eur soluis air an iomlan—Tha ar comunн sònruichte ris an Athair ann an gràdh—1 Eoin iv. 7, 8 ; 2 Cor. xiii. 14 ; Eoin xvi. 26, 27 ; Rom. v. 5 ; Eoin iii. 16, xiv. 23 ; Titus iii. 4, air am fosgladh chum na eriche sin—Ciod a tha air iarraidh o chreidich chum comh-chomuinn a bhi aca ris an Athair ann an gràdh—A ghràdh gabhta tre chreidimh—Ath-philleadh gràidh dha—Gràdh Dhé dhuiinne agus ar gràdh-ne do Dhia—Ciod anns am bheil iad a' comh-chòrdadh—Ciod anns am bheil iad ag eadar-dhealachadh.

AIR dhuinn a dhearbhadh gu bheil an comh-chomunn eadar-dhealaichte so ann ris an Athair, ris a' Mhae, agus ris an Spiorad Naomh, feumaidh sinn an tuilleadh soluis a chur air le eisem-pleiribh o'n fhìrinn, chum a bhi 'nochdadh ciod anns am bheil e ag coimh-sheasamh, agus ciod iad na nithe sònruichte anns am bheil an comh-chomunn so aig na naomhaibh ris gach pearsa fa leth : ni mar an ceudna a ni sinn, air dhuinn beagan roimh-bheachdan a thoirt seachat, mar a gheall sinn, ann an rathad a bhi 'eur soluis air na chaidh a labhairt a cheana. Agus is iad sin mar a leanas :—

1. 'Nuair a tha sinn a' cur ni air bith, mar ni sònruichte, as leth pearsa air bith, mar ni anns am bheil comh-chomunn eadar-dhealaichte againn ris, cha-n'eil sinn a' dùnad a mach nam pearsa eile o chomh-chomunn ris an anam anns an ni cendna. A mhain so, tha sinn ag ràdh gu bheil comh-chomunn againn ri aon phearsa sònruichte fa leth, ann an ni, no ann an rathad sònruichte, air dhòigh ni's ro bharraichte, agus ann an rathad imbheach, am feadh a tha e againn ris na pearsaibh eile, aig an àm cheudna ann an rathad *leannhuinneach*, agus mar thoradh air a chomh-chomunn shònruichte sin; oir cha-n e am pearsa, mar phearsa, priomh chuspair an aoraidh dhiadhaidh, ach am pearsa air a bheachdachadh ann an *ionannachd* nàduir agus bith Dhé. A nis, na h-oibre sin o'n taobh a muigh a tha o Dhia, agus nach 'eil air an eur as leth pearsa eadar-dhealaichte air bith, ach as leth oibreachaidh na Trionaid, tha iad sin mar is trice air an ainmeachadh *coitchionn* agus *neo-eadar-dhealaichte*, agus tha iad mar sin aon chuid anns na h-uile seadh, mar a tha oibre coitchionn an fhreasdail; air neo, air dhoibh a bhi coitchionn a thaobh an *gniomharon*, tha iad eadar-dhealaichte 'nan *oibreachadh*, a thaobh an éiridh a mach o phearsaibh air leth: mar sin tha an cruthachadh air a chur as leth an Athar, agus obair na saorsa as leth a' Mhic. Ann an t-seadh chendna sin tha sinn a' labhairt air na nithibh so.

2. Tha comh-aontachd *gùlomhachaidh* agus oibreachaidh na Diadhachd gu léir anns an fhrithealadh sin anns am bheil gach pearsa fa leth a' comh-chuildeachadh oibre ar slàinte, agus sin a dh'ionnsuidh gach *gùlomh* comh-chomuinn a tha againn ris gach pearsa fa leth. Ciod air bith cleachdadhl spioradail anns am bheil comh-chomunn againn ri pearsa air bith, tha feartan *éifeachd* a' sruthadh o na h-uile pearsa ann an eur an *gùlomh* a chleachdaidh sin. Smuainicheamaid, mar eisempleir, gur cleachdadhl creidimh a tha ann:—Tha sin air a bhualeachadh oirnn leis an Athair: "Cha-n ann uaibh fèin: is e tiodhlac Dhé e," Eph. ii. 8. Is ann o'n Athair a tha an soisgeul air a thoirt chum soluis, agus Criod anns an t-soisgeul, Mata xi. 25. Agus tha e de chosnadh Chriod air ar son: "Thiodhlaiceadh dhuibhse air son Chriod creidsinn ann," Philip. i. 29. Annsan tha sinn air ar beannachadh "leis gach uile bheannachadh spioradail," Eph. i. 3. Tha e 'ga bhualeachadh oirnn, agus 'ga mhendachadh annainn, Lucas xvii. 5. Agus tha e air 'oibreachadh annainn leis an Spoirad; tha esan a' frithealadh a mach "ro-mheud a' chumhachd" sin a tha e 'cur

an gníomh d'an taobh-san a tha creidsinn, “a réir oibreachaidh a thréin neirt, a dh'oilbrich e ann an C'roisd, 'nuair a thog e o na mairbh e,” Eph. i. 19, 20 ; Rom. viii. 11.

3. 'N uair a tha sinn a' comharachadh ni *sònruichte* sam bith anns am bheil comh-chomunn againn ri pearsa fa leth, cha-n'eil sinn a' deanamh sin ann an rathad a bhi 'dùnadhl a mach mheadhona eile comh-chomuinn ; ach a mhain 'ga ainmeachadh mar eisampleir comharaichte, chum a bhi 'daingneachadh agus a' soilleireachadh an teagaisg choitchinn a dh' ainnich sinn : air mhodh eile cha-n'eil gràs no dleasannas sam bith anns nach 'eil comh-chomunn againn ri Dia anns an dòigh a thug sinn a cheana fainear. Ann an Criodh tha sinn air ar toirt cho fagus do Dhia as gu bheil compaireachadh air a thaobh-san agus gabhail air ar taobh-ne a' dol air chleachdadh anns na h-uile ni anns am bheil sinn air ar deanamh 'nar luchd-compairt de nàdur na diadhachd.

4. 'N uair a tha sinn a' cur 'an céill a' chomh-chomuinn eadar-dhealaichte so, aig am bheil sùil a mhain ris an òrslugh frith-ealaidh gràis sin a dh' fhoillsich Dia anns an t-soisgeul, cha-n'eil sinn, anns a' chuid a's lugh, a' dùnadhl a stigh ri so na h-uile comh-chomunn ri Dia,—oir tha a shlighean neo-chrioch-nach mar e fein, a' giùlan ionlanachd amnta gun chrìch,—no idir a' dùnadhl a mach a' chomh-chomuinn naoimh sin a tha againn ris an Diadhachd gu léir, ann ar n-imeachd fa 'chomhair, ann an tÙmhachd coimhcheangail dha ; ni, mar an ceudna, le cuideachadh Dhé, a bheir sinn fainear an déagh so.

Air dhuinn na beagan roimh-bheachdan so a thoirt seachad, tha sinn a nis air teachd gu bhi 'cur an céill ciod e sin anns am bheil comh-chomunn sònruichte agus inbheach aig na naomh-aibh ris an Athair ; agus is e sin GRADH,—gràdh saor, gràdh neo-thoillteanach, agus gràdh siorruidh. Is e so an ni sònruicht' a tha an t-Athair a' socrachadh air na naomhaibh ; is ann air so gu sònruicht' a tha iad gu bhi 'deareadh ann, so tha iad gu bhi 'gabail uaith, agus ag ath-philleadh dha anns na cleachdaidhibh spiorodail sin anns am bheil a thlachd. Is e so foillseachadh mòr an t-soisgeil ; oir a mheud 's nach comasach do chloinn nan daoine, air sheòl sam bith eile, eòlas 'fhaontainn air an Athair, mar thobar na Diadhachd, ach mar a tha e làn feirge, agus diomaidh, agus corruiich an aghaidh peacaidh, cha mhò na sin a tha e comasach dhoibh smuaintean air bith eile a bhi aea uime (Rom. i. 18 ; Isa. xxxiii. 13, 14),—tha e nis air 'fhoillseachadh ann an so air mhodh àraidh mar ghràdh, mar làn gràidh

dhuinne ; ni a's e obair àraidh an t-soisgeil a bhi 'eur 'an solus, Titus iii. 5.

1. 1 Eoin iv. 8, "Is gràdh Dia." Tha e soilleir o rann 9, gu bheil ainm Dhé ann an so a' sònrrachadh pears' an Athar, agus nach e bith Dhé, a chionn gu bheil eadar-dhealachadh ann an sin air a dheanamh eadar e fèin agus 'aon-ghin Mhic a tha e 'eur a dh' ionnsuidh an t-saoghal. A nis, a deir an t-abstol, "Is gràdh an t-Athair ;" is e sin, cha-n e mhain gu bheil e de nàdur neo-chriòchnach gràsmhor, agus caomh, agus truacanta, agus gràdhach, a réir mar a chuir e fèin 'ainm an céill, Ecsod. xxxiv. 6, 7, ach is neach e a tha 'ga fhrithealadh fèin a mach air dhòigh inbheich agus àraidh ann an saor ghràdh dhuinne." Mar sin, mar an ceudna, tha e 'ga chumail a mach anns na rainn a leanas : "An so tha gràdh," rann 9 ;— "Is e so an ni ann an Dia air am bu mhiann leam gu'n dearcadh sibh, eadhon gu bheil e 'frithealadh a mach gràidh dhùibhse, ann an 'eur 'aon-ghin Mhic do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beò tridsan." Mar sin, a rìs, rann 10, "Ghràdhhaich e sinn, agus chuir e a Mhae fèin gu bhi 'na lobairt-réitich air son ar peacadhian." Tha an Spiorad Naomh a' eur an céill gu soilleir gur e so an ni àraidh a tha r'a bheachdachadh ann, do bhrigh gu bheil e air a chur air thoiseach air eur a' Mhic, agus air na h-uile tròcain agus sochair a tha r'am faotainn tre'n Mhae. Tha an gràdh so, ann fèin, tha sinn ag ràdh, air thoiseach air cosnadh Chriosd, ged a tha toraidhean a' ghràidh gu h-iomlan a' sruthadh d' ar n-iomsuidh-ne trid a' chosnайдh sin, Eph. i. 4-6.

2. Tha so r'a fhaicinn mar an ceudna anns an eadar-dhealachadh a tha deanta leis an abstol anns a' bheannachadh naoimh sin, 2 Cor. xiii. 14, "Gràs an Tighearna Iosa Chriosd, agus GRÀDH DHE, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh gu'n robh maille ribh uile." Ann an eur nithe fa leth as leth nam pearsa eadar-dhealaichte, is e gràdh a tha gu h-àraidh air a chur as leth an Athar. Agus tha comh-chomunn an Spioraid air 'aimmeachadh maille ri gràs Chriosd, agus gràdh Dhé, do bhrigh gur ann tre'n Spiorad a mhain a tha comh-chomunn againn ri Chriosd ann an gràs, agus ris an Athair ann an gràdh, ged a tha comh-chomunn àraidh againn ris an Spiorad fèin mar an ceudna ; mar a bheir sinn fainear.

3. Ann an Eoin xvi. 26, 27, tha ar Slànuighear ag ràdh, "Cha-n'eil mi ag ràdh ribh gu'n guidh mi an t-Athair air bhur son ; oir is toigh leis an Athair fèin sibh." Ach cionnus a tha so gu bheil ar Slànuighear ag ràdh, "Cha-n'eil mi ag ràdh gu'n

guidh mi an t-Athair air bhur son," agus e gu soilleir ag ràdh ann an caib. xiv. 16, " Guidhidih mise an t-Athair air bhur son?" Do bhrigh nam briathran gràsmhor, agus nan geal-laidhean sòlasach agus dileas sin a thug an Tighearn do na deisciobluibh, maille ris gach foillseachadh nèamhaidh a thug e dhoibh air a chridhe d'an taobh, bha iad làn dearbhta as a chaomh *ghràdh-san* dhoibh; agus mar an ceudna, á seasmhachd a chìraim agus a chaoimhneis, nach deanadh e an dì-chuimh-neachadh ged a bha a lìthaireachd corporra a nis gu bli 'deala-chadh riu: ach a nis, is ann a tha an smuaintean gu léir mu thimchioll an Athar, cionnus a bhithheadh iad gabhla leis-san, agus ciod na smuaintean a bha aige-san d'an taobh. "Na bitheadh cùram an ni sin oirbh," deir an Tighearn, "na eniribh idir mar fhiachaibh orm gràdh an Athar a chosnadhl air bhur son; ach bitheadh fios agaibh gur e so da rìreadh a eridhe d'ar taobh: 'Tha gràdh aige fèin dhuibh.' Mar a thubhaint mi ribh, guidhidih mise, gu cinnteach, an t-Athair, chum gu'n toir e dhuibh an Spiorad Naomh, an Comhfhurtair, agus maille ris-san uile thoraidhean gràsmhor a ghràidh; ach a thaobh a ghràidh ann fèin, a ghràidh saoire, a ghràidh siorruidh, cha-n'eil feum air eadar-ghuidh air son sin: oir tha gràdh ro inbheach aig an Athair fèin duibh. Suidhichibh sin, ma seadh, 'n 'ur n-inntinnibh, gu'm feud sibh comh-chomunn a bhi agaibh ris ann an gràdh, gun tuilleadh imcheist a bhi agaibh m'a thim-chioll. Seadh, air do 'ur smuaintibh a bhi cho an-shocraich mu ghràdh an Athar, bitheadh fios agaibh nach comasach dhuibh doilgheas ni's mo a chur air, na gu'm bitheadh sibh neo-chàirdel, mi-chreideach m'a ghràdh dhuibh." Oir feumaidh sin a bhi deanta far am bheil gràdh treibh dhireach air a chur 'an teagamh.

4. Ann an Rom. v. 5, tha an t-abstol a' teagastg an ni ceudna, "Tha gràdh Dhé air a dhòrtadh a mach ann ar eridheachaibh, tre'n Spiorad Naomh a thugadh dhuinne." Tha eadar-dhealachadh soilleir air a dheanamh ann an so eadar Dia a tha 'gràdhachadh, agus an Spiorad Naomh a tha 'dòrtadh a mach a' ghràidh sin; agus, ann an rann 8, tha e air 'eadar-dhealachadh o'n Mhae, oir is ann a mach o ghràdh an Athar a tha am Mac air a chur: agus, uime sin, is ann mu'n Athair air dhòigh àraidh a tha an t-abstol a' labhairt anns an àite so. Agus ciod a tha e 'cur as a leth? Eadhon gràdh; ni mar an ceudna a tha e 'moladh dhuinne, rann 8,—'ga chumail a mach ann an cainnt ro chomharaichte, chum gu'n tugamaid fainear e, agus gu'n

deanamaid a ghabhail thugainn 'na ghràdh. Chum an gnothach so a ghiùlan gus a cheum a's àirde, cha-n e mhain gu bheil ionradh àraidih air a dheanamh mar is tric air gràdh Ìdhé, far am bheil an t-Athair air dhòigh inbheach air a chiallachadh, agus air gràdh an Athar ann an rathad comharaichte, ach tha e mar an ceudna a' faotainn mar ainnm "Dia a' ghràidh," 2 Cor. xiii. 11, seadh, gur "gràdh" e; air dhòigh as eia b'e neach aig am bi aithne air, 1 Eoin iv. 8, no a ghabhas còmhnuidh ann tre chomh-chomunn ris, feumaidh e bhi deanta ris mar is "gràdh" e.

5. A thuilleadh air so, air do'n ghràdh dhiadhaidh a bhi dà-flìllte,—gràdh an deadh-ghean agus an roimh-òrlachaidh, agus mar an ceudna gràdh càirdeis agus tlachd, tha iad araon air an eur gu sònruichte as leth an Athar:—

(1.) Eoin iii. 16, "Is ann mar sin a ghràdhhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e 'aon-ghin Mic fein;" is e sin, le gràdh a rùin agus a dheadh-ghean, a rùin suidhichte maith a dheanamh. Tha so ann an rathad eadar-dhealaichte air a chur as a leth, air bhi dha air 'ainmeachadh mar aobhar eur a' Mhic. Mar sin, mar an ceudna, Rom. ix. 11, 12; Eph. i. 4, 5.

(2.) Am an Eoin xiv. 23, tha ionradh againn air a ghràdh sin eile air am bheil sinn a' labhairt. "Ma ghràdhhaicheas neach niise," deir Criod, "coimhididh e m' fhocal; agus gràdhhaichidh m' Athair esan, agus thig sinn d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris." Tha gràdh càirdeis agus tlachd ann an so air a chur as leth an Athair air dhòigh ro inbheach. "Thig sinn," a deir Criod, eadhon an t-Athair agus am Mac, "d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris;" is e sin, tre'n Spiorad: ach gidheadh tha beachd comharaichte r'a ghabhail air gràdh an Athar: "Gràdhhaichidh m' Athair esan."

6. Seadh, agus mar a tha an gràdh so r'a bhi air a bheachd-achadh air dhòigh àraidih annsan, mar sin tha beachd r'a ghabhail air mar an tobar o'm bheil na h-uile frithealadh gràis as ùr a' sruthadh a mach. Tha Crioduidhean gu tric ag imeachd le eridheachaibh imcheisteach, trom, mu thimchioll smuaintean an Athair d'an taobh. Tha cìnnt mhaith aca air deadh-ghean an Tighearna Iosa; is e a tha duilich dhoibh a bhi 'faotainn a mach cionnus a tha iad gabhta leis an Athair,—ciod e eridhe an Athair d'an taobh? "Foillsich an t-Athair dhuinn, agus is leòir leinn e," Eoin xiv. 8. A nis, is co fad a bhuiineadh so a bhi o'n smuaintibh, as gu'n amhaireeadh iad

air gràdh an Athar mar an tobar o'm bheil na h-uile mìllseachd eile a' sruthadh. Mar sin tha an t-abstol 'ga chumail a mach, Titus iii. 4, "An uair a dh' fhoillsicheadh caoimhneas agus gràdh Dhé ar Slànuighir do dhaoinibh." Is ann mu'n Athair a tha e 'labhairt ; oir, ann an rann 6, tha e 'g innseadh dhuinn gu bheil e "dòrtadh a ghràidh gu saoibhir tre Iosa Criod ar Slànuighear." Agus tha e 'g ainmeachadh a ghràidh mar am bann air am bheil atharrachadh mòr nan naomh a' tionndadh ; oir, a deir e, rann 3, "Bha sinne uair-éigin eu-eillidh, eas-umhal, air seacharan, a' deanamh seirbhis do ionadh gnè ana-miann agus an-toil, a' caitheamh ar beatha ann am mi-run agus 'am farmad, fuath-thoilteannach, agus a' toirt fuath d'a chèile." Na h-uile ni truaillidh, mi-riaghailteach, agus gràineil. Cia uaith, ma seadh, a dh'éirich ar n-athleasachadh ? Tha e gu h-ionlan o ghràdh so Dhé, a' sruthadh a mach anns an rathad sin a tha an t-abstol ag aiumeachadh. Oir an uair a dh' fhoillsicheadh caoimhneas agus gràdh Dhé,— is e sin, na thoraidhibh,—an sin lean an t-atharrachadh mòr so 'na lorg. Agus uime sin, cha-n'eil ni air bith anns an t-saoghal anns am bheil caomhalachd agus truacantachd nàduir ag oibreachadh, ris nach 'eil Dia 'ga choimeas fein, chum a bhi 'daingneachadh a ghràidh dhuinn mar Athair. Ged a tha mòran annhuinneachd agus neo-ionlanachd coimhcheangailte riu, gidheadh tha mòran gràidh nàdurra r'a fhaicinn fathast. Tha e 'ga choimeas fein ri athair, ri mathair, ri buachaille, ri cearc os ceann a h-àlaich, agus mar sin air aghaidh, Salm. ciii. 13 ; Mata xxiii. 37.

Ach cha-n'eil aobhar dhuinn a bhi 'buanachadh ann an dearbhadh an ni so. Is e so, ma seadh, a tha siun a' daingneachadh :—*Gu bheil gràdh ann am pears' an Athar air a chumail a mach air dhòigh àraighe do na naomhaibh, mur an ni sin anns am bheil, agus anns am bi comh-chomunn aige riu.*

A nis, chum gu'm bi comh-chomunn ris an Athair ann an gràdh a' faotainn cleachdaidh, tha dà ni feumail air taobh nan creideach :—(1.) *Gu'n gabh iad ris a' ghràidh a tha aige dhoibh.* (2.) *Gu'n dean iad uth-philleadh freugarrach gràidh locadh dha.*

1. *Gu'n gabh iad ris a' ghràidh a tha aige dhoibh.* Tha comh-chomunn a' coimh-sheasamh ann an gabhail agus ann an tabhairt. Gus am bheil gràdh an Athar air a ghabhail, cha-n'eil comh-chomunn air bith againn ris ann. Cionnus, ma seadh, a tha gràdh so an Athar air a ghabhail, chum comh-

chomuinn a bhi ris ann? Freagram, Tre *chreidimh*. Is e 'bhi 'ga ghabhail a bhi 'ga chreidsinn. Thug Dia foillseachadh cho làn agus cho comharaichte air a ghràdh, as gu fend e'bhi air a ghabhail tre chreidimh. "Tha sibh a' creidsinn ann an Dia," Eoin xiv. 1; is e sin, anns an Athair. Agus eiod a tha r'a chreidsinn d'a thaobh? Eadhon a ghràdh; oir is "gràdh" e, 1 Eoin iv. 8.

Tha e fior, nach urrainn creidimh a bhi air a chleachdadadh *gu neo-mheadhonach* air an Athair, ach tre'n Mhae. "Is esan an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha; cha tig aon neach chum an Athar ach trid-san," Eoin xiv. 6. Is esan an t-Ard-shagart tròcaireach os ceann tighe Dhé, tre'm bheil slighe againn gu dol a steach a dh'ionnsuidh rìgh-chathrach nan gràs; trid-san tha sinn air ar treòrachadh mar air làimh chum an Athar; trid-san tha sinn a' creidsinn ann an Dia, 1 Phead. i. 21. Ach is e so a tha sinn ag ràdh,—'N uair a tha dol a steach air a fhrithhealadh dhuinn chum an Athar, ann agus tre Chriosd, 'an sin tha glòir an Athar mar an eeudna air 'thoillseachadh dhuinn, tha a ghràdh àraidh fèin dhuinn air 'fhaicinn, agus creidimh air a chleachdadadh air. Tha ar sùil, tha sinn ag ràdh, aig an àm so, gu bhi 'foiseachadh air a ghràdh, gu bhi 'ga chreidsinn, agus gu bhi 'gabhall ris ann; air do thoraidhibh a ghràidh a bhi air am frithealadh a mach dhuinn tre Chriosd a mbain. Ged is ann anns a' ghath-gréine a tha solus air a fhrithhealadh dhuinn, gidheadh feudaidh sinn tre sholus na gatha a' ghrìan fèin 'fhaicinn, an tobar o'm bheil i a' teachd. Ged a tha ar comhfhurtachdan a luidh gu neo-mheadhonach anns na sruthaibh, gidheadh feudaidh sinn a bhi air ar treòrachadh trid nan sruthaibh a dh'ionnsuidh na *tobrach*. A thaobh gràidh an Athar, is e Chriosd, mar gu b'ann, an gath-gréine, anns am bheil ar solus agus ar comhfhurtachd gu neo-mheadhonach a' luidh, gidheadh tha sinn air ar treòrachadh tre Chriosd a dh'ionnsuidh an tobar fèin, grìan a' ghràidh shiorruidh. Nam bitheadh creidich 'gan cleachdadadh fèin ann an so, bhitheadh an teachd air aghaidh gu mòr air a leasachadh 'nanimeachd maille ri Dia.

Is e so, ma seadh, a th'againn anns an amhare. Tha mòran smuaintean dorch agus buaireasach ullamh air éiridh 'nar n-inntinnibh a thaobh an ni so. Is i àireamh ro thearc a tha comasach an eridheachan agus an inntinnean a ghiùlan suas a chum na h-àirdle so tre chreidimh, ionnus gu'm bitheadh an anaman a' foiseachadh ann an gràdh an Athar; tha daoine mar a's tric a' màgaradh 's an duslach, eadar chòmhstri nan eagal 's

nan dòchas, 'an tìr nan imcheist, nan neul, 's nan ànraidh. Ann an so tha na h-uile ni gu sàmhach, ciùin; ach cionnus a gheibh iad éiridh suas d'a ionnsuidh cha-n fhios doibh. Gidheadh is i so toil Dé, gu'n amhaireeamaid air a ghnàth mar chuspair caoimhneil, caomhail, tairis, agus neo-chaochlaidheach 'na ghràdh; agus sin gu sònruichte mar an t-Athair, tobar mòr nan uile thrithealaidhean agus thoraidhean gràsmhor gràidh. Is e so an ni a thainig Criod a dh'fhoillseachadh,—Dia mar Athair, Eoin i. 18; an t-ainm sin a dh' fhoillsich e do na daoinibh a thugadh dha as an t-saoghal, Eoin xvii. 6. Agus is ann a dh' ionnsuidh so a tha e 'g ar treòrachadh gu h-éifeachdach troimh fein, mar an t-aon slighe a dh' ionnsuidh Dhé, an t-Athar, ann an gràdh, Eoin xiv. 5, 6: agus ann a bhi 'deanamh sin, a' toirt dhuinn na foise sin a gheall e; oir is e gràdh an Athar aon àite suaimhneis an anama. Tha e fior, mar a thubhairt sinn, nach 'eil so deanta gu neo-mheadhonach ann an ceud dhol a mach a' chreidimh. Tha sinn a' creidsinn ann an Dia tre Iosa Criod, I Phead. i. 21; tha creidimh 'an tòir air fois do'n anam. Tha so air 'fhoillseachadh dha le Criod, an t-eadar-mheadhonair, mar an tì sin a rinn an fhois a chosnadhl. Gidheadh cha-n'eil e 'fantuinn ann an so, ach tre Chriod a' dol asteach chum an Athar 'na ghràdh, Eph. ii. 18; tha e 'lorgachadh a mach gur gràdh e, gu'n robh rùn gràidh agus deadh-ghean aige d'ar taobh o shiorruidheachd, seadh, tlachd agus toil-inntinn annainn ann an Criod, agus na h-uile h-aobhar féirge agus fuath air an toirt as an rathad. Air do'n anam mar so a bhi air a thabhairt, ann an cleachdadhl creidimh, tre Chriod, a dh' ionnsuidh uehd Dhé, chum dearbh-bheachd chomhfhurtail, agus a chum breithneachaidh spioradail agus blas air a ghràdh, tha e 'gabhairt fois agus suaimhneis dha féin ann. Agus is e so an ceud ni a tha na naoimh a' deanamh 'nan comh-chomunn ris an Athair; air an labhair sinn ann an rathad comh-chuir 'an déigh so.

(2.) A thaobh na h-ath-dliola freagarraich sin a tha air a h-iarraidh o na naomhaibh, tha so mar an ceudna a' coimh-sheasamh ann an gràdh; is e sin, mar an earrann a's eudthro-maich dhith, agus os ceann nach dean sinn a leudachadh aig an àm. Tha Dia a' gràdhachadh chum a bhi air a ghràdhachadh. An uair a tha e teachd a dh' iarraidh ath-phillidh a ghràidh sin a thug e dhuinn, ionnus gu'n bitheadh comh-chomunn againn ris, tha e 'g ràdh, "A mhic, thoir dhomhsa do chridhe," Gnath-fhoc. xxiii. 26,—their dhomh d' aigne, do ghràdh. "Gràdh-haichidh tu an Tighearn do Dhia le d' uile eridhe, agus le

d' uile anam, agus le d' uile neart, agus le d' uile inntinn," Lucas x. 27; is e so an t-ath-philleadh gràidh a tha e 'g iarraidh. An uair a tha an t-anam a' faicinn Dhé, ann am frithealadh a ghràidh, mar ghràidh, mar a tha e neo-chriochmach ion-mhianichte agus gràdhach ann féin, agus a' tabhairt gràidh, agus mar sin a' foiseachadh agus a' gabhlail tlachd ann,—'an sin tha comh-chomunn aige ris ann an gràdh. Is e so gràdh, Dia a bhi 'gràdhachadh an anam' an toiseach, agus 'an sin an t-anam a' gràdhachadh Dhé. Cha-n'eil sinn a' rùnachadh labhairt mu nàdur a' ghràidh dhiaidhaidh aig an àm. Is e a th' ann an gràdh gu coitchionn aigneadh aonaidh agus fagusachd, maille ri toil-inntinn anns an aonadh sin. Am feadh a tha an t-Athair air a bheachdachadh ann an suidheachadh air bith eile ach ann am frithealadh a ghràidh air an anam, cha-n urrainn a bhi aig an anam sin ach smuaintean eagail agus fuath dha. Uaith so tha na Sgriobtuirean cho tric a' deanamh iomraidh air peacaich a' teichealadh air falbh agus 'g am folach féin uaith. Ach an uair a tha an t-Athair air a bheachdachadh mar athair, a' cleach-dadh gràidh air an anam, tha so ag oibreachadh gràidh do Dhia anns an anam a'ris. Is e so an ni sin anns a' chréidimh a tha aig freumh na h-uile h-ùmhlaichd a tha taitneach do Dhia, Deut. v. 10; Ecos. xx. 6.

Tha'n t-abstol, air a' mhodh chendna, a' eur 'an céill an ni so féin, Eph. i. 4, "A réir mar a thagh e sinne ann-san, mun do leagadh bunait an domhain, chum gu'm bitheamaid naomha, agus neo-choireach 'na lìthair-san ann an gràdh." Tha e 'toiseachadh ann an gràidh Dhé dhuinne, agus a' chriochnachadh ann ar gràidh-ne do Dhia. Is e so a th' anns an amhare aig gràdh siorruidh Dhé d'ar taobh, agus sin a dh' ionnsuidh am bheil e 'g oibreachadh annainn. Tha e flor, gu bheil ar n-ùmhlaichd choitcheann gu léir a' luidh 'an taobh a stigh de chriochaibh ar comh-chomuinn ri Dia; ach tha an comh-chomunn ùmhlaichd sin againn ris mar Dhia, mar ar n-àrd-uachdaran beannaichte, ar lagh-thabhairteir, agus esan a tha 'toirt duaise uaith: ach mar is e an t-Athair e, ar n-Athair-ne ann an Criosd, air 'fhoill-seachadh 'na ghràidh, os ceann agus 'an aghaidh dùil an duine nàdurra, is ann 'an gràdh a tha ar comh-chomunn againn ris. Cha mhò a tha sinn a' eallachadh a mhain an gràdh sin a's e beatha agus cruth na h-uile h-ùmhlaichd modhannail; ach tlachd agus comh-aontachd àraidh gràidh anns an Athair, air 'fhoill-seachadh gu h-éifeachdach mar ghràidh do'n anam.

Chum gu'm bi an comh-chomunn so ris an Athair ann an

gràdh air a dheanamh ni's ro shoilleire, nochdaidh sinn dà ni :—[1.] Ciod amus am bheil gràdh so Dhé dhuiinne, agus ar gràdhi-ne do Dhia a' comh-chòrdadh, a thaobh comh-shamhlachais agus comh-choslais éigin. [2.] Ciod amus am bheil iad ag eadar-dhealachadh; nithe a chuireas an tuilleadh soluis air nàdur gach aoin diubh fa leth.

[1.] Tha iad a' comh-chòrdadh ann an dà ni :—

An ceud ni,—Tha iad araon 'nan gràdh suaimhneis agus toil-inntinn.

Anns u cheud àite,—Tha gràdh Dhé mar sin. Seph. iii. 17, “Tha'n Tighearn Dia aum ad mheadhon cumhachdach; ni e do thèarmadh; ni e gairdeachas os do cheann le luathghair; gabhaidh e fois 'na ghràdh; ni e gairdeachas os do cheann le seinn.” Tha an dà ni so air an cur as leth gràidh Dhé,—Fois agus TOIL-INNTINN. Is e a th' anns na briathraibh, “Bithidh e sàmhach do bhrigh a ghràidh. Tha fois agus toil-inntum air a chur an eáill ann an so le 'bhi sàmhach; is e sin, gun mhonimlur, gun ghearan. Tha Dia a' deanamh so do bhrigh a ghràidh fein, a tha cho làn, agus cho coimhlionta anns na h-uile seadh, as nach 'eil e 'ceadachadh dha gearan a dheanamh a thaobh ni air bith amta-san a tha e 'gràdhachadh, ach tha e sàmhach do bhrigh a ghràidh. No feudaidh “gabhair fois 'n a ghràdh” a bhi 'eallachadh, nach atharraich e a ghràdh,—cha seall e mach airson cuspair air bith eile air am foisich e a ghràdh. Ni e còmhnuidh shiorruidh air an anam sin air an do shocraich e aon uair. Agus tha e 'deanamh so le TOIL-INNTINN no TLACHD: “ni e gairdeachas le seinn;” mar neach a tha làn shàsaithe anns a' chuspair sin air an do shocraich e a ghràdh. Tha dà fhocal air an cleachdadh ann an so gu bhi 'cur 'an eáill a' ghairdeachais agus an aoibhmeis a tha aig Dia 'na ghràdh. An ceud fhocal a' eallachadh bith an aoibhmeis anns a' chridhe; agus a chum a bhi 'nochdadhl ñian-oibreacaidh an aoibhmeis, tha e 'g ràdh gu'n dean se e le luathghair. Tha aoibhneas cridhe maille ri luathghair a' giùlan an ionraidh a's àirde anns an urrainn tlachd ann an gràdh a bhi air a chur 'an eáill. Tha am focal eile a' eallachadh, cha-n e bith an aoibhmeis anns an taobh a stigh, ach an dòigh anns am bheil e 'briseadh a mach gu faic-sinneach; eadhon, àrd-leumnaich fo bhuaidlì teas-ghàirdeachais cridhe. Agus, uime sin, tha Dia a' deanamh gairdeachais le li-iolach aoibhmeis, no, le seinn; ni a tha 'cur an eáill an tlachd agus an toil-inntinn a's ro àirde. Agus mu choinneamh so, an uair a tha e 'g ainmeachadh ni anns nach 'eil a tlachd, tha e 'g

ràdh, "cha robh Dia toilichte," 1 Cor. x. 5 ; cha do shocraich e a thlachd no 'shuaimhneas anna. Agus a ris,—“ Ma philleas neach sam bith air ais, cha bhi aig m' anamsa tlachd ann,” Eabh. x. 38. Tha toil-inntinn aige anna-san a tha 'deanamh còmhnuidh maille ris. Tha e 'seinn os ceann na h-eaglais, “ Fion-lios an fhion' dheirge: tha mise an Tighearn 'g a choimhead,” Isa. xxvii. 2, 3. Tha fois agus toil-inntinn 'na ghràdh. Is iad na h-aon litrichean a th'anns an fhocal Eabhra sin a tha 'ciallachadh gràidh toil' agus tograiddh, agus anns an fhocal sin eile 'tha 'ciallachadh gràidh fois agus toil-inntinn, a mhain gu bheil eadar-dhealachadh suidheachaidh aca anna ; agus tha iad araon air an eur as leth Dhé. Tha toil aige maith a dheanamh dhuinn, chum gu'n gabhaill e fois anns an toil sin. Agus an uair a tha Dia a' gairm “ gràdhach” de a Mhae, tha e 'g ràdh ann an rathad mineachaidh air a ghràdh sin, “ anns am bheil mo shuaimhneas le mòr-thlachd,” Mata. iii. 17.

Anns an dara aite,—Tha gràdh nan naomh do Dhia, trid am bheil comh-chomum aca ris, a' giùlan cosmuileachd éigin ri gràdh Dhé dhoibh, anns gu bheil e mar an ceudna 'na ghràdh fois' agus tlachd. “ Pill, O m' anam, gu d' shuaimhneas,” deir Daibhidh, Salm exvi. 7. E'e Dia a shuaimhneas ; is e sin, a neach anns an robh 'anam a' faotainn fois', as eugmhais tograiddh sealltuinn taobh air bith eile airson cuspair ni's freagarraiche agus ni's ion-mhiannaichte. “ Cò a th' agam anns na nèamhaibh,” a deir e, “ ach thusa ? agus 'an coimhmeas riut cha-n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh,” Salm lxxiii. 25. Mar so tha'n t-anam gràsmhor 'ga chruinneachadh féin a steach o 'sheachranaibh uile 'an déigh leannan eile, chum a bhi 'faotainn suaimhneis ann an Dia a mhain,—gu bhi 'ga shàsachadh agus 'ga rìarachadh féin ann ; a' ròghnachadh an Athar mar a shuaimhneas ann an tìne agus gu slorruidh. Agus tha so deanta leis mar an ceudna le *tlachd*. “ A chionn gur fearr do choimhneas gràidh na beatha,” deir an Salmadair, “ bheir mo bhilean cliu dhuit,” Salm lxiii. 3. Tha 'ghràdh “ a roghainn air beathaibh,” mar anns an Eabhra. A roghainn air a bheatha nàdurra, maille ris gach gnothach agus buannachd a bhuiteas da. Ged a robh e 'ga fhaotainn féin ann an giallaibh a' bhàis, agus a' tuiteam sios do'n uaigh fo chudthrom nan àmhghar, gidheadh bha e 'faotainn an tuilleadh millseachd ann an Dia na 'bhlitheadh aige ann an saoghal fada 'fhaotainn fo na h-uile suidheachadh a b' urramaiche agus a b' ion-mhiannaichte, maille ris gach toil-inntinn saoghalta a bha 'deanamh na beatha

nàdurrach comhfhurtail agus taitneach. Tha' n dà ni so air an ainmeachadh a thaobh na h-eaglais ann an Hosea xiv. 3, "Cha dean Asur ar tèarnadh ; air eachaibh cha dean sinn marcachd ; ni mò a their sinn tuilleadh ri obair ar làmhan fèin, Is sibhse ar diathan : oir annadsa gheibh an dilleachdan tròeair." Tha iad a' eur eilis na h-uile tobar suaimhneis agus toil-imntiu eile, chum a bhi 'deanamh suas na h-uile ni ann an Dia, air am bheil iad 'gan tilgeadh fèin mar dhìlleachdanaibh thruagha guu chuidleachadh.

Is e an *dara* ni anns am bheil gràdh Dhé agus gràdh nan naomh a'comh-chòrdadh, gur e *Criosd a mhain* an t-aon slighe tre'm bheil toraidhean an dà ghràdh so a' sruthadh a dh' ionnsuidh an cuspairean fa leth. Cha-n'eil an t-Athair a' compairteachadh ni air bith de thoraidhibh a ghràidh fein ruinne, ach tre Chriosd a mhain ; agus cha-n 'eil sinne ag ath-philleadh cleachdlaidh air bith gràidh dha-san ach a mhain tre'n eadar-mheadhonair cheudna. Is e Criosd an *t-ionnhas* anns am bheil an t-Athair air uile shaoibhreas a ghràis a thaisgeadh suas, air a thabhairt a mach á cuan neo-chriochnaich a ghràidh shiorruidh fein ; agus is e mar an ceudna an *sugart* e a tha gu bhi 'giùlan a steach uile thabhartas ar gràidh as ar làmhan chum an Athar. Uaith so, tha gràdh an Athar, anns a' chend àite, agus air dhòigh inbheich, a' foiseachadh air a' Mhae ; cha-n ann a mhain mar a' Mhae siorruidh fèin,—neach anns an robh tlachd 'anama mu'n do leagadh bunait an domhain, Gnàth-fhoc. viii. 30,—ach mar an ceudna mar ar n-eadar-mheadhonair, agus esan tre'm bheil a ghràdh gu bhi 'sruthadh sios d' ar n-ionnsuidh, Mata iii. 17 ; Eoin xvii. 24. Agus trid-san tha sinne 'creidsinn ann an Dia, agus a' faotainn dol a steach d'a ionnsuidh.

Anns a' cheud aite,—Ghràdhaich an t-Athair sinne, agus "thagh e sinn mun do leagadh bunait an domhain ;" ach ann an leantuinn a mach ruin a' ghràidh sin, "bheannaich e sinn leis gach uile bleannachadh spioradail ann an ionadaibh nèamhaibh ann an Criosd," Eph. i. 3, 4. O'n ghràdh so tha e 'dòrtadh an Spioraid Naoimh oirnn gu saoibhir, tre Iosa Criosd ar Slànuig-hear, Titus iii. 6. Ann an dòrtadh a mach a' ghràidh, cha-n 'eil aon bhoinne 'dol seachad air an Tighearn Iosa Criosd. Bha an oladh ùngaidh naomh air a dòrtadh gu h-iomlan air ceann Aaroin, Salm exxxiii. 2 ; agus uaith sin a' sruthadh sios a dh' ionnsuidh iomaill a thrusgain. Tha gràdh air tús air a dhòrtadh a mach air Criosd, agus uaith-san tha e 'sileadh sios air anamaibh a naomh mar dhreùchd Hermoin. Is i toil an Athar gu'm

bitheadh aige-san àrd-cheannas anns na h-uile nithibh, Col. i. 18 ; oir b'e a dheadh thoil-san “gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanaehd annsan,” rann 19 ; chum “as a lànachd-san gu'm faigheamaid-ne uile, agus gràs airson gràis,” Eoin i. 16. Ged a tha eiridh agus stéidh gràidh deadh-ghean agus rùin an Athar a mhain 'na shaor-ghràs agus 'na thoil féin, gilheadh a thaobh leantuinn a mach rùin a ghràidh, tha so a mhain ann an Criod. Tha uile thoraidhean a ghràidh air an deanamh thairis air tùs dha-san ; agus ann-san a mhain tha iad air am frithealadh a mach dhuiinne. Mar sin, ged a dh' fheudas na naoimh a bhífaicinn, seadh, ged a tha iad a' faicinn enain neo-chriochnaich gràidh dhoibh annu an uchd an Athar, gilheadh cha-n'eil snil gu bhi aca ri aon bhoinne teachd d'an ionnsuidh ach na tha teachd tre Criod. Is esan a mhain aon mheadhon a' chompairteachaidh. Tha gràidh anns an Athair mar a tha a' *mhil anns a' bhùlath* ;—feumar a cur anns a chìr mu'n deothail sinn i. Feumaidh Criod a mhil so a tharriung a mach agus a h-ullachadh air ar son. Tha esan a' tarrning an uisge so o'n tobar tre aonadh a phearsa agus frithealadh a lànachd ;—tha sinne 'ga tharruing tre chreidimh o thobraichibh na slàinte sin a tha chòmhnuidh annsan. Bha so air a thoirt fainear ann an euid a cheana.

Anns an dura aite,—Tha uile thoraidhean ar gràidh-ne *annsan* agus *tridsan* mar an ceudna. Agus is maith dhuinn gu bheil e mar sin. Ciod na h-iobairtean bacach agus dall a bheireamaid do Dhia air sheòl eile ? Tha esan a' giùlan aingidheachd ar tabhartasan, agus a' measgadh this maille r' ar n-ùrnuighibh. Tha ar gràidh a' socrachadh air an Athair ; ach tha e air a ghiùlan d' a ionnsuidh tre Mhae a ghràidh. Is e am Mac aon slighe ar gràsan a dh' ionnsuidh Dhé, amhuiil is e aon slighe ar pearsachan ; trid-san tha ar n-uile mhiann, ar tlachd, ar toil-inntinn, agus ar n-ùmhachd gu léir, a' faotainn a steach an lathair an Athar. Mu'n labhair sinn an déigh so.

Anns an dà ni so, ma seadh, tha cosmuileachd éigin eadar comh-ghràdh sin an Athair agus nan naomh anns am bheil comh-chomum aca.

(2.) Tha iomadh ni anns am bheil iad ag eadar-dhealachadh :—

An cèud ni,—Tha gràidh Dhé 'na ghràidh *tabhartach* : tha ar gràidh-ne 'na gràidh *dleasunnach*.

Anns a' cheud aite,—Tha gràidh Dhe 'na ghràidh *tabhartach*, —a ghràidh a tha dòrtadh sios ; 'na ghràidh a tha 'ga ghiùlan a mach ann an gnìomharaibh tarbhach agus mòra air ar son. Tha

a ghràdh a' luidh aig lochdar na h-uile frithealadh leis am bheil e 'gar fiosrachadh ; agus is beag nach 'eil na h-uile h-iomradh a tha againn air 'ga thoillseachadh a mach mar thobar saor-thiodhlaic éigin a tha 'sruthadh a mach uaith. Ghràdhaich e sinn agus thug e a Mhac féin air ar son ;—ghràdhaich e sinn, agus bheannaich e sinn leis gach nile bheannachadh spioradail, Eph. i. 3, 4. Is gràdh taghaidh gràdh Dhé, Rom. ix. 11, 12. Is gràdh smachdachaidh e mar an ceudna. Tha 'ghràdh mar na nèamhaibh trom a' freasdal nam frasan blàth air aire na talmhairinn, chum toraidh agus einneis a thoirt uaith,—mar fhìalaidheachd a' chuain a' lionadh amar nan ainmnichean as a lànachd féin,—cha phìll iad d'a ionnsuidh ach sin a mhain a fhuairead iad uaith. Tha 'ghràdh mar fhuaran, mar thobar, a' bràchdadh gun tàmh an fhìor-uisge ;—gràdh o'm bheil a' sruthadh gach ni gràdhach 'na chuspair. Is gràdh e a tha gineamh-uinn maitheis anna-san nile 'tha gràdhaichte leis. Agus tha so a' freagairt an iomraidd a thugadh air gràdh leis an fheallsanach : " Esan a tha gràdhachadh," a deir e, " oibrichidh e nithe maith dhoibh-san a tha e 'gràdhachadh, a réir a chomais." Tha cumhachd Dhé cho farsuinn ri a thoil ; oibrichidh e an ni a's aill leis.

Anns an dara àite,—Tha ar gràdh-ne do Dhia 'na ghràdh dleasannach, 'na ghràdh leinibh. Tha gràdh Dhé a' teachd a nuas oirnn ann an rathad fìalaidheachd agus siolmhorachd ; tha ar gràdh-ne ag eiridh suas dha-san ann an rathad dleasannais agus buidheachais. Tha a ghràdh-san a' leasachadh ar maith ; cha chuir ar gràdh-ne ni air bith ris-san. Cha ruig ar maitheas air-san. Ged a tha ar gràdh gu bhi 'socrachadh air, cha ruig toraidhean ar gràidh e ; ged a tha ar gràdh air iarraig leis, cha-n'eil tairbhe air bith dha ann, Job xxxv. 5-8 ; Rom. xi. 35. Tha ar gràdhne a' coimh-sheasamh anns na ceithir nithibh so a leanas :—1. *Snaimhneas*; 2. *Tlachd*; 3. *Urram*; 4. *Umhlachd*. Tre na nithibh so tha comh-chomunn againn ris an Athair 'na ghràdh. Uime sin, tha Dia a' toirt "'onoir" mar ainm air a' ghràdh sin a tha dligheach dha mar Athair, Mal. i. 6, " Ma's athair mise, c'ait am bheil m' onoir ? " Is gniomh toillte-annach dleasannais e.

An dara eadar-dhealachadh,—Tha gràdh an Athar dhuinne air thoiseach ; tha ar gràdh-ne 'na thoradh a ghràidh-san.

Tha gràdh an Athar dhuinne air thoiseach ann an dà sheadh :—

Anns a' cheud àite,—Tha e air thoiseach air ar gràdh-ne dha,

1 Eoin iv. 10, “An so tha gràdh, cha-n e gu’n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu’n do ghràdhaich esan sinne.” Tha ’ghràdh-san air thoisearch air ar gràdh-ne. Tha gràdh aig athair d’ a leanabh, ‘nuair nach ’eil aithne aig an leanabh fathast air ’athair, no idir gràdh dha. Seadh, tha sinn a thaobh nàdluir ’nar luchd-fuath air Dia, Rom. i. 30. Tha esan ’na nàdur fèin ’na fhearr-gràdhachaidh dhaoine; agus is cinnteach, uime sin, gu bheil gràdh a’ chomh-chomuinn gu léir a’toiseachadh air a thaobh-san.

Anns an dara àite,—Tha e air thoisearch air gach aobhar gràidh annainn. Cha-n e ’mhain gu bheil e air thoisearch air ar gràdh ann fèin, ach tha e mar an ceudna air thoisearch air na h-uile ni gràdhach annainn, Esec. xvi. 1-14. “Tha Dia a’ moladh a ghràidh fèin duinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fathast ’nar peacaich gu’n d’ fhuiling Croisd bàs air ar son,” Rom. v. 8. Cha-n e a ghràdh a mhain, tha mar an ceudna toraidhean inbheach a ghràidh air an compairteachadh ruinn mar pheacaich. Tha am peacadh a’ taisbeanadh na h-uile ni fuathmhor agus gràineil a’s urrainn a bhi ann an creutair. Far am bheil e idir air ’ainmeachadh, tha na h-uile h-aobhar gràidh gu h-iomlan air a dhùnadh a mach. Gidheadh, is ann mar pheacaich a tha Dia a’ moladh a ghràidh fèin duinne, agus sin le fianuis ro chomharaichte. Ghràdhaich e sinn, cha b’ann a mhain an uair nach d’rinneadh maith air bith leinn, ach an uair a bha sinn ann an gràineileachdaibh ar fola fèin;—cha b’ann do bhrìgh maitheis a bhi annainn nach robh ann am muinntir eile, ach do bhrìgh e fèin a bhi neo-chriochnach ’na mhaitheas. Tha a chaoimhmeas ’ga nochdadhl fèin am feadh a tha sinn fathast amaideach agus eas-ùmhail. Agus uime sin theirear gu’n do “ghràdhaich Dia an saoghal;” is e sin, iadsan aig nach ’eil ni air bith ach sin a tha ann agus o’n t-saoghal, aig am bheil an cuibhrionn gu léir anns an ole.

Air an làimh eile, tha ar gràdh-ne *leanmhuinneach* anns an dà sheadh so :—

Anns a’ cheud àite,—A thaobh *gràidh Dhé*. Cha do shuidhich neach riàmh a ghràdh air Dia, gus an do shuidhich Dia a chridhe airson an toiseach.

Anns an dara àite,—A thaobh *aobharan cosnайдh gràidh*. Feumaidh Dia a bhi air ’fhoillseachadh dhuinne mar chuspair gràdhach agus ion-mhiannichte, mar chuspair uile-fhreagarrach airson fois an anama, mu’n tig sinne gu bhi cleachdadh tomhais air bith gràidh air-san. Cha-n ann a nasgaidh a tha na naoimh,

anns an t-seadh so, a' gràdhachadh Dhé, ach do bhrìgh an òirdheirceis, agus an ionmhuinneachd, agus an ion-mhiannachd a tha ann. Mar a tha an Salmadair ag ràdh, ann an ni sònruichte, Salm cxvi. 1, “Is toigh leam Dia, Do BHRIGH!” mar sin feudaidh sinne gu coitchionn a ràdh, Is toigh leinn Dia, Do BHRIGH! No mar a thubhairt Daibhidh ann an ni àraidh eile, “Ciod a rinn mi a nis? nach 'eil aobhar ann?” Ma dh' fliosraicheas neach air bith mu ar gràdh do Dhia, feudaidh sinne a ràdh mar an ceudna, “Ciod a rinn sinn? nach eil aobhar ann?”

An treas eadar-dhealachadh,— Tha gràdh Dhé cosmhuil ris fèin,—neo-chaochlaindheach, cumbhalach, gun chomas lionaidh no tràghaidh; *tha ar gràdh-ne mar a tha sinn fèin*,—neo-sheasmhach, a' fàs agus a' crionadh, a' lìonadh agus a' tràghadh. A ghràdh-san mar a' ghrìan, seasmhach 'na solus, ged a dh' fheudas neul air uairibh a h-aghaidh a chòmhdaich; ar gràdh-ne mar a' ghealach, a' fàs agus a' lughdachadh.

Anns a' cheul àite,— Tha gràdh an Athar neo-chaochlaindheach; iadsan a ghràdhach e, gràdhaichidh e iad chum na crìche, agus tha 'ghràdh dhoibh coimh-ionann aig na h-uile h-àm. “Chadean Neart Israeil breug, agus cha ghabh e aithreachas.” An neach air am bheil a ghràdh a' foiseachadh, ni e còmhnuidh neo-chaochlaindheach a chaoidh air. Tre'n uile shiorruidheachd cha chomasch dha fàs, agus cha-n fhaic àine no siorruidheachd lughdachadh air. Is gràdh siorruidh e, aig nach robh toiseach, agus nach mothach crioch; gràdh nach urrainn a bhi air a mheudaichadh le gniomh air bith a ni sinn, no air a lughdachadh le ni air bith a th' annaim. Tha gràdh an Athar mar so, tha sinn ag ràdh, ann fèin; ach air mhodh eile, tha dà sheadh anns am feud atharrachadh a theachd air:—

An ceud sealbh,— A thaobh a thoraidhean. Mar a thubhairt sinn, is gràdh tarbhach e, gràdh fìal. Agus a thaobh nan toraidhean sin, feudaidh e 'bhi air uairibh ni's mò, agus air uairibh ni's lugha; tha frithealaidhean a ghràidh caochlaindheach. Cò am measg nan naomh nach 'eil 'g am faotainn mar sin? Air uairibh, cia mòr am beothachadh, agus an solus, agus an neart a gheibh iad? agus a ris, cia cho marbh, cia cho dorch, cia cho anmhunn? agus sin uile mar a thoilicheas Dia toraidhean a ghràidh a fhrithealaich a mach, no an cumail air an ais. Tha uile ghràsan an Spioraid annainn, agus uile thoil-inntinnean naomhaichte freasdail, 'nan toraidhibh a ghràidh; agus tha fiosrachadh nan naomh a' deanamh fianuis iomadach air cia cho

caochlaidheach as a tha iad sin o àm gu àm 'nam frithealadh a mach dhoibh.

An dara sealbh,—A thaobh *foillseachaidh* a ghràidh. Tha e “dòrtadh a mach a ghràidh ann ar eridheachaibh tre'n Spiorad Naomh,” Rom. v. 5,—a’ toirt mothachaidh dhuinn de a ghràdh, agus ’ga fhoillseachadh dhuinn. A nis, tha so eugsamhuil agus caochlaidheach, air uairibh ni’s mò, air uairibh ni’s lughá; an diugh a’ dealradh air ar n-anamaibh, agus am màireach a’ folach a ghnùis, mar a bhitheas e chum ar leas. Cha bhi e ’cronachadh gu bràth, air eagal gu’n tilgear sios sinn; cha bhi a ghnùis a ghnàth a’ dealradh, air eagal gu’m fasamaid làn, agus gu’n deanamaid a dhearmad; gidheadh a ghràdh ann féin gum atharrachadh. Ged a dhealaicheas e ruinn car tamuill bhig, le mòr iochd cruinnichidh e sinn a rìs.

Cunnuil. Ach feudaidh neach a rádh, “Nach ’eil so a’ dlùthachadh air an toibheum sin a tha ’g rádh gu bheil Dia a’ gràdhachadh a phobuill ’nuair a tha iad a’ peacachadh, cho maith as an uair a tha iad ann an slighe dhìreach na h-ìmhìlhachd; agus, ma tha, eò air am bi a bheag de chùram seirbhis a’ dheananmh dha, noimeachd maille ris anns an uile dheadh thoileachadh?”

Freagraidh. Cha-n’eil ach teare de fhìrinnibh Chriosd anns a’ Bhiobull nach d’ fhuiling am fiaradh ceudna aig lamhaibh nan saobh-chreideach. Tha briathran agus aimmean gu mòr aig toil na h-uile mealltair; ach cha-n’eil brìgh na firinn air a h-atharrachadh leò. Is e ’th’ ann an gràdh Dhé ann féin rùn siorruidh agus gnìomh a thoile. Tha so cho neo-choaclaidheach ri Dia féin: na’m bitheadh e air sheòl eile, cha bhitheadh feòil air bith air an teàrnadh; ach cha chaochail e, uime sin cha-n’eil sinn air ar caitheadh as, Mal. iii. 6. Ciod, ma seadh? am bheil Dia a’ gràdhachadh a phobuill ’nam peacachadh? Tha; tha’phobull gràdhaithe leis, ged nach ’eil am peacachadh. Nach ’eil e ’caochladh a ghràidh dhoibh anns an t-suidheachadh so? Cha-n’eil rùn a thoile, ach a mhain *frithealaidhean* a ghràis. Cronaichidh e iad, smachdaichidh e iad, folaichidh e a ghnùis uatha, buailidh e iad, lionaидh e iad le mothachadh de a chorruich; ach bu truagh, truagh ar cor na’m b’e’s gu’n caochladh a ghràdh, no gu’m bitheadh a chaoimhneas air a philleadh air falbh uainn. Tha na dearbh nithean sin a tha ’giulan coslais atharrachaidh a ghràidh, o’n taobh a muigh, annta féin ’nan toraidhean cho dearbht’ air a ghràdh ris na frithealaidhibh a’s sòlasaich a tha ’cur an anama

air ghean. "Ach nach 'eil so a' misneachadh dhaoine chum peacaidh?" Cha do bhlais e rìamh air gràdh Dhé a's urrainn da rireadh an cunnail so a thogail. Feudaidh *teagasy* nan gràs a bhi air a thionndadh gu maenius; cha tachair sin gu bràth do *bhith* nan gràs. Ach mheasamaid na eucoir e do naomhaibh Dhé aon fhreagradh tuilleadh a thoirt air a chunnail so : cha-n 'eil neach anns am mò a tha fuath do'n pheacadh ag oibreachadh, no an neach sin a's soilleire aig am bheil dearbhachd air a phears' a bhi gabhta ann an Criosd, agus a bhi 'na oighre annsan air a' bheatha mhaireannach.

Ach, air an làimh eile, tha ar gràdh-ne do Dhia thuig agus uaith, a' fàs agus a' crionadh. Tuitidh sinn o ar ceud ghràdh, agus togair suas sinn a' ris; le aignidhibh blàth air maduinn, ach mu'n do chròm a' ghrian, sheall am bàs orra. Cia cho bochd as a ta na creatairean a tha sinn ann! Nach eu-cosmhuiil sinn ris an Tighearn agus a ghràdh. "Neo-sheasmhach mar uisge, cha toir sinn barrachd." 'An so is e ar ceòl gu misneachail, dàna, "Ged gheibh gach uile dhaoine oilbheum annad, cha-n fhaigh mise oilbheum;" ach 'an sud, gu gealtach, truagh, "Cha-n aithne dhomh an duine." An diugh, "Cha gluaisear mi, thug thu air mo chnoc seasamh gu daingean;" ach am màireach, "Tha gach duine brengach, cailleir mi." C'uine riabh, no, c'aite riabh an robh ar gràdh do Dhia cunbalach ear aon làtha?

Mar so, ma seadh, tha gràdh sin an Athar agus nan naomh anns am bheil comh-chomunn aca r'a chéile, air a chur ann an tuilleadh soluis leis na nithibh sin fa leth anns am bheil iad a' comh-chòrdadh agus ag eadar-dhealachadh. Cha-n 'eil sinn a' rùnachadh eisampleir tuilleadh a thogail a thaobh ar comh-chomuinn ri pears' an Athar, ach a mhain a bhi 'comh-chur na chaidh 'ainmeachadh, anns a' chaibideil a leanas.

CAIBIDEIL IV.

Cuid de nithibh a dh' fheudas a bhi air an tarruing o theagasc a' comh-chomuinn ris an Athair ann an gràdh.

Air dhuinn mar so nàdur a' comh-chomuinn eadar-dhealachichte sin a nochdadh a tha againn ris an Athair, dh' fhagadh a nis againn beagan *earalachaiddh* a dheanamh d' a ionnsuidh,

beagan *sheòlaidhean* a thoirt seachad ann, agus cuid de *bheach-dailb* a tharruing uaithe :—

I. Anns a' cheud àite, ma seadh, tha e ro shoilleir gur dleasannas so anns am bheil creidich ro ainmig air an cleachdadhbh,—eadhon, comh-chomunn a bhi aca ri pears' an Athar féin ann an gràdh. Cha-n e mhain gu bheil aineolas air ar tròcairean agus ar sochairean 'na an-shocair, ach tha e 'na pheacadh dhuinn mar an ceudna. Cha-n 'eil sinn ag éisdeachd ri guth an Spioraid a thugadh dhuinn, "chum gu'm bitheadh aithne againn air na nithibh sin a thugadh dhuinn gu saor o Dhia." Tha so 'gar cumail ag imeachd gu trom, an uair a dh' fheudadh ar eridheachan a bhi 'deanamh gairdeachais; agus fànn, an uair a dh' fheudamaid a bhi làdir anns an Tighearn. Cia cho tearc as a ta iadsan 'am measg nan naomh aig am bheil eòlas féin-fhiosrach air comh-chomunn ris an Athair 'na phearsa féin ann an gràdh ! Cia cho iomaganach, an-earbsach as a ta na smuaintean a tha aca m'a thimchioll ! Cia cho eagalach agus amharusach as a ta iad m'a dheadh-ghean agus a chaoimhneas ! Aig a' chuid a's fearr, tha mòran a' meas nach 'eil caomhalachd air bith ann d' ar taobh, ach na tha air a chosnadhl le mòr luach fol a Chriosd. Tha e fior, gur e sin a mhain slighe a' chompairteachaidh; ach tha tobar saor nam beannachdan gu léir ann an uchd an Athar. "Bha a' bheatha mhaireannach maille ris an Athair, agus d' fhoillsicheadh dhuinn i," 1 Eoin i. 2. Deanamaid, uime sin,—

(1.) *An t-Athair a bheachdachadh mar ghràdh ; cha-n ann mar Athair a tha 'ghnàth gruamach, ach mar Athair caoimhneil agus truacanta.* Amhairceamaid air tre chreidimh mar neach aig an robh smuaintean caoimhneis d'ar taobh o'n uile shiorruidheachd. Is e mi-bhreithneachadh air Dia a bheir neach air bith gu bhi 'teicheadh air falbh uaith, aig am bheil an togradh a's anmhuiinne air 'oibreachadh ann 'na dhéigh. "Cuiridh iadsan d'an aithne d' aimm an dòigh annad." Tha daoine neo-thèòma ann an còmhnuidh a dheanamh maille ri Dia ann an comh-chomunn spioradail. Caillidh e gu grad companas an anaman, do bhrìgh gu bheil iad gearr-sheallach a thaobh a ghràidh. Tha an smuaintean air an suidheachadh a mhain air a mhòrachd uamhasaich, air a gheur-cheartas, agus a chumhachd; agus mar sin cha-n 'eil an spioradan air an cosnadh gu gràdhach d'a ionnsuidh. Na'm bitheadh sùil an anama air a foiseachadh a ghnàth air caomhalachd agus truacantachd siorruidh a nàduir, air a smuaintibh caoimhneis a tha o chéin,

air a dheadh-ghean gràsmhor a nise d'a thaobh, bhitheadh tiota beag as a chomunn 'na ni do-ghìùlanta leis ; ach a nis, cha-n urrainn e faire 'dheanamh maille ris car aon uair. Bitheadh na smuaintean so mu'n Athair, ma seadh, air thoiseach ann an eridheachaibh nan naomh,—gur neach e a tha làn gràidh saoire agus siorruidh dhoibh : bitheadh an eridheachan agus an smuaintean air an cleachdadh ann a bhi 'briseadh troimh na h-uile grabadh mi-mhisneachail a bhitheas 'na luidh anns an t-slighe. Chum an eridheachan a thogail a dh' ionnsuidh so, thugadh iad fainear,—

[1.] *Cò d'an gràdh e.* Is e a ghràdh-san e a tha uilfhoghainteach ann féin, air a shàsachadh gu neo-chriòchnach ann an iomlanachdaibh agus oirdheirceasaibh glòrmhor a nàduir féin ; aig nach 'eil feum air teachd a mach ann an cleachdadh gràidh do mhuinntir eile, no cuspair a ghleidheadh air a shon 'an taobh a muigh dheth féin. Dh'fheudadh e fois shiorruidh a ghabhail ann féin le tlachd agus toil-inntinn. Is leoir Dia d'a ghràdh féin. Bha a Mhac aige mar an ceudna, a Ghliocas siorruidh féin, chum a bhi 'deanamh gairdeachais ann o'n uile bhith-bhuantachd, Gnàth-fhoc. viii. 30. Dh'fheudadh so a tlachd a lionadh suas gu h-iomlan ; gidheadh, gràdhaichidh e a naoimh mar an ceudna. Agus is gràdh e anns nach e a shuaimhneas féin a mhain a tha e 'g iarraidh, ach maith dhoibh-san mar an ceudna ;—is gràdh Dé a ta ann, gràdh Athar, aig am bheil a dhol a mach gu nàdurra ann an caoimhneas agus 'am fialaidheachd.

[2.] Ciod a' ghnè ghràidh a tha ann. Agus tha e,—

Anns a' cheud àite,—Siorruidh. Gràdh a shocraicheadh oirnn mu'n do leagadh bunaitean an domhain. Mu'n robh sinn fathast ann, agus mu'n d'rinneadh a maith a bu lugha leinn, 'an sin bha a smuaintean oirnn,—bha a tlachd annainn ;—'an sin riunn am Mae gairdeachas ann a bhi smuaimeachadh air a' choimhlionadh a bha e gu 'dheanamh air tlachd an Athar ann, Gnàth-thoc. viii. 30. Seadh, an tlachd sin a tha air 'ainmeachadh ann an so aig an Athair anns a' Mhae, cha-n e cho mòr an tlachd iomlan sin e a tha aig ann mar dhealradh a ghàibre, agus mar fhìor iomhaigh a phearsa, anns am feudadh e amharc air uil' iomlanachdaibh agus oirdheirceasaibh a nàduir ; ach a tlachd ann mar neach aig an robh a ghràdh agus a tlachd féin maille ri cloinn nan daoine. Is e so an seadh a tha r'a thuigsinn o òrdugh nam briathran : "Bu mhi a tlachd gach là," agus "Bha mo tlachd maille ri cloinn nan daoine ;"

'se sin, ann an smuaintibh caoimhneis agus saoraidh d'an taobh : anns an t-seadh so mar an ceudna b'e tlachd an Athar e. B'ann o'n uile shiorruidheachd a rinn e rùn ar sonais bith-bhuan a leagadh 'na uchd féin. Nach lebir aon smuain de so a thoirt air gach ni 'an taobh a stighe dhinn briosgadh le h-aoibhneas, mar an naoidhean ann am brionn Elisabet ? 'N uair a luidheas e steach le eumhachd ri mothachadh ar eridhe, cha chomasach d'ar n-anamaibh gun a bhi air an sleuchdadh sìos annainn a dh'ionnsuidh doimhlne an urraim iriosail' agus naoimhe, agus gàirdeachas a dheanamh 'na fhanuis le ball-chrith.

Anns an dara àite,—Tha e saor. Tha e 'gar gràdhachadh do bhrìgh gur e sin a dheadh thoil ; cha robh, agus cha-n'eil ni air bith annainn a tha fiughail air a ghràdh. Na'm bitheamaid toillteannach air cha bitheadh a luachmhoireachd cho barraichte. Cha-n'eil buidheachas ach ainnig airson nithe flachnaichte ; ach feumaidh sin a bha o shiorruidheachd *air thoiseach* air ar bith, a bhi gu *h-ionlan saor* ann am buileachadh maith air bith oirnn. Is e so a tha 'toirt beatha agus bith dha, is e so a fhreumh, agns sin a tha 'cur luach neo-chrìochnaich ann, Rom. ix. 11 ; Eph. i. 3, 4.

Anns an treas àite,—Tha e *neo-chaochlaindheach*. Tha sinne 'caochladh gach aon là, gidheadh tha 'ghràdh-san gun chaochladh air. Na'm bu chomasach do bhrosnachadh air bith a thionndadh air falbh, is fhad o bha sinn uile as 'eugmhais. Is e *neo-chaochlaindheachd* a ghràidh a tha 'giùlan an Athar a mach ann an cleachdadh na foighidin agus na fad-fhulangais neo-chrìochnaich sin a tha aige d'ar taoblh ; ni as 'eugmhais gu'n rachadh as duinn, 2 Phead. iii. 9.

Anns a' cheuthramh àite,—Is gràdh *eadar-dhealachaideh* e. Cha do ghràdhlaich e an saoghal gu léir mar so : "ghràdhlaich mi Iacob, ach dh' fluathaich mi Esau." C'arson a shocraich e a ghràdh oirnne, agus a dh'fhang e mìltean air mhiltibh coimh-ionann ruinn a thaobh nàduir,—gu'n deanadh e sinne 'nar luchd-compairt d'a ghràdh, maille r'a uile thoraidhibh gràsmhor, o'n do dhùin e mach a' chuid mhòr de dhaoinibh inbheach agus eagnaideh na talmhainn ? Cha-n'eil sinn ag aiuimeachadh ann an so ach chìnn-theagasc a mhain. Bitheadh iadsan a' leudachadh aig an do chuireadh an eridheachan 'am farsuinmeachd.

Bitheadh sùil an anama, tha sinn ag ràdh, gu tric air gràdh so an Athar, fo na beachdaibh *eadar-dhealaichte* so,—tha iad

uile ro bhuadhach chum an eridhe a chosnadh ann an gràdh dha.

(2.) Beachdaicheamaid a ghràdh ann an rathad a bhi 'ga ghabhail. Mar bi so deanta, tha na h-uile ni gun tairbhe a thaobh comh-chomuinn ri Dia. Cha-n'eil comh-chomunn againn ris ann an ni air bith, gus am bheil an ni sin gabhla leinn tre chreidimh. Is ann a dh' ionnsuidh so, ma seadh, a bu mhiann leinn a bhi 'brosnachadh suas nan creideach, eadhon gu bhi 'creidsinn gràidh so eridhe Dhé d'an taobh, agus a' gabhlail r'a fhianuis m'a thimchioll. Cha-n e ar cuid-ne gràdh Dhé ann am millseachd a ghràidh gus am bheil e mar so air a ghabhail thugainn. Bitheadh do smuaintean, ma seadh, a ghnàth a' cleachdadhl creidimh air Dia, mar ghràdh dhuit féin,—mar neach a tha 'ga d' ghlacadh ann an caidreamh a' ghràidh shiorruidh agus shaoire sin a thugadh a cheana fainear. 'Nuair a tha an Tighearn air a chumail a mach 'na fhocal dhuit mar ghràdh, bitheadh d' inntinn a' gabhail aithne air ann, agus ag aontachadh gu bheil e mar sin; bitheadh do thoil a' dùnadh a steach ris ann, agus d' aignidhean air an lìonadh leis. Suidhich do chridhe gu h-iomlan air; bitheadh e air a cheangal suas ann an còrdaih a ghràidh so, Dàn Shol. vii. 5. Ma's e's gu bheil an Righ ceangailte 'na sheòmraichibh le do ghràdh-sa, nach buineadh dhuit-sa 'bhi ceangailte air nèamh le 'ghràdh-san?

(3.) Bitheadh a *thoradh* iomchuidh agus éifeachdach féin aige air do chridhe, ann an ath-philleadhl gràidh dha-san a ris. Mar sin bithidh ar n-imeachd ann an solus gnùis Dé, agus ar comh-chomunn naomh maille ris an Athair air feadh an là gu léir. Na bitheadh ar giùlan cho mi-ghnèidheil dha as gu'n ioc sinn dearmad 'an érig gràidh. Na bitheadh a shamhail sin de chridhe annainn a bheireadh caidreamh do mhi-thaingealachd d'ar Dia.

2. A nis, chum ar eridheachan a chuideachadh ann an cleachdadhl làthail an dleasannais so, bheir sinn seachad beagan bheachdan a dh'fheudas a bhi feumail; mar,—

(1.) Gu bheil e 'na ni ro *thuitneach* do Dhia, eadhon ar n-Athair-ne, gu'm bitheadh ar comh-chomunn mar so ris ann an gràdh,—gu'm bitheadh e air faotainn àite 'nar n-anamaibh mar neach a tha làn gràidh, agus caomhalachd, agus caoimhneis d'ar taobh. Tha fuil agus feoil ullamh air smuaintibh cruaidh altrum mu Dhia,—gu bheil e a ghnàth feargach, seadh, do-chasgadh; nach 'eil maith do chreutairibh bochda a theachd 'am fagus da, nach 'eil ni sam bith a's fearr air an son na fantuinn am fad air falbh uaith féin agus o a sheirbheis. "Co

'nar measg," a deir iad, "a ghabhas còmhnuidh maille ri teine millteach? co 'n ar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri lasraichibh siorruidh ?" Agus, a rìs, "Bha fhios agam gu'm bu duine geur-theann thu," deir an droch sheirbhiseach anns an t-soisgeul. A nis, cha-n'eil ni sam bith a tha cho doilgheasach do'n Tighearn, no a's mò a chuireas air aghaidh innleachdan Shàtain 'an aghaidh an anama, na an sanhuil sin de smuaintibh. Tha Satan a' bualadh nam bas 'nuair a gheibh e anam bochd air a cheangal sios fo chuibhrichibh nan smuaintean cruaidh so mu Dhia : tha a rìarachadh aige,—chaidh an là leis. B'e so a rùn agus a dhòigh o thùs. B'e so am meadhon tre'n do dhòirt-eadh a' cheud fhuil aig làimh mortair. Threòraich e ar ceud sinnseara 'dh'ionnsuidh smuaintean cruaidh mu Dhia : "Seadh, an dubhaint Dia so? an do bhagair e bàs oirbh? Tha fios aige gu ro mhaith gur ann a bhitheas a chùis ni's ro fhearr maille ribh ;"—agus a dh' ionnsuidh an lìn ifrinneil so dh' iomain e steach an cinne-daoine gu léir ann an aon duine, Rom. v. 12; agus air dha a bhi cuimhneach air a shoirbheachadh ann an toiseach an làtha, tha e gu h-ealamh a' cleachadh nan inneal ceudna fathast. A nis, tha e anabarrach doilgheasach do Spiorad Naomh Dhé a bhi mar so air a mhaslachadh ann an crìdheachaibh na muinntir sin a tha e 'gràdhachabh air dhòigh cho ionmhuinneach. Cionnus a tha e 'tagradh an ni so féin ri Sion ! "Ciod an eu-ceart a fhuair 'ur n-aithrichean annam-sa?" Ier. ii. 5; "An robh mise a' m' fhàsach do Israel? a' m' fhearrann dorchadais?" ramn 31. "Agus thubhairt Sion, Thréig an Tighearna mi, agus rinn mo Thigearn mo dhì-chuimhneachadh. An dù-chuimhnich màthair a leanabh cìche, gun iochd a dheanamh air mac a cuim?" Isa. xlix. 14, 15. Cha-n'eil ni air bith a's doilgheasaiche leis an Tighearn a bhi 'faotainn aig làmhaibh a mhuinntir féin, na an leithide so de smuaintibh cruaidh m'a thimchioll, agus fios maith aige ciod an toradh a bhitheas air a ghiùlan air an fhreumh sheirbhe so,—ciod an tréigeadh eridhe,—ciod an diobradh muinghin,—ciod an cul-sleamhnachadh, agus ciod am mi-chreidimh 'n ar n-imeachd maille ris. Cia cho aindeonach as a tha leanabh air teachd 'am fianuis 'athar agus e ann am feirg ! Thugamaid so fainear, ma seadh, anns a' cheud àite, 'nuair a tha sinn a' gabhail ris an Athair mar a tha e 'cumail a mach a ghràidh d' ar n-anamaibh, tha sinn le sin a' toirt an urraim sin dha a tha e 'g iarraidh, agus a' deanamh sin a tha ro thaitneach leis. Tha e gu tric 'ga thaisbeanadh dhuinn ann an rathad inbheach, chum gu'm

bitheadh e mar sin air a ghabhail leinn :—"Tha Dia a' moladh a ghràidh féin duinne," Rom. v. 8. "Feuehaibh, eiod a' ghnè ghràidh a thug an t-Athair dhuinne!" 1 Eoin iii. 1. Cia uaith, ma seadh, a tha an t-amaideachd so? Tha eagal air daoinibh smuaintean maith a bhi aca mu Dhia. Tha iad ag amhare air mar dhànadas dhoibh sealtainn air Dia mar neach gràsmhor, caomh, caoimhneil, gràdhach: tha sinn a' labhairt mu na naoimh; ach air an làimh eile, tha e furasda dhoibh smuaintean cruaidh, teann, doirbhe, uil' ach do-chasgadh, a bhi aca m'a thimchioll, agus a' meas gu bheil iad a' deanamh gu maith,—dearbh smuaintean nan daoine a's aindiadhaidh, agus a's fuathaiche le Dia, Rom. i. 31; 2 Tim. iii. 3. Nach ann o Shatan a tha am mealladh anama so? Nach b'e a rùn o thùs a bhi tilgeadh a stigh nan smuaintean so mu Dhia anns a' chridhe? Bitheadh dearbh fhios agaibh, ma seadh, nach 'eil ni air bith a's taitneiche leis an Athair na gu'm fosglamaid suas ar erid-heaahan ris mar thobar siorruidh a ghràis shaoibhir sin gu léir a tha 'sruthadh a mach do pheaceaich ann am ful Iosa. Agus,—

(2.) Bithidh so ro éifeachdaeh chum a bhi 'cosnadh gràidh bhur n-anama do Dhia,—chum tlachd a ghabhail ann, agus còmhnuidh a dheanamh maille ris. Tha mòran de na naoimh aig nach 'eil uallach eile a tha 'gan cromadh sios cho mòr, ris nach 'eil iad a' faotainn an eridheachan a ghnàth air an oibreachadh suas a dh' ionnsuidh tlachd agus toil-inntinn naoimh a ghabhail ann an Dia;—ach gu bheil fathast an-toil spioraid maille riu a thaobh a bhi 'g imeachd ann an dlùth chomunn ris. Ciod a tha aig freumh na h-eucalach so? Nach e an aineolas, no an dearmad air an dleasannas so, eadhon a bhi 'cumail comh-chomuinn ris an Athair ann an gradh? Bithidh tomhas ar tlachd ann an Dia, a mhain a réir tomhais an t-seall-laidh a tha agaum air a ghràdh. Cha dean na h-uile foills-eachadh eile de Dhia, as eugnhais so, ach an t-anam a chuir air theicheadh uaith; ach bitheadh an eridhe aon uair gu mòr air a thogail le gràdh comharaichte so an Athar, agus cha chomasach dha gun a bhi air a bhuidhachadh agus air a chosnadh thairis ann an gràdh dha. Ma dh' oibricheas ni sam bith oirnn chum còmhnuidh a dheanamh maille ris, is e so e. Ciod eile a bheir air leanabh tlachd a ghabhail 'na athair, mar dean a ghràdh e? Cuiribh dearbhadh, ma seadh, air an ni so: deanaibh bhur smuaintean a chleachadh air an dearbh ni so féin, gràdh siorruidh, gràdh saor, gràdh tarbhach an Athar,

agus faicibh mar bi bhur eridheachan air an oibreachadh suas a dh'ionnsuidh tlachd ann. Gabhaidh sinn oirnn a ràdh le dànaichd, gu faigh creidich so 'na chleachdadhd cho tarbhach ri aon sam bith eil air an do shuidhieh iad riamh an smuaintean. Suidhibh sios car tamuill bhig aig an tobar féin, agus mu'n toir sibh an aire, bithidh mìllseachd nan sruth a' meudachadh do bhur blas. Ann an tìne ghearr, bithidh e doirbh dhuibh-sa, eadhon a bha roimh so a' ruith air falbh uaith, a nis a bhi 'fantuinn car tiota as a chomunn.

Cunnuil 1. Ach feudaidh cuid a ràdh, "Mo thruaighe ! cionnus a dh'fheudas mise comh-chomunn a shealbhachadh ris an Athair ann an gràdh ? Tha mi gun fhios again am bheil gràdh aige dhomh no nach 'eil ; agus am bi de dhànaidas again na thilgeas mi féin air a ghràdh ? Ciòd mar gabhadh e rium ? Nach bu choltaiche gu'n cuireadh e as domh airson m' an-dànaidais, na gu'm blaiseadh m' anam de mhillseachd a' ghràidh a tha 'na uchd ? Tha Dia ann am shealladh-sa a mhain mar theine dian-loisgeich agus mar lasraichibh siorruidh, ionnus gur h-eagalach leam amharc suas ris."

Freagradh. Cha-n'eil fios agam ciod a dh'fheudas cuid a bhi 'cìallachadh le bhi 'g aithneachadh gràidh Dhé ; ged a tha a chleachdadhd a' dol 'an gnìomh anns an anam le mothachadh agus féin-fhiosrachadh spioradail, gidheadh tha e air a ghabhail thugainn trid creidimh a mhain. Is e so aithne a bhi againn air, eadhon gu'm bitheamaid 'ga chreidsinn mar a tha e air 'fhoillseachadh. "Fhuair sinn aithne air agus chreid sinn an gràdh a tha aig Dia dhuinn. Is gràdh Dia," 1 Eoin iv. 16. Is i so an dearbhl-bheachd a dh'fheudas a bhi agad air a ghràdh, ann an ceud thòiseachadh d'imeachd maille ri Dia ; eadhon, gu'n do labhair beul an Tighearn e, neach a's e an fhìrinne. Agus ciod air bith a dh'fheudas do chridhe féin, no Sàtan a bhi 'labhairt, ma's e as nach gabh thu ri gràdh an Athar anns an fhianuis so a tha e 'deananh m'a thimchioll, tha thu deanamh na dh'fheudas tu chum breugair a dheanamh dheth-san a labhair e, 1 Eoin v. 10.

Cunnuil 2. "Tha mi 'creidsinn gur gràdh Dia do mhuinnitir cile, oir thubhairt e féin gur gràdh e ; ach cha-n'eil bonn-impidh idir a' m' amharc o'n creidinn gu'm bi e mar sin do m' thaobh-sa ; cha-n'eil aobhar no reuson air thalamh gu'n cuireadh e aghaidh orm-sa le aon smuain gràidh no caoimhneis ; agus, uime sin, cha dana leam mi féin a thilgeadh air chum comh-chomuinn ris 'na ghràdh àraidh féin."

Freagradh. Cha-n'eil e air a labhairt ann an rathad ni's ro shònruichte ri neach air thalamh na tha e riutsa. Agus a thaobh reuson gràidh, cha d'fhuair e riámh ni's fearr ann an aon de chloinn nan daoine na tha e 'faotainn annad féin; is e sin, cha-n'eil reuson idir aige air a shon 'an taobh a mach dheth 'féin. Mar sin feudaidh sinn an cunnail so a chur bun os ceann le ro thearc 'bhriathran. Cha robh neach riámh ann o thoiseach an t-saoghal agus cha bhi gu 'dheireadh, a chreid a leithid so de ghràdh a bhi anns an Athair, agus a thug gràdh dha-san a rìs, agus a bha air a mhealladh. Anns an ni so, ma seadh, tha thu air stéidh uile-sheasmhaich. Ma chreideas tu, agus ma ghabhas tu ris an Athair 'na ghràdh, bithidh e gu cinnteach mar sin dhuit, ged a dh'fheudas muinntir eile tuiteam fo a chorruich. Ach,—

Cunnail 3. “Cha-n'eil mi 'faotainn mo chridhe ag athphilleadh ann an gràdh dha. Na'm bitheadh m'anam a gabhail tlachd ann, b'urrainn mi a ghràdh dhomh a chreidsinn.”

Freagradh. Cha-n'eil e comasach dhuit do smuaintean a chleachdadh air dhòigh ni's ionrallaiche na so,—dòigh deasaichte gu bhi spùinneadh Dhé de a ghlòir. “An so tha gràdh,” deir an Spiorad Naomh, “cha-n e gu'n do ghràdhhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhhaich esan sinne” an toiseach, 1 Eoin iv. 10, 11. A nis, chuireadh do smuaintean-sa òrdugh so Dhé bun os ceann, agus theireadh tu, “An so tha gràdh, cha-n e gu'n do ghràdhhaich Dia mise, ach gu'n do ghràdhhaich mise esan an toiseach.” Is e so a bhi 'eur làmh ann an glòir Dhé : oir, a mheud 's gu bheil esan 'g ar gràdhachadh-ne as eugmhais aobhair gràidh 'fhaicinn annainn, agus gu bheil gach aobhar air thalamh againne esan a ghràdhachadh, b'aill leatsa so a bli air sheòl eile,—eadhon, gu'm bitheadh ni-éigin annad air sgath an gràdhhaicheadh Dia thu, eadhon do ghràdh-sa dha ; agus gu'n gràdhhaicheadh tusa Dia, gun aithne agad air ni air bith gradhach ann, is e sin, gun aithne agad air an robh gràdh aige dhuit no nach robh. Ach is e so dòigh na feòla, dòigh nach dean aon chuid glòir a chuir air Dia, no sith a thoint a dh' ionnsuidh d' anama féin. Air falamh, ma seadh, le do chunnuilibh ; glac thugad gràdh an Athar ann an cleachdadadh lom creidimh, agus fosglaidh so suas d'anam ann an cleachdadadh a' ghràidh ann an comunn an Tighearna.

Ach, a thuilleadh air so, feudaidh sinn mar an ceudna fhòghlum o'n teagast so,—*inbhe agus sochair mòr nan creideach.* Ciod air bith na smuaintean tàireil a dh'fheudas a bhi aig cloinn nan daoine mu'n timchioll, feudar 'fhaicinn gu

bheil biadh aca r'a itheadh air am bheil an saoghal aineolach. Tha comh-chomunn dlùth aca ris an Athair. Tha iad a' comh-mhalairt ris ann an gràdh. Tha meas air daoinibh, gu coitchionn, a réir na cuideachd sinn anns an gnàth leo 'bhi gluasad. Tha e na urram a bhi seasamh 'an lathair phriónnseachan, eadhon ann an inbhe sheirbhiseach. Ciod, ma seadh. an t-urram a tha aig uile naoimh Dhé, ann a bhi seasamh le dànachd 'an lathair an Athar, agus ann an sin a bhi 'sealbhachadh gràidh a chridhe ! Cia cho beannaichte as a mheas ban-righ Sheba seirbhisich Sholaimh, ann a bhi 'seasamh 'na lathair, agus ag éisdeachd a ghliocais ! Nach mò gu mòr a tha iadsan beannaichte a tha 'seasamh a ghnàth 'an lathair Dé Sholaimh, ag éisdeachd a ghliocais, agus a' mealtuinn a ghràidh ! 'Nuair a tha comunn aig muinntir eile ris an t-Satan agus r'an ana-miannaihbh féin, a' deanamh ullachaileadh air an son, agus a' faotainn toil-inntinn bàsmhoir annta, — "d'an crìoch a bhi air an sgrios, d'an dia am brù ; agus aig am bheil an glòir 'nan nàire, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh,"—tha iadsan a' sealbhachadh a' chomh-chomuinn mhilis so ris an Athair.

Os barr : ciod an tèarmunn suaimhneach agus tèaruinte a tha aig na naomhaibh ann an so, 'am measg nan uile fhanoidean, agus mhaslaidhean, agus oilbheuman, agus ainteistean, ris an coinnich iad anns an t-saoghal. An uair a tha leanabh air a mhaslachadh a muigh anns na sràidibh, teichidh e le cabhag a dhòrtadh a ghearin ann an broilleach 'athar ; agus ann an deanamh sin, a' faotainn suaimhneis. 'Am measg na h-uile h-achrhasan cruaidh agus geur-leanmhuinn teanga ris an coinnich na naoimh ann an sràidibh an t-saoghal so, feudaidh iad teicheadh le'n gearanaibh uile a dh' ionnsuidh broillich an Athar féin, agus comhfurtachd 'fhaotainn. "Mar neach d'an tabhair a mhathair comhfurtachd, mar sin bheir mise comhfurtachd dhuibhse," deir an Tighearn, Isa. lxvi. 13. Air dhòigh 's gu feud an t-anam a ràdh, "Mar tha fuath agam anns an t-saoghal, tha ionad agam anns an bheil mi cinnteach a gràdh 'fhaotainn. Ged a tha na h-uile neach eile searbh a' m' aghaidh, tha m' Athair féin tiomchridheach agus truacanta : theid mi d'a ionnsuidh-san, agus sàsuichear ann mi. Ann an so ged mheasar gu suarach mi, ged a dh' fheudas gruaim agus tòir-chainnt mo thilgeadh a thaobh ; gidheadh tha meas agus gràdh dhomh maille ris-san, gur fearr a chaoimhneas-gràidh na beatha féin. Ann an so tha na

h-uile ni agam anns an tobar féin, nach 'eil aig muinntir eile ach mar shileadh mall nam braon. Ann an gràdh m'Athar tha na h-uile ni ion-mhiannaichte : tha millseachd nan uile thròcairean ann-san mar thobar, agus sin ann an lànachdaibh maireannach."

Tha e soilleir, ma seadh, gur iad na naoimh muinntir air an lugh a tha aig daoinibh de fhìor èolas de na h-uile. Ma their iad, " Thigibh, agus bitheadh bhur comunn maille ruinne ;" nach 'eil daoine ullamh air a ràdh, " Ciod a tha sibh ann ? am bheil annaibh ach cuideachd dhuaichnidh de dhaoininbh a tha 'cur theaghlaichean agus bhaltean fo bhuaireas ? Bitheadh e aithnichte dhuibh, gur suarach againn bhur comunn. Is ann an uair a bhitheas a rùn oirnn comunn nan uile dhaoine fiùghanta, flachail, a chur air cùl a thig sinn do bhur n-ionnsuidh-sa." Ach, mo thruaighe ! cionnus a tha daoine air am mealladh ! Gu cinnteach tha an comunn aca so ris an Athair : smuainicheadh daoine mar is àill leo, tha frithealaidhean ùrachaiddh nèamhaidh, spioradail aca, ann an coimh-chleachdadhbh gràidh maille ris an Athair féin. Tha an t-abstol a' cur an ccill nan claoen-bheachdan a bha gu coitchionn 'am measg dhaoine mu'n timchioll, 2 Cor. vi. 8-10, " Mar mhealltairibh, gidheadh firinneach ; mar dhream nach aithnichear, gidheadh air am bheil deadh aithne ; mar dhream a tha faghail a' bhàis, gidheadh feuch, tha sinn beò ; mar dhream a smachdaicheadh, agus gun am marbhadh ; mar dhream a ta brònach, gidheadh a ghnath a' deanamh gàirdeachais ; mar dhaoine bochda, gidheadh a ta deanamh mòrain saoibhir ; mar dhaoine aig nach 'eil ni sam bith, gidheadh a' sealbhachadh nan uile nithe." Agus mar is e so beachd coitchioinn an t-saoghal, mar sin cha-n'eil ni sam bith a's tri a tha 'nam beachd mu'n timchioll na gur daoine bochd, diblidh, taireil iad, 'nuair is iad da rìreadh flaithean mòra na talmhainn. Smuainich air a' chuideachd anns am bheil iad a' gluasad : eadhon maille ris an Athair féin ;—agus cò 'tha cho glòrmhor ? Ciod anns am bheil iad a' malairteachadh ? eadhon ann an gràdh ;—agus ciod a tha cho luachmhòr ? Gu cinnteach is iad flaithean na talmhainn, Salm. xvi. 3.

A thuilleadh air so ; cuiridh so solus air aon eadar-dhealachadh mòr a tha eadar na naoimh agus luchd-aideachaidh gun ghràs :—A thaobh coimhlionaidh dhleasannas, agus sealbhachaidh nan sochar o'n leth a muigh, tha luchd-aideachaidh neo-tharbhach gu tric agimeachd làmh air làimh ris na naomhaibh ;

ach a nis thig a dh' ionnsuidh an ionadan uaigneach, agus ciod an t-eadar-dhealachadh a tha ann ! Anns an uaigneas tha comh-chomunn aig na naomhaibh ri Dia ; ach aig cealgairibh ris an t-saoghal agus an ana-miannaibh féin ;—riu so tha'n còmhradh agus an comun ; tha iad ag éisdeachd ciod a their iad riu, agus a' deanamh ullachaiddh air an son, 'nuair a tha na naoimh a' faotainn toil-inntinn blasda ann an uehd gràidh an Athar féin. Air uairibh is beag nach 'eil e mi-chomasach do chreidich a dhol air thoiseach, ann an deadh choslas o'n leth a muigh, air euid a dh' fheudas a bhi gle lobhta anns a' chridhe : ach tha'n lòn spioradail so aca, air am bheil muinntir eile aineolach ; tha ùrachadh nèamhaidh aca ann an tigh an fhiona, anns nach 'eil compairt air bith aig muinntir eile ;—ann an lionmhoireachd an smuaintean, tha sòlasan Dhé an Athar a' cur an anama air ghean.

A nis, ma seadh,—chum a bhi tarruing so gu comh-dhunadh, —ma tha na nithe so mar so, “ciod a ghnè dhaoine 'bu chòir a bhi annainn, ann an caithe-beatha naomh agus diadhachd ?” Tha eadhon “ar Dia-ne 'na theine dian-loisgeach.” Ciod an comun a tha eadar solus agus dorchadas ? Am bheil còmh-nnidh gu bhi aig peacadh agus ana-miannaibh anns na smuaintibh sin a tha gu bhi 'gabhair a steach gràidh an Athar do'n anam, agus a' giùlan a mach gràidh an anama do'n Athair ? Tha naomhachd iomchuidh air a làthaireachd gu siorruidh. Cha chomasach do spiorad neo-ghlan còmhnuidh a dheanamh maille ris ;—cha-n urrainn eridhe mi-naomha tarruing am fagus da gu bràth. Cha-n'eil tlachd aig neach mi-bhensach ann an comun duine stuaime ; agus an comasach do dhuine na h-inntinn amaidlich agus dhòmhain comh-chomunn a bhi aige ris an Dia a tha iomlan naomh ? Cha-n'eil ni air bith coimhcheangailte ri gràdh so an Athar nach 'eil 'na bhrosnachadh cumhachdach chum naomhachd, agus nach 'eil a' treòrachadh d'a ionnsuidh. Tha Ephraim ag ràdh, “Ciod mo gnothach-sa tuilleadh ri iodholaibh ?” 'nuair a fhuair e slàinte ann an Dia. Thaimeachd mhi-churamach gu h-uile neo-fhreagarrach airson comh-chomuinn ris an Athair. “Ma their sinn gu bheil comun agaínn ris, agus sinn a' gluasad ann an dorchadas, tha sinn a' deanamh bréige, agus cha-n'eil sinn a' deanamh na firinn,” 1 Eoin i. 6. “An ti a their, Is aithne dhomh e” (tha comh-chomunn agam ris), “agus nach 'eil a' coimhead 'aitheantan, is breugair e, agus cha-n'eil an fhirinn ann,” caib. ii. 4. An coslas eòlais sin air an Athair a's dealraiche

'am fianuis dhaoine, as eugmhais naomhachd agus ùmhlaichd d'a' aitheantaibh, cha-n'eil ann ach fianuis dhealrach air gur breugair esan aig am bheil e. Cha-n'eil gràdh an t-saoghal agus gràdh an Athar a' gabhail còmhnuidh cuideachd.

Agus ma tha so mar so (gu bhi dùnadh suas an iomlain), nach liomhor iad aig am bheil ainm a bhi beò, gidheadh a tha marbh ! Cia cho aineolach as a tha luchd-aileachaidh gn coiteachionn air diomhaireachd a' chomh-chomuinn so, agus a thoraidhean ! Nach 'eil mòran gu soilleir ann an comunn r'an ana-miannaibh, agus ris an t-saoghal, gidheadh leis am bu mhiann a bhi air an ainmeachadh orra-san aig am bheil cuibhrionn agus oighreachd maille riù-san a tha air an naomhachadh ? Tha iad araon as eughmais an ainm nuaidh, agus a' chloich ghil, gidheadh b'àill leò a bhi air an ainmeachadh sluagh an Ti a's ro àirdle. Nach fheud sinn a ràdh mu mhòran diùbh, an àite dhoibh comh-chomunn a bhi aca ri Dia, nach 'eil Dia idir 'nan uile smuaintibh ? Gu'n deònaicheadh an Tighearn a bhi 'fosgladh stùilean dhaoine, chum a bhi 'faicinn gur ni comh-chomunn ri Dia a tha coimh-sheasamh, cha-n ann 'an coslas, aeh ann an cumhaeasd ! An uiread so, ma seadh, air comh-chomunn sònruichte ris an Athair ann an gràdh. Tha e mar an ceudna "fìrinneach a ghairm sinn chum comh-chomuinn a Mhic Iosa Criod ar Tighearna ;" air an dean sinn iomradh anns an ath àite.

EARRANN II.

CAIBIDEIL I.

Mu na chomh-chomunn a tha aig na naomhaibh ri Iosa Criod Mac Dhé
—An comh-chomunn so ris air a dhearbhadh, 1 Cor. i. 9; Taibh.
iii. 20; Dàn Shol. ii. 1-7 air am fosgladh suas; mar an ceudna
Gnàth-fhoc. ix. 1-5.

LABHAIR sinn a cheana air a' comh-chomunn eadar-dhealaichte sin a tha againn ri pears' an Athar; theid sinn a nis air ar n-aghaidh a bheachdachadh a' chomh-chomuinn a tha againn r'a Mhac, Iosa Criod ar Tighearn. A nis, an comh-chomunn a tha againn ris an dara pearsa, tha e againn ris mar Eadar-mheadhonair—ann an cleachdadh na dreuchda sin a ghabh e os làimh air ar son, tre fhrithdealadh saoir ghràis Dé; air dha 'bhi air a "ghin o mhnaoi, air a dheanamh fo'n lagh, chum gu'n saoradh e iadsan a bha fo'n lagh, ionnus gu faigheamaid-ne uchd-mhacachd na cloinne," Gal. iv. 4, 5. Agus ann a bhi 'leantuinn a mach an teagaisg, bheir sinn fainear an dà ni so:—

I. Gu bheil an comh-chomunn so againn ri Mac Dhé. II. Ciod anns am bheil e a' coimh-sheasamh:—

I. A thaobh a' cheud ni, cha dean sinn ach beagan earrannan de'n Fhìrinn a thoirt air an aghaidh chum a bhi 'daingneachadh an teagaisg:—1 Cor. i. 9, "Tha Dia firinneach, leis an do ghairmeadh sibh chum comh-chomuinn a Mhic Iosa Criod ar Tighearna." Is e so an ni chum am bheil na naoimh uile air an gairm, agus anns am bi iad uile, tre dhilseachd Dhé, air an gleidheadh, eadhon comh-chomunn ri Iosa Criod ar Tighearn. Ghairmeadh sinu le Dia an t-Athair, mar an t-Athair, a réir rùin a ghràidh, chum comh-chomuinn a Mhic, mar ar Tighearn.

A ris;—Taibh. iii. 20, "Feuch, tha mi a'm' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh: ma dh'eisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumsa." Gu cinnteach mar 'eil comh-chomunn ann an

so, cha-n'eil fios againn ciod anns am bheil. Gabhaidh Criod a shuipeir maille ri creidich : tha e 'ga ùrachadh féin le a ghràsaibh féin annta, tre'n Spiorad a thugadh dhoibh. Tha toil-iuntinn ro mhòr aig an Tighearn Iosa ann a bhi 'blasad de thoraidhibh taitneach an Spioraid anns na naomhaibh. Agus uaith so tha ùrnuigh sin na céile 'dol suas, gu'm bitheadh cuirm gràidh a thaitneis air 'ullachadh aice 'nuair a thigeadh e g'a failteachadh, Dàn Shol. iv. 16, "Eirich a ghaoth á tuath, agus thig a ghaoth á deas, seid air feadh mo lios, rachadh fàile cùbhraiddh a spiosraiddh a mach. Thigeadh m' annsachd d'a lios, agus itheadh e a thoradh taitneach." Is iad anama nan naomh lios an Tighearn Iosa, am fonn maith, Eabh. vi. 7 ;—lios air son toil-inntinn ; tha e 'deanamh gairdeachais annta ; "tha 'thlachd maille ri cloinn nan daoine," Gnàth-fhoc. viii. 31 ; agus tha e 'deanamh "gairdeachais os an ceann," Seph. iii. 17 ;—lios mar an ceudna airson toraidhean, seadh, toraidhean taitneach ; is amhuil sin a tha e féin ag aithris a cliù, Dàn Shol. iv. 12-14, "Is lios glaiste thu, a phiuthar, a chéile ; fuaran dùinte, tobar air a sheulachadh. Tha do gheugan mar lios phomgranat, leis a mheas a's taitneiche ; le croinn champhir maille ri preasaibh spioenaird : spioenard agus cròthach ; cuile mhilis agus canal, leis na h-uile chraobhaibh tùise ; mirr agus aloe, maille ris na spiosraiddh a's taghta." Ciod air bith ni a tha milis agus deadh-bhlasda, ciod air bith a tha boltrachail agus cùbhraiddh, ciod air bith a tha ioc-shlainteach agus fear-tach, tha e r'a fhaotainn anns an lios so. Tha toil-inntinnean spioradail, de na h-uile gnè, ann an anamaibh nan naomh, air son an Tighearn Iosa. Agus, uime sin, tha 'chéile cho dìrrachdach anns an ùrnuigh a chaidh ainmeachadh, gu'm bitheadh na nithe taitneach sin a' meudachadh maille ri, chum gu'n gabhadh fear a gràidh a shuipeir maille ri, a réir a gheallaiddh. "Eirich, a ghaoth á tuath, agus thig, a ghaoth á deas ;"—"O gu'n deanadh analachadh agus oibreachadh éifeachdach Spioraid nan uile ghràs a thiodhlacan agus a ghràsan féin a lasadh suas ann am chridhe, chum gu'm bitheadh aig an Tighearn Iosa, fear-gràidh m'anama, cuirm ro thaitneach maille rium, an uair a thig e !" Tha Dia a' gearain nach 'eil am fion-lios a shuidhich e a' giùlan toraidh, Isa. v. 2 ; Hosea x. 1. Agus, uime sin, tha eridhe na céile air ionmairt chum gu'm bitheadh toraidhean taitneach fir a gràidh a' soirbheachadh mu a làmhan. Tha eridhe aimrid gu h-uile neo-fl.reagarrach air failteachadh a chur air. Ach

toradh an Spioraid, tha so do-labhairt ionmhuinneach leis, a réir a theisteis féin, Dan Shol. v. 1, "Tha mi air teachd do m' lios, a phiuthar, a chéile ; thionail mi mo mhírr maille ri m' spiosraíd ; dh' ith mi mo chir-mheala maille ri m' mbhil ; dh' ol mi m'fhiòn maille ri m' bhainne." "Tha mi air teachd," tha e 'g ràdh, dh'ith mi, "dh'ùraicheadh mi." Tha e 'toirt mar ainm dha anns a' cheud chainnt, "Toradh a mhìllseachdan ;" mar ni anns am bheil toil-inntinn ro bharraichte air 'fhaotainn leis. Os barr, mar a tha Criod a' gabhail a shuipeir maille ris na naomhaibh, is amhuil sin a ghabhas iadsan an suipeir maille ris-san a réir a gheallaidh, chum gu'm bitheadh an comh-chomunn sin coimhliont' a tha aca ris. Tha Criod ag ullachadh cuirme air an son air dhòigh ro fhìlalaidh. Tha feòil air a marbhadh, tha fion air a mheasgadh, agus bord air a dheasachadh, Guàth-fhoc. ix. 2. Tha'n sògh spioradail sin a db'ullaich e dhoibh a' faotainn mar ainm uaith "cuirm," "cuirm bainnse," "cuirm de nithibh blasda, de fhion aosda air a dheadh tharruing," Isa. xxv. 6. Tha'n laogh biadhta air a mharbhadh air an son. Is e so, ma seadh, an comh-chomunn a tha eadar Criod agus na naomhaibh, agus an comh-chaidreamh a th'aca anns a' chomunn sin.

Ach a rìs :—Dàn Shol. ii. 1-7, "Is ròs o Sharon mise, lili nan gleann. Mar lili 'am measg droighinn, is amhuil mo ghràdh-sa am measg nan nighean. Mar chrann-ubhall am measg chrann na coille, is amhuil mo rùn-sa am measg nan òganach ; fo a sgàile mhiànnach mi, agus shuidh mi sios, agus bha a thoradh milis do mo bhlas."

Anns a' cheud dà rann tha iomradh Chriod againn, an toiseach air féin, agus, a rìs, air 'eaglais. Anns a' cheud rann, tha e 'deanamh iomraíd air féin ; is e sin, mar a tha e ann féin do'n chéile : "Is ròs o Sharon mise, lili nan gleann." Tha an Tighearn Iosa Criod air a choimeas anns na Sgriobtuiribh ris na h-uile ni barraichte anns a' chruthachadh gu léir. Mar a' ghrian agus an reul dhealraich mhaidne anns na nèamhaibh shuas ; mar leòmhan am measg ainmhidh na coille, leòmhan tréibh Iuda. Am measg bhlàth na macharach, tha e ann an so mar an ròs agus an lili. Tha'n dà ni sin anns am bheil blàthan a' toirt barrachd air am faotainn annta, eadhon, cùbhraidheachd agus maise. An ròs ann an cubhraidheachd, agus an lili ann am maise, a' toirt barrachd air an còmpanaich ; "cha robb Solamh 'na ghìòir uile, air 'eudachadh mar aon diubh so." Os barr ; "is ròs o Sharon" esan, an còmhnaid tarbhach, far am bitheadh na

treudan taghta 'g ionaltradh, 1 Eachd. xxvii. 29; còmhnhard cho ùrair, maiseach, as gu'n d'rinneadh an gealladh sin do'n eaglais gu'm bitheadh "maise Sharoin" air a thabhairt dhi, Isa. xxxv. 2. Anns a' chòmhnhard shùghmhoir so, gun teagamh, bha briseadh a mach nan ròs a bu bharraichte. Tha Criod, ann an cùbhraidheachd a ghràidh agus 'fhircantachd (a tha mar an trusgan anns an do shealbhaich Iacob a' bheannachd, a bha "mar fhàile fearainn a bheannaich an Tighearn"), mar an ròs ro mhaiseach so, chum a bhi 'tàladh eridheachan a naomh d'a ionnsuidh. Mar a bha iobairt-réite Chriod 'na tabhartas deadh-fhàile do Dhia, Eph. v. 2; mar sin, tha na naoimh a'faotainn cùbhraidheachd beothachaidh agus ùrachaidh o na gràsaibh sin leis an deachaidh 'ungadh air an son, Dàn Shol. i. 3. Tha deadh-fhàile ag eiallachadh gach ni a tha taitneach agus tlachdmhor, Gen. viii. 21. Is e Criod mar an cendna "lili nan gleann;" a tha comharaichte ann am maise, Mata vi. 29. Ro ionmhuiinneach a ta e ann an oirdheireas agus iomlanachd a phearsa; gun choimeas ann am maise 'am measg chloinn nan daoine: air an labhair sin an déigh so. Air do Chriod, ma seadh, a bhi mar so do na naomhaibh, 'na chuirm subhachais, 'na sgeadachadh sgèimhe, 'na thoil-inntinn nèamhaidh, agus 'na ghlòir barraichte, tha e 'nis a' dol air aghaidh a chur an céill ciod a tha na naoimh 'na shealladh-san: "Mar lili am measg droighinn, is amhuil mo ghràdh-sa am measg nan nighean." Tha Criod agus an eaglais ann an so air an coimeas ris an aon ni,—eadhon an lili,—do bhrìgh an comh-aonadh a tha aca r'a chéile tre aon Spiorad, agus mar an cendna, do brìgh an comh-chosmuileachd a tha eatorra, agus chum am bheil na naoimh air an roimh-òrdachadh. A nis, is lili an eaglais, ro mhaiseach ann an sùilibh Chriod; "mar an lili am measg droighinn;"—1. Ann an rathad a bhi 'toirt barrachd; mar a tha'n lili 'toirt barrachd air an droigh-eann, mar sin na naoimh ann an sùilibh Chriod am measg chloinn nan daoine. Bitheadh an coimeas ach air a dheanamh, agus bithidh an t-eadar-dhealaechadh comharaichte. Agus,—2. Ann an rathad deuchainn; bithidh a' chuid eile de'n t-saoghal ain am faotainn "mar dhris dhealgaich, agus mar dhris a bheir doilghios do thigh Israel," Esec. xxviii. 24. "Tha an tì a's fearr dhiubh mar dhris; tha an ti a's ionraice 'nam measg mar phris dhroighinn," Micah vii. 4. Mar so, ma seadh, tha'n eaglais 'am measg nan nighean,—eadhon 'am measg an luchd-aideachaidh a's inbheiche, nach 'eil ach mar sin a mhain. Cha-n urrainn oirdheireas ni air bith a bhi air àrdachadh ni's ro mhò

ann an coimeas air bith. Mar so, ma seadh, tha Criod dhoibhsan ann am firinn, rann 1; mar so tha iad-san 'na shùilibh-san mar an ceudna ann am firinn, rann 2. Ciod a tha Criod ann an sùilibh na h-eaglais, chi sinu ann an rann 3.

"Mar chrann-ubhall 'am measg chrann na coille, is amhuil mo rùn-sa am measg nan òganach; fo a sgàil mhiannaich mi, agus shuidh mi sios, agus bha a thoradh milis do mo bhlas." Chum a bhi 'leantuinn a mach a' chomh-chomuinn so, tha a chéile a nis a' cur seanachais 'an òrdugh leis an sgaoil i 'am farsuinneachd aithris a tlachd anns an Tighearn Iosa; agus mar a tha esan a' coimeas na h-eaglais ris an lili 'am measg droighinn, mar sin tha'n eaglais a' coimeas an Tighearn Iosa ris a' *chrann-ubhall* 'am measg chraunn na coille. Agus tha i 'toirt seachad an aobhair so air son a coimeis, eadhon gu bheil dà bhuaidh comharaichte so nan craobh ann, nach 'eil r'am faotainn 'am measg nan òganach; 1. *Toradh* chum bìdh; 2. *Sgàil* chum ùrachaiddh. Tha i ag itheadh de a thoradh, agus a' luidh sios fo a sgàil, le mòr thlachd. Gach neach eile am measg nam mac, eo dhiù is aingle iad, mic Dhé a thaobh cruthachaidh, no a' chuid a's inbheiche de shliochd Adhaimh, cinn-iùil nam buidheann sin ann an rann 2, a tha 'faotainn ainnm nan nigheann, no mic an t-seana chruthachaidh, meanghana mullaich sin a chinneis,—tha iad so uile do'n anam ocrach agus sgith, (an t-anam sin a mhain a mhiannaicheas sgàil agus toradh), mar chraobhaibh neo-tharbhaich na frithe, o nach tuit na measan sùghmhòr, agus nach tilg an duibhre fionnar. "Ann an Criod," a deir i, "tha toradh, toradh milis do'n bhlas; seadh, 'is biadh gu firinneach 'fheòil, agus is deoch gu firinneach 'fhuil,'" Eoin vi. 55. "Os bàrr, dh'oibrich e mach an fhìreantachd shiorruidh sin a riaraicheas gu h-iomlan m'anam ocrach, an déigh dhomh ruith gu dliomhain a dh'ionnsuidh gach eraobh neo-tharbhaich eile. Tha lànachdan saoibhir nan uile ghràs thaitneach agus luachmhòr a' gabhail còmhnuidh ann, as am feud mi compair-teachadh; seadh, tha 'ghairm féin thugam, 'Ithibh, a chàirdean, blaibh, seadh, blaibh gu paitl, a luchd mo ghaoil,'" Dàn Shol. v. 1. Is iad so na toraidhean a tha Criod a' giùlan. Bithidh euid a' labhairt mu chraobh a tha 'giulan gach ni a tha feumail air son bìdh agus eudaich. Is e Criod eraobh na beatha sin, a tha 'giùlan gach ni feumail chum na beatha maireannaich. Annsan tha'n fhìreantachd sin air am bheil ar n-anaman an geall; annsan tha nisge sin na beatha, ma dh'òlas neach dheth, cha bhi tart gu bràth air, Eoin iv. 14. Oh, cia cho blasda as a

tha toraidhean an réite sin a rinn e do bhilibh creidimh nan naomh! Feumaidh esan a bhi gu h-iomlan 'na choigreach do'n fhion aosda sin a dh'ullaich Dia air son nan creideach, nach urrainn saorsa 'phaotainn ann an tròcair, ann am maitheanas, ann an gràs, ann an deadh-ghean Dhé, ann an naomhachadh an Spioraid, agus ann an naomhachd iomlan. Tha sgàilean fasgaidh agus teàrmuinn aige mar an ceudna ;—dlion o fléirg 'an taobh a muigh, agus iùrachadh o sgios anns an taobh a stigh. Is e ceud fheum na sgàile bhi 'gar dion o theas na gréine, mar a rinn luidh-sgàil Ionah. 'N uair a tha teas na corruiich ullamh air an anam a losgadh suas, tha Criod a' teachd 'san eadraignn, agus 'ga ghiùlan uile ann fèin. Fo sgàil a sgìathan feudaidh sinn luidh sios ann an sìth agus ann an tèaruinteachd, a' cur ar dòchais ann; agus so uile le mòr thlachd. Seadh, cò a's urrainn aoibhneas an anama sin a chur an céill a tha air faotainn dìdean suaimhneach o fheirg fo sgàil fireantachd an Tighearna Iosa. Tha iùrachadh mar an ceudna ann an sgàil do neach *sylth*. Tha Criod "mar sgàil creige miòire ann an tìr airsnealaich," Isa. xxxii. 2. Annsan tha suaimhneas agus fois o chumhaechd nan truaillidheachd, o thrioblaid bhuairidhean, agus o àmhghar nan geur-leanmhuinn, Mata xi. 27, 28.

Air dhoibh mar so comh-chainnt a dheanamh mu shubhaileibh a chéile, air dhoigh a tha 'deanamh ro aithnichte nach comasach dhoibh gun toil-inntinn a ghabhail ann an comunn a chéile, tha'n comh-chomunn féin a nis air a chur an céill gu farsuinn anns na rainn a leanas. Bheir sinn fainear gu h-aithghearr ceithir nithe a tha ann :—(1.) *Millseachd*. (2.) *Toil-inntinn*. (3.) *Tèaruinteachd*. (4.) *Comhfhurtachd*.

(1.) *Millseachd*: "Threòraich e mi do thigh an fhiona." Tha an comh-chomunn so gu léir air a chumail a mach ann an càinnt a tha 'giulan am millseachd agus an iùrachaidd a's ro àirdé,—còrnabhbh, ubhlan, fion, agus mar sin air aghaidh. "Rinn a cuirm air mo shon," tha 'chéile ag rádh, "mar is gnàth le urra mòr." Aig cuirmibh fial, tha aoidhean àrd-inbheach air an treòrachadh a stigh do thigh an fhiona 's na sòighe rioghaile. Is i a chuirm so ullachadh saoibhir gràis agus tròcair,—gràdh agus caoimhneas, eadhon coimh-leasachadh iomlan an t-soisgeil, air a chur an céill ann an comh-chruinneachadh nan naomh, agus air 'fhoillseachadh tre'n Spiorad. Tha'n gràdh so ni's fearr na fion, Dàn Shol. i. 2; cha bhiadh agus deoch e, ach fireantachd, agus sìth, agus aoibhneas anns an Spiorad Naomh, Rom. xiv. 17. Tha nithe blasd' an t-soisgeil nan cuirm sòghmhor; thig e gus

an aon ni, eo dhiubh a thuigeas sinn le tigh an fhìona na *Sgriobtuirean*, no an *soisgeul*, no òrduighean tigh' an Tighearna air am frithealadh ann an comh-chruinneachadh nan naomh, no mar fhoillseachadh comharaichte d'a ghràdh,—mar nach obair na h-uile làtha idir euir, agus cha-n'eil i air a sealbhachadh aig na h-uile h-àm abhaisteach bìdh. Is e fion an ni a th'air a ghealltuinn,—fion a ni cridhe an duine subhach, a chuireas air dhì-chuijmhe a bhochdainn, agus a thogas suas a ghnùis 'an suilbhireachd, Gnàth-fhoc. xxxi. 6, 7. Tha gràs Chriosd, a tha air a chumail a mach ann an òrduighean an t-soisgeil, làn ùrachaidh, agus neartachaidh, agus comhfhurstachd, agus millseachd, do anamaibh nan naomh. An-aoibhinn do na h-anamaibh sàthach le'n gràin na cìrean-meala so ! Mar so, ma seadh, tha Chriosd a' deanamh tighean fiona de uile mheadhonaibh nan gràs, anns am bheil e 'deasachadh chuirmean spioradail d'a naomhaibh.

(2.) *Toil-inntinn.* Tha cridhe na céile gu tur air 'éigneachadh le millseachd na cuirme so ; a' faotainn gràidh, agus cùraim, agus caoimhneis, air am buileachadh le Chriosd ann an comh-chruinneachadh nan naomh. Uaith so tha i a' togail a glaoidh, rann 5, "Cumaibh suas mi le còrnaibh, sgapaibh übhlàn mu m' thimchioll, oir a ta mi tìnn le gràdh." Air do mhìllseachd agus do oirdheirceas Chriosd a bhi air am foillseachadh ann an tigh an fhìona, tha'n t-anam air ball a' brioscadh 'na ghlacaibh, agus a' glaodraich a mach airson làin sheilbh 'faotainn air. Tha i "tìnn le gràdh :" cha-n ann, mar a their euid, a' fannachadh, fo eagalaibh feirge, gun mhothachadh a bhi aic' air a ghràdh ; ach air a deanamh tìnn agus fann, seadh, air call a neart gu h-iomlan, fo oibreachadh eumhachdaich na h-aigne diadhaidh sin, air bhi dhi aon uair blasad de mhìllseachd Chriosd ann an tigh an fhìona. Tha miann a h-anama, mar an dòchas a bhitheas fada gun choimhlionadh, a' deanamh a cridhe tìnn ; uime sin, tha i a' glaodraich a mach, "Cumaibh suas mi le còrnaibh ;"—"Chunnaic mo shùilean an Rìgh 'na mhaise, bhlàis mi de thoradh 'fhìreantachd ; tha m' anam air leaghadh sios annam 'an geall air. Oh ! eumaibh suas mo spiorad le a làthaireachd ann an òrduighibh a thighe,—còrnaibh agus übhlàn a thigh-fiona,—air eagal gu'm fag mo chridhe gu buileach mi ! Oh, ciod e so a rinn thu, Iosa bheannaichte ! Chunnaic mo shùilean thu, agus rinneadh m' anam mar charbadan Aminadaib. Thigeadh do neart gu m' chuideachadh, air eagal gu'm faigh mi bàs." Tha dà ni r'a dheanamh an uair a tha neach air bith a'

fannachadh :—feumar a chumail suas, air eagal gu'n tuit e ; agus feumaidh cungaidhean beothachaidh a bhi air an gnàthachadh d'a thaobh. Tha ùrnuigh an anama suas ann an so 'an aire an dà ni so, air bhi dha a' fannachadh fo dhian-oibreachadh a ghràidh féin, air a lasadh suas ann fo bheachd gràidh Chriosd dha. Bu mhiann leis gràs neartachaidh 'fhaotainn chum a chumail suas anns a' chor sin, ann an uile shlighibh a dhleasanais ; agus mar an ceudna comhfhurtachd an Spioraid Naoimhe, chum a bhi air a bheothachadh agus air a shàsachadh, gus an tig e dh' ionnsuidh làin sheilbh 'fhaotainn air Criod. Mar so, ma seadh, tha'n comh-chomunn so a' dol air chleachdadh ann am mìllseachd agus ann an toil-inntinn.

(3.) *Tèaruinteachd* : “B'i a bhratach tharum an gràdh,” rann 4. Tha 'bhratach 'na samhladh air dion agus tèaruinteachd,— 'na samhladh air làthaireachd feachd. Campaichidh luchd nan armait sios 'an tèaruinteachd fo dhòn na brataich. Mar sin rinn Israel anns an fhàsach ; gach treubh a campachadh fo a bratach féin. Tha i mar an ceudna 'na samhladh air soirbheachadh agus buaidh, Salm xx. 5. Is i bratach Chriosd os ceann a naomh an gràdh ; agus bitidh an tèaruinteachd sin uile aca a's urrainn a ghràdh a bhuleachadh orra. Tha so 'gan dion o ifrinn, agus o'n bhàs, agus o'n naimhdibh gu léir. Cha chomasach do ni air bith bualadh orra as eugmhais a dhol troimh bhratach gràidh an Tighearn Iosa. Tha mòr thèaruinteachd spioradail aca, ma seadh, a's e an treas ni anns a' chomh-chomunn a tha aca maille ris.

(4.) *Comhfhurtachd agus cumail suas*, rann. 6, “Tha a làmh chli fo m' cheann, agus a làmh dheas timchioll orm.” Tha Criod ann an so ann an suidheachadh a' charaide mhaoth-chridhich, ag altrum neach dubhach agus tìnn. Tha an t-anam a' fannachadh le gràdh,—miannan spioradail an déigh a chomuinn ; agus tha Criod a teachd a stigh le fàilteachadh a ghràidh. Tha e 'g altrum agus ag eirdneachadh 'eaglais, Eph. v. 29. A nis, tha'n “làmh fo'n cheann” a' ciallachadh, gràs neartachaidh agus cumail suas, ann an àmhgharaibh agus ann an trioblaidibh ; agus an “làmh m'a timchioll,” an làmh air a' chridhe, a' ciallachadh, sòlasachadh agus comhfhurtachadh ;— anns an dà ni so, tha Criod a' deanamh gairdeachais, mar fhear nuadh-posda, 'na mhnaoi, Isa. lxii. 5. Ann an so tha comh-chomunn da rìreadh, a bhi luidh sios ann an uchd gràidh Chriosd, fo fhrithealadh éifeachdaich a neartachaidh agus a chomhfhurtachd. Agus do bhrigh so, rann 7, tha 'chéile ro

dhùrachdach gu'm bitheadh an comunn so maireannach, gun bhriseadh aice, a' eur mar fhiachaibh air na h-uile gun dragh a chur air fear a gràidh, no brosnachadh air bith a thoirt dha gu falbh uaithe.

Ach, gu h-aithghearr, tha leabhar so an Dàin gu léir a' deanamh sgéil air a' chomh-chomunn a tha eadar an Tighearn Iosa agus a naomhaibh; agus, uime sin, cha'n-eil aobhar dhuinn o bhi lòn-mhoireachadh eisampleirean.

Cha dean sinn aig an àm ach an t-àite sin anns na Gnàth-flhocail 'ainmeachadh, caib. ix. 1-5, "Thog gliocas a tigh, shnaidh i a seachd puist; mharbh i a feòil; mheasg i a fion; dheasaich i mar an cendna a bord: chur i mach a h-oighean; tha e a' gairm air na h-àitibh a's àirdé de'n bhaile, Ge b'e neach a tha baoghalta, thigeadh e a stigh an so: riu-san a tha dhìth tuigse, tha i ag ràdh, Thigibh, ithibh de m' aran-sa, agus olaibh de'n fhion a mheasg mi."

Tha an Tighearn Iosa Criod, neach a's e Gliocas siorruidh an Athar, agus a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas, a' togail *tighe spioradail*, anns am bheil e' deanamh deasachaidh air son nan aoidhean sin a rinn e gu saor a chuireadh. Is i 'eaglais féin an tigh a rinn e a thogail air àireamh ionlan phost, chum gu'm bitheadh bunait seasmhach aige: is i an fheòil a mharbh e, agus am fion a mheasg e, leis am bheil a bhord air a dheasachadh, ullachadh spioradail, sultmhòr an t-soisgeil, a rinn e 'dheasachadh air an son-san a thig a stigh air a chuireadh. Nach comh-chomunn so ris da rìreadh,—a bhi 'g itheadh de'n aran, agus ag òl de'n fhion, a rinn e 'ullachadh air dhòigh cho gràsmhor? eiod na dòighean no na meadhona eile anns am bheil e comasach comh-chomunn ni's dlùithe 'shealbhachadh?

Dh' fheudamaid so a leantuinn a mach ni's fhaide, le bhi 'toirt fainear nan *dàimhean* anns am bheil Criod agus a naoimh a' seasamh d'a chéile,—dàimhean anns am bheil comh-chomunn gu soilleir a' dol air chleachdad, ma smuainicheas sinn gu bheil iad dileas annnta: ach tha so gu coitchionn air a thoirt fainear agus bithidh ni-éigin air a labhairt uime ann an aon eisampleir comharaichte 'an déigh so.

CAIBIDEIL II.

Ciod anns am bheil comh-chomunn àraidh againn ris an Tighearn Iosa Criosc—Ann an gràs—So air a dhearbhadh, Eoin i. 14, 16, 17 ; 2 Cor. xiii. 14 ; 2 Tessal. iii. 17, 18—Iomadh seadh aig an fhocal “gràs”—Maise pearsanta Chriosc air a thoirt fainear—Maise Chriosc mar Eadar-mheadhonair air a chiallachadh, Salm xlvi. 2—Dàn Shol. v. 10, eionnus a tha Criosc geall agus dearg—Uile-fhreagarrachd chum sláinte, o ghràs an aonaidh—A lànachdan airson sláinte—A fhreagarrachd gu bhi cosnadh ar gràidh—An comh-chuir.

IL Air dhuinn a nochdadhl gu bheil comh-chomunn àraidh aig na naomhaibh ris an Tighearn Iosa, theid sinn a nis air ar n-aghaidh, anns an dara àite, chum a bhi 'leigeadh ris ciod anns am bheil an comh-chomunn àraidh so aca ris.

A nis, tha so ann an GRAS. Tha so anns gach àite air a chur as leth Chriosc ann an rathad inbheach. Eoin i. 14, “Ghabh e còmhnuidh 'nar measg-ne . . . làn gràis agus firinn ;”—fior bhith nan gràs neo-shamhlach. Cha robh anns na thainig roimh sin ach sgailean agus samhlaidhean ; ann an Criosc a mhain tha gràs air teachd a thaobh dearbh bhith agus brigh. “Thainig an gràs agus an fhìrinn le Iosa Criosc,” rann 17 ; “agus as a lànachd-san fhuair sinn uile, agus gras airson gràis,” rann 16 ;—is e sin, tha comh-chomunn againn ris ann an gràs ; tha sinn a'faotainn gach uile ghnè gràis uaith, agus ann a bhi 'ga fhaotainn tha comh-chomunn againn ris.

Mar so, mar an ceudna, anns a' *bheunnachadh abstoil* sin, anns am bheil compaireachadh nam beannachdan spioradail ris na naomhaibh air a chur as leth gach pearsa fa leth air dhòigh eadar-dhealaichte, is e gràs a tha air a chur as leth an Tighearn Iosa Criosc, 2 Cor. xiii. 14, “*Gràs* ar Tighearna Iosa Criosc, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid Naoimh gu'n robh maille ribh uile.”

Seadh, is eo mòr a tha Pol air a lionadh le so, as gu bheil e air focal suaicheantais a dheanamh dheth, agus an comharadh leis am bu mhiann leis a litrichean a bhi air an aithneachadh, 2 Tessal. iii. 17, 18, “Failte uamsa Pol le m' laimh féin, ni a's e an comharadh anns gach uile litir : mar so tha mi a' sgriobhadh. *Gràs* ar Tighearn Iosa Criosc gu robh maille ribh uile.” Seadh, tha e 'deanamh an dà fhocal sin, “*Gràs* gu robh maille ribh.” agus, “*An Tighearn Iosa gu robh maille ribh,*” coimh-chiallach ;

oir a mheud 's gu'n d' ainmich e a' cheud aon mar an comharadh anns na h-nile litir, gidheadh air uairibh a' cleachdadadh aoin diubh a mhain, air uairibh an aon eile, agus air uairibh 'gan cleachdadadh mar an ceudna maraon, tha e mar sin 'gan deanamh coimh-chiallach. Is e so ma seadh, an ni sònruichte a tha sinn gu bhi beachdachadh anns an Tighearn Iosa, chum a bhi 'ga fhaotainn uaith, eadhon gràs, gràs an t-soisgeil, air 'fhoillseachadh no air a chumail a mach anns an t-soisgeul. Is esan a chlach-chinn ann an aitreibh teampuill Dé, a bhitheas air a toirt a mach le h-iolach, "Gràs, gràs gu'n robh dhi," Sech iv. 7.

Tha iomadh seadh aig an fhocal gràs. Feudar iad sin a's comharaichte 'ainmeachadh fo na trì chinn so a leanas :—

1. *Sgèimh, no maise pearsanta.** Mar sin their sinn gu coitchionn, "Pearsa maiseach agus tlachdmhor," aon chuid o'n mhaise a bhuineas do phearsa neach ann féin, no o sgeadachadh a thrusgain, Gnath-fhoc. i. 9. Tha earrann mhòr de leabhar Dàin Sholaimh air a cleachdadadh ann an deanamh iomraidh air maise pearsanta so Chriosd; tha e mar an ceudna air 'ainmeachadh ann an Salm xlv. 2, "Is maisich thu na clann nan daoine; dhòirteadh gràs ann ad bhilibh." Bheir sin mar an ceudna a stigh fo'n cheud cheann so, mar ni a bhuineas do mhaise pearsanta Chriosd, an seadh sin eile a tha aig an fhocal gràs, a dh'ainmicheas sinn fo'n treas ceann, mar ni a tha air a chompairteachadh ruinne. Tha tiodhlacan agus toraidhean do-mheasrachaидh sin an Spioraid a thugadh dha agus a dh' fhàs suas ann, a' coimh-leasachadh oirdheirceis a phearsa; mar a bheir sinn fainear an déigh so.

2. *Fabhar saor agus deadh-ghean.* Leis a' ghràs so tha sinn air ar tàernadh, Eph. ii. 5; is e sin, fabhar agus deadh-ghean gràsmhor Dhé ann an Criosd. Ann an t-seadh so tha e air a chleachdadadh anns a' chainnt ghnàthaichte sin, "Ma fhuair mi deadh-ghean a' d' shùilibh;" 'se sin, ma tha mi gabhta leat gu saor ann an deadh-ghean. Mar sin "bheir e gràs"—'se sin, fabhar—"dhoibh-san a tha iriosal," Seumas iv. 6; Gen. xxxix. 21.

3. *Toradh an Spioraid,* a' naomhachadh agus ag ath-nuadhachadh ar nàduir, 'gar cuideachadh ann an deanamh maith, agus 'gar gleidheadh o'n olc. Mar sin tha gealladh an Tighearna do Phol, "Is leòir mo ghràs-sa dhuit;" is e sin, an cuideachadh a thugadh dha an aghaidh a' bhuairidh, 2 Cor. xii. 9; Col. iii. 16.

* Tha am focal "gràs" a' giùlan an t-seadh so anns a' Bheurla. Ead.

Their sinn ri gràs anns an dà sheadh mu dheireadh so, mar a tha e ann an Criosc air ar son-ne, *gràs coisinnite Chriosd*, air bhi dha air a chosnadh leis air ar son; agus goirear de'n chomh-chomunn a tha againn ris anns a' ghràs sin, "comh-chomunn fhulangais agus cumhachd 'aiseirigh," Phil. iii. 10.

I. Bheir sinn fainear air tùs an ceud seadh dhiubh so ris an abair sinn *maise pearsanta*, agus bheir sinn fainear dà ni d'a thaobh :—(1.) Nochdaidh sinn ciod anns am bheil maise pearsanta Chriosd a' coimh-sheasamh. Agus,—(2.) A bhi 'cur an céill cionnus a tha *comh-chomunn neo-mheadhonach* aig na naomhhaibh ris ann.

(1.) Chum a bhi 'làimhseachadh a' chend ni dhiubh so, cha dean sinn ach an aon roimh-bheachd so a thoirt seachad :—Gur e Criosc mar eadar-mheadhonair mu'm bheil sinn a' labhairt; agus uime sin, le "mais' a phearsa," cha-n'eil sinn a' ciallachadh,—

[1.] *Oirdheirceis glòrmhor a Dhiudhachd* annta féin, eadar-dhealaichte o'n dreuchd sin a ghabh e os làimh, mar Dhia agus mar dhuine, air ar son.

[2.] Cha mhò a tha sinn a' ciallachadh cruth no coslais faicsinnich *nàdluir a dhaonnachd*, aon chuid ann an staid 'irioslachaidh air thalamh, a' giùlan ar n-aunnhuinneachd, no ann an staid 'àrdachaidh a nis ann an gloir. Bha sealladh eile aig an fhàidh air a chruth mar dhuine, agus sin do bhrìgh na h-uallaich a chaidh 'leagadh air, Isa. iii. 14. Tha mòran mar an ceudna air an giùlan air falbh le beachdaibh feòlmhor mu ghlòir a dhaonnachd a nis air nèamh, agus a' taigseadh urrain agus aoraidh dha a tha tumta ann am breunnachd na mac-meannna thruaillte a thug bith dha; ni anns nach 'eil ach aithneachadh air Criosc a tha réir na feòla, 2 Cor. v. 16, agus a tha 'faotainn leasachadh beathachaidh o ghràineileachd nan iomhaigh amайдeach, mar 'am measg Phàpanach. Ach is e a tha sinn a' ciallachadh le maise pearsanta Chriosd,—birdheirceas a phearsa air a sgeadachadh le dreuchd na h-eadar-mheadhonaireachd,—a sgèimh, agus a mhaise, agus 'inbheachd spioradail, mar a tha e air a chomharachadh agus air 'ùngadh leis an Athair a dh'ionnsuidh na h-oibre mòire sin,—a bhi 'toirt dhachaidh chum uehd a ghràidh na h-uile 'thugadh dha chum slàinte.

Anns an t-suidheachadh so, ma seadh, tha na Sgriobtuirean a' deanamh iomraidih air mar neach a tha 'toirt barrachd ann an oirdheirceas, ann am mise, agus ann an ionmhuinneachd, air

gach tairbhe cruthaichte a's taghta, agus air gach cuspair gràidh a's annsa.

Salm xlvi. 2, "Is maisich thu na clann nan daoine, dhòirteadh gràs ann ad bhilibh." Cha d'fhagadh coimeas idir dha 'am measg chloinn nan daoine ann am maise agus ann an gràsmhorachd. Tha am focal a tha air 'eadar-theangachadh "maisich" air a dhublachadh anns an Eabhra, chum a bhi 'meudachadh a bhrìgh, agus a chum a bhi 'g àrdachadh a chuspair os ceann na h-uile coimeas. Rinn euid eile na briathran 'eadar-theangachadh, "Tha d' àilleachd, O Righ Mhessiah, ni's oirdheirc na mic nan daoine." "Barraichte ann am maise thar coimeas nam mac." Tha glòir agus maise spioradail ann an so air an cur an cùill fo shamhladh cruth agus coslais faicsinnich, do bhrìgh gu'n robh maise pears' air a mheas ro thatneach ann-san a bha gu bhi rioghachadh 'am measg dhaoine. Tha Isaiah, caib. iv. 2, ann a bli labhairt mu "Mheangan an Tighearna," agus "Toradh an fhearrainn," ag ràdh gu'm bi e "oirdheirc agus maiseach, sgiamhach agus glòrmhor;" oir "annsan tha uile iomlanachd na Diadhachd a' gabhail còmhnuaidh gu corporra," Col. ii. 9.

Tha ceisd air a cur air a chéile, Dàn Shol. v. 9, a thaobh an na so féin, eadhon a thaobh oirdheirceis pearsanta an Tighearn Iosa, fir a gràidh : "Ciod e fear do ghràidh," deir nigheanan Ierusalem, "thar fear gràidh eile, O thusa a's àillidh am measg bhan ? ciod e fear do ghràidh-sa thar fear gràidh eile ?" agus tha i 'toirt an fhreagraidh so seachad, rann 10, "Tha fear mo ghràidh-sa geal agus dearg, sònruichte am measg dheich mìle ;" agus mar sin a' gabhail air a h-aghaidh a' sgaoladh nan oirdheirceas a tha ann gu mion, gu deireadh a' chaibideil, far am bheil i a' comh-dhùinadh gu bheil e "gu léir ionmhuinn," rann 16; mu'n labhair sinn an déigh so. Ann an so tha i 'comharachadh a mach gu bheil e "geal agus dearg ;" daithean a th'air an coimh-niheasgadh anns a' ghniùis a's so mhaisiche.

Anns a' cheud àite,—Tha e geal ann an glòir a *Dhiudhachd*, agus dearg ann an luachmhoireachd a *dhaonnachd*. "Tha 'thiaclan ni's gile na bainne, agus a shùilean ni's deirge na fion," Gen. xlxi. 12. Is e "gile"—ma dh'fheudas sinn labhairt mar sin—snuadh na glòire. Ann an taisbeanadh glòrmhor sin an Ti a's Airde, "Aosda nan làithean," Dan. vii. 9, tha so sgrìobhla, "Bha a thrusgan geal mar shneachdad, agus folt a chinn mar olainn ghloin ;"—agus mu Chriosd air beinn a' chruth-atharrachaidh, 'nuair a dhealaich a mach glòir a

Dhiadhachd, "Dhealraich 'aghaidh mar a' ghrian, agus rinneadh 'eudach geal mar an solus," Mata xvii. 2; mu'm bheil an soisgeulach Marcus ag ràdh, "Geal mar an sneachd ; air mhodh nach robh e'n comas do għlanadair-eudaich air thalamh a ghealachadhl, caib. ix. 3. B'e glòir diadhaidh, agus nèamhaidh, ro bħarrachte, a dhealraich air, Taisb. i. 14. Agus uaith so, tha na h-ainglean agus na naoimh ann an glòir, a tha 'g amhare a għnàt air a għlòir, agus a tha gu h-uile air an atharrachadhl chum iomhaigh na glòire ceudna, air an ainmeachadhl ag imēchd ann an culaidhibh geala. Is e ġħile, ma seadh, a Dhiadhachd, agus glòir na Diadhachd. Tha e mar an ceudna dearg ann am maise na daonnachd. Thugadħ Adhamh mar ainx air an duine do bħrīgh an iire dheirg o'n do chruth-aicheadh e. Tha am focal a th'air a chleachdadh ann an so mu *dheirge* Chriosc 'ga chomħarachadhl a mach mar an dara Adhamh, air gabħail comh-roinn a dh'fheoħi agus a dh'fhuil, do bħrīgh gu'n robh aig a chloinn comh-roinn diuħi sin, Eabh. iii. 14. Bheir sinn fainear an déigh so maise agus oirdheirceas pears' an Tigħearn Iosa ann an aonadh an dà nāduir so.

Anns an dara àite,—Tha e *geal* ann am maise na naomhachd agus na neo-chiontais, agus *dearg* ann am fuli a thabhartais. Is e gile suaicheantas na naomhachd agus na neo-chiontais. Tha e air aithris mu na Nasaraich a thaobh an naomhachd shamhlachail, "Bha iad ni bu ghloine na sneachd, bu ġħile iad na bainne," Tuir. iv. 7. Agus tha am faidh a' nochdadh gur h-iad scarlaid agus coreur daithean a pheacaidd agus na cionta, agus gile dath na neo-chiontais, Isa. i. 18. Bha Fear ar gràidh na "Uan gun chron, gun smal," 1 Phead. i. 19. "Neach nach d'rinn peacadħ, ni mò a fuwaradħ cealg 'na bheul," 1 Phead. ii. 22. Bha e "naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadħ o pheacachaibh," Eabh. vii. 26; mar a bheir sinn fainear an déigh so. Agus, gidheah, rinneadh esan a bha cho geal na neo-chiontas, dearg 'na fhuil féin; agus sin ann an dà rathad :—Air tħus, *Gu nādurra*, ann an dòrtadħ a mach 'fhuil luachmhor féin, ann an eruaidh ghleachd sin 'anama, 'nuair a bha 'fħallus mar bhraonaibl mōra fola a' tuiteam sios air an talamh, Lucas xxii. 44; agus mar an ceudna 'nuair a dhöirteadħ a mach gu ro phailt e o reubaiddhibh an sgiursaidh agus an droighinn, agus o lotaibh nan tāirngħan 's nan sleagh : "Thàinig a mach fuli agus uisge," Eoin xix. 34. Bha e mar so dearg le bhi air a thumadħ, mar gu'm b'ann, 'na fhuil féin. Agus, a ris, *Gu modħannail*, o phecadħ a bhi air a mheas dha,

a tha mar scarlaid agus mar choreur. “Rinn Dia esan do nach b’ aithe peacadh ’na pheacadh air ar son-ne,” 2 Cor. v. 21. Rinneadh esan a bha geal dearg air ar son-ne, a’ dòrtadh a mach ’fhuil féin ’na thabhartas air son peacaidh. Tha so mar an cendna a’ meudachadh a mhaise : le a ghile choimhlion e an lagh ; agus le ’dheirge riaraich e ceartas. “Is e so Fear ar gràidh, O nigheanan Ierusalaim.”

Anns an treas àite,— Tha oirdheirceas ionmhuinneach Chriosd ann an *riaghlaigh a rìoghachd* air ’filleadh ann an so. Tha e geal ann an gràdh agus ’an tràcair d’ a phobull ; agus dearg ann an ceartas agus ’an dioghaltas air a naimhdibh, Isa. lxiii. 3 ; Taisb. xix. 13.

Tha tri nthithibh anns am bheil oirdheirceas agus maise pear-santa so an Tighearn Iosa Criosd gu coitchionn a’ coimh-sheasamh :—An ceud ni, A *fhreagarrachd* gu bhi tèarnadh, agus sin o *ghràs an aonaidh*, agus toraidhean nàdurra an aonaidh. An dara ni, A *lànachd* chum tèarnaидh, agus sin o *ghràs a’ chomh-chomuinn*; no na toraidhean saor a tha ’leantuinn gràis an aonaidh. An treas ni, An oirdheirceas a tha ann chum a bhi cosnadh ar gràidh, agus sin o’n *uile-fhreagarrachd* a tha ann air son uile uireasbhuidhean anaman dhaoine :—

An ceud ni,— A *fhreagarrachd* gu bhi tèarnadh,—is Fear-saoraidh freagarrach e ; agus sin, tha sinn ag ràdh, o *ghràs an aonaidh*. Tha aonadh nàduir Dhé agus nàduir an duine anns an aon phearsa a’ deanamh Fir-saoraidh uile fhreagarrach dheth gus a’ cheum a’s fhaid’ a mach. Tha e comasach a làmh a chur air Dia, do bhrigh nàduir Dhé a bhi aige, Sech. xiii. 7 ; agus tha e comasach a làmh a chur oirnne, do bhrigh nàduir an duine ’bhi aige mar an ceudna, Eabh. ii. 14, 16 : agus mar sin, a’ teachd a stigh mar fhear-réite eadar Dia agus duine. Do bhrigh so tha an doimhne mhòr sin a rinneadh eadar Dia agus sinne tre’n pheacadh air a lionadh suas, agus sinne ’bha fad o làimh air ar toirt am fagus ann-san. Is ann do bhrigh so a fhuaireadh farsuinneachd ni’s leòir ’na uchd, agus cumhachd ni’s leòir ’na spiorad, gu bhi ’giùlan lànachd na corruiich sin a bha deasaichte air ar son-ne. Bha am peacadh *neo-chrìochnach* do bhrigh an *cuspair* an aghaidh an robh e ; agus bha am peanas *neo-chrìochnach* do bhrigh nàduir a’ *chiontaich*. Tha so, ma seadh, o ghràs an aonaidh.

Is e a th’ anns an *aonadh* so, nàdur Dhé agus nàdur an duine air an aonadh anns an aon phearsa, Eoin. i. 14 ; Isa. ix. 6 : aonadh aig am bheil na toraidhean neo-sheachanta so a leanas :—

An ceud thoradh,— Gu bheil *bith* aig nàdur na daonnachd ann am pearsa Mhic Dhé, as eugmhais *bith* riàmh a bhi aige ann féin, Lucas i. 35 ; 1 Tim. iii. 16.

An dara toradh,— An comh-phàrtachadh bhuidhán sin anns a' phearsa, trid am bheil gach ni a tha coimh-ghnèitheil do gach nàdur fa leth, air a chur as leth pearsa Chriosd, eo ac' a tha e air 'ainmeachadh mar Dhia no mar dhuine, Gniomh. xx. 28 ; iii. 21.

An treas toradh,— Dreuchd na h-eadar-mheadhonairreachd air a cur an gnòmh anns an aon phearsa, 'na dhà nàdur : anns am bheil r' a bheachdachadh, *air tùs*, an gnòmhaiche, Criosd féin, an Dia-duine. Is esan tobar an oibreachaidh,—am freumh o'm bheil beatha agus éifeachd air an cur anns an obair gu léir; agus a ris, *anns an dara àite*, Sin a tha 'g oibreachadh, eadhon an dà nàdur air am beachdachadh gu h-eadar-dhealaichte. *Ann an treas àite*, An oibreachadh éifeachdach ann féin, a bhuidhán do gach nàdur fa leth. Agus, *anns an aite mu dheireadh*, An toradh iomlan a tha 'g éiridh o'n phearsa gu léir, agus aig am bheil dàimh ris gach nàdur ann : mar sin a' lorgachadh an oirdheirceis air am bheil sinn a' labhairt a dh' ionnsuidh an aonaidh phearsanta.

Is e an dara ni anns am bheil oirdheirceas pearsanta Chriosd a' coimh-sheasamh, a lànachd chum tèarnaidh, o ghràs a' chomh-chomuinn no o thoraidhibh an aonaidh, a tha saor; agus o uidheamachadh an Athar air, tre àungadh an Spioraid, chum oibre ar sláinte : "Air an aobhar sin tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a thèarnadh gu h-iomlan," Eabh. vii. 25; air do gach uile lànachd a bhi air a chompairteachadh ris chum na crìche sin; "Oir b'e deadh thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan," Col. i. 19; agus "cha-n ann a réir tomhais a tha Dia a' toirt an Spioraid da," Eoin iii. 34. Agus as an lànachd so tha e 'frithealadh cuibhrinn làn fhreagarrach orra-san uile a's leis, "gràs airson gràis," Eoin i. 16. Na'm bitheadh e air 'fhaotainn a réir tomhais, is fhad' o bhith eamaid air a thràghadh.

An treas ni,— An oirdheirceas a tha ann chum a bhi cosnadh ar gràidh, agus sin o'n uile-fhreagarrachd a th' ann airson uile uireasbhuidhean anama dhaoine. Cha-n' eil duine air bith air am bheil uireasbhuidh sam bith a thaobh nithe Dhé, nach bi Criosd dha a réir fheuma : tha sinn a' labhairt d' an taobh-san a thugadh dha o'n Athair. Am bheil e marbh ? tha Criosd

'na *bheatha*. Am bheil e anmhunn ? is e Criod cumhachd Dhé, agus *gliocas* Dé. An bheil e mothachadh *cionta* ? tha Criod 'na *fhlreantachd* ionlan,—“An TIGHEARN ar Fireantachd.” Tha ionadh truaghan ann fo gheur-mhothachadh uireasbhuidh, gidheadh a tha dall air tobar a chuideachaидh. Co ac' is beatha, no solus, no cumhachd, no aoibhneas e, tha 'n t-ionlan air a phasgadh suas ann-san.

An uiread so, ma seadh, aig an àm, ann an rathad coitchionn, mu mhaise pearsanta an Tighearna Iosa Criod :—Tha freagarrachd tèarnaidh ann, air do thruacantachd agus comas, air do mhaoth-chridheachd agus cumhachd a bhi aige, chum an obair sin a chur air aghaidh gus a cheum a's fhaide mach ; agus tha lànachdan tèarnaidh ann,—lànachdan saoraidh agus naomhachaidh, lànachdan fireantachd, agus lànachdan an Spioraid, freagarrach ri uile fheuman ar n-anama gu léir : uaith so tha e gu h-uile ion-mhiannaichte, seadh, gu léir ionmhuinn ; mar a bheir sinn fainear ni's meana an déigh so. Agus a thaobh so, anns a' cheud àite, tha comh-chomunn eadar-dhealaichte aig na naomhaibh ris an Tighearn Iosa Criod ; nochdaidh sinn anns a' chaibideil a leanas, cionnus a tha an comh-chomunn sin a' dol air chleachdadh.

O'n ionradh so a rinneadh a cheana air a chliù-san ris am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh, dh' fheudamaid cuid de mheadhonaibh brosnachaidh oirnn a tharruing a dh' ionnsuidh an dleasannais sin ; agus mar an ceudna cuid de bheachdaibh a thoirt seachad ann an rathad a bhi 'nochdadhd ñiomhanais na h-uile ni eile air am feud daoine 'bli' cleachdadhd an smuaintean agus an tograidhean. An uair a chuala nigheanan Ierusaleim—luchd-aideachaidh coitchionn—cliù fir a gràidh o'n chéile, Dàn Shol. v. 10-16, tha iad air ball air am brosnachadh gu dhol g'a iarraidh maille ri ; caib. vi. 1, “Cia an taobh a thionndaidh fear do ghràidh ? agus iarraidh sinn e maille riut.” Feudar an ni sin a thubhaint Pol mu luchd-ceusaiddh Chriod a rádh m' an timehioll-san uile a tha 'eur cùil ris, no a tha diùltadh comh-chomuinn ris ; “Nam b' aithne dhoibh e, cha cheusadh iad Tighearna na glòire ;” Nam b' aithne do dhaoinibh e, nam bitheadh a bheag sam bith de eòlas aca air, cha diùltadh iad mar so Tighearna na glòire. Tha e féin a' gairm dhiubh-san uile a tha 'deanamh tair air a chuiridhibh gràsmhor, “daoine baoghalta,” “amadana,” agus “luchd-fochail,” Gnàth-fhoc. i. 22. Cha-n'eil neach air bith a' deanamh taire air, ach an neach a tha aincolach air ; aig am

bheil an sùilean air an dalladh le dia an t-saoghail so, chum nach faiceadh iad a ghlòir. Tha anama dhaoine gu nàdurra a' sealltuum a mach air son cuspair suainmhneis agus fois' dhoibh féin,—ni-éigin anns am faigh iad sàsachadh agus toil-inntinn, agus ris am feud iad comunn a bhi aca; agus tha dà rathad anns am bheil iad 'an tòir air so. Tha euid a' eur crìche shònruichte air thoiseach orra féin,—toil-inntinn no buannachd saoghalta, no deadh-ghean Dhé, ma 's e 's gu'n cuir iad aghaidh air an diadhachd; euid eile aig am bheil crìoch anns an amhare mar an ceudna, aeh a tha gun seasmhachd sam bith anna féin, 'gan toileachadh féin thuig agus uaith, o aon ni gu ni eile, le smuaintibh luaineach a' ruith 'an slighibh iomadach, eosmhuil riu sin ann an Isa. lvii. 10,—do blàrigh gu bheil ni-éigin a teachd a stigh le beatha na làimhe, cha-n'eil iad a' fannachadh ged a tha iad sgìth. Ciod air bith suidheachadh, ma seadh, anns am bheil thu—aon chuid a' deanamh gréim gionaich air crìch shònruichte ann an nithibh an t-saoghail, no anns an diadhachd; no air an làimh eile, a' dol air faondra iomrallaich 'an déigh dhealbhan faileasach do mhac-meanmna féin,—dean leannan do thograidh a choimeas air son tiota big ris na chuala tu a cheana mu chliù an Tighearna Iosa; agus ma tha e air dhòigh sam bith r' a choimeas ris, ma tha ni sam bith air am bheil do mhiann eosmhuil ris, bitheadh e air a chur air cùl mar neach anns nach 'eil sgèimh no grimneas; ach, air an làimh eile, mar 'eil ann ad shlighibh uile aeh diomhanas agus cràdh spioraid 'an coimeas ris, ciod uime 'bheil thu "caitheamh airgid air ni nach aran? agus do shaothair air ni nach sàsaich?"

Feum 1. Sibh-se 'tha fathast fo *bhlàth na h-àige*, le gràian bhur neirt fathast gun chromadh, agus bhur eridheachan ri mireadh aig sunnd bhur cuisle, agus a ruith o dhiomhanas gu diomhanas, smuainichibh, guidheam oirbh, ciod iad luchd bhur gaoil, 'an coimeas ri Fear-gràidh so na h-eaglais? Ciod idir a fhuair sibh anna? Faiceamaid an t-sithe, an suaimhneas, an dearbh-bheachd air sólas bith-bhuan a thug iad dhuibh? Nach 'eil an slighean uile clouston? cha-n' aithnich iad-san a dh' imicheas anna sithe. Feuehaibh 'an so fear gràidh uile-flaireagarrach do bhur n-aignidhibh a's taghta,—aon anns am faigh bhur n-anama fois,—tobar o nach òl sibh doilgeas no àmhghar gu saoghal nan saoghal. Feuch, tha e 'na sheasamh aig derus bhur n-anama, agus a' bualachd: O na deanaibh tair air, air eagal gu'n iarr sibh e, agus nach fhaighear leibh e! Beachdaichibh air, guidheam oirbh, car àine bhig; cha-n'eil gràdh agaibh dha,

oir cha-n'eil eòlas agaibh air. C' uim' am bheil neach 'n 'ur measg a' lionadh a làithean le diomhanas agus amайдeachd, a' cur bhur n-ùin' am fàs—theagamh ann an neo-ghloin' 's am misg? C' uim' am bheil neach eile a' glacadh air làimh luchd-fochaid na diadhachd agus nithe naomha Dhe? C' uime? ach do bhrigh nach aithne dhuibh ar Tighearn Iosa gaoil. Oh, cionnus a bhriseas e bhur eridheachan, 'nuair a dh' fhoillsicheas se e féin duibh, agus a dh' innseas e dhuibh gur esan Iosa air an d' rinn sibh tàir, agus a chuir sibh air eùl! cionnus a dhuisgeas e caoidh 'n 'ur n-uichd mar choluman gu'n do chuir sibh riabh 'an neo-shuim e! agus mar faigh sibh aithne air, b' fhearr dhuibh nach do phlosg bhur eridhe riabh 'n 'ur taobh. Am feadh a ghoirear An là'n diugh dheth, ma seadh, na cruadhaichibh bhur eridhe.

Feum 2. Sibhse 'tha le dian-thogradh, theagamh, ag iarraidh *fìreantachd*, agus a tha 'n 'ur *daoinibh diaulhaidh*, smuainichibh agaibh féin,—am bheil aig Criod 'aite dligheach féin ann bhur eridheachaibh? an e Criod na h-uile dhuibh? am bheil còmh-nuidh aige 'n 'ur smuaintibh? am bheil aithne agaibh air 'na oirdheirceas agus 'na luachmhoireachd? am bheil gu deimhinn na h-uile ni 'na “chall” agus 'na “aolach” ann bhur sealladh 'an coimeas ri oirdheirceas a phears' a tha toirt barrachd? no am bheil gach ni eile anns an t-saoghal ni's luachmhoire 'n 'ur sùilibh na tha esan? Ach labhraidh sinn air na nithe so fathast an déigh so.

CAIBIDEIL III.

Air an dòigh anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ris an Tighearn Iosa 'na mhaise pearsanta—An dáimh posaidh eadar Criod agus na naomhaibh, Dàn Shol. ii. 16; Isa. liv. 5; Dàn Shol. iii. 11, air am fosgladh suas—Dòigh a' chomh-chomuinn anns an dáimh posaidh, Hosea iii. 3; Dàn Shol. i. 15—Air taobh Chriosd —Agus a ris air taobh nan naomh.

(2.) Is e an dara ni a tha r'a bheachdachadh, an *dòigh* anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ris an Tighearn Iosa Criod anns a' ghràs no anns a' mhais pearsanta sin air an robh sinn a' labhairt. A nis, tha na Sgriobtuirean a' nochdadh

gu bheil so a' faotainn cleachdailidh trid *dàimh pòsaidh*. Tha esan pòsda ruinne, agus sinne ris-san ; agus an dàimh spioradail so a' giùlan mar thoradh aignidhean càraideach coimh-fhreagarrach ris. Agus tha so a' toirt comuinn dhùinn ris a thaobh 'oirdheirceas pearsanta.

Tha a' chéile a' deanamh iomraiddh air, Dàn Shol. ii. 16, "Is leamsa mo ghràdh, agus is leis-san mise ;"—"Is leamsa e, tha seilbh agam ann, tha còir agam air, mar mo cheann agus m' fhear-pòsda ; agus is leis-san mise, tha seilbh aig orm, tha mi air m' aideachadh leis, agus air mo thabhairt thairis dha, mar m' fhear-gràidh fein ann an dàimh pòsaidh."

Mar sin mar an ceudna Isa. liv. 5, "Is e d' fhear-pòsda do Chrith-fhear ; 'se Tighearn nan sluagh a's ainm dha ; agus is e d' fhear-saoraidh Ti naomh Israel ; goirear Dia an domhain nile mar ainm ris." Tha so air 'ainmeachadh mar an t-aobhar nach bi an eaglais air a cur gu näire 'am meadhon a h-àmhgharan agus a deuchainnean nile,—tha i pòsda r' a Cruith-fhear, agus is e a fear-saoraidh a fear-pòsda. Tha am faidh so féin, caib. lxi. 10, ann a bhi 'leigeadh ris an comh-ghlòir a bhuiteas do Chriosd agus do'n eaglais 'nan imeachd maille r' a chéile, ag ràdh, gu bheil e mar "fhear-bainnse air a sgeadachadh le crùn sgianhach, agus mar bhean-bainnse air a h-uidheamachadh le a seudaibh." Is e so an suidheachadh, do bhrigh an dàimh d' a chéile ; ni air am bheil e mar an ceudna a' leudachadh ann an caib. lxii. 5, "Mar a ni am fear-nuadh-pòsda gairdeachas 'na mhnaoi, mar sin ni do Dhia gairdeachas annadsa." Mar chàraid òg ann an là am pòsaidh, agus ann an là subhachais an eridhe, mar sin tha Chriosd agus a naoimh anns an dàimh so. Tha e 'na fhear-pòsda dhoibh, air am bheil eùram gu'm bi na h-uile ni d'an taobh ann an suidheachadh co-fhreagarrach ris an inbhe chum am bheil iad air an àrdachadh ann.

Chum na crìche so tha 'ghealladh dileas féin againn, Hosea ii. 19, 20, "Agus pòsaidh mi ri um féin thu gu bràth ; seadh, pòsaidh mi ri um féin thu ann am fireantachd, agus ann an ceartas, agus ann an caoimhneas, agus ann an caomh-ghràdh ; seadh, ni mi ceangal-pòsaidh riut ann am firinn." Agus is i crioch áraidh ministrealachd an t-soiseil a bhi 'eur impidh air daoinibh iad féin a thoirt seachad do Chriosd, mar a tha e 'foillseachadh a chaoimhneis dhoibh anns an dàimh so. Uaith so tha Pol ag innseadh do na Corintianaich, 2 Cor. xi. 2, gu'n d' rinn e ceangal pòsaidh eadar iad agus aon fhear, chum an eur mar òigh fhìor-ghloin 'an lathair Chriosd. Chuir e impidh orra

tre shearmonachadh an t-soisgeil iad féin a thoirt seachad dhasan, mar òigh fhìor-ghloin, a rinn ceangal-pòsaidh riù mar am fear-pòsda dileas féin.

Is *dàimh* so anns am bheil toil-inntinn ro mhòr aig an Tighearn Iosa, agus tha e 'toirt cuiridh do mhuinntir eile a theachd a dh' amhare air 'na ghlòbir ann, Dàn Shol. iii. 11, "Rachaibh a mach," tha e 'g ràdh, "a nigheanan Shioin, agus faicibh Rìgh Solamh leis a' chrùn leis an do chrùn a mhàthair e air là a phòsaidh, agus air là subhaichais a chridhe." Tha e' gairm nigheanan Shioin a mach—na h-uile seòrsa luchd-aideachaidh—gu bhi beachdachadh air anns an t-suidheachadh sin anns am bheil e 'pòsadhl na h-eaglais ris féin. Os barr, tha e 'g innseadh dhoibh gu'm faic iad dà ni ro chomharaichte air anns an dàimh sin :—1. *Urram*. Is e là a chrùnaidh a ta ann, agus is i a chéile an crùn leis an do chrùnaidh e. Oir mar a tha Criod 'na chrùn glòire, agus 'na choron maiseach do Shion, Isa. xxviii. 5; mar sin tha Sion 'na crùn agus 'na coron dhasan, Isa. lxii. 3. Tha Criod a' meas na dàimhe so anns am bheil e 'seasamh d'a naomhaibh mar ghlòbir agus mar urram dha. 2. *Gairdeachas*. Is là a phòsaidh e, is là subhaichais a chridhe an là anns am bheil e 'gabhair anama bochda peacach d'a ionnsuidh féin. Cha robh ann an Eoin ach caraid an Fhir-nuadh-phòsda, a bha 'seasamh agus ag éisdeachd a ghutha, 'nuair a bha e 'gabhair a' bhean-nuadh-phòsda d'a ionnsuidh féin; gidheadh rinn e gairdeachas mòr, Eoin iii. 29; nach mò gu mòr na sin aoibhneas agus gairdeachas an Fhir-nuadh-phòsda féin? eadhon sin a chuireadh 'an céill ann an Seph. iii. 17, "a' deanamh gairdeachais le luathghair agus le séinn."

Is e gairdeachas eridhe Chriod, agus aoibhneas 'anama, a bhi 'gabhair pheacach bhochd a dh' ionnsuidh na dàimhe so ris féin. Rinn e gairdeachas ann a bhi smuaineachadh uime o'n uile shiorruidheachd, Gnàth-fhoc. viii. 31; agus tha e a ghnàth a' cur 'an céill cho làn toileach as a bha e a bhi 'giùlan nam fulangas sin gu léir ris am feumadh e coinneachadh air an son, Salm xl. 7, 8; Eabh. x. 7; seadh, bha e air a phianadh mar mhaoi ri saothair gus am bitheadh iad air an coimhlionadh, Lucas xii. 50. Do bhrigh gu'n do ghràdhain e 'eaglais, thug se e féin air a son, Eph. v. 25, a' cur na nàire 'an neo-shuim, agus a' fulang a' chroinn-cheusaiddh, Eabh. xii. 2, chum a chéile féin a mhealtuinn, ionnus gu'm bitheadh e air a son-san a mhain, agus ise air a shon-san agus cha-n ann air son fir eile, Hosea iii. 3. Is e so aoibhneas a chridhe, a bhi mar so air a

chrànnadh le 'mhàthair. Is iad creidich màthair agus bràthair Sholaimh so, Mata xii. 49, 50. Tha iad 'ga chrùnnadh ann an là a phòsaidh, agus 'gan toirt fèin seachad dha, chum a bhi 'nan glòir dha, 2 Cor. viii. 23.

Mar so, mar is trice, tha e 'cumail a mach a' chomh-chomuinn sin a tha aige ris an eaglais fo'n dàimh pòsaidh so. Is e an là anns am bheil e 'gabhair na h-eaglais d'a ionnsuidh fèin là a phòsaidh; agus is i an eaglais a bhean nuadh-phòsda, bean an Uain, Taisb. xix. 7, 8. Is e a th'anns a' chuirn a tha e 'deasachadh air a son, suipeir bainnse, Mata xxii. 3. Is iad gràsan na h-eaglais coron maise na ban-rìghinn, Salm xlvi. 9-14; agus mar comh-chomunn gràidh càraide pòsda, is amhuil sin an comh-chomunn a tha eadar esan agus a naomhaibh, Dàn Shol. i. Uaith so, air do Phol a bhi 'cur an eóill an dà dhàimh so, tha a chainnt ag eadar-ruith gu furasda, h-obann, o aon gu aon eile dhiubh,—Eph. v. o rann 22 gu rann 32; agus a' comh-chur an iomlain ri Criod agus 'eaglais.

Bithidh sinn a' feòraich, anns an ath àite, cionnus a tha comh-chomunn againn ri pearsa Chriod anns an dàimh pòsaidh, agus le aignidhbih càraideach na dàimhe sin, agus ciod anns am bheil so a' coimh-sheasamh. A nis, ann an so, tha euid de nithibh a tha coitchionn do Chriod agus do na naomhaibh, agus euid de nithibh a bhuiteas gu sònruichte do gach taobh fa leth, mar a tha nàdur na dàimhe ag agairt. Feudaidh sinn an t-iomlan 'fhilleadh suas fo'n dà cheann so:—[1.] *Criod agus an eaglais 'gan toirt fèin seachad gach aon d'a cheile;* [2.] *An comh-ghràidh càraideach a tha mar thoradh a' leantuinn sin.*

[1.] Tha Criod agus an eaglais a' toirt seachad *gach aon am pearsu do'n aon eile.* Is e so ceud ghnìomh a' chomh-chomuinn ann am maise pearsanta Chriod. Tha Criod 'ga thoirt fèin seachad do'n anam, gu bhi air a shon, ann an uile ghràidh, agus chùram agus chaomhlaachd fir-pòsda; agus tha'n t-anam 'ga thoirt fèin seachad do'n Tighearn Iosa, gu bhi air a shon-san, anns an uil' ùmhlaachd ghràdhach agus chaomhail dha. Is e so, ma seadh, am priomh ni ann an ceangal pòsaidh Chriod agus nan naomh. Ann an Hosea iii. 3, tha so air a chumail a mach fo shamhladh an fhàidh agus striopaich—"Fanaidh tu leam-sa," tha e 'g ràdh, "mòran làithean, cha dean thu striopachas, ni mo bhitheas tu aig fear eile; mar sin bithidh mise mar an ceudna agadsa."—"A striopaich bhochd," tha'n Tighearn ag ràdh, "cheannaich mise thu air mo shon fèin, le luach fola mo chridhe; agus a nis,

bitheadh so air a chomh-aontachadh leinn o so a mach,—**BITHIDH MISE AIR DO SHONSA, AGUS BITHIDH TUSA AIR MO SHONSA**, agus cha-n ann air son neach eile.”

Anns a' cheud àite,—Tha Criod 'ga thoirt fén seachad do'n anam, ann an *oirdheireas* a phearsa, 'na fhìreantachd, 'na luachmhointeachd, 'na ghràs, agus gach ni barraichte 'tha ann, chum a bhi 'na Fhear-saoraidh, 'na cheann, agus 'na fhear-pòsda dha, agus chum còmhnuidh a dheanamh maille ris anns an dàimh naomh sin o sin a mach agus gu bràth. Tha e 'g amhare air anamaibh a naomh le toil-inntinn agus tlachd, 'g am meas àillidh agus maiseach, do bhrigh gu'n d'rinn e fén mar sin iad. Dàn Shol. i. 15, “Feuch, tha thu àillidh, a bhean mo ghaoil, tha thu àillidh, tha sùilean choluman agad.” Bitheadh muinntir eile a' smuaineachadh mar is àill leo, tha Criod a' dùblachadh na cainnt, gu bheil anama nan naomh ro mhaiseach, seadh, coimhlionta, tre a sgèimh-sa a chuir e orra, Esec. vi. 14, —“Feuch, tha thu àillidh, tha thu àillidh:” agus gu sònruichte, gu bheil an solus spioradail a tha annta ro oirdheire agus glòrmhor, mar shùilibh choluman, tlàth, beachdail, glan, agus dealrach. Uime sin tha e 'briseadh a mach anns a' mliann mhaoth-chridheach sin air son commuinn a chéile, Dàn Shol. ii. 14, “Mo choluman 'tha ann an sgoltadh na creige, ann an ionad-diomhair a' bhruthaich, leig dhomh amhare ort, leig dhomh do ghuth a chluinntinn, oir tha do ghuth binn, agus d' eugas maiseach;”—“Na dean thu fén 'fholach, mar neach a theicheas gu sgoltaibh nan creag; na bi fo airsneil, mar neach a' crùbadh gu h-athach 'an ionad-diomhair nam bruthach, agus a tha fo fhìamh a gnùis a thogail r'a companaich. Na bitheadh do spiorad tilgte sios aig annhuinneachd d' athchuingean, cluinneam, a chéile, d'acam agus do ghearan, d' osnайдhean ciùrrta agus plosgadh do chridhe 'nam dhéigh; ro mhilis agus ro thlachdmhoir a ta iad: agus tha d'eugas spioradail agus do chruth ann an nithibh nèamhaidh ro àillidh agus mhaiseach dhomh.” Ni mò am bheil e 'ga fàgail mar so, ach ann an caib. iv. 8, tha e 'ga cur thuige chum aonaidh ni's ro dhlùithe ris anns a' cheangal chàraideach so: “Leamsa o Lebanon, a chéile, leamsa thig o Lebanon; seall o mhullach Amana, o mhullach Shenir agus Hermoïn, o àitibh tàimh nan leòmhan, o bheanntaibh nan leopard;”—“Tha thu air faondra—mar Israel 'o shean—'am measg nan leòmhan agus nan leopard, peacaidhean agus àmhgharan; thig leam as am measg, agus bheir mise suaimhneas dhuit,” Mata xi. 28. Air do'n chéile an cuireadh gràsmhor so

'fhaotainn, tha i a' comh-dhùinadh gu misneachail gu bheil da rireadh rùn an Tighearn d'a taobh, Dàn Shol. vii. 10; agus gu bheil a ghràdh ann am firinn a' foiseachadh oirre, le rùn a gabhail d'a ionnsuidh féin anns a' chomh-chomunn so. Mar sin, ann an toirt an aonaidh so a dh'ionnsuidh coimhlionaidh, tha Criod 'ga bhuileachadh féin gu saor air an anam. Luach-mhor agus òirdheire mar a tha e, tha e 'ga bhuileachadh féin oirnn. Tha e féin 'ga thoirt féin seachad, agus maille ris, a ghràsan gu léir. Uime sin, tha 'chéile ag rádh, ““Is leamsa Fear mo ghràidh;” is leam e, anns gach ni a ta e.” Do bhrigh gur fireantachd e, is esan “An TIGHEARN ar Fireantachd,” Ier. xxiii. 6. Do bhrigh gur e glioicas Dhé agus cnmhachd Dhé e, rinneadh e le Dia mar sin dhuinne, 1 Cor. i. 30. Mar so, ma seadh, “tha meangan an Tighearn sgàmhach agus glòrmhor, agus toradh an fhearainn oirdheire agus maiseach, dhoibh-san a theid as de Israel,” Isa. iv. 2. Is e so an ceud ni air taobh Chriod,—e 'bhi 'ga bhuileachadh féin gu saor oirnn chum a bhi 'na Chriod agus 'na Fhear-gràidh dhuinn, air son uile chriochan gràidh, tròcair, gràis, agus glòire, a réir a shuidheachaidh mar eadar-mheadhonair, ann an coimhcheangal pòsaidh nach fhend gu bràth a bhi air a bhriseadh. Is e brìgh an iomlain so:—Tha an Tighearn Iosa Criod, air a dheasachadh agus air 'uidheamachadh, ann an iomlanachdaibh a phearsa mar eadar-mheadhonair, agus 'na lànachdaibh coisinnte gràis agus glòire, 'ga thoirt féin seachad d'a naomhaibh, an eaglais, ann an geallaidhibh an t-soisgeil, chum a bhi 'na fhear-posda dhoibh, 'na ionmhuiinneachd gu léir; a' toirt dearbh-chinnte dhoibh air a dheadh-ghean d'an taobh, agus air 'uile-fhoghainteachd gu bhi 'deanamh suas uile fheuman an anama; agus air dhoibh-san aontachadh gabail ris—oir cha-n'eil tuilleadh air 'iarraidh uatha—tha esan 'ga cheangal féin ann an coimhcheangal pòsaidh gu bhi air an son o sin a mach agus gu siorruidh.

Anns an dura àite,—Air taobh nan naomh, tha'n ceangal pòsaidh so a' coimh-sheasamh ann an aontachadh stoir agus toileach an eridheachan gabhail ris an Tighearn Iosa, agus iad féin innhlachadh dha, mar am fear-pòsda, mar an Tighearn, agus mar an Slànuighear,—còmhnuidh a dheanamh maille ris, agus an anama a strìochdadadh dha, agus a bhi air an riaghladh leis gu bràth.

A nis, tha so a' coimh-sheasamh aon chuid ann an àrd-aonta an anama anns a' cheud dùnadadh ri Criod, no ann an cleachdadadh ath-nuadhaithe na h-aonta sin o là gu là. Is ann anns an dara

seadh so gu sònruichte a tha sinn a' labhairt uime, mar an seadh sin a bhuineas do chleachdadhl comh-chomuinn ris; cha-n ann anns a' cheud seadh, a bhuineas air dhòigh àraidh do aonadh an anama ri pearsa Chriosd.

Tha dà ni a tha deanamh suas an *toirt seachad* so a tha'n t-anam a' deanamh air fèin do Chriosd:—

An ceud ni,—Ard-roghainn na h-inntinn agus na tuigse air Criosc os ceann na h-uile fear-gràidh eile, do bhrìgh an oirdheirceis, agus an gràs, agus an uile-flireagarrachd, a tha e 'faicinn ann. Anns an àite sin a chaidh 'ainmeachadh a cheana, Dàn Shol. v. 9, air do'n chéile 'bhi air a cur thuige le luchd-aideachaidh coitchionn eile, gu bhi cur seanachais air a' bheachd anns an robh oirdheirceas Fir-a-gràidh a seasamh dhi, 'an coimeas ri fir-gràidh eile, tha i air ball a' toirt an flireagraidh gu bheil e "sònruichte 'am measg dheich mìle," seadh, rann 16, "tha e gu léir ionmhuinn,"—gu neo-chriochnach os ceann na h-uile coimeas 'am measg na nithe cruthaichte a's barraichte agus a's ionmhuinneiche. Tha an t-anam a' gabhail seallaidh de na h-uile ni anns an t-saoghal, "ana-miann na feòla, agus ana-miann nan sùl, agus nabhar na beatha," agus a'faicinn gur diomhanas iad uile,—gu'n "siubhal an saoghal seachad, agus 'ana-miann," I Eoin ii. 16, 17. Cha-n'eil an luchd-gaoil sin air dhòigh sam bith r'a bhi air an coimeas ris. Tha e mar an ceudna a' cur luach na féin-flireantachd fo mheas, maille re neo-chiont am fianuis dhaoine, riaghailteachd agus stuamachd beatha, agus gach dleasannas erabhaidh a tha 'fàs o laghaileachd spioraid, agus a' teachd a dh'ionnsuidh breth Phoil d'an taobh gu léir, Phil. iii. 8, "Seadh, gun amharus, agus tha mi a' meas nan uile nithe 'nan call air son ro oirdheirceis èolais Iosa Criosc mo Thighearn." Ann an Hosea xiv. 3, tha an eaglais mar an ceudna a' cur cùil ris gach coslas cuideachaidh eile, ged a dh'fheudadh iad a bhi sgiamhach mar Asshuir, agus gealltanach mar na h-iodhalaibh, chunn gu'n bitheadh Dia a mhain air a ròghnachadh. Mar so, ma seadh, tha'n t-anam a' dol a steach a dh'ionnsuidh a' chomh-chomuinn chàraigidh so ris an Tighearn Iosa ann am maise pearsanta,—a' deanamh roghainn dheth a ghmàth os ceann gach leannan eile a dh'fheudas a bhi 'g iarraidh àite anns a' chridhe, agus 'g am meas 'nan call agus 'nan aolach 'an coimeas ris. Bitheadh e 'na fhois ionmhuinn, 'na dhàimh-ean nàdurra ionmhuinn, 'na ghliocas no na fhòghlum ionmhuinn, 'na flireantachd ionmhuinn, 'na dhleasannais ionmhuinn,—tha an t-iomlan na chall 'an coimeas ri Criosc.

An dara ni,—Dùnadh a steach na toile ri Criosd, mar aon Flear-posda, mar Thighearn agus mar Shlànuighear an anama. Goirear de so a bhi “gabhairis,” Eoin i. 12; agus cha-n e ìnhain gu bheil e 'ciallachadh gnìomh eudthromhaich sin an anaima anns a' cheud dùnadh ri Criosd, ach mar an ceudna aomadh seasmhach an anama ann a bhi 'fantuinn maille ris, agus 'ga aideachadh anns na dàimhribh sin. 'N uair a tha'n t-anam ag aontaechadh Criosd a ghabhair air a chumhachaibh féin, chum a bhi air a shaoradh leis 'na rathad féin, agus ag ràdh, “A Thighearn, b' àill leamsa thu féin agus do shláinte 'thaotainn ann am rathad féin, chum euid a bhi aig m' oidhirtibh féin ann, mar gu'm b' ann tre oibríbh an lagha; ach a nis tha mi toileach gabhairiut agus a bhi air mo shaoradh ann ad rathad féin,—gu h-ionlan o ghràs; agus ged a b' àill leam roimh so imleachd a réir mo nòs féin, gidheadh a nis bu mbiann leam a bhi gu h-ionlan fo riaghlaigh do Spioraid; oir annadsa tha agam fireantachd agus neart, Isa. xlvi. 24, annadsa firean-aichear mi agus ni mi uaili;”—nuair is i so cainnt an anama, tha comh-chomunn aige ri Criosd ann an oirdheirceas a phearsa. Is e so a bhi gabhairis an Tighearn Iosa 'na mhaise agus 'na inbheachd. Bitheadh creidich gu ro mhòr a cleachdadhl an eridheachan anns an ni so. Is comh-chomunn taghta so ris a' Mhae Iosa Criosd. Gabhamaid ris 'na oirdheirceas uile, mar a tha e 'ga bhuleachadh féin oirnn;—bitheamaid 'ga choimeas gu tric, ann an smuaintibh creidimh, ri luchd-gaoil eile, am peacadhl, an saoghal, agus an théin-fhìreantachd; agus 'ga àrdlachadh 'nar eridheachaibh os an ceann gu leir, 'g am meas 'nan aolach agus 'nan call ann an coimeas ris. Agus bitheadh dearbh-chiminte aig ar n-anamaibh air firinn agus seasmhachd a dheadh-ghean ann a bhi 'ga thoirt féin seachad dhuiinn, 'na ionlanachdaibh uile, mar eadar-mheadhonair air ar son, agus bitheadh ar eridheachan mar sin 'gan toirt féin seachad da. Innseamaid dha gu'm bi sinn air a shon, agus nach ann air sou neach eile; bitheadh fios aige air nainm féin; tha tlachd aige ann a bhi 'ga chluimntim, seadh, tha e 'g nàdh, “Tba do ghuth binn, agus d' eugas maiseach;”—agus, ann a bhi deanamh so, bithidh suaimhneas milis aig ar n-anamaibh maille ris.

TAOBH-THEAGASG I.*

Cuid de oirdheirceasaibh Chriosd air an toirt fainear, chum ar eridheachan a chosnadhl ann an gràdh dha—iomradh na h-eaglais uime ann an Dàn Shol. v., air 'fhosgladh suas.

Chum a bhi 'neartachadh ar eridheachan ann a bhi 'g ar tabhairt féin suas do'n Tighearn Iosa Criosd mar ar fear-pòsda, agus, mar an ceudna, chum a bhi 'fosgladh suas na slighe do chleachdadhl nan aigne càraideach sin air an dean sinn iomradh an déigh so, bitidh sinn ann an so a' tionndadh a thaobh chum a bhi 'gabail beachd ni's ro fharsuinne air euid de oirdheirceasaibh pearsanta an Tighearn Iosa Criosd, trid am bheil eridheachan a naomh, ann am firinn, air an dlù-cheangal ris ann an gràdh.

Anns "An TIGHEARN ar Fireantachd," ma sealh, feudaidh sinn na nithe so a leanas a bheachdachadh, a tha gu h-uile freagarrach air son a bhi 'eur impidh air ar eridheachaibh iad féin a thoirt suas dha, gu bhi gu h-iomlan air a shon :—

1. Tha e gu h-uile ro oirdheire agus ion-mhiannaichte 'na *Dhiahdhachd*, agus ann an glòir na Diadhachd, Isa. vi. 2-4; Rom. ix. 5; Taisb. i. 11. Is esan "*Iehobhah ar F'reantachd*," Ier. xxiii. 6. Ann an gàirdeachas Shioin aig a theachd d'a h-ionnsuidh, is e so tobar a h-aoibhneis, "Feuch do Dhia!" Isa. xl. 9. "Chunnaic sinn a ghìlbir," deir an t-abstol; ciod a' ghìlbir a chunnaic iad? "Ghìlbir aoin-ghin Mhic an Athar," Eoin i. 14. Bha eagal agus amhluadh air euid de na naomhaibh a bu taghta roimh oirdheirceas aingil; agus chuireadh eridheachan chuid de na peacaich a bu chalma air gheilt-chrith roimh dhealradh glòire neach dhiubh eadhon ann an cruth iosal, nach robb 'foillseachadh, mar gu'm b'ann, ach taobh cùil na glòire sin a bhuineas doibh, gidheadh tha na creatairean glòrmhor so féin, 'nan inbheachd a's ro àirde, a' còmhachd an aghaidhean roimh lathaireachd Fir ar gràidh, a' fiosrachadh anuta féin an tur anuinhinneachd roimh dhealradh fosgait' a ghìlbire, Isa. vi. 2; Eoin xii. 39-41. Is e "dlùth-chompanach Tighearn nau sluagh" e, Sech. xiii. 7. Agus ged a dh'fhoill-sicheadh air thalamh e ann an cruth seirbhisich, gidheadh, aig an àm sin féin, cha do "mheas e 'na reubainn e féin a bhi coimh-ionann ri Dia, Phil. ii. 6. Ann an glòir a mhòralachd tha 'chòmhnuidh anns an t-solus a dh'ionnsuidh nach feud

* Tha an t-Ughdair ann an so a' tionndadh a thaobh o'n phriomh-theagasg, air son aobhairean a tha e féin air ball ag ainmeachadh. Ead.

neach teachd. "Cò a's urrainn an t-Uile-chumhachdach fhaghail a mach gu h-iomlan ? àrd mar na nèamhaibh ; ciod a ni thu ? ni's diomhne na ifrim ; ciod a's aithne dhuit ? ni's faide na'n talamh a thomhas, agus ni's leithne na'n fhaирge," Job xi. 7-9. A thaobh so, feudaидh gach neach againn a rádh r'a chompanach, "Gu deimhin tha sinn ni's amaidiche na duine air bith, agus cha-n'eil tuigse duine againn. Cha d'fhòghlum sinn gliocas, ni mò a tha eolas againn air nithibh naomha. Cò a chaidh suas do nèamh, no 'thàinig a nuas? cò a chruinnich a' ghaoth 'na dhòrnaibh ? cò a shuidhich uile chriochan na talmhainn ? Ciod a's ainm dha ? agus ciod e ainm a mhic, ma tha fios agaibh," Gnath-fhoc, xxx. 2-4.

Nam b'e as gu'm feòraicheadh neach air bith, a nis, maille riu sin anns an Dàn, ciod a th'anns an Tighearn Iosa, fear ar gràidh, os ceann fir gràidh eile, a tha 'ga dheanamh cho ion-mhiannaichte, cho taitneach, agus cho airidh air gabhail ris ? ciod a th'ann os ceann mhuiunntir eile ? Feòraicheam, mar fhreagradh, Ciod a th'ann an *righ* os ceann an *déircich* ? Mòran air iomadh dòigh. Ach, mo thruaighe ! cha choimeas idir so ; lomnochd thàinig iad araon do'n t-saoghal, pillidh iad maraon do'n iùir air ais, agus taisbeanar iad maraon aig cathair breitheanais. Ciod a th'ann an aingeal os ceann na enuimhe ? Is creutair a' chnuimh, agus ciol tuilleadh an t-aingeal ? chruthaicheadh a' chnuimh chum a bhi 'snàigeadh air an talamh, agus an t-aingeal gu bhi chòmhnuidh air nèamh. Tha cosmuileachd eatorra fathast ; tha ni-éigin anns am bheil iad a' comh-chòrdadh ; ach ciod iad neo-nitheachdan an t-saoghal gu léir 'an coimeas ris an Dia neo-chriochnaich a tha beannaichte gu siorruidh ? Am bi dus mìn na slige-tomhais, no boinne an t-soithich-uisge air a chur anns na meidhibh mu choimneamh Dhé ? Is e so esan roimh am bheil peacaich Shioin fo fhìamh, a' glaodhach, "Cò 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri teine millteach ? cò 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri lasraichibh soirruidh ?" Dh' fheudamaid a nis plathadh a thoirt duibh de oirdheirceas Chriosd ann am mòran de na feartaibh agus na buadhaibh sin trid am bheil e 'ga fhoillseachadh féin do chreidimh pheacach bhochda ; ach amhuil a neach a theid a stigh do ghàradh, far am bheil blàthan ioma-ghnèitheadh gun àireamh, nach dean an t-iomlan a chruinneachadh, ach a ni aon a thaghadh 'an so, agus aon eile 'an sud, mar sin bheir sinne oidhirp air dorus 'fhosgladh a dh' fheudas bhur treòrachadh a steach a dh' ionnsuidh oirdheirceis neo-chriochnaich gràsan an

Tighearn Iosa, mar a's e “ Dia os ceann nan uile e, beannaichte gu siorruidh,”—a' toirt seachad eisampleir no dhà do'n leugh-adair, agus 'ga fhagail gu bhi cruinneachadh na's àill leis air a shon féin. Thugaibh uime sin fainear,—

An euan *gun traigh, gun ghrunnd, gun chrìch, de ghràs* agus de thruacantachd a tha 'gabhal còmhnuidh annsan a's e ar Fear-posda, mar Dhia Shioin. Cha-n e gràs *creutair* a dh' fhòghnas dhuinn, no an lànachd a's barraichte gràis a tha comasach còmhnuidh 'fhaotainn ann an nàdur cruthaichte air bith aig aon àm. Tha ar feuman ro fharsuinn agus ro dhomhain gu bhi air an deanamh suas o lànachd neach nach 'eil ach 'na chreutair a mhain. Bha lànachd gràis ann an daonnachd Chriosc,—oir cha d'thugadh an Spiorad dha a réir tomhais, Eoin iii. 34 ; lànachd mar sholus anns a' ghréin, no mar uisge anns a' chuan—cha-n'eil sinn a' labhairt uime a thaobh compairteachaidh, ach a thaobh a phailteis,—lànachd gun choimeas *os ceann tomhais nan uingeal* : gidheadh cha robh e ann fèin 'na lànachd neo-chriochnach,—bha e 'na lànachd cruthaichte, agus, uime sin, 'na lànachd crìochnaichte. Nam bu chomasach smuaineachadh air ann an rathad a bhi dealaichte o'n Diadhachd, nach bu leòir na bheil de anamaibh tartmhòr, ciontach, a tha gach là ag òl tharruingean iotmhòr gràis agus tròcair uaith, gu 'chur fodha—ma dh'fheudar a chaïnnit a ghnàthachadh—gus an doimhne a's iochdraiche ; seadh, cha blitheadh e comasach dha compairteachadh air bith a thoirt uaith, ach a mhain ann an rathad modhannail. Ach an uair a tha piob usal na daonnachd ann an aonadh neo-sgaraichte ri tobar neo-chriochnaich agus do-thraigheadh na Diadhachd, cò a dh'fheudas sealltuinn a steach a dh'ionnsuidh doimhneachdan a' ghràis a tha ann ? Ma tha gràs ni's leòir, a nis, ann an Dia a tha uile-fhoghainteach, tha sin ann an Criosc ; agus, gu cinnteach, cha chomasach gu'm bitheadh ni's leòir ann an neach air bith eile. Tha an Tighearn a' toirt seachad an aobhair so air son sithe agus muinghin pheacach ann féin, Isa. liv. 4, 5, “ Na gabh eagal, oir cha mhaslaichear thu ; na gabh näire, oir cha chuirear thu gu h-amhluadh.” Ach cionnus a dh'fheudas so a bhi ? Peacadhean do-àireamh, gidheadh gu'n näire 'ghabhail ! cionta an-tromaichte, gidheadh gun amhluadh ! “ Oir is e d' fhear-posda,” tha e 'g ràdh, “ do Chruith-fhear ; is e Tighearn nan sluagh a's ainm dha ; agus is e d' fhearsaoraidh Ti naomh Israel ; goirear Dia an domhain uile mar ainm ris.” Is e so stéidh ar sithe, agus ar muinghin, agus ar

sòlais gu léir,—eadhon gràs agus tròcair ar Crníth-fhir, Dia an domhain uile. Mar sin tha caoimhneas agus cumhachd air an coimh-mheasgadh ann ; is e a tha marbhadh, agus a' toirt beò, —is esan ar Dia agus ar Fear-saoraidh. “ Seallaidh riumsa, agus bithibh air bhur tèarnadh ; oir is mise Dia, agus cha-n'eil atharrach ann,” Isa. xlv. 22 ; “ Gu cinnteach, deir neach, anns an Tighearn tha agam fireantachd agus neart,” rann 24.

Air an stéidh so, ma seadh, ged a thigeadh an sacghal gu léir air aghaidh—ma dh' fheudas sinn labhairt mar sin—a dh' òl suas tròcair, saoir ghràis, agus maitheanais pheacanna, a' tarruing uisge gun tàmh à tobraichibh na sláinte,—seadh, ged a luidheadh iad uile a stigh ri aon ghealladh, agus aingeal o nèamh a' brosnachadh suas an iotaidh, ag riadh, “ Olaibh, a chàirdean, seadh, olaibh, gu pailt, tairnibh gu saoibhì gràs agus maitheanas peacaidlì na dh' fhòghnas air son an tobar aingidheachd a th' ann an uehd gach aoin dibh ;”—cha blitheadh e comasach dhoibh doimhne ro phaillt a' ghràis a th' anns a' ghealladh sin a lughdachadh anns an tomhas a's lugha. Tha ni's leòir ann air son míltean air mhiltibh saoghal, nam bitheath iad ann ; do blàrigh gu bheil ceangal aige ri tobar a tha neo-chriochnach. “ Na bitheadh eagal ort, a chnuimh Iacoib, is Dia mise, agus cha duine ;” is e so stéidh sòlais pheacach. Is e so an “ ceann ” sin a tha air 'ainmeachadh ann an Dàn Shol. v. 11, a tha “ mar an t-òr a's gloine,”—an tobar ro luachmhòr so tròcair agus gràis. Tha neo-chriochnachd so gràis Chriosd, a thaobh a thobair, ni's leòir gu bhi 'freagradh gach cunnail a dh' fheudas a bhi mi-mhisneachadh ar n-anam a ann an teachd am fagus chum chomh-chomuinn ris, agus a bhi dùnadh a steach ris le ar n-uile chridhe. Nach 'eil so uile-fhreagarrach air ar son 'nar n-àmhgharaibh gu léir ? Ciod a th' ann an cionta enuimh criochnaich na duslaich ri aghaidh so ? C'aite am bheil am peacach a tha comasach a chiont a thomhas a mach ri iomlanachdaibh a ghràis a tha ann an so ? Ann an so tha gràs ni's leòir air son a pheacaich a's reasgaiche, a' chiontaich a's uamharra, agus an truaghan a's léithe einn,—“ Ciod uime bhàsaicheas sibh, O thigh Israel ? ” Bithibh air bhur faicill uatha-san a dheanadh bhur spùinneadh de Dhiadhachd Chriosd. Mar bitheadh air mo shon-sa de ghràs aehi na dh' fheudadh a bhi taisgte suas ann am pearsa duine a mhain, ghabhainn gu h-aoibhneach ri mo chuibhrionn fo dhoimhneachdaibh nam beann agus nan creag.

Smuainichibh, uaith so, air a ghràdh shiorruidh, agus shaoir,

agus neo-chaochlaidheach. Mar bitheadh ann an gràdh Chriosd dhùinne ach gràdh duine a mhain, ciod air bith cho oirdheire, cho neo-chiontach, agus cho glòrmhor as a dh' fheudadh e a bhi, bhitheadh e 'na ghràdh aig an robh *toiseach*, agus aig am bitheadh *crioche*, agus a dh' fheudadh a bhi *neo-tharbhach* d'ar taobh. Tha gràdh Chriosd ann an nàdur na daonnachd 'na ghràdh a tha ro bharraichte ann an déine, ann an caomhalachd, ann an luachmhoireachd, agus ann an truacantachd, air a lasadh suas 'na chridhe le mothachadh air ar truaighibh, le comh-flaireachadh ri ar n-uireasbhuidhibh, le fèin-fhiosrachadh ann ar buairidhibh ; agus so uile a' sruthadh o'n lànachd gràis, agus truais, agus iochd, a thugadh dha chum ar leas: gidheadh cha-n urrainn an ghràdh so, mar ghràdh na daonnachd, a bhi neo-chriochnach no siorruidh, ni mò a tha e ann fèin gu h-iomlan neo-chaochlaidheach. Mar bitheadh ann ach so, ged a robh e gun choimeas agus gun tomhas, gidheadh, cha b' urrainn an Slànuighear a ràdh d'a thaobh mar a thubhairt e, "Mar a ghràdhhaich an t-Athair mise, mar sin ghràdhhaich mise sibhse," Eoin xv. 9. Cha b' urriann a ghràdh a bhi air a choineas ri gràdh diadhaidh an Athar, no a bhi coimh-ionann ris, ann an siorruidheachd, ann an neo-chaochlaidheachd, agus ann an uile-tharbhachd na Diadhachd, a tha 'nam priomh aeraicheadh an anama, ann a bhi 'ga thilgeadh fèin air uchd Chriosd chum slainte. Ach a nis,—

(1.) Tha e *siorruidh* : "Dlùthachibh rium," tha e 'g ràdh, "agus cluinnibh so ; o'n toiseach cha do labhair mi ann an uaigneas ; o'n àm 'an do thachair e, bha mise an sin ; agus a nis chuir an Tighearu Iehobhah, agus a Spiorad, a mach mise," Isa. xlviii. 16. Tha e fèin "an dé, agus an diugh, agus gu siorruidh," Eabh. xiii. 8 ; agus mar sin tha a ghràdh,—a ghràdh-san a's e "An Alpha agus an Omega, an ceud neach agus an neach deireannach, an toiseach agus a' chrioch, a tha, agus a bha, agus a tha ri teachd," Taisb. i. 8, 11.

(2.) Tha e *neo-chaochlaidheach*. Tha ar gràdh-ne cosmhuiul *rninn fèin* ; mar a tha sinne, is amhuil sin ar n-aignidhean gu léir : mar sin tha gràdh Chriosd mar an ceudua *cosmhuiul ris fèin*. Bheir sinne gràdh do neach an diugh, agus fuath am màireach. Tha esan d'an d'thug sinn gràdh caochlaidheach mar a tha sin fèin ; an diugh is e ar làmh dheas e ; ach am màireach a chùl ruinn mar nàmhaid. Tha Iosa Criod an ni ceudna a ghnàth ; agus mar sin a ghràdh. "Leag thusa, a Thighearna, bunaitean na talmhainn air tùs ; agus is iad na

nèamhan oibre do làmh : teirgidh iadsan, ach mairidh tusa ; agus fasaidh iad uile sean mar eudach ; agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad ; ach is tusa an tì ceudna, agus cha-n fhàilnich do bhliadhnaeachan," Eabh. i. 10-12. " Is esan Iehobhah, cha chaochail e, air an aobhar sin cha-n'eil sibhse, O chlann Iacoib, air 'nr sgrios," Mal. iii. 6. A' mhuinnitir sin a ghràdhaich e, ghràdhaich e gus a' chrìoch iad, Eoin xiii. 1. Cha robh toiseach aig a ghràdh, agus cha-n fhaic e crìoch dheireannach.

(3.) Tha e mar an ceudna *tarbhach*,—tarbhach anns gach toradh agus feart gràsmhor. Feudaidh duine gràdh a thoirt d'a chompanach, eadhon mar 'anam fein, gidheadh an gràdh sin a bhi neo-tharbhach ann an àm na h-aire. Feudaidh a thruas a bhi air iomairt d'a thaobh ann am priosan, gidheadh gun chomas aige glas a ghluasad ; feudaidh e 'bhi 'ga chaoidh ann an àmhghar, gidheadh gun chomas a chomhfhurtachadh ; feudaidh e fulang maille ris ann an teamntachd, gidheadh làmh a' chuid-eachaидh a bhi ceangailte suas. Cha chuir gràdh an athar gràs 'na leanabh, no iochd a' charaide tròcair 'na chompanach ; cha-n urrainn ar gràdh a chuspair a chur do fhlaitheanas, ged a b'e mòr mhiann ar n-anam' e. B'e gràdh a dhuisg an glaodh ud o Abraham, " O gu maireadh Ismael beò a' d' flianuis !" ach cha-n fheudadh sin a bhi. Ach a nis tha gràdh Chriosd, do bhrigh gur gràdh Dhé e, ro éifeachdach agus ro tharbhach ann am buileachadh gach ni a's àill leis orra-san d'an d'thug e gràdh. Tha a ghràdh a' cur beath', agus gràis, agus naomhachd annainn ; tha a gràdh mar an ceudna 'g ar gabhail a steach ann an enmhaint ris, agus 'g ar gabhail suas do ghlòir. Is e 'th' ann an gràdh Chriosd, air dhòigh àraighe, a thoil ann an deanamh maith do neach ; ciod air bith maith a's àill le gràdh Chriosd a dheanamh do neach, tha a thoil *éifeachdach* ann an coimhlionadh a' mhaith sin.

Tha na tri feartaibh so a th' ann an gràdh Chriosd 'ga dheanamh 'na ghràdh ro inbheach, agus 'ga dheanamh fein gu h-uile ion-mhiannaichte. Cia lion mile air mhiltibh pheacanna anns gach aon neach de thaghadh nan gràs air an do bhuadhaich an gràdh so, ged a bha gach aon diubh ni's leòir chum an diteadh gu léir? ciod na beanntan mi-chreidimh a tha e 'tilgeadh sios? Beachdaich air beatha neach air bith de na naomhaibh, smuainich air cleasaibh a' chridhe, amhaire air tuislidhibh agus anmhuinneachdaibh 'imeachd, seall air sal agus air spotaibh a thrusgain, agus innis dhomh nach 'eil an gràdh a tha giùlan le

so uile da rireadh ion-mholta. Agus nach 'eil e mar so a thaobh mhìltean gach aon là ? Cia saoibhir na sruthan gràis agus glanaidh, beothachaidh agus neartachaидh, a tha teachd o'n tobar ghràidh so gach aon là ! Is e so Fear ar gràidh, O nigh-eanan Iernsaleim.

2. Tha e gu h-uile ion-mhianmaichte agus airidh air gabhall ris, air a bheachdachadh ann an nàdur na *duomachd*; seadh, ann an so mar an ceudna, d'ar taobh-ne, tha e da rireadh ion-mhianmaichte. Tha dà ni a mhain a bheir sinn fainear ann :— (1.) Mar a tha e *saor o pheacadh*; (2.) *A lanachdan gràis*;— anns an dà ni so tha na Sgriobtuirean 'ga chumail a mach dhuinn mar neach ro ionmhuinneach agus mhaiseach.

(1.) Bha e *saor o pheacadh*;— Uan Dé, gun smal, gun ghaoid; firionn an treuda, tabhartas Dé, gach tabhartas eile fo mhallaichadh, agus iadsan a dh'lobradh iad, Mal. i. 14. Cha-n'eil glainead an sneachda r'a choimeas ri gile an lili so—ròs so Sharoin—eadhon o'n bholg : “Oir bha shamhuil sin de àrd-shagart iomchuidh dhnninne, a bha naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich,” Eabh. vii. 26. Tha iadsan àillidh agus maiseach ann an sùilibh Chriosd, aig am bheil an sal, eadhon ann an tomhas, air 'ionnlad air falbh : “Feuch, tha thu àillidh, a bhean mo ghaoil, agus smal cha-n'eil annad.” Cia cho maiseach, ma seadh, as a tha esan a bha riàmh gun spot, gun smal.

Tha e fior gu'n robh an gloine nàduir so aig Adhamh, agus aig na h-ainglibh 'n an cruthachadh; ach thàinig iad sin a mach gu neo-mheadhonach o làimh Dhé, as eugmhais comh-oibreachaidh nàdurra air bith. Ach ann an Iosa Criodh tha faillean agus freumh á talamh tioram, blàth o bhonn Iese, ùr-fhas o leasraidh na daonnachd pheacaich,—air a bhreith o pheacach, an déigh nach d' fhuaras feòil neo-chiontach amns an t-saoghal air son ceithir mìle bliadhna, gun neach air rola sloinnteil an tsliochda amns nach d' fhuaras eucail gabhaltach a' pheacaidh. Cha b'iongantas idir blàth ro mhaiseach, fhìor-ghlan thaotainn ann an *Eden*, gàradh Dhé; ach, mar a tha an Salmadair a' labhairt, ann an seadh eile, is iongantas da rireadh e, a dh' fheudas aire nan aingeal a ghlacadh, am blàth so 'fhaotainn 'am measg chraobh na *caille*, agus dhroighnich na frìthe, — ùr-fhas neo-thruaillidh a' briseadh fo bhlàth 'am fasaich nàduir peacaich na daonnachd. Seadh, cha-n e mhain gu'n robh an nàdur so truallte, ach bha e mar an ceudna mallaichte; cha-n e mhain gu'n robh e neo-ghlan, bha e mar an ceudna

ciontach,—ciontach de cheud pheacadh Adhaimh, anns an do pheacaich sinn uile. Nach iongantas ion-mholta da rireadh e, gu'n d' fhuras daonnachd Chriod, saor o chiont' agus o thruaillidheachd, a mach o'n stoc neo-ghlan, mhallaichte so.

Cunnuil. Ach their thu, “Cionnus a dh' f heudas so a bhi ? cò a bheir glan á neo-ghlan ? Cionnus a bha e comasach do Chriod ar nàdur a ghabhail, as eugmhais cionta agus truaillidheachd ar nàdur ? Ma rinn Lebhi an deachamh locadh ann an leasraidh Abrahaim, cionnus nach do pheacaich Chriod ann an leasraidh Adhaimh ?

Freagradh. Tha dà ni anns a' pheacadh ghin :—

[1.] *Ciont a' cheud pheacaidh,* a tha air a mheas dhuinne. Pheacaich sinn uile annsan, Rom. v. 12 : b'e ceud ghnìomh peacaidh Adhaimh ghnìomh peacaidh an t-sliochd nàdurra gu léir ;—“b'e an t-aon duine sin sinne gu léir ann.” Bha sinn uile ann an coimhcheangal maille ris ; cha-n e mhain gu'n robh e 'na cheann nàdurra dhuinn, ach bha e mar an ceudna 'na cheann coimhcheangail. Mar a tha Chriod do chreidich, Rom. v. 17 ; 1 Cor. xv. 22, mar sin bha Adhamh dhuinne gu léir; agus tha briseadh a' choimhcheangail sin leis air a mheas dhuinne.

[2.] Tha nàdur neo-ghlan agus truailte air 'fhaotainn uaith : “Cò a bheir glan á neo-ghlan ?” Iob xiv. 4. “An ni sin a tha air a blireith o'n fheòil, is feòil e,” agus cha ni sam bith eile; aig am bheil an gliocas agus an inntinn air an truailleadh mar an ceudna : cha tig o thobar salach ach uisge salach. Rinn ceud phearsa na daonnachd nàdur na daonnachd a thruailleadh, agus tha'n nàdur sin a nis a' truailleadh gach pearsa gu léir a tha 'leantuinn sios uaith. A nis, o'n dà ni so bha Chriod gu h-iomlan saor :—

Anns a' cheud àite,—Cha robh e *rìamh a réir coimhcheangail* ann an Adhamh, agus mar sin cha robh e fosgailte do pheacadh Adhaimh a bhi air a mheas dha anns an dòigh sin. Tha e fior gu'n do chuireadh peacadh as a leth 'n uair a rinneadh 'na pheacadh e, 2 Cor. v. 21 ; tre'n d'thug e air falbh peacadh an t-saoghail, Eoin i. 29 ; gidheadh, bha sin air a chur as a leth, cha b' ann ann an coimhcheangal Adhaimh, ann an rathad ceartais, ach ann an coimhcheangal an Eadar-mheadhonair, ann an rathad a shaoir thoile féin. Nam bitheadh e air a chur as a leth mar ghineal Adhaimh, cha bhitheadh e 'na àrd-shagart freagarrach chum iobairtean a thoirt suas air ar son, do bhrigh nach bitheadh e “dealaichte o pheacaich,” Eabh. vii. 26. Nam bitheadh Adhamh air seasamh ann an staid na neo-chiontachd, cha

bhitheadh Criod air teachd 's an fheòil, chum a bha 'na eadar-mheadhonair air son pheacach; agus uime sin cha do ghabhadh comhairle a thaobh a theachd 's an fheòil—is e sin, ann an seadh modhannail—gus an robh Adhamh air tuiteam, Gen. iii. 15. Ged a bha e ann an Adhamh, ann an seadh nàdurra, ann an dearbh thiotadh a chruthachaidh, a thaobh rhin Dhé, Lucas iii. 23, 38, gidheadh cha robh e ann, ann an seadh lagha, gus an do thuit e: mar sin, a thaobh a phearsa féin, cha robh ni's mbò de cheangal aig ceud pheacadh Adhaimh ris, na bha aig peacadh pearsonta sam bith a bhuineadh do neach sam bith eile air son an d' fhuling e gu saor; eadhon mar nach 'eil ciont nan aithriclean sin a thàinig o Adhamh air a chur as ar leth-ne, ged a bha sinn amnta gu nàdurra amhuil a bha sinn ann-san. Uime sin, rinn Criod seirbhis do Dhia uile làithean 'fheòla air thalamh, ann an coimhecheangal oibre; agus ghabh Dia ris ann, do bhrigh nach d' rinneadh ni sam bith leis a dheanadh éifeachd agus feartan a' choimhcheangail sin a blriseadh d' a thaobh-san. Cha-n'eil so, ma seadh, anns an tomhas a's lugha, ag isleachadh an iomlanachd a tha ann.

Anns an dara àite,--A thaobh *truaillidheachd ar nàduir*, bha so air a bhacadh o'n dearbh thiotadh anns an do ghabhadh anns a' bhroinn e, Lucas i. 35, "Thig an Spiorad Naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort; uime sin an ni naomh sin a bheirear leat, goirear Mac Dhé dheth." "Ghineadh e o mhaoi," Gal. iv. 4; ach bha a' chuid sin de nàduir na daonnachd o'n d'rinneadh e air a naomhachadh leis an Spiorad Naomh, ionnus gu'm bitheadh an ni sin a bha gu bhi air a bhreith 'na ni naomh. Is ann tre aonadh anama agus cuirp r'a chéile a tha compairt aig duine ann an nàdur na daonnachd, agus, mar an ceudna, ann an truaillidheachd an nàduir sin, mar ghineal Adhaimh: a nis, cha-n e mhain gu'n robh an truaillidheachd so air a bhacadh a thaobh aonaidh anama agus cuirp Chriod r'a chéile, tre naomhachadh an Spioraid, ach bha *bith corporra na daonnachd* sin anns a' bholg air a naomhachadh, mar an ceudna, le bhi air a chur air leth air son na h-oibre naoimhe sin a bha e gu 'choimhlionadh: mar sin, anns na h-uile seadh, bha e "naomh, agus neo-lochdach, agus neo-thruaillidh." Agus cha-n e so a mhain, ach 'na bheatha gu léir, "cha d' rinn e peacadh, ni mo a fhuaradh cealg 'na bheul," 1 Phead. ii. 22; rinn e "gach uile fhìreantachd a choimhlionadh," Mata iii. 15; annsan bha mòr thlachd an Athar, rann 17, do bhrigh an ùmh-lachd iomlain a choimhlion e; seadh, eadhon anns an t-seadh

sin anns am bheil e 'eur amaideachd as leth nan aingeal, agus anns nach 'eil na nèamhan féin glan 'na shùilibh ; tha so uile, ma seadh, a' nochladh cia cho oirdheire agus cho ion-mhiann-aichte as a ta e. B' ann mar so a bha e, is ann mar so a tha e fathast ; agus, gidlheadh, air ar son-ne bha e toileach a bhi air a mheas 'na chiontach leis na daoinibh a b' aindiadhaidh, agus ni's mò na sin, a bhi 'fulang o làimh Dhé a' pheanais a thoill na peacaich a bu ghràineile. Mu'n labhair sinn an déigh so.

(2.) Tha maise agus ion-mhiannachd daonnachd Chriosd air am foillseachadh mar an ceudna anns an *lànachd gràis* a tha gabhail còmhnuidh ann. Nan gabhamaid os làimh a bhi beachdachadh air iomlanachdaibh Chriosd, anns an earrann so d'a oirdheirceas,—gach ni a bhuineadh dha o'n bhroinn, Lucas i. 35,—gach ni a bha 'faotainn fàis agus leasachaidh ann, a thaobh cleachdaidh, ann an làithibh 'fheòla, Lucas ii. 52, maille ris na h-iomlanachdaibh a bhuineas da a nis ann an glòir,—dheanadh so uile ar cuideachadh anns an ni a tha measg ar làmhan : ach is ann a tha sinn a mhain a' gabhail seallaidh de na nithibh so anns an dol seachad. Tha dà ni soilleir do na h-uile d'a thaobh : —bha na h-uile gràs ann, a thaobh *gnè* ; agus na h-uile *tomhas*, a thaobh iomlanachd ; dà ni a tha 'deanamh suas an lànachd sin a tha 'chòmhnuidh ann. Is e gràs cruthaichte a tha sinn a' ciallachadh ; uime sin tha sinn a' labhairt mu gach uile ghnè gràis ; gràs a tha 'chòmhnuidh ann an nàdur cruthaichte, cha-n e nàdur neo-chriochnach ; agus uime sin tha sinn a' labhairt mu thomhasaibh a' ghràis sin.

A thaobh tobair a ghràis so, an Spiorad Naomh, cha b' ann "a réir tomhais" a thug Dia dha e, Eoin iii. 34 ; agus a thaobh compaireachaidh an Spioraid, "b'e deadh thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan," Col. i. 19,— "chum gu'm bitheadh aige àrd-cheanas anns na h-uile." Ach tha na nithe so gu coitchionn air an toirt fainear.

Is e so, ma sealbh, *Fear-gràidh* ar n-anama, "naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh ;" "làn gràis agus firinn ;"—lànachd uile-fhoghainteach, air son gach crich a bha aig gràs r'a choimhlionnadh,—lànachd cleachdaidh, chum a bhi 'na eisempleir ùmh-lachd do dhaoinibh agus do ainglibh,—lànachd seasmhach, chum comh-chomuinn gun bhriseadh a bhi aige ri Dia,—lànachd fialaidh, chum cuideachaidh ullamh a bhi aige do mhuinnfir eile,—lànachd uile-fhreagarrach, chum a bhi 'coinneachadh gach uireasbhuidh agus cor ann an anamaibh dhaoine,—lànachd inbhe, chum a bhi iomchuidh air *bith* a bhi aige ann am pearsa

Mhic Dhé,—lànachd uile-bhuadhach, os ceann nan uile dheuchainnean agus bhuairidhean,—lànachd ionracais, coimh-shinteach ris an lagh uile,—uile reachdaibh naomha agus fireanta Dhé,—lànachd barraichte, gus a' cheum a's àirde 'tha'n taobh a stigh do chomasaibh nàduir crìochnaich, cruthaichte,—lànachd oirdheirceis, mar am beò-theampull a's glòrmhoire agus a's maisiche do Dhia,—lànachd sàsachaidh, chum toil-inntinn iomlain agus tlachd anama an Athar,—lànachd glòire, chum a bhi 'na chuimhneachan siorruidh air glòir Dhé, ann am buileachadh iomlanachdan cho do-thuiginn air Mac an duine.

Is e so, ma seadh, an dara ni a tha r'a bheachdachadh chum a bhi cosnadh gaoil ar n-anama do Fhear ar ghráidh.

3. Tha e so uile ann an aon phearsa. Cha robh sinn a labhairt mu dhithis, mu Dhia agus mu dhuine ; ach mu aon a tha 'na Dhia agus 'na dhuine. Am Focal sin a bha anns an toiseach maille ri Dia, agus a b'e Dia, Eoin i. 1 ; rinneadh am Focal sin 'na fheòil, raun 14 ; cha-n ann le bhi air 'atharrachadh gu feòil; cha-n ann le bhi air a nochdadhe ann an cruth agus ann an coslas faicsinneich feòla ; ach le bhi 'gabhlail an ni naoimhe sin a bha air a bhreith o'n òigh a dh' ionnsuidh aonaidh pearsanta ris féin, Lucas i. 35. Mar sin, is e an "Dia cumhachdach" e, Isa. ix. 6, an "duine-cloinne" a rugadh dhuinne ; an ni naomh sin a bha air a bhreith o'n òigh, goirear Mac Dhé dheth, Lucas i. 35. Is e aonadh anama agus cuirp r'a chéile a rinn suas *daonnachd* Iosa Criod ; is e a rinn an *duine* Iosa Criod dheth, am *bith* a fluair an daonnachd sinn ann am pearsa Mhic Dhé ; as eugmhais so cha b'e *an duine* Iosa Criod a bhitheadh ann. Rinn sinn so a dhaingneachadh a cheana ann an àite eile ; tha sinn aig an àm so a' deanamh iomraidh air a mhain chum a bhi 'nochdadhe 'àilleachd ann. Ann an so tha gràs, agus sìth, agus beatha, agus téaruinteachd na h-eaglais a' luidh,—agus nan creideach gu léir ; mar a bhitheas air a nochdadhe leis na beachdreibh a leanas :—

(1.) Uaith so rinneadh *freagarrach* e gu bhi 'fulang agus comasach a bhi 'giùlan gach ni a bha dligheach dhuinne, anns an dearbh ghnìomh sin anns an d'thug "Mac an duine 'anam féin mar éiric air son mhòran," Mata xx. 28. Cheannaich Dia an eaglais le 'fhuil féin, Gniomh. xx. 28 ; agus ann an so bha gràdh Dhé air a thaisbeanadh gu'n d' thug e a bheatha féin air ar son, i Eoin iii. 16. Do bhrigh so fluaireadh farsuineachd ni 's leòir 'na uchd gu bhi 'gabhlail a stigh roinn' gach *claidheimh* liobhta a gheuraich lagh Dhé 'nar n-aghaidh, Sech.

xiii. 7 ; agus neart ni's leòir 'na ghuailnibh gu bhi 'giùlan a' mhallachaidh a thoill sinne. Is ann uaith so a dh' éirich e gu'n robh e cho *toileach* obair ar saorsa 'ghabhail os làimh, Eabh. x. 7, 8, "Feuch, tha mi a' teachd, chum do thoil-sa a dheanamh, O Dhé,"—oir bha fios aige air a chomas féin an obair a thoirt a dh' ionnsuidh ire bhuadhaich. Mar bitheadh e 'na dhuine, cha bhithedd e comasach dha fulang ;—mar bitheadh e 'na Dia, cha bhithedd éifeachd 'na fhulangas aon chuid air a shon féin no air ar son-ne, oir cha bhithedd riarachadh annta ; cha bhithedd coimeas air bith eadar fulangasaibh duine a mhain agus sin a bha neo-chriochnach. Nam b'e 's gu'n cruinnicheadh an Dia mòr agus cothromach r'a chéile na h-uile peacadh a ghniomhaich an taghadh o thoiseach an t-saoghail, agus gu'n rannsaicheadh e broilleach gach aoin diubh gu deireadh an t-saoghail,—nam b'e 's gu'n gabhadh e iad uile, o pheacadh an nàduir a dh' ionnsuidh a chlaonaidh a bu lugha o riaghait dhìrich a lagh' naoimhe féin, maille ris gach brosnachadh a bhithedd r'a fhaotainn ann an àm an aineolais agus 'nan staid iompaichte, agus gu'n deanadh e iad so uile a chàradh air guailnibh creutair a mhain, ged a bhithedd e naomh agus neologhdach ;—O cionnus a chuireadh iad fo e gu siorruidh o làthaireachd gràidh Dhé ! Uime sin tha'n t-abstol a toirt a steach an iomraidh ghlòrmhoir sin air Criodair thoiseach air ar peacadhean a bhi air an glanadh leis ; "Labbhair e anns na làithibh dei-reannach so ruinne tre a Mhac, a dh' òrduich e 'na oighre air na h-uile ni, tre'n do chruthaich e fòs na saoghail ; neach air bhi dha na dhealradh a ghloire-san, agus 'na fhioriomhaigh a phearsa, agus a' cumail suas nan uile nithe le focal a chumhachd," "ghlan e ar peacadhean," Eabh. i. 2, 3. Bha ar peacadhean air an glanadh leis-san a b'e am Mac agus oighre nan uile nithe, tre'n do chruthaicheadh fòs na saoghail,—dealradh glòire an Athar, agus fioriomhaigh a phearsa : ghlan esan iad, agus cha robh neach eile ann a bha comasach air a shon. "Dh' fhoillsicheadh Dia anns an fheòil," 1 Tim. iii. 16, air son na h-oibre so. Dhùisg an claidheamh 'na aghaidh-san a b'e dluth-chompanach Tighearna nan slòigh, Sech. xiii. 7 ; agus tre loataibh an àrd-bhuachaille so tha na caoraich air an leigheas, 1 Phead. ii. 24, 25.

(2.) Uaith so tha e 'na thobar gràis, gun chrìch, gun ghrunnd, dhoibh-san uile a chreideas ann. An lànachd sin a thoilich an t-Athair còmhnuidh a ghabhail ann an Criod, mar *ionmhas* mòr agus tigh-tasgaidh na h-eaglais, cha robh, agus cha-n'eil, e

'gabhair còmhnuidh ann an nàdur an duine, air a bheachdachadh ann féin ; ach ann am pears' an eadar-mheadhonair, Dia agus duine. Bithidh so air a dheanamh soilleir ma bheachdaicheas sinn ciod o'm bheil compairteachadh gràis Chriosd ag éiridh. Tha stéidh an iomlain air a leagadh anns an riarachadh a thug e, anns an toillteannas a bha ann, agus anns an éirc a dh' loc e ; is iad sin an tobar modhannail o'm bheil na h-uile gràs a' sruthadh d'ar n-ionnsuidh-ne o Chriosd. Uime sin, is e a th' anns na h-uile gràs *cuid* Chriosd ; is leis uile bheannachdan a' choimhcheangail nuaidh, uile gheallaidhean Dhé, an tròcair, an gràdh, an gràs, agus a' ghlòir, a tha ann gu léir. Cha-n e gu bheil iad so air an deanamh thairis do nàdur an duine, agus a' gabhair còmhnuidh ann, mar gu'm bitheadh compairt agaínn annta le bhi faotainn comh-roinn de'n dearbh ni a bha 'chòmhnuidh anns an nàdur sin ; ach is iad *cuid* Chriosd ann an seadh modhannail, ann an seadh coimhcheangail, chum a bhi air am buileachadh leis mar a chi e iomchuidh, mar an t-eadar-mheadhonair, an Dia-duine ; is e sin, an t-aon-ghin Mic a rinneadh 'na fheòil, Eoin i. 14, o'm bheil sinne uile 'faotainn, agus gràs air son gràis. Tha dearbh chompairteachadh a ghràis so againn le Chriosd a bhi 'cur an Spioraid chum ar n-ath-ghineamhuinn, a' cruthachadh bith nan gràs anns an anam, maille ri uile fhrithealaidhean lathail a' ghràis sin oirnn air am bheil sinn 'nar luchd-compairt. A nis tha an Spiorad Naomh air a chur mar so le Chriosd mar eadar-mheadhonair, an Dia-duine, mar a tha air a chur 'an céill, Eoin xiv., xv., xvi. ; air an labhair sinn 'an déigh so. Is e so, ma seadh, a tha sinn a' ciallachadh leis an lànachd gràis so a tha ann au Chriosd, o'm bheil againn töiseachadh agus leasachadh beatha nan gràs, agus o'm bheil e féin a' faotainn mar ainm Alpha agus Omega na h-eaglais, ceannard agus fear-criochnachailear ar creidimh, oirdheirc agus ion-mhiannaichite d'ar n-anamaibh :—Air do Chriosd 'fhuil féin locadh mar éirie, agus làn fhuasgladh 'fhaotainn do bhrìgh an riarachaidh a thug e, tha còir modhannail aige air na h-uile gràs —air an labhair sinn an déigh so,—agus mar an ceudna còir buileachaidh a ghràis sin ; agus tha e 'ga chompairteachadh riù-san uile a's leis, tre'n Spiorad Naomh, mar a chi e, 'na ghliocas neo-criochnach, feum aca air. Cia cho glòrmhor as a ta e fo'n bheachd so ! Cha-n'eil ni air bith cho luachmhor dhuinn ri sin a fhreagarras uireasbhuidh ar coir,—sin a bheir aran do'n ocrach, uisge do'n tartmhor, agus tròcair dha-san a tha 'dol am mugha. Mar so tha ar cuideachadh gu léir ann am

fear ar gràidh. Ann an so tha *beath'* ar n-anaman, *aoibhneas* ar eridhe, ar *neart* an aghaidh peacaidh, agus ar *suoradh* iomlan o'n fheirg a ta ri teachd.

(3.) Mar so rinneadh e'na eadar-mheadhonair agus 'na fhear-créite freagarrach eadar Dia agus sinne,—air bhi dha 'na aon ris-san, agus 'na aon ruinne, agus 'na aon ann féin anns an aonachd so, ann an aonachd an aon phearsa. Is ann o so a tha dearbh-adh a chomais agus 'uile-fharegarrachd airson dreuchd na h-eadar-mheadhonaireachd gu coitchionn air a tharruing. Ann an so is esan "Criod, cumhachd Dhé, agus gliocas Dhé," 1 Cor. i. 24. Ann an so tha glòir gliocais neo-chriochnaich Dhé a' dealradh a mach, a dh'-fheudas ar lionadh le h-iongantas, ach nach comasach dhuinn a chur an céill. Cò an t-anam aig am bheil ni air bith de èolas anns na nitibh so nach 'eil a' tuiteam sios ann féin le h-uram agus le h-iongantas? Cia cho glòrmhor as a tha esan a's e Fear-gràidh ar n-anama! Ciod nach 'eil ann gu bhi misneachadh ar eridheachan gu bhi 'gabhall ar suaimhneis agus ar sìthe 'na uchd? Anns an fhoillseachadh so air Criod tha e mi-comasach nach tionail an t-anam gràsmhor na dhùlùth-cheanglas a chridhe ann an gràdh ris, mar 'eil na h-uile slighe saorsa agus comhfhurtachd air a għlasadh suas fo chuibrichibh a' mhi-chreidimh. Bitheadh ar smuaintean gu tric ag iona ltradhdh ann. Is e so *d̄iomhaireachd folaithe* na diadhachd, a tha gun amharus mòr agus ion-mholta gu saoghal nan saoghal. Cia cho bochd, agus tàireil, agus bàsmhor, as a tha na nithe sin air am bheil sinn a' caitheamh ar beachd-smuaineachaidh! Ged nach bitheadh buannachd idir dhuinn anns an fħrithealadħ iongantach so, gidheadh tha oirdheirceas, agus glòir, agus maise, agus doimhneachdan, ann féin, a tha gu h uile ro airidh air blàth ar rannsachaidh, air spionnadħ ar spioradan, agus air meud ar n-ùine; ach, air an làimh eile, 'nuair a tha ar beatha, ar sìth, ar n-aoibhneas, ar n-oighreachd, ar siorruidheachd, ar n-uile, fillte suas ann, cionnus nach 'eil ar smuaintean a' foiseachadh ann gun tàmh, le suaimhneas agus toil-inntinn d'ar n-anamaibh?

(4.) Tha e oirdheire agus glòrmhor ann an so,—gu bheil e *àrd-aichte agus sgeadaichte leis gach uile àghdarras*. 'Nuair a chuala Iacob mu àrdachadh a mhic Ioseph anns an Eiphit, agus a chunnaic e na carbadan a chuireadh g'a għiġi lan, dh' fhannaich a spiorad agus dh' ath-bheothaicheadh a rìs e, aig meud an aoibhneis agus a' ghairdeachais leis an robh a chridhe a' cur thairis. An do chailleadh Fear ar gràidh-ne? an do

chailleadh esan a rinneadh bochd air ar son,—a bha air a gheur-leanmhuinn, air a mhaslachadh, agus air a mharbhadh air thalamh? Ni h-eadh! bha e marbh, ach a ta e beò, agus feuch, a ta e beò gu saoghal nan saoghal, agus tha iuchraichean ifrinn agus a' bhàis aige, Taisb. i. 18. Rinneadh Fear ar gràidh 'na thighearn agus 'na uachdaran, Gníomh. ii. 36. Rinneadh e 'na rìgh; chuir Dia suas e 'na rìgh air a thulaich naoimh Sion, Salm ii. 6; agus chrùnadh e le glòir agus le h-urram, an déigh dha 'bhi "ré tamuill bhig ni's isle na na h-ainglean chum fulangais a' bhàis," Eabh. ii. 7-9. Agus ciod air an d' rinneadh e 'na rìgh? "Chuir thu na h-uile nithe sios fo a chosaibh," rann 8. Agus ciod an cumhachd a tha aig Fear ar gràidh os an ceann? "Gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh," Mata xxviii. 18. A thaobh dhaoine, thugadh cumhachd dha "air gach feòil," Eoin xvii. 2. Agus ciod a' ghlòir anns am bheil e a' riaghlaidh? Bheir e a' bheatha mhaireannach do na daoine taghta; "ag ionaltradh a threuda ann an neart an Tighearna," Micah v. 4. gus an treòraich e dhachaidh iad d'a ionnsuidh féin: agus a thaobh a naimhdean, tha a shaighdean geur 'nan eridhrachaibh, Salm xlvi. 5; tha'm fuil air a crathadh air a chulaidh, Isa. Ixiii. 3. Oh, cia cho glòrmhor as a tha e 'na ùghdarras os ceann a naimhdean! Ann an t-saoghal so féin, tha e 'lotadh an eridheachan le h-eagal agus uamhunn, agus an coguisean le piantaibh agus oillt; glacaidh e an spioradan truagh' ann an iomaguin agus 'an geillt, gus an éigin d'am muinealaibh cromadh fo 'chuing; agus air uairibh ann am breitheanaasaibh follaiseach a làimhe, pronnaidh agus brisidh e sios iad fo rothraighe a charbaid,—am fuil mar shal air a thrusgan, agus an cairbhean a' breunadh na talmhainn, gus an dean e fa dheòigh ami beò-cheangal r'a chéile,—faidh-bréige, fiadh-bheathach, agus cinnich, agus a thilgeas e sios iad le cumhachd do'n loch a tha dearg lasadh le teine agus pronnuse.

Tha e mar an ceudna air 'ardachadh gu glòrmhor 'na ùghdarras os ceann nan ainglean, maith agus ole, Eph. i. 20-22, "gu ro àrd os ceann gach uile uachdaranachd, agus cumhachd, agus neirt, agus tighearnais, agus gach ainm a dh' ainmichear, cha-n e mhain 'san t-saoghal so, ach 'san t-saoghal ri teachd mar an ceudna." Tha iad uile fo 'chosaibh, chum an òrduchadh agus am buileachadh mar is àill leis. Tha e 'na shuidh aig deis làimh Dhé, ann an ionad na h-inbhe a's ro àirde, ann an làn sheilbh rioghail air a' chruthachadh uile; air dha ainm 'fhaotainn os ceann na h-uile h-ainm, Phil. ii. 9. Mar so tha e

glòrmhor 'na rìgh-chaithir, togta suas a dh' ionnsuidh deis làimh na "Morachd anns na h-áardaibh;" glòrmhor 'na *ùghdarras*, anns an "uile chumhachd air nèamh agus air talamh;" glòrmhor 'na *ainm*, a tha os ceann na h-uile h-ainm,— "Rìgh nan rìgh, agus Tighearna nan tighearn;" glòrmhor 'na *shlat-rioghail*, "is slat cheartais slat-shuaicheantais a rioghachd;" glòrmhor 'na *luchd-frithealaith*,—"tha charbaid 'nam fichead mìle, le mìltibh de mhìltibh aingeal," 'nam measg tha e 'marcachd air na nèamhaibh, a' cur a mach a ghuth a tha treun ann an neart, agus maille ris niltean air mhìltibh cheruban naomh a làimhe; glòrmhor 'na *lochdaranaibh*,—gach creutair air nèamh agus air talamh, cha d' fhadadh ni air bith nach do chuireadh fo lochdaranaichd dha; glòrmhor 'na *riaghlaigh*, agus 'am frithealaichd a rioghachd,—làn millseachd, agus éifeachd, agus cumhachd, agus sèimheachd, agus naomhachd, agus fléasantachd, agus gràis, annta-san agus d'an taobhsan a's leis,— eagalach ann an dioghaltais, obann ann an léir-sgrios, a thaobh sliochd na ceannairee,—daoine agus ainglean; glòrmhor ann am *fairfeachd* a rioghachd, 'nuair a lùbas gach glùin 'na làthair, agus a nochdar na h-uile 'am fianuis a chaithir-breitheanais. Agus eia cho beag as a ta an earrann d'a ghlòir air an d'rinn sinn iomradh! Is e so Fear-gràidh na h-eaglais,—a ceann, a fear-posda; is e so an Ti ris am bheil comh-chomunn againn: ach air àrdachadh Chriosd gu léir tha sinn a' rùnachadh labhairt ann an àite eile.

Air dhuinn na nithe so a chur an céill ann an rathad coitchionn, bheir sinn a nis fainear iomradh na céile mu Chriosd anns an Dàn, v. 10-16, chum a bhi 'eur an tuilleadh impidh air ar eridheachaibh a dh' ionnsuidh comh-chomuinn ris, anns an dàimh sin a dh' ainmicheadh, tre bhi beachdachadh air oirdheirceas agus iomlanachdaibh a phearsa. "Tha fear mo ghràidhsa geal agus dearg, sònruichte am measg dheich mìle. Tha a cheann mar an t-òr a's gloine; a chiabhan bachlagach, dubh mar am fitheach. Tha a shùilean mar shùilibh choluman làimh ri sruthaibh uisgeachan, a nigheas iad fèin ann am bainne, air an suidheachadh gu ceart. Tha a ghruaidhean mar leabaidh spiosraidi, mar bhlàthaibh cùbhraidi; a bhilean mar lìlidhibh, a' sileadh mirr ruidhlich. Tha a làmhain mar fhàinnibh òir suidhichte le berilibh; a chom mar fhiacail elephaint llobhta, air a chur thairis le saphiribh. Tha a chosan mar phuist marmoir, suidhichte air bonnaibh de'n òr a's gloine; a choslas mar Lebanon, barraichte mar na seudair. Is ro mhilis a bheul;

seadh, tha e gu léir ionmhuinn. Is e so fear mo ghràidh-sa, agus is e so mo charaid, a nigheanan Ierusaleim."

Thug sinn fainear a cheana an t-iomradh coitchionn a tha againn ann an rann 10; tha na rainn eile a' daingneachadh cliù na céile air fear a gràidh, gu bheil e "sònruichte am measg dheich mìle."

Tha i a' tòiseachadh le a *cheann* agus *'aghaidh*, rainn 11-13. A thaobh a chìnn, tha i air tùs a' labhairt ann an rathad coitchionn mu stuth a chìnn,—is "òr flor-ghlan" e; agus a rìs, tha i 'sònraichadh a mach *sgeadachaidh* a chìnn,—"tha 'chiabhan bachlagach, dubh mar am fitheach."

1. "Tha a cheann mar an t-òr a's gloine," no, "Tha a cheann de'n òr fhìor-ghlan, dhiongmhalta."

Tha dà ni ro chomharaichte anns an òr,—dealradh no glòir, agus maireannachd. Agus an dà ni so tha 'chéile a' toirt fainear mu cheann Chriosd. Is e ceann Chriosd 'uachdarachd, agus 'úghdarras, agus a rioghachd. Uime sin theirear ann an Salm xxi. 3, "Tha coron a dh'òr fior-ghlan m'a cheann;" agus ann an so theirear gu bheil a cheann de'n òr, do bhrigh an coron òir a tha 'ga sgeadalachadh,—mar a tha "ceann òir" air a ghairm de'n rioghachd sin ann an Dàniel a bha ro chomharaichte air son glòire agus maireannachd, caib. ii. 38. Agus tha an dà ni so ro chomharaichte ann an rioghachd agus 'an úghdarras Chriosd:—

(1.) Is rioghachd *ghlòrmhor* i; tha esan làn glòire agus mòralachd, agus 'na mhòralachd tha e 'marcachd gu buadhach, Salm xlvi. 3, 4. "Is mòr a ghlòir trid do shláinte-sa; urram agus mòralachd chuir thu air; oir rinn thu e ro bheannaichte gu bràth," Salm xxi. 5, 6. Dh' fheudamaid iomadh ni a shònraichadh gu bhi nochdadh nach 'eil feart no buadh a tha cuideachadh rioghachd air bith a thaobh glòire, nach 'eil r'a fhaotainn ann an rioghachd so Chriosd anns an oirdheirceas a's barraichte. Is rioghachd *nèamhaindh*, agus *spioradail*, agus *choitchionn*, agus *neo-ghluasadach* i; agus so uile 'ga deanamh 'na rioghachd ghlòrighoir. Ach labhair sinn ann an euid a cheanna m'a ni so.

(2.) Tha i *maireannach*, seadh, siorruidh,—òr diongmhalta. "Tha a rìgh-chaithir gu saoghal nan saoghal," Salm xlvi. 6; "air fas 'uachdarachd, agus air a shìth, cha tig erloch; air caithir-rioghail Dhaibhidh, agus air a rioghachd, chum a daingneachadh agus a socrachadh le breitheanas agus le ceartas, o so a mach agus gu siorruidh," Isa. ix. 7. "Tha a rioghachd na rioghachd shiorruidh," Dan. vii. 27,—"rioghachd nach teid

gu siorruidh a sgrios," caib. ii. 44 ; oir is éigin da rioghachadh gus am bi a naimhdean nile air an cur fo 'chosaibh. Is e so, ma scadh, an ceann òir sin,—glòir agus siorruidheachd a rioghachd.

Agus ma ghabhas sinn a cheann anns an t-seadh nàdurra, tha e 'ciallachadh aon chuid glòir a Dhiadhachd, no lànachd agus oirdheirceas a' ghliocais a tha 'gabhall còmhnuidh ann. Cha-n 'eil an samhladh r'a bhi air a chumhannachadh, am feadh nach 'eil ar mìneachadh 'na bhriscadh air comh-aontachd a' chreidimh.

2. *Sgeudachadh a' chìnn* ; Tha a chiabhan "bachlagach," no, cuairchichte, "dubh mar am fitheach." Tha a chiabhan eais-reagach dubh—dubh mar am fitheach ; is e sin, air *dhath* an fhithich, cha-n ann a réir *nàduir* an fhithich. Gabhamaid a cheann ann an seadh *riaghluidh* : tha a chiabhan *cuisreagach*, mar gu'm bitheadh iad air an *ribeadh* air feadh a chéile, gidheadh ann am firinn a' tuiteam sios ann an òrdugh agus 'am maise ionlan, mar chiabhaibh bachlagach ; tha iad so a' ciallachadh a smuaintean, a chomhairlean, agus a shlighean, ann am frithealadh a rioghachd. Tha iad *dubh*, no *dorch*, do blàrigh an *dòlmhairreachd* agus an do-rannsachd,—mar a tha Dia air 'ainm-eachadh a' cur dorcadais mar ionad ðiomhair mu'n cuirt air ; agus tha iad *caisreagach* no *bachlagach*, do blàrigh gu bheil iad air an coimh-mheasgadh gu riaghailteach air feadh a chéile, ann an gliocas neo-chriochnaich. Tha a smuaintean lionmhor mar fholt a chìnn, mar gu'm bitheadh iad a' ribeadh gach aon a' chéile, gu deacair, ion-chomhairleach, gidheadh da rìreadh a' luidh r'a chéile ann an òrdugh agus 'an riaghailteachd mhaiseich, mar fholt bachlagach, dualach ; tha iad dorch, do-rannsachte, agus eagalach d'a naimhdibh, ach làn maise agus sgèimhe dhoibh-san d'an d' thug e gràdh. Mar so, tha sinn ag ràdh, tha smuaintean a chridhe, agus comhairlean a ghliocais, a thaobh frithealaidh a rioghachd,—tha iad dorch, coimh-mheasgaichte, do-rannsachte do shùil feòlmhoir ; ged a tha iad anna féin, agus d'a naomhaibh, domhain, ion-fhillteach, air an deadh òrduchadh anns na h-nile ni, fìeagarrach agus ion-mhiannaichte.

Ann an seadh *nàdurra*, tha ciabhan caisreagach agus dubh a' ciallachadh maise agus spionnaidh na h-òige. Mar sin a' nochdadh òirdheirceis agus ionnchuirneachd Chriosd anns a' chumhachd leis am bheil e 'cur an gniomh a chomhairlean gu léir, 'na uile shlighibh.

Is e an t-ath ni a tha air 'ainmeachadh, a shùilean. Rann

12, "Tha a shùilean mar shùilibh choluman làimh ri sruthaibh uisgeachan, a nigheas iad féin ann am bainne, air an suidheachadh gu ceart." Tha aobhar an t-samhlaidh so ro shoilleir : —tha na columain 'nan eoin neo-lochdach, cha-n e an gnè a bhi 'reubadh na creiche ; agus tha iad a' toirt barrachd air eoin eile ann an dealradh agus 'an géiread an sùl, agus is ro thaitneach led na sruthan uisge. Tha am maise gu mòr air a mheudachadh le bli air an nigheadh ann am bainne, no uisge fior-ghlan, soilleir mar chriostal. Tha e air 'ainmeachadh ann an so gu bheil an sùilean "air an suidheachadh gu ceart;" is e sin, tha iad a réir a chéile ann an coimh-fhreagarrachd mhaiseich agus dhealraich,—mar sheud luachmhoir air a shuidheachadh ann am fainne, mar a tha am focal a' ciallachadh.

Air do shùilibh a bhi air son *fradhaire*, agus beachdlachaidh, agus èòlais, a thaobh nan nithe sin a chithear ; tha èòlas, agus tuigse, agus Spiorad breithneachaidh an Tighearna Iosa air an ciallachadh ann an so. Tha ceithir nithe air an cur as an leth anns an t-samhladh :—1. Maothalachd ; 2. Fior-ghloine ; 3. Breithneachadh ; 4. Glòir :—

1. Tha *muothalachd* agus truacantachd Chriosd do'n eaglais air a chiallachadh ann an so. Tha e 'g amharec oirre le sùilibh cholumain neo-lochdaich ; le cùram truacanta, caomh ; as eugmhais feirge, no smuaintean dioghaltais. Mar sin tha an t-sùil air a mìneachadh ann an Deut. xi. 12, "Tha sùilean an Tighearna do Dhé air an fhearrann a ghnàth." C' arson sin ? "Is fearann e d' am bheil an Tighearn do Dhia a gabhail cùraim ;"—a' gabhail curaim de ann an tròcair. Mar sin tha sùilean Chriosd oirnne, mar shùilibh neach a tha gu truacanta a' gabhail cùraim dinn ; neach a tha 'eur a ghliocais, agus a thuigse, agus 'èòlais, ann an cleachdad, ann an caomh-ghràdh, air ar son. Is esan clach-blunait sin na h-eaglais air am bheil "seachd sùilean," Sech. iii. 9 ; anns am bheil ionlanachd gliocais, agus èòlais, agus cùraim, agus caoimhneis, chum seòlaidh dhi.

2. *Fior-ghloine* :—mar shùilibh choluman air an nigheadh a thaobh an gloine. Feudaidh so a bhi air a ghabhail aon chuid air son oirdheirceis agus fior-ghloine neo-mheasgaichte fradhaire agus èòlais Chriosd ann féin ; no air son a thlachd ann a bhi 'faicinn fior-ghloine ann am muinntir eile. "Tha 'shùilean ni's gloine no gu'n seal e air ole," Hab. i. 13. "Cha'n-eil tlachd aige ann an aingidheachd ; cha seas na h-amadaid 'na lathair," Salm v. 4, 5. Ma bha anam fireanta Loit air a chràdh le bhi

'faicinn agus a cluinnntinn ghnìomharan an-diligheach dhaoine aindiadhaidh, 2 Phead. ii. 8, gidheadh aig an robh sùilean feòlinhor e féin, anns an robh coimh-mheasgadh truaillidheachd; nach mò gu mòr na sin is fuathach le shùilibh fior-ghlan ar Tighearna Iosa gaoil uile ghràineileachdan pheacach ! Ach is ann 'an so a tha oirdheirceas a ghràidh da rireadh air a noch-dadh, gu bheil e 'toirt fainear ar gràineileachdan agus ar sal ionnlad air falbh, chum gu'm bitheadh a thlachd annainn ; agus air dha ar faicinn cho truaillte as nach gabhadh a deanamh air sheòl sam bith eile, ni e ar n-ionnlaid 'na fhuil féin, Eph. v. 25-27, "Eadhon mar a ghràdhaich Criod an eaglais, agus a thug se e féin air a son ; chum gu naomhaicheadh, agus gu'n glanadh e i le ionnlad an uisge tre an fhocal, chum gu'n cuireadh e 'na làthair féin i, 'na h-eaglais ghlòrmhoir, gun smal, gun phreasadh, no ni air bith d'an leithidibh sin ; ach chum gu'm bitheadh i naomh, agus neo-lochdach." Is i crìoch an ionnlaid so, gu'm bitheadh an eaglais air a cur 'na làthair féin, 'na h-eaglais ghlòrmhoir, do bhrigh gu bheil e ni's gloine sùl na gu'n urrainn e amharc oirre le h-aoibhneas agus tlachd ann an cor air bith eile. Cha-n fhag e a chéile féin gus an abair e m'a timchioll, "Tha thu uile àillidh, a bhean mo ghaoil, agus smal cha-n'eil annad," Dàn Shol. iv. 7. Tha e 'toirt air falbh ar spotan agus ar smal, ann an cuid, tre "ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh," agus a' deanamh sgeadachaидh iomlain oirnn 'na fhìreantachd féin, agus sin do bhrigh glainead a shùl, nach urrainn amharc air ole,—chum ar cur 'na làthair féin naomh agus neo-lochdach.

3. *Breithneachadh.* Tha e 'faicinn mar cholumain, gu beò, rannsachail, geur, a' sealltuinn gu lochdar gach ni air an luidh a shùil. Uaith so, theirear ann an àite eile gu bheil "a shùilean mar lasair theine," Taisb. i. 14. Agus, c' arson sin ? Chum gu'm bitheadh fios aig na h-eaglaisibh gur esan an ti a "sgrudas na h-airnean agus na eridheachan," Taisb. ii. 23. Tha sùilean beachdail aige, cha-n'eil ni air bith folaithe uaith ; tha na h-uile ni lomnochd agus fosgailte do shùilibh an ti d'am feum sinn cunntas a thabhairt. 'Nuair a bha e anns an t-saoghal so féin, "b'aithe dha na h-uile dhaoine, agus cha robh feum aige air neach sam bith a dheananmh fianuis air duine ; oir bha fios aige ciod a bha anns an duine," Eoin ii. 24, 25. Tha a shùilean geur a' sealltuinn tre choslas nan cealgair, fo chòmhachdach dhliomhair nan iomallan leathan. Tha e 'g amharc air ionadaibh folaithe a' chridhe ; agus mar a tha daoine ann an sin, is amhuil

sin na shùilibh-sa iad. Cha-n'eil e 'faicinn mar a chi sinne, ach a ta esan a' rannsachadh *duine folaichte* a' chridhe. Cha chaillear an osunn a's anmhuiinn' a dh' éireas o chridhe briste, agus brúite, agus iriosal 'na dhéigh; cha-n'eil am plosgadh gràidh a's uaignich' an déigh a chomuinn folaichte air,—tha e 'faicinn 'an uaignidheas; cha-n'eil tairbhe 'na fhianuis ann an gníomharaibh àrd-ghlòireach, mòr-chuiseach, a' chealgair a's gloine sgòid,—tha 'shùilean glan a' sealltuinn tre na h-uile ni, agus salachar an eridheachan lomnochd 'na fhianuis.

4. *Maise* agus *glòir*. Tha na h-uile ni mu Chriosd na ni maiseach, oir a ta e "gu léir ionmhuinn," rann 16, ach barraichte ann an glòir a ta e ann an sealladh a shùl, agus 'na ghliocas: is esan gliocas gliocais shiorruidh Dhé; tha a thugse neo-chriochnach. Cia cho làn spotan agus smal as a tha ar n-eòlas-na! 'N uair a bhitheas a iomlan, gidheadh bithidh e criochnach. Tha gliocas Chriosd gun spot dorchadair, agus gun chuairt crìche.

Mar so, ma seadh, tha e maiseach agus glòrmhor:—"a cheann mar an t-òr a's gloine, a shùilean mar shùilibh choluman, air an nigheadh ann am bainne, agus air an suidheachadh gu ceart."

Tha a' chéile, anns an ath àite, a' deanamh iomraiddh air a ghruidhibh. Rann 13, "Tha a ghruidhean mar leabaidh spòsraidh; mar bhlàthaibh cùbhraidh," no "mar thùraibh boltrachais," mar bhlàthaibh fo làn mhaise. Tha trì nithe a tha gu soilleir air an sònraichadh anns na briathraibh:—1. *Cùbhraidheachd*, mar anail nan *spòsraidh* agus nam *blàth*, mar thùraibh boltrachais; 2. *Maise* agus riaghailteachd, mar spòsraidh air an suidheachadh 'nan sreathaibh, mar a tha am focal a' ciallachadh; 3. Seadh ro *inbheach* an fhocail sin, mar bhlàthaibh *cùbhraidh*, fo làn fhàs agus mhaise.

Tha na nithe so ann an gruaidhibh Chriosd. Ann an gruaidhibh duine chithear a *mhaise*, agus snuadh a ghaisgeachd. Tha maise Chriosd, mar a thug sinn ann an tomhas fainear, o'n lànachd gràis a tha gabhail còmhnuidh ann air ar son-ne. Tha a threubhantas gaisgeil aige o'n lànachd ùghdarras a tha ann, a thaobh frithelaideh a rioghachd agus a riaghlaideh, mar a thug sinn a cheann fainear. Chum a bhi 'nochdadadh oirdheirceis spioradail fir a gràidh, tha a' chéile a' deanamh iomraiddh air mar neach ro thlachdmhoir agus ion-mhiannaichte, agus ann an deanamh sin, tha i ag ainmeachadh a' mhaise agus an treubhantaos so a bhuineas da fo shamhladh nan gruaidh; agus sin a

chum a bhi 'deanamh suas gach earrann fa leth na h-àite féin.
Tha i uime sin a' eur as leth nan gruaidh—

1. *Cùbhraileachd*, riaghailteachd, agus inbheachd. Deadh fhàile ; mar a tha Dia a'faotainn faile cùbhraidh o ghràs agus o ùmhachd 'òglach féin (Gen. viii. 21, dh' fhairich an Tighearn faile cùbhraidh o thabhartas-loisgte Noah), is amhul sin a tha na naoimh a' faotainn cùbhraileachd anns a' ghràs a tha chòmhnuidh ann an Criod, Dàn Shol. i. 3. Ann an so tha iad a' faotaum snaimhneis, agus toil-inntinn, agus ath-bheothachaидh d' an anamaibh. Mar a tha anail nan spòsraidh agus nam blàth gu nàdurra ro thaitneach, ag ath-bheothachadh agus ag ùrachadh neach fann ; is ionann sin gràsan Chriosd do chridheachaibh nan naomh. Tha blas spioradail aca annta, tha iad ag ùrachadh an spioradan fann, agus a' toirt toil-inntinn d'an anamaibh. 'N uair a thig e am fagus dhoibh, aithnichidh an anama faileadh 'eudaich, mar a dh' fhairich Isaac de 'endach Iacoib. Their iad, "Tha e mar fhàile fearainn a bheannaich an Tighearn," Gen. xxvii. 27 ; agus tha an anama air an ùrachadh leis.

2. *Riaghailteachd* agus *maise*, mar shreathaibh spòsraidh ann an leabaidh gàrraidh. Is amhul sin gràsan Chriosd. 'N uair a tha luibhean spòsraidh air an suidheachadh gu riaghailteach, feudaidh neach air bith 'fhaicinn ciod a tha chum feum dha, agus an tional d' a ionnsuidh a' réir sin. Tha an coimh-fhreagarrachd, mar an ceudna, d'a chéile a' meudachadh am maise. Mar sin tha gràsan Chriosd ; tha iad air an cumail a mach gu riaghailteach agus eadar-dhealaichte anns an t-soisgeul, chum gu'n gabhadh peacaich sealladh dhiubh tre chreidimh, agus gu'n tionaladh iad d'an ionnsuidh féin iad a réir am feuma. Tha iad air an òrdnuchadh air son feum nan naomh ann an geallaidhbih an t-soisgeil. Annsan tha solus, agus beatha, agus cumhachd, agus gach uile chomhfhurtachd ;— comh-shoillse nan uile ghràs, a' dealradh ann an glòir agus 'am maise. Tha creidich a' beachdachadh orra gu léir, a' faicinn an glòire agus an òirdheirceis, gilheadh a' dearcadh gu sònruichte air aon 'an so, agus aon eile an sud, coimh-fhreagarrach ris a chor a tha làthair aca. Tha neach a' deòghlum soluis agus aoibhneis ; neach eile, beatha agus neirt. Tha iad so air an cruinneachadh leò o leabaidh nan spòsraidh, ann an cleachdadh a' chreidimh agus na h-ùrnuiigh. Cha-n'eil neach a' teachd d'a ionnsuidh a thionndaidheas air falbh falamh. Ciod nach fheud iad a ghabhail ? ciod nach fheud iad a chruinn-

eachadh ? ciod a tha 'dhìth air an anam bhochd ? Feuch, a ta e uile air 'ullachadh ann an so, air a chur sios gu riaghailteach ann an geallaidhibh an t-soisgeil ; a tha mar na leapaichibh anns am bheil an spòsraidh so air a shuidheachadh air son ar leas ; agus do brìgh so, theirear gu bheil an "coimhcheangal siorrhuidh air a shuidheachadh anns gach ni," 2 Sam. xxiii. 5.

3. *Inbheachd.* Tha a ghruailean mar "thùr boltrachais" togta suas, faicsinneach, comharaichte. Mar sin gràsan Chriosd, air an togail suas ann an searmonachadh an t-soisgeil. Tha iad mar "thùr boltrachais,"—n am fàile cùbhraidh do Dhia agus do dhaoinibh.

Anns a' chuid eile de'n rann, tha a' chéile ag ainmeachadh gu bheil "a bhilean mar lìlidhibh, a' sileadh mirr ruidhtich." Tha dà bhuaidh ann an nithibh nàdurra air an ainmeachadh ann an so :—Air tùs, maise an *datha* sin a' th'anns an lili, agus, a rìs, ann *fàile cùbhraill* a th' anns a' mhírr. Bha glòir agus maise nan lili cho comharaichte anns na tìribh ud, as gu bheil am Fear-saoraidh ag ràdh, "Nach robh Solamh féin 'na uile ghlòir, air 'endachadh mar aon diubh so," Mata vi. 29 ; agus an uair a tha na Sgriobtuirean a' labhairt mu ni sam bith a tha comharaichte air son cùbhraidheachd, tha e air a choimeas ris a' mhírr, Salm xlvi. 8 ; bha e mar an ceudna air a chleachadh gu paitl ann an coimh-mheasgadh an oladh-ùngaidh naoimhe, Ecsod. xxx. 23-25 ; agus tha e gu tric air 'ainmeachadh air a mhodh cheudna ann an àitibh eile. Tha e air a ràdh mu Chriosd gu'n robh "gràs air a dhòrtadh ann a bhilidh," Salm xlvi. 2, air dhòigh's gu'n do ghabh daoine iongantas ris na briathraibh gràsmhoir a thàinig a mach as a bheul. Agus mar sin, bilean Chriosd a' sileadh mirr ruidhtich, a' ciallachadh cùbhraidheachd, agus òirdheirceis, agus uile-flreagarrachd focail Chriosd. Ann an so tha e da rireadh glòrmhor, a' toirt barrachd gu h-iomlan air gach buaidh anns na nithibh nàdurra sin a's ro luachmhoire a réir an gnè. Uaith so, tha iadsan a tha searmonachadh focail Chriosd chum teàrnaidh anama "nam faile cùbhraidh do Dhia," 2 Cor. ii. 15 ; agus tha deadh fhàile èòlais Dé air 'fhoillseachadh leò, rann 14. Dh' fheudamaid ann an so a bhi 'labhairt air gach buaidh fa leth a tha gu nàdurra anns a' mhírr, ris am bheil focal Chriosd air a choimeas,—géiread a bhlas, a bhuaidh gleidhidi o lobhadh, agus a fhreagarrachd ann am boltrachais agus 'an ùngaidhean, —agus mar sin a bhi 'leantuinn a mach an t-samhlaidh chum a bhi nochdadh gach buaidh fa leth ann am focal Chriosd ; ach

cha-n'eil sinn ag aimmeachadh nithe ach a mhain ann an rathad coitchionn. Is e so an ni atha an Spiorad Naomh a' ciallachadh ann an so:—tha focal Chriosd deadh-bhlasda, eùbhraidi, agus luachmhor do chreidich; agus tha iad a' faicinn oirdheirceis, agus maise, agus glòir Chriosd, ann an uile reachdaibh, agus gheallaidhibh, agus chomhairlibh, agus bhagraigdhibh an fhocail.

Tha a' chéile a nis a' gabhail air a h-aghaidh, “Tha a làmhan mar fhàinnibh òir suidhichte le berilibh,” rann 14. Tha am “beril” a' ciallachadh cloiche luachmhoir air dhath naine na mara. Tha fainnean òir suidhichte le clachaibh luachmhor agus dealrach, araon costail agus tlachdmhor, air son buannachd agus sgeadacháidh: mar sin tha làmhan Chriosd; is e sin, uile oibre a làmh. Tha 'oibre gu léir ro ghliormhor; 'nan toraidhilibh a ghliocais, agus a ghràidh, agus a thoirbheartais. “Tha a chom mar fhiacail elephaint liobhta, air a chur thairis le saphiribh.” Ann an so tha mìnead agus liomharrachd deud-chnaimh an elephaint, agus luachmhoireachd agus maise na saphir, air an gairm r'a chéile, gu bhi cuideachadh iomraidh oirdheirceis Chriosd. Tha a chom, no innidh agus cridhe Chriosd, air an coimeas riu so. A nis, tha e soilleir, an uair a tha na Sgriobtuirean a' labhairt mu innibh Dhé, no innibh dhaoine, gu bheil na h-aignidhean air an ciallachadh. Mar sin tha caomh-ghràidh, agus truacantachd, agus caoimhneas dolabhairt Chriosd d'a eaglais air an cumail a mach. Cia cho maiseach do'n t-sìil as a tha deud-chnaimh liobhta an elephaint air a shuidheachadh gu saoibhir le saphiribh luachmhor! Nach ro mhò gu mòr na sin an glòir a tha ann an truacantachd, ann an tròcairibh, agus ann an caomh-aignidhibh Chriosd do chreidich!

Rann 15, “Tha a chosan mar phuist marmoir, suidhichte air bonaibh de'n òr a's gloine; a choslas mar Lebanon, barraichte mar na seudair: is ro mhilis a bheul.” Ann an so tha *neart a rioghachd, dìlseachd agus seasmhachd* a gheallaidhean, —inbhe agus glòir a phearsa 'na uachdaranaachd, agus millseachd agus luachmhoireachd a chomh-chomuinn, air an samh-lachadh.

Air do'n chéile teachd a dh'ionnsuidh so ann an aithris a chliù, tha i a nis a' comh-dhùnadh an iomlain anns an ràdh choitchionn so: “Seadh, tha e gu léir ionnhiuinn.” Mar gu'n abradh i,—“Tha mi a nis air cruinneachadh r'a chéile euid de bhuaidhibh agus de shubhaileibh nan nithe cruthaichte,—nithe

anns an d' fhuardas luachmhoireachd, agus feum, agus maise, agus glòbir,—agus rinn mi enid de oirdheirceis Fir mo ghràidh a choimeas riu. Ach cha ghiùlain comasan a' chomh-shamh-lachais so ni's fhaide mi ann an aithris a chliù ; cha-n amais mo mhiann air coimeas ni's freagarraiche do'n ionmhuinneachd agus an ion-mhiannachd a tha ann : aeh, mo thruaigh ! tha so uile teachd geàrr air an iomlanachd, air a' mhaise, agus air an àilleachd a bhuineas da ; tha e gu léir ion-mhiannaichte,—gu léir ionmhuinn ;”—

Ionmhuinn 'na *phearsa*,— ann an uile - fhoghainteachd glòrmhor a Dhiadhachd, ann am fior-ghloine agus 'an naomhachd a dhaonnachd, 'na tighdarras agus 'na mhòralachd, 'na ghràdh agus 'na chumhachd.

Ionmhuinn ann an *gabhair ar nàduir*, ionmhuinn 'na *bhreith*; ged a bha e saoibhir, gidheadh rinneadh bochd e air ar son,— a' gabhair comh-roinn d'ar feòil agus ar fuil, mheud 's gu'n robh againne roinn annta sin ; air dha a bhi air a ghìn o mhnaoi, chum gu'm bitheadh e air a dheanamh fo'n lagh, eadhon air ar son-ne.

Ionmhuinn 'na *bheatha* gu léir, anns an hìmlachd naomh a thug e, a thug barrachd air na h-ainglibh, eadhon ann an ñoimhneachd na bochdainn agus na geur-leannmuinn sin anns an do chleachd se i ;—a ghnàth a' deanamh mhaith, agus a' ghnàth a' faotainn uile 'na éirie ; a' beannachadh, gidheadh air a mhallaechadh, air a chàineadh, air a mhaslachadh, uile làithean a bheatha.

Ionmhuinn 'na *bhàs*; seadh, ro ionmhuinn ann do pheacaich; cha robh e riabh nì's glòrmoire agus ni's taitneiche dhoibh na 'nuair a thugadh a nuas o na chrann e, air a bhriseadh, agus air a mharbhadh. Ann an sin ghiùlaineadh ar peacadhean air falbh leis do thàir chein na dì-chuimhne ; 'an sin rinneadh réite agus sìth air ar son ; 'an sin rinneadh beatha agus neo-bhàsmhoireachd a chosadh leis air ar son.

Ionmhuinn 'na obair gu léir, 'na *bheatha*, 'na *bhàs*, 'na *aniseirigh*, agus 'na dbol suas air nèamh ; air bhi dha na eadar-mheadhonair eadar Dia agus sinne, chum ceartais Dé a ghlòrachadh, agus ar n-anaman a thèarnadh,—chum ar cur ann an sealbh air Dia, a bha air ar cur gu neo-chìochnach am fad air falbh uaith tre'n pheacadh.

Ionmhuinn 'na ghlòbir agus 'na mhòralachd, leis am bheil e nis air a *chrùnadh*. Tha e nis air suidh sios aig deis làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh ; far am bheil e làn tròcair,

agus gràidh, agus truacantachd, dhoibh-san a's leis, ged a tha e ro eagalach d'a naimhdibh.

Ionmhuinn ann an uile *fhrithealaidhean a' ghràis agus a' chomhfhurtachd* sin air am bheil a naoimh 'nan luchd-compairt tre'n Spiorad Naomh.

Ionmhuinn anns a' *chùram thruacanta*, anns a' chumhachd, agus anns a' *ghliocas* a tha e cleachdadhl ann an dòn, ann an gleidheadh, agus ann an saoradh na h-eaglais, 'am measg na h-uile cunnart agus geur-leamhnuinn d'am bheil iad fosgailte.

Ionmhuinn ann an uile *braluighibh* a thighe, agus anns an aoradh ghlòrmhoir agus spioradail sin gu léir a shuidhich e d'a phobull, trid am bheil iad a teachd am fagus agus a' sealbhachadh comh-chomuinn ris a' Mhae, agus ris an Athair.

Ionmhuinn agus glòrmhor ann an deanamh *dioghaltuis* air 'uile naimhdibh reasgach féin agus na h-eaglais.

Ionmhuinn anns a' *mhuitheanas* a choisinn e agus a tha e 'frithealadh a mach,—ionmhuinn anns an réite sheasmhaich a dhaingnich e,—anns a' ghràs a tha e 'compairteachadh, anns a' chomhfhurtachd a tha e 'buileachadh, anns an aoibhneas agus anns an t-sìth a tha e 'labhairt r'a phobull, agus 'na ghleidheadh tèaruinte orra chum glòire shiorruidh.

Ciod a their sinn? cha-n'eil erìoch air 'oirdheirceis agus 'ion-mhiannachd ;—“ Tha e gu léir ionmhuinn. Is e so fear ar gràidh, agus is e so ar caraid, O nigheanan Ieruseleim.”

TAOBH-THEAGASG II.

Na h-uile fior ghliocas a' chòmhnuidl ann an Criod—Ciod anns am bheil fior ghliocas a' coimh-sheasamh—Eòlas Dé, air 'fhaotainn a mhain ann an Criod—An t-eolas air Dia a tha r'a fhaotainn 'na oibríbh—Cuid de bhuidhaibh Dhé nach 'eil r'am faicinn ach ann an Criod a mhain; gràdh, tràcair—Cuid eile nach 'eil air an làn fhoillseachadh ach ann; mar a tha ceartas dioghaltach, foighidin, gliocas, uile-fhoghainteachd—Nach 'eil eòlas tèarnaidh r'a fhaotainn air buadh ann an Dia ach ann an Criod a mhain—Ciod air iarrайдh chum eòlais sláinteil air buadhbaibh Dhé—Nach 'eil fior eòlas r'a fhaotainn irinn féin ach ann an Criod—Ciod anns am bheil so a' coimh-sheasamh—Eòlas peacaidh, cionnus r'a fhaotainn ann an Criod; eòlas fireantachd agus breitheanais mar an ceudna—Gliocas chumimeachd maille ri Dia folaithe ann an Criod—Ciod a tha feumail chum animeachd so—Daoine glic an t-saoghal air an rannsachadh agus air an cur air chùl—Criod 'na aonar air 'ardachadh.

Is e an DARA ni a tha r'a bheachdachadh ann an oirdheirceis Chriod, a tha ro fhreagarrach gu bhi cosnadh gràidh na

muinntir sin dha, a tha 'seasamh anns an dàimh sin ris a bha air 'ainmeachadh,—eadhon *gliocas agus èolas*; feartan air am bheil mòr dhéidh dhaoine an t-saoghal so, fo bheachdaibh meallta, agus air am bheil cridheachan nan naomh air an suidheachadh, ann an solus na firinn. Bitheadh e air a dheanamh làn shoilleir gu bheil na h-uile fior èolas diongmhalta taisgte suas ann an Criod, agus r'a fhaotainn a mhain ann agus tre Criod; agus cha chomasach nach bi cridheachan dhaoine air an suidheachadh air, ma tha iad idir firinneach dhoibh fèin ann an cleachdadhl gnèitheil nam buadhan reusanta sin a thugadh dhoibh. Is e togradh mòr nan uile dhaoine, a tha air an togail os ceann traillealachd an t-saoghal, agus aoirneagain shalaich ann an eabar nan ana-miann,—gu'm bitheadh iad *glic*; bheir sinn fainear an déigh so ciod iad na slighean anns am bheil daoine gu coitchionn 'gan cleachdadhl fèin air son na crìche so. Is e rùn an dara taobh-theagaisg so ma seadh,—chum glòire agus urraim ar Tighearna Iosa Criod, agus ar cridheachan a dhaingneachadh ann an comh-chomunn ris,—a bhi 'deanamh aithnichte gu bheil gach uile ghliocas taisgte suas ann, agus uaith-san a mhain r'a fhaotainn.

Ann an 1 Cor. i. 24, tha an Spiorad Naomh ag innseadh dhuinn gur e "Criod cumhachd Dhé agus gliocas Dhé:" cha-n e Gliocas *bith* Dhé, mar Mhae siorruidh an Athar—an seadh sin anns am bheil e 'faotainn "Gliocas" mar ainm anns na Gnàth-fhoe. viii. 22, 23;—ach mar Criod air a *cheusadh*, rann 23. Mar Criod air a cheusadh, mar sin is e gliocas Dé e; 'se sin, an gliocas sin gu léir a tha Dia 'cur air chleachdadhl chum a bhi 'ga fhoillseachadh fèin, agus a chum a bhi teàrnadh pheacach, gliocas a tha 'deanamh uile ghliocas an t-saoghal 'na amайдeachd,—tha so uile ann an Criod air a cheusadh; air 'fhoillseachadh ann agus leis, agus uaith-san a mhain r'a fhaotainn. Is ann trid so a tha sinn a' faicinn glòire Dhé annsan, 2 Cor. iii. 18. Oir cha-n e mhain gur e "gliocas Dé" e ann fèin, ach "rinneadh dhuinne e 'na ghliocas" mar an ceudna, 1 Cor. i. 30. Rinneadh e 'na ghliocas Dé dhuinne, cha-n ann le gnòmh cruthachaidh, ach tre òrduchadh agus chomharachadh; cha-n ann a mhain le bhi 'teagast gliocais dhuinn, mar fhàidh mòr na h-eaglais, ach do bhrigh gur ann le bhi faotainn aithne air san a tha sinn mar an ceudna 'faotainn aithne air gliocas Dé, —ni a's e ar gliocas-ne. Ciòd air bith mar a tha e fillte suas anns a' ghecalladh, is ann mar so a mhain a tha e r'a fhaotainn leinne. Tha suim an iomlain againn ann an cainnt sin an abstoil,

"Anns am bheil uile iomhnais a' ghliocais agus an eòlais folaithe," Col. ii. 3.

Tha dà ni a dh' fheudadh a bhi air am meas freagarrach le daoinibh air àite 'fhaotainn anns a' chùis so :—I. Gliocas agus seòltachd *nàdurra*, chum a bhi riaghadh ghnothaichean aimsireil ; 2. *Fòghlum* agus oilean nàdurra ;—ach tha Dia 'gan cur maraon air chùl, mar nithe gun tairbhe sam bith a thaobh erìche an fhìor ghliocais. Tha sin anns an t-saoghal ris an abair sinn "tuigse;" ach thig e gu neo-ni. Tha sin ann ris an abair sinn "gliocas;" ach is amaideachd e, I Cor. i. 19, 20, "Cuiridh Dia air cùl tuigse nan daoine tuigseach, agus tha e 'deanamh gliocais an t-saoghail so amaideach." Agus mar 'eil aon chuid gliocas no eòlas idir ann (mar nach 'eil), as eugmhais eòlais Dé, Ier. viii. 9, tha e dùinte suas gu h-iomlan anns an Tighearn Iosa Criod : "Cha-n fhaca neach air bith Dia riamh ; an t-aon-ghin Mie, a tha ann an uehd an Athar, is esan a dh' fhoillsich e," Eoin i. 18. Cha-n'eil e air 'fhaicinn aig àm eile, no air 'aithneachadh air dhòigh air bith eile, ach a mhain tre fhoillseachadh a' Mhic. Rinn am Mac 'fhoillseachadh o 'uehd fein ; agus uime sin, rann 9, is esan "an solus fior a tha 'soillseachadh gach uile dhuine a tha teachd chum an t-saoghail," —an Solus fior, aig am bheil e ann féin : agus cha-n'eil e aig neach air bith ach uaith ; agus tha e aig na h-uile a thig d'a ionnsuidh. An ti nach 'eil a' deanamh so, tha e ann an dorchadas.

Feudaidh sinn suim an fhìor ghliocais agus an eòlais 'fhlileadh suas gu léir fo na trì chinn a leanas :—I. *Eòlas Dé*, a nàdur agus a bhuadhan. II. *Eòlas oirnn féin* a thaobh toil' Dé m'ar timechioll. III. Gliocas chumimeachd ann an *comh-chomunn* ri Dia :—

I. Tha eòlas oibre Dhé, agus erioch àraidh an iomlain, ann an comh-chuideachd nan nithe so. 1. Anns na trì nitibh so tha suim an fhìor ghliocais agus an eòlais gu léir air 'fhlileadh suas ; agus, 2,—Cha-n'eil a h-aon diubh r'a fhaotainn, no air 'fhoillseachadh gu slàinteil, ach a mhain ann agus trid an Tighearn Iosa Criod :—

1. Ann an oibríbh a' chruthachaidh féin, rinn Dia euid de bhuaidhaibh a nàduir 'fhoillseachadh do na creutairibh sin a chruthaich e, aig an robh comasan eòlais a ghabhail air ;—mar a tha a chumhachd, a mhaithreas, a ghliocas, agus 'uile-fhoghainteachd. Tha an t-abstol a' toirt so fainear, Rom. i. 19-21. Ann an rann 19, tha e 'ga ainmeachadh mar "an ni air am



fendar fios 'fhaotainn a thaobbh Dhé,"—is e sin, rann 20, "a chumhachd siorrhuidh agus a Dhiadhachd ;" agus rann 21, "b'aithne dhoibh Dia :" agus so uile tre oibrigh a' chruthachaidh. Ach gidheadh tha cuid eile de bhuadhaibh Dhé nach comasach a bli air am foillseachadh no air an deanamh aithnichte anns an tomhas a's lugha le oibrigh a' chruthachaidh ;—mar a tha *foighirlin* agus *fad-fhulangas* Dé. Oir do bhràgh gu'n d'rinneadh na h-uile ni gu ro mhaith, cha robh àite r'a fhaotainn air son cleachdaidh no foillseachaidh nam buadhan so. Cha dean aitreibh mòr nan nèamh agus na talmhainn uile, air a bheachdachadh ann féin, mar a thàinig e mach o làmhaibh Dhé, am foillseachadh a's lugha a thoirt air na buadhaibh sin ; ged a tha iad 'nam buadhaibh ro inbheach 'na nàdur, mar a tha e féin a' cur an cèill, Eesod. xxxiv. 6, 7.

Uime sin tha an Tighearn a' dol céim ni's fhaide, agus a' foillseachadh nam buadhan sin mar an ceudna, ann an oibrigh an *fhreasasdail*, ann an cumail suas agus ann an riaghlaidh an t-saoghal sin a chruthaich e. Oir air dha an talamh a mhallaichadh, agus air uairibh na dùil a lionadh le comharaidh-ibh eagalach a dhiomaidh agus a chorruich, dh' fhoillsich e 'fhearg o nèamh, mar a tha an t-abstol a' labhairt, Rom. i. 18, "an aghaidh gach uile mhi-dhiadhaidheachd agus eucoir dhaoine ;" gidheadh, do bhràgh nach do bhris e mach ann an léir-sgrios obanu 'na aghaidh, thug e taisbeannadh ann an sin de'n fhad-fhulangas agus de'n fhoighidin a tha 'na nàdur. Tha an t-abstol ag aimmeachadh an ni ceudna anns na Gníomh. xiv. 16, 17 : " Neach anns na limibh a chaidh seachad, a dh' fhuiling do na h-uile Chinnich imeachd 'nan slighibh féin ; gidheadh, cha d' fhang se e féin gun fbianuis, a' deanamh maith, agus a' toirt dhuinn uisge o nèamh, agus aimsirean tarbhach, a lionadh ar eridheachan le biadh agus le subhachas." Tha an Salmadar mar an ceudna a' deanamh fianuis air maitheas agus glòeas Dé anns an ni so, air feadh Salm civ. gu léir. Air a' mhodh so rinn e fianuis air a mhaitheas agus air 'fhoighidin féin ; mar a tha air a chur 'an cèill, " Dh' fhuiling e le mòr fhad-fhulangas soithichean na feirge air an ullachadh chum sgrios," Rom. ix. 22. Ach an déigh so uile, tha an saoghal gu léir fathast anns an dorch ; cha-n' eil aca fathast de sholus air Dia ach mar chamhanaich dhoilleir na maidne, gun uiread as èùlaobh Dhé 'fhaicinn. Cha-n' fhaca Maois féin sin, gus an robh e air a chur ann an sgoltadh na creige ; agus b'i a' charraig sin Criod. Tha cuid de na buadhaibh a's glòrmhoire agus a's

inbheiche ann an nàdur Dhé—tha sinn a' ciallachadh iad sin anns amò a bhithreas e air a ghlòrachadh 'nam foillseachadh; air dhòigh sam bith eile, cha-n'eil a bhuaordan r'a bli air an coimeas,—tha cuid dhuibh so, tha sinn ag ràdh, air nach 'eil an solus a's lugha r'a fhaotainn a mach á Criod, ach a mhain annsan agus tridsan; tha cuid eile dhuibh nach 'eil r'am faicim ach gu doreh, agus a thaobh nam buadhan uile, cha-n'eil a h-aon diubh r'a aithneachadh ann an solus *fior* ach annsan agus tridsan a mhain:—

(1.) 'Am measg nam buadhan sin air nach comasach do chridhe an duine aon smuain 'fhaotainn ach tre Chriod a mhain, tha *grùdh* agus *tròcair a' mhaitheanais*:—

[1.] *Grùdh*; tha sinn a' ciallachadh *grùdh do pheacaich*. As eugmhais so, is e an duine a's truaighe de na h-uile chreutairibh; agus cha-n'eil an solus a's lugha r'a fhaotainn air ach ann an Criod. Tha an Spiorad Naomh ag ràdh, 1 Eoin iv. 8, 16, "Is gràdh Dia;" is e sin, cha-n e mhain gu bheil e de nàdur gràdhach agus caomh, ach is neach e a chleachdas e féin ann am frithdealadh a ghràidh shiorruidh d'ar taobh-ne,—neach aig am bheil rhinteann gràidh d'ar taobh o shiorruidheachd, agus a ni an coimhlionadh uile dhuinn ann an àm ionchuidh. Ach cionnus a tha so air a dheanamh aithnichte? cionnus a dh'fheudas sinn eòlas 'fhaotainn air? Tha e 'g innseadh dhuium, rann 9, "An so dh'fheillsicheadh gràdh Dhé dhùinne, anns gu'n do chuir Dia 'aon-ghin Mhie do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beò trid-san." Is e so an t-aon thoillseachadh a thug Dia air buadh so a ghràidh a bhi 'na nàdur, agus air cleachdadh a ghràidh sin a thaobh pheacach,—eadhon a bhi 'cur 'aon-ghin Mhie do'n t-saoghal, chum gu'm bitheamaid beò trid-san. C' aite a nis am bheil an duine glie? C' ait' am bheil an sgrìobhaiche? e' ait' am bheil deasboir an t-saoghal so, le an uile ghliocas? Cha chluinnear uatha a thaobh an ni so ach guth nan cealgair ann an Sion, Isa. xxxiii. 14, 15. Cha bhi anns a' ghliocas sin dhomhsa gu bràth ach amайдeachd nach teagaisg dhomh gur gràdh Dia. Eireadh daoine suas gu grìan, agus geallach, agus reultaibh nèimh, rannsaicheadh iad na frasan uisge agus na h-aimsirean tarbhach, agus freagradh iad ciod a fluair iad annnta ann am firinn mu ghràdh Dhé do pheacaich. Na bitheadh iad a smuaineachadh gu bheil an gliocas a' toirt barrachd orra-san a' chaidh rompa, ma's e's nach cruinnich iad ni sam bith asla sud, ach na ni am fagail gun leithsgueul.

[2.] *Tròcair a' mhaitheanais*, no gràs. As eugmhais so

blithheadh eadhon a ghràdh neo-tharbhach. Tha ar ceud athair Adhamh 'na eisimpleir air ciod a dh' fheudas duine peacach 'fhaotainn a mach de ghràs a' mhaitheanais; neach, an déigh dha peacachadh, nach d' fhuair àite 'na smuaintean air son tròcair, ach a chaidh 'ga fholach fèin, Gen. iii. 8. Rinn se e an uair nach do shéid a' ghaoth ach gu ro bheag roimh làthaireachd an Tighearna; agus rinn se e gu ro amaideach, a' smuaineachadh e fèin 'fholach 'am measg chraobhan a' ghàrraidh! Salm xxxix. 7, 8. "Thugadh an lagh le Maois, ach thàinig an gràs agus an fhìrinn le Iosa Criod," Eoin i. 17,—fior ghràs neo-shamhlach. Tha tròcair sin a' mhaitheanais a tha air teachd a mhain le Iosa Criod,—an tròcair sin a tha air 'fhoillseachadh anns an t-soisgeul, agus anns am bi Dia air a ghlòrachadh gu saoghal nan saoghal, Eph. i. 6,—tha so taisgte suas gu h-iomlan ann-san, agus air 'fhoillseachadh leis;—cha-n'eil sinn a' ciallachadh an tròcair no an deadh-ghean choitchinn sin anns am bheil cuid a' cur an dochais, mar gu'm bitheadh tròcair 'na mhiann ann an Dia, a dh' fheumadh e a chleachdad, —beachd a tha 'tilgeadh an eas-urrain a's àirde air Dia, agus nach 'eil anns an tomhas a's lughair 'fhoillseachadh ann an Criod. Is e a th' ann an tròcair a' mhaitheanais, Dia a bhi 'gabhair ris a' pheacach gu saor agus gu gràsmhor, air bonn an riarrachaidh a fhuair a cheartas ann am ful Iosa; agus cha-n'eil foillseachadh air bith eile a tha coimh-sheasmhach ri glòir Dhé, ach sin a mhain a tha coimhcheangailte ris an riarrachadh a fhuair a cheartas. Ann am maitheanas peacaidh tha irioslachd domheasrachaidh air taoblh Dhé a' dol làmh air làinbh ris a' gheur cheartas a's do-lùbaidh. Ann an Rom. iii. 25, tha e sgrìobhta gu bheil Criod air a shònachadh le Dia " 'na iobairt-réitich, tre chreidimh 'na fhuil, chum 'fhìreantachd 'fhoillseachadh le maitheanas nam peacaidhean;" tha 'fhìreantachd ma seadh air a foillseachadh ann am maitheanas nam peacaidhean: agus uime sin tha iomradh air a dheanamh air anns na h-uile h-àite mar ni ann an Criod, Eph. i. 7. Mar sin tha sinn a' faicinn gu bheil gràs so an t-soisgeil agus tròcair a' mhaitheanais air an cosnadh leis-san, agus leis-san a mhain air am foillseachadh. B'i so mar an ceudna crìoch àraidh ordraighean samhlach an lagha,—eadhon, a bhi 'nochdad' gu bheil maitheanas peacaidh air 'thilleadh suas gu h-iomlan ann an Criod, agus a mach á Criod nach b'urrainn an smuain a bu lughair a bhi aig daoinibh m'a thimchioll, no an seilbh a bu lughair a bhi aca ann. Mar bitheadh Dia air Criod a shònachadh 'na iobairt-réitich, cha

bhitheadh uile ainglean na glòire agus uile dhaoine air thalamh comasach a smuaineachadh gu'n robh a leithid a ni as gràs a' mhaitheanas idir ann an nàdur Dhé. Tha an t-abstol a' nochdadh gu bheil làn fhoillseachadh an tròcair so, cho maith ri a chleachdadhbh, a mhain ann an Criod, Titus iii. 4, 5, "An uair a dh' fhoillsicheadh caoimhneas agus gràdh Dhé ar Slànuighir do dhaoinibh,"—is e sin, ann an cur Chriosd, agus ann am foillseachadh Chriosd anns an t-soisgeul. Cha b' ann, ma seadh, tre *oibrigh* a dh' fhoillsicheadh tròcair a' mhaitheanas agus an t-slàinte so.

Is iad so euid de bhuidhaibh sin Dhé leis am bi e air aithneachadh, air nach 'eil an solus a's lugha r'a fhaotainn ach ann agus tre Chriosd; agus cò air bith iad aig nach 'eil aithne air annta so, cha-n'eil aithne ac' idir air. An àite dhoibh aithne bhi aca air an t-aon Dia flor, is ann a tha aithne aca air iodhal. Ge b'e neach aig nach 'eil am Mac, cba-n'eil an t-Athair aige, 1 Eoin ii. 23; agus a' neach aig nach 'eil Dia mar Athair, cha-n'eil e idir aige, agus cha-n'eil aithne r'a fhaotainn air mar Athair aeh ann am foillseachadh a ghràidh agus a thròcair, ann am maitheanas peacaidlann an Criod. Tha an Spiorad Naomh a' cur an céill cionnus a tha so r'a fhaotainn, 1 Eoin v. 20, "Tha fios againn gu'n d' thàinig Mac Dhé, agus gu'n d' thug e tuigse dhuinn, chum gu'm bitheadh aithne againn airsana a tha fior." Is ann trid-san a mhain a tha tuigse againn ionnus gu'm bitheadh aithne againn airsana a tha fior. A nis, tha buadhan so Dhé air am foillseachadh dhuinn le Criod 'na theagasg, anns an taisbeadh a tha e 'deanamh air Dia agus a thoil, mar thàidh mòr na h-eaglais, Eoin xvii. 6. Agus do bhrìgh so tha eòlas nam buadhan so fosgalte do na h-uile le dearbhachd a tha do-labh-airt os ceann tiamuis a' chruthachaidh m'a chumhachd siorruidh agus a Dhiadhachd. Ach, aig an àm cheudna, tha beath' an eòlais so r'a faotainn a mhain ann an eòlas slàinteil air pearsa Chriosd, anns am bheil fior ionhaigh agus glòir so an Athar a' dealradh a mach, Eabh. i. 3; air an do labhair sinn a cheana.

(2.) Tha euid eile de bhuidhaibh Dhé, ged a tha iad air am foillseachadh air dhòigh eile, gidheadh air nach 'eil eòlas soilleir, agus comharaichte, agus slàinteil r'a fhaotainn ach a mhain ann an Iosa Criod; mar,—[1.] A cheartas dioghaltach ann an 'deanamh peanais air a pheacadhb; [2.] 'Fhoighidin agus 'fhaidh-fhulangas a thaobh pheacach; [3.] A ghliocas ann an riaghlaich nan uile nithe chum a ghloire féin; [4.] 'Uile-fhoghainteachd ann féin agus do mhuinntir eile. Iad so uile, ged a dh' sfeudas

iad a bhi air am foillseachadh ann an tomhas iosal a mach á Criosc, gidheadh cha-n'eil iad a' dealradh a mach ann an àird' an soluis ach annsan a mhain ; air dhòigh gu'm b'e ar gliocas eòlas 'thaotainn orra.

[1.] A *cheartas dioghaltach*. Tha iomadh dòigh anns an d' fhoillsich Dia a dhiomadh agus a chorruich 'an aghaidh peacailh; ionnus nach comasach do dhaoinibh a bhi aineolach air gur i breith Dhé "gu bheil iadsan a ni an leithid sin de nithibh toillteanach air bàs," Rom. i. 32. Bhagair Dia 'na lagh gu'n deanadh e teine 'thadaolh 'na chorruich a loisgeadh a dh' ionnsuidh iochdair na h-ifrim. Agus eadhon ann am mòran de fhrithealaidhibh a shreasdail, "tha 'fhearg air a foillseachadh o nèamh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhaidheachd, agus eucoir dhaoine," Rom. i. 18 ; ionnus gu feum daoine aideachadh gur Dia *breitheanais* a tha ann. Agus cò a's urrainn beachdachadh air dìol nan aingeal a thuit, air an iom-ruagadh o àite còmhnuidh na glòire, air an glasadh sios fo chuibhrichibh an dorchadais shiorruidh, fa chomhair breitheanais an làtha mhòir,—cò a dh' fheudas sealltuinn air léir-sgrios Shodoim agus Ghomorrah, air an tionndadh gu lnaithre, "mar bhall-sampuill dhoibh-san a bhitheadh mi-dhiadhaidh an déigh sin," 2 Phead. ii. 6,—a dh' easbluiddh foillseachaidh 'thaotainn de cheartas dioghaltaich Dhé an aghaidh peacailh. Gidheadh tha so a' dealradh a mach dhuinn ann an solus ni's ro bharraichte anns an Tighearn Iosa Criosc :—

Anns a' cheud àite,—Ann an Criosc, rinn Dia aithnichte cho *nàdurra* as a tha ceartas dha, a' mheud 's gu'n robh e mi-chom-asach gu'm bitheadh e air a thionndadh air falbh o pheacaich as eugmhais eadraiginn na h-iobairt-réitich. Tha cuid ann a their nach robh aobhar sam bith air son an riarachaidd a thug Criosc, ach a mhain gu'm b'e sin rùn agus gnìomh saoir thoil' Dè ; ach ann a bhi 'g ràdh sin, tha iad ann am bheachd-sa, a' toirt air falbh no h-uile bonn ceart agus do-sheachanta air son a bhàis, agus 'ga fhagail mar gu feudadh Dia peacadh a mhaitheadh air sheòl sam bith eile, nam b'e sin a thoil. Ach a mheud 's nach do chaomhain Dia a Mhae fèin, ach gu'n d'rinn e 'anam 'na iobairt-réitich, agus nach gabhadh e ri réite ach a mhain 'na fhuil, rinn e aithnichte gu soilleir cho do-sheachanta as a bha e "diom agus fearg, àmhíghar agus teanntachd" a chur 'an gnìomh air a' pheacadh, do bhrìgh firinn agus naomhachd a nàduir. Agus cha-n'eil fior eòlas feumail eile a dh' fheudas a bhi air a ghabhail air ceartas dioghaltaich so Dhé, ach sin a

mhain a tha 'g amhare air mar bhuadh a tha *nàdurra* do Dhia, agus a *dh' fheumas* a bhi air a chur 'an gnìomh air a' pheacadh. Iadsan a tha' sealltuinn air mar ni a dh' fheudadh Dia a chuir 'an gnìomh no a leigeadh seachad, tha iad a' sealltuinn air ceartas, cha-n ann mar bhuadh 'na nàdur, ach mar ghnìomh saor a *thoile*; agus ma tha *toil* aig neach peanas a chur 'an gnìomh, an uair a dh' fhendadh e a leigeadh seachad gun ana-ceartas, cha bu cheartas a bhitheadh anns an toil sin ach encoir.

Anns an dara uite,—Anns a' *pheanas* a leagadh air Criod air son peacaidh, tha ceartas so Dhé air 'fhoillseachadh air dhòigh ni's glòrmhoire na 'b' urrainn a bhi air sheòl sam bith eile. Gun teagamh sam bith, ma dh' amhairecas sinn air an t-saoghal so, a rinneadh gu ro mhaithe agus gu ro mhaiseach le Dia, air a phasgadh suas ann am mallachadh agus 'an corruiich, a' giùlan dhriscean agus dhroighionn;—an cruthachadh maiseach gu lèir air a chur fo dhòimhnan agus dhaorsa na truaillidheachd, ag osnaich 'am pèin mar mhaoi ri saothair;—ma bheachd-aicheas sinn air feachlaibh do-aireamh nan aingeal—cruthachadh glòrmhor agus neo-bhàsmhor sin Dhé—a thilgeadh sios do ifrinn, air an gleidheadh fa chomhair breitheanais eagalaich air son aoin pheacaidh;—ma smuainicheas sinn air cuan fola nan anama caillte tre'n t-siorruidheachd do bhràigh peacaidh,—gheibh sinn gun amharus sealladh air ceartas dioghaltaich so Dhé. Ach ciod a tha ann an so uile 'an coimeas ris an t-sealladh sin a tha r'a fhaotainn air le sùil spioradail anns an Tighearn Iosa Criod? Cha-n'eil annta sud ach enuimhean na duslaich 'an coimeas ris-san. A bhi 'faicinn an Ti sin a's e gliocas Dé, agus cumhachd Dhé, annsachd an Athar o'n uile shiorruidheachd;—a bhi 'faicinn an Ti sin, tha sinn ag ràdh, fo eagal, agus namhunn, agus erith,—a' cromadh ri talamh, a' braonadh na fola, ag osnaich, ag aslach, 's a' liùbhart an deò;—a bhi 'ga fhaicinn togta suas air a' chrann, an talamh a' criothnachadh fodha, mar nach b'urrainn e'n uallach a ghiùlan; na nèamhan air druid-eadh an solus o shùilibh, agus an cluas o 'ghlaodh; e fein eadar nèamh agus talamh 'an crochadh, mar gu'm bitheadh iad ar aon 'ga dhiùltadh,—agus so do bhràigh gu'n do choinnich ar peacaidhean air;—c'aité am bheil ceartas dioghaltach Dé r'a fhaicinn mar faicear 'an so e? Ann an so tha e r'a fhòglum, ma tha e r'a fhòglum idir.

[2.] *Foighidin* agus *fad-fhùlangas* Dé a thaobh pheacach. Tha iomadh taisbeanadh air foighidin Dhé a' dealradh a mach ann an oibribh an fhreasdail; giùheadh tha iad a' teachd gearr

air an fhoillseachadh a tha againn air ann an Criod, agus sin gu sònruichte anns na tri nithibh so :—

*Anns a' cheud àite,—*A thaobh *dòigh* an fhoillseachaidh. Tha e, gu cinnteach, soilleir do na h-uile, nach 'eil Dia gu coitchionn a' eur dhaoine fo pheanas ann an *dearbh ghnàomhachadh* a' pheacaidh. Feudaidh foighidin Dhé a bhi air 'fhogh-lum o'n dòigh ghnàthaichte anns am bheil e 'riaghladh an t-saoghal: a dh' aiudeoin brosnachaidh a tha e 'faotainn, gidheadh tha e 'deanamh maith do dhaoinibh; a' toirt soluis na gréine dhoibh gach là, agus uisge o néamh, agus aimsirean tarbhach, a' lònadh an cridheachan le biadh agus subhachas. Uaith so bha e furasda dhoibh a chomh-dhùnadadh gu'n robh e ro phaitt ann am maitheas agus ann am fad-flulangas. Ach tha so uile fathast air a chuairteachadh le mòr dhorchadas, oir cha-n'eil ann achi na tha reusonachadh feòlmhor a' tarruing o bheachdachadh nàdurra dhaoine; seadh, 's ann a bha foighidin so Dhé air teachd gu coitchionn gu bhi 'na ribe dhoibh-san a bha air am fiosrachadh leis, Ecles. viii. 11, agus mar an ceudna 'na bhuaireadh dhoibh-san a bha fianuiseach air, Iob xxi. 7; Ier. xii. 1. An taisbeanadh sin a tha againn air ann an Criod tha e de nàdur eile gu h-iomlan. Anusan tha dearbh nàdur Dhé air 'fhoillseachadh mar ghràdh agus mar chaoimhneas; anns am bheil e mar an ceudna air teachd fo ghealladh, seadh, fo àrd-mhionnaibh coimhcheangail, gu'n dean e na buadhan so a chleachdad a thaobh pheacach ann an Criod. Agus a chum 's nach bitheadh teagamh sam bith air fhagail againn a thaobh criche Dhé ann an so, tha stéidh urramach agus sheasmhach air a foillseachadh air son an cleachdaidh, a tha gu h-iomlan freog-arrach do bhuadhaibh gràsmhor sin Dhé,—eadhon, an réite sin a rinneadh ann am ful Chriosd. Ciod air bith foillseachadh a bhitheadh air a thabhairt dhuinn air foighidin agus baigheal-achd Dhe d'ar taobh, cha bhitheadh e comasach dhuinn comh-flurtachd sheasmhach air bith a tharruing uaith, mar bitheadh e aig an àm cheudna air fhoillseachadh gu'n robh buadhan eile na Diadhachd, mar a tha a cheartas agus a dhioghaltais air peacadh, air faotainn an làn chleachdaidh mar an ceudna. Agus, uime sin, ged a dh' fheudas Dia a bhi 'teagasg a mhaitheis agus 'fhad-flulangais do dhaoinibh, le bhi 'toirt uisge dhoibh o néamh, agus aimsirean tarbhach, gidheadh, aig an am cheudna, a' nochdadh 'fheirge an aghaidh gach uile mhi-dhiadhaidheachd agus eucoir dhaoine, Rom. i. 18, cha bhitheadh e comasach dhoibh gun a bhi air an luasgadh gu truagh, eadar eagal agus dòchas,

a thaobh na crìche ; agus gidheadh is e so an comhfhurtachd a's fearr air an ruig daoine a mach á Criosd. Feudaidh daoine bhi 'g altrum an eridheachan car tamuill fo fhrithcaladh an fhad-fhulangais so, ann an seilbh air maitheas coitechionn Dhé ; gidheadh gun an spioradan idir a bhi air an saoradhl o chuibh-richibhl na daorsa sin anns am bheil iad air an glacadh tre eagal a bhàis, agus an dorchadas a tha coimhcheangailte ris. Cha-n'eil an lagh a' foillseachadh foighidin no fad-fhulangais air bith ann an Dia ; cha-n'eil ni aige r'a labhairt a thaobh peacaidh, ach diom agus fearg, àmhghar agus teauntachd, mar bitheadh Dia air teachd anns an eadraiginn, ann an cleachdadhl àrd-uachdranach a thoile féin. Ach a nis, mar a dh' ainmich sin, tha foillseachadh againn ann an Criosd air an riarachadh a fhuair ceartas Dé air son peacaidh, maille ri taisbeanadh na foighidin a tha againn ann, ionnus nach 'eil aobhar eagail d'ar taobh gu'n tig ceartas a steach eadar sinn agus cleachdadhl an fhad-fhulangais sin, anns am bheil a leithid de mhìllseachd dhuinn. Uime sin, tha Dia a nis air 'fhoillseachadh ann an Criosd, "a' deanamh an t-saoghal réidh ris féin," 2 Cor. v. 19 ; 'ga fhoillseachadh féin ann mar neach aig nach 'eil a nis ni air bith tuilleadh r'a dheanamh chum a bhi 'glòrachadh uile bhuadhan a nàduir ach a mhain a bhi 'réiteachadh pheacach ris féin, agus a bhi cleachdadhl 'fhoighidin agus 'fhad-fhulangas d'an taobh ann an Criosd.

*Anns an dara àite,—*A thaobh nàduir an fhoillseachaidh. Ciod a th' anns an fhad-fhulangas sin a tha air 'fhoillseachadh a mach á Criosd ? Cha-n'eil ach a mhain dàil a bhi air a chur ann an leagadh a' pheanais a thoill am peacadhl, agus tròcairean aimsireil a bhi air an sineadh a mach ; nithe a tha daoine ro ullamh air a bhi mi-bhuileachadh, agus de'm feud iad làn am broinn 'fhaotainn, agus an anama 'bhi cailte gu siorruidh. Ach am fad-fhulangas sin a tha folaithe ann an Criosd, agus a tha air fhoillseachadh leis, tha e làn gràidh, agus millseachd, agus caomh-alachd, agus caoimhneis, agus gràis. Is e 'tha so, an Tighearn a bhi 'feitheamh ri bhi gràsmhor do pheacaich ; a' feitheamh a' chothruim, mar gu'm b' ann, chum a bhi 'nochdadhl gràidh agus caoimhneis, agus mar sin a' coimh-éigneachadh gràidh an anama dha féin, Isa. xxx. 18, "Agus air an aobhar sin feithidh an Tighearn, chum gu'n nochd e deadh-ghean dhuibh ; agus air an aobhar so àrdaicheadh e, chum gu'n nochd e tròcair dhuibh." Agus ciod am foillseachadh eile air Dia anns am mò am bheil de mhìllseachd do'n anam na 'tha ann an so ? Cionnus a tha e air

a lionadh le h-iongantas 'nuair a tha féin-fhiosrachadh aige air bàighealachd Dhé ann an gabhail seachad, àm an déigh àma, air peacaidhean do-àireamh a ghnìomhaich e ! cionnus a tha e 'moladh an fhad-fhulangais nach do ghabh an cothrom a bha brosnuchaidhean minig a' toirt dha, chum a thilgeadh a mach as a shealladh ! Tha e 'faicinn gu'n robh gliocas neo-chriochnach ag oibreachadh maille ri fad-fhulangais Dé d'a thaobh, anns na h-uile ceum tre'n d' thug se e,—ann a bhi 'ga shaoradh a mach o chumhachd an diabhuil,—ann a bhi 'ga chronachadh agus 'ga smachdachadh air son peacaidh, chum a bhi 'cosnadh gràidh a chridhe dha féin ;—cha-n'eil ni sam bith, tha sinn ag ràdh, a's mò a ghiùlaineas de mhìllseachd do'n anam na so : agus uime sin, tha an t-abstol ag ràdh, Rom. iii. 25, gu bheil so uile "tre fhad-fhulangas Dhé." Tha Dia a' deanamh slighe air son maitheanais iomlain peacaidh tre'n fhad-fhulangas so ; ni nach 'eil deanta anns an fhad-fhulangas a tha air a chleachdad a mach á Criosc.

Anns an treas àite,—Tha iad eadar-dhealaichte a thaobh an eriòchan fa leth. Ciod i eriòch agus rùn Dhé ann am frith-ealadh an fhad-fhulangais sin a tha air 'fhoillseachadh agus a dh' fheudas a bhi air 'aithneachadh, a mach á Criosc ? Tha an t-abstol a' freagradh, Rom. ix. 22, "Ciod ma's e, air bhith do Dhia toileach 'fhearg a nochdad, agus a chumhachd a dheanamh aithnichte, gu'n d' fluiling e le mòr fhad-fhulangas sothichean na féirge air an ullachadh chum sgrios ?" Bha so uile chum am fagail gun leisgeul, chum gu'm bitheadh a chumhachd agus a chorruich an aghaidh peacaidh air an deanamh aithnichte 'nan sgrios. Agus uime sin goirear de so anns na Gníomh. xiv. 16, Dia a bhi "fulang do na h-uile Chinnich imeachd nan slighibh féin ;" ni a tha air' ainmeachadh ann an àite eile mar am breitheanas a's eagalaiche,—is e sin, a thaobh na crìche gus an tig e : mar ann an Salm lxxxii. 12, "Uime sin thng mi thairis iad do ana-miann an cridhe féin ; dh' imich iad 'nan comhairle féin :" ni a tha 'na bhreitheanas cho eagalach ri aon anns an comasach do chreutair air bith tuiteam anns an t-saoghal so. Anns na Gníomh. xvii. 30, tha so mar an ceudna air 'ainmeachadh le Dia a bhi "'g amhare thairis air aimsiribh an aineolais ;" mar nach bitheadh e 'gabhall curaim no smuain m'an timchioll anns an t-suidheachadh dhorch anns an robh iad, mar a dh' fheudar a thuigsinn o'n chuid eile de'n rann, "Ach tha e nis ag aithneadh do na h-uile anns gach àite aithreachas a dheanamh." Dh'

fhag e iad cho mòr dhoibh fén aig an àm sin, as nach d' thug e àithne dhoibh aithreachas a dheanamh, le foillseachadh soilleir air bith de 'inntinn agus a thoil. Agus uime sin tha carail sin an abstoil air a tabhairt, Rom. ii. 4, "An dean thu tareuis air saoibhreas a mhaitheis, agus 'fhoighidin, agus 'fhad-fhulangais, gun fhios a bhi agad gu bheil maitheas Dhé 'ga d' threòrachadh chum aithreachais?" Tha so air a labhairt ris na h-Iudhaich, aig an robh cothrom a bhi 'foghluim ciod e aomadh nàdurra maitheis agus fad-fhulangais sin Dhé a tha e 'cleachdadhbh ann an Criost; a tha gun amharus a' treòrachadh chum aithreachais: no feudaidh an t-abstol a bhi 'leigeadh ris gu coitchionn, gu bheil ann an reuson nàdurra fén na dh' fheudadh a theagast do dhaoinibh tròcair so Dhé a chur gu buil ni's fearr na bha iad a' deanamh; mar a tha e 'eur as an leth, rann 5, "Ach a réir do chruais agus do chridhe neo-aithreachail tha thu 'càrnadh suas féirge dhuit fén fa chomhair là na-féirge." Aig a' chuid a's fearr, ma seadh, cha-n'eil ann am foighidin Dhé do dhaoinibh a mach á Criost, do bhrigh an reasgachd neo-smachdail fén, ach mar a bha uisge na h-aimhne sin, ann am faoin-sgeulachd nan Greugach o shean, a bha milis air 'nachdar, ach searbh anns a' ghrunnd; tha iad a' snàmh car tammill ann am millseachd nithe maith na beatha so, Lucas XVI. 25; ach air dhoibh an sàth 'fhaotainn, tha iad a' dol fodha a dh' ionnsuidh an t-searbhachd a's iochdaraiche.

Ach a nis, tha e soilleir, gur i crìoch dhùreach an fhad-fhulangais agus na foighidin sin a tha Dia a' cleachdadhbh ann an Criost, agus a' foillseachadh annsan dhuinne, eadhon téarnadh siorruidh na muinntir a thaobh am bheil iad air an cleachdadhbh. Agus uime sin tha Peadar ag innseadh dhuinn, 2 Phead. iii. 9, gu bheil an Tighearn "fad-fhulangach d'ar taobh-ne, gun toil aige dream sam bith a bhi caillte, ach na h-uile dhaoine 'theachd gu aithreachas;"—is e sin, na h-uile dhaoine a tha fo fhrithealadh an fhad-fhulangais so; oir is e sin a's crìoch aige, eadhon, coimhlionadh a thoile ann ar toirt gu aithreachas agus slàinte ionlan. Agus is maith a tha nàdur agus crìoch na foighidin so air an cur 'an céill ann an Isa. liv. 9, "Oir tha so mar uisgeachailh Noah dhomh; mar a mhionnaich mi nach rachadh uisgeachan Noah tuilleadh thar an talamh, is amhail a mhionnaich mi nach bithinn ann an corruiich, agus nach toirinn achmhasan duit." Is e ullachadh Dhé e, 'na ghliocas neo-chriochnaich agus 'na mhaitheas, trid am bheil ar slàinte shiorruidh seasmhach, a dh' aindeoin ar

peacaidhean, agus uime sin, ann an Rom. xv. 5, tha an dà ni so a' sruthadh a mach, làmh air làimh, o Dhia,—“Dia na foighidin agus na comhfhurtachd :” tha foighidin Dhé 'na thobar comhfhurtachd. Is e so, ma seadh, aon eile de bhuadhaibh sin Dhé, ged a dh' fheudas e bhi air aithneachadh ann an tomhas ann an nithibh eile, a thaobh chriochan eile, gidheadh aig am bheil na h-ionmhasan slàinteil a tha ann folaithe ann an Criod ; agus cha-n'eil eòlas slàinteil aig neach sam bith air, nach 'eil 'ga fhòghlum annsan.

[3.] *Gliocas* siorruidh Dhé, ann an riaghlaadh nan uile nithe chum a ghilbire féin, agus maith dhoibh-san d' an d' thug e gràdh. Tha e flor gu bheil gliocas neo-chriochnach air a chleachdadadh, agus air 'fhoillseachadh leis an Tighearn ann an oibrigh a' chruthachaidh agus an fhreasdal ; ann an gliocas rinn e na h-uile ni. “Cia lionmhor d' oibre, a Thighearna ! ann an gliocas rinn thu iad gu léir: tha'n talamh làn le d' shaoibhreas,” Salm civ. 24. Is amhuil sin 'na fhreasdal, anns am bheil e 'cumail suas agus a' riaghlaadh nan uile nithe, gach ni ag oibreachadh 'an altaibh a chéile, a dh' ionnsuidh nan eriochan a chaidh 'chomharachadh dhoibh, chum a ghilbire féin ; oir tha na nithe so uile “a' teachd o Thighearn nan sluagh, a tha iongantach ann an comhairle, oirdheirc ann an gniomh,” Isa. xxviii. 29. Tha iongantas an gliocais r' am faicinn mar an ceudna ann an lagh Dhé, Deut. iv. 7, 8. Ach gidheadh tha ni ann a rinn inntinn Phoil a ghlacadh ann an iongantas os ceann so uile, agus anns am bi Dia air 'àrdachadh gu saoghal nan saoghal, de'm bheil e 'gairm, “Doimhne saoibhreis araon gliocais agus eòlais Dé,” Rom. xi. 23 ;—a tha folaithe ann an Criod a mhain, agus air 'fhoillseachadh leis. Uaith so, mar a tha Criod a' faotainn mar aimm “gliocas Dé,” agus air a “dheanamh dhùinne 'na ghliocas ;” is amhuil sin a tha rùn sin Dhé, a tha 'faotainn coimhlionaiddh ann an Criod, agus a tha air 'fhoillseachadh anns an t-soisgeul, air a chur an céill mar an ceudna mar “ghliocas Dé” agus mar an “rùn-dliomhair ;” an gliocas sin a bha folaithe, a dh' òrduich Dia roimh an t-saoghal chum ar glòir-ne : an gliocas nach b' aithne do aon neach de uachdaranaibh an t-saoghaill so,” 1 Cor. ii. 7, 8. Goirear de ann an Eph. iii. 10, “Gliocas eugsamhui Dè ;” agus chum a bhi 'nochdadh doimhne agus saoibhreis a' ghliocais so, tha e 'g innseadh anns an rann sin féin, nach robh e ann an comas nan uachdaran agus nan cumhachdan nèamhaibh féin, eadhon nan aingeal, eòlas 'fhaotainn air, gus an d' rinn Dia

'fhoillseachadh dhoibh, ann a bhi 'eruinneachadh eaglais dha féin o mheasg pheacach. Mar sin tha an t-abstol Peadar a' cur an céill, gu bheil na cumhachdan nèumhaidh sin, a tha cho eòlach air uile oibríbh Dhé, a' cromadh sios agus a' miannachadh a bhi 'beachdachadh air nithibh iongantach so gliocais Dé anns an t-soisgeul, 1 Phead. i. 12. Tha mòr ghliocas feumail ann an duine ma's eil e comasach aitreabh mhaiseach a thogail, no beart fhìnealta sam bith a chumadh; ach nam b'e 's gu'n tigeadh neach eile agus an obair gu léir a chur na làraich, bhithheadh e air a mheas barraichte ann an gliocas, nam bitheadh e 'na chomhas an obair cheudna a thogail suas a rìs ni's glòrmhoire agus ni's maisiche na bha i riabh. Ann an toiseach rinn Dia na h-uile ni gu ro mbaith, gu ro ghlòrmhor, agus gu ro mhaiseach. 'N uair a dhealraich na h-uile ni ann an sgèimh na neo-chiontachd, le ionhaigh għlan a' ghliocais agus a' mhaitheis 'nan cruth, bha an glòir ro chomharaichte; agus sin gu sònruichte an duine, a chruthaicheadh air mhodh àraidh chum glòire Dhé. Ach thàinig milleadh air an obair fhìnealta so gu léir tre'n phecadh, agus bha an cruthachadh uile air a phasgadh suas ann an tingħ-bħrat dorchadais, fo làimh thruim na féirge, agus anail erionaidh a' mballachaíd, le gach ni ordail agus maiseach 'na làraich, agus eliù mòr Dhé air 'adhlacadh 'an càrn-sgrios. Chailleadh gu tur an duine, agus thàinig e gearr air glòir Dhé, eñċi a chruthachaidh, Rom. iii. 23. Ann an so, ma seadh, tha doimhne saoibhreis araon gliocais agus eòlais Dé a' fosgladh suas. Tha innleachd għlòrmhor a' dealradh a mach o uchl Chriosc, a leagadh ann o'n uile shiøruidheachd, leis am bheil am briseadh a thàinig a steach do chruthachadh mòr Dhé gu bhi air a shlànachadh, ann an rathad a bhitheas gu ro mhòr chum leas a għlòire, gu neo-chriochnach os ceann a' cheud fhoillseachaidh, agus leis am bi peacaich air an eur ann an staid ni's ro oirdheire na sin o'n do thuit iad. Cia cho għormhor a nis as a ta e; air 'aithneachadh mar Dhia a' maitheadh eucoir agus peacaidh, agus ag àrdachadh saoibhreis a għrais: an ni sin a b'e a rùn, Eph. i. 6. Dħ' fhireanaich e gu neo-chriochnach a cheartas, 'am fianuis dhaoine, agus aingeal, agus dħem han, ann a bhi 'sònraħachadh a Mhic Féin 'na īobairt-réitich. Tha so mar an ceudna chum ar tairbhe féin; le bhi air ar daingneachadh 'na dheadh-għean, agus air ar giulan suas a dh' ionnsuidh trom chudthruim glòire a tha ni's ro anabarraiche na sin a bha air 'fhoillseachadh air tħus. Thug so air neach roimh a ghlaodhaich a mach, "O an cianta

beannaichte, a dh' fhosgail slighe do Fhear-saoraidh cho glòrmhoir!" "Is mòr rùn dìomhair na diadhachd," tha an t-abstol ag ràdh, agus siiu "gun amharus," I Tim. iii. 16. Tha sinn a' faotainn "gràs air son gràis;"—gràs ni's ro oirdheire ann an Criod, air son na chaill siun ann an Adhaimh. Is doimhne gliocais so da rìreadh. Agus a thaobh gràidh Chriosd d'a eaglais, agus an dàimh anns am bheil e 'seasamh dhi, chum na h-oibre so a thoirt air a h-aghaidh, tha an t-abstol ag ràdh, "Is diomhaireachd mhòr so," Eph. v. 32; tha mòr ghliocas air 'thoillseachadh ann.

Tha so, ma seadh, mar an ceudna folaithe ann an Criod,—saoibhreas mòr agus do-labhairt gliocais Dé ann a bhi 'maitheudh peacaidh, a' tèarnadh pheacach, a' riarachadh *ceartuis*, a' coimhlionadh an *lugh*, 'onoir féin air a deanamh suas, agus trom chudthrom gloire air 'ullachadh air ar son-ne a tha ni's ro anabarraighe; agus so uile air a thoirt a mach á suidheachadh cho millte, as nach b' urrainn daoine no ainglean a smuaineachadh gu siorruidh cionnus a dh' fheudadh glòir Dhé a bhi air a cunail suas, agus aon pheacach a bhi air a shaoradh o sgrios shiorruidh. Agus uith so, tha 'chainnt sin againn, 2 Tesal. i. 10, gu'm bi Dia "air a ghlòraehadh 'na naoimh, agus air a dheanamh iongantach annta-san uile a tha creidsinn 's an là sin." Bithidh Dia air a ghlòraehadh gu siorruidh ann a bhi tabhairt pheacach d'a ionnsuidh féin. Bithidh e air 'fhaotainn 'na obair ni's glòrmhoire peacaich a thèarnadh tre chreidimh, na bha e an saoghal a chruthachadh á neo-ni.

[4.] *Uile-fhoghainteachd* Dhé, a' bhuidh mn dheireadh dhiubh so a dli' ainmicheas sinn.

Is e uile-fhoghainteachd Dhé iomlanachd neo-chrìochnach a nàduir ann féin, ionnus nach 'eil easbhuidh air bith *ann*, no uireasbhuidh air bith *air*: cha-n urrainn an lànachd a tha ann a bhi aon chuid air a leasachadh le ni air bith a chur ris, no air a lughdaehadh le ni air bith a thoirt uith. Tha uile-fhoghainteachd ann mar an ceudna do mhuinntir eile; ni a's e comas Dhé a bhi 'compairteachadh a mhaiteis, agus 'ga chompairteachadh féin riu, air dhòigh a bhi 'gan làn-shàsachadh gus a' cheum a's airde 'nan comasaibh, leis gach ni a tha maith agus ion-mhiannaichte. A thaobh a' cheud ni dhiubh so,—uile-fhoghainteachd Dhé ann an compairteachadh a mhaiteis, is e sin, 'na thoraidhbih faicsinneach,—rinn Dia so aithnichte ann an oibríbh a' chruthachaidh, ann an deanamh nan uile nithe ro mhaith agus iomlain, a réir tomhais nàduir gach ni fa leth;—

chuir e comharadh a mhaitheis féin air na h-uile ni. Ach a nis, a thaobh an dara ni,—Dia a bhi 'ga chompairteachadh féin mar Dhia uile-fhoghainteach, chum a bhi air a mheadltuinn le a chreutairibh, a' fosgladh suas uile iomlar ac' idan a nàduir dhoibh, chum an sàsachadh agus an deanamh *be innachte*,—tha so air 'fhoillseachadh a mhain ann agus tre Chriosd. Ann-san tha Dia 'na Athair, agus 'na Dhia coimhcheangail, anns an do gheall e gu'n deanadh se e féin a bhuleachadh chum an leas, agus a bhi 'na chuibhrionn siorruidh agus 'na dhuais ro mhòr dhoibh.

Is iad so, ma seadh, anns an dara àite, buadhan sin Dhé, ged a tha aithne dhoreh r'a fhaotainn orra ann an nithibh eile, gidheadh air nach 'eil foillseachadh soilleir, no eòlas slàinteil r'a fhaotainn, ach a mhain ann an Criosd.

Is e a dh'fhagadh againn a nis, a bhi 'cur 'an céill gu h-aith-ghearr, nach 'eil buadh sam bith ann an Dia air am feudar eòlas 'fhaotainn air mhodh tèarnaidh agus comhfhurtachaidh, ach a mhain ann an Criosd; agus, uime sin, tha uile ghliocas èolaist Dé folaithe ann-san a mhain, agus annsan a mhain r'a fhaotainn.

2. Cha-n'eil eòlas slàinteil no comhfhurtail sam bith r'a fhaotainn air aon bluadh ann an Dia, ach sin a mhain a tha r'a fhaotainn ann an Iosa Criosd, air dha a bhi taisgte suas ann, agus air 'fhoillseachadh leis. Feudaidh cuid amhare air ceartas Dé, agus fios a bhi aca gur ni firinneach do Dhia gu'm bitheadh "iālsan a ni an leithid sin de nithibh" (eadhon peacadh) "toillteannach air bàs," Rom. i. 32. Ach ciod a' chrìoch a bhithreas aige d'an taobh ach an toirt gu bhi 'glaodhaich, "Cò 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri teine millteach?" Isa. xxxiii. 14. Feudaidh cuid eile amhare air a mhaitheas, air 'fhoighidin, air a thròcair, agus air fhad-fhulangas; ach chan'eil so idir 'g an treòbrachadh chum aithreachais; ach tha iad "a' deanamh tarcuis air saoibhreas a mhaitheis, agus a réir cruais an eridhe neo-aithreachail a' càrnadh suas féirge dhoibh féin fa chomhair là na féirge," Rom. ii. 4, 5. Cuid eile tre oibríbh a' chruthachaidh agus an fhreasdail, a' teachd gu aithne 'thaotainn air "a chumhachd siorruidh agus a Dhiadhachd; gidheadh gun a bhi 'toirt glòire dha mar Dhia, agus gun a bhi taingeil, ach a' fas dlombain 'nan reusonachadh féin, agus an eridhe amайдeach air a dhorchadh," Rom. i. 21. Ciod air bith foillseachadh a bhithreas aig daoinibh air firinn air bith a mach a Criosd, tha iad "a' bacadh na firinn sin ann an neo-fhìr-antachd," rann 18. Agus uime sin, tha an t-abstol Iudas ag ràdh, rann 10, "Anns na nithibh sin a's aithne dhoibh air

mhodh nàdurra, mar ainmhidhibh gun reuson, tha iad 'gan truailleadh fèin annta."

Chum eòlais slàinteil a bhi againn air buadhaibh Dhé, a bhithreas a' giulan mar thoradh sólais eridhe, tha na tri nithe so a leanas feumail:—(1.) Gu'n d' *fhoillsich* Dia glòir 'uile bhuadhan ann an rathad a bhi 'deanamh maith dhuinn. (2.) Gu'n lean e air an *cleachdadh* agus am buileachadh gus a' chuid a's fhaide mach air ar son. (3.) Gu bheil iad freagarrach agus cumhachdach chum sinne 'chur ann an *seilbh shiorruidh* air fèin, ni a's e ar sonas, air dhoibh a bhi mar so air am *foill-seachadh* agus air an *cleachdadh*. A nis, tha na tri nithe so folaithe ann an Criosd; agus cha-n'eil am plathadh a's lugha soluis r'a fhaotainn orra ach ann.

(1.) Tha so r'a ghabhail, ma seadh, gu'n d' *fhoillsich* Dia glòir 'uile bhuadhan ann an rathad a bhi 'deanamh maith dhuinn. Ciod an tairbhe 'bhithreas ann d'ar n'anamaibh, ciod an comhfhurtachd d'ar eridheachaibh, ciod an gràdh do Dhia a ghineas e annainn, fios a bli againn gu bheil e neo-chriochnach firinneach, agus ceart, agus naomh, agus neo-chaochhlaidheach 'na dhìlseachd agus 'na fhìrinn, mar 'eil fios againn, aig an àm cheudna, cionnus a dh' fheudas e glòir a cheartais agus fhìrinn a chumail suas ann an rathad air bith eile ach ann ar sgrios? ciod a bhithreas ann mar bi e comasach dhuinn a ràdh ach gur ceart an ni do Dhia àmhghar ioeadh dhuinn air son air peacaidhean? Ciod an toradh a bha aig Adhamh o'n eòlas so anns a' ghàrradh? Gen. iii. Ciod am millseachd, ciod an t-aobhar misnich, a th' ann an eòlas a bhi againn air gu bheil e *foighid-neach* agus *fad-fhulangach*, ma tha glòir nam buadhan sin gu bhi air a h-àidaeachadh ann am "fulang le mòr fhad-fhulangas soithichean na feirge air an ullachadh chum sgrios?" tuilleadh fòs, ciod an tairbhe dhuinn ged a bhitheadh ar cluasan ag éisdeachd 'ainm mòr air a chur an céill o 'bhenl fèin, "An TIGHEARN, An TIGHEARN Dia, iochdmhor agus gràsmhor, agus pailt ann an caoimhneas agus ann am fìrinn," gidheadh, aig an àm cheudna, "nach saor air aon dòigh an ciontach,—" mar sin a' ceangal suas cleachdaidh a bhuadhan eile gu léir d'ar taobh, do bhrigh ar peacaidhean? Cha bhitheadh, gun teagamh, tairbhe sam bith. Fo na bheachdachadh lom so de bhuadhaibh Dhé, is ann a theid daoine air theicheadh 'gam folach fèin o a cheartas, Gen. iii., Isa. ii. 21; agus cha bhi iad ach air an cruadhachadh fo fhrithealadh an fhad-fhulangais, Ecles. viii. 11. Is eagalach leò smuaineachadh a theachd am

fagus da do bhrìgh naomhachd a nàduir. Ciod an t-saors' a bhithreas againn ann an smuaineachadh air uile-làthaireachd agus uile-fhiosrachd Dhé, mar dean sin ach cabhag a chuir oirnn ann an teicheadh air falbh uaith (Salm exix. 11, 12), as engmhais dearbhadh sam bith a bhi againn air a làthaireachd ghràsmhor? Is e so a bheireadh slàinte steach d'ar n-anamaibh, gu faiceamaid uile bhuadhan a nàduir air an glòrachadh ann an deanamh maith dhuinn. A nis, tha so deanta ann an Criod. Annsan ghlòraich Dia a cheartas, anns gu'n do choinnich ar n-aingidheachdan uile airsain, agus gu'n do ghiòlanadh air falbh iad leis, mar am boe-gaibhre do'n fhàsach ; seadh, anns nach do chaomhain e a Mhae féin, aeh gu'n d'thug e thairis e chum bàis air ar son-ne uile ;—mar sin ag àrdachadh a cheartais agus 'fheirge an aghaidh peacaidh, ann an rathad a bhi 'gar saoradh-ne o'n diteadh, Rom. iii. 25 ; viii. 33, 34. Annsan ghlòraich e 'thìrinn agus a dhìlseachd, ann a bhi toirt làn choimhlionaidh d'a bhagraidhibh agus d' a gheallaidhibh uile. Annsan tha coimhlionadh air a thabhairt do'n phriomh-bhagair sin, o'm bheil gach bagair eile a' sruthadh, Gen. ii. 17, "Anns an là a dh'itheas tu dhith, gu cinuteach bàsaichidh tu ;" agus am mallachadh sin coimh-cheangailte ris, "Is mallaichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nthibh a tha sgrìobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh," Gal. iii. 10,—agus firinn Dhé ainta air a tionndadh chum maith dhuinn. Tre ghràs Dé bhlais e bàs air ar son, Eabh. ii. 9 ; agus mar sin shaor e sinne a bha fo dhaorsa dha, rann 15 ; agus choimhlion e am mallachadh, a mheud 's gu'n d' rinneadh e 'na mhallaichadh air ar son, Gal. iii. 13. Agus a nis tha firinn Dhé air a deanamh glòrmhor eadhon 'na bhagraidhibh ann an rathad a tha chum maith dhuinn. Agus a thaobh a gheallaidh-ean, "Annsan is seadh iad, agus annsan is Amen iad, chum glòire Dhé d' ar taobh-ne," 2 Cor. i. 20. Mar an ceudna a thròeair, a mhaitheas, agus saoibhreas a ghràis, cia cho glòrmhor as a tha iad air an àrdachadh ann an Criod chum ar leas! Rinn Dia a shònachadh chum a bhi 'foillseachadh 'fhìreantachd ann an maitheanas nam peacaidhean ; annsan dh' fhosgail e slighe anns am bi glòir a thròeair air a h-àrdachadh gu saoghal nan saoghal ann am frithealadh a mhaitheanais air peacaich. Is i erloch mhòr an t-soisgeil a bhi foillseachadh an ni so féin, mar a tha an t-abstol air dhòigh iongantaich a' eur an céill, Eph. i. 5-8. Ann an sin, ma seadh, feumaidh ar n-anama eòlas 'thaotainn orra, air neo fantuinn gu bràth anns an dorch.

A nis, is *eòlas slàinteil* so, agus làn comhfhurtachd, 'nuair a thig sinn gu bhi 'faicinn uile bhuadhan Dhé air an deanamh glòrmhor agus air an àrdachadh ann an rathad a bhi 'deamanmh maith dhuinn. Agus tha an gliocas so folaichte ann an Iosa Criod a mhain. Uaith so, air dha an t-Athair a ghuidh, gu'n glòraicheadh e 'ainm féin, Eoin xii. 24,—gu'n deanadh e 'ainm a ghlòrachadh annsan (is e sin, a nàdur, a bhuadhan, agus a thoil) ann an obair sin na saorsa a ghabh e os làimh,—fhereagar an t-Athair e air ball o nèamh, "Ghlòraich mi araon e, agus glòraichidh mi rìs e." Ni e 'ainm a ghlòrachadh ann an Criod a dh' ionnsuidh a' chéim a's àirde.

(2.) Gu'n lean Dia air na buadhan so a *chleachdadadh* agus a bhuileachadh gus a cheum a's fhaide mach air ar son. Ged a rinn e an glòrachadh ann an rathad a dh' fheudas a bhi chum maith dhuinn, gidheadh cha-n'eil e uaith so neo-sheachanta ann féin gu'n dean e an *cleachdadadh* chum maith dhuinn ; oir nach 'eil sinn a' faicinn na miltean a' dol am mugha gu siorruidh, a dh' aindeoin foillseachaidh a thug Dia air fein ann an Criod ? Uime sin, a thuilleadh air so, dh' earb Dia uile bhuadhan a nàduir ann an làmhaibh Chriosd, ma dh' fheudas sinn labhairt mar sin, chum an cleachdadadh d' ar taobh, agus a chuin maith dhuinn. Is esan "Cumhachd Dhé, agus gliocas Dé ;" is esan "An TIGHEARN ar Fireantachd," agus "rinneadh dhuinne e le Dia 'na ghliocas, 'na fhireantachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa." Air do Chriosd an t-Athair a ghlòrachadh 'na uile bhuadhaibh, tha eleachdadadh nam buadhan sin a nis air earbsa ris, chum gu'm bitheadh e 'na cheannard slàinte dhoibh-san a tha creidsinn ; ionnus nach 'eil ni air bith ann am fireantachd, no ann am maitheas, no ann an gràdh, no ann an tròcair, no ann an uile-fhoghainteachd Dhé, a dh' fheudas a bhi tarbhach dhuinn, nach 'eil làn uighdarras aig an Tighearn Iosa a bhi 'ga fhrithealadh as ar leth. Mar sin theirear gu bheil Dia a nis "ann an Criod, a' deanamh an t-saoghal réidh ris féin, gun a bhi 'meas an cionta dhoibh," 2 Cor. v. 19. Ciod air bith ni a tha ann an Dia, tha e 'ga bhuileachadh a nis chum an t-saoghal a dheanamh réidh ris féin, ann agus trid an Tighearn Iosa Criod ; neach a's e "An TIGHEARN ar Fireantachd," Isa. xlvi. 24, 25. Agus is e so an dara ni a tha feumail.

(3.) Gu bheil buadhan so Dhé, air dhoibh a bhi mar so air am foillseachadh agus air an cleachdadadh, *cumhachdach* agus *comasach* air sinne 'chur ann an seilbh shiorruidh air féin. Chum so a dhaingneachadh, tha an Tighearn a' filleadh suas

coimhcheangail nan gràs gu lèir ann an "aon ghealladh, anns am bheil an comas so air a chiallachadh : "Bithidh mise a' m' Dhia dhuibh." Anns a' choimhcheangal tha Dia air teachd gu bhi 'na Dhia dhuinn, agus sinne 'nar sluagh dha-san; agus mar sin a bhuaathan uile mar an ceudna air an deanamh thairis dhuinn. Agus air eagal gu'm bitheadh teagamh air fhagail againn—"nuair a bhitheas ar sùilean ann an tonhas air am fosgladh, gu bhi 'faicinn gach deacaireachd do-mheasrachaidh a tha 'seasamh suas 'nar n-aghaidh air gach làimh—nach 'eil so m'i's ledir fathast chum ar saoradh, riunn Dia, tha sinn ag ràdh, a phaisgeadh suas anns a' ghealladh so, Gen. xvii. 1, "Is mise an Dia uile-chumhachdach"—uile-fhoghainteach ; — "Tha mise làn chomasach na h-uile ni a ghabh mi os làimh a choimh-lionadh, agus a bhi dhuit-sa a' m' dhuais ro mhòr. Tha mise comasach na h-uile doirbheadas a ghiùlan as an rathad, na h-uile teagamh a choinneachadh, na h-uile peacadh a mhaith-eadh, na h-uile grabadh a cheannsachadh : Is mise Dia uile-fhoghainteach." A nis, tha fios agaibh cò anns am bheil an coimhcheangal le 'uile gheallaidhibh air a dheanamh seasmhach, agus cò an fhuil anns am bheil e air a dhaingneachadh,—eadhon, anns an Tighearn Iosa Criod a mhain ; annsan a mhain tha Dia 'na Dhia uile-fhoghainteach, agus 'na dhuais ro mhòr. Agus do bhrigh so theirear gu bheil Criod "comasach air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a thèarnadh gu h-ionlan," Eabh. vii. 25. Tha na trì nithe so, tha sinn ag ràdh, do-sheachanta feumail, chum eòlais slàinteil a bhi againn, ann an rathad comhfhurtail, air aon air bith de bhuaidhaibh Dhé ; agus do bhrigh gu bheil iad so uile folaithe ann an Criod. is ann uaith-sau a mhain a tha e r'a fhaotainn.

Is i so, ma seadh, an ceud earrann de ar ceud choimh-dhearbhadh,—gu bheil na h-uile fhòr ghliocas agus eòlas taisgte suas anns an Tighearn Iosa Criod, agus uaith-san a mhain r'am faotainn. Is i prìomh earrann ar glicais eòlas a bhi againn air Dia, 'na nàdur, agus 'na bhuaidhaibh, agus do bhrigh gu bheil so gu h-ionlan folaithe ann an Criod, cha chomasach do neach sam bith 'fhaotainn ach annsan a mhain.

II. A thaobh *eòlais oirnn fèin*, ni a's e DARA earrann ar glicais, tha so a' coimh-sheasamh anns na tiù nitibh sin air am bheil Spiorad Chriod a' toirt dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal,—eadhon "peacadh, fireantachd, agus breitheanas," Eoin xvi. 8. Tha earrann mhòr de'n fhòr ghliocas ag coimh-sheasamh ann an eòlas a bhi againn oirnn féin a thaobh nan trì

nithe so ; oir tha dàimh aca uile rìs a chrìch neo-blàsmhoir sin chum am bheil sinn air ar comharachadh ; agus cha-n'eil a h-aon diubh sin air am bheil fior eòlas r'a fhaotainn ach ann an Criosc a mhain.

1. A thaoblh *peacaidh*. Tha mothachadh agus eòlas peacaidh air am fagail ann an *coguisibh* nan uile dhaoine a thaoblh nàduir. Cha-n'eil aobhar dhoibh a dhol ni's fhaide na iad féin, chum eòlais 'fhaotainn, a thaoblh mhòran nithe, air ciod a tha maith, agus ciod a tha ole, ciod a's còir dhoibh a dheanamh, agus ciod a's còir dhoibh a sheachnad, le sùil ri breitheanas chum teachd, Rom. ii. 14, 15. Ach tha an t-eòlas so dorch, agus a' sealltuinn gu sònruichte ris na peacaidhean a's uamharr ; tha suim an ni so air 'ainmeachadh leis an abstol, Rom. i. 32, "Muirntir d'an aithne ceartas Dé, gu bheil iadsan a ni an leithid sin de nithibh toillteanach air bàs." Tha e 'toirt so a steach 'am measg nam beachdan coitchionn a gheibhear aig cloinn nan daoine, eadhon, gur ni ceart do Dhia gu'm bitheadh "iadsan a ni an leithid sin de nithibh toillteanach air bàs." Agus ma tha sin firimeach a tha gu coitchionn air 'aithris, nach 'eil cinneach sam bith anns an t-saoghal cho borb as gu bheil iad as eugmhais aideachaidh air *dia éigin* ; tha so mar an eundna firinneach, nach 'eil cinneach sam bith ann as eugmhais mothachaidh peacaidh, agus diom Dhé na aghaidh. Oir is e so ceud bheachd nàdurra dhaoine mu Dhia anns an t-saoghal, gur fear tabhairt duais e dhoibh-san a tha maith, agus fear diolaidh peacaidh orra-san a tha ole. B'e so a bha aig freumh nan iòbairtean agus nan glanaithean sin a bha air sgaoladh gu coitchionn 'am measg gach cinnich air aghaidh na talmhainn. Gidheadh bha agus tha so uile fo anabarr dorchadais, 'an coimeas ris an eòlas sin air peacadh, agus gach ni a tha coimhcheangailte ris, a tha r'a fhaotainn.

Tha eòlas ni's diongmhalta na so fathast, anns na h-uile seadh, air 'fhaotainn air a' pheacadh tre'n lagh ; an lagh sin a "thugadh air son eusaontais," Gal. iii. 19. Tha so ag ath-bheothachadh na coguis, a thaoblh a' mhothachaidh sin air maith agus ole a bha air tùs air a shuidheachadh anns an duine ; agus is sgàthan e, anns am bheil am peacadh r'a fhaicinn 'na ghràineileachd agus 'na dhnaichnidheachd, leo-san uile aig am bheil breithneachadh *spioradail* ann. Gu cinnteach, ma dh' amhairceas sinn air an lagh 'na fhìor-ghloine, 'na naomhachd, 'na fharsuinneachd, agus 'na ionmlanachd ; ma smuainicheas sinn air *dèigh tubhaint* an lagha, le h-eagal agus uamhunn, le tàirneanaich, agus le teine, agus le crith-thalmhainn ; ma bheachdaicheas sinn air *bagraigdh-*

ibh an lagha, fearg, agus mallachadh, agus bàs,—is iongantach am foillseachadh a gheibh sinn ann air a' pheacadh, 'na ghràineileachd, 'na chionta, agus 'na uamharrachd. Gidheadh cha-n 'eil ni's leòir eadhon aum an so, chum dearbh-shoilleireachd fhàrrinnich agus làin a thoirt do dhaoinibh air a' pheacadh. Cha-n e nach 'eil an sgàthan glan, ach cha-n'eil shùilean againne a dh' amhaireas a steach ann ; tha'n riaghailte dìreach ni's leòir, ach cha-n'eil comas againne sinn fèin a choimh-shìneadh rithe : agus uime sin tha Criod a' cur an Spioraid chum dearbh-shoilleireachd a thoirt do'n t-saoghal mu pheacadh, Eoin xvi. 8 ; agus ged a tha e 'deanamh feum de'n lagh, air son chriochan àraiddh, gidheadh is i obair sònruichte an Spioraid fèin a bhi 'dearbhadh peacaidh, ann an rathad a bhithreas a' toirt èolais feumail do dhaoinibh air. Agus mar sin feudar a ràdh gu bheil am foillseachadh so air a' pheacadh air 'thaotainn trid a' ghliocais a tha folaithe ann an Criod. Ach, a bhàrr air so, tha dà ni coimhcheangailte ri Criod a bhi 'eur au Spioraid air son dearbhaidh peacaidh, anns am bheil e air a dheanamh aithnichte gu bheil an gliocas so folaithe ann :—Air tùs,—Cuid de nitibh a thaobh peacaidh a tha air an eur ann an solus ni's gloine anns gu'n d'riuneadh Criod 'na pheacadh air ar son, na a b' urrainn a bhi deauta air dhòigh sam bith eile. Agus, a ris,—Nach 'eil èolas r'a thaotainn air peacadh, ann an rathad *spioradail agus slàinteil*, ach ann-san a mhain.

A thaobh a' cheud ni, tha ceithir nithe anns a' pheacadh a tha dealradh a mach gu soilleir ann an crann-ceusaidd Chriod :—(1.) *A thoillteanas*. (2.) *Neo-chomas* an duine do bhrigh peacaidh. (3.) *Bùs* a' pheacadh. (4.) *Cròch nuadh* a' pheacadh.

(1.) Tha *toillteanas* a' pheacadh a' dealradh a mach gu soilleir ann an crann-ceusaidd Chriod o dhà ni :—[1.] O'n *ti* a dh' fhuling air a shon. [2.] O na *futangais* a ghlàlain e.

[1.] An *ti* a dh' fhuling air a shon. Tha na Sgriobtuirean a' cumail so a mach gu tric ann an rathad ro chomharaichte, agus a' leagadh mòrain cùdthriùim air : Eoin iii. 16, "Ghràdh-aich Dia an saoghal mar sin, gu'n d' thug e 'aon-ghin Mhic fèin." Be 'aon-ghin Mhic fèin a chuir Dia do'n t-saoghal a dh' fhulang air son peacaidh, Rom. viii. 32. "Cha do chaombain e a Mhac fèin, ach thug se thairis e air ar son-ne uile." 'N uair a chitheamaid tràill air a smachdachadh, bha e r'a thuiginn gu'n robh coire air a gniombachadh leis ; giùheadh theagamh nach robh a dhioch-thoillteanas ro mhòr. Tha brosnachadh ni's mò r'a thuiginn ann an smachdachadh mic ; ach aon-

ghin mic a bhi air a smachdachadh tha so a' nochdadadh a' bhros-nachaith a's ro àirde. Cha-n fhacas rìamh am peacadh 'na ghràineileachdibh peacaidh agus 'na lànachdaibh brosnachaith cho mòr, as an uair a leagadh a chudthrom air guailnibh Mhic Dhé. Air do Dhia a Mhac féin, Mae a ghràidh, 'aon-ghin Mic, a bha làn gràis agus firinn, a dheanamh 'na pheacadh air ar son, chuir e làmh ann, agus cha do chaomhain sè e, chum a bhi 'taisbeanadh a chorruich an aghaidh peacadh, agus mar an ceudna cho iomlan mi-chomasach as a tha e gu'm bitheadh am peacadh a's lugha air a leigeadh seachad gun pheanas. Ma's e 's gu bheil am peacadh air a chur as leth Mic a ghràidh féin, mar a bha, air bhi dha-san àite nan ciontach gu toileach a ghabhlair—oir thubhairt e ris an Athair, "Feuch tha mi a' teachd chum do thoil a dheanamh," agus choinnich ar n-aingidh-eachdan uile air,—ma's e as nach caomhainn se e ams a' chuid a's lugha d'a thoillteannas, nach 'eil e anabarrach soilleir uaithe sin, eadhon o fhuil a' chroinn-cheusaidh, gu bheil droch thoillteannas a' pheacadh de leithid a' nàduir, as gu bheil e gu h-iomlan mi-chomasach gu'n leigeadh Dia, eadhon am peacadh a's lugha as gun pheanas? Nan deanadh se e air son neach air bith, bhitheadh e deanta leis a thaobh 'aon-ghin Mic féin; ach cha do chaomhainn se e.

Os bàrr, cha-n'eil tlachd idir aig Dia, agus cha-n'eil e air dhòigh sam bith iarratadh air fuil, agus denraibh, agus glaodh-aibh, agus àmhgharaibh, agus fulangasaibh do-labhairt Mic a ghràidh—oir cha-n'eil tlachd aige ann an àmhgharaibh neach air bith,—"cha chlaoidh e d'a dheoin, ni mò chràidheas e clann nan daoine," Tuir. iii. 33, agus ni's ro lugha na sin Mac a bhroilllich féin;—ach a mhain gu feumadh a lagh a bhi air a choimhlionadh, a cheartas a bhi air a riarachadh, agus a chorruich 'an aghaidh peacadh air a dholadh; agus cha deanadh ni bu lugha na so an gnothach. Nam b'urrainn na fiachan a bhi air an iocadh le éirie ni bu lugha, cha bhitheadh fuil do-labhairt luachmhòr Chriosd gu bràth air a dòrtadh air an son. Ann an so, ma seadh, anam, gabh beachd air toillteannas a' pheacadh; far am feud thu 'fhaicinn ann an solus ni's dealraiche na ann an uile bhagraidh agus mhallachdaibh an lagha. "Shaoil leam, gu cinnteach," feudaidh tu a ràdh, "gu'n robh ami peacadh toillteannach air bàs, air bhi dha air 'thaotainn air enuimh bhochd mar a tha mise; ach cha do smnainich mi rìamh gu'm bitheadh an toradh so aige, 'n uair a fhuaireadh e air a leagadh air aon-ghin Mic Dhé."

[2.] Beachdaich mar an ceudna, *na fulangais a ghiùlain e.* Ged a bha e 'na neach cho oirdheire, gidheadh, theagamh nach robh na fulangais a ghiùlain e ach eutrom, gu sònruichte air dha a bhi cho cumhaechdach air son an giùlan. Ciod air bith na fulangais a bh' ann, bha "dlùth-chompanach so Tighearna nan sluagh," "leòmhlan so tréibh Iudah," "an Ti cumhachdach so," "gliocas agus cumhachd so Dhé," fo uamhunn agus anabarra bròin anna, ann an gleachdaibh agus 'am fallus, a' briseadh nan glaodh, agus a' dòrtadh nan ashach, agus sin le h-àrd-eighich agus le deuraibh. Feudaidh an cràbhaiche Papanach a bhi 'g ràdh gu bheil ni's leòir anns a' bhoinne a's lugha de fhuil Chriosc gu bhi 'saoradh an t-saoghal gu léir; ach tha iad ann an seacharan, gun aithne aca air toillteanas a' pheacaidh, no air géiread ceatais Dé. Cha deachaidh am boinne a's lugha a dhòrtadh nach fheumadh a bhi air a dhìoladh, no am buille a's lugha a leagadh nach fheumadh a bhi air a ghiùlan. Cha b' ann gun aobhar a bha Dia a' lotadh aon-ghràidh 'anama féin. Aeh tha tuilleadh na so uile ann :—

B'i toil an Tighearna a blhruthadh ; chmir e fo àmhghar e, rinn e 'anam 'na lobairt-réitich, agus dhòirteadh a mach 'anam gu bàs, Isa. liii. 5, 6. Dh' fholsich Dia e féin uaith, bha e am fad o bhriathraibh a bhùiridh, gus an do ghlaodh e mach, "Mo Dhia, mo Dhia, c'ar son a thréig thu mi ?" Salm xxii. 1. Rinneadh e 'na pheacadh agus 'na mhallachadh air ar son, 2 Cor. v. 21 ; Gal. iii. 13 ; chuir e binn an lagh' 'an gnìomh air; thug se e gu bhi ann an cruaidh-ghleachd anama, ionnus gu'n robh 'fhallus mar blraonaibh mòra fola a' tuiteam sios air an talamh, agus 'anam ro blhrònach eadhon gu bàs. Bha esan a b'e cumhachd Dhé agus gliocas Dé air eromadh sios fo chud-throm an uallaich, gus an robh aitreibh mhòr na cruinne-cé gu léir air eriothmachadh 'an glacaibh an uamhais. A nis, mar a dh' ainmich sinn a cheana gu'n robh so a' taisbeanadh feirge Dhé an aghaidh peacaidh, is amhuil sin a tha e gu soilleir a' nochdadhbh toillteanas a' pheacaidh. Ma's àill leat, ma seadh, drèch thoillteanas a' pheacaidh 'fhaicinn ann am firinn, amhaire air anns an réite a rinn Criosc, gu sònruichte anns a' chrann-cheusaidh. Thug e esan a b'e Mae Dhé, coimh-ionann ri Dia, Dia os ceann nan uile, beannaichte gu siorruidh, gu bhi ann an cruth seirbhisich, aig nach robh ionad anns an cuireadh e a cheann fodha. Lean se gu geur e ré a bheatha gu léir le àmhgharaibh agus geur-leann-huinnibh ; agus fa dheòigh thu e steach e fo shlait Dhé féin, gus an robh Tighearna na beatha

air a bhriseadh, air a bhruthadh, agus air a mharbhadh. Uaith so, ma seadh, is ro iomchuidh dhuinne doinlhneachd an irios-lachaiddh, do bhrigh esan a rinn siun a lotadh, Sech. xii. 10. Is e so, ma seadh, an ceud sealladh spioradail a tha againn air a' pheacadh ann an Criod.

(2.) Tha an gliocas sin a bheir sinne gu bhi 'tuigsinn ar *neo-chomais* do bhrigh peacaiddh, air a phasgadh suas annsan. Le ar neo-chomas, tha sinn a' tuigsinn dà ni :—[1.] Ar neo-chomas *réite* sam bith a dheanamh ri Dia air son peacaiddh. [2.] Ar neo-chomas inntinn agus toil Dé a *fhreagradh* ann an ni sam bith de'n ùmhlaichd a tha e 'g àithne, do bhrigh peacaiddh.

[1.] A thaobh a' cheud ni, tha e air 'fhoillseachadh a mhain ann an Criod. Is lionmhor fiosrachadh a rinn clann nan daoine air son réite fhaotainn a mach ri Dia,—is lionmhor dòigh a chleachd iad chum a bhi 'ga choimhlionadh. Tha so air 'fhiorsrachadh leo-san ann am Micah vi. 6, 7, "An tig mi 'na fhianuis le h-lobairtibh-loisgte ; le laoigh a bhitheas bliadhna dh' aois, agus iad so a' réir 'orduchaidh féin ; an tig mi le miltibh de reitheachaibh, le deich miltibh de shruthaibh olaidh, ged a tha iad cho costail ; an toir mi mo cheud-ghin air son mo chionta ; toradh mo chuirp air son eionta m' anama, ged a dh' fheudadh sin a bli 'reubadh gnèidhealachd mo nàduir as a chéile ;"—an dean ni sam bith dhiubh so réite ri Dia ? Tha Daibhidh a' freagradh na ceiske, Salm xlix. 7, 8, "Cha-n urrainn duine"—an duine a's fearr, no an duine a's saoibhere—"air chor sam bith a bhràthair a shaoradh, no éirie a thabhairt do Dhia air a shon ; oir tha saorsa an anama luachmhor, agus sguiridh e am feasd." Cha-n urrainn e bhi deanta,—cha ghabh réite deanamh ; gilheadh bhithealh daoine 'na cheann, ag iobradh agus a' dòrtadh fola, cuid de na h-lobairtibh sin ro chostail, agus cnid eile dhiubh oillteil agus cruaidh-chridheach. Tha na h-Iudhaich gus an là an diugh a' smuaineachadh gu'n robh Dia air a réiteachadh le fuil tharbh agus ghabhar, agus an leithidibh sin. Agus cha-n aidlich na Socinianaich feum a bhi air son réite sam bith, ach sin a cha 'coimh-sheasamh ann an aithreachas agus 'an ùmhlaichd dhaoine. Ach ann an crann-ceusaidd Chriod tha beul nan uile air a dhruideadh a thaobh an ni so. Oir—

Anns a' cheud àite,—Dh' fhoillsich Dia anns a' chrann-cheusaidd nach deanadh *lobairtean sam bith air son peacaiddh*, iadsan a chaoidh a dheanamh *foirfe* a bha 'gan tabhairt suas,

eadhon ged a bhithheadh iad a réir a *chomharachaидh* féin, Eabh. x. 11. Cha robh e ann an comas nan iobairtean sin a chaoidh peacadh a thoirt air falbh;—cha robh iadsan a bha 'deanamh na seirbhis air an deanamh coimhlionta, a thaobh na coguis, Eabh. ix. 9; mar a tha an t-abstol a' dearbhadh, caib. x. 1. Agus do bhrigh sin tha an Tighearn a' cur cùl ris gach iobairt agus tabhartas gu léir a thaobh tairbhe sam bith a dh' ionnsuidh na crìche so, rainn 6-8, agus e féin a teachd a stigh 'nan àite, ag ràdh, "Fench tha mi a' teachd;" agus trid-san tha sinn air ar "saoradh o na h-uile nithibh o nach robh e'n comas dhuinn a bhi air air saoradh le lagh Mhaois," Gniomh. xiii. 39; tha Dia mar so, tha sinn ag ràdh, air na h-iobairtean gu léir a dhiteadh ann an Criod, mar nithibh a bha gu h-ionlan eu-comasach réite 'dheanamh air son peacaidh. Agus tha e gle shoilleir o na toraidhhibh a lean, cia cho deacair as a bha e an gliocas so a theagasc do dhaoinibh.

Anns an dara àite,—Rinn Dia mar an cendna *dòmhanas* a sgriobhàdh air gach oidhirpeachadh eile, a bha riàmh air a chleachdadh air son na crìche sin. Air dha a Mhac féin "a shònachadh 'na iobairt-réitich," Rom. iii. 24-26, thug e air falbh na h-uile dòchas o dhaoinibh gu'n robh réite air dhòigh sam bith nan comas féin; "oir ma tha fireantachd tre'n lagh, is ann gu'n aobhar a fhuair Criod bas," Gal. ii. 21. Ciod an t-aobhar gu'm bitheadh esan air a dheanamh 'na iobairt-réitich, mar bitheadh sinne gu h-ionlan gun neart annainn féin? Mar sin tha an t-abstol a' labhairt, Rom. v. 6, 'n uair a bha sinne gun neart, 'an sin rinn esan réite le a bhàs féin.

Tha an gliocas so mar an ceudna, ma seadh, folaithe ann an Criod. Theagamh gu feud daoine ni's leòir 'thaicinn tre mheadhonaibh eile clum an lònadh le h-uamhunn agus eagal, mar ann an Isa. xxxiii. 14; ach an sealladh sin air a threòr-aicheas an t-anam a dh' ionnsuidh saorsa, agus comhfurtachd sheasmhaich,—tha so r'a fhaotainn a mhain ann an ionmhas so nèimh, an Tighearn Iosa Criod.

[2.] Tha ar neo-chomas air inntinn agus toil Dé a fhreagradh, ann an ni sam bith de'n *ùmhlachd* sin a tha e'g aithne, air 'thoill-seachadh a mhain annsan. Tha mòran, gu cinnteach, anns an t-saoghal, leis nach àill an t-eòlas so a thogail gus an là an diugh. Cha-n'eil e 'na ghnothach soirbh a theagasc do dhuine nach 'eil comas sam bith aige sin a dheanamh a tha dleasannach dha a bhi deanta, agus air son am bheil e 'ga dhiteadh féin mar dean se e. Seasaidh an dhuine nàdurra suas gu fearail an aghaidh na h-uile

dearbhaidh a thig g'a chreach de a chomasaibh féin. Gun a bhi 'g ainmeachadh féin-bheachdan mòr-chuisseach nam feallsanach o shean, nach lionmhòr iad a tha 'gan ainmeachadh féin air Criod, gidheadh a tha' snaigeadh suas gu dichiollach ann am faradh nan dleasannas, a' smuaineachadh gu bheil comas aca an ceum a's àirde tha'n lagh ag iarraidh a chosnadh? Ach cionnus idir a b' urrainn daoine an t-eòlas so 'fhaotainn nach 'eil againne? Cha dean *nàdlur* a theagaisg,—tha sin àrdanach agus féin-spéis-eil; agus tha aon earrann de'n àrdan agus de'n laigse, agus de'n truaillidheachd a bhuineas da a' coimh-sheasamh ann a bhi gu h-iomlan aineolach air a neo-chomas. Cha teagaisg an *lagh* e; oir ged a nochdas e dhuinn ar *cionta*, cha teagaisg e dhuinn nach *b' urrainn sinn ni b' fhearr a dheanamh*; seadh, ann a bhi 'g iarraidh ùmhlachd iomlain uainn, tha e 'sealltuinn oirnn mar mhuinnitir aig am bheil an comas: cha-n'eil e idir ag amhare air gu'n do *chaill* sinn sin. Tha an t-eòlas so, ma seadh, folaithe ann an Criod. Rom. viii. 2-4, "Shaor lagh Spioraid na beatha, ann an Iosa Criod, mise o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis. Oir an ni nach robh 'an comas do'n lagh a dheanamh, do bhrìgh gu'n robh e anmhunn tre'n fheòil, ag cur a Mhic féin do Dhia ann an coslas feòla peacaich agus 'na iobairt air son peacaidh, dhìt e am peacadh 's an fheòil; chum gu'm bith-eadh fireantachd an lagha air a coimhlionadh annainne." Cha-n urrainn an lagh fireantachd no ùmhlachd a choimhlionadh; tha e gun neart a thaobh na crìche sin, do bhrìgh aumhuinneachd na feòla, agus an truaillidheachd a tha air teachd oirnn. Tha an dà ni so deanta ann agus tre Chriod:—*Anns a' cheud aite*, Tha am *peacadh air a dhùiteadh* a thaobh a chionta, agus sinne air ar saoradh o'n chiont sin; tha fireantachd an lagha air a coimhlionadh annainne tre ùmhlachd Criod, nach *b' urrainn* gu bràth sin a choimhlionadh annainn féin. Agus, *anns an dara àite*, Tha an *ùmhlachd* sin a tha a nis air a h-iarraidh uainn air a *h-oibreachadh annainn le a Spiorad*. Ionnusgu bheil an ùmhlachd iomlan a tha againn ann an Criod air a meas dhuinn; agus an treibhidhireas sin a tha againn ann an ùmhlachd shoisgeulaich air a bhuiteachadh oirnn o' n Spiorad. Agus is e so an sgàthan flor-ghlan sin anns am faic sinn ar neo-comas féin; oir ciod am feum a bhitheadh againn air ùmhlachd iomlan Criod, ach gu bheil sinn gu h-iomlan mi-chomasach annainn féin? ciod am feum air Spiorad Criod chum ar beothachadh, ach gu bheil sinn marbh ann am peacaidhhibh agus ann an euceartaibh?

(3.) *Bòis a' pheacaidh*;—am peacadh a' bàsachadh annainn, ann an tomhas, am feadh a tha sinn beò. Is e so an treas ni

ann an coimh-cheangal ris a' pheacadh, air am b'e ar glio eas eòlas 'fhaotainn ; agus tha e folaithe a mhain ann an Criosd. Tha am peacadh a' bàsachadh ann an seadh dà-fhìllte :—tha e 'bàsachadh a thaobh a *chleachdaidh* ann ar buill bhàsmhor ; agus a rìs a thaobh a *fhreumh'* agus a chumhachd ann ar n-anamaibh. Feudar a' cheud ni 'fhoghlum ann an tomhas a mach á Criosd. Feudaidh am peacadha bhi 'bàsachadh ann an daoinibh a mach á Criosd, a thaobh a chleachdaidh faicsinnich. Feudaidh cuirp dhaoine a bhi air fàs mi-chomasach air son seirbhis an ana-miann, no feudaidh cleachddadh faicsinneach a' pheacaidh a bhi cronail d' an gnothaichibh saoghalta. Cha robh am peacadh riàmh cho *bed* as a tha e 'nuair a tha e 'bàsachadh anns an t-seadh so. Ach a rìs, tha e 'bàsachadh a thaobh a *fhreumh'* agus a bhith,—seacachadh bàsmhor a' teachd air a neart, agus air a chumhachd, agus air a bheatha gach là ; agus tha so r'a fhaotainn a nhain ann an Criosd. Cha-n'eil am peacadh 'na ni a tha ullamh air bàsachadh no crionadh dheth fèin ; is i a's gnè dha a bhi 'dol 'am farsuinneachd, agus a' meudachadh ann an cumhachd agus ann am beatha, annta-san anns am bheil e, tre'n uile shiorruidheachd ; ged a bhithdeall na meanglana faicsin-neach air an gearraill sios, gidheadh tha priomh fhreumh an naimhdeis an aghaidh Dhé a' fàs gach là. Annas na creidlich tha e 'bàsachadh agus a' crionadh a ghnàth, gus am bheil e fa dheòigh air dol á bith. Tha so air 'fhosgladh suas leis an abstol ann an Rom. vi. 3-6, "Nach eil fhios agaibh, a mheud againn as a bhai-teadh ann an Iosa Criosd, gu'n do bhaisteadh chum a bhàis sinn ? Air an aobhar sin dh' adhlaiceadh sinn maille ris tre'n bhaisteadh chum bàis, ionnus mar a thogadh Criosd suas o na mairbh le glòir an Athar, mar sin gu'n gluaiseamail-ne mar an ceudna ann an nuadhachd beatha. Oir ma chaidh ar suaidheachadh maraon ann an coslas a bhàis, bithidh sinn mar an ceudna ann an coslas 'aisceirigh ; air thios so a bli againn, gu bheil ar sean duine air a cheusadh maille ris, ionnus gu'm bitheadh corp a' pheacaidh air a sgrios, chum á so suas nach deanamaid seirbhis do'n pheacadh." Is e so rùn an abstoil ann an toiseach a' chaibideil sin, cha-n e mhain a bhi 'nochdadhl cia as a tha na feartau sin ag éiridh a tha 'g oibreachadh bàis a' pheacaidh annainn, eadhon o bhàis agus o fhuil Criosd ; ach mar an ceudna a bhi 'nochdadhl suidheachaidh a' pheacaidh annainn, agus a dhòigh bàsachailh, eadhon o'n dòigh anns an d' fhuair Criosd bàs air a shon. Cheusadh e air ar son, agus le sin cheusadh am peacadh annainn ; fhuair e bàs air ar

son, agus tha corp a' pheacaidh air a sgrios, chum nach deana-maid seirbhis dha ; agus mar a dh' éirich esan o na mairbh chum nach bitheadh tighearnas aig a bhàs air, is amhuil sin mar an ceudna tha sinne air ar togail suas o bhàs a' pheacaidh, ionnus nach bitheamaid ni's mò fo thighearnas dha. Tha an gliocas so folaichte ann an Criod a mhain. Gus an d' fhuair Maois bàs cha d' fhàilnich a shùil, ni mò a thréig a neart e ; mar sin mar an ceudna neart a' pheacaidh agus an lagha a thaobh nan uile a tha mach á Criod : tha am peacadh 'na làn neart aig là am bàis. A nis, cha-n'eil ni eile, an taobhsa dha bhi 'faotainn eòir ann am fireantachd Chriod, anns an mò am bheil de ar gliocas a' luidh, na ann a bhi 'fhaotainn aithne air so. Gu'm bitheadh fìor aithne againn air na *feartaibh* sin o'm bheil bàs a' pheacaidh ag éiridh, gu'm bitheamaid a' fiosrachadh éifeachd agus cumhachd a' sruthadh o chrann-ceusaidh Chriod a dh' ionnsuidh na crìche so, gu'm bitheamaid a' faotainn a' pheacaidh air a cheusadh annainn, mar a bha Criod air a cheusadh air ar son,—ann an so tha fìor ghliocas, gliocas a tha folaichte annsan a mhain.

(4.) *Crioch nuadh a' pheacaidh.* Tha *erloch ghlòrmhor* ann chum am bheil am peacadh air a chomharachadh agus air 'ord-uchadh le Dia, agus a tha air a foillseachadh ann an Criod, air am bheil muinntir eile aineolach. Tha am peacadh 'na nàdur fèin ag oibreachadh ann an rathad a bhi 'cur eas-onoir air Dia, a' maslachadh a mhòrachd, agus a' sgrios a' chreutair sin anns am bheil e ; ciod a tha ann an ifrinn fèin ach truaghanan a tha air an lònadh le toradh an deanadais fèin ? Tha bagraidhean Dhé anns an lagh a' nochdadhl crìch' eile peacaidh, eadhon foillseachadh ceartais dioghaltaich Dhé, ann a bhi 'tomhas a mach diol-thuarasdail dlighich dha. Ach ann an so tha an lagh a' stad—agus na h-uile solus eile maille ris—gun chomas crìche sam bith eile 'fhoillseachadh d'a thaobl. Ann an Tighearna Iosa tha taisbeanadh air a thabhairt air crìch eile ni's ro ghlòrmhoire ; eadhon, *cliù glòir suoir ghràis* Dé ann a bhi maitheadh peacaidh ;—Dia ann an Criod air riaghladh gu'm bitheadh an dearbh ni sin a bha gu nàdurra ag oibreachadh eas-urraim dha, air a ghabhail a nis chum a bhi 'foillseachadh glòire neo-crioch-naich a nàduir, mar Dhia a' maitheadh aingidheachd, agus euceartan, agus peacaidh,—an ni sin fòs a b'e toil Dé a bhi air 'ardachadh, chum eòlais a bhi air a ghabhail, agus creidimh air a chleachdadhl, air ann. Gu bhi 'pilleadh, ma seadh, a dh' ionnsuidh na h-earrainn so de ar coimh-dhearbhadh :—

Tha mòran de ar gliocas a' coimh-sheasamh ann an eòlas a bhi againn oirnn féin, a thaobh ar coir airson na siorruidheachd. Cha-n'eil ni air bith ris am mò am bheil ar gnothach, ann an suidheachadh truaillidh so ar nàduir, na ris a' pheacadh: as eugmhais eòlais a bhi againn air, cha-n'eil eòlas againn oirnn féin. "Ni amadain magadh air a' pheacadh." Tha fior eòlas slàinteil air r'a fhaotainn a mhain ann an Criosd: annsan feudaidh sinn toillteanas ar peacaidhean 'thaicinn, agus an gràineileachd, nach b' urrainn a bhi air a ghiùlan no air a réiteachadh ach le 'fhuil féin; agus cha-n' urrainn sealladh feumail air bith a bhi air 'fhaotainn air na nithe sin ach ann an Criosd. Annsan agus 'na chrann-ceusaidh tha foillseachadh againn air ar neochomas ionlan aon chuid *dholadh* a thoirt do cheartas Dé, no *ùmhachd* a thoirt d'a lagh. Ann am bàs Chriosd tha bàs a' pheacaidh air a chosnadhl agus air 'fhoillseachadh; agus mar an ceudna foillseachadh air saoibhreas gràis Dé ann a bhi 'ga mhaitheadh. Is e ar gliocas, ma seadh, gu'm bitheadh eòlas an fhéin-fhiosrachaidh againn anns na nithibh so; ni a tha ni's luachmhoire na uile ghliocas an t-saoghal gu léir.

2. Tha Spioral Chriosd, anns an dara àite, a' toirt dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal mu *fhlreantachd*, am prìomh ni air am b'e ar gliocas eòlas 'fhaotainn. Tha na h-uile dhaoine dearbhta a thaobh an ni so, eadhon gu bheil Dia 'na Dha ceart agus firinneach; (is e beachd nàdurra mu Dhia air am bheil Abraham a labhairt, Gen. xviii. 25, "Nach dean Breitheamh na talmhainn uile ceartas?") tha "aithne aca air ceartas Dé, gu bheil iadsan a ni an leithid sin de nithibh toillteanach air bàs," Rom. i. 32; tha fios aca gur "ceart an ni do Dhia àmhghar iocadh dhoibh-san a tha 'deanamh eucoir," 2 Tesal. i. 6. Tha e "de shùilibh ni's gloine na gu'n seall e air olc," Hab. i. 13; "air an aobhar sin cha seas na h-aingidh ann am breitheanas," Salm i. 5. Agus uime sin is i ceisd mhòr nan uile air am bheil siorruidheachd agus breitheanas ri teachd air an dearbhadh le tomhas de chumhachd, cionnus a dh' fheudas iad fireantachd 'fhaotainn anns an seas iad 'an lathair an Dé fhìrinnich agus cheirt so. Tha so 'na aobhar cùram aca, ann an tomhas mòr no beag, ré an làithibh uile; agus mar sin, mar a tha an t-abstol a' labhairt, Eabh. ii. 15, "tha iad fo dhaorsa ré am beatha uile tre eagal a' bhàis,"—tha iad ann an imcheist a thaobh tairbhe na fireantachd sin a tha aca, air eagal gu'n crìochnaich i dhoibh ann an léir-sgrios agus bàs.

(1.) A thaobh dhaoine air an cur thuige leis a' cheisid so, is e

an ceud ni a tha gu nàdurra a' teachd r' an aghaidh, ann an rathad a bhi 'gan cuideachadh, *lagh Dhé*; tha an lagh a' gealltuinn fireantachd dhoibh a sheasas là an dearbhaidh, ma's e's gu'm bi iad air a chomhairle. Tha iomadh ni air taobh an lagha gu bhi 'buadhachadh air an anam chum a bhi 'dùnadh a stigh ris air son fireantachd fa chomhair Dhé. Thugadh seachad e le Dia féin air son na criche sin; tha riaghailte na h-ùmhachd sin fillte suas ann, a tha Dia ag iarraidh o neach air bith de chloinn nan daoine; tha gealladh na beatha coimhcheangailte ris: "Dean so, agus mair bed;" "Bithidh luchd-deanamh an lagha air am fireanachadh;" agus, "Ma's àill leat dol a steach chum na beatha, coimhid na h-àitheantan;"—seadh, tha e ro chinnteach gu feum an lagh coimhlionadh ionlan 'fhaotainn, ma tha sinn gu bràth a' smuaineachadh seasamh le dànochd 'am fianuis Dé. Air do na nithe so uile a bhi air taobh an lagha, cha-n'eil duine sam bith a tha 'sealltuinn a mach air son fireantachd nach 'eil, aig aon àm no àm eile, ag éisdeachd ris, agus ag oidhirpeachadh a chomhairle a leantuinn. Tha mòran ann an ceann a' chleachdaidh so gach là, gidheadh nach aontaich gu bràth gu bheil iad a' deanamh sin. Theid iad, ma seadh, 'an ceann na h-oibre so,—a' saothrachadh chum am beatha athleasachadh, a' cur an cleachdaidhean fo riaghailt, a' coimhlionadh nan dleasannas a tha air an àithne dhoibh, agus mar sin a' leantuinn an déigh fireantachd a réir an lagha. Agus bithidh mòran a' leantuinn air an aghaidh anns na slighibh so ré ùine fhada fo imcheistibh minig;—air uairibh gu dòchasach, misneachail; ach mar is trice gu h-eagalach, gealtach; air uairibh an ire fannaichadh; air uairibh eile a' boideachadh leantuinn air an aghaidh—gun sith a bhi idir air a' cosnadh, no fireantachd air a coimhlionadh—gu crich am beatha. Air dhoibh iad féin a sgitheachadh mar so air son ùine ann am buanas an slighe, thig iad an sin, le cridheachaibh air gheilt-chrith, agus leis gach dòchas air diobradh, a dh' ionnsuidh comh-dhùnaidh sin an abstoil. "O oibrabh an lagha cha bhi feòil sam bith air a fireanachadh;" agus an glaodh ciùrrta sin ag éiridh o'n uchd, "Ma chomhar-aicheas Dia ar n-aingidheachd, cha-n'eil seasamh 'na fhianuis." Tha an t-abstol a' fianuiseachadh gur i so crioch an saothair, Rom. ix. 31, 32, "Ach cha do ràinig Israel a bha 'leantuinn lagh' na fireantachd, air lagh na fireantachd. C'ar son? A chionn nach ann o chreidimh, ach mar gu'm b'ann o oibrabh an lagha a dh' iarr iad i." Cha robh iad air am mealladh leis nach d'thug iad an oidhirp, oir lean iad gu dichiollach an déigh lagh

na fireantachd ; ach bha iad air am mealladh do bhrìgh nàduir an ni ann fèin,—cha bu chomasach dha a bhi. Cha robh fir-eantachd r'a faotainn anns an rathad sin ; “Oir,” a deòr an t-abstol, “ ma tha iadsan a bhuineas do'n lagh’nan oighreachaibh, tha creidimh air a dheananmh diomhain, agus an gealladh gun bhrìgh, a chionn gu bheil an lagh ag oibreachadh fèirge,” Rom. iv. 14, 15. Cha-n urrainn an lagh fèin a nis beatha ’thoirt uaith, Gal. iii. 21, “ Nam bitheadh lagh air a thabhairt a bhith-eadh comasach air beatha ’thoirt uaith, gu deimhin is ann o'n lagh a bhitheadh fireantachd.” Agus ann an rann 22, tha e ’toirt seachad an aobhair nach b'urrainn e beatha ’thoirt uaith ; eadhon, do bhrìgh gu'n “ d'fhag an Sgriobtuir na h-uile dhaoine dùinte's a' pheacadh ;”—is e sin, tha e fior a' rír fianuis an Sgriobtuir, gu bheil na h'uile dhaoine 'nam peacaich, agus cha-n'eil an lagh a' labhairt aoin fhocail ri peacaich ach léir-sgrios agus bàs : uime sin tha an t-abstol ag innseadh dhuinn gu soilleir, gu'n d'fhuair Dia fèin coire do'n dòigh oibreachaidh fireantachd so, Eabh. viii. 7, 8. Tha e 'gearan air ; is e sin, tha e 'eur an céill gu bheil e neo-fhoghainteach air son na crìche sin.

A nis, tha dà ni a tha 'deananmh aithnichte do dhaoinibh gur ni diomhain agus eu-dòchasach a bhi 'sealltuinn air son fir-eantachd anns an dòigh so :—

[1.] Gu'n do *pheacaich iad a cheana* : “ Oir pheacaich na h-uile agus tha iad air teachd gearr air glòir Dhé,” Rom. iii. 23. Ged a bhitheadh iad comasach an lagh gu h-iomlan a choimhlionadh air son an àm ri teachd, gidheadh tha iad fiosrach air seann fhiachaibh a bhi 'nan luidh 'nan aghaidh, nach 'eil iad air dhòigh sam bith comasach a dhìoladh. Ma chuireas iad an comhairle ris an fhear-threòrachaidh a th'aca, an lagh fèin, cionnus a dh' fhendas iad saoradh 'fhaotainn o na seann fhiachaibh ? cha-n'eil focal seòlaidh no comhfhurtachaidh aige dhoibh, ach, “ Gu cinnteach gheibh thu bàs.” Tha a' bhìnn air dol a mach, agus cha-n'eil dol as uaith.

[2.] Ged a bhitheadh na *seann fhùachan* air an dubhadh a mach, gidheadh cha-n'eil iad air dhòigh sam bith comasach an lagh a choimhlionadh air son an àm ri teachd ; bhitheadh e cho furasda dhoibh an saoghal fèin a ghluasad le neart na meòir, as a bhitheadh e dhoibh iomlanachd an lagh' a fhreagrachd : agus uime sin, mar a thubhairt sinn, tha iad air teachd gus a' chomhdhùinadh, do bhrìgh an dà aobhair so, gu bheil an saothair 'an dionianas. “ Oir o oibríbh an lagha cha bhi feòil sam bith air a fireanachadh.”

(2.) Uime sin, anns an dara àite, air do dhaoinibh a bhi mar so air am mealladh, tre *cheartas geur agus do-lùbaidh* an lugha, cuiridh iad a nis, gu coitchionn, aghaidh air slighe éigin eile, a' saolsinn gu faigh iad sin ann a ni suas na dòchasan a chaill iad, agus tha so mar is tric a' coimh-sheasamh ann a bhi 'comharachadh ni-éigin leis an dean iad Dia a réiteachadh ann an euid, agus ag altrum dòchais tròcair a thaobh a' chuid eile. Gun a bhi 'labhairt air na dòighibh anns an robh na Cinnich ag oidhirpeachadh réite a dheanamh ri Dia; no air innleachdaibh minig nam Papanach,—mar a tha an oibre cràbhach féin, bàrr-ghniomharan mhuinntir eile air an son, cead peacaidh, agus fa dheobdh am purgadair;—tha e nàdurra dhoibh-san, tha sinn ag ràdh, a tha fo dhearbhadh peacaidh, a bhi 'g iarraidh an déigh fireantachd, ann an euid le bhi 'g oidhirpeachadh riachaidh a thabhairt air son na chaidh seachad, agus a' fagail a' chuid eile air tròcair choitchionn Dhé. Tha iad so air an ainmeachaadh leis an abstol, Rom. ix. 32, mar mhuinntir a tha 'g iarraidh fireantachd "mar gu'm b'ann o oibríbh an lagha;" cha-n ann gu neomheadhonach, ach "mar gu'm b'ann" a oibríbh an lagha, a' deanamh snas aoin ni le ni eile. Agus tha e mar an ceudna ag innseadh eiod anns an do chriochnaich an obair so, caib. x. 3, "Oir air dhoibh a bhi aineolach air fireantachd Dhé, agus ag iarraidh am fireantachd féin a chur air chois, cha do strìochd iad do fhìreantachd Dhé." Trid am fireantachd féin bha iad 'nan naimhdibh do fhìreantachd Dhé. B'e bonn na h-oibre sin a bha aca ann an cur air chois am fireantachd féin, gu'n robh iad aineolach air fireantachd Dhé. Nam bitheadh aithne ac' air 'fhìreantachd-san, agus an comh-chumadh iomlan sin r'a thoil a tha e 'g iarraidh, cha bhithheadh iad gu bràth air obair cho diomhain a ghabhail os làimh ri bhi smnaineachadh a choimhlionadh "mar gu'm b'ann o oibríbh an lagha;" ged a bhithreas mòran a' ceangal an dòchais ris ré ùine fhada. Bithidh iad a' gnìomhachadh, agus a' deoghal an gnìomharran; bithidh ciont as iùr a' reubadh na coguis, agus theid bréid na h-ùmhlachd g'a dheanamh suas. Bheir so tomhas de shith dhoibh car tamuill; ach an uair a thig an Spiorad a thoirt dearbh-shoilleireachd dhoibh mu fhìreantachd, tuitidh so mu'n làmhan mar an ceudna. Uime sin,—

(3.) Tha'chuis a nis air teachd a dh'ionnsuidh na h-ire so,—tha iad ag amhare orra féin anns an t-suidheachadh dà-fhillte so:—

[1.] Mar *pheacuich*, ann an làmhaibh lagh Dhé, agus fo

mhallachadh an lagha sin ; ionnus gur ni ðiomhain dhoibh sùil a bhi aca ri fabhar Dhé, am feadh a tha ni sam bith aig an lagh r'a chur as an leth.

[2.] Mar *chreutairibh* a rinneadh air son erliche spioradail agus siorrhuidh ; agus níme sin fo fhiachaibh a bhi 'freagradh inninn agus toil Dé gu h-iomlan, anns an ùmhachd sin a tha e'g iarraidh aig an lámhaibh. A nis, a'mhead 's gu'n d'rinneadh aithnichte dhoibh roimh gu'n robh an dà ni so gu h-iomlan os ceann an comasan féin, maille ris na h-uile cuideachadh air an robh iad roimh so a' socrachadh, is e an gliocas da rireadh a bhi 'seall-tuinn a mach air son fireantachd a chòmhdaicheas an lomnochd dà-fhillte so gu h-iomlan, ma's e's gu bheil an eor air son na siorrhuidheachd air dhòigh sam bith luachmhòr 'nan stílibh.

A nis, tha an dà ni so r'am faotainn a mhain anns an Tighearn Iosa Criod, neach a's e ar fireantachd. Tha an gliocas so, maille ris gach ionmhas mòr a tha ann, folaithe annsan.

Anns a' chend àite,—Tha e 'deanamh réite air son nam peacaidh-ean a ghnìomhaicheadh a cheana, tha e 'riarachadh ceartais, agus a' cosnadh maitheanas. Rom. iii. 24, 25, "Air dhoibh a bhi air am fireanachadh gu saor le a ghràs, tre'n t-saorsa a tha ann an Iosa Criod : neach a shònraich Dia 'na iobairt-réitich tre chreidimh 'na fhuil, chum thireantachd 'fhoillseachadh le maith-eanas nam peacaidhean a chaidh seachad, tre fhad-fhulangas Dé." "Chaidh sinn uile mar chaoraich air seacharan, . . . agus leag an Tighearn airson aingidheachd gach aoin againn," Isa. liii. 6. "Anns am bheil againne saorsa tre 'fhuil-san, maitheanas nam peacadh," Eph. i. 7. "Cha do chaomhain Dia a Mhae féin, ach thug se thairis e air ar son-ne uile," Rom. viii. 32. Is i so, ma seadh, ar fireantachd, eadhon so a mhain, a thaobh a' chend earrainn sin dhi a tha 'coinnh-sheasamh ann an togail air falbh eionta peacaidh gu léir, trid am bheil sinn air teachd gearr air glòir Dhé. Is ann do bhrigh so is urrainn dearbh-bheachd a bhi againn nach bi neach sam bith comasach ni sam bith a chur gu bràth as ar leth chum dìtidh, Rom. viii. 33-34,—oir cha-n'eil a nis "diteadh sam bith dhoibh-san a tha ann an Iosa Criod," rann 1. Tre iobairt so Chriosd tha sinn air ar glanadh, ionnus nach 'eil a nis againn "tuilleadh coguis air bith peacaidh," Eabh. x. 2 ; is e sin, buaireas coguis air a shon. Tha an gliocas so folaithe anns an Tighearn Iosa a mhain ; agus annsan a mhain tha réite air a foillseachadh : agus faigh dhomhsa an gliocas sin a ni am peacadh le 'uile thoraidhibh

gu léir a ghiùlain gu siorruidh as an t-sealladh, agus gabhadh an saoghal a' chuid eile. Ach,—

Anns an dara àite,—Tha tuilleadh na so air 'iarraidh ; cha-n'eil e ni's leòir gu'm bi sinn as eugmhais *cionta*, feumaidh sinn mar an ceudna 'bhi 'nar *fhìreanaibh* ;—cha-n e mhain dioladh a bhi air a dheanamh a thaobh peacaidh, feumaidh gach uile fhìreantachd a bhi air a choimhlionadh. Air do chionta peacaidh a bhi air a għlanadl air falbh, tha sinn mar mhuinntir neo-chiontach ; ach tha tuilleadh na so air 'iarraidh chum a bhi air ar meas mar mhuinntir a thug ùmhlachd. Cha-n aithne dhomh gu bheil ni sam bith a' teagasc gu'n teid neach neo-chiontach do nèamh, agus gu'm bi e air a dhuaiseachadh ann, mar 'eil aige ach a neo-chiontas. Bha Adhamh neo-chiontach 'na cheud chruthachadh, ach dh'fheumadh an lagh sin coimhlionadh 'thaotainn aig a lāmhaibh, "dean so agus mair beò," ma's b'urrainn e a dhol a steach chum na beatha ; cha robh a neo-chiontas a' toirt eòir' air bith dha air beatha. Tha so, ma seadh, a thuilleadh, air 'iarraidh, gu'm bi an lagh uile air a choimhlionadh, agus an ùmhlachd sin gu léir a tha Dia ag iarraidh aig ar lāmhaibh air a gniomhachadh. Is i so dara ceisid an anama, do nach 'eil e 'faotainn fuasglaidh ach a mhain ann an Criod : "Oir ma's e air bhi dhuinn 'nar naimhdibh gu'n d'rinneadh réidh ri Dia sinn tre bhàs a Mhic ; is mò gu mòr, air dhuinn a bhi air ar deanamh réidh, a shaorar tre a bheatha sinn," Rom. v. 10. Tha sinn air ar deanamh réidh tre a bhàs, agus air ar saoradh tre a bheatha. Is i an dearbh ùmhlachd sin a thug e do lagh Dhé an fhìreantachd sìn trid am bheil sinn air ar saoradh ; ma's e 's gu faighear annsan sinn, gun ar fireantachd fèin againn a tha o'n lagh, ach an fhìreantachd sin a tha tre chreidimh Chriosd, an fhìreantachd a tha o Dhia tre chreidimh, Phil. iii. 9. Bithidh aobhar againn so a thoirt fainear a rìs an déigh so.

Gu bhi pilleadh, ma seadh : Tha sinn a' saoilsinn nach bi e 'na ghnothach doirbh a bhi 'eur impidh air daoinibh air an deachaidh siorruidheachd agus breitheanas a chum teachd a dhearbhadh, gu bhi 'creidsinn gu bheil am priomh ghliocas a' luidh ann a bhi 'faotainn a mach fireantachd a dh'fhanas maille riu gu bràth, agus a sheasas dearbhadh geur-cheartais Dé fèin. A nis, cha-n'eil ann an uile ghliocas an t-saoghail gu léir ach amaideachd a thaobh a bhi 'faotainn so a mach. Is e an ceum a's àirde a bheir ghliocas dhaoine, gu'm faigh iad a mach dòighean truagh, agus doilgheasach, agus buaireasach, air iad fèin a

sgrios gu siorruidh. Tha ionmhasan a' ghliocais so folaichte ann an Criosd, neach a "rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas agus 'na fhireantachd," 1 Cor. i. 30.

3. Is e an treas ni air am bheil an Spiorad a' toirt dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal *breitheanas*; air nach 'eil sinn gu leudachadh. Tha fior ghliocas an ni so mar an ceudna folaichte ann an Criosd; tha sinn a' ciallachadh, gu sònruiechte, am breitheanas sin a tha chum teachd : is e sin an seadh anns am bheil sinn a' gabhail an fhocail aig an àm. Tha cùisean coimh-cheangailte ris d'ar taobh air nach 'eil sinn gu labhairt; is e ùghdarras a' bhreitheanas air cloinn nan daoine a tha aig freumh an eadar-dhealachaidh sin a tha iad comasach a chur eadar iad féin agus na h-ainmhidhibh a tha 'bàsachadh. Cha mhò na sin a tha sinn gu labhairt air na sanasaibh doreh' a tha air an tabhairt d'a thaobh, o oibribh an fhreasdail ann an riagh-ladh an t-saoghal; no am barrachd soluis sin air a tha 'dealradh ann am bagraidhibh agus ann an geallaidhibh an lagha. Tha gliocas an fhoillseachaidh so folaichte ann an Criosd a thaobh dà ni :—(1.) A thaobh *dearbh-chìnnte* a' bhreitheanas. (2.) A thaobh a *dhòigh* :—

(1.) A thaobh a *dhearbh-chìnnte*; tha so air a dhaingneachadh ann agus tre Chriosd le dà ni :—[1.] Le a *bhàs*. [2.] Le 'aiseirigh' :—

[1.] Le a *bhàs*. Air do Dhia, ann am bàs Chriosd, am peacadh a dhíeadh agus a pheanasachadh ann an corp feòla a Mhic féin, 'am fiannis dhaoine, agus aingeal, agus dheimhan, thug e ann an sin dearbhadh neo-mhearachdach air ceart bhreitheanas choitchionn a bhi chnm teachd; oir ciod an t-aobhar eile a's urrainn a bhi air a smuaineachadh air son gu'n leagadh Dia a shamhuil sin de uallach air, ach gu bheil là a' teachd anns am feum clann nan daoine cunntas a thabhairt as an oibre, as an slighean, agus as an imeachd 'na fhianuis. *Ann am bàs Chriosd tha eisempleir ro chomharaichte againn de'n bhreitheanas dheireannaich.* Iadsan a dh'aidicheas esan mar Mhae Dhé, cha-n aicheadh iad breitheanas a chum teachd.

[2.] Le 'aiseirigh'. Gníomh. xvii. 31, "Thug e dearbhadh do na h-uile" air an ni so, le bhi togail suas Chriosd o na mairbh, air dha 'bhi air 'òrduchadh leis 'na bhreitheamh air na h-uile; oir annsan agus tridsan bheir e breth air an t-saoghal ann am fireantachd. Agus 'an sin,—

(2.) A thaobh *dòigh* a' bhreitheanas; bithidh e tridsan a ghràdhhaich sinn agus a thug e féin air ar son,—neach a's e ann

féin an fhìreantachd sin a dh'iarras e aig ar làmhaibh ; agus, air an taobh eile, bithidh e trid-san a bha air a mhaslachadh, air a dhàimeas, agus air a chur air chùl le daoinibh an t-saoghal,' na phearsa, 'na ghràs, 'na shlighibh, 'na aoradh, agus 'na sheirbhisich ;—ni a tha 'na thobar sòlais air an dara làimh, agus 'na aobhar eagail agus uamhuinn air an làimh eile : ionnus gu bheil gliocas an fhoillseachaidh so mar an ceudna folaithe ann an Criod.

Is i so, ma seadh, an dara earrann de ar ceud choimh-dhearnabhadh. Tha e soilleir, a nis, nach e tomhas beag de ar gliocas a tha 'coimh-sheasamh ann an èolas 'fhaotainn oirnn féin a thaobh ar crich' dheireannaich. Agus is iad na nithe a's eud-thromainch anns an èolas sin, peacadh, fìreantachd, agus breith-eanas ; a tha gu léir folaithe, a thaobh gliocais an èolais a tha r'a fhaotainn orra, ann an Criod a mhain : an ni ceudna a bha r'a dhearbhadh.

III. Is i an treas earrann de ar gliocas a bhi 'g imeachd maille ri Dia. A nis, tha sè nithe feumail chum aoin neach a bhi 'g imeachd maille ri neach eile :—1. Comh-chòrdadh. 2. Èòlas. 3. Slighe. 4. Neart. 5. Dànachd. 6. Aon chrìoch.

1. Comh-chòrdadh. Tha am faidh ag innseadh dhuinn nach urrainn dithisimeachd le 'chéile mar bi iad réidh, Amos iii. 3. Guis am bheil comh-chòrdadh ann, cha-n urrainn comh-chomunn a bhi ann, noimeachd maille r'a chéile. Am feadh a tha an duine ann an staid nàduir, tha an naimhdeas a's mò eadar e féin agus Dia. Cha-n 'eil e a' labhairt ni sam bith ruinn anns an staid sin ach feirge, Rom. i. 18 ; agus do bhrigh sin tha clann na feirge air a thoirt mar ainm dhuinn ; is e sin, tha sinn air ar breith fo'n fheirg, agus buailteach dhi, Eph. ii. 3 : agus am feadh a tha ar còmhnuidh ann, tha "fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh oirnn," Eoin iii. 36. Tha na h-uile foillseachadh a tha Dia a' tabhairt dheth féin duinn anns an staid sin a' eur an eáil gu bheil e air a bhrosnachadh air dhòigh do-labhairt ; agus, uime sin, ag ullachadh feirge fa chomhair là na feirge, agus foillseachaidh ceart-bhreitheanais Dé. Goirear de'n là anns an coinnich e féin agus peacaich "là na feirge," Rom. ii. 5, 6. Cha mhò na sin a tha sinne air dheireadh ann ar naimhdeas an aghaidh Dhé ; seadh, is ann againn a thòisich e, agus is ann againn a bhithreas am focal mu dheireadh ann. Tha an t-abstol, ann an 'eur seanachais air an naimhdeas so, ag innseadh dhuinn gu bheil ar dearbh inntinnean, a' chuàd sin a's barraichte dhinn, "na naimhdeas an aghaidh Dhé," Rom. viii. 7, 8 ; agus mar nach 'eil, is amhail sin nach bi, agus nach comasach dhuinn a

bhi, ùmhal da; tha ar naimhdeas 'ga nochdadhl fén ann an ceannaire choitchionn 'na aghaidh; ciod air bith ris an cuir sinn ar làmhain air am bi coslas eile, cha bhi ann ach miodal chealgach; seadh, is earrann de'n naimhdeas so a bhi 'ga dheanamh fén ni's lughna na tha e. Anns an staid so, ma seadh, feumaidh e'bhi gu bheil gliocas so ar n-imeachd maille ri Dia gu h-iomlan air falbh o'n anam. Is "solus Dia, agus maille ris cha-n 'eil dorchadas air bith;" tha sinne 'nar dorchadas, agus maille ruinn cha-n 'eil solus air bith. Is "beatha" Dia, an "Dia beò;" tha sinne marbh, 'nar peacaichi mharbh,—marbh ann an eucartaibh agus ann am peacaidhbih. Is "naomhachd" Dia, glòrmhor ann an naomhachd; tha sinne gu h-iomlan air ar trnailleadh,—'nar ni gràineil. Is "gràdh" Dia; tha sinne làn fuatha,—fuath thoillteannaich a' tabhairt fuatha. Gu einteach cha-n 'eil stéidh comh-chòrdaidh ann an so, no imeachd chairdeil maille r'a chéile: eha chomasach do ni a bhi ni's thaid air falbh uaith na'n eor co. Tha stéidh a' chomh-chòrdaidh so, ma seadh, air a leagadh ann an Criosd, tha e folaithe ann-san. "Is esan," deir an t-abstol, "ar sìth-ne;" rimeadh sìth leis air ar son, Eph. ii. 14, 15. Mharbh e an naimhdeas 'na chorp fén air a chruinn, rann 16.

(1.) Tha e 'toirt air falbh *fàth na h-aimhreite* a bha eadar Dia agus sinne,—eadhon am peacadh agus mallachadh an lagha. Tha e 'eur eriche air lochlán, agus sin le réite 'dheanamh air son aingidheachd, Dan. ix. 24; agus tha e 'dubhadh a mach làmh-sgrìobhaidh nan òrduighean, Col. ii. 14, 'gar saoradh o'n mhallaichadh, le "bhi air a dheanamh 'na mhallaichadh air ar son," Gal. iii. 13.

(2.) Tha e 'ga chlaoidh-san leis am bu mhiann an naimhdeas a chumail suas, agus am briseadh a chur 'am meud, Eabh. ii. 14, "Tre'n bhàs chlaoidh e esan aig an robh cumhachd a' bhàis, is e sin, an diabhal;" agus "chreach e uachdaranaachdan agus cumhachdan," Col. ii. 15.

(3.) Rinn e "réite air son pheacaidhean an t-sluagh," Eabh. ii. 17; rinn e réite ri Dia le 'thuil fén, chum a bhi tionndadh air falbh na fèirge sin a thoill sinne, mar sin a' deanamh sìthe. Uaith so, tha "Dia a nis ann an Criosd, a' deanamh an t-saoghalil réidh ris fén," 2 Cor. v. 19;—air do Dhia fén a bhi air a dheanamh réidh, rann 18, tha e 'cur an naimhdeis air chùl air a thaobh-san, agus a' dol 'an ceann a mharbhadh air ar taobh-ne, ionnus gu'm bitheamaid-ne air ar deanamh réidh mar an ceudna. Agus so,—

(4.) Tha e 'deanamh ; oir, Rom. v. 11, "Tre ar Tighearn Iosa Criosd tha sinn a' faotainn an réite," a' gabhail na sìthe o làimh Dhé, agus a' leagadh sios ar naimhdeis 'na aghaidh ; mar sin a' daingneachadh a' chomh-chòrdaidh air gach taobh ann am fuil Chriosd : ionnus gu bheil a nis "slighe againn trid-san gu dhol a steach tre aon Spiorad chum an Athar," Eph. ii. 18. A nis, tha gliocas a' chomh-chòrdaidh so, as eugmhais nach urrainnimeachd a bhi againn maille ri Dia, folaichte gu léir ann an Criosd ; a mach á Criosd tha Dia air a thaobh féin 'na theine dian-loisgeach,—tha sinne mar asbhuin sheargta, gidheadh 'g ar cur féin ann an òrdugh catha ri aghaidh an àmhuinn théinnteich so : ma's e's gu'n coinnich sinn tha sinn air ar caitheadh as. Cha-n'eil ann an teachd am fagus do Dhia a mach á Criosd ach call siorruidh ; 's ann a mhain anns an fhuil a tha an comh-chòrdadh a' faotainn coimhlionaidh. Agus na bitheamaid a' smuaineachadh gu'n do ghabh sinn ceum rìamh maille ri Dia 'na shlighibh, no gu bheil aon dleasannas gabhta leis, agus nach call na h-nile ni a thaobh na siorruidheachd, mar 'eil iad deanta ann agus air sgàth fola Chriosd.

2. Tha *eòlas* mar an ceudna feumail chum a bhi 'g imeachd maille r'a chéile ann an comh-chàirdeas. Feudaidh dithis coinneachadh air an aon slighe gun naimhdeas no connsachadh air bith a bhi eatorra ; ach ma's coigrich iad d'a chéile, gabhaidh iad seachad as eugmhais comh-chomuinn air bith. Cha-n fhoghain gu'm bitheadh an naimhdeas eadar Dia agus sinne air a mharbhadh ; feumaidh sinn mar an ceudna eòlas fhaotainn air. Tha ar n-aineolas air Dia a' deanamh suas earrainn mhòr de ar naimhdeas 'na aghaidh. Tha ar tuigse air a "dorchachadh," air dhuiinn a bhi 'nar "coimhich do bheatha Dhé, thaobh an aineolais a tha annainn," Eph. iv. 18. Feumaidh eòlas, ma seadh, a bhi ann, ma thig sinn gu bràth gu bhi 'g imeachd maille ri Dia, ni a's e ar gliocas. Agus tha so mar an ceudna folaichte ann an Criosd, agus a' teachd a mach uaith-san. Tha e flor gu bheil iomadh meadhon eile, mar a tha focal agus oibre Dhé, a thug e do chloinn nan daoine, chum a bhi 'ga fhoillseachadh féin doibh, agus tomhas eòlais a thoirt dhoibh air, chum, mar a tha an t-abstol a' labhairt, Gniomh. xvii. 27, "gu'n iarradh iad an Tighearn, a dh'fheuchainn an tarladh dhoibh le mion-rannsachadh, gu'm faigheadh iad e ;" ach mar a tha an t-eòlas sin a tha r'a fhaotainn air Dia na oibríbh gle dhorch agus neo-fhoirfe, mar

sin, do bhrigh ar doille, cha-n'eil còlas litreach an fhocail air Dia na eòlas teàrnaidh, ma tha sinn as eugmhais cuideachaidh eile ; oir ged a tha am focal 'na sholus dealrach mar sholus na gréine, gidheadh ciod an tairbhe 'bhitheas ann, ma tha sinn gun suilean a chi e ?—uime sin, cha-n'eil e comasach dhuinn eòlas 'fhaotainn air annta a bheir sinn gu bhi 'g imeachd maille ris. Tha so folaichte anns an Tighearn Iosa, agus a' teachd a mach uaith, 1 Ecin v. 20, "Thug e tuigse dhuinn, chum gu'm bitheadh aithne againn air-san a tha fior ;"—cha bhi tairbhe dhuinn ann an solus air bith eile as eugmhais tuigse 'fhaotainn uaith-san. Is esan an Solus fior, a tha 'soillseachadh nan uile dhaoine a tha air an soillseachadh, Eoin i. 9. Tha e fosgladh ar tuigse chum gu'n tuigeamaid na Sgriobtuirean, Lucas xxiv. 45 ;—"cha-n fhaca neach air bith Dia rìamh, an t-aon-ghin Mic, a tha ann an uchd an Athar, is esan a dh' fhoillsich e," Eoin i. 18. Tha Dia " 'chòmhnuidh anns an t-solus sin 'dh 'ionnsuidh nach feudar teachd," 1 Tim. vi. 16. Cha d' fhuair neach rìamh eòlas air ann an rathad a bhi 'faicinn Dhé, ach tre fhoillseachadh Iosa Criod. Agus, uime sin, tha e 'g innseadh do na Phairisich, ged a bha iad a' saoilsinn gu'n robh eòlas mòr ac' air, "nach enala iad rìamh a ghuth, ni mo a chunnaic iad a choslas," Eoin v. 37. Cha robh eòlas spioradail sam bith aca air, ach bha e dhoibh mar dhuine nach fhaca agus mu nach enala iad rìamh. Cha-n'eil eòlas r'a fhaotainn air Dia, mar ghràdh, agus mar a tha e làn caoimhneis, agus foighidin, agus gràis, agus tròcair (an t-eòlas sin air a mhain a bheir sinn gu bhi 'g imeachd maille ris), ach ann an Criod a mhain ; mar a thug sinn a cheana fainear. Tha an glicias so, ma seadh, mar an ceudna folaichte ann-san.

3. Os bàrr, feumaidh *slighe* a bli ann anns am bi ar n-imeachd maille ri Dia. Chomharaich Dia slighe dhuinn air tùs anns an imicheamaid maille ris, eadhon slighe na neo-chiontais agus na naomhachd iomlain, ann an coimhcheangal nan oibre. Tha an t-slighe so a nis air dùnadhl suas tre'n pheacadhl le drisibh agus droighionn, agus air a druideadh le mallachdaibh agus feirg, ionnus nach urrainn feòil troidh a għluasad innt ; feumaidh *slighe nuadh* a bhi air a faotainn a mach air ar son, ma's e 's gu bheil smuaintean againn mu aon cheum comh-chomuinn a' mhealtuinn gu bràth maille ri Dia. Tha so mar an ceudna a' toirt ionmhais sin a għliocais a ris r'ar n-agħaidh. Tha e folaichte ann an Criod. Cha-n'eil e 'an comas an t-saogħail gu léir slighe 'fhaotainn a mach anns an gluais duine,

aon cheum maille ri Dia, ach *ann-san* agus *trid-san* a mhain. Agus uime sin, tha an Spiorad Naomh ag ràdh, gu'n d' rinn Criosc "slighe nuadh agus bheò" a choisrigeadh dhuinn do'n ionad a's naoimh, chum na crìche so, Eabh. x. 20; slighe nuadh oir bha an t-seann slighe gun fheum; slighe bheò, oir tha an t-slighe eile marbh: uime sin, tha e 'g ràdh, rann 22, "Thig-eamail am fagus;" air dhuinn slighe 'fhaotainn anns an imich sinn, thigeanaid am fagus. Agus cha shlighe air bith eile so a rinn e 'ullachadh ach e féin, Eoin xiv. 6. Mhar fhreagradh dhoibh-san leis am bu mhian teachd a dh' ionnsuidh an Athar, agus comh-chomunn 'fhaotainn ris, tha e 'g innseadh dhoibh, "Is mise an t-slighe; agus cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa." Is esan *meallhon* a' chomh-chomuinn a tha eadar Dia agus sinne. Annasan tha sinn a' coinneachadh, annsan tha ar n-imeachd. Tha feartan gràidh, agus caoimhneis, agus tròcair o Dhia a' teachd d' ar n-ionnsuidh trid-san; agus tha uile chleachdailhean ar n-anama, ann an gràidh, ann an tlachd, ann an creidimh, ann an tòmhlaichd, ag ath-philleadh mar an ceudna trid-san a dh' ionnsuidh Dhé. Is esan an "t-aon slighe" sin a gheall Dia cho tric d' a phobull féin: slighe ghlòrmhor, Isa. xxxv. 8,— "rathad mòr;" "slighe na naomhachd;" slighe anns nach teid na daoine baoghalta air seacharan; a tha mar an ceudna air a cumail a mach ann an Isa. xlvi. 16. Tha na h-uile slighe eile a' treòrachadh air falbh o Dhia, eadhon sios a dh' ionnsuidh seòmraichean a' bhàis.

4. Ach feudar so uile a smuaineachadh,—comh-chòrdadh a bhi deanta, eòlas air 'fhaotainn, agus slighe air a h-ullachadh; gidheadh mar 'eil *near* againn a dh' imicheas innte, tha e uile gun tairbhe dhuinn. Feumaidh so, ma seadh, a bhi air 'fhaotainn mar an ceudna; tha sinn annainn féin gun neart, Rom. v. 6,—aircleich thruagha gun treòir, gun chomas céim a ghabhail ann an slighibh Dhé. 'Nuair a chuirear anns an t-slighe sinn, tha sinn aon chuid 'gar tilgeadh féin gu tuisleach sios, air neo tha buairidhean ribeachail a' glacadh ar céim, agus a' eur moille air ar triall: agus tha an Tighearn Iosa ag innseadh dhuinn gu soilleir, "As m' eugmhais-sa cha-n urrainn sibh aon ni a dheanamh," Eoin xv. 5; aon ni a bhitheas gabhta le Dia cha-n'eil 'nar comas. Cha mhò a tha e'n comas nan uile chreutairean air nèamh no air thalamh an cuideachadh a's lugh a thoirt duinn. Feudaidh daoine 'bhi 'g oidhirpeachadh so a dheanamh 'nan neart féin, ach thig e gu neo-ni. Tha a' chuid so de'n ghliocas so mar an ceudna folaithe ann an Criosc.

Tha ar neart gu léir ann animeachd maille ri Dia a' teachd uaith-san. "Is urrainn mi na h-uile ni a dheanamh tre Criosd, a neartaicheas mi," deir an t-abstol, Phil. iv. 13, neach mar an ceudna a tha 'g ràdh, "Cha'n-eil sinn foghainteach uainn féin chum ni sam bith," 2 Cor. iii. 5. Sinne 'tha annainn féin 'nar spreobchainibh dhíblidh, gun chomas ni air bith; ann an Iosa Criosd tha sinn mar ghaisgich threuna a' buadhachadh anns na h-uile ni; seadh, annsan "tuilleadh agus 'nar luchd-buaidh" os ceann na h-uile nàmhaid anns an t-slighe, Rom. viii. 37; agus sin do bhrigh a bhi 'faotainn "as a lànachd-san agus gràs airson gràis," Eoin i. 16. Uaith-san tha Spiorad na beatha agus a' chumhachd againn, leis am bheil e 'gar giùlan, mar air sgiathraigheas iolaire móire, gu lùthmhòr, tèaruite, ann an slighibh ar n-imeachd maille ri Dia. Ceum air bith a tha air a ghabhail ann an slighe air bith, le neart eile nach 'eil air 'fhaotainn o Chriosd, is ceum sin a dh' ionnsuidh na h-ifrinn. Tha e 'gar ghabhail an toiseach air làimh agus a' teagasg imeachd dhuinn, gus an dean e ar treòrachadh a dh' ionnsuidh iomlanachd. Tha bainne aige agus biadh làdir chum ar beathachadh; tha e 'gar neartachadh gu treun, agus a' fantuinn maille ruinn ann an ruith na réise 'chuireadh romhainn. Ach,—

5. Cionnus a ghabhamaid an *dànochd* so ann animeachd maille ri Dia; eadhon ar Dia-ne, a tha "na theine dian-loisgeach?" Eabh. xii. 29. Nach ro a samhuil sin de gheilt air a phobull féin o shean, as gu'n robh e air a bhreithneachadh leò gu'n rachadh as doibh nam faiceadh an stùilean Dia? Cionnus a smuainicheas neach, ach le h-uamh-chrith, air an fhoillseachadh eagalaich a thug e dhoibh air féin air béinn Shinai; gus am b'èigin do Mhaois féin, neach a b' eadar-mheadhonair dhoibh, a ràdh, "Tha eagal ro mhòr agus crith orm?" Eabh. xii. 21, agus thubhairt an sluagh uile, "Na labhradh Dia ruinn, air eagal gu'm faigh sinn bàs," Eesod. xx. 19. Seadh, ged a robh measrachadh aig daoinibh air a mhaiteas, agus air a chaoimhneas, gidheadh, air d'a ghlòir a bhi air a foillseachadh, cionnus a tha iad a nis air an glacadh 'an iongnadh, agus 'an uamhunn, agus 'an crith! Nach b'ionann as sin suidheachadh nan naomh a bu bharraichte? Hab. iii. 16; Isa. vi. 5. Cia uaith, ma seadh, a ghabhamaid-ne an *dànochd* so d'ar n-ionnsuidh féin, ann a bhi 'g imeachd maille ri Dia? Tha an t-abstol a' freagradh, Eabh. x. 19; eadhon "tre fhuil Iosa :" mar sin mar an ceudna, Eph. iii. 12, "Anns am bheil againne *dànochd* agus slighe gu dol a steach ann am muinghin;"—cha-n ann a' seasamh fad' as mar

na slòigh aig tabhairt an lagha, ach a' tarruing am fagus do Dhia le dànanachd ; agus sin air an aobhar a leanas,—Thàinig eagal agus uamhunn roimh Dhia a steach tre'n pheacadh ; cha do smuainich Adhamh e féin 'fholach o Dhia gus on do pheacaich e. Air do *chionta* peacaidh a bhi air a choguis, agus air do *bhreithneachadh nàdurra* 'bhi aig daoinibh a thaobh Dhé mar fhear-dìolaidh fireanta peacaidh ; tha so a' lionadh dhaoine le h-eagal agus uamhunn roimh a làthaireachd, mar gu'm bitheadh e air teachd a thogail am peacaidhean 'an cuimhne. A nis, tha'n Tighearn Iosa air toirt air falbh na coguis pheacaidh so, tre'n lobairt-reítich a thug e suas ; is e sin, thug e air falbh eagal dioghaltais o laimh Dhé do bhrìgh na cinota. Thug e claidheamh casgraiddh an lagha as an rathad, agus mar sin a' frithealadh dànanachd mhòir oirnn maille ri Dia ; tha e 'ga fhoillseachadh dhuinn a nis, cha-n ann mar Bhreitheamh diogh-altach, ach mar Athair truacanta, agus tràcaireach, agus réidh. Agus do bhrìgh gu bheil sinn gu nàdurra air ar cuibhreachadh le spiorad daorsa, a tha 'gar lionadh le h-eagalaibh imcheisteach do-àireamh, tha e 'ga thoirt air falbh, agus a' suidheachadh 'nar n-uchd "Spioraid na h-uchd-mhacachd, tre'n glaodh sinn, Abba, Athair," chum sinn féin a ghiùlan ann am muinghin agus ann an dànanachd ghràsmhor iomchuidh do chloinn : oir "far am bheil Spiorad an Tighearna, tha saorsa an sin," 2 Cor. iii. 17 ; is e sin, saorsa o'n uamhunn agus o'n eagal sin uile a bha ann an comh-chuideachd frithealaiddh an lagha. Agus a nis, mar nach 'eil peacadh eile air an dean Dia dioghaltas ni's eagalaiche na air an dànanachd ladarna sin a bhitheas daoine cleachdadadh d'a thaobh a mach á Criod ; is amhuil sin nach 'eil gràs eile a tha ni's taitniche leis na an dànanachd ghràsmhor sin a tha e frithealadh oirnn ann am fuil Iosa. Agus mar sin,—

6. Cha d' fhagadh dhuinn a nis ach aon ni eile r'a ainmeachadh ; agus is e sin, nach urrainn dithis imeachd cuideachd mar 'eil iad a *dh'aon* rùin, agus an aon chrìoch ac' anns an amhare. Ann am focal, tha so mar an ceudna air a bhuleachadh oirnn anns an Tighearn Iosa. Is i crìoch Dhé anns na h-uile ni a bhi 'g àrlachadh a ghliòire fèin ; agus cha-n'eil e comasach do neach air bith a' chrìoch so a bhi aige anns na h-uile ni, ach a mhain ann an Criod. Is i suim an iomlain, ma seadh, gu bheil gliocas ar n-imeachd maille ri Dia folaithe gu léir ann an Criod, agus naithsan a mhain r'a fhaotainn ; mar a thug sinn fainear ann an eisampleiribh eadar-dhealaichte.

Tha sinn a nis air ar ceud choimh-dhearbhadh a chrìoch-

nachadh, le bhi 'nochdadadh gu bheil na h-uile fior ghliocas agus eòlas taisgte suas ann an Criosc, agus air am frithhealadh a mach leis; agus sin ann ans ionradh a thugadh air na priomh nithibh sònruichte sin anns am bheil ar gliocas air gach làimh a' coimh-sheasamh. Tha aon choimh-dhearbhadh eile r'a thoirt fainear gu h-aithghearr.

Bithidh an fhìrinn so air a deanamh soilleir, *anns an dara àite*, le bhi 'beachdachadh air *neo-fhoghainteachd* agus diomhanas na h-uile ni eile a dh' fheudas a bhi 'giùlan ainm gliocais.

Tha dà ni anns an t-saoghal a tha gu coitchionn a' dol fo'n ainm sin:—1. *Fòghlum* no *oilean*; eòlas ealanta ann an innleachd-aibh, agus ealaidhibh, agus theangaibh, maille ri eòlas ann an nithibh a chaidh seachad. 2. *Crònntachd* agus *seòltachd* ann an riaghladh ar gnothaichean féin a thaobh mhuinnitir eile, chum maith coitchinn a' mhòr-shluaign; ni a's e am blàth a's maisiche tha fas 'an taobh a stigh de chriochaibh gàraidh nàduir. A nis, a thaobh an dà ni so, ni sinn gu h-aithghearr a dhearbhadh,—(1.) Gu bheil iad gu h-iomlan *neo-fhoghainteach* air son a bhi coimhlionadh nan crìochan sin chum am bheil iad air an comharachadh. (2.) Nach 'eil e 'nan comas, eadhon ann an comh-bhoinn, agus air an leasachadh gus a' cheum a's àirde, a theachd suas ri fior chrìch choitchionn a' ghliocais: dà bheachd a chuireas an crùn fa dheòidh air ceann an Tighearn Iosa Criosc:—

1. Gu bhi tòiseachadh, ma seadh, leis a' cheud ni dhiubh so, agus sin a thaobh a' cheud ni sònruichte a th'ann. Cha-n'eil *fòghlum* ann féin, ged a robh e uile ann an aon duine, comasach a theachd suas ris a' chrìch sin air son am bheil e air a chomh-arachadh; ni a tha sgrìobhadh "diomhanas agus cràdh spioraid" air 'an clàr na h-eudain.

Is i crìoch àraidh an *fhòghluim* a bhi 'togail air falbh ni-éigin de'n mhallachadh a tha air teachd oirnn tre'n pheacadh; ged nach 'eil a' chrìoch so air a toirt fainear le mòran, do bhrigh sùilean dhaoine a bhi air an sudheachadh air crìochaibh elao, agus mar sin a' siubhal gu h-iomrallach o na chrìch dhìreach. Is e a th'anns an *fhòghluim*, ma seadh, toradh gleachd an anama ris a mhallachadh a thàinig air do bhrigh peacaidh. Bha Adhamh, 'na cheud chruthachadh, air uidheamachadh gu coimhlionta leis an eòlas sin gu léir air am bheil sinne nis an tòir, anns an tomhas sin anns am bheil e comh-chuideachadh teachd suas an duine a dh'ionnsuidh àird chrìch a chruthachaidh. Cha robh,

gu cinnteach, eòlas aige air nithibh nach robh fathast ann am bith, aon chuid annta féin, no anns na h-aobhairibh nàdurra o'n d'eirich iad, mar a tha na *cainntean* eadar-dhealaichte anns an t-saoghal, agus gnìomharan ionadach dhaoine, a dh'fheudar aithris ann an eachdraidh gach cinneach. Cha robh cumhan-nachd air bith 'na thugse, no idir dorchadas ,a dh'aobharaicheadh coimh-ghleachd na h-inntinn chum a bhi leasachadh nam beachd-an eoitchionn a bha aige air nithibh. Tha e soilleir gu'n robh eòlas coimhlionta aige air a' chruthachadh nàdurra, o na h-ainmibh freagarrach a thug e do na h-nile chreutairibh, ged a tha aobhairean a' chuid a's mò dhuibh a nis air chall oirnn; tha e soilleir mar an ceudna o dheadh theisteas nan Sgriobtuirean air an aimmeachadh a rinn e air gach ni, agus o làn fhreagarrachd nan ainmean sin a tha fathast so-thuiginn dhuinne. Bha so soilleir do chuid de na Cinnich féin, air do neach dhiubh a ràdh, Gu'n robh esan barraicht' ann an gliocas a thug air tùs ainmean do nithibh; seadh, gu'n robh a ghliocas os ceann gliocais dhaoine. Nam bitheadh uile dhaoine glie an t-saoghal air an comh-chruinneachadh r'a chéile, chum an sgil agus am fòghlum a chur air dlearbhadh, ann an toirt ainmean do gach creutair beò, a bhitheadh coimh-fhreagarrach do gach nàdur fa leth a bha aca, agus a bhitheadh a' giùlan seadh gach gnè fa leth, bhitheadh e gu h-aithghearr air 'fhaicinn ciod an dorchadas a thàinig orra. Rinneadh Adhamh *coimhlionta* air son na crìche dà-fhillte sin, a bhi riaghlaidh nan crentairean agus a bhi beò do Dhia; ni nach b' urrainn e a dheanamh, mar bitheadh eòlas aige air nàdur nan crentairean agus air toil Dé. Air do na h-uile ni de so a bhi air a chall tre'n pheacadh, agus air do theangaibh a bhi air an lionmhoireachadh mar bhreitheanas air ecannaire Bhàbel, is i erloch an fhòghluim gu léir a bhi 'fuasgladh an anama o chuibhrichibh dorchadais agus aineolaist so a' pheacaidh. Tha baoghaltachd agus doille air teachd air an tuigse ; tha eòlas air oibrigh Dhé, araon spioradail agus nàdurra, air a chall ; tha cinneach 'na bhorb-choigreach do chinneach, tre lionmhoireachd theangan ; tha iorghnill agus boile air glacadh miannan agus aignidhean na h-inntinn, a tha nise claoen-blàireitheadh, dorch,—agus so uile air teachd oirnn tre'n pheacadh. A nis, is e rùn agus erloch an fhòghluim a bhi saoradh na h-inntinn o bhaoghaltachd agus o sheacharan breith-neachaidh,—eolas 'fhaotainn air ais air oibrigh Dhé, agus an t-anam fhuasgladh o thoraidhibh a mhallaichaidh sin a leagadh air ann an lionmhoireachd theangan. Is i so, ma seadh, a' chrioch

àraidh sin chum am hheil e' ga shìneadh féin ; agus esan aig am bheil cròch eile anns an amhare d'a thaobh, tha e ruith gu diomhain an déigh ni nach glac e. A nis, gun a bhi 'leudachadh air an diomhanas agus air a' chràdh spioraid, maille ri uile do-àireamh eile, a tha coimhcheangailte ris an t-saothrachadh so, 'se so a mhain na their sinn, nach 'eile e air dhòigh sam bith foghainteach dheth féin chum na crìche sin a choimhlionadh a chuireadh air thoiseach air, ni a tha sgrìobhadh diomhanais air 'an clàr na h-eudain ann an litrichibh nach gabh dubhadh a mach. Chum so a chur 'an solus bheir sinn fainear an dà ni so a leanas :—

(1.) Gu'n robh an *t-eòlas* sin a chaill sinn, agus a tha'm fòghlum ag oidhirpeachadh a dheanamh suas, air a bluileachadh oirnn air tùs chum ar *n-imeachd* maille ri Dia, a thaobh na crìche *spioradail* agus siorruidh sin chum an robh an duine air a chomharachadh. Oir air bhi dha air 'uidheamachadh leis gach feart èolais, thugadh dha mar an ceudna lagh beath' agus bàis, chum gu'm bitheadh fios aige c' arson a fhuaire e iad. Uime sin, bha eòlas annsan air a dheanamh spioradail agus air a naomhachadh : bha eadhon an *t-eòlas* nàdurra sin a bha aige air a dheanamh *spioradail*, a thaobh a fhreumh' ann féin, agus a thaobh na crìche sin a chuireadh air thoiseach air.

(2.) Gur e *call* an èolais so earrann de'n mhallaichadh a thàinig oirnn air son a' pheacaidh. Ciod air bith ni anns am bheil sinn a nis a' teachd gearr air staid a' cheud duine roimh dha tuiteam, aon chuid ann an *call* a *mhaith* a bha aige, no ann am faotainn an *uile* o'n robh e saor, tha e gu léir mar thoradh a' mhallaichaidh a luidh oirnn tre'n pheacadh. Os barr, tha'n doille, agus an t-aineolas, agus an dorchadas, agus am bàsmhorachd sin a tha anns gach àite air an cur as ar leth ann an staid nàduir, a' filleadh suas annta an ni sin mar an ceudna air am bheil sinn a' labhairt.

Tha e soilleir, uime sin, o'n dà bheachd so, nach 'eil am fòghlum air dhòigh sam bith comasach dheth féin a' chròch sin a choimhlionadh a chuireadh air thoiseach air. Oir,—

[1.] Cha'n-eil an solus sin a tha air 'fhaotainn leis air a dheanamh anns an tomhas a's lugha 'na sholus *spioradail*, no idir 'gan deanamh-san aig am bheil e comasach a bhi beò do Dhia, agus maille ri Dia, mar air tùs ; agus a thaobh an t-soluis a th'ann, tha fios aig an Tighearn cia cho beag, *cia cho anmhunn*, *cia cho doilleir*, *cia cho mi-ionlan*, *agus cho neo-shuidhichte as a ta e ann* féin, seadh, nach 'eil ann gu tric ach daoine a bhi

ni's comasaiche da thrid air connsachadh agus aimhreite a dhusgadh suas, a chriochnaicheas iomadh uair ann a bhi 'gan cur 'an amhaichibh a chéile, chum maslaidh reusoin nàdurra fèin : tha e gu h-ionlan 'an taobh thall d'a chomas daoine a thoirt gu bhi 'g imeachd maille ri Dia. Tha an t-abstol a' toirt dearbh-chinnte dhuinn gu bheil an ceum a's àirde 'na chomas a' fagail dhaoine ann an dorchadas agus amайдеas a thaobh na críche so, Rom. i. 21, 22. Cò aig nach 'eil fios air sgrùedadh fòghlumta nam feallsanach o shean, maille ris gach deasboireachd innleachdach, agus reusonachadh geur-thuigseach anns an robh iad air an cleachdadadh ? Ciod air an d' ràinig iad a thaobh an ni air am bheil sinn a' labhairt ? "Rinneadh amadain diubh," deir an t-abstol. Tha abstol eile mar an ceudna ag innseadh dhuinn gur e an Tighearn Iosa a mhain an "Solus fior" sin a tha 'gar soillseachadh, Eoin i. 9. Agus cha-n'eil an tomhas a's lugha de'n fhìor sholus aig neach sam bith ach na tha 'teachd uaith-san a mhain. A dh' aindeoин fòghluim dhaoine, mar 'eil aca ach sin, tha iad fathast 'nan daoine nàdurra, gun bhreithneachadh ann an nithibh Dhé. Cha-n'eil 'nan solus ach dorchadas, agus cia mòr an dorchadas sin ! Is e an Tighearn Iosa a mhain a dh' ùngadh gu bhi 'fosgladh shilean nan dall. Cha-n urrainn daoine aon smuain na h-inntinn a dheanamh 'na smuain spioradail, no idir a cleachdadadh ann an riaghailteachd ri glòir Dhé. An déigh na h-uile h-oidhirp a bheir iad, tha iad fathast dall agus dorch, seadh, 'nan dorchadas, gun aithne air ni sam bith mar bu chòir. Tha fios gu bheil daoine sin nan comasan mòra ullamh air a ràdh, "Am bheil sinne dall mar an ceudna ?" agus tàir mhòir a dheanamh air muinntir eile ; ach sheacaich Dia an uaibhreachas ; "C' àite," deir e, "am bheil an duine glie ? c'aité am bheil an sgrìobhaiche ? c'aité am bheil deasboir an t-saoghal so ? Nach do rinn Dia gliocas an t-saoghal so amaideach ?" 1 Cor. i. 20. Cha-n'eil aobhar dhuinn a bhi 'leudachadh air rabhadh sin an abstoil an aghaidh feallsachd agus mealltaireachd dhìomhain, mar nithibh a tha 'deanamh foirneart air anamaibh, agus an rabhadh air a tabhairt ann an cainnt a tha coltach ri bhi dìeadh feallsanachd agus fòghluim gu h-ionlan, ged a tha a soilleir nach iad na nithe sin annta fèin a rinn e 'dhìeadh, ach am mi-bhuileachadh a bha daoine 'deanamh orra. Ach a rìs,—

[2.] Air do'n *dorchadas* agus do'n *aineolas* sin a tha am fòghlum a' ciàllachadh a bhi 'togail air falbh, a bhi air teachd oirnn mar mhallaichadh, cha-n'eil e 'na chomas anns an tomhas

a's lugh aoradh uaith, anns an t-seadh sin anns am bheil e 'na mhallaechadh. An neach sin a's àird' a dh' éirich riambh ann an oilean agus 'an ionnsachadh nàdurra, ma tha e gun Chriosd, tha e cho fada sios fo mhallaechadh na doille, agus an aineolais, agus na baoghaltachd, ris an umpaidh a's cloich-cheanaich anns an t-saoghal. Cha-n'eil am mallachadh air a thogail air falbh ach ann-san a mhain a rinneadh 'na mhallaechadh air ar son. Cha-n'eil ni sam bith a tha peanasach 'na nàdur air a ghiùlan air falbh ach trid-san a mhain air an do choinnich ar peacaidhean gu léir ann an rathad a' pheanais ; seadh, trid-san a mhain. Mar is *l'oumhoire comasan* na h-inntinn, is ann is *doimhne* a dh' òlas i stigh á cupan a' *mhallachaidh*, trid am bheil i 'ga neartachadh féin ann an cleachdadhbh a naimhdeis an aghaidh Dhé. Cha-n'eil ni sam bith a tha i 'faotainn o na tobraichibh nàdurra sin nach 'eil ag at suas a buadhan féin-bheachdail, ann an smuaintibh àrd agus uaibhreach, an aghaidh an Tighearn Iosa Criosd. Mar sin, ma seadh, tha'n t-eòlas so a' teachd gearr air a' chomharadh a chuireadh air thoiseach air ; agus uime sin cha-n e am fior ghliocas diongmhalta sin e air am bheil sinn an geall.

Tha iomadh ni eile leis am bitheadh a furasda gnùis a' ghliocais so a chòmhach le smal, agus "diomhanas agus cràdh spioraid" a sgrìobhadh os a cheann, do bhrigh a dheacaireachd ioma-lubach, a neo-chinn-teachd, agus a neo-tharbhachd. Tha mi an dòchas nach 'eil aobhar dhomh a dhol 'g am shaoradh féin o bhi 'cur oilein agus foghluim nàdurra air bheag suim ; do bhrigh gur e mo rùn a mhain a bhi 'g a chur sios aig cosaiibh Iosa Criosd, agus an crùn a shuidheachadh air a cheann-san.

2. Is e an dara ni a mach á Criosd a tha 'giùlan an ainm gliocais, *erlonntachd agus sedltachd* ann an riaghladh ghnothaichean saoghalta,—agus cha-n'eil ni sam bith 'am measg nithe nàdurra agus bàsmhor, a dh' fheudas a bhi air a choimeasris ann an luachmhoireachd agus 'an tairbhe, air son maith coit-chinn a' chinne-dhaoine ; gidheadh tha so mar an ceudna neo-fhoghainteach air son na crìche sin a choimhlionadh a chomharaicheadh dha. A nis, is i erloch shònruichte a' ghliocais so, an saoghal reusonta a chunail an taobh a stigh do chriochaibh na riaghailteachd agus na deadh-bheus, cuairtean a chur mu chloinn nan daoine, chum an gleidheadh o bhi 'briseadh a stigh air criochaibh nach buin doibh, air eagal aimhreite agus dochainn gach aon d'a chéile. Is i a mhi-riaghait fàth gach buaireis agus iorghuille anns an t-saoghal ; 'nuair a tha aon duine a'

briseadh a stigh air còir duine eile, agus a' gabhail gnothaich ri gnàthaibh agus ri dàimhibh a choimhearsnaich, tha so a' cur an t-saoghal 'am buillsgean na h-aimhreite. Is i erloch agus rùn sònruichte gach gliocais nàdurra, ma seadh, a bhi 'cumail nan tuile nithe air ghluasad riaghailteich an taobh a stigh d'an euairtibh féin, gun aon a' saltairt air dlighe aoin, amhuil na saoghal do-àireamh os ar ceann, gach aon a' triall na chuairt féin, gun roth an amaladh rotha.

A nis, bitidh e gle fhurasd' a dhearbhadh nach 'eil crìonn-tachd agus seòltachd an t-saoghal gu léir comasach air a chrioch so a choimhlionadh, a bhàrr air na tha de champair agus de dhragh 'na fhaotainn, agus na tha de chall agus de mhealladh ann air dha 'bhi air 'fhaotainn. Tha suidheachadh nithe anns an t-saoghal 'nar laithibh féin, agus anns na h-àmaibh a dh' fhalbh, na dhearbhadh soilleir air so; ach feudaidh sinn am barrachd soluis 'fhaotainn air anns na beagan bheachdan a leanas :—

(1.) Gu bheil Dia ann an *ceart bhreitheanas* gu tric a' bearradh, mar gu'm b'ann, na meanglanan a's dosraiche bhàrr uaibh-reachais dhaoine, agus do bhrigh sin, tha e gu tric a' tachairt gu bheil iadsan aig am bheil na comasan nàdurra a's ro àirde, 'gam buileachadh air eriochaibh a tha gu h-ionlan an aghaidh sin a tha nàdurra dhoibh. Cia uaith, gu ro thric, a tha buaireas agus ùprait an domhain,—criochan air am briseadh sios, agus cursa nàduir féin, mar gu'm b'ann, air a chuir ri theine? nach ann o dhaoinibh so nan comasan mòra gun Dia? Mar bitheadh daoine cho ro ghlice, ciod am fios nach bitheadh an saoghal a' sealbhachadh an tuillidh suaimhneis, agus gur i erloch a' ghliocais a riaghlaigh ann an sìth. Ach tha so mar mhallaichadh a sgaoil Dia thar gliocas an t-saoghal, a thaobh a mhòir chuid anns am bheil e, eadhon gu'm bitheadh e air a ghnàthachadh leò ann an rathad a tha 'bualadh gu direach an aghaidh a chrìche dhliglich féin.

(2.) Gu bheil Dia air so a dheanamh na *mheadhon* cur air aghaidh a ghlòire féin, eadhon gliocas agus comhairlean a' chuid a's glice de chloinn nan daoine a thaoisneachadh ann an amaideachd agus euthach, air dhòigh 's gu bheil na riaghailtean a dh' éireas a mach gu tric o dhoimhneachdaibh an comhairlean, cho fada an aghaidh nan criochan a tha 'nam beachd, as ged a thigeadh iad o bheul leanabain no 'umaidh gun chéill, agus ag oibreachadh am meallaidh agus an sgrios féin cho éifeachdach ri innleachd sam bith a dh' fheudadh a bhi air a dealbh 'nan

aghaidh. "Sgriosaidh e gliocas nan daoine glice, agus cuiridh e tuigse nan tuigseach air cùl," 1 Cor. i. 19. Tha so air a chur an céill gu farsuinn ann an Isa. xix. 11-14. An déigh an comhairlean a's glice a chur air ghnìomh, tha iad mar "mhisgear a' tuisleachadh 'na sgeith;" agus sin do bhrigh gu'n do "mheasg an Tighearn nam meadhon spiorad seacharain." Mar sin mar an ceudna, Iob v. 12-14. "San là coinnichidh iad dorchadas;" 'nuair a tha'n t-slighe cosmhuil ri bhi réidh roimh an imeachd, agus a bhitheadh iongantas air daoinibh eionnus a b'urrainn iad a dhol air seacharan; 'an sin cuairtichidh Dia iad ann an dorchadas, agus "smearaichidh iad mu mheadhon-là mar anns an oilechche." Faic mar an ceudna Salm xxxiii. 10. Mar sin tha Dia, mar gu'm b'ann, 'gan cur air obair, agus a' gabhail os làimh an comhairlean a chur bun os ceann, Isa. viii. 9, 10. "Criosaichibh sibh féin," deir an Tighearn, "agus brisear sibh 'nar bloighdibh, cuiribh Lbur comhairlean r'a chéile, agus thig iad gu neo-bhrigh." Agus a rìs, ann an Salm ii. 3, 4, 'nuair a tha daoine a' dealbh an innleachdan agus am feall-chomhairlean, "ni an Tighearn fanoid orra," ag amharc air na enuimhibh truagha ag oibreachadh gu gniomhach an léir-sgrios féin. Cha robh àm rìamh anns an robh so ni's so-fhaicsinnich na tha e anns na làithibh anns am bheil sinn beò. Nach ann ro aimníg a chi sinn duine aig am bheil mòr *ghliocas* uàdurra air a mhill-eadh, nach ann gu soilleir tre 'amaideachd' féin a thachair e; ni mò a fhuaras na comhairlean a bu ghlice aig a' mhòr chuid diubh aon cheam os ceann chomhairlean dhaoine air bhoile.

[3.] Gu bheil an gliocas so, d'am buineadh a bhi 'g altrum na *sithe choitchinn*, mar is trie 'na aobhar mi-shuaimhneis agus buaireis choitchinn dhoibh-san anns am barraichte a thomhas. "Ann am mòran gliocais tha mòran doilgheis," Ecles. i. 18. Rinn euid dhiubh lành a chuir 'nam beatha féin, anhuil a rinn Ahitophel; agus mòran eile a chuireadh gu bàs ainneartach aig làmhaibh mhuinnitir eile. Gu ciunteach cha-n'eil crioch air amaideachd a' ghliocais so. Tha daoine mòr' an t-saoghal ag iomchar a chliù annta féin, ged is teare iad 'nam measg da rìreadh aig am bheil e. Tha tachartais choitchionn anns an fhreasdal air an cur as leth cùram, agus faicealachd, agus roimh-sheallaidh nan daoine sin, 'nuair nach 'eil an làmh a's lugha ac' annta mar mheadhonaibh. Is gnàth le daoinibh suarach, tàireil, leis am miann a bhi 'g urramachadh ni sam bith os an ceann féin, a bhi sealltainn suas le mòr onoir agus meas air comh-chruinneachadh agus comh-chomhairlibh dhaoine

mòra na talmhainn : is beag a tha iad a' measrachadh cia cho annihunn agus cho amайдeach as a tha iad. Is tric a fhúaras an glioicas so, eadhon ainm an tomhasaibh barraichte, a' gabhail còmhnuidh cho fagus do chrìochaibh na dia-àicheidh, ann an comh-chuideachd a' mhealltairreachd agus na h-eucoir, as gu'n d' fhag e iadsan aig an robh e 'nan eisempleiribh maslaidh agus aindiadhlachd do mhuinnitir eile.

Is leòir so, ma seadh, gu bhi 'nochdadadh neo-fhoghainteachd a' ghliocais so chum a bhi coimhlionadh a chriochan sònruichte féin. Is e so a chuireas ni sam bith a thaobh mar dhìomhanas,—gu bheil e teachd gearr air a' chomharadh a dh' ionnsuidh an robh e air a sheòladh. Tha e fad air falbh, ma seadh, o'n fhìor ghliocas, do bhrìgh gu feudar "Mealladh" a leughadh air a ghnùis anns na h-uile ceum.

Agus is e so an ceud aobhar nach urrainn am fior ghliocas a bhi a' coimh-sheasamh ann an aon de'n dà ni a dh' ainmich sinn,—eadhon do bhrìgh gu bheil iad a' teachd gearr air na crìochaibh sònruichte sin a chuireadh air thoiseach orra. Ach,—

Anus an dara àite.—Cha-n'eil an dà ni so *ann an comh-chuideachd a chéile*, agus air an leasachadh gus a' cheum a's àirdre, comasach air teachd suas ri fior chrìch choitchionn a' ghliocais. Bhitheadh so soirbh ni's leòir a dhearbhadh, agus a nochdadadh cia cho annihuinn agus cho neo-fhreagarrach as a tha iad air son na crìche sin ; ach tha e deanta a cheana leis-san aig an robh an tomhas a b' àirdre dhiubh araon a fhuair neach riamh de chloinn nan daoine,—eadhon Solamh ann an leabhar an t-Searmonaiche,—agus air an aobhar sin cha leudaich sinn ni's fhaide air.

Gu bhi 'tarriuing so, ma seadh, gu comh-dhùnadadh :—mar 'eil fior *ghliocas dionghàlta* anns an tomhas a's lugha r'a fhaotainn annta so, mar 'eil an nèamhnuid folaichte anns an fhearrann so, mar 'eil anns a' ghliocas dà-fhillte so ach diomhanas agus mealladh, is ni gun tairbhe a bhi seal tuinn air a shon ann an ni sam bith eile fo'n ghréin,—do bhrìgh nach 'eil ni eile r'a fhaotainn ann a dh' fheudar a choimeas riu ; agus uime sin, le aon chomh-rùn, cuireamaid erùn an fhìor ghliocais air ceann an Tighearna Iosa.

Gabhadh an leughadair beachd, a nis, ann am beagan bhriathran, air *aomadh* an taobh-theagaisg so gu léir,—eadhon a dh' ionnsuidh a bhi fosgladh suas ar eridheachan chum a bhi 'fàilteachadh an Tighearn Iosa Criod le barrachd tlachd agus toil-inntinn anama. Ma tha na h-uile glioicas a' gabhail

còmhnuidh annsan, agus annsan a mhain r'a fhaotainn,—mar 'eil auns na h-uile ni 'an taobh a mach de Chriosd, a dh' fheudas a bhi 'giùlan ainme glioceais, ach amaideachd agus diomhanas,—foghlunnadh iadsan le'm bu mhiann a bhi glic c'aite an socrach iad an anaman.

CAIBIDEIL IV.

Air comh-chomunn ri Criosd 'anns an dàimh pòsaidh a thaobh nan aignidhean a tha coimhcheangulte ris an daimh sin—Tlachd Chriosd anns na naomhaibh air a thoirt fainear anns a' cheud àite, Isa. lxii. 5; Dàn Shol. iii. 11; Gnàth-fhoc. viii. 31.—Eisemplirean air tlachd Chriosd anns na creidich—Tha e 'fosgladh suas a chridhe gu léir dhoibh, Eoin xv. 14, 15; 'ga fhoillseachadh féin, Eoin xiv. 21; foillseachadh a rioghachd; 'gan deanamh comasach an eridheachan 'fosgladh suas dhasan, a' toirt dhoibh cuideachaidh, slighe, dànanachd, Rom. viii. 26, 27—Tlachd nan naomh ann an Criosd; an tlachd sin air a nochadh Dàn Shol. ii. 7, viii. 9—Dàn Shol. iii. 1-5, air 'fosgladh—An tlachd 'na sheirbhisich agus 'na òrduighean aoraidh air a sgàth.

AIR do'n chomh-chomunn tòiseachadh eadar Criosd agus na naomhaibh, mar a thug sinn fainear, tha e anns an ath àite air a chumail suas ann an cleachdadhl *aigne* coimh-fhreagarrach ris an dàimh anns am bheil iad d'a chéile. Air do Chriosd e féin a thoirt seachad do'n anam, tha e 'gràdhachadh an anama sin; agus air do'n anam e féin a' thoirt seachad do Chriosd, tha e 'gràdhachadh Chriosd. Tha Criosd a' gràdhachadh a chuid féin, seadh " 'gan gràdhachadh a dh'ionnsuidh na crìche," Eoin xiii. 1; tha nan naoimh mar an ceudna 'gràdhachadh Chriosd, tha iad " a' gràdhachadh an Tighearna Iosa Criosd ann an tréibhdhireas," Eph. vi. 24.

A nis tha gràdh sin Chriosd, leis am bheil e 'leantuinn a naomh, a' coimh-sheasamh anns na ceithir nithibh so:—I. Tlachd. II. Meas. III. Truacantachd. IV. Toirbheartas. Feudalidh gràdh nar naomh mar an ceudna do Chriosd a bhi air 'fhlilleadh suas fo na ceithir chìnn so:—Tlachd; Meas; Geamnuidheachd; Dleasannas.

Tha dhà dhiubh so de'n *aon ghnè*, agus a dhà *eadar-dhealaichte*; mar a tha freagarrach anns an dàimh so, anns nach 'eil na h-uile ni air gach taobh ann an suidheachadh coimh-ionann.

I. Is e an ceud ni air taobh Chriosd *tlachd*. Tha tlachd a'

coimh-sheasamh ann an cleachdadh a' ghràidh agus an aoibhneis,—toil-inntinn agus suaimhneas an anama ann an seilbh air maith freagarrach agus ion-mhiannaichte. A nis, tha tlachd ro inbheach aig Criosc 'na naomhaibh : “Mar a ni am fear nuadh-pòsda gairdeachas 'na mhnaoi, mar sin ni do Dhia gairdeachas annadsa,” Isa lxii. 5. Uime sin, is e là pòsaidh Chriosc “là subhachais a chridhe,” Dàn Shol. iii. 11. Tha fios gur e so mar is trice toil-inntinn a's *neo-mheasgaichte* 'tha daoine 'sealbhachadh ré an cuairt air an talamh. Is e toil-inntinn an fhir nuadh-phòsda ann an là a phòsaidh an ceum a's àirdé air an urrainn toil-inntinn a bhi air ainmeachadh. Tha so ann an Criosc coimh-fhreagarrach ris an dàimh anns am bheil e'gar tabhairt. Tha subhachas air a chridhe annainn, gun mheasgadh bròin. Agus na h-uile là a tha sinn beò is là a phòsaidh e. Tha e sgrìobhita uime, Seph. iii. 17, “Tha'n Tighearn Dia ann ad mheadhon” ('se sin, a' gabhail còmhnuidlh 'nar measg ann an gabhail ar nàduir, Eoin i. 14) “cumhachdach ; ni e do thèarnadh ; ni e gairdeachas os do cheann le luathghair ; gabhaidh e fois 'na ghràdh ; ni e gairdeachas os do cheann le seinn ;” anns am bheil làn iomradh againn air tlachd anns gach earrann fa leth dheth,—aoibhneas agus luathghair, suaimhneas agus toil-inntinn. “A' deanamh gairdeachais,” tha e 'g ràdh, “anns a chuid a dh' aitichear d'a thalamh, agus mo thlachd maille ri cloinn nan daoine,” Gnath-fhoc. viii. 31. Bha smuaintean a' chomh-chomuinn ris na naomhaibh a' cur aoibhneis air a chridhe o shiorruidheachd. Ann a' choimhcheangal sin a bha eadar an t-Athair agus e féin, gu'n roinneadh e a' chreach maille ris na cumhachdaich, agus gu'n saoradh e cuibhrionn air son 'oighreachd, bha 'anam a' deanamh gairdeachais ann an smuaineachadh air an toil-inntinn agus an tlachd a ghabhadh e annta, 'nuair a bleireadh e steach iad ann an comh-chomunn ris féin. Uime sin ann an rann 30, tha e'g ràdh, “Bha mise aige mar neach a dh' altrumadh maille ris”—mar neach air a ghabhail fo chùram an altruim, mar a tha'm focal a' ciallachadh, agus na h-uile ni air a bhuileachadh ann an rathad a bhitheadh a chum a leas. Mar sin rinn Criosc sinne 'ghabhail, eadhon o shiorruidheachd, air a chùram, agus rinn e gairdeachas ann a bhi smuaineachadh air a' choimhlionadh a dheanadh e air an ni a dh'earbadh ris. Mu thimechioll nan naomh tha e'g ràdh, “Is i so mo shuaimhneas gu siorruidh, an so gabhaidh mi còmhnuidlh,” Salm exxii. 14. Oir ròghnaich e iadsan air son a theampuill agus 'aite còmhnuidlh, do bhrigh a thlachd a bhi annta. Is e so an t-aobhar gu

bheil e 'gan toirt cho dlùth ris féin anns gach dàimh. Mar is Dia e, is iadsan a theampull ; mar is rìgh e, is iadsan "iochdar-anan,—is e rìgh nan naomh e ; mar is e'n ceann e, is iadsan a chorp,—is e ceann na h-eaglais e ; mar is e'n ceud-ghin e, is iadsan a bhràithrean,—“cha näire leis bràithrean a ghairm dhiùbh.”

Ni sinn aon eisampleir a shònachadh o mheasg mhòran chum a bhi 'daingneachadh a thlaehd a bhi anna ; agus is e sin so :—Tha *rùn agus inntinn* Chriosd air am *foillseachadh* leis d' a naomhaibh, agus tha e 'gan deanamh-san comasach an eridheachan féin 'fhoillseachadh do Chriosd ;—a tha 'na dhearbhadh soilleir air mòr thlachd. B'e tlachd feòlmhor Shamsoin ann an Delilah a bhuadhaich air, ionnuis gu'n d' fhoillsich e dhi na gnothaichean a bu chudthromaicthe a bha aige féin ; fosglaidh e suas 'inntinn dhi, ged a ehostadh sin a bheatha dha. Is ann a mhain do *charaid* uehd' a dh' fhosglas sinn ar n-uehd. Cha-n'eil e comasach dearbhadh ni's mò a thabhairt air tlachd ann an dlùth chomh-chomunn na so, gu fosgail neach suas a chridhe d'a charaid, agus nach e a bhitheas eatorra gach sgeul coitehionn a bhitheas aig muintir eile. Agus do bhrigh sin ròghnaich sinn an eisampleir so o mheasg mile a dh' fheudadh a bhi air an ainmeachadh, mu thlachd so Chriosd 'na naomhaibh.

Tha e, ma seadh, a 'fosgladh 'inntinn dhoibh, agus dhoibhsan a mhain ;—seadh, a' 'fosgladh 'inntinn, comhairlean a ghràidh, smuaintean a chridhe, rùintean a bhroillich, chum an leas shiorruidh ; seadh, a' fosgladh 'inntinn, slighean a ghràis, gluasadhan a Spioraid, reachdan a shlait rioghaile, àitheantan a shoisgeil. Tha na h-uile taisbeanadh *spioradail* air 'thaotainn tre Chriosd. Is esan “an Solus fior, a tha 'soillseachadh gach uile dhuine 'tha teachd chum an t-saoghail,” Eoin i. 9. Is esan “an Ur-mhaduinn,” an “Reult-mhaidne,” agus a’ “Ghrìan ;” ionnuis gu bheil e eu-comasach gu'm bitheadh solus air bith ann ach trid-san. Is ann o Chriosd a tha e gu bheil “rùn an Tighearn aig an dream d'an eagal e, agus foillsichidh e dhoibh a choimhcheangal,” Salm xxv. 14 ; mar a tha e 'eur an céill mar an ceudna ann an Eoin xv. 14, 15, “Is sibhse mo chàirdean-sa, ma ni sibh gach ni a tha mi 'g àithne dhuibh. A so suas cha ghairm mi seirbhisich dhibh ; oir cha-n aithne do'n t-seirbhiseach ciod a tha a thighearn a' deanamh ; ach ghairm mi càirdean dhibh ; oir na h-uile nithe a chuala mi o m' Athair, thug mi fios dhuibhse orra.” Tha e 'g amharec orra mar a

chàirdibh, agus 'ga chleachdadadh fein d'an taobh mar ri càirdibh, —mar ri càirdibh uchda, anns am bheil a thlachd. Tha e 'deanamh 'inntinn aithnichte dhoibh gu h-iomlan; na h-uile nithe a dh' earb an t-Athair ris 'fhoillseachadh mar Eadar-mheadhonair, Gniomh. xx. 24. Agus tha'n t-abstol a' nochdadh cionnus a tha so deanta, 1 Cor. ii. 10, 11, “‘Dh' fhoillsich Dia na nithe sin dhuinn le a Spiorad;’ oir fhuair sinn esan, ‘chum gu'm bitheadh aithne againn air na nithibh sin a thugadh dhuinn gu saor o Dhia.’” Tha e 'eur a Spioraid d' ar n-ionnsuidh, a réir a' gheallaidh, chum 'inntinn a dheanamh aithnichte d'a naomhaibh, agus an treòrachadh anns gach uile fhìrinn. Agus do bhrigh so tha'n t-abstol a' comhdhùnadh, “Tha inntinn Chriosd againne,” rann 16; oir tha e 'buaintinn rinn mar ri càirdibh, agus 'ga fhoillseachadh dhuinn, Eoin i. 18. Cha-n'eil ni air bith ann an eridhe Chriosd, a tha chum buannachd a chairdean, nach 'eil e foillseachadh dhoibh. A ghràdh uile, a *dheadh-ghean*, *rùinteau* a choimhcheangail, *slighean* na h-ùmhachd, *diomhaireachd* a' chreidimh,—tha so uile air 'fhoillseachadh dhoibh.

Agus tha so uile air a labhairt d'an taobh *mu choinnimh nam mi-chreideach*, ris nach 'eil comh-chomunn air bith aige. Chan'eil aithne aca sin air ni air bith de inntinn Chriosd mar bu chòir: “Cha ghabh an duine nàdurra ri nithibh Spioraid Dhé,” 1 Cor. ii. 14. Tha eadar-dhealachadh mòr eadar a bhi 'tuigsinn theagasyan na flìrinn ann an seadh litireil, agus a bhi 'faotainn fior aithne air inntinn Chriosd. Tha so air 'fhaotainn tre ùngadh àraidih o Chriosd, 1 Eoin ii. 27, “Tha againn ùngadh o'n Ti naomh, agus is aithne dhuinn na h-uile nithe,” rann 20.

A nis, feudar na nithe sin a tha Chriosd a' foillseachadh anns a' chomh-chomunn so, dhoibh-san anns am bheil a thlachd, a chruinneachadh a steach fo'n dà cheann so:—1. Tha e 'ga fhoillseachadh *féin*. 2. Tha e 'foillseachadh a *rìoghachd*.

1. Tha e 'ga fhoillseachadh *féin*. Eoin xiv. 21, “An ti aig am bheil gràdh dhomhsa, gràdhraighear le m' Athair e, agus gràdhraigheachd mise e, agus foillsichidh mi mi féin da;”—“foillsichidh mi mi féin ann an iomlanachdaibh mo ghràsan, ann an ion-mhiannachd agus 'an oirdheirceas mo phearsa; bithidh aithne aige orm eadhon mar a tha mi, agus mar sin féin bithidh mi dha,—mar Shlànuighear, mar Fhear-saoraidh, sònruichte am measg dheich mìle.” Bithidh eòlas aige air flor luachmhoireachd agus fiùghalachd an “nèamhnuid ro

luachmhoir ;” ged a dh’ amhairceadh muinntir eile air mar neach gun sgèimh no grinneas, no air dhòigh sam bith r’ a mhiannachadh, gidheadh foillsichidh se e féin dhoibh-san anns am bheil a thlachd ’na oirdheirceasaibh uile, chum gu’m faic iad gu bheil e gu léir ionnachuinn. Cuiridh e folach air féin ri aghaidh an t-saoghal uile; ach amhaircidh na naoimh le aghaidh gun fholach air a mhaise agus air a ghlòir, agus mar sin atharraichear iad a dh’ ionnsuidh na h-iomhaigh ceudna o ghlòir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna, 2 Cor. iii. 18.

2. Foillsichidh e a *rìoghachd*. Bithidh èolas aca air *uachdaranachd a Spioraid* ’nan eridheachaibh; agus mar an ceudna air a riaghladh agus air frithealadh ’ughdarrais ’na fhocal, agus ’am measg nan eaglaisean.

(1.) Air a’ mhodh so, ma seadh, anns a’ cheud àite, tha e ’taisbeanadh a *thlachd* ’na naomhaibh,—tha e ’foillseachadh dhoibh a *rùinteau uaigneach*. Tha e ’toirt eolais dhoibh air a phearsa, air ’oirdheirceasaibh, air a ghràs, air a ghràdh, air a rioghachd, air a thoil, air saoibhreas a mhaitheis, air innibh a thròcairean, ni’s mò agus ni’s mò, an uair a bhitheas an saoghal anns an dorch a thaobh nan nithe sin.

(2.) Tha e ’toirt comais d’a naomhaibh an inntinnean agus an anaman féin a leigeadh ris dha-san, chum mar sin gu’m bitheadh an imeachd maille r’ a chéile mar dhhùth chòmpanaich. Is aithne do Chriosd *inntinnean nan uile*. Is aithne dha ciod a tha anns an duine, agus cha-n’eil feum aige neach air bith a dheanamh fianuis air, Eoin ii. 25. Tha e ’sgrùedadhbh àirnean agus chridheachan nan uile, Taisb. ii. 23. Ach cha-n’eil fios aig na h-uile cionnus a ni iad an inntinnean a leigeadh ris do Chriosd. Cha-n’eil tairbhe do dhuine anns gu bheil ’inntinn fosgalte do shùil Chriosd; oir tha sin fior a thaobh nan uile, co ac’ a tha toil aca no nach ’eil;—ach is ann ’au so a tha sòlas do dhuine, eadhon gu’m bitheadh comas aige ’inntinn féin a dheanamh aithnichte do Chriosd. Uaith so tha ùrnuighean nan naomh mar bholtrach tùis, Taisb. viii. 3; agus ùrnuighean mhuianntir eile mar dhonnalaich,—mar gu’n cuireadh neach an ceann de mhadadh, agus gu’n tugadh e seachad fuil mhuc, Hosea vii. 14; Isa. Ixvi. 3,—a tha ’na ghràineileachd do’n Tighearn. A nis, tha trì nithe feumail chum ’s gu’m bitheadh neach comasach a chridhe a dheanamh aithnichte mar so do Chriosd :—

[1.] *Cuideachadh air son na h-oibre*; oir dhinn féin cha teid againn air ni sam bith a dheanamh. Agus tha so aig na

neomhaibh o Spiorad Chriosd, Rom. viii. 26, 27, "Tha an Spiorad féin mar an ceudna a' deanamh còmhnaidh le ar n-anmhuinneachd : oir cha-n aithne dhuinn ciod a ghuidheamaid mar bu chòir dhuinn ; ach tha an Spiorad féin a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son le osnaibh do-labhairt. Agus is aithne dha-san a tha 'rannsachadh nan eridheachan ciod i inntinn an Spioraid, do bhrigh gu bheil e 'deanamh eadar-ghuidhe air son nan naomh a réir toil Dé." Tha gach uile oidhrip agus ionnsuidh air comh-chomunn a chumail ri Dia, ann an diomhanas agus gun tairbhe, as eugmhais cuideachaidh Spioraid nan athchuingean, ag oibreachadh gu h-éifeachdach ann ar eridheachaibh. Agus tha tlachd ro inbheach aig an Tighearn Iosa anns an *fhosgladh* eridhe agus broillich so ris. Chum na crìche so tha a ghairm graidh a mach, Dàn Shol. ii. 14, "Mo choluman, a tha ann an sgoltadh na creige, ann an ionad-diomhair a bhruthaich, leig dhomh amhare ort, leig dhomh do ghuth a chluinntinn ; oir tha do ghuth binn, agus d' eugas maiseach." 'N uair a dh' fheudas an t-anam, air ionadh aolhar, a bli 'ga fholach féin gu dubhach as an t-sealladh,—mar gu'm bitheadh e air a chur air dhearmad, fo na chor a bu mhi-choslaiche,—an sin tha 'ghairm so a mach d' a ionnsuidh, e féin a dhòrtadh a mach ann an ùrnuigh ris ; air son am bheil e mar an ceudna a' toirt cuideachaidh sin an Spioraid a bha air 'ainmachadh.

[2.] Is e an dara ni *slighe* trid an tigeamaid am fagus do Dhia le ar *n-iarrtasailh*. Tha so, mar an ceudna, air a h-ullachadh leis air ar son, Eoin xiv. 5, 6, "Thubhairt Tomas ris, A Thighearna, cha-n'eil fios againn e'ait am bheil thu dol ; agus cionnus a dh' fheudas còlas na slighe a bhi againn ? Thubhairt Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha : cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa." Tha an t-slighe sin a bha againn a dh' ionnsuidh Dhe ann ar ceud *chruthachadh* air a dùnadh suas gu h-ionlan tre'n *pheacadh*. Tha claidheamh an lagha, aig am bheil teine air 'fhadadh ann leis a' pheacadh, a' tionndadh air gach làimh, a chum gach slighe a bhacadh a dh' ionnsuidh comh-chomuinn ri Dia. Tha Iosa Criosd air "slighe nuadh agus bheò a choisrigeadh"—do na naomhaibh—"tre'n roinu-bhrat, sin r'a ràdh, tre fheòil féin," Eabh. x. 20. Tha i air a coisrigeadh agus air a cur air leth leis do chreidich, agus dhoibh-san a mhain. Bithidh muinntir eile a' leigeadh orra a bhi 'dol a dh' ionnsuidh Dhé le an ùrnuighibh, ach cha-n'eil iad a' teachd idir 'am fagus da. Cionnus a dh'

fheudas iadsan erioch na slighe a ruigisinn nach dh' imich ceum riamh innte? Is e Criosd an t-aon slighe do righ-chathair nan gràs; cha tig aon neach a dh' ionnsuidh Dhé ach trid-san. "Oir trid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon Spiorad chum an Athar," Eph. ii. 18. Tha an dà ni so, ma seadh, aig na naomhaibh chum an eridheachan 'flosgladh suas aig righ-chathair nan gràs,—*cuideachadh agus slighe*. Cuideachadh an Spioraid, as eugmhais nach 'eil annnta aeh neo-ni; agus slighe eadar-mheadhonareachd Chriosd, as eugmhais nach comasach teachd dlùth do Dhia.

[3.] Is e an treas ni *dùnachd* a theachd do Dhia. Is i cainnt pheach annnta féin, air dhoibh aithne 'thaotainn air namhas an Tighearna,—"Cò 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri teine millteach? cò 'nar measg a ghabhas còmhnuidh maille ri lasraichibh siorruidh?" Isa. xxxiii. 14. Agus cha-n iongantach sin; oir is iad näire agus namh-chrithe fa chomhair Dhé toraidhean nädurra peacaidh. Gabhaidh Dia dioghaltas air an dànaachd fheòlmhoir, mhi-chreideach sin a tha peacaich a mach á Criosd a cleachdadhl d'a thaobh. Ach a nis tha againne "dànaachd chum dol a steach do'n ionad a's naoimhe tre fhuil Iosa, air slighe nuaidh agus bheò e choisrig a dhuinne, tre'n roinnbhrat, sin r'a ràdh, tre 'fheòil féin: agus do bhrigh gu bheil againn àrd-shagart os ceann tigh Dhé, thigeamaid am fagus le eridhe fior, ann an làn dearbh-bheachd a' chreidimh," Eabh. x. 19, 20. Gu cinnteach, tha glòir agus namhas an Tighearna,—tha ionlanachd neo-chriochnach a naomhachd, de leithid a' näuir, as gu bheil an t-anam a' comh-dhùinadh, an uair a tha sealladh aige orra, gu bheil e gu h-ionlan eu-comasach seirbhis a choimh-lionadh dha dheth féin; seadh, gur ann a bhithreas e 'leasachadh gaing' a léir-sgrios féin, agus nach e a bluannachd, a theachd idir 'am fagus da. Is ann a mhain ann an Criosd, agus sin air bonn a thabhartais agus 'eadar-ghuidhe, a dh' fheudas dànaachd sam bith a bhi againn ann an tarruing dlùth dha. Tha na trì sochairean so, ma seadh, aig na naomhaibh chum an deanamh comasach an eridheachan flosgladh suas do'n Tighearn Iosa Criosd,—sochairean a dh' ullaich e dhoibh, do bhrigh a thlachd a bhi annnta.

Do bhrigh gu bheil so 'na ni anabarrach eudthromach, bheir sinn seachad beagan smuaintean, anns an dol seachad, air a' cheud ni a dh' ainmich sinn, eadhon cuideachadh an Spioraid,—ni a dh' fheudadh a bhi deanta d'an taobh uile—chum a bhi 'nochdadh an eadar-dhealachaidh a tha eadar a bhi 'deanamh

aithnichte ar n-inntinnean do Chriosd anns an dòigh spioradail agus thaitneach so, agus cleachdadadh na h-ùrnuigh sin a dh'fheudas a bhi aig muinntir eile fo dhearbhadh peacaidh.

Anns a' cheud àite,—Tha Spiorad Chriosd a' leigeadh ris dhuinne ar *n-uireasbhuidhean féin*, chum 's gu'n deanadh sinne aithnichte iad do Chriosd : “Cha-n aithne dhuinn ciod a ghuidheamaid mar bu chòir dhuinn,” Rom. viii. 26 ; cha-n'eil teagastg 'an taobh a mach do theagastg an Spioraid a tha comasach eòlas firinneach a thoirt d' ar n-anamaibh air an uireasbhuidhibh, air an uallaichibh, agus air am buairidhibh féin. Cha ni sam bith eile ach foillseachadh nèamhaidh aithne 'bhi aig anam air a bhochdainn agus air 'anmhuinneachdaibh féin. An neach aig am bheil cuideachadh so an Spioraid, tha'n ùrnuigh aige leth deanta m'an do chuir e lide suas dhi. Tha a choguis a' mothachadh cudthruim an dleasannais a tha ri 'aghaidh : tha 'inntinn agus a spiorad ann an dian-stri 'na chòm, le treis an gleachd far an tinne an sàs. Tha e 'teachd, le 'nallach air a ghuaillich, agus a' tilgeadh a cudthruim air an Tighearn Iosa Criod. Tha e 'faotainn a mach—cha-n ann le dearbhaidhibh imcheisteach, ach le mothachadh naomh agus sgios anama de'n pheacadh—c' àite am bheil marbhantachd air teachd air, c' àite am bheil maoladh agus fuachd air gréim a dbeanamh air, tha e 'faotainn a mach ciod anns am bheil e mi-chreideach, ciod anns am bheil e air a bhuaireadh os ceann a neirt, agus ciod anns am bheil e as eugmhais soluis gnùis Dhé. Tha mothachadh agus fiosrachadh do-labhairt aig an anam annta so uile o Spiorad Dhé. As eugmhais so cha-n'eil an ùrnuigh 'na h-ùrnuigh : feudaidh bilean dhaoine 'bhi 'labhairt, ach tha'n eridheachan 'nan tosd. Is e g'iread nà teanntachd beatha na h-athechuinge, eo aca is èas nàdurra no spioradail e. Cha-n 'eil aon chuid togradh no ùrnúigh idir ann, ma seadh, as eugmhais a' mhothachaidh so a tha o'n Spiorad Naomh.

Anns an dara àite.—Tha *cùinnt*, no briathran na muinntir so, a' teachd anabarrach fada *gearr air saothair an eridheachan* ; agus uime sin, ann an cleachdadadh nan athchuingean so aca, agus an déigh nan athchuingean féin, “tha an Spiorad a' deanamh eadar-ghuidhe le h-osnaibh do-labhairt.” Tha briathran cuid de dhaoinibh ag éiridh fada os ceann an eridheachan. Bu mhaith na'm bitheadhan eridheachana' cumail coiseachd r'am briathraibh. Esan aig am bheil cuideachadh so an Spioraid, tha cainnt a bheòil a' failneachadh fo thograidhibh mòra agus farsuinn a chridhe ; agus uime sin, ann an criochnachadh nan aslach a's déine, tha dà ni

m'an timchioll anns nach urrainn e riarachadh a ghabhail :—1. Cha-n *fhlàreantaichd* iad dha anns an urrainn e soerachadh ; oir nan deanadh Dia am mi-ionlanachd a bha anna a chomharachadh, cha seasadh iad là an dearbhaidh. 2. Nach robh a chridhe air a *dhdrtadh a mach* anna, ann an tomhas idir coimh-fhreagarrach ri meud nan tograidhean naomha agus an saothair a bha air an gintinn ann ; ged a dh' fheudadh e bhi 'faotainn mòr ùrachaiddh anna ann an Criod. 'Nuair a's lionmhoire am briathran, is ann is mò a chi iad na dh' fhag iad 'nan déigh.

Anns an treas àite,—Tha eadar-ghuidh nan naomh, air a chuideachadh mar so leis an Spiorad, *a réir inntinn Dhé*; is e sin, tha'n Spiorad 'gan treòrachadh gu bhi 'eur suas iarrasan do Dhia a tha a réir 'inntinn a bhi tabhairt dhoibh,—nithe a tha fios aige 'bhitheas a chum maith dhoibh, a bhitheas feumail agus freagarrach air an son anns a' chor sin anns am bheil iad. Tha iomadh rathad anns am feud sinn aithneachadh c'uin a tha ar n-athchuingean a réir toil Dé. Cha-n ainnmich sinn aig an àm ach aon rathad ; agus is e sin, 'nuair a tha iad a réir a ghealladh : 'nuair a tha ar n-ùrnuighean air an riaghladh leis a ghealladh, tha iad a réir toil Dé. Mar sin a thaobh Dhaibhidh, Salm cxix. 49. "Cuimhnich am focal do d'òglach, as an d'thug thu orm earbsadh ?" Tha e 'g ùrnuigh, agus a' riaghladh na h-ùrnuigh le focal a' gheallaiddh anns an do chuir e a dhòchas. Ach gidheadh, feudaiddh daoine 'bhi 'g iarraidh an ni sin a th' anns a' ghealladh, gun idir an ùrnuighean a bhi air an riaghladh leis a' ghealladh. Feudaiddh iad a bhi 'g iarraidh an ni a th'ann, gun a bhi 'ga iarraidh mar a tha e ann. Mar sin tha'n t-abstol Seumas ag ràdh gu bheil cuid "ag iarraidh, agus cha-n'eil iad a' faotainn, do bhrigh gu bheil iad ag iarraidh gu h-ole, chum a chaitheadh air an ana-miannaibh," caib. iv. 3. Ged a bhitheadh na nithe sin a tha sinn ag iarraidh a réir toil Dé, gidheadh mar 'eil an dòigh anns am bheil sinn ag iarraidh mar an ceudna a réir a thoil, tha sinn ag iarraidh gu h-ole.

Tha dà ni feumail chum gu'n iarramaid na nithe sin a th'anns a' ghealladh, mar a tha iad anns a' ghealladh :—

An ceud ni,—Gu bheil sinn *ag amhare* orra mar nitibh a tha air an *gealltuinn*, agus sin ann an Criod ; is e sin, gu bheil na h-uile dòchas a th' againn gu'n sealbhaich sinn na nithe a tha sinn ag iarraidh, air a steidheachadh air cosnadh agus eadar-mheadhonaireachd Chriosd, anns am bheil uile gheallaidhean Dhé 'nan seadh agus 'nan amen. Is e so a bhi 'g iarraidh o'n

Athair ann an ainm Chriosd,—Dia mar athair, an tobar; agus Criosd mar fhear-cosnайдh nam beannachdan uile.

An dara ni,—Gu bheil sinn 'gan iarraidh air son na críche sin a th'anns a' ghealladh, cha-n ann a chum an caitheadh air ar n-ana-miannaibh. 'N uair a tha sinn ag iarraidh maiteanais peacaidh, agus spéis uaigneach ann ar cridheachaibh dha, tha ag iarraidh sàr thròeair a' choimhcheangail, chum a chaitheadh air ar n-ana-miannaibh. Tha'n t-abstol ag eur an céill ciod i críoich so a' gheallaidh, 2 Cor. vii. 1. “Air dhuinn na geallaidhean so 'bhi againn, glanamaid sinn féin o gach uile shalachar feòla agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal Dé” 'N uair a tha siun ag iarraidh ni a th'anns a' ghealladh, mar a tha e anns a' ghealladh agus a chum críche so a' gheallaidh, tha ar n-iarrasan a réir toil Dé. Is e so, ma seadh, an ceud aigneadh càraideach a tha Criosd a' cleachdadhl a thaobh nan naomh,—tha *tluchd* aig anna; mar a tha soilleir o'n eisampleir a thug sinn seachad, agus mar an ceudna o eisampleiribh doaireamh eile.

Coimh-fhreagarrach ri so, air an làimh eile, agus a chum gu'm bitheadh an comh-chomunn a' faotainn cleachdaidh eatorra, *tha na nuoimh a' gabhail tlachd ann an Criosd*; is e Criosd an aoibhneas, an crùn, an gairdeachas, am beatha, an lòn, an sláinte, an neart, am miann, am fireantachd, an sonas, an sláinte shiorruidh: cha-n'eil ni sam bith aca as 'eugmhais; ach na h-uile ni aca ann. Gal. vi. 14. “Nar leigeadh Dia gu'n deanainn-sa uaill ach ann an crann-ceusaidh ar Tighearna Iosa Criosd.” B'e dòchas, agus muinghin, agus miann, agus tlachd nan uile chreideach e o thoiseach an t-saoghal. B'e gealladh air Criosd na h-uile 'thug Dia do Adhamh—agus bu leòir e—'na àmhghar do-labhairt, chum fuasglaidh agus comhfhurtachd dha, Gen. iii. 15. Theagamh gu'n do shaoil Eubha gu'n d'fhuair i sliochd a' gheallaidh 'na ceud-ghin mic, 'nuair a thubhairt i, “Fhuair mi duine o'n Tighearn;” agus gu'm b'e so fath a h-aoibhneis, Gen. iv. 1. Air do Lamech Noah 'fhaotainn mar shamhladh air Criosd, agus sláinte trid-san, thubhairt e, “Bheir an ti so féin sòlas dhuinn a thaobh ar n-oibre agus saothrach ar làmh, a thaobh na talmhainn a mhallaich an Tighearn,” Gen. v. 29; tha e 'deanamh gairdeachais annsan a bha gus am mallachadh a thogail air falbh, le bhi air a dheanamh 'na mhallaichadh air ar son. 'N uair a bha Abraham ann an àird a ghlòire, a' pilltinn o àr rìghrean na h-àird an ear, a thàinig a mach 'an aghaidh comh-bhoinn rìghrean ghlinn Shodoim, dh' fhoillsich Dia e féin da le

gealladh glòrmhor, Gen. xv. 1. "Na bitheadh eagal ort, Abraim : is mise do sgiath, agus do dhuais ro mhòr." Ciod tuileadh a b'urrainn 'anam iarraidh? Ach, mo thruaighe! is e an glaodh a th'aige—mar a bha aig Reuben an déigh sin, os ceann calla Ioseiph—"Cha-n 'eil an leanabh ann ; agus mise, c'ait an teid mi ?" Rann 2, "A Thighearna Dhé, ciod a bheir thu dhomh, agus mi 'gimeachd gun chloinn ?" "Gheall thu gu'm bitheadh uile theaghlaichean na talmhainn air am beannachadh ann mo shliochd ; mo thruaighe! ciod an tairbhlé bhitheas anns na h-uile ni eile dhomhsa, gun an sliochd sin fathast aon ?" Agus do bhrigh sin theirear uime, "Chunnaic e là Chriosd, agus rinn e gairdeachas," Eoin viii. 56 ; b'e aoibhneas agus tlachd a chridhe a bhi 'smuaineachadh air teachd Chriosd, dà mhile bliadhna mu'n d'fhoillsicheadh e. Air do Iacob a bhi 'beannachadh a mhac, bha a spiorad air a thogail suas ann, air do Iudah teachd 'na lèhair, neach anns an robh sùil aige ri teachd Shiloh, Gen. xlvi. 8, 9 ; agus àine ghoirid an déigh sin, air bhi dha fas sgith 'na anam le roimh-bheachd a ghabhail air àmh-ghairibh a shliochd, tha e 'glacadh misneich dha fèin anns an ni sin anns an robh tlachd aig 'anam : "Ri do shlàinte dh'fheith mise, O Thighearna ;"—dh'fheith se ris-san a bha gu bhi 'na shlàinte a phobuill. Ach c'uin' a chitheamaid crìoch air eisampleiribh air an ni so ? Tha scann Simeon a' eruinneachadh suas an iomlain : is e Criosd slàinte Dhé, agus glòir Israel, Lucas ii. 30, 31 ; agus ciod air bith ni air an d'aimmicheadh a' ghlòir o shean, b'e sin aon chuid Criosd fèin, no samhladh air Criosd. Is e glòir dhaoine an tlachd. Uime sin, ann an Hagai ii. 7, tha e 'faotainn mar ainm "Miann nan uile chinn-each." Esan d'am bheil an anaman a' toirt gràidh, esan anns am bheil an tlachd, agus a tha 'glacadh neirt an tograidh. Mar sin is e tlachd nan naomh ann, an t-iomradh àraidh a rinneadh air ann am Mal. iii 1 : "Thig an Tighearn a tha sibh ag iarraidh g'a theampull gu grad ; eadhon teachdair a' choimh-cheangail, anns am bheil bhur tlachd." Is e so an t-iomradh a rinneadh air Criosd,—"Esan a tha sibh ag iarraidh, anns am bheil bhur tlachd." Is e Criosd an déidh agus an tlachd, esan air am bheil am miann. Gu bhi sònachadh cuij de nithibh fa leth :—

Anns an eisampleir comh-chomuinn sin ri Iosa Criosd a tha againn ann an Dàn Sholaimh, tha so gu tric air a thoirt fainear. Tha 'chéile ag innseadh dhuinn gu bheil i suidh sios fo a sgàil le mòr thlachd, caib. ii. 3. Agus tha i 'deanamh aithnichte air iomadh dòigh cia cho beò agus cho gnìomhach as a bha a tlachd

ann ; ni mar an ceudna anns am buineadh dhuinne 'bhi 'saothrachadh clum ar eridheachan 'fhaotainn anns a' chleachdadadh cheudna d'a thaobh :—

1. Tha i'deanamh so aithnichte, anns a' cheud àite, le ro mheud a càraim air *comunn Chriosd a ghleidheadh*, air dhi aon uair 'fhaotainn, caib. ii. 7, "Cuiream mar fhiachaibh oirbh, a nigh-eanan Ierusaleim, air earbaibh agus air eildibh na macharach, nach cuir sibh dragh air, agus nach duisg sibh mo ghràdh, gus an àill leis féin." Air dhi comh-chomunn milis 'fhaotainn ri Criosd, air am bheil iomradh anns na rannaibh air thoiseach air so, agus air an do labhair sinn roimh, tha i a nis a' nochdadadh a toil-inntinn anns a' chomunn sin, agus a miann gu'm bitheadh e air a chumail 'an cleachdadadh ; agus uime sin, anu an leantuinn a mach an t-samhlachais a bha i roimh a' gnàthachadh, tha i a' labhairt mar neach r'a chompanach,—mar neach a' sealbhachadh suaimhneis ann an cuspair a ghràidh : "Cuiream mar fhiachaibh oirbh, air na h-uile ni a's ionmhuinn leibh,—air na h-uile ni anns am bheil bhur tlachd,—air na h-uile ni a tha ionmhuinneach am measg nan creutairean a's maiseiche,—air na h-uile ni a tha taitneach agus ion-nhiannaichte,—nach cuir sibh dragh air." Is e suim a càraim,—nach tarladh ni air bith, ann an rathad peacaidh no brosnachaidh, a dh'aobhairicheadh do Chriosd a dhol air falbh, no am frithealadh gràsmhor sin a bhriseadh d'a taobh, anns an robh e'gabhall a shuaimhneis maille ri. "O na cuiribh dragh air, agus na dùisgibh e gus an àill leis féin !" agus c'uin is àill leis féin ? cha-n àill gu bràth : tha am focal "àill" anns a' cheud chainnt gu tric a' ciallachadh "bith gràidh" no "dian-thograidh ;" mar sin, mar a tha neach ag ainmeachadh air an fhocal, Cha bhi *toil* aige féin gu bràth a bli air a dhùsgadh o chomunn gràidh na céile. Air do'n chreideach fior chomh-chomunn milis 'fhaotainn aon uair ri Criosd, tha e 'seasamh suas air tùr na faire, tha 'shùilean a muigh a' cairis nam buairidhean, le freiceadan air gach ceum air am feudadh am peacadh teachd na dhàil, air eagal toil-inntinn a chridhe a chur fo bhuaireas, agus a shuaimhneas 'na Thighearn agus 'na Shlànuighear gaoil a bhriseadh. Cionnus a nis a tha e 'eur mar fhiachaibh air féin nach bi ni sam bith air a dhéarmad no air a ghnìomhachadh leis, a dh' fheudadh an comh-chomunn so a fhuair e a mhilleadh ! Agus do bhràigh gur iad toil-inntinnean nàdurra eile, a' clionaodh an anama o chomunn Chriosd, an *dorus* gnàthaithe air am bheil na buairidhean sin gu coitehionn a' faotainn a stigh, a tha 'eur *triòblaid* air an t-suaimhneas a tha Criosd a' gabhall anns an

anam; uime sin is e dùrachd an anama sin, nach deanadh a chompanaich gnàthaichte air dhòigh sam bith a tharrning a thaobh le'n comhairlibh tälaidheach, a dh' ionnsuidh suidheachaidh eridhe anns nach b'urrainn Criodlachd no suaimhneas a ghabhail. An creideach sin aig am bheil Criodlachd 'na uehd, tha e cosmhul ri neach a fhuair creach ro mhòr, no nèamluid ro luachmhor. Tha 'shùilean a muigh air gach taobh, agus eagal air roimh na h-uile ni a dh' fheudadh làmh spùinnidh a chur ann. Tha saoibhreas a' cur dhaoine air faire; agus an uair a tha anam gràsmhor a' sealbhachadh Chriodlachd, anns am bheil saoibhreas agus ionnhasan na Diadhachd, tha a chridhe air freiceadan air eagal a chall. Mar is *barrachte an comh-chomunn*, is ann is mò an *cùram spioradail*; is comharadh cinniteach air eridhe *meallta*, seilbh air Criodlachd a bhi anns an aideachadh, agus mi-chùram anns a chleachdad.

2. Tha 'cheile a' nochdad a tlachd ann an Criodlachd, anns an dara àite leis cho neo-fhoighidneach as a tha i an uair a tha e as a sealladh, agus mar an ceudna le a dion-thogradh an déagh comh-chomuinn ni's ro dhlùithe ris. Caib. viii. 6, "Cuir mise mar sheula air do chridhe, mar sheula air do ghàirdean; oir làidir mar am bàs tha an gràdh; an-iochdmhor mar an uaigh an t-eudach: is éibhle teine 'éibhle-san, lasair ro gharg." Tha an samhlachas so, gun teagamh, air a tharrning o àrd-shagart nan Iudhach, ann an riochdachadh spioradail na h-eaglais fa chomhair Dhé. Bha aig an àrd-shagart uchd-éididh a' bhreitheanais a bha e gu ghiùlan air a chridhe, Ecsod. xxviii. 29, anns an robh ainmean chloinn Israeil air an gearradh, air mhodh gearraidi sheulan, agus ghiùlain e iad mar chuimhneachan an lathair an Tighearna. Bha an samhul sin aige mar an ceudna air a ghuailibh no air a ghaireannanibh, rainn 11, 12; a bha maraon a' riochdachadh sagartachd Chriodlachd, a tha 'giùlan ainmean nan uile a' s leis 'an lathair an Athar anns an "ionad a's ro naoimhe," Eabhd. ix. 24. A nis, tha'n t-seula air a' chridhe a' samhlachadh gràidh agus cùraim ro chaomh agus dlùth nan innigh, a tha 'fagail iomhaigh euspair a' ghràidh air a' chridhe. "Cuir mise," tha 'chéile ag ràdh, "mar sheula air do chridhe;"—"Bitheadh agam còmhnuidh sheasmhach ann an caomhalachd agus 'an truacantachd do ghràidh; bitheadh m' àite suaimhneis gun bhriseadh ann ad chridhe; air do chridhe dean mo sheuladh le comharadh gràidh nach fheudar gu bràth a dhubhadh a mach." Cha-n'eil an t-anam gu bràth riaraichte le smuaintibh mu ghràidh Chriodlachd dha. "O gu'n robh e air a mheudachadh ni's mò agus

ni's mò ! gu'n robh mi mar 'sheula air a chridhe !'" is i so a's cainnt dha. Cha-n e nach 'eil fios aig an anam 'na smuaintibh suidhichte gu bheil gràdh Chriosd da rireadh do-mheasrachaidh, agus nach comasach dha a bhi air a mheudachadh ; ach bu mhiann leis 'uile bhuaidhan a bhi air am fosgladh suas chum a bhi 'ga shealbhachadh : agus uime sin tha a chéile ag ràdh ann an so, "Cuir mi mar sheula air do ghairdean." Is e an eridhe an *tobar*, aeh tha e folaichte, dùinte ; is e an gairdean an gràdh air 'fhoillseachadh ann an cumhachd. "Bitheadh do ghràdh," tha i ag ràdh, "air 'fhoillseachadh dhomh ann a bhi 'cur impidh chumhachdaich agus chaoimh orm." Tha dà ni soilleir anns an tagradh so :—Criosd gun tàmh a' cuimhneachadh an anama, a chor a ghnàth fa chomhair a shùil, mar sheula air a' ghairdean, Isa. xlix. 15, 16, le 'chumhachd air 'àrdachadh a chum a dhòn, coimh-fhreagarrach ri gràdh a chridhe dha ; agus a ris, foillseachadh graidh agus cùram folaithe eridhe Chriosd do'n anam, air a dheanamh faicsinneach air a' ghairdean, no air a chur 'am follais 'na thoraidhean. Is e so an ni air am bu mhiann leatha dearbh-chìnnte 'fhaotainn : agus as eugmhais mothachaiddh air cha-n'eil suiamhneas r'a shealbhachadh.

Ach tha tlachd na còile gu sònruichte air 'fhoillseachadh anns an aobhar a tha i' toirt seachad air son dùrachd so a h-athchuingean : "Làdir mar am bàs tha an gràdh, an-iochdmhor mar an uaigh an t-eudach," no "cruaidh mar ifrinn." Is e so seadh an t-shamhlachais àird sin a tha i a' cleachdadh anns an rann so agus an rann a tha leantuinn :—"Cha-n'eil mi comasach oibreachadh mo ghràidh dhuit a ghiùlan, mar luidh mi sios ann an caidreamh do chomuinn a ghnàth. Cha riaraichear mo ghràdh as 'eugmhais. Tha 'thograidhean mar an uaigh, nach abair gu bràth, "Is leòir e." Cha riaraichear am bàs gun a chobhartach ; mar glac e na *h-uile* cha sàsaichear e. Cò a bheir dùblan d'a bheum, 'nuair a thig e 'na àm chomharaichte ? Cha dean éiric a làmh a philleadh. Is amhuil sin mo ghràdh ; mar faigh mo mhiann thu 'na d' iomlanachdaibh uile, tha m'anam falamh. Cha-n'eil e 'an comas an t-saoghail gu léir a thionndadh air falbh : mar nach pill am bàs 'na àm, cha phìll mo ghràdh o d' leantuinn. Do-ghiùlaint' 'an dealas tha m' eudach, a' luidh mar éibhlíbh fo bhuaireas nan smuain : am bheil do bhilean air druideadh am bàigh orm, chionn nach airidh mi comunn do chridhe ? an do phìll thu fo lasan a thaobh uam ? an do dhlobair mar dhaoinibh do ghràdh ? Cruaidh leam mar ifrinn na smuaintean so, ioma-luaisgte tha m'anam 'nam buillsgean : mar luidh

mi mar sheul' air do chridhe,—mar sheul' air do chridhe is do ghàirdean, is e mo shamhuil a neach sin a chuireadh 'na luidh air an-iochd nan àithinnean ténnteach." Tha so, ma seadh, a' taisbeanadh d'ian-chòerais naoimh a tlachd ann.

3. Tha e mar an ceudua ro chomharaichte o'n iomagain, agus o'n an-shocair, agus o'n *imcheist* anns am bheil i fo 'fholach a ghnùis. Ni daoine caoidh os ceann call' an ni sin anns an robh an toil-inntinn gu léir a' coinneachadh ; giùlainidh sinn gu furasda call an ni sin anns nach robh ar tlachd. Tha cor so na céile air a chur 'an solus ann an Caib. iii. 1—3, " Air mo leabaidh anns an oidhche dh'iarr mi an ti da'm bheil gràdh aig m' anam : dh'iarr mi e, ach cha d' fhuair mi e. Eiridh mi a nis, agus théid mi mu'n cuairt anns a' chaithir, anns na sràidibh, agus anns na slighibh farsuinn iarraigd mi esan d' am bheil gràdh aig m'anam : dh'iarr mi e, ach cha d' fhuair mi e. Thachair orm an luchd-faire a' dol mu'n cuairt anns a' chaithir : Am faca sibh an ti d'am bheil gràdh aig m' anam ?" Tha an oidhche a nis aig an anam,—ám dorchadair agus àmhaghair. Is oidhche do'n chreidleach a ghnàth e, an uair a tha Criod as a shealladh. Is esan a' *ghrìun* ; ma's e's gu'n teid i fodha, ma luidheas a sholus fo neul, mar faic iad solus 'na sholus, is dorchadas uile dhoibh e. Chan-eil e air 'ainmeachadh ann an so co aca a fhuair i mach Criod a bhi air falbh, air do oidhche àmhaghair éigin a bhi air teachd oirre, no am b'e Criod féin a bhi as a sealladh a rinn 'na oidhche dhi e. Tha sinn a' saoilsinn gur e an ni mu dheireadh dhiubh so a bha fior d'a taobh ; air is e Criod a bhi as a sealladh fath a gearain. Is oidhche dà rireadh e, dorch mar dhorchadas féin, an uair a tha Criod as an t-sealladh, eadhon 'am measg na h-uile toil-inntinn aidhealach eile. Ach am bheil a' chéile foisneach anns an t-suidheachadh so ? Tha i air a leabaidh,—is e sin, leabaidh na socair—tha e fior gu bheil an leabaidh air uairibh a' ciallachadh àmhaghair, Taisb. ii. 22 ; ach anns an leabhar so tha e 'ciallachadh fois' agus toil-inntinn : cha-n'eil an t-ionradh a's lugha air a dheanamh air àmlighar sam bith ach sin a tha mar thoradh air Criod a bhi as an t-sealladh ;—ach ciol air bith meud na sithe, agus cothrom na socair, cha-n'urrainn an creideach am mealtuinn agus Criod as a shealladh : ged a robh e air a leabaidh, gun ni sam bith eile 'eur dragh air, cha-n'eil suaimhneas aige, mar 'eil Criod, neach a's e a shuaimhneas, maille ris. " Dh' iarr mi e," tha 'chéile ag ràdh. Tha dà ni air am filleadh ann a bhi 'g iarraigd Chriod anns an oidbehe, air an leabaidh—*is e sin*, gu h-uaigneach, gu rannsachail, agus

anns an dorch :—an ceud ni, sgrùdadadh ar n-anama féin air son aobhair a *dhealachaidh*; agus, an dara ni, rannsachadh nan geallaidhean air son a *theachd*.

[1.] 'Nuair nach 'eil an t-anam a'faotainn Chriosd a làthair 'na dhòigh àbhaiseach, a' blàthachadh, ag eiridneadh, agus a' beothachadh a chridhe le a ghràdh,—a' fantuinn dlùth dha, a' gabhail a shuipeir maille ris, a' lionadh a smuaintean a ghnàth leis féin, a' sileadh mirre agus thoraidhean milis a ghràdh 'na bheul; ach 'an àite sin, smuaintean eile a' dòmhlaichadh gu h-imhecisteach m'a chridhe, agus Criod air falbh o 'ghlaodh; air ball tha e 'suidheachadh comhairle rannsachaidh, 'ga ghairm féin gu cunntas, "Ciod so a rinn mi? cionnus a ghiùlain mi mi féin 'nuair nach 'eil e maille rium mar anns na laithibh a dh'fhalbh? cionnus nach 'eil Criod dlùth dhomh mar a bu ghnàth leis?" Tha e nis a' dol 'an ceann sgrùdaidh dhìcheallaich; a' toirt fainear gràidh, agus caomhalachd, agus caoimhneis an Tighearn Iosa, an tlachd a tha e 'gabail ann a bhi 'fantuinn maille r'a naomhaibh, agus a' comh-dhùinadh nach ann idir gun aobhar no gun bhrosnachadh a dh'fhalbh e. "Ciod an cleach-dadh anns an d' fhuaireadh mi," tha e 'g ràdh, "gu'n do chaill mi Fear mo ghràidh? e' àite nis an do thionndaidh mo cheumann-an iomrallach 'an tòir air leannanaibh eile?" Agus air dha freumh an uile so a' lorgachadh a mach, cionnus a nis a tha e 'meudachadh ann an diom agus 'an dioghaltas 'na aghaidh féin!

[2.] Air do'n anam am féin-cheasnachadh so a thoirt gu *h-lre*, tha e nis a' cur aghaidh air geallaidhibh a' choimhcheangail, anns am bheil Criod gu ro ghràsmhor air a chumail a mach dha; tha e 'gan enuasachadh, fear an déigh fir, gun fhios nach ruig air a chridhe am millseachd;—tha e 'g anfharc gu dùrachdach a steach annta, gun fhios nach fhaic e plathadh fathast de ghnùis àluinn Chriosd ann an deadh-ghean. Ach, a nis, ma's e 's nach coinnich ris—mar nach coinnich gu tric—ach am *plaosg, litir lòm* a' gheallaidh,—mar 'eil ann dha ach an uaigh anns an do luidh e, mu'm feadar a ràdh (cha-n ann a thaobh a' gheallaidh ann féin, ach a thaobh ionndrain an anama), "Dh' éirich e, cha-n'eil e'n so,"—tha so 'ga lionadh le h-uamhunn, gun fhios aige ciod a ni e. Mar neach aig am bheil nèamhnuid ro luachmhor, agus a thaisgeas seachad e, mar a tha e féin a' smuaineachadh, ann an àite ro chinnteach, a chionn nach 'eil feum sònruichte aige dha anns an àm; ach air do theanntachd agus éigin coir teachd air, tha e sìneadh a làimhe air a shon, ach, mo thruaighe! cha-n'eil e idir ann;

tha so 'ga chur gu h-amhluadh, gun fhios aige ciod a ni e ;—is amhuil sin a tha e a thaobb nèamhnuid so an t-soisgeil. Air do dhuine gach ni a bha aige a reicceadh air a shon, agus a mhealtruinn ear tammill, cha-n iongantach a nis e bhi 'an tuairgneadh na h-imcheist, 'nuair nach 'eil sealladh aig air ann an àm 'theuma. B' ionann as so, ma seadh, cor na céile. "Dh' iarr mi e," tha i 'g ràdh, "ach cha d' fhuair mi e ;" mar nach ainnmig a tharlas dhuiinn ann ar comh-chomunn ri Criod.

Ach ciod a nis ? am bheil i air a chuis a thoirt thairis ? Ni h-eadh ; ach a deir i, rann 2, " 'Eiridh mi ;' cha dean mi so a thoirt thairis : feumaidh mi Criod 'fhaotainn, no bàsachadh. Eiridh mi a nis 'an ceann a' ghmothaich so."

[1.] Tha i 'rùnachadh *dòigh eile* a cleachdadadh,—sgrùdadadh nì's géire a chur air chois : " Eiridh mi 'an ceann mheadhonan eile a thuilleadh air an ùrnuigh uaigneich, air beachd-smuaineachadh, air féin-cheasnachadh, agus air rannsachadh nan geallaidean ;" anns an robh i air a cleachdadadh roimh so. Tha so a' nochdadadh,—

Anns a' cheud àite,—*Rùin suidhichte* air a taobh, anns am bheil i 'g éiridh suas gu h-eudmhòr, dìan, as an t-suidheachadh sin anns an do chaill i Fear a gràidh. " 'Eiridh mi ;' cha luidh mi sios fo'n chor so : ma dh' fhanas mi 'an so theid as dhonmh." Is amhuil sin a tha Dia air uairibh a' gairm na h-eaglais chum éiridh suas agus i féin a chrathadh o'n duslach, Isa. lii. 2. Na fan, anam, anns a' chor so.

Anns an dara àite,—Tha so a' taisbeanadh *dìchill* air a taobh. " Gabhaidh mi a nis *dòigh eile* ; cha-n ftag mi slighe gun rannsachadh, no meadhon gun gnàthachadh, anns am feud mi air dhòigh sam bith comh-chomunn 'ath-nuadhachadh ri Fear mo ghràidh.

Is e so suidheachadh an anama sin nach 'eil a' sealbhachadh làthaireachd gnàthachichte Chriod ann an dleasannasaibh an uaigneis,—marbh ann an ùrnuigh, faondrach ann am beachd-smuaineachadh, tearc ann an smuaintibh uime,—" Cha ghiùlain mi leis a chor so : ciod air bith meadhon a chomharaich Dia, tha mi 'rùnachadh 'na neart féin an cleachdadadh gu dùrachdach, gus am bi e air 'atharrachadh, agus gus am faigh mi seilbh air Fear mo ghràidh."

[2.] Is e am meadhon a tha i a nis a' gnàthachadh, *éiridh agus dol mu'n cuairt anns a' chaithir*. Gun a bhi 'leudachadh air nithibh fa leth, no a' tarruing a mach an t-samhlaidh tuilleadh as fada, tha a' chaithir ann an so a' ciallachadh caithreach Dé,

an *eaglais*; agus imeachd na céile tre na sràidibh, agus na slighibh farsuinn, a' ciallachadh rannsachaidh dhùrachdaich an anama ann an slighibh agus 'an òrduighibh an t-soisgeil. Is e so, ma seadh, an ni air am bheil i a nis a' eur a h-aghaidh chum a bhi 'faotainn Chriosd:—'nuair nach 'eil an t-anam 'ga fhaotainn anns an uaigneas, tha e 'cur aghaidh dhìchiollaich air na meadhonaibh follaiseach; ann an ùrnuigh, ann an éisdeachd an fbocail, agus 'am frithealadh nan òrduighean, chum seilbh fathast 'fhaotainn air. Gu cinnteach, is e gnothaich mòr anaman nan creideach anns na h-uile meadhon, a bhi 'faotainn Chriosd. Anns an tomhas anns am bheil iad 'ga fhaotainn annta, anns an tomhas cheudna tha millseachd agus ùrachadh sam bith ac' annta. Is e so an ni a tha gu sònruichte r'an aghaidh 'nuair a tha iad fo 'fhollach a ghnùis: tha iad a' toirt an ro aire do gach focal, ag eisdeachd ris gach ùrnuigh, gun fhios nach coinnich iad ri ni-éigin de Chriosd, ni-éigin de sholus, de bheatha, no de ghràdh annta. "Oh, gu'n coinnicheadh Criosd ri m' anam anns an t-searmon so, no anns an t-searmon ud eile, agus mo chridhe boehd a bheothachadh le a ghràdh, agus a neartachadh le briathraibh a chaoimhneis!" Tha ionagain a' chreidich, gu cinnteach, do-labhairt ag iarraidh Chriosd, agus gun a bhi 'ga fhaotainn, aon chuid 'na chomh-fhurtachd no na ghràs, mar anns na làithibh a dhifhalbh. Tha mòran de'n ionagain eridhe so air 'fhlileadh ann an dùblachadh cainnt' na céile, "Dh' iarr mi e, dh' iarr mi e;" a' nochdadh miann do-mheasrachaidh, agus dian-thograigd ghniomhaich coimh-fhreagarrach ris. Air dhi a bhi mar so air a mealladh aig a bhaile, tha i a nis a' gabhail air a h-aghaidh.

Ach faiceamaid fòs *crioch* a' mheadhoin so mar an ceudna: "Dh' iarr i e, ach cha d' fluair i e." Tha so air uairibh a' tachairt mar an ceudna, gu'm bi na h-uile ni, mar gu'm b'ann, gun tairbhe: "Iarraidh iad e, agus cha-n fhaigh iad e;" cha tig iad 'am fagus da. Bitheadh iadsan air am facill a tha 'mealtuinn tomhais sam bith de lathareachd Chriosd; ma 's e 's gu'm brosnaich iad e gu falbh, ma 's e 's gu'n caill iad e, theagamh gu'n cost e ionadhl sgrìudadhl deurach dhoibh mu'm faigh iad a ris e. Is eor bronach e, gu cinnteach, an uair a tha anam bochd ag ùrnuigh agus a' beachd-smuaineachadh, a' rannsachadh nan geallaidean anns an uaigneas, a' cleachdadh nam meadhona follaiseach gu dichiollach, dhùrachdach, chum aoin phlathaidd 'fhaotainn de ghnùis an Tighearn Iosa, agus gidheadh na h-uile ni gun tairbhe.

Ciod a nis a tha 'leantuinn anns a' chor so? Rann 3, "Thachair orm an luchd-faire." Tha sinn ag aideachadh gur iad so luchd-faire caithreach Dé, no luchd-faire agus luchd-dreuchd na h-eaglais. Agus tha e brònach r'a smuaineachadh, gu bheil an Spiorad Naomh a' labhairt m'an timchioll anns an leabhar so, ann an rathad air uairibh nach 'eil idir cliùiteach dhoibh. Ann an caib. v. 7, tha iad gu soilleir 'an ceann na geur-leanmhuinn. Bha e 'na fhocal aig Luther, "Nach robh an diadhachd gu bràth ann an cunnart ach an uair a bha i eadar làmhaibh an luchd-aideachaidh a b'airde." Ach ann an so tha iad de nàdur ni's stuaime, oir tha iad a' toirt fainear coir bhrònaich an anama bhochd' dhubhaich.

Is e dleasannas an luchd-faire sin a tha dìleas a bhi 'toirt an aire do na h-anamaibh bochda sin a tha 'g imeachd gu tùirseach fo fholach gnùis an Tighearna;—cha-n ann a' seasamh am fad air falbh, ach a' taisbeanadh gach uile dheadh-thoile ann a bhi 'gan cuideachadh. Agus an t-anam sin a tha da rìreadh air a chur thuige do bhrigh neo-làthaireachd Chriosd, cha-n urrainn e folach a chur air a ghràdh, feumaidh e 'bhi 'sealltuinn air gach taobh air a shon: "Am faca sibh esan d'am bheil gràdh aig m' anam?"—"Is e so mo chor: bha comunn blasd' agam maille ri mo Thighearn Iosa beannaichte,—tha e nis air tionndadh air falbh uam. Am bheil e 'n'ur comas mo chuideachadh? no mo threòrachadh a dh' ionnsuidh mo shuaimhlneis? Ciod an t-eòlas a tha agaibh air? e' uine a bha e idir air 'fhaicinn leibh? Cionnus a dh' fhoillsich se e féin duibh? ciod anns an d' fhuaireadh leibh e?" Tha saothair so an anama, do bhrigh Chriosd a bhi as a shealladh, a' nochdadh gu soilleir a thlachd 'na làthaireachd. Ach ceum ni 's fhaide, agus tha so ni's soilleire fathast, far am bheil an t-anam air Chriosd 'thaotainn aon uair eile. Rainn 4, 5, "Cha deachaidh mi ach beagan air m' aghaidh uatha, 'nuair a fhuair mi esan d' am bheil gràdh aig m' anam; rinn mi gréim air, agus cha leiginn as e, gus an d' thug mi e do thigh mo mhàthar, agus d'a seòmarsa a rug mi. Cuiream mar thiachaibh oirbh, a nigheanan Ierusealm."

Anns a' chend àite,—Tha i ag innseadh coinnus a thàinig i ann an seilbh air; "Thuair i e;"—cha-n'eil na meadhona anns an d' fhuair i e air an ainmeachadh. Tha so gu tric a' tachairt 'n ar comh-chomunn ri Chriosd, 'nuair a tha meadhonan uaig-neach agus follaiseach air am faotainn neo-tharbhach, agus nach d' flagadh aig an anam ach a bhi 'feitheamh gu fòil, agus ag

imeachd gu h-iriosal na fhiannis, gu bheil Criod 'an sin 'ga fhoillseachadh féin, chum a bhi 'deanamh aithnichte a shoir ghráis anns an fhoillseachadh sin. Na tugamaid aig àm sam bith thairis anns a' chor so. Ged a dh' fhendadh na h-uile meadhon a bhi gun tairbhe dhuinn, ged a robh am fogharadh air dhol seachad, agus an samhradh thairis gun saors' a bhi air teachd,—nuair nach dean sgrùdadh na leapach no comhairle an luchd-faire ar eildeachadh,—fanamaid ear tiota big, agus chi ar suilean Slàinte Dhé. Tha Criod air uairibh a' cur urraim air cleachdadh neo-mheadhonach agus àrd-uachdarach a ghráis, ged a tha e gu coitchionn a' cur a' chrùin air a mheadhonaibh suidhichte. Tha e 'ga fhoillseachadh féin gu triu gu neo-mheadhonach, an taobh a mach de na meadhonaibh gnàthachichte, dhoibh-san a tha 'feitheamh air annta sin;—cha-n aithne dhuinn gu'n dean e sin d'an taobh-san a tha 'g an eur ann an dimeas. Ged a bheir e coinneachadh gràsmhor do dhaoinibh 'na shlighibh féin 'nuair nach robh sùil ris, gidheadh cha choinnich e idir riu a mach as a shlighibh. Feitheamaid mar a dh' aithne e, thigeadh e mar is toil leis. Tha i, *anns an dara àite*, a' nochdadh cionnus a ghiùlain si i féin d'a thaobh an uair a fhuair i e : "Rinn i gréim air, agus cha leigeadh i as e." Tha 'chainnt sin gu léir a tha i 'gnàthachadh a' taisbeanadh an aoibhneis agus an tlachd a's ro àird. Is i suim an iomlain:—air do'n amain a theachd aon uair eile gu bhi 'sealbhachadh comh-chomuinn mhilis ris an Tighearn Iosa, tha e 'deanamh greim daingeinn air tre chreidimh—oir is gnìomh creidimh "gréim daingeann" a dheanamh,—a' diùltadh, ann an déinead a ghràidh, a leigeadh as gu bràth,—ag oidhirpeachadh a chumail ann am meadhonaibh tigh' a mhàthar, eaglais Dé; agus mar sin a' gnàthachadh gach meadhon gu bhi 'daingneachadh a' chomh-ghràidh a tha eadar Criod agus e féin: tha na h-uile focal agus samhladh a tha air an cleachdadh ann an so a' taisbeanadh an tlachd a's ro àird a th' ann an comas an anama. Nam b'e as gu'n leanamaid a mach gach eis-empleir agus fianuis air an tlachd so a th' ann an leabhar Dàin Sholaimh a mhain, b' éigin gu'n deanamaid nìneachadh a tharruing a mach air a chuid a's mò dheth; ni nach 'eil sinn a' rùnachadh aig an àm. Deanadh cridheachan nan naomh aig am bheil eòlas anns na nithibh so an comh-dhunadh a tharruing iad féin. Ciòd air am bheil an uile mhiann? ciòd anns am bheil an aoibhneas? ciòd e sin anns am bheil sàsúchadh anama aca, agus a tha 'dòrtadh millseachd 'nan spioradaibh anns na h-uile suidheachadh? ciòd an *call* roimh am bheil eagal orra?

ciod a tha do-ghiùlainte dhoibh a bhi as 'eugmhais? Nach e so e, eadhon Fear an gràidh, agus esan a mhain?

Tha iad a' taisbeanadh so, mar an ceudna, *anns an tlachd a th' aca anns na h-uile ni a bhuineas air dhòigh àraidih do Chriosd*, mar a chuid fein, anns an t-saoghal so. Tha so 'na dhearbhadh air tlachd, 'nuair a tha tlachd againn air a sgàth anns na h-uile ni a bhuineas do chuspair ar tlachd. Tha cuibhrionn àraidih Chriosd anns an t-saoghal so a' coimh-sheasamh 'na phobull agus ann an òrduighibh a thighe,—muinntir a theaghlaich agus an teachd-an-tìr. A nis tha tlachd ro mhòr aig na naomhaibh annta so araon air a sgàth. Tha eisempleir againn air an dà ni so ann an aon duine, eadhon, Daibhidh, Salm. xvi. 3, "A thaobh nan naomh a tha air thalamh, agus nam flath; tha mo tlachd uile annta." Tha Criosd ag ràdh m'an eaglais, Isa. Ixii. 4, "Bean mo rùin," no "Mo tlachd imnte." Agus ann an so tha Daibhidh ag ràdh m'a timechioll, "Mo tlachd annta." Mar a tha tlachd Chriosd anns na naomhaibh, is amhuil sin a tha tlachd nan naomh ann an aon a chéile, air a sgàth. "Annta-san," a deir Daibhidh, "tha mo tlachd uile." Ciod air bith toil-inntinn a dh' fheudadh a bhi aige ann am muinntir eile, cha bu ni sam bith e 'an coimeas ris an tlachd a bha aige anns na naomhaibh. Uaith so tha iomradh air a dheanamh air a bhi "leagadh sios ar n-anama air son nam bràithrean," no air son aobhair choitchinn sam bith anns am feud maith chomh-fhlaitheachd nam bràithrean a bhi fillte suas.

A rìs, a thaobh òrduighean a thighe, tha Daibhidh na eisempleir againn mar an ceudna. Ann an Salm xlii., lxxxiv., agus xlviii., tha fianaisean cho lionmhor againn air so as nach 'eil aobhar dhuinn a bhi 'leudachadh; ni mo a tha sinn a' rùnachadh ceann-teagaisg nuadh a thogail as a thaobh an ni so.

Is e so, ma seadh, an ceud ni a tha 'sruthadh mar thoradh a' ghràidh chàraidh sin a tha eadar Criosd agus creidich, ann an comh-chiomunn gach aon r'a chéile:—*tha tlachd aige annta, agus tha'n tlachd-san annsan.* Tha tlachd agus toil-inntinn aige 'nan soirbheachadh; tha tlachd aca-san 'na onoir, agus 'na ghlòir, agus 'na lìthaireachd maille riù. Air a sgàth-san tha'n tlachd 'na sheirbhisich—ged a dh' fheudadh an saoghal a bhi 'deanamh tair orra—mar fhlaitheibh na talmhainn; agus 'na òrduighibh, mar ghliocas Dé,—a dh' fheudas a bhi 'nan amaideas do dhaoinibh an t-saoghal so.

CAIBIDEIL V.

Aignidhean eile 'tha leantuinn an dàimh pòsaidh so :—1. Air taobh Chriosd—Tha meas aige air a naomhaibh—Dearbhailean air a mheas so :—(1.) A theachd 'san fheòil ; (2.) Féin-fhalamhachadh Chriosd, 2 Cor. viii. 9 ; Phil. ii. 6, 7 ; (3.) 'Umhlachd mar òglach ; (4.) A bhàs. A mheas orra 'an coimeas ri muinnitir eile. 2. Meas nan creideach air Criod ;—(1.) Tha meas aca air os ceann gach ni agus neach eile ; (2.) Os ceann am heatha fein ; (3.) Os ceann gach subhaile modhannail. Suim an iomlain air taobh Chriosd—Air taobh nan creideach. An treas aigneadh càraideach—Air taobh Chriosd, truacantachd—Ciod anns am bheil e aithnichte—Comh-fhulangas maille riu agus compairteachadh gràis, toraidhean na truacantachd—Iomadh rathad anns am bheil Criod a' fuasgladh air a naomhaibh fo bhuaireidhibh—A thruacantachd 'nan àmhgharaibh. Geannuidheachd, an treas aigneadh càraideach air taobh nan naomh. An ceathramh—Air taobh Chriosd, toirbh-eartas ; air taobh nan naomh, dleasannas.

II. THA Criod a' cur meas air na naomhaibh, tha iad luachmhor 'na shealladh—ni a's e an dara aigneadh càraideach a tha e 'cleachdadh d'an taobh,—air dha an toirt anns an dàimh pòsaidh sin ris féin air am bheil sinn a' labhairt. Cha'n-eil aobhar dhuinn a bhi buanachadh fada ann a bhi dearbhadh an ni so ; tha nèamh agus talamh a' deanamh fianuis air. Fendaidh beagan bheachdan solus a thilgeadh air. Beachdaicheamaid orra, ma seadh,—1. *D'an taobh féin* ; 2. *A thaobh muinnitir eile* ; agus bitidh e aithnichte ciod am meas a tha aige orra :—

1. Bha na h-uile ni a rinn e riàmh agus a tha e nis a' deanamh, bha na h-uile ni a ghiùlain agus a dh' fhulaing e mar eadar-nheadbonair, air an sgàth-san. A nis, bha na nithe so cho mòr agus cho doilgheasach, as nach gabhadh e gu bràth os làimh an coimhlionadh agus an giùlan, mar bitheadh meas aige orra os ceann na dh' fheudas a bhi air a labhairt. Gabhaibh beagan eisampleir :—

(1.) Air an sgàth-san “rinueadh e 'na fheòil ; dh' fhoillsich-eadh e anns an fheòil,” Eoin i. 14. “Mhend 's gu bheil aig a chloinn comh-roinn a dh' fheòil agus a dh' fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin,” Eabh. ii. 14. Tha'n t-abstol ag àrdachadh ro mhend a' mheas so anns an do chuir e iad : Rann. 16, “Gu deimhin cha do ghabh e nàdur nan aingeal air, ach ghabh e siol Abrahaim air ;” cha robh a shamhuil sin de mheas aige air ainglibh. Cò aea a thuigeas sinn am focal

sin "ghabh" ann an rathad "comh-roinn a ghabhail," mar anns an eadar-theangachadh againne, agus mar sin e 'bhi 'caillichadh gu'n do ghabh e ar nàdur d'a ionnsuidh féin, air dha teachd 'san fheòil, agus nach do ghabh e nàdur nan aingeal ; no a thuigeas sinn e ann an rathad a bhi "cuideachadh" (cha do chuidich e nàdur nan aingeal, ach chuidich e siol Abrahim,) agus mar sin ag amhare air mar thoradh a theachd 'san fheòil,—thig e gus an aon ni a thaobh am meas sin air am bheil sinn a' labhairt : tha e ro shoilleir gu'n do ròghnaich e siol Abrahim air thoiseach air ainglibh, agus mar sin a' cur an tuilleadh meas orra. Agus thugaibh fainear, a mheud 's gu'n d' thàinig e a chuideachadh sìl Abrahim,—is e sin, *creidich*, tha meas aige orra-san a mhain.

(2.) Air an sgàth-san rinneadh e 'na fheòil ann an leithid sin de rathad as gu'n d' rinneadh *fulumh e dheth féin*, ionnus gu'n do chuireadh a ghlòir fo dhuibhre, agus gu'n d' rinneadh bochd e air an son, 2 Cor. viii. 9, "Oir is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Iosa Criosd, ged a bha e saoibhir, gidheadh gu'n d'rinneadh bochd e air bhur son-sa." Ged a bha e saoibhir ann an glór siorruidh maille r'a Athair, Eoin xvii. 5, gidheadh rinneadh bochd e airson nan creideach. Am pearsa ceudna sin a bha saoibhir, rinneadh bochd e. Tha e soilleir gur e saoibhreas na Diadhachd a mhain a's urrainn a bhi air a chiallachadh ann an so, do bhrigh gu bheil e air a chur ma choinnimh na bochd-ainn sin a ghabh e air féin mar dhuine. Tha so mar an ceudna air a chur an céill ni's farsuinne ann am Phil. ii. 6, 7, "Neach air bhi dha ann an cruth Dhé, nach do mheas e'na reubainu e féin a bhi coimh-ionann ri Dia, ach chuir se e féin ann an dimeas, a' gabhail air féin cruth seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine, agus air 'fhangail ann an cruth mar dhuine." Tha ionadh ni a' dearbhadh gu bheil "cruth Dhé" ann an so a' ciallachadh bith na Diadhachd ; mar,—

[1.] Gu'n robh e anns a' chruth sin coimh-ionann ri Dia ; is e sin, an t-Athair. A nis, cha-n'eil ni sam bith coimh-ionann ri Dia ach Dia féin. Cha-n'eil eadhon Criosd féin mar eadar-mheadhonair, 'na ghlòir a's ro àirde,—is e sin a mhain a tha neo-chriochnach, a tha coimh-ionann ri bith neo-chriochnach.

[2.] Tha *cruth Dhé* air a chur mu choinnimh *cruth seirbhisich* ; agus tha an cruth seirbhisich sin air a ghairm "cruth mar dhuine," rann 8,—an cruth sin anns an d' fhuair-eadh e 'nuair a thug se e féin thairis chum a' bhàis, agus anns an do dhòirt e mach 'fhuil mar dhuine chum bàis. Tha ràdh

sin an abstoil, "a' gabhail air féin cruth seirbhisich," air a mbíneachadh anns na briathraibh a leanas le bhi "air a dheanamh ann an coslas dhaoine,"—cainnt a tha air a gnáthachadh ann an Rom. viii. 3, gu bhi 'cunail a mach a theachd anns an fheòil. Chuir Dia e "ann an coslas feòla peacaich :" ann an gabhail fior fheòil bha e ann an "coslas feòla peacaich." A nis, ann a bhi deanamh so, "dh' irioslaich se e féin,"—dh' fhalamhaich se e féin, chuir se e féin ann an dìmeas. Ann an dearbh ghabhail na feòla, bha irioslachadh agus isleachadh air a dheanamh air pearsa Mhic Dhé ; cha b' urrainn e bhi deanta as eugmhais sin. Ma 's e as gu'n d' islich Dia e féin ann a bhi "'g amhare air na nithibh a th' annus na nèamhaibh, agus air an talamh," Salm cxiii. 6, tha e gu cinuteach 'na isleachadh do-mleasrachaiddh, cha-n e mhain a bhi 'g amhare air, ach a bhi 'gabhair ar nàduir a dh' ionnsuidh aonaidh pearsanta ris féin. Agus ged nach bu ehomach gu'm bitheadh ni sam bith de ghlòir bith na Diadhachd air a lughdachadh, gidheadh air do phearsa Mhic Dhé a bhi air 'fhoillseachadh ann an coslas duine, agus ann an cruth seirbhisich, bha glòir a' phearsa sin, a thaobh foillseachaidh, air a cur fo dhuibhre ; agus nochdadh e mar neach gu h-iomlan eadar-dhealaichte o'n dearbh neach sin a bha e ann, aig an àm sin, agus o'n uile shiornuidheachd. Do bhrigh so tha e 'guidhe air an Athair, "Glòraich thusa mise maille riut féin, leis a' ghlòir a bha agam maille riut mu'n robh an saoghal ann," Eoin xvii. 5 ; tha e 'guidhe air son foillseachaidh na glòire sin. Agus mar sin, ged nach robh *nàdur* na Diadhachd air 'isleachadh, bha *pearsa* so na Diadhachd mar sin.

(3.) Air an sgàth-san dh' islich se e féin, ann an ghabhail na feòla, ionnus gu'n d' rinneadh e 'na *sheirbhiseach*,—fo dhimeas ann an stùlibh an t-saoghail ; agus 'na fhìor òglach do'n Athair. Air an sgàth-san dh' irioslaich se e féin, agus bha e ùmhail. Tha na h-uile ni a riinn e, agus na h-uile ni a dh' fhuiling e na bheatha, a tighinn fo'n bheachdachadh so air mar sheirbhiseach, —nithe a dh' fheudar a chruinneachadh gu léir fo na trì chinn so :—[1.] *Coimhlionadh gach uile fhìreantachd*. [2.] *A' giùlan gach uile ghnè geur-leaumhuinn agus cruaidh-chàis*. [3.] *Ag oibreachadh gach uile ghnè mhaith do dhaoinibh*. Air an sgàth-san ghabh e air féin beatha nan athchuingean, nan deur, nan eagal, na h-ùmhachd, nam fulangas, Eabh. v. 7, 8 ; agus so uile le tlachd agus toil-inntinn, a' gairm de'n t-seirbhis "a bhiadh agus a dheoch," agus ag aideachadh lagh na h-ùmhachd so a bhi 'na chridhe, Eabh. v. 7, 8,—gu'n robh e réidh ri toil

so Dhé a choimhlionadh. Esan a ni dioghaltas eagalach air muinntir eile a sheasas suas 'na aghaidh anns an ni a's lugha, bha e toileach ni sam bith, seadh, na h-uile ni, a ghiùlan air son nan creideach.

(4.) Ach cha b'e so uile, oir—chum na h-uile ni eile a rinn e a thoirt gu fairfeachd—bha e *ùmhail gu bàs* air an son, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh. Mar sin féin tha e 'g aideachadh do'n Athair, Eoin xvii. 19, "Air an son-san tha mise 'gam naomhachadh féin;"—"Tha mi 'gam choisrigeadh féin mar thabhartas, mar lobairt, chum a bhi air mo mharbhadh." B'i so a' chrioch a chuir e air thoisearch air féin anns na h-uile ni a rinn e roimh, eadhon, bàsachadh; bha e air a bhreith, agus bha e beò air thalamh, chum gu'm bàsaicheadh e. Chuir e 'an luach iad os ceann a bheatha féin. Agus na'm feudamaid fantuinn ann an so, gu bhi 'beachdachadh car tannuill ciod a bha anns a' bhàs sin a dh' fluiling e air an son, chitheamaid 'an sin da rìreadh ciod an luach anns an do chuir e iad. Bha *mallachadh an lagha* anns a' bhàs so, bha *fearg Dhé* ann, bha *folach guùis Dé* ann. B' e eupan ro eagalach de'n do blhais e, agus a dh'òl e, chum nach blaiseadh iadsan gu bràth dheth. Cò an duine 'bhitheadh toileach, air son deich mìle saoghal, a bhi 'fulang an aon ni sin a dh' fluiling Criod air ar son ann an trèigsinn Dhé air, ged nach bitheadh tomhas air bith àmhaghair coimhcheangailte ris, ach sin a bhitheadh neach nach robh ach 'na chreutair a mhain comasach a ghiùlan! Tha e féin ag innseadh dhuinn ciod iad na smuaintean a's àirde a dh' fheudas a bhi againne a thaobh an ni so Eoin xv. 13, "Gràdh a's mò na so cha-n'eil aig neach air bith, gu'n leigeadh duine 'anam sios air son a chairdean." Cha bhitheadh e comasach dearbhadh ni bu mhò air gràdh a nochdadh na so. Ciod tuilleadh a tha comasach do neach air bith? Gidheadh tha e 'g innseadh dhuinn gu bheil a ghràdh-san ag éiridh os ceann so uile, Rom. v. 8, "Tha Dia 'moladh a ghràdh féin duinne, do bhrigh 'nuair a bha sinn fathast 'nar peacaich, gu'n d' fluiling Criod bàs air ar son." Rinn e so an uair a bha sinn 'nar peacaich, agus 'nar nàimhdean, a dh' fheudadh e ann an ceartas a sgrios. Ciod tuilleadh a's urrainn a bhi deanta?—bàsachadh air ar son an uair a bha sinn 'nar peacaich. A leithid sin de bhàs, ann an leithid sin de dhòigh, le a leithid sin de choimh-mheasgadh feirge agus maliachaiddh,—bàs anns an robh a' chuid a bu mhiosa a bhagair Dia riàmh an aghaidh peacaiddh,—nach 'eil so a' nochdadh luach cho mòr a bhi air a chur oirnn as a bha

eridhe Chriosd féin comasach a ghabhail ! Ma 's e as gu'n dealaich neach r'a ghliòir, agus r'a shaoibhreas, agus r'a fhois, agus r'a bheatha, agus ri comhfhurtachd gràidh Dhé, chum a bhi 'fulang call, agus maslaidh, agus feirge, agus mallachaidh, agus bàis, air son neach eile, — nach 'eil so da ri'readh a' nochdadhl luach ro ionmhuinneach d'a thaobh ; agus tha an t-abstol ag innseadh dhuinn gu'n robh so uile ann, Eabh. xii. 2. Gu cinnteach bha meas aig Criod orra a bha ro ghràdhach, 'nuair a bha e toileach dealachadh ris gach ni a bha aige, a roghainn air iadsan a dhol am mugh, agus nach bitheadh iad 'nan seilbh aige chum an deanamh 'nan luchd-comhpait d'a ghliòir, Eph. v. 25, 26.

Ach c' nine a chitheamaid crìoch air eisempletiribh 'ainmeachadh a thaobh an luach anns am bheil creidich a' seasamh do Chriosd, mar a tha sin air a thaisbeanadh leis anns gach saorsa 'tha e 'g oibreachadh dhoibh,—air a nochdadhl 'nan àmhgharreibh uile, anns gach cor *peacaidh* agus *fulangais*? nach 'eil na h-uile ni a rinn e, na h-uile ni a tha e nis a' deanamh 'na eadar-ghuidh, na h-uile ni o'm bheil e 'gan saoradh, na h-uile ni a tha e 'faontainn air an son, a' deanamh fiamuis air gur iad ubhall a shùla, a nèamhnuid, agus a chrùn.

2. A mheas orra 'an coimeas ri muinntir eile. Cha-n'eil anns an *t-saoghal* uile ach neo-ni dha-san 'an coimeas riu. Is iad-san a *lios* ; tha a' chuid eile de'n *t-saoghal* mar *fhàsuich* ; "Is lios glaiste thu, a phiuthar, a chéile ; fuaran dùinte, tobar air a sheulachadh," Dán Shol. iv. 12. Is iad-san 'oighreachd ; a' chuid eile, a naimhdean, gun luach sam bith 'na shealladh. Mar sin Isa. xlivi. 3, 4, "Oir is mise an Tighearn do Dhia, Ti naomh Israel, d' fhear-saoraidh ; thug mi an Eiphit ann ad éirc ; Etiopia agus Seba air do shon. A chionn gu'n robh thu luachmhòr ann am shealladh, fhuair thu urram, agus thug mise gràdh dhuit, uime sin bheir mi daoine air do shon, agus sloigh 'an éirc d'anama." Is e an t-aobhar gu bheil Criod 'ga cleachdadhl féin mar so a thaobh na h-eaglais, ann an dealachadh ri muinntir eile air a son, eadhon gu bheil i gràdhaithe leis. Tha i luachmhòr agus urramach 'na shealladh ; agus uime sin tha am meas mòr so aig oirre. Tha uile rioghachdan na talmhainn air am buileachadh leis, maille ris gach gnothach a bhuineas doibh, a réir 's mar a bhitheas sin a chum maith nan creideach. Ann an uile chriath-raidhean nan rioghachdan, tha sùil Dhé air tigh Israel ; cha chaillear an silean a's lugha dheth, Amos ix. 9. Ma dh' amh-airceas sinn suas do nèamh, tha ainglean air an comharachadh

dhoibh mar luchd-frithealaidh, Eabh. ii. 14. Ma dh' amhaireas sinn air feadh na talmhainn, tha na rioghachdan gu coitchionn aon chuid air am beannachadh air an sgàth, no air an sgris 'nan éirie,—aon chuid air an cumail suas gu bhi 'g an dearbhadh, no air an cur air eùl air son an an-iochd d'an taobh ; agus gheibh iad am binn dheireannach o bheul Chriosd, a réir mar a chleachd siad iad féin a thaobh na muinntir maslaichte so. Air an sgàth tha postan na talmhainn air an daingneachadh 'n an àite, agus, fad-fhulangas air a chleachdadadh a thaobh an t-saoghal a tha 'dol am mugha. Ann am focal, tha meas aig Criosd air a' chreideach a's diblidh, agus a's anmhuinne, agus a's bochda air aghaidh na talmhainn, os ceann a' chuid eile de'n t-saoghal gu léir. Nam bitheadh ar eridheachan gu trié air an lònadh le smuaintibh m'an ni so, bhitheadh ar sólas gu mòr air a mheudachadh.

Coimh-fhreagarrach ri so, tha *meas mar an ceulna aig creidich air Criosd* ; tha meas ac' air os ceann an t-saoghal gu léir, agus gach ni a tha ann. Bha so air a leigealbh ris ann an cuid a cheana, anns an ionradh a rinneadh air an tlachd ann, agus an ionndrain 'na dhéigh. Is i cainnt Dhaibhidh cainnt an eridheachan d'a thaobh a glìath, "Cò a th'agam anns na neamh-aibh ach thusa ? agus 'an coimeas riut cha-n'eil neach air thalamh air am bheil mo dhéigh," Salm lxxiii. 25. Cha dean nèamhl no talamh cuspair a chur r'an aghaidh a dh'fheudas air dhòigh sam bith a bhi air a choimeas ris, anns an urrainn iad tlachd a ghabhal.

1. Tha meas ac' air *os ceann na h-uile ni agus na h-uile neach eile*. "Bu ròghnaiche leam," deir Luther, "bàs 'fhulang maille ri Criosd, na rioghachadh maille ri Ceasar. Ge maiseach an talamh, agus ni's ro mhaisich' an speur, tha crùn gach uile mhaise air ceann an Tighearn Iosa ;"—Criosd agus slochd a' phriosain, Criosd agus crann-ceusaидh, tha so gu neo-chriochnach ni's mìlse d'an anamaibh na crùm agus slat-rioghail as 'eugmhais. B'e so roghainn Mhaois, Eabh. xi. 26, "Mheas e gu'm bu mhò an saoibhreas masladh Chriosd na ionmhais na h-Eiphit." Is e masladh Chriosd an toradh a's miosa a dh'fheudas aingidheachd an t-saoghal no naimhdeas Shatain a leagadh air a luchd-leannmh-uinn. Cha robh ionmhais air thalamh anns na làithibh sin cho mòr ri ionmhais na h-Eiphit ; agus rinn Maois tàir air a' chuid a b'fhearr de'n t-saoghal, air son a' chuid a bu mhiosa de chrannc-eusaïdh Chriosd. Seadh, chuir Criosd féin 'an céill do chreidich, nam bitheadh gràdh aca do ni air bith, athair no mathair, air thoiseach air féin, nach b'airidh air iad. Is e ceud ionnsachadh

an t-soisgeil, cùl a chur ris na h-uile ni air son Chriosd. B'e so an dearbhadh a chuireadh air na deisciobluibh o shean, "Dealailch ris na h-uile ni, tog an crann-ceusaidh agus lean mise ;" agus mar 'eil an inntinn agus an eridhe ceudna annainne, cha bhuin sinn da.

2. Tha meas ac' air *os ceann am beatha féin*. Gniomh. xx. 24, "Cha-n 'eil mi a' meas m'anama féin luachmhor dhomh, chum gu'n criochnaich mi mo thuras le h-aoibhneas, agus gu'n coimhlion mi a' mhinistreileachd a fhuair mi o'n Tighearn Iosa;" — "Mo chead do'n bheatha féin, agus do na h-uile ni eile, chum seirbhis a dheanamh dha, agus a chum, 'n uair a tha mo thuras air a chriochnachadh, gu'n sealbhaich mi e, agus gu'm bi mi cosmhuil ris." Tha e aithnichte ciod a tha air iomradh mu Ignatius 'n uair a ghiùlaineadh air falbh e gu bàsachadh air son Chriosd ; "Is ann a nis," a deir e, "a tha mi tòiseachadh a bhi 'nam dheisciobul. Cha-n'eil ni sam bith faiesinneach no neo-fhaicsinneach a' tarruing mo mhiann, ma'se's gu'm faigh mi Criosc. Thigeadh na's àill a' m' chòir,—teine no crann-ceusaidh, no gairge nan aimmhidh àllt a' reubadh o chéile mo chnàmh, a' min-bhriseadh nam ball o'm chorp, agus a' comhbhruthadh mo chuirp r'a chéile ; thigeadh piantan an diabhuil gu m' chràdh,—thigeadh so uile, ma's e 's gu'm faigh mi Criosc."* Uaith so, mar an ceudna, rinn iadsan o shean gairdeachas an uair a bha iad air am bualachd, air an sgiùrsadh, agus air am maslachadh air a sgàth, Gniomh. v. 41 ; Eabh. xi. Tha na h-uile ni air 'fhàilteachadh a thig uaith, no air a sgàth. Cha-n'eil anns a' bheatha a tha iad a' caitheadh ach ni beag, no anns a' bhàs a tha iad a' fulang ach ni eutrom, an uair a tha an smuaintean air an cleachdadhbh airson a's e neart am beatha agus crioch am bàis. Mar bitheadh iad a' faotainn ùrachaidd gach là tre bhi 'smuaineachadh air, cha b'urrainn iad idir a bhi bed,—bhitheadh am beatha 'na h-uallach dhoibh ; agus dheanadh smuaintean a bhi 'ga mhealtuinn an glaodh sin a thogail o'n eridheachaibh a bha aig Pol, "Oh gu'n robh ar tigh talmhaidh air a sgaoladh o chéile !" Tha eachdraidh nam martarach anns gach linn, 'nam fulangasaibh ann a bhi 'deanamh fianuis air a shon fo'n dragon agus an fhaidh-bhréige, maille ri mnathan agus cloinn ag cur am beatha féin 'an neo-shuim,—a' meas nam

* B'e Ignatius dara teachdair na h-eaglais a bh'ann an Antioch, agus aon de na deisciobluibh sin d'an d'fhoillsich Criosc e féin an déigh na h-aiseiridh : thilgeadh e chum nam beathaichean fiadhaich anns an Ròimh.—Fad.

piantan a bu chràiteiche mar neo-ni am feadh a bha cùbhraidh-eachd 'ainme a' cur millseachd anns na h-uile ni,—a' nochdadh ann meas a bh'ac' air do dhaoinibh agus ainglibh.

3. Tha meas ac' air os ceann na h-uile *subhaile modhannail*, agus os ceann na h-uile fireantachd eile, Phil. iii. 7, 8, "Ach na nithe a bha nam buannachd dhomh, mheas mi iad sin 'nan call air son Chriosd. Seadh gun amharus, agus tha mi a' meas nan uile nithe 'n an call air son ro-oirdheirceis eòlais Iosa Criod mo Thighearna ; air son an d' fhuing mi call nan uile nithe, agus tha mi a' meas gur aolach iad chum gu'n cosnainn Criod, agus gu'm faighear annsan mi." Air dha gach sochair a bha e 'sealbhachadh mar Iudhach a chur 'an céill,—a bha uile de nàdur spioradail, agus a bha 'togail suas a chomh-luchlduthcha 'n am beachd féin os ceann an t-saoghal uile, mar gu'm b'iad aon chinneach an domhain a bha taitneach do Dhia, agus mar sin a' foiseachadh annta air son fireantachd, —tha e a nis ag innseadh dhuinn ciod am meas a bha aig orra 'an coimeas ris an Tighearn Iosa. Tha iad "'nan call agus 'nan aolach,"—dh'fhuing e call nan nithe so uile air a sgàth ; is e sin, air bhi dha iomadh bliadhna ro eudmhòr mu'n lagh, ag iaraidh fireantachd tre oibribh an lagha, Rom. ix. 32,—a' deanamh seirbhis do Dhia a là agus a dh'oidhche, chum a bhi 'faotainn a' gheallaidh, Gniomh. xxvi. 7,—air dha a bhi beò anns an uile dheadh choguis o 'bige, Gniomh. xxiii.,—ro eudmhòr air taobh Dhé, agus òrduighean Dhé,—tha e nis a' cur na nithe sin uile air cul, ag amhare orra mar chall agus mar aolach, agus cha-n e mhain gu bheil e deonach a bhi dealachadh riu, ach tha iad 'nan graineileachd 'na shùilibh a thaobh na crìche sin a bha 'na shealladh annta. 'N uair a tha dleasannas dhaoine air a dhearbhadh le cumhachd orra, agus a tha iad a' saothrachadh iomadh bliadhna air son coguis mhaith a ghleidheadh,—ag ùrnuigh, ag éisdeachd, a' deanamh maith, 'g an àicheadh féin, eudmhòr air taobh Dhé, a' saothrachadh le'n uile neart chum a thoileachadh, agus trid sin a theachd fa dheòidh gu bhi 'ga shealbhachadh ; bhitheadh e ni bu shoirbhe dhoibh a nise dealachadh ris an t-saoghal gu léir, seadh, am beatha agus na h-uile ni, na ris an ni sin a dh'oibrich an làmhan. Tha fios aig na h-uile cia cho deacair as a ta e dealachadh ri ni air an do bhuilich sinn mòran saothair agus àine. Agus cia mòr is mò na sin, an uair a tha na nithe sin cho luachmhòr ri ar dleasannas do Dhia, ri caithe-beatha neo-lochdaich, ri dòchas na beatha maireannaich, agus an leithide sin, air an do bhuilich sinn mòran saothair

spioraid. Ach a nis, air do Chriosd e fèin 'fhoillseachadh do'n anam, agus air do'n anam èolas 'fhaotainn air 'na oirdheircisibh uile, tha na nithe so gu léir, as eugmhais Chriosd, air call an glòire, agus am maise air erionadh, tha'n ion-mhiannachd air teicheadh mar dheataich, agus cha-n e mhain a bhi toileach dealachadh riu, ach tha'n t-anam a nis 'g an tilgeadh air falbh mar luideagaibh salach, a' glaodhaich a mach, "Anns an Tighearn Iosa a mhain tha m' fhireantachd agus mo ghlòir." Am measg fhianaisean do-àireamh eile air an ni so tha aon againn anns na Gnàth-fhoc. iii. 13-15, "Is sona an duine a dh'amaiseas air gliocas, agus am fear a gheibh tuigse. Oir is fearr a ceannachd na ceannachd airgid, agus a buannachd na'n t-òr. Is luachmhoire i na na seudan, agus cha-n'eil gach ni a's urrainn thu 'mbiannachadh r'an coimhmeas rithe." Tha e soilleir o chaib. viii. gur ann mu Iosa Criosd, neach a's e Gliocas Dé, Gliocas siorruidh an Athar, a tha'n Spiorad Naomh a' labhairt am an so. Ni's fearr na airgiod agus òr tha e fèin agus a shlighean, barraichte tar seudaibh agus gach ni ion-mhiannaichte ; amhuil a tha e 'ga choimeas fèin anns an t-soisgeul ris an "nèamhnuid anns an fhearrann," ni air do'n cheannaiche amas air, reic e na bha aige chum 'fhaotainn. Tha cùl air a chur ris na h-uile ni air son Chriosd,—na h-uile fireantachd agus dleasannas eile, tha an t-anam a' dealachadh ris na h-uile ni air son an nèamhnuid so. Tha glòir a Dhiadhachd agus bìrdheirceas a phearsa, tha 'ion-mhiannachd uile-bhuadhach agus a ghràdh do-labhairt, tha 'ghniomharan iongantach agus 'irioslachadh do-mheasrachaidh, tha 'eadar-mheadhonaireachd éifeachdach agus 'fhireantachd ionlan,—a' glacadh an aire, ag éigneachadh an eridheachan, a' lionadh an aignidhean, agus a' gabhail seilbh air an anamaibh. Is e so, ma seadh, an dara comh-aigneadh càraideach eadar Criosd agus creidich ; a dh'fheudar 'ainmeachadh air taobh Chriosd fò'n dà cheann so :—

1. Tha na h-uile ni ris an do dhealaich e, na h-uile ni a rinn e, na h-uile ni a dh'fhuiling e, na h-uile ni a ta e 'deanamh mar eadar-mheadhonair, mar thoradh a ghràidh so do chreidich, agus a mheas a tha aige orra. Dhealaich e ris a ghlòir a b'airde, ghiùlain e na truaighean a bu doimhne, choimhlion e na h-oibre a b'iongantaich a chuireadh riàmh 'an gnìomh, do bhrigh a ghràidh d'a chéile,—do bhrigh a mheas air creidich. Ciod tuilleadh a their sinn ? cia cho beag as a thomhais sinn de na doimhneachdaibh mu'n do labhair sinn ! cia fann ar breith-neachadh ri aghaidh a dhìomhaireachdan do-mheasrachaidh !

Tha a ghràdh agus a mheas cho mòr a thaobh nan naomh, as, air dha gabhair os làimh o shiorruidheachd an toirt a dh'ionnsuidh Dhé, gu bheil smuaintean na h-oibre a' eur aoibhneis air 'anam; shocraich e 'ghnùis air triall na mòr-bheart, maireann 'an tròcair, seasmhach 'an eumhachd, tre nèamh agus ifrinn, tre ùmhachd agus fhulangas,—dosguinnibh beath' is piantaibh bàis; cha do dhiobair o 'laimh a beum, cha do luidh fo bheud a chliù, gus an d' iadh m'a choron àrd a bhuaidh.

2. Tha iad cho luachmhor 'na shealladh as nach caill e a h-aon diubh *gu siorruidh*, ged a bhithheadh an saoghal gu léir air dol 'an comh-bhoinn chum an spionadh as a lamhaibh. Air dha roimh-shealladh a ghabhair, ann an laithibh 'fheòla, air an naimhdeas, agus an cunnart, agus na creagaibh ris an coinnicheadh iad 'nan slighe, ghlaodh e suas, "Athair naoimh, coimhid iad," Eoin xvii. 11;—"Na bitheadh a h-aon dhiubh air chall;" agus ann an caib. x. 28, tha e 'g innseadh dhuinn gu soilleir nach bi neach sam bith comasach a chaoraidh a spionadh as a lamhaibh. Agus do bhrigh gu'n robh e aig an àm sin ann an cruth seirbhisich, ionnus gu feudadh e bhi air a smuaineachadh nach robh e mar sin comasach an coimhead, tha e 'g innseadh dhoibh gur fìor gur mò an t-Athair na esan, sin r'a rádh, a thaobh a shuidheachaidh ann an cleachdadh na h-eadar-mheadhonaireachd; agus uime sin dh' earb e ris an Athair iad, agus cha-n fheud neach sam bith an spionadh á làimh an Athar, Eoin x. 29. Agus air a mheud 's gu'm feudadh an saoghal, agus ámhgħaran, agus geur-leanmluinnean o'n taobh a muigh, a bhi air an ceannsachadh, gidheadh gun chinnt sam bith nach deanadh am peacadh o'n taobh a stigh, le cuideachadh Shatain, buadhachadh 'nan aghaidh; mar a rinn e ullachaill 'an aghaidh Shatain anns a' ghealladh nach buadhachadh geatachan na h-ifrinn 'nan aghaidh, is amhui sin a dh'ullaich e mar an ceudna nach bitheadh e 'an comas a' pheacaidh fén am milleadh. Ann an so, da rireadh, tha doimhne gràidh Chriosd r'a bheachdachadh, oir am feadh a tha 'anam naomh a' fuathachadh na h-uile peacadh, agus a tha e 'na uallach, 'na ghràineileachd, agus 'na lot nuadh dha; am feadh a tha 'chéile bhochd a th' aige 'na peacach—oir tha creidich làn pheacaidhean, agus fhàillinnean, agus annmluinneachd,—gidheadh tha e 'eur folach air na h-uile ni, a' comhdach thairis na h-uile ni, a' giùlan leis na h-uile ni, a roghainn air aon idir a chall dhiabh; 'gan coimhead le a chumhachd o na h-uile peacadh air son nach d'rinneadh ullachadh ann an coimhcheangal nan gràs. Oh, an

saoghal de amайдeachd pheacach leis am bheil ar Tighearn Iosa gaoil a' giùlan do blàrigh a ghràidh dhoibh! Nach 'eil ar n-anaman air an lionadh le h-ióngantas ann a bhi smuaineachadh uime? Tha foighidin neo-chriochnach, fad-fhulangas neo-chriochnach, gràdh neo-chriochnach, gràs neo-chriochnach, tròcair neo-chriochnach,—iad so uile air an cleachdadadh chum na crìche so, coimh-fhreagarrach ris a' mheas a tha aig' orra.

Feudaidh am meas so air ar taobh-ne mar an ceudna a bhi air 'ainmeachadh fo dhà cheann :—

1. Anns gu bheil ar n-anaman air an deanamh toileach, air do Chriosd a bhi air 'fhoillseachadh dhoibh, *dealachadh* gu h-aoibhneach ris na h-uile ni anns an robh an tlachd agus am muinghin, *air a shon-san agus air a sgàth*, chum gu'n sealbh-aicheadh iad e. Tha iad air an deanamh toileach cùl a chur ris a' pheacadh agus na h-ana-miannaibh, ri toil-inntinnibh, agus buannachdibh, agus fireantachd, agus dleasannas, 'nan coraibh fa leth, air son Chriosd.

2. Anns gu bheil iad toileach dealachadh ris na h-uile ni a roghainn air dealachadh ris-san, an uair a tha iad 'ga mhealtuinn. Tha e gun teagamh 'na ni oilbheumach, agus trom, agus doilgheasach, do na naomhaibh a's àirde, a bhi 'smuaineachadh dealachadh ri sìth, agus slàinte, agus saorsa, agus dàimhbih, agus mnathaibh, agus cloinn: ach cha-n urrainn an anaman giùlan idir le smuaintibh dealachadh ri Criod; tha an smuain sin dhoibh an-iochdmhor mar an uaigh. Na smuaintean a's seirbhe 'bhitheas aca mu ifrinn, fo eagalan agus threigsinnean spioraid, is e nach urrainn iad a bhi' mealtuinn Chriosd. Ma's e 's gu'n sealbhaich iad e ann an so, agus gu'm bi iad an déigh so air an deanamh cosmhuil ris,—gu'm bi iad gu siorruidh maille ris, agus a' seasamh 'na fhianuis; is urrainn iad dealachadh ris na h-uile ni gu saor agus gu suilbhír, air cho maiseach as a dh' fheudas iad a bhi aon chuid a thaobh na beatha so no sin a tha chum teachd.

III. Is e an treas aigneadh càraideach air taobh Chriosd *iochd agus truacantachd*. Mar a dh' altrumas agus a dh' eiridneas duine 'fheòil féin, mar sin tha'n Tighearn a deanamh d' a eaglais, Eph. v. 29. Tha comh-fhulangas aig Criod r'a naomhaibh 'nan àmhgharaibh gu léir, amhuil a tha aig duine r'a fheòil féin. Tha cleachdadadh so gràidh càraig Chriosd ag anharc ris na deuchainnibh agus na h-àmhgharaibh minig a tha 'coinneachadh ris na naomhaibh 'nan euairt air thalamh. Cha-n'eil e 'ga chleachdadadh féin a thaobh nan creideach mar a

bha na Samaritanaich a' deanamh a thaobh nan Iudhach, a' deanamh sodail riu 'nuair a bha iad a' soirbheachadh, aeh a' deanamh tair' orra 'nan àmhgharaibh; tha e mar athair gràidh, a dh' theudas, theagamh, gràdh coimh-ionann a chleachdad d'a chloinn uile, gidheadh a ghabhas am barrachd saothair air-san 'nam measg a tha tìnn agus annmhunn, a' toirt dha an tuilleadh de a làthaireachd, eadhon ged a dh' fheudadh sin, mar gu'm b'ann, a bhi 'ga fhagail ni's erosda, agus ni's deacaire giùlan leis. Tha e féin mar an ceudna a' fulang maille riu, agus a' gabhail comh-roinn 'nan àmhgharaibh uile, ni nach urrainn truacantachd athar sam bith eile a dheanamh.

A nis, feudaidh sinn fulangais nan naomh gu léir anns an t-saoghal so, anns am bheil an Ceann agus am Fear-posda a' cleachdad d'ioehd', agus caomhalaehd, agus cùram, agus truacantacl, d'an taobh, 'ainmeachadh fo dhà cheann:—1. Buairidhean. 2. Trioblaidean.

1. *Buairidhean*, ann agus trid an annmhuiinneachdaibh féin, agus mar an ceudna o'n naimhdibh 'an taobh a muigh: Fo na cheann so tha sinn a' gabhail a steach a' pheacaidh mar an ceudna, mar an ni sin chum am bheil na buairidhean a' treòrachadh. Tha suidheachadh crìdhe Chriosd agus a chleachdad d'an taobh anns a chor so air 'ainmeachadh dhuinn ann an Eabh. iv. 15, "Cha-n'eil àrd-shagart againn nach 'eil comasach air comhfhulangas a bhi aige r'ar n-annmhuiinneachdaibh." Cha-n'eil àrd-shagart againn aig nach 'eil so. Tha àicheadh dà-fhìllte ann an so, i tha 'eur an céill ann an dian-chainnt *gu bheil* àrd-shagart againn aig am bheil comhfhulangas. "Tha àrd-shagart againn," deir an t-abstol, "a tha comasach so a bhi aige, agus uime sin aig am bheil da rìreadh comhfhulangas ruinn 'nar n-annmhuiinneachdaibh." Agus anns na briathraibh a tha air ball a' kantuinn, tha e 'eur an céill ciod an seadh anns am bheil so aige d'ar taobh, "Bha e air a bhuaireadh anns na h-uile nithibhair an dòigh ceudna ruinne," rann 15. Is ann a thaobh ar n-annmhuiinneachdan, ar buairidhean, agus ar laigsean spioradail, a tia an comhfhulangas so gu sònruichte aige d'ar taobh. Ciod air bith iad arn-annmhuiinneachdan, anns an tonihas anns am bheil iad nam buairidhean duim, tha e fulang maille ruinne annta, agus a' gabhail truais d'inn d'an taobh. Is ann o'n chomhfhulangas so a tha e 'g ràdh aig an là dheireannach, "Bha mise oerach," agus mar sin air aghaidh. Tha dà rathad anns am bheil comhfhulangas air a thaisbeanadh le aon neach do neach eile:—(1.) Le *comh-chaoidh chàirdeil*. (2.) Le *comh-*

chuideachadh gràsmhor : agus an dà ni so ro inbheach ann an Criosc :—

(1.) Tha e deanamh *comh-chaoidh* maille ruinne, Gníomh ix. 4; Isa. lxiii. 9. “Fhreagar aingeal an Tighearn, agus thubh-airt e ; O Thighearna nan sluagh, cia fhad a bhitheas tu gun tròcair a dheanamh air Ierusalem ?” Sech. i. 12. Tha e labhairt mar neach air a chràdh air son coir agus suidheachaidh Ierusalem bhochda ; agus uime sin tha e ‘g àithne do’n t-saoghal gu léir a thoirt fainear gu bheil ni sam bith a tha dearta ‘nan aghaidh-san air a dheanamh ‘na aghaidh féin, caib. ii. 8, 9 ; seadh gu bheil iad a’ beantuinn ri “cloich a shùla,” Deut. xxxii. 10.

(2.) Anns an dara ni tha e ‘meudachadh gu ro phailt dhoibh. Isa. xl. 11, “Mar bluachaille beathaichidh e a threud ; lea ghairdean cuairtichidh e na h-uain, agus giùlainidh e iad ‘na uchd ; iomainidh e gu sèimh an spréidh a tha trom le h-àl.” Seadh, tha’n dà ni againn ann an so,—*caomh-thruacantachd agus comh-chuideachadh*. Cha chomasach suidheachadh eile a smuaineachadh anns am bheil a shamhuil so de chaomhalachd, agus de thruacantachd, agus de irioslachd, as a tha ann an eridhe Chriosc. Tha a phobull air an cumail a mach fo mhòran annmhuimeachd ; tha cuid ‘nan uain, cuid trom le h-àl, cuid anabarrach maoth, cuid air an uallach le buairidhibh,—gun ui sam bith coinhlionta ann an neach idir dhìubh a thaobh neirt no sgèimh. Tha Criosc ‘na bluachaille dhoibh uile, Eabh. xiii. 20, a’ berthachadh a chaoraich féin, ‘gan iomain a mach air eluainibh tairneach : ‘nuair a chi e uan bochd, lag-chuisseach, cha-n fluadaich a làmhan air aghaidh e, ach glacaidh e suas ‘na uchd e, far am blàthach e a spiorad le ’shuaimhneas : iomainidh e na h-uain gu scimh. Mar a dh’ iomain Iacob a threudan a bha trom le h-àl, Gen. xxxiii. 13, is amhuil sin a dh’ iomaineas ar Tighearn Iosa gaoil a threud féin, anns na ceumaibh fa leth anns an dean e an treòrachadh. ‘N uair a chi a shùil anam bochd, annhunn ag imeachd gu bacach, maoth, ‘an ire fannachadh, glacaidh e suas ‘na ghàirdeanaibh e, agus le gealladh gràsmhor éigin air a fhrithealadh dha, giùlainidh se e, ‘ga chumail suas ‘nuair nach urrainn e aon cheum a ghabhail air aghaidh. Uime sin tha’n comh-stri mòr sin aige ris na buachaillibh ann an Esec. xxxiv. 4, “An aoibhinn duibh, O aodhairean ! cha do neartaich sibh an lag, ni mò a leighis sibh an tìnn, ni mò a cheangail sibh suas e sin a bha briste, ni mò a thug sibh air ais a chuid a sgapadh, ni mò a dh’iarr sibh a chuid a chailleadh.” Ach b’e so a dheanadh ar Fear-posda caomh agus curamach d’an taobh.

Air do’n iomradh so a bhi deanta air a thruacantachd agus a

chonh-fnulangas maille ruinn, Eabh. iv. 15, tha e mar an ceudna air 'ainmeachadh, rann 16, gu bheil e 'frithealadh gràis ann an àm feuma. Tha so 'na dhearbhadh air truacantachd, 'nuair a ni sinn, cosmhuil ris an Samaritanach, cabhair a thrithealadh ann an àm feuma. Cha-n 'eil ach beag tairbhe dhuinn ann a bhi caoidh ar n-àmhgharan agus ar truaighean, as eugmhais cuideachaidh a bhi air a shineadh a mach. A nis, tha Criosd a' deanamh so, tha e a' frithealadh cabhair ann an àm feuma. Air do chabhair a bhi 'na ni aig am bheil stùl ri uireasbhuidh, tha e a ghnàth 'na ni luachmhoir; ach tha e barraichte luachmhor 'nuair a thig e ann am fior àm feuma. Ciod am millseachd leis am fainticheadh fear na droeh-bheirt fuaim a' mhaiteananais, 'nuair a bha binn a bhàis 'an ire coimhlionaidh. Is anhuil sin cuideachadh Chriosd. Feudaidh a naoimh uile so a ghabhail mar riaghaitt einnteach, araon 'nam buairidhibh agus 'nan àmhgharaibh :—'nuair a dh 'theudas iad a bhi as an eugmhais, cha-n iarr iad fuasgladh ; agus an uair nach urrainn iad an giulan ni's fhaide, bitheadh iad air am fuasgladh, 1 Cor. x. 13.

Mar sin tha e sgriobhta uime, Eabh. ii. 18, "Oir a mheud 's gu'n d'thuling e féin, air dha a bhi air a bhuaireadh, is comasach e air cabhair a dheanamh orra-san a tha air am buaireadh." Tha e fior, gu bheil ni-éigin anns na buairidhibh againne nach robh ann am buairidhibh Chriosd. Tha sin annainn féin a tha 'gabhal taobh ar n-uile bhuaireidhean ; agus tha ni's leòir annainn féin chum ar buaireadh, ged nach bitheadh ni sam bith eile 'ga chuideachadh. Cha robh e mar sin a thaobh Chriosd, Eoin. xiv. 30. Ach an àite d' an ni so a bhi 'lughdachaadh a thruais d'ar taobh, is ann a tha e, air na h-uile cor, 'ga mheudachadh ; oir ma ni e cabhair a thrithealadh oirnn do bhrìgh gu bheil sinn air ar buaireadh ; tha e cinnteach mar is àmhgharaich ar buairidhean, gur ann is ullamh e air ar cuideachadh. Gu bhi 'g ainmeachadh beagan eisempleir air Criosd a bhi 'frithealadh cabhair ann an àm feuma, ann agus fo bhuaireidhibh a dh'ionnsuidh peacaidh. A nis, tha so deanta leis ann an iomadh Rathad :—

[1.] Le bhi 'cumail an anama sin a tha fosgailte do bhuaireadh, ann an *guàth uomadh làidir* an aghaidh a' pheacaidh sin chum am bheil e air a bhuaireadh. Mar sin bha e a thaobh Ioseiph : b'aithne do Chriosd gu'm bitheadh deuchainn mòr Ioseiph—an deuchainn sin a bhitheadh 'na mheadhon cur as da nam b'e 's gu'm buadhaicheadh e,—a' coimh-sheasamh 'na bhan-mhaighstir a bhi 'ga bhuaireadh gu neo-ghloine ; agus uime sin rinn e a chridhe a ghleidheadh ann an aomadh seasmhach an

aghaidh a' pheacaidh sin, mar a tha soilleir o'n fhreagradh a thug e, Gen. xxxix. 9. Ann an nithibh eile, anns nach robh a chunnart cho mòr, cha robh eridhe Ioseiph air a dheanamh cho daingean ann an gràs, mar a nochd e ann a bhi mionnachadh air beatha Pharaoh. Is e so, ma seadh, aon rathad anns am bheil Criod a' frithealadh cabhair air a chuid féin ann an àm feuma, agus sin ann an caomhalachd agus 'an iochd. Tha na naoimh fosgailte do bhuairidhibh mòra agus ainneartach, ré am beatha gu léir, o'n chuideachd, agus o'n chomunn, agus o na gnothachaibh saoghalta sin anns am bi iad, cuid air aon dòigh agus euid air dòigh eile. Ann an so tha Criod a' nochdadhl caoimhneis agus caomhalachd ro inbheach dhoibh, ann a bhi 'daingneachadh an eridheachan le pailteas gràis an aghaidh a' pheacaidh sin chum am bheil iad gu sònruichte air am buaireadh; 'nuair a dh'fheudas iad a bhi gle lag agus tuisleach ann an nithibh eile.

[2.] Tha Criod air uairibh a' teasairginn an anama o *dhearbh bhruachaibh a' pheacaidh*, le frithealadh cumhachdach agus cabhagach gràis. B'e sin suidheachadh Dhaibhidh, 1 Sam. xxiv. 4-6. "Is beag nach d' aom mo chosan," tha e 'g ràdh, "cha mhòr nach do shleanhnuich mo cheuman uam." Is beag nach do bhuidhaich am buaireadh 'na aghaidh, 'nuair a bha e air a theasairginn le frithealadh cumhachdach agus cabhagach gràis. Chum a bhi 'nochdadhl an anmhuiinneachdan agus an laigsean féin d'a naomhaibh, tha Criod air uairibh a' ceadachadh dhoibh sleamhnachadh sios gu dearbh bhile na creige, agus 'an sin a' toirt dhoibh guth' a chluinntinn air an cùlaobh ag ràdh, "Is e so an t-slighe, gluaisibh innte,"—agus sin le cumhachd agus éifeachd a tha 'gan teasairginn dha féin.

[3.] Le bhi 'toirt air falbh a' *bhuairidh féin*, 'nuair a tha e air fàs cho cumhachdach agus cho ainneartach as nach 'eil fios aig an anam bhochd ciod a ni e. Is e so a bhi "saoradh nan daoine diadhaidh o bhuaireadh," 2 Phead. ii. 9, mar dhuine air a spionadh as an ribe, agus an ribe féin air 'fhagail chum neach eile 'ghlacadh. B'e so suidheachadh mhòran a thaobh iomadh buaireadh imcheisteach, a réir m' fhiorsachaidh féin. 'Nuair a bha iad 'an ire toirt thairis, agus an déigh na h-uile meadhon saorsa agus cuideachaidh a chleachdadhl, mar gum b'ann gun tairbhe, rinn an Tighearn Iosa 'na iochd agus na thruas Satan a chronachadh gu h-obann, agus 'nuair nach robh sùil ris, air dhòigh 's nach euala iad focal tuilleadh as a bheul a thaobh a' bhuairidh sin. Tha Criod a' tighinn a stigh anns an stoirm, agus ag ràdh, "Tosd, bi samhach."

[4.] Le 'bhi 'g ath-nuadhachadh frithealaidhean a ghràis, a réir tomhais meudachaidh nam buairidhean. B'e sin suidh-eachadh Phoil, 2 Cor. xii. 9, "Is leòir mo ghràs-sa dhuit." Ciod air bith buaireadh a bh'ann, bha e air tighinn gu àirde; agus bha Pol gu dùrachdach a' guidhe a thoirt air falbh; gidheadh gun fhreagradh fhaotainn anns an dòigh sin, ach a mhain gealladh 'fhaotainn air uile-fhoghainteachd gràis Dé chum a chumail suas, ciod air bith mar a mheudaicheadh am buaireadh.

[5.] Le bhi buileachadh *gliocais* orra chum *feum ceirt, agus naoimh, agus spioradail* 'fhaotainn o'm buairidhibh gu léir. Tha'n t-abstol Seumas ag àithne dhuinn "a mheas mar an uile ghairdeachas 'nuair a thuiteas sinn ann an iomadh gnè dheuchainnean," Seumas i. 2: ni nach b' urrainn a bhi deanta mar bitheadh feum naomh agus spioradail r'a fhaotainn uatha; ni mar an ceudna a tha e féin a' nochdadh anns na briathraibh an déagh sin. Tha iomadh feum a dh' fheudas Criodaidhean cleachdta 'fhaotainn o bhuairidhibh, le còmhnhadh freagarrach o Chriosd. Agus cha-n e idir am feum a's lugha dhiubh sin, gu bheil sinn d' an trid a' faotainn aithne oirnn féin. Mar sin dh' fhagadh Heseciah gu bhi air a dheuchainn, chum aithne 'fhaotainn air ciod a bha 'na chridhe. Tre bhuaireadh, tha truaillidh-eachd éigin air a toirt am follais, a bha folaithe gu h-uaigneach anns an uchd, agus air an robh an t-anam aiveolach. Mar a bha e maille ri Hasael a thaobh nan aingidheachdan mòra a chuir e 'an gniomh, mar sin tha na naoimh a thaobh nithe nach 'eil cho uambarra. Cha chreideadh iad gu'n robh an samhnil sin de thruaillidheachdaibh agus de ana-miannaibh a chòmhnuidh anna gus an d'thug na buairidhean am follais dhoibh iad. Seadh, air do chuid a bhi air am buaireadh a dh' ionnsuidh aoin pheacaidh, fhuair iad a mach peacadh eile air nach do smuainich iad idir; mar chuid, air dhoibh a bhi air am buaireadh gu h-àrdan, no saoghaltaichd, no cainnt mhi-chubhaidh, a ghabh clisgeadh eagail roimh, agus a bha air an treòrachadh gu bhi 'faotainn a mach mar a bha iad a' dearmad mhòran dhleasannas agus comh-chomuinn ri Dia, air nach do smuainich iad idir roimh. Agus tha so uile mar thoradh air caomh chùram an Tighearn Iosa Criod, a' toirt dhoibh cuideachaidh freagarraich, as eugmhais nach urrainn neach sam bith feum 'fhaotainn o'm buairidhibh. Agus is càbhair freagarrach sin da rireadh, 'nuair a tha buaireadh, a dh' fheudadh air dhòigh eile, agus do mhuinntir eile, a bhi 'na lot bàsmhor, a nis air a chleachdadh gu bhi 'fosgladh suas

creuchd' iongraichte, agus a leigeadh ruith le truaillidheachd a bha eur na beatha féin 'an cunnart. Mar sin, I Phead. i. 6, "Tha sibh a nis ré uine bhig (ma's feumail e) fo thùirse tre ionadhl buaireadh."

[6.] 'N uair a tha an t-anam aig àm sam bith *air tuiteam, ann an tomhas mòr no beag, fò chumhalachd a' bhuairidh, tha Criod 'na chumhalachd 'ya thogail suas le tròcair agus maitheanas,* ionnus nach tilgear sios gu buileach neach sam bith de 'chuid féin fo'n uallach, I Eoin ii. 1, 2.

Anns na dòighibh so, ma seadh, tha an Tighearn Iosa a' nochdadhl a chaomhalachd agus a thruacantachd chàraidich a thaobh nan naomh, 'nam buairidhibh uile.

2. Tha Criod mar an ceudna truacanta d' an thaobh 'nan àmhgharaibh : " 'Nan uile àmhgħar bha esan fo àmhligħar," Isa. lxiii. 9 ; seadh, is e a's coltaiche gu bheil ar n-àmhgħar-ne gu leir—gu sònruichte àmhgħaran na geur-leanmuinn—a' tuiteam, anns a' cheud àite, air Criod féin, agus oirnn a mhain tre chomh-roinn 'fhaotainn ann an euid Criod. Col. i. 24, Tha sinn "ag coimhlionadh a mheud 'sa tha dheidh-làimh de àmh-gharaibh Criod." Tha dà ni a tha gu soilleir a' taisbeanadh an truacantachd so ann an Criod :—

(1.) *'Eadar-ghuidhe ris an Athair air son fnasglaidh dhoibh,* Sech. i. 12. Tha Criod ag eadar-ghuidhe air ar son, cha-n e mhain a thaobh ar *peacaidhean*, aeh mar an ceudna a thaobh ar *n-àmhgħaran*; agus an uair a tha crioch ar n-àmhgħaran air a coimhlionadh, bitħidh am fuasgladl sin air a fħrithealadh oirnn air son am bheil e 'g eadar-ghuidhe. Tha an t-Athair a għnàt ag ēsdeachd ris; agus cha-n 'eil aon fluasgladl againn o thrioblaid, no feabhas sláinte, no saorsa o ehràdh, no teasaiginn o ole sam bith a leagadl riāmh oirnn, nach 'eil air a bhuiileachadh oirnn tre eadar-ghuidhe Iosa Criod. Tha creidich aineolach air an snidheachadh féin, ma tha iad ag amhare air an tròcairibh mar nithibh air am frithealadh orra ann an rathad an flireasdail choitchinn. Agus, gu cinnteach, feudaidd so a bhi 'na aobhar air cho beag meas as a tha againn orra, air cho mi-thaingel as a tha sinn air an son, agus cho neo-tharbhach as a tha sinn ann a bhi 'gan sealbhachadh :—cha-n'eil sinn a' toirt fainear ciomus, no ciod am meadħon trid am bheil, no ciod air sgàth am bheil, iad air am frithealadh oirnn. Tha ginealach sluaigh Dhé beò an diugh air an talamh, gun a bhi air an slugadl suas, a mhain air sgàth eadar-ghuidhe an Tighearn Iosa. Is e a thruacantachd tobar an saorsa anns gach linn. Do bhrìg

so tha am fulangais agus an àmhgharan gu tric air an crónachadh, air dhòigh 's nach ruig iad an ceum a's àirdé d'an taobh an uair a tha iad annsta. Tha e maille riù an uair a shiubhlas iad troimh na h-uisgeachaibh, agus a dh' imicheas iad troimh an teine, Isa. xlvi. 2, 3.

(2.) Tha a thruacantachd air a thaisbeannadh d'an taobh, anns an dara àite, anns gu bheil e 'dholadh, agus anns gu'n *dhol e gu goirt futhast*, aig a chrìch, fulangais a phobuill air ceann an naimhdean. Ni e dioghaltas air an son gu luath. Tha conn-sachadh Shioin a' cur cabhaig air là an ath-dhiolaidh, Isa. xxxiv. 8. Air uairibh tha e 'g amhare orra ann an téinn, agus a' toirt fainear ciod e suidheachadh an t-saoghal d'an taobh. Sech. i. 11, "Shiubhail sinn nios agus sios air feadh na talmhainn ; agus feuch tha an talamh uile 'na thàmh, agus a' gabhail fois ;" b'e so sgeul nan teachdair a chuir an Tighearn a bheachdachadh suidheachaidh an t-saoghal ré na h-aimsir sin a bha a phobull ann an àmhghar. Is e so gu coitchionn a shuidheachadh anns na h-amaibh sin, "Tha iad uile nan tàmh, agus a' gabhail fois, tha an eridheachan sàthach, làn ; tha iad ag òl fiona 'na chòrn-aimbh, agus a' cur thiodhlacan gach aon d' a chéile." Tha Criod 'an sin ag amhare cò 'nam measg a dh' éircas suas a chnuideachadh na h-eaglais, Isa. lix. 16, 17 ; agus an uair nach 'eil e 'faotainn neach sam bith, tha e féin a' gabhail os làimh air an son ann an léir-sgrios an naimhdean. A nis, tha e 'coimhlionadh an diogh-altais so ann an dà rathad :—

(1.) Gu h-aimsireil, air *pearsaibh*, air *rìoghachdaibh*, air *finwachaibh*, agus air *duthchannaibh* fa leth—a réir an t-samh-laidh sin air ann an Isa. lxiii. 1-6,—amhuil a rinn e air an t-seann chinneach Romhanach, Taisb. vi. 15, 16. Agus tha so mar an ceudna deanta ann an dà dhòigh :—

Anns a' chéud aite,—Le bhi 'gairm a mach eascairide comharaichte, aon 'an so agus aon eile 'an sud, agus a' deanamh eisampleir dioghaltais dheth 'am fianuis an t-saoghal gu léir. Eadhon mar a bhuin e ri Pharaoh : "Air son so thog mi suas thu," Eesod. ix. 16. Agus mar sin tha e 'deanamh gus an là an diugh ; tha e 'leagadh a làimhe air eascairdibh comharaichte, —a' eur aoin air thuainéal le cuthach, aoin eile air bhoile le h-am-aideachd, a' tilgeadh fir bun os ceann 'na chonhairlibh, agus a' seargadh fir eile 'na ghniomharaibh, no, theagamh, 'gam fios-rachadh le léir-sgrios iomlan agus eagalach. Mar leòmhan brosnaichte, cha luidh e sios as eugmhais na cobhartaich.

Anns an dara àite,—Ann an rathad coitchionn, le bhi 'dòr-

tadh a mach soithichean na feirge anns na làithibh deireannach so air saoghal an ana-criosd, agus air na h-uile aig am bheil comhpairt maille riu ann an smuaintibh dioghaltais agus geur-leanmuinn. Sgriosaidh e gu truagh iad ; seadh, ni e a shamh-uil sin de dhìol orra anns a' chrìch, gu'm bi gaoir ann an cluasaibh a neach a chluinneas e.

[2.] Ann an dioghaltas siorruidh tagraidh e 'an aghaidh eascairdean na muinntir sin d'an d'thug e gràdh, 2 Thess. i. 6 ; Iudas 15. Tha e soilleir uaith so gu bheil Criod a' meudachadh ann an iochd agus 'an truacantachd d'a chéile Dh' fheudamaid eisempleirean a chur 'an lionnhoireachd, ach tha na nithe so so-fhaicsinneach, agus a' teachd ann an smuaintibh nan uile.

Coimh-fhreagarrach ri so, tha sinn ag ainmeachadh *geamnuidheachd* air taobh nan naomh do Chriod, anns na h-uile cor agus suidheachadh. Bha'n t-abstol ag oidhirpeachadh eaglais Chorintuis a chur 'an làthair Chriod anns an t-suidheachadh so, 2 Cer. xi. 2, 3, "Rinn mi ceangal-posaidh eadar sibh agus aon fhear, chum bhur cur mar oigh fhìor-ghlan 'an làthair Chriod. Ach tha eagal orm, mar a mhéall an nathair Eubha le a cuilbheartachd, mar sin air dhòigh sam bith, gu'n truailllear bhur n-inntinn-se o'n aon-fhillteachd a tha ann an Chriod." Tha an ni cendna air 'ainmeachadh mu luchd-leanmuinn an Uain air sliabh Shioin, Taisb. xiv. 4, "Is iad so an dream nach do shalaicheadh le boirionnaich, oir is òighean iad." Bheir sinn fainear an déigh so, ciod e an salachadh sin o'n robh iad saor.

A nis, tha trì nithe anns am bheil an geamnuidheachd so a' coimh-sheasamh :—

1. Gun a bhi 'gabhair ni sam bith a *dh' ionnsuidh an aignidhean*, agus gun *mheas a bhi aca air ni sam bith*, air son nan crìochan sin air son an do ghabh iad d'an ionnsuidh an Tighearn Iosa Chriod. Thàinig na Galatianaich gearr anns an ni so 'nan gràdh càraideach do Chriod ; cha do ghleidh siad iad féin geamnuidh dha. Ghabh iad ri Chriod, agus ris-san a mhain, air scèn beatha agus fireantachd ; gidheadh an déigh sin, air do dhruidheachd buadhachadh 'nan aghaidh, ghabh iad d' an ionnsuidh fireantachd an lagha chum nan crìochan ceudna. Tha fios cionnus a chleachd Pol e féin d'an taobh. Cia cho ciùrrta, cia cho druigheach as a ta e 'gan comhairleachadh, cia cho géire as a ta e 'gan cronachadh, cia cho soilleire as a ta e 'nochdadadh dhoibh am boile agus an amaideachd anns an do thuit iad ! Is e so, ma seadh, an ceud aigneadh geamnuidh a tha creidich a' giùlan do Chriod :—air dhoibh gabhair ris mar am fireantachd

agus an slàinte fa chomhair Dhé, agus mar thobar ionlan gach ni air am bheil, no air am bi iad 'an airc, cha ghabh iad a nis ri ni sam bith eile 'na ionad agus 'na àite. Ni sinn aon eisem-pleir a shònachadh:—Tha sinn a' dùnadh ri Criod chum a bhi gabhta le Dia. Ann an so, cha-n'eil ni sam bith eile a dh'fheudas a bhi 'glacadh ar n-aignidhean 'an àite Chriosd, ach ar n-oidh-irpean féin air fireantachd a choimhlionadh chum ar deanamh taitneach do Dhia. A nis, feumaidh so a bhi aon chuid roimh dhuinn gabhail ri Criod, no an déigh dhuinn gabhail ris. Tha fios ciod i inntinn an abstoil a thaobh na h-uile dleasannas agus oidhirp a th'air an cleachdad chum Dia thoileachadh roimh dhuinn gabhail ri Criod, Phil. iii. 8-10. Tha e 'cur cùil le tàir ris na h-uile h-oidhirp, agus buannachd, agus sochair, mar chall, —seadh, le gràin, mar aolach ; agus a' cruinneachadh a stigh a thograidhean agus a rùintean uile ann an Criod a mhain agus 'fhìreantachd-san, chum a bhi gabhta le Dia. Ach tha na h-oibre sin a tha sinn a' coimhlionadh an déigh dhuinn gabhail ri Criod a' tighinn fo bheachdachadh eile. Tha iad sin, gun amharus, taitneach do Dhia, agus is toigh leis gu'n imicheamaid anna ; ach a thaobh na crìche sin air son am bheil sinn a' dùnadh ri Criod, tha iad coimh-ionann neo-tharbhach ris na h-oibríbh sin eile, Eph. ii. 8-10. Eadhon na h-oibre sin a tha sinn a' coimhlionadh an déigh dhuinn creidsinn,—na h-oibre sin chum am bheil sinn air ar cruthachadh ann an Iosa Criod, agus air son an d' ullaich Dia roimh-làimh sinn chum gu'n gluaiseamaid anna,—tha eadhon iad so air an dùnadh a mach o àite sam bith 't'haotainn ann ar fireanachadh agus ar deanamh taitneach do Dhia, ni de'm bheil an t-abstol a gairm, ann an rann 8, "a bhi air ar tèarnadh." Thig an là anns an deanar aithnichte gur gràineileachd do Chriosd baoth-chainnut dhaoine mu'n àite tha aig an oibríbh agus an ùmhlachd féin ann an gnothach am fireanachaíd am fianuis Dé ; agus cha mhò na sin a bhitheas ni sam bith de shìth aig na naomhaibh ann an smuaintaibh striopachail m'an timchioll. Tha ar geamnuidh-eachd do Chriosd ag agairst suidheachaidh inntinn eile. Bheir sinn fainear an déigh so neo-sheachantachd, agus tarbhachd, agus ciatachd na h-ùmhlachd shoisgealaich. Is iongantach cia cho deacair as a tha e euid de luchd-aideachaidh a ghleidheadh ann an tomhas sam bith dileas do Chriosd anns an ni so ; cia lion deasboireachd a chuireadh air chois, cia lion eadar-dhealachaidh a chaidh thionnsgadh, cia lion leithsgeil agus luib a chaidh 'rannsachadh, chum ni-éigin a chumail suas, ann

an aon àite no àite eile, a dheanadh beagan altruim air beatha na féin-fhìreantachd. Ach tha inntinn eile aca-san aig am bheil gràdh da rireadh do Chriosd.

Anns an ni so, ma seadh, os ceann na h-uile ni, tha na naoimh ag oidhirpeachadh an aignidhean a ghleidheadh geamnuidh agus dileas da. Rinneadh dhoibh e le Dia 'na " fhìreantachd ; " agus cha toir iad an gnùis do ni sam bith eile air son na crìche sin ach e féin : seadh, air uairibh cha-n'eil fios aca am bheil no nach 'eil còir idir aca ann,—tha e folach a ghnùis orra; gidheadh fanaidh iad aonaranach, ann an eor bantrachais, a' diùltadh comhfhurtachd a ghabhlail, ged a dh' fheudas iomadh ni a bhi taigseadh sòlais dhoibh, do bhrigh nach 'eil esan maille riu. 'N uair nach 'eil an t-anam a' sealbhachadh lathaireachd Chriosd mar bu ghnàth, 'nuair nach urrainn e a chòir ann 'fhaieinn, thig iomadh leannan 'gan taigseadh féin da, a' mendachadh am beadraidih chum àite 'fhaotainn 'na aignidhibh, agus a ghiùlan a thaobh gu bhi socrachadh air ni éigin eile air son saorsa agus fuasglaidh ; ach ged a bhitheadh a shiubhal gu brònach ré iomadh là, cha ghabh e suaimhneas no tàmh ann an achlais mheallta eile. 'N uair a dh' fheudas an t-anam bochd a bhi 'triall 'an duibhre na fasaich, gu dubhach, trom anns an fhàsach fanaidh e, gus an tig Chriosd féin 'ga thogail suas, agus gus am faigh e teachd a nios le a thaece ri fear a ghràidh, Dàn Shol. viii. 5. Labhair sinn ann an euid a cheana air na h-eisem-pleiribh minig, a tha againn air so ann an leabhar an Dàin.

Tha so na chleachdadh aig an anam sin aig am bheil comh-chomunn ri Chriosd :—Tha e 'eumail faire dhichiollaich os ceann a eridhe féin, air eagal ni sam bith a theachd a stigh gu h-uaig-neach d'a aignidhibh o'm feudadh e bhi 'tarruing sìthe no seasmhachd air bith am fianuis Dé, ach Chriosd a mhain. 'N uair a tha a' cheisd sin aig àm sam bith ag agairst freagraidh, " Ciod leis an tig mi ann am fianuis an Tighearna ; ciod leis an strìochd mi mi féin an lathair an Dé a's airde ? " cha-n e a dhòigh a bhi cruinneachadh a chuid dileasannas r'a chéile chum freagraidh a thoirt dith ; ach is e glaodh anama air ball, " Anns an Tighearn Iosa tha agam fireantachd ; is e mo mhiann gu léir a bhi air m' fhaotainn ann, gun m'fhìreantachd féin again," Phil. iii. 9.

2. Tha an geamnuidheachd so a' coimh-sheasamh, anns an dara àite, ann a bhi 'g altrum an Spioraid, an Comhfhurtair nuoimh sin, a tha Chriosd a' cur d'ar n-ionnsuidh, chum a bhi fantuinn maille ruinn 'na àite féin. Tha e 'g innseadh dhuinn gu bheil e 'ga chur air son na crìche sin, Eoin xvi. 7. Tha e 'g a

chur chum còmhnuidh a ghabhail maille ruinn gu bràth, agus sin gu bhi coimhlionadh annainn uile chriòchan agus rùintean Chriosd d'ar taobh ; tha e 'ga thabhairt chum a bhi' fantuinn annainn, chum ar gleidheadh gu neo-lochdach air a shon féin. Tha 'ainm féin ann, agus maille ris : agus do bhrìgh gu bheil, ciod air bith ni a tha deanta do neach de chuid Chriosd, tha e deanta do Chriosd féin, a chionn gu bheil e deanta dhoibh-san anns am bheil e 'gabhall còmhnuidh le a Spioradh. A nis, anns an ni so tha na naoimh a' gleidheadh an aignidhean caraideach gun bhriseadh do Chriosd, le bhi saothrachadh air na h-uile dòigh, chum 's nach euir iad doilgheas air an Spiorad Naomh sin a chuir e 'na ionad féin, chum còmhnuidh a dheanamh maille riù : ni mar an ceudna a tha an t-abstol ag ath-chuimh-neachadh dhoibh, Eph. iv. 30, "Na cuiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhé."

Tha dà phrìomh chriòch air son am bheil Chriosd a' cur a Spioraid a dh'ionnsuidh nan naomh :—(1.) Air son an naomh-achaiddh ; (2.) Air son an comhfhurtachaidh : feudaidh sinn uile ghniomhara fa leth an Spioraid, a thaobh glanaidh, agus teagaisg, agus ùngaidh, maille ris gach'ni eile 'tha air a chur as a leth, a tharruing o'n dà cheann so. Agus mar sin tha dà rathad anns am feud sinn doilgheas a chur air :—[1.] A thaobh *naomhachaiddh* ; [2.] A thaobh *comhfhurtachaidh*.

(1.) Tha an Spiorad air a chur, anns a' cheud àite, air son ar *naomhachaiddh*. Is e féin Spiorad na naomhachd,—naomh ann féin, agus ùghdair na naomhachd annainne : tha e 'ga h-oibreachadh annainn, Titus iii. 5, agus a' cur impiadh oirnn d'a h-ionnsuidh, trid a għluasadaibh éifeachdach annainn, nach f'heud sinn a bhi muchadh, 1 Tesal. v. 19. A nis, tha so, anns a' cheud àite, a' cur doilgheis air an Spiorad,—nuair a tha esan a' toirt air aghaidh oibre annainn agus air ar son, a tha chum tairbhe neo-chriòchnaich dhuinn, agus as eugmhais nach faic sinn Dia, gu'm bitheamaid-ne air ar faotainn a ruith tarsuinn air, ann an slighibh na mi-naomhachd agus na truaillidheachd. Tha so soilleir o choimhcheangal nam briathran anns an àite dh'ainmich sinn a cheana, Eph. iv. 28-31 ; agus is ann air so a tha Pol a' stéilheachadh na h-impiadh chumhachdaich agus éifeachdaich sin a dh' ionnsuidh naomhachd a tha againn ann an 1 Cor. iii. 16, 17, eadhon an Spiorad Naomh a bhi chòmhnuidh maille ruinn. Ciod eile 'chuireas doilgheas air caraid gràdhach agus caomh, coltach ri bhi 'cur 'na aghaidh agus a' deanamh tàir air, 'nuair a's dùrachdaich a tha e 'ga chleachdad

féin ann an deanamh maith dhuinn,—agus sin am maith a's ro chudthromaiche d'ar taobh? Anns an ni so, ma seadh, tha creidich a' deanamh dileasannais de'n eridheachaibh a ghleidheadh dileas agus an aignidhean geamnuidh do Chriosd. Tha iad a ghnàth a' saothrachadh air eagal, leimeachd mhi-churamach agus amaideach, gu'n euir iad doilgheas air an Spiorad Naomh, a chuir esan d'an ionnsuidh chum còmhnuidh a dheanamh maille ri. Uime sin cha-n'eil fearg, no corruiich, no mirùn, no farmad, gu còmhnuidh 'fhaotainn 'nan eridheachaibh; do bhrigh gu bheil iad sin an aghaidh Spioraid Naoimh agus mhacanta Chriosd a thug e dhoibh. Tha iad a' toirt fainear a ghluaasan anna féin, a' deanamh feuma d'a chuideachadh, a' cur gu buil a thiodhlacan, agus cha-n'eil ni sam bith a luidh cho dlùth r'an spioradaibh, ris gu faighear iad agimeachd gu cubhaidh do làthaireachd fear-ionaid naoimh so an Tighearna Iosa Criod.

(2.) Air son an *comhfhurtachd*. Is i so an dara erioch mhòr air son am bheil Criod a' tabhairt agus a' cur a Spiorad d'ar n-ionnsuidh; neach naith so, ann an rathad inbheach, a tha 'faotainn mar ainm, "An Comhfhurtair." Chum na crìche so tha e 'gar sealachadh, 'gar n-ìngadh, 'gar daingneachadh, agus a' frithealadh sìthe agus aoibhneis oirnn: air am bheil sinn a' rùnachadh leudachadh an déigh so. A nis, tha dà rathad anns am feud doilgheas a bhi air a chur air a thaobh na crìche so air son an do chuireadh e, agus le sin ar geamnuidheachd do Iosa Criod a bhi air a truailleadh:—

[1.] *Le bhi 'tarruing ar comhfhurtachd agus ar n-aoibhneas o nithibh eile*, 'an àite bhi air ar lònadh le h-aoibhneas anns an Spiorad Naomh. 'Nuair a's e creatairean, no eomhfhurtachdan cruthaichte, no ni sam bith eile nach 'eil sinn a' faotainn o Spiorad Chriosd, ar n-aoibhneas agus ar tlachd, tha sinn neo-dhileas do Chriosd. B'e sin cor Demais, a ghràdhdaich an saoghal a tha làthair, 2 Tim. iv. 10. 'Nuair a tha slighean Spioraid Dhé doilgheasach agus 'nan uallach dhuinn,—'nuair a their sinn, "C'uine a blitheas an t-Sàbaid seachad, chum gu'n agair sinn ar n-uile dhlighe saoithreach?"—'nuair a tha ar tlachd agus ar toil-inntiun ann an nithibh talmhaidh,—tha sinn neo-flireagarrach do Chriosd. Nach maith a dh' fherdadh an Spiorad a ràdh d'ar taobh, "C'arson a tha mi idir a' fantuinn maille ris na h-anamaibh bochda so? Tha mi 'g ullachadh aoibhneas do-labhairt agus glòrmhor dhoibh; ach tha iad 'gan diùltadh air son nithe truaillich agus bàsmhor. Tha mi 'g ullachadh chomhfhurtachdan spioradail, agus siorruidh air an

son, agus tha iad a' deanamh tairghe orra air son nithe gun tairbhe." Cha-n urrainn Criodl giùlain le so; uime sin, tha creidich anabarrach curamach air eagal a bhi 'tarruing aoibhneis no comhfhurtachd á ni sam bith ach sin a mhain a tha air a fhrithealadh orra leis an Spiorad. Is e an obair gach là a bhi faighinn an eridheachan air an ceusadh do'n t-saoghal agus an saoghal dhoibh-san; chum 's nach bi aignidhean beò aca do nithibh bàsmhor: bu mhiann leò a bhi 'g amhare air an t-saoghal mar ni ceusda, marbh, gun sgèimh no maise; agus mu thàrlas doibh aig àm sam bith a bhi air an ribeadh ann an nithibh an t-saoghaile agus 'an toil-inntinnibh feòlmhor, ionnus gu'n caill iad an aoibhneis spioradail, tha an glaodh suas ri Criodl, "O athi-nua-thaich dhuinn aoibhneis do Spioraid!"

[2.] Tha doilgheas air a chur air, 'nuair a tha sinn a' diùltadh nan comhfhurtachdan sin a tha e taigse dhuinn, tre ar dorehadas agus ar mi-chreidimh, agus e fèin a bhi cho làn toileach gu'n gabhamaid riu. Ach bitidh aobhar againn so a thogail a ris, ann a bhi labhairt air ar comh-chomunn ris an Spiorad Naomh.

3. Tha an geamnuidheachd so a' coimh-sheasamh, anns an treas àite, ann a bhi *gleidheadh òrduighean agus reachdan aoraidh Criodl* gu h-ionlan. Air do Criodl an eaglais a ghabhail ann an dàimh pòsaidh ris fèin, tha e 'cur an céill gu bheil blàth agus geamnuidheachd an aignidhean dha-san a' coimh-sheasamh, ann an tomhas mòr, ann a bhi *'gleidheadh 'òrduighean agus a reachdan aoraidh a réir 'àithne fèin.* Tha gach uile bhriseadh air an ni so a' faotainn mar aimm anns gach àite "adhaltrannas" agus "striopachas." Is "Dia eudmhòr" e; agus is ann a mhain a thaobh 'òrduighean agus a reachdan aoraidh a tha e gabhail an ainme so d'a ionnsuidh fèin. Agus tha an t-ionlan de chùl-sleamhnachadh na h-eaglais Criodail a dh'ionnsuidh aoraidh mhearachdaich air a ghairm "striopachas," Taisb. xvii. 5; agus tha an eaglais sin a tha treòrachadh a' chuid eile a dh'ionnsuidh cleachdaidh an aoraidh mhearachdaich a' faotainn mar aimm "mathair nan striopach." Air an aobhar so, ma seadh, tha na creidich sin a tha 'g iarraidh ann am firinn gu'm bitheadh comh-chomunn aca ri Criodl, a' saothrachadh a ghnàth chum an eridheachan a ghleidheadh geamnuidh dha 'na uile orduighean agus reachdan aoraidh; agus sin ann an dà rathad:—

(1.) Cha ghabh iad ri ni san bith, cha chleachd iad ni sam bith, cha toir iad an gnùis do ni sam bith 'na aoradh, ach sin a

mhain a chomharaich e féin. Tha fios aca nach do cheadaich e rìamh o thoiseach an t-saoghal, agus [nach mò a cheadaicheas gu 'dheireadh, gur e toil dhaoine a bhithheadh na riaghaitt urramachaидh air, no 'na stéidh aoraidh dha, aon chuid a thaobh brìgh an aoraidh no dòigh an aoraidh. Tha e gu geur a' toirmeasg a bhi faighinn a mach agus a' tionnsgnadh dhòighean aoraidh nach do chomharaich e féin, no meadh-onan urramachaидh air 'an aghaidh a chomharachaидh. Tha fios aig creidich cionnus a dh' amhairceas Dia air aoradh na féin-thoile : "Cò a dh'iarr so air 'ur làimh ?" agus a ris, "Is ann an ðiomhanas a tha iad a' deanamh aoraidh dhomhsa, a' teagasg àitheantan dhaoine mar theagasg,"—is e so a' chuid a's fearr a gheibh iad o Dhia. Gabhaidh mi orm féin na tha air mo chridhe a labhairt a mach, agus oidhirpeachadh gu toileach a dhaingneachadh—le cuideachadh an Tighearna—an aghaidh an t-saoghal gu léir,—eadhon, gu bheil an teagasg sin a tha cumail a mach ùghdarris a bhi aig an eaglais air son ghnàthan sam bith a shuidheachadh agus a chomharachadh ann an aoradh Dhé, aon chuid a thaobh brìgh no dòigh an aoraidh, saor o na dh 'fheudas a bhi coimhcheangalte ri frithhealadh riaghailteach nan òrduighean sinn a shuidhich e féin,—gu bheil an teagasg so, tha sinn ag ràdh, a luidh aig freumh na saobh-chràbhaidh oillteil, agus an iodhal-aoraidh,—aig iochdar na h-aimhreite, agus an dòrtadh fola, agus na geur-leanmuinn, agus nan cogannan sin a sgaol, air son ùine cho fada, thar aghaidh an t-saoghal Chriosdail gu léir; agus gur e a's crìoch aig earraun mhòr de leabhar an Taisbean a bhi 'eur na firinn so ann an solus. Agus cha-n'eil teagamh agam nach b'e so aobhar a' chonnsachaيدh mhòir sin a bha aig Dia ris an rioghachd so air son ùine cho fada, anns an do thaisbean e mòr dhiomadh agus fhearg :—eadhon, toil agus mac-meanmna dhaoine, fo ainm riaghailteachd agus ùghdarrais eaglais—faoin-bheachd amaideach gun stéidh—a bhi air an eur mar fhiachaibh air daoinibh eile ann an slighibh agus ann an aoradh Dhé, agus sin 'an aghaidh soluis ghliormhoir an t-soisgeil a bha air dealradh 'nar measg. Agus ciod tuilleadh a bha anns a' choslas glòire, agus maise, agus freagarrachd sin a bha daoine 'tagradh a bhi anns na deas-ghnàthaibh sin a shuidhicheadh leò, ach sin féin a tha Dia 'cur an céill a thaobh eaglais Israel, Esec. xvi. 25-34. Uaith so bha fochaid air a dheanamh air Spiorad Dhé ann an cleachdadh na h-ùrnuiigh ; searmonachadh an t-soisgeil ann an cumhachd air a chur 'an di-meas ; ùghdarris na Sàbaid air a ruith sios ;

naomhachd air a maslachadh agus air a geur-leanmhuinn ;—agus c'arson ? eadhon chum gu'm bitheadh Iosa Criod air a chur bhàrr na cathrach, gun chòir no comas laghannan a shuidheachadh 'na eaglais féin,—chum gu'm bitheadh am fear-posda dligheach air a chur a thaobh, agus adhaltrannaich eile air an gabhail 'na àite,—chum gu'm bitheadh maighstirean-oibre air an comharachadh ann agus os ceann a thighe, nach d'thug e féin riabhach d'a eglais, Eph. iv. 11,—chum gu'm bitheadh aoradh saobh-chrabhach, mòr-chuisseach, faoin-ghlòireach, air a thoirt a steach, a bha air a tharruing o ghnàthannaibh Paganach, Iudhach, agus ana-Criodail,—mu nach 'eil an lide a's lugha air 'ainmeachadh ann an leabhar Dhé. Tha iadsan, ma seadh, aig am bheil comh-chomunn ri Criod ro chùramach a thaobh an ni so :—cha cheadaich iad ni sam bith, cha chleachd iad ni sam bith, ann an aoradh Dhé, uaigneach no follaiseach, ach sin a mbain air son am bheil barantas Dhé féin aea ; ma's e's nach tig e 'na ainm-san, le "So deir an Tighearn," cha-n éisd iad ri aingeal o nèamh. Tha fios aca nach robh ead aig na h-abstoil féin ni sam bith a theagasg do na naomhaibh ach sin a mhain a dh' àithne Criod dhoibh, Mata xxviii. 20. Tha fios eia lión mile anns an rioghachd so féin, o cheann uine ghoirid, a dh'fhasg an tir dutheasach féin, agus a theich a dh'ionnsuidh fasaich fharsuinn, ulfhartaich, ann an ionadaibh céin na talmhainn, chum an anamaibh a ghleidheadh neo-shalach agus geamnuidh d'an Tighearn Iosa gaoil, a thaobh òrdraighean agus reachdan so 'aoraidh.

(2.) Tha iad gu toileach a gabhail ris, agus a cleachdadhl na h-uile ni a chomharaich an Tighearn Iosa Criod. Tha iad a' rannsachadh gu dìchiollach chum colais 'fhaotaiun air 'inntinn agus a thoil. Theid iad d'a ionnsuidh chum a bhi air an seòladhl leis, a' guidhe air an treòrachadh anns na ceumaibh air nach robh iad eòlach. Feudar Salm exix. a ghabhail mar eisempleir air an ni so. Cionnus a tha an t-anam naomh ann an sin a' plosgartaich an déagh èolais ann an slighibh agus òrdraigheibh, ann an reachdaibh agus breitheanaasaibh Dhe ! Tha coguisean nan naomh, tha sinn ag ráilh, ro mhaoth mu'n ni so : ciod air bith a tha o Chriod, tha iad 'gan toir féin thairis gu toileach dha, a gabhail ris, agus 'ga chleachdadhl a ghnàth ; ciod air bith a thig air sheòl eile, tha iad 'ga chur air cùl.

IV. Tha Criod a' nochdadh agus a' dearbhadh a ghràidh d'a naomhaibh, anns a' cheathramh àite, ann an *rathad toirbh-eartais*,—anns an ullachadh shaoibhir agus phailt sin a tha

e 'deanamh air an son. "B'e deadh thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan," Col. i. 19; agus sin air son na criche so, chum "as a lànachd-san gu faigheam-aid-ne uile, agus gràs air son gràis," Eoin. i. 16. Cha-n'eil sinn gu bhi leudachadh air gach ni fa leth a tha anns an ullachadh sin a tha Criod a' deanamh d'a naomhaibh, maille ri feartan sin Spioraid na beatha agus nan gràs a tha iad gach là a' faotainn uaith,—an t-aran sin a tha e buileachadh orra gu'n sàth, agus an ùrachadh spioraid a tha iad a' faotainn uaith; cha dean sinn ach a mhain 'ainmeachadh, gu bheil na Sgriobtuirean a' cur an céill gu bheil e 'deanamh na h-uile ni air an son ann an rathad saoibhir, no gu pailt, ann an rathad toirbheartais. Ciod air bith ni a tha sinn a' faotainn uaith,—a ghràs chum ar euid-eachaidh, no a làthaireachd chum ar comhfhurtachd,—tha sinn 'ga fhaotainn gu pailt. Tha so air a chur an céill ann an rathad coitechionn ann an Rom. v. 20, "Far an do mheudaich-eadh am peacadh, bu romhò a mheudaicheadh gràs." Ma's e's gu bheil gràs a' meudachadh gu romhòr 'an coimeas ris a' pheacadh, is gràs saoibhir da rireadh e; mar a cheadaicheas neach sam bith a bheachdaicheas eionnus a bha agus a tha am peacadh a' meudachadh anns na h-uile h-anam. Do bhrigh so, tha esan comasach, agus sinne air ar misneachadh gu bhi 'g earbsa, gu'n dean e air ar son "gu h-anabarrach ro-phailt, thar gach ni a's urrainn sinn iarraigd no smuaineachadh," Eph. iii. 20. An e tròcair a' mhaiteananais a tha sinn a' faotainn uaith? bheir e "maitheanas *gu pailt*," Isa. lv. 7; meudaichidh e maitheanas peacaidh,—aon an déagh aoin, gus am bi gràs agus tròcair a' meudachadh gu ro-mhòr os ceann ar peacaidhean agus ar n-euceartan gu lèir. Am bheil e 'buileachadh a Spioraid oirnn? tha e 'ga dhòrtadh oirnn *gu saoibhir*, no "*gu pailt*," Titus iii. 6; cha-n e 'mhain a bhi 'gar cuireadh gu bhi 'g òl de uisge na beatha gu saor, ach mar an ceudna 'ga bhualeachadh ann an tomhas cho saoibhir as gu bheil aimhnichean de uisge beò a' sruthadh uaith-san a tha 'ga fhaotainn, Eoin vii. 38, 39, —agus nach bi tart orra-san gu bràth a dh' òl dheth. An e gràs a tha sinn a' faotainn? tha e buileachadh sin mar an ceudna ann an rathad toirbheartais; tha sinn a' faotainn "pailteas gràs," Rom. v. 17: tha e "ro phailt dhuinn 's an uile ghliocas agus thuigse," Eph. i. 8. Is ann do bhrigh so a tha an cuireadh sin air a thabhairt, Dàn Shol. v. 1. Ma tha sinn air ar cumhannachadh, ma seadh, ann an ni sam bith, is ann annainn féin; tha Criod a' buintinn gu fial ruinn. Gu

cinnteach, is e peacadh mòr nan creideach nach 'eil iad a' deanamh feuma de thoirbheartas Chriosd mar bu chòir dhoibh: nach 'eil sinn a' gabhail tròeair o a làmhaibh gach là ann am pailteas. Cha teirig an oladhl gus an teirig na soithichean; cha-n'eil stad a teachd air comhpàirteachadh Chriosd, gus am bheil stad air teachd air cleachdadhl ar creidimh ann an gabhail o Chriosd.

Tha sinne, air an làimh eile, a' eoimh-fhreagairt an toirbh-eartais so ann an rathad dleasannais do Chriosd. Tha dà ni feumail dhuinn air son na crèche so :

1. Gu'n *leanamaid* an dèigh naomhachd, ann an cleachdadhl agus 'an cumhachd na naomhachd, mar a tha i'na h-ùmhachd do Iosa Criod. Tha ùmhachd an t-soisgeil gu léir air a filleadh suas ann am briathraibh sin an Tighearna, Mata xxviii. 20, "Gach uile ni a dh'aithn mise dhuibh a choimhead;" agus a ris, tha e 'g ràdh, Eoin xv. 14, "Is sibhse mo chàirdean-sa, ma ni sibh gach ni a tha mi ag àithne dhuibh;" agus tha e air iarraidh oirnn a bhi beò dha-san a fhuair bàs air ar son, 2 Cor. v. 15,—beò dha anns an uile ùmhachd naoimh,—beò dha mar ar Tighearn agus ar Righ. Cha-n e gu bheil sinn a' smuaineachadh gu bheil reachdan agus lagh sònruichte aig Iosa Criod, tre'm bheil sinn air ar fireanachadh ann an tabhairt ùmhachd dhoibh, mar a tha na Socinianaich gu h-amaideach a' smuaineachadh; oir cha-n'eil an soisgeul ag iarraidh ni's mo oirnn na gu'n "gràdhaimcheamaid an Tighearn ar Dia le ar n-uile chridhe, agus le ar n-uile anam,"—ni a tha an lagh ag àithne mar an ceudna, —ach a mhain so,—Air do'n Tighearn Iosa ar tabhairt a dh-ionnsuidh staid fabhair ri Dia, anns am bheil ar n-ùmhachd taitneach dha, gu bheil sùil shònruichte gu bhi againn ris-san 'nar n-uile ùmhachd, eadhon mar a tha sinn gu bhi 'toirt urraini do'n Mhae, amhui a bheir sinn urram do'n Athair. Mar sin mar an ceudna, Titus ii. 14, "A thug e féin air ar son, chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha féin sluagh sònruichte, eudmhòr mu dheadh oibríbh." Tha sùil nan creideach, ma seadh, air Iosa Criod 'nan uile ùmhachd,—

(1.) Mar is e féin *ùghdair an creidimh agus an ùmhachd*, neach air sgàth an d' thugadh dhoibh creidsinn, Phil. i. 29; agus a tha ag oibreachadh na h-ùmhachd sin annta le a Spiorad. Mar sin, mar an ceudna, Eabh. xii. 1, 2; ann an cleachdadhl ar n-ùmhachd tha sinn gu bhi 'g amhare air Iosa, "ùghdair ar creidimh." Tha creidimh ann an so a' ciallachadh araon gràs a' chreidimh, agus a thoradh anns an ùmhachd.

(2.) Mar an neach anns am bheil, air son am bheil, agus tre'm bheil sinn air ar deanamh taitneach do Dhia 'nar n-uile ùmh-lachd. Tha fios aig creidich gu bheil an dleasannais uile ro anmhunn, agus mi-ionlan, gun chomas seasainh 'am fianuis Dé; agus uime sin tha an sùil air Criod mar an neach a tha 'giùlan aingidheachd an nithe naomha,—a' measgadh tùis' maille r' an ùrnughibh, a' glanadh air falbh luibhean fiadhaich an euid dleasannas, agus 'gan deanamh taitneach do Dhia.

(3.) Mar neach a rinn àitheanta *Dhé ath-nuadhachadh* dhoibh, ann an rathad a tha 'gan eur fo fhiachaibh do-labhairt ùmh-lachd dha. Mar a tha an t-abstol a' labhairt, 2 Cor. v. 14, 15, "Tha gràdh Chriod 'gar co-éigneachadh ;" air an labhair sinn 'an déigh so.

(4.) Tha iad ag amhare air mar Dhia, *coimh-ionann ris an Athair*, d'am bheil gach uile urram agus ùmh-lachd fiachnaichte. Mar anns an Taisb. v. 13. Ach rinn sinn na nithe so 'fhosgladh suas a cheana, o chionn uine ghoirid, ann an sgrìobhadh eile, air aoradh Chriod mar eadar-mheadhonair. Is e so, ma seadh, cleachadh nan naomh 'nan uile ùmh-lachd ; tha sùil shònruichte aca air an Tighearn Iosa ionmhuinn. Tha e 'nan smuaintibh a ghnàth, do bhrìgh na h-aobhairean a dh' ainmich sinn, agus aobhairean do-àireamh eile. Tha a ghràdh dhoibh, a bheatha air an son, a bhàs 'nan éirie,—tha a chaoimhneas agus a thròcair gu léir 'gan co-éigneachadh gu bhi beò dha.

2. Is e an dara ni a tha feumail dhuinn ann an rathad dleasannais do Chriod, gu'm bitheamaid a' saothrachadh chum a bhi' meudachadh ann an toraidhibh na naomhachd. Mar a tha Criod a' buintinn ruinne ann an rathad cho fìalaidh, mar sin tha e 'g iarraidh aig ar làmhaibh gu'm bitheamaid a' meudachadh anns an uile ùmh-lachd thaingeil dha. Chum na crèche so tha sinn air ar n-earalachadh a bhi "sior-mheudachadh ann an obair an Tighearna," 1 Cor. xv. 58. Is e so a tha sinn a' ciallachadh :—Cha-n 'eil na naoimh gu bràth riaraichte leis an tomhas air an d' rainig iad, ach tha iad a ghnàth 'gan sìneadh féin air an aghaidh chum ùmh-lachd ni's dleasannaich agus ni's tarbhaiche do Chriod.

Ann an so, ma seadh, tha plathadh beag de'n chomh-chomunn sin a tha sinn a' sealbhachadh maille ri Criod. Cha-n 'eil ann ach plathadh beag, uaith-san a's lugha fiosrachaidh ann de uile naoimh Dhé; gidheadh a fhuair sin ann a's fearr na deich mìle saoghal ; leis am miann fuigheall làithean tearc agus olc a chuairt a chaitheadh ann a bhi beachdachadh air oirdheirceis,

air ion-mhiannachd, air gràdh, agus air gràs ar Tighearn Iosa ionmhuiinn, agus ann a bhi 'toirt ùmhlichd dha a réir a thoile : d'an tearmunn anama, 'am measg uile imcheisteán an t-saoghal thruaigh so 'tha làthair, agus gach ceannaire mallaichte a tha 'na chridhe féin, nach 'eil aeh "fathast sealan beag, agus an ti a tha ri teachd thig e, agus cha dean e moille." "Tha an Spiorad agus a' bhean nuadh-phòsda ag ràdh, Thig; agus abradh an ti a tha leughadh, Thig. Seadh, thig, a Thighearn Iosa."

CAIBIDEIL VI.

Air comh-chomunn ri Criod ann an gràs coisinnté—Gràs coisinnté air a bheachdachadh a thaobh a thobair—Ceud éiridh a' ghráis so, ann an umhlachd Criod—Umhlachd gu ceart air a cur as leth Criod—Dà rathad air am beachdachadh ; ciod a bha anns an umhlachd so, agus ciod anns an robh i a' coimh-sheasamh—Air umhlachd Criod do'n lagh gu coitchionn—Air lagh an Eadar-mheadhonair—Fireantachd nàdurra Criod, cionnus a bha sin neosheachanta ; mar a bha mar an ceudna an umhlachd a thug e do lagh an Eadar-mheadhonair—Air umhlachd ghniomhaich Criod, no 'fhireantachd ghniomhaich—Umhlachd Criod gu léir air a coimhlionadh leis mar Eadar-mheadhonair—Umhlachd ghniomhach Criod air ar son-ne—So air a dhearbhadh, Gal. iv. 4, 5 ; Rom. v. 19 ; Phil. iii. 10 ; Sech. iii. 3-5—Aon chunnail air a toirt air falbh —Beachdan air fireantachd ghniomhaich Criod air an comhdhunadh—Air bàs Criod, agus a' bhuaidh a tha aige ann ar deanamh taitneach do Dhia—Luach ; saorsa, ciod a ta ann—Iobairt ; réite air a deanamh leis—Peanas ; riarrachadh trid sin—Eadar-ghuidhe Criod, agus a bhuaidh a tha aige ann ar deanamh taitneach do Dhia.

THEID sinn a nis air ar n-aghaidh chum a bhi beachdachadh ar comh-chomuinn ri Criod ann an *gràs coisinnté*, a réir an t-suidheachadh teagaisg sin a chuireadh sios : "Chum eòlais a bhi againn airson, agus air cumhachd 'aiseirigh-san, agus air comh-chomunn 'thulangais, chum a bhi air ar cur ann an coslas crutha r'a bhàs," Phil. iii. 10.

Le gràs coisinnté, tha sinn a' tuigsinn an fhìreantachd agus an gràs sin gu léir a choisinn Criod, no a dh' oibrich e a mach air ar son, no air am bheil e 'gar eur ann an seilbh, no a' comhpairteachadh ruinn chum ar leas, agus sin tre ni sam bith a rinn no a dh' fhuiling e, no ni sam bith a tha e nis a' deanamh mar eadar-mheadhonair :—Tha dà ni ann an so ri ar n-aghaidh,

—Anns a' cheud àite, *Ciod e an gràs coisinnte so, agus ciòd anns am bheil e a' coimh-sheasamh*; Anns an dara àite, *Cionnus a tha comh-chomunn againn ris ann*.

Feudaidh an ceud ni a bhi air a bheachdachadh ann an dà rathad :—1. A thaobh a *thobair agus 'éiridh*; 2. A thaobh a *nàduir*, no sin anns am bheil e a' coimh-sheasamh.

1. Tha éiridh no aobharachd thri-fillt' aige ann an Criod :—
 (1.) *Umhluachd* a bheatha. (2.) *Fulanag* a bhàis. (3.) A ghnàth *eadar-ghuidhe*. Feudaidh uile ghnìomhara Chriosd mar eadar-mheadhonair, a tha treòrachadh a dh' ionnsuidh comhpaiteachadh gràis ruinne, a bhi aon chuid air an lorgachadh suas a dh' ionnsuidh nan trì chinn so, no a dh' ionnsuidh nithe éigin a tha comh-chuideachail dhoibh no a' sruthadh uatha.

2. A thaobh nàduir a' ghràis so anns am bheil comh-chomunn againn ri Criod, agus a tha 'sruthadh o na cinn so, feudaidh sinn 'filleadh suas anns na trì nthibh a leanas :—(1.) *Gràs fìrean-achuidh*, anns am bheil sinn gabhta le Dia; anns am bheil ar staid air a h-atharrachadh a thaobh Dhé. (2.) *Gràs naomhachaidh*, no naomhachd fa chomhair Dhé; anns am bheil fior atharrachadh air a dheanamh annainn, a thaobh nàduir agus cleachdaidh. (3.) *Gràs nan sochair*; a tha measgaichte, mar a nochdas sinn, ma's e's gu'n leudaich sinn air.

A nis, tha e soilleir gu bheil comh-chomunn againn ri Criod anns a' ghràs coisinnte so, o'n aon bheachd so a leanas,—eadhon, nach 'eil ni sam bith ach ro bheag a rinn Criod, o'in bheil an gràs so ag éiridh air am bheil sinn a' labhairt, mu nach 'eil e air a rádh gu'n d'rinn sinn e maille ris. Tha sinn air ar "ceusadh" maille ris, Gal. ii. 20; tha sinn "marbh" maille ris, 2 Tim. ii. 11; Col. iii. 3; agus air ar "n-adhlaiseadh" maille ris, Rom. vi. 4; Col. ii. 12; tha sinn air ar "beothachadh" maille ris, Col. ii. 13; "dh' éirich" sinn maille ris, Col. iii. 1. "Chomh-bheothaich e sinu maille ri Criod, agus chomh-thog, agus chomh-shuidhich e sinn ann an ionadaibh nèamhaidh," Eph. ii. 5, 6. Do blàrigh an comh-chòrdadh sin a bha eadar Criod mar eadarmheadhonair agus an t-Athair, tha a leithid sin de stéidh chinntich air a leagadh ann an gnìomharaibh Chriosd, air son a bhi comhpairteachadh toraidhean nan gnìomharan sin riu-san air son an d' oilrich e iad, as gu bheil na gnìomharan ceudna air an cur as an leth-san, ann a bhi comhpairteachadh de na toraidh-ibh sin. Feudaidh aobhar a bhi againn an déagh so beagan rannsachaiddh a dheanamh ann am beatha agus 'an cumhachd na firiuin' so :—

(1.) Is e an ceud ni, ma seadh, a tha againn r' a thoirt fainear, ceud thobar agus éiridh a' ghràis so, anns am bheil ar comh-chomunn againn ri Criod ; agus 'se sin ùmhachd a bheatha : agus a thaobh an ni so, feumaidh sinn a chur an céill,—[1.] Ciod a tha sinn a tuiginn leis, agus ciod anns am bheil e a' coimh-sheasamh. [2.] Ciod a' bhuaidh a tha aige a dh' ionnsuidh a' ghràis air am bheil sinn a' labhairt.

Chum a bhi 'toirt so fainear bheir sinn seachad an aon roimh-bheachd so,—eadhon, gu bheil beatha Chriosd, ann an òrdugh a' chosnaidh, agus mar a dh' fheumadh a bhi, a' dol air thoisearch air a bhàs ; agus uime sin ni sinn a thogail anns a' cheud àite : ach ann an òrdugh a' *chomh-chuir*, tha toraidhean a bhàis air am buileachadh oirnn, ann an nàdur nan nithe féin, air thoisearch air toraidhean a bheatha ; mar a bhitheas air a dheanamh aithnichte, air dhòigh neo-sheachanta, o'n t-suidheachadh sin anns am bheil sinn.

[1.] Le ùmhachd beatha Chriosd, tha sinn a' eiallachadh comh-chòrdadh iomlain an Tighearna Iosa Criod, mar eadar-mheadhonair, mar a bha agus mar a tha e, ri toil iomlan Dé ; agus an coimhlionadh gniomhach agus iomlan sin a thug e do gach uile lagh Dhé 'nan iomlanachd, no an coimhlionadh a thug e do gach ni a bha Dia ag àithne annta. Dh' fheudadh e 'bhi iomlan naomh le ùmhachd a thoirt do lagh a' chruthachaidh, lagh na modhannan, mar a bha na h-ainglean ; ni mò a b' urrainn tuilleadh a bhi air 'iarraidh uaith mar dhuine ag imeachd maille ri Dia : ach strìochd se e féin mar an ceudna fo na h-uile lagh no òrdugh a thugadh a steach do bhrìgh peacaidh, ni nach robh mar fhiachaibh air a dheanamh mar a bha e aon féin, ach mar a b' iomhuidh dha "gach uile fhireantachd a choimhlionadh," Mata iii. 15, mar a labhair e a thaobh òrduigh nuaidh a' bhaistidh.

Tha na Sgriobtuirean a' deanamh fianuis gu bheil ùmhachd gu cothromach air a cur as leth Chriosd mar eadar-mheadhonair. Eabh. v. 8, "Ged bu Mhac e, dh' fhògluim e ùmhachd o na nithibh a dh' fhuling e ;" sealbh, bha e ùmhal anns na fulangasaibh, agus b'e sin a chuir beatha 'na bhàs, Phil. ii. 8. Bha e ùmhal gu bàs : oir 'na bhàs rinn e "anam na lobairt-réitich," Isa. liii. 10 ; no "rinn 'anam réite air son peacaidh," mar a tha e air eadar-nihineachadh ann an rann 12, "dhòirt e mach 'anam gu bàs," no "dhòirt 'anam e féin a mach gu bàs." Agus cha-n e mhain gu'n do naomhaich se e féin chum a bhi 'na thabhartas, Eoin xvii. 19, ach "thug se e féin suas" mar an ceudna, Eabh. ix. 14, "'na thabhartas agus 'na lobairt deadh-

fhàile do Dhia," Eph. v. 2. Agus do bhrìgh so, tha e 'faotainn mar ainm, a thaobh a sheirbheis gu léir, " oglach " an Athar, Isa. xlvi. 1, agus rann 19 : agus tha e 'g aideachadh d' a thaobh féin, " Thàinig mi nuas o nèamh, cha-n ann chum gu'n deanainn mo thoil féin, ach toil an ti a chuir uaith mi ;" seirbhis air son am bheil e 'nochdadh, ann an Eabh. x. 7, cho ullamh as a bha e ;—agus so uile a' dearbhadh ùmhachd. Ach tha sinn a' saoilsinn nach 'eil aobhar dhuinn a bhi 'buanachadh a' dearbhadh gu'n robh Criod ùmhachd ann an obair na réite mar eadar-mheadhonair, agus gu'n d' rinn e gach ni a rinn e gu toileach agus gu suilbhire, ann an ùmhachd do Dhia.

A nis, tha dà dhòigh anns am feud sinn beachdachadh air ùmhachd so Chriosd :—Ann a' cheud àite,—A thaobh freumh nàdurra agus tobair na h-ùmhachd. Ann an dara àite,—Earrannan no dleasannais fa leth na h-ùmhachd :—

Ann a' cheud àite,—Freumh nàdurra na h-ùmhachd, eadhon fireantachd nàdurra Chriosd. B'i fireantachd nàdurra so Chriosd mar eadar-mheadhonair ann an nàdur an duine, comh-chumadh ionlan agus coimhlionta anama Chriosd ri toil, agus inntinn, agus lagh Dhé. Bha so aige air dhòigh neo-sheachanta o ghràs an aonaidh ; o'm bheil e air a ràdh gu'm bu " ni naomh " an ni sin a bha air a bhreith o'n òigh, Lucas i. 35. Tha sinn ag ràdh gu'n robh e neo-sheachanta gu'm bitheadh e mar sin, mar thoradh an aonaidh ; ged a bha cruthachadh " an ni naoimh " sin o oibreachadh saor an Spioraid Naoimh, Lucas ii. 52. Bha uile-lànanachd gràis aige anns na h-uile seadh. Tha an t-abstol a' cur so 'an céill, Eabh. vii. 26, " Bha shamhuil sin de àrd-shagart ionchuidh dhuinne, a bha naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich." Ann na h-uile seadh bha e dealaichte agus fad air falbh o pheacadh agus o pheacaich ; agus uime sin goirear dheth " Uan Dé gun chron, gun smal," 1 Phead. i. 19. Bha naomhachd nàdurra so Chriosd ann an tomhas do-mheasrachaidh os ceann naomhachd nan aingeal. Tha còmhnuidh aige a ghnàth ann an uchd an ti sin a tha " 'cur amaideachd as leth nan aingeal," Iob iv. 18 ; " nach earb as a naoimh, agus 'na shùilibh nach 'eil na nèamhan"—no an luchd-àiteachaidh—" féin glan," caib. xv. 15 ; agus tha e 'gnàth làn toilichte leis, Mata iii. 17. Agus tha so uile do bhrìgh gu'n d'fhuair na h-uile creutair eile, ciod air bith cho naomh as a ta iad, an Spiorad a réir tomhais ; ach cha d'thugadh e do Chriosd a réir tomhais, Eoin. iii. 34 ; agus sin do bhrìgh gu'm " b'e deadh thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile

iomlanachd ann-san," Col. i. 19. Tha gràs nàdurra so Chriosd, ged nach 'eil e gu h-ionlan neo-chriochnach, gidheadh, 'an coimeas ri creutair air bith eile, mar uisgibh a' chuan 'an coimeas ri uisge an lochain. Tha na h-uile creutair eile air 'Isleachadh 'an taobh a mach de inbhe na h-ionlanachd leis gu bheil iad a' coimh-sheasamh ann am bith cruthaichte agus eisemeileach, aig am bheil tobar gach ni a tha air a chomhpair-teachadh riu 'an taobh a muigh dhiubh féin. Ach tha bith aig daonnachd Chriosd ann am pearsa Mhic Dhé ; agus mar sin tha tobar a naomhachd ann am fior aonadh ris féin.

Anns an dara àite,—Tha ùmhlaichd ghnàomhach Chriosd a' coimh-sheasamh, mar a dh' ainnmich sinn, ann a bhi coimhlionadh na h-uile dleasannas agus àithne, gu toileach agus gu suilbhire, a bha Dia ag iarraidh anns na h-uile lagh fo an robh sinne dha ; agus, mar an ceudna, an ùmhlaichd a thug e do lagh sònruichte an eadar-mheadhonair. Anns an ùmhlaichd so, ma seadh, tha dà ni :—

An ceud ni,—Gu'n d'thug Criosd coimhlionadh ionlan do na h-uile ni a bha air 'iarraidh uaithne le lagh sam bith fo'n robh sinn do Dhia. Na h-uile ni a bha air iarraidh oirnn le lagh nàduir, ann an staid na neo-chiontais ; na h-uile dleasannas a chuireadh ris le reachdaibh deas-ghnathach ; na h-uile ni a tha air iarraidh oirnn ann an ràthad ùmhlaichd do laghannaibh cothromach siobhalta,—choimhlion Chriosd iad so nile. Uime sin, theirear gu'n "d' rinneadh e fo'n lagh," Gal. iv. 4 ; fo fhiachaibh do uile reachdaibh agus àitheantaibh an lagha. Mar sin, Mata iii. 15, thubhairt e gu'm "b' ionchuidh dha-san gach uile fhìreantachd a choimhlionadh,"—gach nile ghnè fhìreantachd ; eadhon, na h-uile ni a dh' àithn Dia, mar a tha soilleir o bhi 'comh-chur na cainnte choitchinn sin ri baisteadh Eoin. Cha bhi aobhar dhuinn, air son so a dhlearbhadh, a bhi 'comharachadh a mach eisampleirean fa leth, o dhleasannasaibh lagh' nàduir, do Dhia agus d'a pharantaibh ; no o dhleasannasaibh modhannail na Sàbaid, agus gniomharan aoraidh eile ; no o lagh nan deas-ghnath, anns an timchioll-ghearradh, agus gnàthaibh eile eaglais nan Indhach ; no o'n lagh shiobhalta, ann a bhi 'g locadh na cùise do uachdaranaibh ;—is leòir e, tha sinn a' meas, air an dara làimh, "nach d'rinn e peacadh, ni mo a bha cealg na bheul ;" agus air an làimh eile, gu'n do "choimhlion e gach uile fhìreantachd :" agus uime sin bha an t-Athair a ghnàth toilichte leis. B'e so an ni a dh' aidich e uime féin,—gu'n d'thàinig e a dheanamh toil Dé ; agus rinn se e.

An dara ni,—An ùmhachd a thug e do *lagh sònruichte an eadar-mheadhonair*, aig an robh sùil ris féin a mhain, agus a tha 'gabhair a steach uile ghnìomharan agus dhleasannasan sin Chriosd nach 'eil 'nan eisampleiribh cleachdaidh dhuinne. Mar sin bha an gnìomh ùmhachd sin a choimhlion e ann an leagadh sios a bheatha air a choimhlionadh gu sònruichte do'n lagh so, Eoin. x. 18, “Tha cumhachd agam mo bheatha a leagadh sios: an àithne so fhuair mi o m' Athair.” Fhuair e, mar eadar-mheadhonair, an àithne shònruichte so o'n Athair, gu'n leagadh e sios a bheatha, agus gu'n glacadh se i a rìs; agus bha e ùmhàl da. Uaith so their sinn gu'n d'rinn esan a's e an t-eadar-mheadhonair euid de nithibh mar dhuine a mhain, fo ùmhachd do lagh Dhé gu coitchionn; mar sin riim e ùrnuigh air an son-san a'bha 'ga gheur-leamhnuinn, agus a chur gu bàs e, Lucas xxiii. 34;—euid eile de nithibh mar eadar-mheadhonair; mar sin rinn e ùrnuigh air an son-san a mhain a thugadh dha, Eoin xvii. 9. Cha robh sluagh ni b'aingidh anns an t-saoghal na mòran diubh sin a rinn Chriosd a chuir gu bàs; gidheadh, mar dhuine air a dheanamh fo'n lagh, thug e maitheanas doibh, agus rinn e ùrnuigh air an son. ‘Nuair a rinn e ùrnuigh mar eadar-mheadhonair, thug an t-Athair éisdeachd agus freagradh dha a ghuàth, Eoin xi. 41; agus anns na h-ùrnuighibh eile chaidh gabhairis mar neach a bha gu riaghailteach a' coimhlionadh a dhleasannais.

Is e so, ma seadh, ùmhachd Chriosd; an ceud ni a bha r'a thoirt fainear. Is e an ath ni,—

[2.] Gu bheil éifeachd aig an ùmhachd so a dh' ionnsuidh a' ghràis sin air am bheil sinn a' labhairt, anns am bheil comh-chomunn againn ris,—eadhon, sinn a bhi *gabhta gu suor* le Dia; bheir sinn fainear a nis 'na òrlugh féin, eiod an éifeachd a tha ann an so.

Amis a' cheud àite,—A thaobh *fìreantachd nàdluir* Chriosd, cha dean sinn ach 'ainmeachadh fo'n dà bheachd so:—

An ceud bheachd: Smuainicheamaid a mhain, gu'm *b'fheumail* dhuinn gu'm bitheadh eadar-mheadhonair againn a bha 'na Dhia agus 'na dhuine anns an aon phearsa,—agus eha b' urrainn e bhi air dhòigh eile,—agus feumaidh e 'bhi gu'm bitheadh e 'na eadar-mheadhonair naomh. Oir ged nach 'eil ach aon phriomh thoradh neo-sheachanta do'n aonadh phearsanta—eadhon, am bith a tha aig nàdur na daonnachd ann am pearsa Mhic Dhé,—gidheadh, bha e mar an ceudna neo-sheachanta gu'm bitheadh an ni sin a bha air 'aonadh ris a' phearsa dhiadhaidh 'na "ni naomh," gu h-iomlan naomh;—air an do labhair sinn a cheana.

An dara beachd: Gu bheil an *dàimh* anns am bheil *fìreantachd*

nàdurra so Chriosd a' seasamh do'n ghràs a tha sinn a' faotainn uaith, a' coimh-sheasamh ann an so a mhain,—gu'n robh e air a dheanamh freagarrach da thrid gu bhi coimhlionadh na h-uile ni a bha aige r'a dheanamh air ar son. Is e so fèin ciàllachadh an abstoil, Eabh. vii. 26, "Bha shamhuil sin de àrd-shagart *iomchuidh dhuinne*;" bha e neo-sheachanta feumail gu'm bitheadh e an neach a bha e, chum a bhi coimhlionadh gach ni a bha aige r'a dheanamh. Tha dà aobhar air son so :—

An ceud aobhar: Mar bitheadh e air uidheamachadh gu coimhlionta le fireantachd nàduir, cha b' urrainn e gu bràth an *fhìreantachd ghnìomhach* sin a choimhlionadh a bha air a h-iarraidh aig a làmhaibh. Is ann anns an fhìreantachd nàduir so a bha e comasach a bhi deanamh na h-uile ni a rinn e. Mar sin tha e fèin ag aimmeachadh làthaireachd an Spioraid maille ris mar an stéidh air an d'imich e mach 'an ceann 'oibre, Isa. xli. 1.

An dara aobhar: Cha b' urrainn e bhi 'na *lobairt coimhlionta agus iomlau*, ni mo a b' urrainn a bhi 'freagradh nan samhlaidhean agus nan sgàilean sin air, a bha coimhlionta agus gun ghaoid. Ach a nis, air do Chriosd an fhìreantachd nàduir so a bhi aige, bhithheadh e 'na iobairt agus 'na thabhartas freagarrach, ged a bhithheadh e air fulang cho aithghearr 'an déigh a theachd 'san fheòil, as a bha Adhamh air peacachadh an déigh a ehruthachaidh, agus sin ged nach bitheadh e riabhach air ùmhachd leanmh-uinneach a thoirt do'n lagh gu gnìomhach ; uime sin, tha, gun teagamh, feum eile air son na h-ùmhachd sin, a bhàrr air a bhi 'ga dheanamh freagarrach air son a bhi 'na iobart, ni air son an robh e uile-fhìreagarrach as eugmhais sin.

Anns an dara àite,—A thaobh ùmhachd Chriosd do *lagh an eadar-mheadhonair*, an ùmhachd sin a bha feumail dha chum a bhi cur an gnìomh a dhreuchdan mar eadar-niheadhonair, cha'n-eil sin air a mheas dhuinne mar gu'm bitheadh i deanta leinn, ged a tha an obair a choimhlion e trid na h-ùmhachd sin, agus toraidhean na h-oibre, air am meas dhuinn ; is e sin, cha'n-eil an ùmhachd sin air a meas dhuinn anns an t-seadh anns am bheil i *eadur-dhealaichte* o ùmhachd fhulangach Chriosd, mar a their euid—ged a tha fios agam nach 'eil am focal sin eothromach,—ach tha i de'n aon nàdur ri eadar-ghuidhe Chriosd, trid am bheil e 'g ullachadh na nithe maith sin air ar son air am bheil sinn 'am feum, 'se sin ann an Rathad cuideachail d'a thabhartas agus 'eadar-ghuidhe ;—air an labhair sinn an déigh so.

Anns an treas àite,—Tha euid ann a tha 'eur 'an teagamh 'an d' thug Chriosd dearbh *choimhlionadh do'n lagh* anns na h-uile

ni a tha air àithne dhuinne ; tha trì beachdan eadar-dhealaichte m'a thimchioll :—

An ceud bheachd : Nach 'eil àite sam bith aig àmhlaichd ghnòlomhaich Chriosd ann a bhi 'gar fireanachadh agus 'gar deanamh taitneach 'am fianuis Dé, ach a mhain mar a bha e ag ullachadh air son a thabhartais agus a bhàis ; an ni sin a mhain a's e aoibhar ar fireanachaidh, agus tobar na fireantachd sin a tha air a meas dhuinn, a réir a' bheachd so.

An dara beachd : Gu feud an àmhlaichd so a bhi air a beachdachadh ann an dà rathad :—*Air tùs*, mar a tha i innte fèin, eadar-dhealaichte o fhulangas ; agus mar sin gun àite sam bith aice ach a réir an ceud bheachd. *Agus a rìs*, air a beachdachadh mar a bha i air a coimhlionadh le fulangas, agus coimhcheangailte ris, eadhon mar earrann de irioslachadh Chriosd, agus mar sin gu'n robh i air a meas dhuinn, no a deanamh suas earrann de sin air sgàth am bheil sinn air ar fireanachadh.

An treas beachd : Gu bheil àmhlaichd so Chriosd, air dhi a bhi air a coimhlionadh *air ar son*, air a cur as ar leth gu gràsmhor le Dia ; agus air a sgàth gu bheil sinn gabhta mar fhàenaibh 'na fhanuis. Cha-n 'eil sinn a' rùnachadh na beachdan eadar-dhealaichte so a làimbseachadh ann an rathad connsachaidh, ach a mhain an fhàinn 'fhosgladh suas, ann an rathad a dh' fheudas a bhi gu h-aithghearr air a chur ann an cleachdad na diadhachd agus na conhfhurstachd ; ni mar an ceudna a ni sinn amus na beachdaidh so a leanas :—

Beachd 1. An àmhlaichd sin a thug Chriosd do'n lagh gu coitchionn, cha b'ann do lagh sònruichte an eadar-mheadhonair a thug e i, ged a thug e i *mar eadar-mheadhonair*. Ghabh e ar nàdur mar eadar-mheadhonair, Eabh. ii. 14 ; Gal. iv. 4 ; agus b'ann mar eadar-mheadhonair a phobuill a rinn e gach ni a rinn e 'an déigh sin. Air son na crìche sin " bha e air teachd chum an t-saoghal," agus rinn agus dh'fhuiling e gach ni a rinneadh agus a dh'fhuilingeadh leis anns an t-saoghal so. Agus mar sin tha dà sheadh coimhcheangailte ris an fhocal sin " mar eadar-mheadhonair :" oir feudaidh e bhi air a chleachdad a thaobh lagh' an eadar-mheadhonair a mhain, ionnus gu feudar a ràdh nach d' rinn Chriosd mar eadar-mheadhonair ach a mhain na rinn e ann an àmhlaichd do'n lagh sin ; ach anns an t-seadh a tha nis air a chiallachadh, ciod air bith ni a rinn Chriosd mar dhuine fo iochdranachd do lagh sam bith, rinn e sin mar eadar-mheadhonair, do bhrìgh gu'n d' rinn se e mar earrann de'n

dleasannas a bha fiachnaichte air-san a ghabh os làimh a bhi 'na eadar-mheadhonair.

Beachd 2. Ciod air bith ni a rinn *Criosd mar eadar-mheadhonair*, gu'n d'rinn se e air an son-san air son an do chuir e'n gnìomhl dreuchd na h-eadar-mheadhonaireachd fa chomhair Dhé. Tha an Spiorad Naomh a' deanamh fianuis air so, Rom. viii. 3, 4, "Oir an ni nach robh 'an comas do'n lagh a dheanamh, do bhrìgh gu'n robh e anmhunn tre'n fheòil, ag eur a Mhic féin do Dhia ann an coslas feòla peacaich, agus 'na iobairt air son peacaidh, dhit e am peacadh 's an fheòil, chum gu'm bitheadh fireantachd an lagha air a coimhlionadh annainne ;" do bhrìgh nach b'urrainn sinne teachd do Dhia, anns a' chor anmhunn sin anns an do chuireadh sinn tre'n pheacadh, agus a bhi air ar saoradh o dhìteadh tre'n lagh, chuir Dia a Mhac féin mar eadar-mheadhonair, gu bhi 'deanamh agus a' fulang na h-uile ni a bha'n lagh ag iarraidh aig ar làmhaibh-ne air son na crìche sin, chum nach bitheamaid air ar dìteadh, ach gu'm bitheamaid gabhta le Dia. Bha e gu léir a chum na crìche so,—cadhon, "gu'm bitheadh fireantachd an lagha air a coimhlionadh annainne ;" is e sin, an fhìreantachd sin a bha an lagh ag iarraidh uainn, ag coimh-sheasamh ann an dleasannasaibh ùmhachd. Choimhlion Criosd so air ar son. Tha briathran sin an abstoil, "Ag eur a Mhic féin do Dhia ann an coslas feòla peacaich, agus na iobairt air son peacaidh, dhit e am peacadh 's an fheòil," a' filleadh ann an t-iomlan de na rinn agus na dh'fhuiling Criosd, ma chuireas sinn an rann sin eile r'an taobh, Gal. iv. 4, gu'n do chuireadh e ionnus gu'n "d' rinneadh e fo'n lagh ;" is e sin, fo fhiachaibh gach ni a bha'n lagh ag iarraidh a choimhlionadh ; agus tha an Spiorad Naomh ag innseadh dhuinn, rann 4, gu'n d' rinn e so uile air ar son-ne.

Beachd 3. Nach i crioch ùmhachd gniomhaich so Chriosd, gu'm bitheadh e air 'uidheamachadh air son a bhàis agus a thabhartais. Oir bha na samhluidhean uile air faotainn làn choimhlionaidh ann, agus bha e anns na h-uile seadh freagarrach gu bhi air a dheanamh 'na thabhartas air son peacaidh, o'n aonadh phearsanta, agus an fhìreantachd nàdurra a bha aige. Mar sin, ma's e's nach 'eil an ùmhachd a choimhlion Criosd air a cur as leth nan creideach, agus nach do gniomhaicheadh i air an son, cha'n urrainn aobhar ceart sam bith a bhi air a thoirt seachad air son gu'm bitheadh Criosd cho fada beò anns an t-saoghal so, ann an toirt ùmhachd iomlan do nile àitheantaibh Dhé. Ged a bhithealh e air bàs 'fhaotainn ni bu luithe, bha

neo-chiontas iomlan aige, bha naomhachd iomlan aige, o'n fhìreantachd nàdurra a bha aige, agus bha luach neo-chriòchnach ann o inbheachd a phearsa ; is cinnteach, ma seadh, nach do bhuanach e air son ùine cho fada ann an cleachdadh gach uile ghnè ùmhachd, ach ann an rathad a bhi 'coimhlionadh crìche mbòire agus sònruichte ann an coimhcheangal r'ar slàinte.

Beachd 4. Ged nach bitheadh ùmhachd Chriosd air ar sonne—chi sinn air ball eiod an seadh,—dh'fheudadh ùmhachd *do lugh nùdluir* a bhi air a h-agair uaith, an lagh sin a mhain d'am b'urrainn ùmhachd a bhi fiachnaichte air mar dhuine ; oir cha-n'eil feum aig duine neo-chiontach ann an coimhcheangal oibre, mar a bha esan, air lagh sam bith eile, ni mò a thug Dia riàmh lagh sam bith eile do neach sam bith anns an t-suidheachadh sin, oir cha-n'eil creutair neo-chiontach buailteach do lagh eile ach lagh a chruthachaidh, maille ris gach samhladh air an lagh sin a dh' fheudadh Dia 'fhaicinn iomchuidh a chur ris. Agus gidheadh bha iochdranachd Chriosd do'n lagh so féin o 'shaor thoil ; agus sin cha b'ann a mhain mar thoradh air gu'n robh e mar dhuine air a bhreith o 'shaor thoil féin, cha b'ann a réir gnàtha nàdurra, ach, mar an ceudna, do bhrigh, mar an t-eadar-mheadhonair, Dia agus duine, nach robh e a réir suidheachaidh an lagha sin fo fhiachaibh dha ; air bhi dha, mar gu'm b'ann, air a thogail os ceann an lagha sin tre'n aonadh phearsanta ; gidheadh 'nuair a tha sinn ag ràdh gu'n robh 'iochdranachd dha o 'shaor thoil, cha-n'eil sinn a' ciallachadh gu'n d'fhagadh aige ùmhachd a thoirt da no ùmhachd a chumail uaith,—oir air dha dreuchd na h-eadar-mheadhonaireachd a ghabhail idir os làimh, bha ùmhachd do'n lagh neo-sheachanta dha,—ach is e a tha sinn a' ciallachadh, gu'n do ghabh e an suidheachadh sin o 'shaor thoil féin, agus mar sin thàinig e da rìreadh a steach fo àitheantaibh an lagha. Ach, tuilleadh fòs, thug Iosa Criosd ùmhachd mar an ceudna do na h-uile lagh eile fo'n robh sinne air teachd do bhrigh peacaidh, mar a bha lagh nan deas-ghnath ; seadh, thug e ùmhachd do'n dearbh òrdugh sin a bha 'samh-lachadh ionnlaid air falbh a' pheacaidh, agus aithreachais uaith, mar a bha baisteadh Eoin, ni air nach robh feum sam bith aige féin. Feumaidh e 'bhi, ma seadh, gu bheil so air ar son-ne.

Beachd 5. Nach urrainn ùmhachd Chriosd a bhi air àireamh 'am measg 'fhlàngas, ach gu bheil i gu soilleir, agus air na h-uile cor, eadar-dhealaichte uatha. Is aon ni a bhi 'gniomh-

achadh, is ni eile 'bhi 'fulang ; tha iad eadar-dhealaichte 'nan gné, agus cha-n urrainn iad a bhi coimh-ionann.

Faiceamaid a nis, gu h-aithghearr, ciod a fhuair sinn anns na beachdaibh so ; agus 'an sin ainmichidh sinn ciod e sin a tha sruthadh a mach o cheud thobar so gràis choisinnt Chriosd, agus a' bhuaidh a tha aig ann :—

Tha sinn a' faicinn a nis, anns a' cheud àite, ciod a tha air a chiallachadh le ùmhachd beatha Chriosd,—eadhon, a theachd a steach gu thoileach fo na h-uile lagh a bha fiachnaichte air uile naomhaibh Dhé a ghleidheadh, agus coimhlionadh ionlan a thoirt doibh. Tha e fior, gur beag nach robh na h-uile gnìonuh ùmhachd a choimhlion Chriosd, o fhuil a thimchioll-ghearraidh gu ful a chroinn-cheusaidh, air an coimhlionadh le fulangas,—ionnuis gu feudamaid, anns an t-seadh sin, bàs a ràdh r'a bheatha gu léir ; ach gidheadh, ann a bhi 'g amhare air an ùmhachd thoileach a choimhlion e ann, tha sin ann féin eadar-dhealaichte o na fulangasaibh a ghiùlain e, agus a' faotainn mar ainm 'fhireantachd ghniomhach. Mar a bha air a nochdad, ma seadh, is e so, tha sinn ag ràdh, an coimhlionadh ionlan a thug Chriosd, ar n-eadar-mheadhonair, do lagh Dhé gu léir ; agus ann an sin, cha-n e mhain gu'n robh e “as eugmhais peacaidh, agus gun cheilg 'na bheul,” ach bha mar an ceudna gach uile fhìreantachd air a choimhlionadh gu h-ionlan leis, mar a thubhairt e féin a b'iomchuidh dha a dheanamh.

Tha sinn a' faicinn, anns an dara àite, gu'n robh an ùmhachd so air a coimhlionadh le Chriosd, cha b'aunn air a shon fèin, ach air ar son-ne, agus as ar leth. Tha e fior, bha e neo-sheachanta feumail dha gu'm bitheadh e ionlan naomh am feadh a bha a chaithe-beatha aige anns an fheòil ; gidheadh, a thaobh priomh chríchena na omhachd a choimhlion e, a bha coimh-sheasamh ann an ùmhachd ionlan a bheatha do gach uile lagh Dhé, cha robh so ni bu lugha air ar son-ne na bha fulangas a bhàis. Gu bheil so mar so, tha an t-abstol a' nochdad, Gal. iv. 4, 5, “Chuir Dia a Mhae fèin uaith, a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fo'n lagh, chum gu'n saoradh e iad-san a bha fo'n lagh.” Feumaidh sinn an Carrann so de' n fhìrinn, a dh' ainmicheadh roimh, a bheachdachadh beagan ni's fhaide. Ghineadh o mhnaoi e, agus rinneadh e fo'n lagh ; is e sin, bha e ùmhal da air ar son-ne. B'e crioch araon a theachd 's an fheòil agus e bhi air a dheanamh fo'n lagh (oir feumaidh sinn sin a thuigsinn leis a' chainnt sin “rinneadh e fo'n lagh,”—is e sin, thugadh thairis e do shuidheachadh anns am feumadh e strìochdadh do'n lagh agus ùm-

hlachd a thoirt da), b'e crìoch so uile saorsa a phobuill. Anns an dà fhocal sin "Ghineadh o mhnaoi e" agus "Rinneadh e fo'n lagh," cha-n'eil an t-abstol a' ceangal a theachd 'san fheòil agus a bhàis r'a chéile, ann an rathad a bhi dùnadh a mach àmhachd a bheatha. Agus rinneadh e fo'n lagh anns an dearbh sheadh sinn anns an robh iadsan fo'n lagh a thàinig e a shaoradh. A nis, bha sinne fo'n lagh, cha-n ann a mhain *buailteach do pheanas* aibh an lagha, ach mar an ceudna *ceangailte fo fhiachaibh* àmhachd do uile *dheasannasaibh* an lagha. Tha an t-abstol a' nochdadh gur e so a tha air a chiallachadh le sinn a bhi "fo'n lagh," Gal. iv. 21, "Innsibh dhomh, sibhse le'm miann a bhi fo'n lagh." Cha b'e peanas an lagha fo'n robh iad a miann-achadh a bhi, ach a bhi fodha ann an rathad na h-àmhachd. Thoir air falbh, ma seadh, a' chrioch, agus euiridh tu as do'n mheadhon. Ma's e's nach robh Criod air teachd 'san fheòil no air a dheanamh fo'n lagh air a shon féin, cha d' thug e àmhachd air a shon féin; bha e uile air ar son-ne, agus *chum ar leas*. Amhaicemaid a nis air aghaidh, agus faiceamaid ciod a bhuaidh a tha aig so ann a bhi 'gar deanamh taitneach am fianuis Dé.

Uime sin, tha sinn ag ràdh, anns an treas àite, gu bheil àmhachd ionlan agus choimhionta so Chriosd air a meas dhuinne. Mar a tha sin 'na fhìrinn, "An là a dh' itheas tu bàsaichidh tu,"—is e am bàs tuarasdal a' pheacaidh, agus uime sin cha-n urrainn duinne bhi air ar saoradh o'n bhàs ach trid bàs Chriosd, Eabh. ii. 14, 15; is amhuil sin is firinn mar an ceudna, "Dean so, agus bi beò,"—cha-n'eil a' bheatha sin r'a faotainn as eugmhais na h-uile ni 'bhi air a choimhlionadh a tha'n lagh ag àithne. Tha sin 'na fhìrinn fathast, "Ma's àill leat dol a steach chum na beatha, coimhid na h-àitheantan," Mata xix. 17. Is éigin doibh, ma seadh, a bhi air an coimhead, aon chuid leinn féin, no le ar n-urras. Cha-n'eil tairbhe sam bith anns a' chunnuil sin a tha cuid a' toirt air aghaidh, 'nuair a their iad, Ma's e's gu'n d' thug Criod àmhachd ionlan do'n lagh air ar son, tha sinne air ar fuasgladh o fhiachaibh na h-àmhachd; oir air dha-san am bàs fhlulang, ni a b'e peanas an lagha, tha sinne air ar saoradh uaith. Freagam, Ciod an seadh anns an d' fluiling Criod bàs? Anns an t-seadh sin a mhain anns an robh e 'na pheanas. Cionnus, ma seadh, a tha sinne air ar saoradh o'n bhàs? Eadhon, mar a tha e 'na pheanas a mhain. Gidheadh feumaidh sinn bàs 'fhaotainn fathast; seadh, mar an cath deireannach ri toraidhibh a' pheacaidh, agus

mar bhealach ar triall chum tigh ar n-Athar, is éigin duinn bàs fhaotainn. Ro mhaith, ma seadh, thug Criod ùmhachd iomlan do'n lagh; ach cionnus a rinn e sin? Rinn mar a bha e seasamh ann an cumha sin a' choimhcheangail, "Dean so, agus mair beò." Rinn se e ann an neart a' ghràis a thugadh dha; rinn se e mar mheadhon beatha, chum beath' a chosnadhl, ann an eumha coimhcheangail. Am bheil sinn, ma seadh, air ar fuasgladh o'n ùmhachd so? Tha; ach ciod an seadh anns am bheil? Eadthon, o bhi 'ga coimhlionadh 'nar neart féin, agus o bhi 'ga deanamh chum a bhi cosnadhl beatha. Is diomhain a bhi 'g ràdh, mar a their cuid, gu feum sinn oibreachadh air son beatha fathast; is ionann sin as a bhi 'g ràdh gu bheil sinn fathast fo'n t-seann choimhcheangal sin, "Dean so, agus bitidh tu beò;" cha-n'eil sinn air ar saoradh o ùmhachd mar mheadhon imeachd maille ri Dia, ged a tha sinn ari ar saoradh uaithe mar mheadhon oibreachaidh d'a ionnsuidh: mu'n labhair sinn fathast 'an déigh so.

Ann an Rom. v. 18, 19, tha an Spiorad Naomh ag ràdh, "Tre fhìreantachd aoin, thàinig an saor thiodhlac air na h-uile dhaoinibh chum fireanachaiddh na beatha: tre ùmhachd aoin duine nithear mòran 'nam fireanaibh." Tre ùmhachd Chriosd do'n lagh tha sinn air ar deanamh 'nar fireanaibh; tha i air a cur as ar leth chum fireantachd. Tha e 'na mhearrachd a bhi 'g ràdh nach 'eil air a chiallachadh ann an so ach ùmhachd fhulangach Chriosd:—

Do bhrìgh, *anns a' cheud àite*, gu bheil e air 'ainmeachadh mu choinnimh eas-ùmhachd Adhaimh, a bha *gnòmhach*. Tha an fhìreantachd air a cur mu choinnimh a' chionta. Bha an cionta 'na bhriseadh gnòmhach air an lagh, agus is éigin do'n ùmhachd a thài air a cur mu choinnimh sin a bhi 'na coimhlionadh gnòmhach air. Os barr, tha ùmhachd, 'na nàdur féin, agus air a beachdachadh air leth, a' ciallachadh gnòmh éigin no gnòmharan a th'ann an comh-chòrdadh ris an lagh; agus thàinig Criod anns an ùmhachd sin, cha b'ann a chum an lagh a bhriseadh, ach a chiomhlionadh an lagha, Mata v. 17,—b'e sin erloch a theachd, agus sin air ar son-ne; thàinig e a chiomhlionadh an lagha air ar son, Isa. ix. 6, agus dhuinne rugadh e, Lucas ii. 11. Bha so mar an ceudna ann an toil sin an Athar a thàinig Criod a chiomhlionadh 'na ghràdh neo-chriochnach. Do bhrìgh, *anns an dara àite*, nach urrainn e bhi air a nochdadh, ann an càinnt chothromach, gu bheil a leithid sin de ni idir ann as ùmhachd *fhulangach*; is e *gnòmhachadh* a th' ann

an ùmhachd ; agus cha bhuin fulangas dhi : tha fios agam gu bheil am focal air a chleachdadhl gu coitchionn 'nuair a tha daoine 'toirt ùmhachd, eadhon a dh' ionnsuidh fulangais ; ach cha-n'eil e mar sin ann an eàinnt chothromach.

Mar sin, mar an ceudna, Phil. iii. 9, "Agus gu'm faighear ann-san mi, gun m' fhìreantachd féin agam a tha o'n lagh, ach an fhìreantachd sin a tha tre chreidimh Chriosd, an fhìreantachd a tha o Dhia tre chreidimh." Tha an fhìreantachd sin a tha sinn a'faotainn air a cur mu choinnimh ar n-ùmhachd féin do'n lagh ; cha-n ann mar ni-éigin a tha de ghnè eile, ach mar ni-éigin de'n aon ghnè, a tha 'dùnadhl a mach ar n-ùmhachd féin o na chrìch sin a tha fireantachd Chriosd a' faotainn. A nis, is e so ùmhachd Chriosd do'n lagh, trid am bheil e féin air a "dheanamh dhuinne le Dia 'na fireantachd," 1 Cor. i. 30.

Ann an Rom. v. 10, is i crìoch bàis Chriosd a bhi 'deanamh réite ri Dia ; is e sin, an naimhdeas a bhi air a mbarbhadh, agus sinne 'bhi air ar n-aisig a dh' ionnsuidh an staid sithe agus cairdeis sin anns an robh Adhamh roimh dha tuiteam. Ach an e so uile na tha r'a dheanamh ? Ged nach bitheadh Adhamh a' toilltinn feirge, gidheadh bha e mar fhiachaibh air ùmhachd a choimhlionadh, na'm b'e 's gu'n sealbhaicheadh e a' bheatha mhaireannach. Tha ni-éigin a thuilleadh, ma seadh, r'a dheanamh d'ar taobh-ne an déigh d'an naimhdeas a bhi air a mbarbhadh, ma's e as gu'n sealbhaich sinn beatha : "Air dhuinn a bhi air ar deanamh réidh le a bhàs," tha sinn air ar saoradh tre'n ùmhachd iomlan sin a thug e na bheatha do lagh Dhé. Tha iomrahl eadar-dhealaichte air a dheanamh air réite, tre mhaith-eanas eusaontais, Salm xxxii. 1; Lucas i. 77 ; agus air fireanachadh tre fhìreantachd a bhi air a meas, Ier. xxiii. 6; Rom. iv. 5 ;—ged a tha an dà ni so cho fad o bhi air an dealachadh o 'chéile, as gu bheil gach aon fa leth dhiubh air a chur as leth an aoin eile : a tha 'nochdadhl gur dà ni eadar-dhealaichte iad, gidheadh, dà ni neo-sgaraichte. Tha an ni mu dheireadh so againn, ma seadh, tre bheatha Chriosd.

Tha so gu soilleir air a chur an céill anns an taisbeanadh shamhlach sin a tha againn air ar fireanachadh 'am fianuis an Tighearna, ann an Sech. iii. 3-5. Tha dà ni air an ainmeachadh ann an sin a tha coimhcheangailte ri sinn a bhi gabhta gu saor le Dia :—1. Cionta peacaidh air a thoirt air falbh, ar n-eudach salach ; tha so deanta le bàs Chriosd. Is e maitheanas peacaidh toradh àraighe a bhàis ; ach tha tuilleadh air iarraighe, eadhon fireantachd a bhi air a buileachadh, agus trid sin a bhi 'faotainn

còire na beatha maireannaich. Tha so air a ghairm, "Culaidh mhaiseach;" mar sin tha an Spiorad Naomh a rìs 'ga chur an cèill, Isa. lxi. 10, far am bheil e gu soilleir a' faotainn mar aimm, "Eididh na slàinte," agus "Trusgan na fireantachd." A nis, tha so air a dheanamh thairis dhuinnne tre bheatha Chriosd, mar a tha an ni eile tre a bhàs.

Cunnail. "Ach ma tha so mar so, tha sinne cho *fireanta ri Criosd féin*, air dhuinn a bhi air ar deanamh fireanta le fireantachd-san."

Freagradh. Ach, anns a' cheud àite, tha eadar-dhealachadh mòr ann an so,—ged nach bitheadh ann ach gu'n robh an fhìreantachd so nàdurra do Chriosd, agus mar sin b'i a chuid féin i air dhòigh àraighe, am feadh nach 'eil i ach air a meas dhuinnne, no air a cur as ar leth, no air a buileachadh gu saor oirmh, agus tha sinn air ar deanamh fireanta le sin nach e ar cuid féin. Ach, anns an dara àite, is i an fhìrinn, nach robh Chriosd fireanta leis an fhìreantachd sin air a *shon féin*, ach air ar *son-ne*; ionnuis nach urrainn coineas a bhi ann: a mhain gu feud sinn so a ràdh,—tha sinn fireanta le 'fhìreantachd-san a dh' oibrich e air ar son, agus sin gu h-iomlan fireanta.

Is e so, a nis, éiridh no tobar a' ghràis choisimte sin air am bheil sinn a' labhairt,—ùmhachd Chriosd; agus is e so a bhuaidh a ta aige ann a bhi 'gar deanamh taitneach do Dhia. Oir a mheud 's gu bheil eonta peacaidh agus ar buailteachd do pheanas do bhrigh sin, air a thogail air falbh trid bas Chriosd, mar a bheir sinn fathast fainear; agus a mheud 's gu bheil feum againn air fireantachd iomlan, a thuilleadh air eonta peacaidh a bhi air a thogail air falbh, chum sinn a bhi gabhta le Dia, tha ùmhachd so Chriosd air a meas dhuinn, tre shaor ghràs Dé, air son na crìche sin.

Is e so a mhain na their siunn aig an àm air an ni so. Is ni so air nach 'eil eòlas againne fathast ann an comh-chomunn ris an Tighearn Iosa,—a bhi 'g ràdh nach 'eil air a mheas dhuinnne chum maitheanais pheacanna ach a mhain toillteannas fulangas Chriosd, agus sin air chumha ar creidimh agus ar nuadh-ùmhachd féin, mar sin 'gan àrdachadh suas ann an àite fireantachd Chriosd,—cha-n aithne dhuinn an ni so. Ciod a dh' fheudadh a bhi air a ràdh ann an rathad comsachaidh air aon taobh no taobh eile, feumar sin a bheachdachadh ann an àite eile.

(2.) Is e an dara tobar o'm bheil comh-chomunn againn ri Chriosd ann an gràs coisimte, a bhàs agus a thabhartas. Bha e

beò air ar son, fhuair e bàs air ar son ; bha e air ar son anns na h-uile ni a rinn e, agus anns na h-uile ni a dh' fhuiling e. Bithidh sinn ni's aithghearrann an toirt so fainear, do bhràgh gu'n d'rinn sinn sin a cheana ann an àite eile, air son chriochan eile.

A nis, tha bàs Chriosd, mar a tha e na thobar a' ghras choisinn te sin anns am bheil comh-chomunn againn ris, air a chumail a mach anns na Sgriobtuiribh fo bheachd thri-fillete :—
 [1.] Mar luach. [2.] Mar iobairt. [3.] Mar pheanas.

Anns a' cheud seadh, is e toradh àraidh a bhàis *saorsa* ; anns an dara seadh *rèite* ; anns an treas seadh *riarachadh* ; is iad so earrannan mòra fa leth a' ghras choisinn te sin trid am bheil, anns a' cheud àite, ar comh-chomunn againn ri Criosd.

[1.] Is *luach* a ta ann. "Cheannaicheadh le luach sibh," 1 Cor. vi. 20 ; "Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nthibh truaillidh, mar a tha airgiod agus òr, ach le fuil luachmhoir Chriosd," 1 Phead. i. 18, 19 : tha fuil Chriosd ann an obair na saorsa a' coimh-fhreagairt ris an àite sin a tha aig airgiod agus òr ann an còrdadh nàdurra eile. Thàinig e "a thoirt 'anama féin mar éirc air son mhòran," Mata xx. 28,— 'na "luach saoiaidh," 1 Tim. ii. 6. Chuir sinn an céill ann an àite eile ciod e feum àraidh agus seadh an fhocail so anns na Sgriobtuiribh.

A nis, mar a thubhairt sinn, is e *saorsa* toradh àraidh sin bàis Chriosd, mar a tha e 'na luach no 'na éirc. A nis, is e a th'aum an saorsa, neach a bhi air 'fhuasgladh o dhaorsa no o bhraigheanas, agus o na truaighibh a tha coimhcheangailte ris an staid sin, le luach no éirc a bhi air locadh leis an neach a tha saoradh, dha-san aig am bheil ùghdarras na braighdean a ghleidheadh :—

Anns a' cheud àite,—Ann an rathad coitchionn, is saorsa a ta ann. Uime sin, tha Criosd a' faotainn mar ainm, "Am Fear-saoraidh," Rom. xi. 26 ; 'ga thoirt féin seachad "chum gu'n saoradh e sinn," Gal. i. 4. Is esan "Iosa, a shaor sinne o'n fheirg a ta ri teachd," 1 Tesal. i. 10.

Anns an dara àite,—Is saorsa a ta ann air neach o *dhaorsa* no o bhraigheanas. Tha sinn uile, as eugmhais Chriosd, 'nar priosanaich agus 'nar braighdibh, "ceangailte ann am priosan," Isa. lxi. 1 ; "'nar suidh ann an dorchadas ann an tigh na daorsa," Isa. xlvi. 7, xlix. 9 ; "'nar priosanaich ann an slochd anns nach 'eil uisge sam bith," Sech. ix. 11 ; "cobhartach an fhìr làdir, agus creach an fhìr uamhasaich," Isa. xlix. 25 ; fo bhruid a dh' fheumas a bhi air a thoir 'am braighdeanas, Salm lxviii. 18 : tha so 'gar cur ann an "daorsa," Eabh. ii. 15.

Anns an treas àite,—Is e Dia féin an neach a tha gleidheadh nam priosanach mar so ann am priosan agus fo dhaorsa. Tha ar fiachan uile dligheach dha-san, Mata vi. 12, xviii. 23-27; is ann na aghaidh-san a tha ar lochdan, Salm li. 4; is esan am breitheamh agus fear tabhairt an lagha, Seumas iv. 12. Is e a th'anns a' pheacadh ar-amach an aghaidh Dhé. Tha e druidheadh dhaoine suas ann am mi-chreidimh, Rom. xi. 32; agus tilgidh e corp agus anam nan daoine neo-aithreachail do theine ifrinn, Mata x. 28. Is ann d'a chorruich-san a tha daoine buailteach, Eoin iii. 36; agus is ann foipe a tha iad 'nan luidh le binn an lagha, am priosan sin anns am bheil iad air an gleidheadh.

Anns a' cheathramh àite—Tha na truaighean a tha coimhcheangailte ris an staid so do-àireamh. Feudar an ainmeachadh gu léir ann a bhi fo dhaorsa do'n t-Sàtan, do'n pheacadh, agus do'n t-saoghal; truaighean o'm bheil sinn air ar saoradh le bàs Chriosd, mar a tha e 'na luach no 'na éiric. “Shaor Dia sinn o chumhachd an dorchadais, agus dh' atharraich e sinn chum rioghachd Mie a ghraidh-san; anns am bheil againn saorsa tre 'fhuil-san, eadhon maitheanas nam peacaidh,” Col. i. 13, 14. Agus tha e 'gar saoradh o gach aingidheachd, Titus ii. 14; agus o “ar caithe-beatha dhòiomhain,” 1 Phead. i. 18, 19; eadhon o chiont agus o chumhachd ar peacaidh; 'gar ceannach air a shon féin chum a bhi 'nar “sluagh sònruichte, eudmhor mu dheadh oibribh,” Titus ii. 14: mar sin a' fulang a' bhàis, chum “saorsa nan eunceart,” Eabh. ix. 15; agus mar an ceudna 'gar saoradh o'n droch shaoghal a tha làthair, Gal. i. 4.

Anns a' chuigeadh àite,—Tha so uile a' faotainn coimhlionaidh le bhi 'g locadh na h-éiric a chaidh 'ainmeachadh do làimh Dhé, aig am bheil sinn air ar gleidheadh le 'àrd-ùghdarras féin, mar bhraighdibh fo bhinn an lagha. Tha na fiachan dligheach do'n àrd Fhear-tigh so, Mata xviii. 23, 24; agus is e am peanas 'fhearg agus a mhallaichadh: o'm bheil sinn air ar saoradh trid na h-éiric so, Taisb. i. 5.

Tha an Spiorad Naomh gu tric a' deanamh iomraidi air an ni so. Rom. iii. 24, 25, “Air dhoibh a bhi air am fireanachadh gu saor le a ghràs, tre an t-saorsa a tha ann an Iosa Criod; neach a shònruich Dia 'na lobairt-réitich, tre chreidimh 'na fhuil, chum fhìreantachd 'fhoillseachadh le maitheanas nam peacaidhean:” mar sin mar an ceudna, 1 Cor. vi. 20; Eph. i. 7; Col. i. 13. Is e so, ma seadh, an ceud bheachd a tha againn air bàs Chriosd, mar a tha buaidh aige chum a bhi 'cosnadh a' ghràis sin anns am bheil comh-chomunn againn ris.

[2.] Bha e mar an ceudna 'na *lobairt*. Dh' ullaicheadh corp dha, Eabh. x. 5; anns an robh e gu coimhlionadh a thabhairt do gach ni a bha air a roimh-thoillseachadh le tabhartasaibh samhlach agus lobairtibh-loisgte an lagha. Agus an corp ceudna sin thug e suas, Eabh. x. 10;—is e sin, nàdur a dhaonachd gu léir; oir rinneadh “anam” mar an ceudna “na lobairt-réitich,” Isa. liii. 10: uime sin theirear gu'n d'thug se e féin suas, Eph. v. 10; Eabh. i. 3. Thug se e féin suas 'na lobairt deadh-fhaile do Dhia; ni mar an ceudna a rinn e gu toileach, mar a b' ionchuidh dha-san a dheanamh a bha gu bhi 'na lobairt,—bha lagh na h-ùmhlachd so sgrìobhta 'na chridhe, Salm xl. 8; is e sin, bha e ullamh, agus toileach, agus a' miannachadh coimhlionailh a thoirt da.

A nis, b'i crìoch nan lobairtean sin a bha fuitreach agus air son peacaidh, a bhi 'deanamh réite, Rom. v. 10; Eabh. ii. 17. Tha so anns na h-uile h-aite air a chur as an leth, gu'n robh mar chrich aca a bhi 'deanamh réite: is e sin, ann an rathad coimh-fhreagarrach ris an nàdur a bha aca. A nis, is e so, aomadh nàdurra bàis Chriosd mar lobairt, eadhon réite agus sìth ri Dia. Bha am peacadh air cairdeas a bhriseadh eadar Dia agus sinne, Isa. lxiii. 10; agus do bhrigh sin bha fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh oirnn, Eoin iii. 36; agus tha sinn a thaobh nàduir buailteach dhi, Eph. ii. 3. Tha so air a thoirt air falbh le bàs Chriosd, mar a bha e 'na lobairt, Dàniel ix. 24. “Nuair a bha sinn 'nar naimhdibh, rinneadh réidh ri Dia sinn tre bhàs a Mhic,” Rom. v. 10. Agus tre sin tha sinn a' faotainn an réite, rann 11; oir bha “Dia ann an Criosd a' deanamh an t-saoghal réidh ris féin, gun a bhi a' meas an cionta dhoibh,” 2 Cor. v. 19-21: mar sin mar an ceudna, Eph. ii. 12-16, agus iomadh aite eile. Agus is e so an dara ni a tha r'a bheachdachadh ann am bàs Chriosd; nach 'eil sinn ach a mhain ag ainmeachadh, do bhrigh gu'n do leudaich sinn a cheana air na nithibh so ann an aite eile.

[3.] Bha e mar an ceudna 'na pheanas,—'na pheanas ann an aite a phobuill. “Lotadh e air son ar peacaidh-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan; leagadh airsan smachdachadh ar sìthe,” Isa. liii. 5. “Leag an Tighearn airsan aingidheachd”—is e sin, peanas na h-aingidheachd,—“gach aoin agaínn,” rann 6. “Ghiùlain e peacadh mhòrain,” rann 12; neach a ghiùlain ar peacaidhean e féin, 'na chorpa féin air a chrainn,” 1 Phead. ii. 24; anns an d' rinneadh “esan do nach b' aithne peacadh 'na lobairt-pheacaidh air ar son-ne,” 2 Cor. v. 21.

Chum a bhi leigeadh ris ciod a tha air a chiallachadh anns na Sgriobtuiribh le 'bhi 'giùlan peacaidh, faic Deut. xix. 15, xx. 17; Aireamh xiv. 33; Esec. xviii. 20. Mar a dh' ainmich sinn, bha nàdur, agus gné, agus brìgh, agus dòigh a' pheanais so, air an toirt fainear a cheana ann an àite eile.

A nis, 'nuair a tha peanas air a ghiùlan, tha aomadh nàdurra aige chum a bhi 'riarachadh an neach d'an d'thugadh oilbhenn, agus a leag am peanas do bhrigh sin. Cha-n urrainn ceartas m's mò iarraidh na peanas a tha coimh-fhreagarrach ris a' chionta. Agus leagadh sin air ar Tighearn Iosa ionmhuinn, air dha, o 'shaor thoil féin, ar pearsachan a ghabhail, ann an rathad a bhi 'gabhal os làimh air ar son mar eadar-mheadhonair. Air do'n Bhlàr Breitheamh fhìreanta ceadachadh gu'n tigeadh esan a steach 'nar n-àite, tha riarachadh dha-san ag éiridh a mach gu nàdurra o na pheanas a ghiùlain e.

Is iad so, ma seadh, na tri nthibh a tha r'a bheachdachadh ann am bàs Chriosd, mar a tha e 'na phrìomh thobar a' ghràis sin anns am bheil comh-chomunn againn ris; oir, mar a chì sinn ann an dol air aghaidh, cha ni sam bith eile a th'anns a' chuid a's inbheiche agus a's áraidh de ghràs coisinnt Chriosd, ach éiridh nàdurra toraidh tri-fillte sin a bhàis, a tha 'sruthadh a mach uaith fo'n bheachd thri-fillte a chaidh 'ainmeachadh. Is e so, ma seadh, an dara tobar o'm bheil gràs coisinnt Chriosd ag éiridh, agus air am feum ar sùil socrachadh, ma's e's gu'n sealbhaich sinn comh-chomunn maille ris ann,—eadhon a bhàis, fo'n bheachd thri-fillte sin, mar a tha e 'na luach, 'na iobairt, agus 'na pheanas. Ach,—

(3.) Cha-n e so uile: tha an Tighearn Iosa Criod a' dol ni's fhaide fathast; cha-n'eil e 'gar fagail mar sin, ach a ta e 'leantuinn a mach na h-oibre gus a' cheum a's àirde. "Thugadh thairis e air son ar cionta, agus thogadh suas e a rìs air son ar fireanachaидh," Rom. iv. 25. Dh'èirich e rìs chum a bhi 'toirt oibre a' ghràis sin a choisinn e air aghaidh a dh'ionnsuidh ionmlanachd,—is e sin tre 'eadar-ghuidhe; ni a's e an treas tobar o'm bheil e ag éiridh. A thaobh so, theirear gu bheil e "comasach an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a thèarnadh gu h-ionlan, do bhrigh gu bheil e beò gu siorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son," Eabh. vii. 25.

A nis, tha eadar-ghuidhe Chriosd, a thaobh an éifeachd a tha ann a dh'ionnsuidh a' ghràis so a choisinn e, r'a bheachdachadh ann an dà rathad:—

[1.] Mar mhaireannachd agus mar thoirt air aghaidh a

thabhartais, chum a bhi 'frithealadh a mach uile thoraidhean a bhàis oirnn. Goirear de so "e bhi 'ga nochdadadh féin ann an fianuis Dé air ar son-ne," Eabh. ix. 24; is e sin, mar an t-àrd-shagart, air dha tabhartas mòr na réit' a thoirt suas air son peacaidh, ghiùlain e steach an fhuil do'n ionad a bu ro naoimhe, far an robb samhlachas làthaireachd Dhé, mar sin a' coimh-lionadh na réite sin a rinn e air a shon féin agus air son an t-sluagh; air a mhodh cheudna an Tighearn Criod, air dha e féin a thoirt suas 'na lobairt deadh-fhàile do Dhia, agus a bhi air a chrathadh le 'fhuil féin, tha e 'ga nochdadadh féin 'an làthair Dhé, chum a bhi 'ga chur 'an cuimhne, mar gu'm b'ann, air a' choimhcheangal a rinneadh ris, air son saorsa pheacach le 'fhuil féin, agus a chum a bhi 'frithealadh a mach nan nithe maithe sin orra a bha air an cosnadh da thrid. Agus mar sin tha éifeachd a' sruthadh chum a' ghràis choisinn te so, o Chriosd a bhi 'ga nochdadadh féin 'an làthair Dhé, do bhrigh gu bheil e le sin a' cur a stigh a thagraidh air a shon as ar leth.

[2.] Tha e 'faotainn an *Spioraid Naoimh* air ar son, chum a bhi 'eomh-chur a' ghràis choisinn te so gu léir air mhodh éifeachd-aich ruinn. Thug e dhuinn a ghealladh féin gu'n deanadh e so, agus gu bheil e a nis 'ga dheanamh air ar son, Eoin xiv. 16. Is e so, ma seadh, gràs choisinn te, a thaobh a thobair agus 'éridh; —air nach labhair sin nì's fhaide aig an àm, do bhrigh gu'n tig e r'ar n-aghaidh a rìs ann a bhi' labhairt mu ar eomh-chomunn ris an Spiorad Naomh.

CAIBIDEIL VII.

Nàdur gràis choisinn te; air 'ainmeachadh fo thri chinn :—1. Sinn a bhi gabhta le Dia; anns am bheil dà earrann. 2. Gràs naomhachaidh; earrannan fa leth a' ghràis sin.

AIR do thobar a' ghràis choisinn te sin anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Criod a bhi air a nochdadadh, feudaidh sinn, anns an ath àite, nàdur a' ghràis sin a thoirt fainear. Mar a thubhairt sinn, feudaidh e 'bhi air 'ainmeachadh fo thri chinn :—1. Gràs an deadh-ghean maille ri Dia. 2. Gràs naomhachaidh o Dhia. 3. Gràs nan sochair fa chomhair Dhé.

1. Gràs an *deadh-ghean* maille ri Dia. A mach á Criod tha

sinn 'nar coimhich o Dhia, gun a bhi gabhta aon chuid 'nar pearsaibh no 'nar seirbhis. Tha am peacadh a' deanamh dealachaidh eadar Dia agus sinne :—an staid a th'ann an sin, le 'uile thoraidhlibh agus a thruaighibh, cha-n e mo ghnothach aig an àm a bhi 'fosgladh suas. Is e ceud thoradh gràis coisinnt Chriosd a bhi 'g ar cur ann an staid anns am bi sinn gabhta le Dia. Agus tha so deanta ann an dà rathad :—(1.) Le bhi 'toirt air falbh sin air son an robh sinn air ar dùnadh a mach, —aothar an naimhdeis. (2.) Le bhi 'buileachadh sin oirnn air sgàth an teid gabhail ruinn.

Cha-n e mhain gu feumadh fàth na h-aimhreit a bhi air a thogail air falbh, ionnus nach bitheadh tuilleadh diomaidh 'nar n-aghaidh, ach dh'fheumadh sin a bhi air a bhuleachadh oirnn a dheanamaid 'nar euspairean tlachd agus toil-inntinn do Dhia, —an ni sin, gur e a bhi as 'eugmhais, a's ceann-aothar ar dealachaidh o Dhia :—

(1.) Tha e deanta, anns a' cheud àite, le bhi toirt air falbh sin air son an robh sinn air ar dùnadh a mach o Dhia. Is e sin *am peacadh 'na chiont*, agus gach ni a tha coimhcheangailte ris. Tha ceud thoradh gràis coisinnte Chriosd ag aomadh a dh'ionnsuidh a bhi togail air falbh a pheacaidh 'na chiont, ionnus nach bi an t-anam air a cheangal thairis do thuarasdal a' pheacaidh, ni a's e am bàs.

Thug sinn o cheana fainear, anns a' chaibideil mu dheireadh, cionnus a tha so a' faotainn coimhlionaidd aig làmhaibh Chriosd. Is e so toradh a bhàis air ar son. Mar a dh'ainmich sinn, b'e cionta peacaidh a mhain fàth an dealachaidh o Dhia. Dh'fhang so sinn buailteach do fheirg, do pheanas, agus do dhìom Dhé; do bhrìgh so bha sinn 'nar priosanaich fo mhallachadh an lagha, agus air ar toirt thairis do chumhachd Shatain. Is e so ar staid 'an taobh a mach do dheadh-ghean Dhé. Tha Criosd le a bhàs 'g ar saoradh o'n staid so, air dha am mallachadh a ghiulan e féin, am peanas 'fhulang a bha dligheach dhuinne, agus an éirie iocadh a bha dligheach uainn. Agus an fhad so is e bàs Chriosd an t-aon stéidh air am bheil sinn gabhta le Dia, a chionn gu bheil aotharan a' chonnsachaidh gu léir air an toirt as an rathad da thrid. Chum na crìche sin tha fulangais Chriosd air an cur as ar leth; oir, air dha a bhi air a dheanamh na "pheacadh air ar son," 2 Cor. v. 21, rinneadh e 'na fhireantachd dhuinn, 1 Cor. i. 30.

Ach tuilleadh fös; cha-n'eil sinn gabhta *gu coimhlionta* fathast le Dia. Feudaidh an seann chonnsachadh sguir, gun

chàirdeas nuadh sam bith tòiseachadh ; ged nach bitheamaid 'nar peacaich, feudaidh sinn a bhi as eugmhais fireantachd a bheireadh còir dhuinn air rioghachd nèimh. Cha d'thug neo-chiontas Adhaimh còir sam bith dha air beatha ; feumaidh e fös coimhlionadh a thoirt do'n àithne sin "dean so," agus 'an sin tha còir aige air an duais "mair beò." Cha-n e mhain gu feumadh e fireantachd *neo-chiontais* a bhi aige, ach dh'fheumadh e mar an ceudna fireantachd *ghnòlomhach* a choimhlionadh : cha bu leòir nach robh e ciontach de ni sam bith, ach dh'fheumadh e mar an ceudna na h-nile ni a choimhlionadh.

(2.) Tha so, ma seadh, anns an dara àite, air 'iarraidh chum sinn a bhi gu h-iomlan gabhta le Dia, eadhon, gu bheil, cha-n e mhain *cionta peacaidh air a thogail air falbh*, ach mar an ceudna *fìreantachd air a cur as ar leth*. A nis, tha so againn ann an ùmhachd beatha Chriosd. Bha ùmhachd beatha Chriosd air ar son, tha i air a meas dhuinn mar fhìreantachd fa chomhair Dhé ; tre' ùmhachd-san tha sinn air ar deanamh 'nar fireanaibh, Rom. v. 19. Bheir sinn fainear an déigh so an t-àite sin a bhinneas do ùmhachd a' chreidimh.

Tha an dà ni so, ma seadh, a' deanamh suas a' ghràis sin trid am bheil sinn gabhta le Dia. Air do chionta peacaidh a bhi air a thogail air falbh, agus fireantachd a bhi air a buileachadh, tha sith againn ri Dia,—tha sinn a ghnàth gabhta na fhianuis. Cha-n 'eil ni sam bith ri chuir as ar leth : air do Chriosd na h-nile ni a bha 'nar n-aghaidh a thoirt air falbh agus an sparradh r'a chrann-ceusaidh féin,—air an deanamh daingean ann an sin ; seadh, air an dubhadh a mach gu follaiseach a réir an lagha, ionnu nach urrainn iad gu bràth a dhi air an gabhail tuilleadh mar fhianuis 'nar n-aghaidh. Ciod a chùirt 'am measg dhaoine a ghabhadh ri fianuis a bha gu follaiseach air a dubhadh a mach agus air a sparradh suas fa chomhair sùil nan uile ? Is amhuil sin a rinn Criosd ris gach ni a bha 'seasamh 'nar n-aghaidh ; agus cha-n e sin a mhain, ach tha e mar an ceudna a' cur sin umainn air sgàth an teid gabhail ruinn ann an deadh-ghean. Tha e 'gar deanamh taitneach le a mhaise féin,—'gar sgeadachadh 'an culaidhibh geala chum seasaimh 'am fianuis an Tighearna. Is i so a' chend earrann de ghràs coisinnite anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Iosa Criosd. Tha e coimh-sheasamh ann am peacadh a bhi air a mhaiteadh, agus fir-eantachd a bhi air a meas ; agus tha e 'g éiridh o bhàs Chriosd mar luach, mar iobairt, agus mar pheanas, agus o bheatha Chriosd air a caitheadh ann an ùmhachd do'n lagh. Is e a th'ann

toradh mòr firinn, agus gliocais, agus gràidh, agus gràis an Athar ;—toradh mòr agus iongantach gràidh agus irioslachaidh a' Mhic ;—agus foillseachadh mòr an Spioraid Naoimh ann an taisbeanadh rùin-dliomhair an t-soisgeil.

2. Is i an dara earrann gràs *naomhachaidh*. Cha-n e mhain gu bheil e' gar deanamh taitneach a thaobh ar *staid*, ach mar an ceudna a thaobh ar *nàdluir*. Cha-n e mhain a bhi cosnadh gràidh dhoibh, tha e mar an ceudna 'gan deanamh gràdhach annta fèin. Cha d' thàinig e tre fhuil a mhain, ach tre uisge agus fhuil. Cha-n e' mhain gu bheil e' fireanachadh nan naomh o chionta peacaidh, tha e mar an ceudna 'gan naomhachadh agus 'gan ionnlad o shalachar a' pheacaidh. Tha an eund ni ag éiridh o a bheatha, agus o a bhàs mar lobairt-réitich ; an dara ni o a bhàs mar luach, agus o a bheatha mar eisempleir. Mar sin tha an t-abstol a' labhairt, Eabh. ix. 14; agus mar an ceudna Eph. v. 26, 27. Tha dà ni comharaichte ann an toradh so gràis coisinn te Chriosd :—(1.) *Saluchar* air a ghiùlan air falbh ; (2.) *Gluinead* air a buileachadh ann an comhpairteachadh gràis.

(1.) A thaobh a' cheud ni, tha e mar an ceudna *tri-fille* :—

[1.] Glanadh ar *nàdluir*. Tha sinn gu nàdurra neò-ghlan, truaille, —is e sin ar gnè ; oir, “Cò a bheir glan á neo-ghlan ?” Iob xiv. 4 ; “An ni sin a tha air a bhreith o'n fheòil, is feòil e,” Eoin iii. 6. Is ann ann an gràincileachd ar fola fèin a rugadh sinn, Esec. xvi., —gu h-ionlan neo-ghlan agus truaille. Tha gràs an naomhachaidh, a choisneadh le fuil Chriosd, a' giùlan air falbh salachair so ar nàduir. “Mar so bha cuid dibhse ; ach tha sibh air bhur n-ionnlad, tha sibh air bhur naomhachadh,” 1 Cor. vi. 11. Mar sin mar an ceudna Titus iii. 3-5, “Shaor e sunn tre ionnlad na h-ath-ghineamhuiinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh.” Cha-n'eil aoibhar a bhi 'connachadh mu'n tomhas anns am bheil salachar so ar nàduir air a ghanadh air falbh ; tha e cimteach gu bheil an t-anam air a dheanamh taitneach agus maiseach ann an stílibh Dhé. Ged a tha fuigheall sin a pheacaidh fathast a' fantuinn a tha truailleadh, gidheadh tha freumh nàdurra na truailleadh air a thoirt air falbh. Ach cha-n e ar riùn a bhi làimhscachadh an ni so aig an àm.

[2.] Toirt air falbh *salachar ur uile euceartan gniomhach*. Tha salachadh coimhcheangailte ris na h-uile gnìomh peacaidh. Tha ar n-eudach fèin 'gar deanamh gràineil, Iob ix. 31. Tha spot agus smal, tha meirg agus preasadh, tha salachar agus fuil,

coimhcheangailte ris na h-uile peacadh. A nis, " glanaidh fuil Iosa Criod sinn o gach uile pheacadh," 1 Eoin i. 7. A bhàrr air a bhi toirt air falbh salachar ar nàduir, Titus iii. 3, tha e mar an ceudna glanadh air falbh salachar ar pearsachan o pheacaidhean gnìomhach. " Le aon lobairt rinn e chaoidh fairfe iadsan a tha air an naomhachadh ; " " ghlan e ar peacaidhean troimh féin," mu'n do shuidh e sios air deis làimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh, Eabh. i. 3.

[3.] Tha salachar coimhcheangailte r'ar dleasannasaibh a's feàrr, Isa. lxiv. 6. Tha féinealachd, mi-chreidimh, agus foirm-ealachd a' sleamhnachadh a stigh anns na h-uile ni a ni sinn. Is maith a dh'fheudas ar dleasannais a's taghta nàir' a lasadh ann ar gnùis. Gheall Dia gu'n leanadh deadh oibre nan naomh iad. Gu cinnteach, nam b'e 's gu'm bitheadh iad air an tomhas leis an riaghait mar a thig iad as ar làmhaibh-ne, agus air an cothromachadh ann am meidhlibh an ionaid naoimhe, bu mhaith dhuinn gu'm bitheadh iad air an adhlacadh gu bràth as an t-sealladh. Ach a ta an Tighearn Iosa, mar ar n-àrd-shagart, a' giùlan an aingidheachd, agus a' chionta, agus a' bhrosnachaidh, a tha ann an geur cheartas coimhcheangailte riu, Eesod. xxviii. 38 ; agus cha-n e sin a mhain, ach a ta e 'g ionnlad air falbh an sal agus an truaillidheachd a ta annta. Is cosmhuil e ri teine an fhir-leaghaidh, a' glanadh ar aon mic Lebhi agus an tabhartas ; a' coimh-mheasgadh, fòs, tuise deadh-bholaidh anna, chun gu'm bitheadh iad gabhta le Dia. Gach ni a tha teachd o'n Spiorad, agus *uaith féin*, agus o *ghrùs*,—tha sin a' fantuim ; gach ni a tha o'n *fhéin*, o'n *fhebil*, agus o'n *mhi-chreidimh* ('se sin, feur agus connlach),—tha e 'losgadh suas agus a' giùlan air falbh. Air dhòigh 's gu'n coinnich deadh oibre nan naomh iad aon là le atharrachadh coslais, ionnus gur gann a dh' aithnichear leò iad : an ni sin a bha iad a' meas dubh, agus duichnidh, agus salach, foillsichear e maiseach agus glòrmhor ; 'an àite dhoibh eagal a ghabhail asda, is ann a ni iad gairdeachas 'nam faicinn agus 'nan leantuinn.

Tha glanadh so ar nàduir, agus ar pearsachan, agus ar dleasannais, air a stéidheachadh gu h-iomlan ann am bàs Chriosd. Agus uime sin, tha ar n-ionnlad, agus ar glanadh, agus ar nigheadh, air an cur as leth fola Chriosd, agus crathaidh na fola sin. Tha so deanta gu toillteannach ann an dòrtadh fola Chriosd ; tha e deanta gu h-éifeachdach ann a bhi 'ga crathadh. Tha crathadh fola Chriosd a' sruthadh o chomhpairteachadh a' Spioraid Naoimh ; a gheall Criod dhuinn, mar thoradh a

chosnайдh air ar son. Is e an Spiorad an t-uisge glan, leis am bheil sinn air ar crathadh o ar n-uile pheacaidhibh,—spiorad sin a bhreitheanais agus an losgaidh a tha 'glanadh air falbh salachair agus fola nigheanan Shioin. Agus is e so an ceud ni ann an gràs na naomhachaideadh ; air an labhair sinn fathast an déigh so.

(2.) *Flor-ghloine* air a buileachadh oirnn tre chomhpàirteachadh gràis. Anns a' ghràs coisintte so, cha-n e mhain gu bheil fuil Chriosd a' toirt air falbh salachair, ach tha e mar an ceudna a' buileachadh gloime ; agus sin ann an ceumaibh trifillte :—

[1.] Ann a bhi 'buileachadh *Spioraid na naomhachd chum còmhnuidh a dheanamh annainn*. "Rinneadh dhuinn e le Dia 'na naomhachd," I Cor. i. 30, le bhi 'faotainn Spioraid na naomhachaideadh air ar son. Is ann o'n Spiorad Naomh sin a tha sinn air ar n-ath-nuadhachadh, a tha air a dhòrtadh oirnn tre Iosa Criosd a mhain, Titus iii. 6. Is e so a tha an t-abstol gu sònruichte 'toirt fainear ann an Rom. viii.,—eadhon, gur e prìomh thiodhlac àraidh na naomhachaideadh a tha againn o Chriosd, an Spiorad a bhi chòmhnuidh annainn, agus sinne bhi 'leantuinn treòrachaidh an Spioraid. Ach feumaidh sinn sin a bhuineas gu sònruichte do'n Spioraid 'fhangail gus an tig sinn gu bhi labhairt air ar comh-chiomunn ris.

[2.] Tha e suidheachadh *bith nan gràs* annainn, an aghaidh bith sin a' pheacaidh a tha annainn gu nàdurra. Is e so an gràs a tha gabhail còmhnuidh annainn agus maille ruinn ; a tha 'faotainn ainmeachaidh eadar-dhealaichte, a réir buadhan eadar-dhealaichte sin ar n-anama anns am bheil e, agus na cuspairean fa leth air am bheil e 'ga chleachdadhl féin, gidheadh gun a bhi ann ach an t-aon fhreumh nuadh beatha. Anns an tuigse, tha e 'na sholus ; anns an foil, na òmhlachd ; anns na h-aignidhibh, 'na ghràdh ; anns na h-uile buadh, 'na chreidimh. Mar sin, mar an ceudna, tha e eadar-dhealaichte a thaobh a chleachdailh. 'Nuair a tha e 'giùlan a mach an anama chum a bhi 'foiseachadh air Criosd, is creidimh e ; chum a bhi 'gabail tlachd ann, is gràdh e ; gidheadh gun a bhi ann ach aon bhith gràis. Is e so, ma seadh, an dara ni.

[3.] *Eifeachd grùsmhor* air a chomhpàirteachadh chum gach dleasannas spioradail a *choimhlionadh*. An déigh do chreidich an dà ni eile 'fhaotainn, tha Criosd ag innseadh dhoibh, "As m' eugmhais-sa cha-n urrainn sibh aon ni a dheanamh," Eoin xv. 5. Tha iad a ghnàth 'na eisemeil air son fhrithealaidhean

nuadha gràis, no coimh-leasachadh nuadh an Spioraid. Cha-n urrainn iad a bhi beò a' tarruing o'n stoc a fhuair iad ; feumaidh iad gràs nuadh air son na h-uile dleasannais nuaidh. Feumaidh e araon an toil agus an gnìomh 'oibreachadh annainn a réir a dheadh-ghean féin," Philip. ii. 13. Tha an dara earrann so, ma seadh, de ghràs coisintte sin Chriosd tre'm bheil gloine na naomhachaидh air a comhpàirteachadh ruinn, agus anns am bheil comh-chomunn againn ris, a' coimh-sheasamh anns na tri nithibh so a dh'ainmich sinn gu h-aithghearr.

3. Tha an gràs coisintte so a' coimh-sheasamh, anns an treas àite, ann an sochaireibh, tre'm bheil seasamh aig creidich ann am fianuis Dé, agus tha iad dà-fhìllte,—am *prìomh shochair*, agus na *sochairean a tha 'ga leantuinn*. Is e am prìomh shochair, *Spiorad na h-uchd-mhaeacdh*; is iad na sochairean a tha leantuinn sin fabhairean an t-soisgeil gu lèir, air am bheil còir aig na naomhaibh a mhain. Ach labhraidh sinn air so anns an treas earrann,—air comh-chomunn ris an Spiorad Naomh.

Is iad so na nithe anns am bheil comh-chomunn againn ri Criosd, anns a' bheatha so, a thaobh a' ghràis sin a choisinn e ; agus ma leanas sinn suas iad a dh' ionnsuidh iomlanachd, tha sin againn ris an abrar glòir shiorruidh. Gabhta gu h-iomlan, naomhachd iomlan, uchd-mhaeacdh iomlan, no bigheareachd iomlan nam mac,—is e so glòir.

Tha sinn a nis, anns an ath àite, gu dhol air aghaidh a dh' ionnsuidh sin a tha gu h-àraidh 'nar n-amharc, eadhon an dòigh anns am bheil comh-chomunn againn ri Criosd anns na nithibh so ; agus sin a réir an òrduigh a leagadh sios ; is e sin,—

I. An dòigh anns am bheil comh-chomunn againn ris ann an *ùmhachd a bheatha agus toillteannas a bhàis*, a thaobh deadh-ghean maille ri Dia an t-Athair.

II. An dòigh anns am bheil comh-chomunn againn ris 'na *fhuil*, a thaobh Spioraid na naomhachaيدh, agus bith agus cleachdaidh gràis.

III. An dòigh anns am bheil comh-chomunn againn ris anns na sochaireibh a tha sinn a' sealbhachadh. Air an labhair sinn anns na caibideilibh a leanas.

CAIBIDEIL VIII.

An dòigh anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Criosd ann an gràs an deadh-ghean maille ri Dia—Ciod a tha air iarraidh air taobh Chriosd chum na crìche so ; ciod 'na rùn ; ciod ann an cur an cèill a rùin—Ciod a tha air 'fhillleadh ann a bhi gabhta le Dia—Ciod a tha air iarraidh air taobh nan creideach anns a' chomh-chomunn so—Cunnilean éigin air an toirt fainear, c' arson nach 'eil na dàoine taghta gabhta le Dia air ball an déagh do Chriosd obair na saorsa 'ghabhlail os làimh agus bàs 'haotainn—Ciod an seadh anns am bheil iad mar siu—Criosd 'na phearsa coitchionn no follaiseach—Cionnus a thàinig e gu bhi mar sin—An dòigh anns am bheil sinn gabhta le Dia do bhrigh sin—An dara cunnul—Neosheachantachd ar n-ùmhlachd air a chur an cèill, Eph. ii. 8-10—Abharan agus criochan ar n-ùmhlachd air an nochdad—An t-àite sin a bhuineas dhi anns a' choimhcheangal nuadh—An dòigh anns am bheil comh-chomunn aig na naomhaibh ri Criosd anns a' ghràs choisinn te so, a thaobh nithe fa leth—Tha iad a' moladh fir-cantachd so Chriosd ; c'arson—Tha iad a' cur cùil r'am fireantachd féin ; c'arson—Coimh-iomlaid peacaidh agus fireantachd eadar Chriosd agus creidich ; cuid de chunnilibh air am freagradh.

I. Is e an ceud ni a tha sinn a nis gu bhi 'toirt fainear, ar comh-chomunn ri Criosd ann an gràs choisinn te, a thaobh a bhi *gabhta le Dia*, air sgàth ùmhlachd a bheatha agus éifeachd a bhàis. Is e a tha 'nar n-aire ann an so, a bhi nochdad ciod a tha air iarraidh air taobh Chriosd, agus ciod air ar taobh-ne, chum na crìche so, oir tha ar coimh-chleachdaidhean, gach aon d'a chéile, neo-sheachanta, chum comh-chomuinn a bhi againn gach aon r'a chéile ann.

1. Air taobh Chriosd cha-n'eil air iarraidh ach an dà ni so :—(1.) Gu'n d'rinn e gach ni a rinn e, cha b'ann air a shon féin, ach air ar son-ne. (2.) Gu'n d'fhuiling e gach ni a dh'fhuiling e, cha b'ann air a shon féin, ach air ar son-ne. Is e sin, gu'm b'e a bha 'na rùn o shiortuidheachd, agus an uair a bha e anns an t-saoghal, gu'm bitheadh na h-uile ni a bha e gu 'dheanamh agus gu 'fhlolang air a dheanamh agus air' fhlolang air ar son-ne, agus chum ar leas, ionnus gu'm bitheamaid gabhta le Dia ; agus gu bheil e 'buanachadh a ghnàth ann an cur gach ni a rinn agus a dh'fhuiling e gu buil chum na crìche sin. A nis, tha so soilleir :—

(1.) Gach ni a *rinn e*, rinn se e, cha b'ann air a shon féin, achair ar son-ne : "Rinneadh e fo'n lagh, ionnus gu faigheamaid-ne uchd-mhacachd na cloinne," Gal. iv. 4, 5. Rinneadh e

fo'n lagh, is e sin, bha e ann an suidheachadh anns an robh toil agus àitheantan an lagha fiachnaichte air. Agus c'arson a bha so ? ciod a' chrìoch a bha aige ? am b'ann air a shon féin ? Cha b'ann ; ach b'e saors' a chosnadh dhuinne a' chrìoch a bha aige 'na ùmhachd gu léir : agus a' chrìoch sin choimhlion e. Tha e féin a' nochdadh ciod a bha 'na rùn anns gach ni a rinn e, Eoin xvii. 19, "Air an son-san tha mise 'ga mo naomhachadh féin, chum gu'm bi iadsan mar an ceudna air an naomhachadh troimh an fhàrrinn." "Tha mi 'ga m' naomhachadh féin,—'ga m' choisrigeadh féin agus 'ga m' chur féin air leth air son na h-oibre sin a tha agam r'a choimhlionadh. Cha d'thàinig mi a dheanamh mo thoile féin ; thàinig mi a shireadh an ni sin a bha caillte ; thàinig mi, cha b'ann a chum gu'n deantadh frithdealadh dhomh, ach a dheanamh frithelaidh, agus a thabhairt m'anama 'na éiric air son mhòran ;"—b'e so an fhianuis a rinn e a thaobh gach ni a choimhlion e air thalamh. Agus buinidh dhuinne sùil shònruichte a bhi againn air a' chrìch so a bha aige. Bha smuaintean aige o shiorruidheachd a thaobh na bha e gu dheanamh air an son ; agus bha a chridhe a' gabhail toil-inntinn anna. Agus an uair a bha e anns an t-saoghal, bha an smuain so a ghnàth dlùth dha anns gach ni a ghabh e os làimh, "Tha so air an son-san, agus sud air an son-san,—d'an d'thug mi gràdh." Air dha teachd gu bhi air a bhaisteadh, thubhairt Eoin, "Tha feum agamisa' bhi air mo bhaisteadh leatsa, agus am bheil thusa a' teachd do m' ionnsuidh-se ?" Mata iii. 14, 15 ; mar gu'n abradh e, "Cha-n'eil feum idir agadsa air." Ach, a deir Criod, "Leig do'n chuis a bhi mar so a nis ; oir mar so is iomchuidh dhuinn gach uile fhìreantachd a choimhlionadh ;"—"Tha mi 'ga dheanamh air an son-san aig nach 'eil fireantachd, agus a tha fo fhiachaibh gach uile fhìreantachd a choimhlionadh."

(2.) Tha e ro shoilleir, anns an dara àite, anns gach ni a *dh'fhuiling e.* Daniel ix. 26, "Gearrar Mesiah as, aeh cha-n ann air a shon féin." Agus tha an t-abstol a' leagadh so sios mar phriomh eadar-dhealachadh eadar Criod agus àrd-shagart-aibh nan Iudhach, eadhon gu'n robh iadsan, air dhoibh a bhi 'toirt suas an tabhartas naomha, air tùs 'gan toirt suas air an son féin, agus na dhéigh sin air son an t-sluaigh ; ach thug Criod suas a thabhartas air son mhuinntir eile a mhain. Cha robh peacadh aige féin, uime sin cha b'urrainn e lobairt a thoirt suas air a shon, ach a mhain air son mhuinntir eile. "Bhlais e bàs air son gach uile dhuine," Eabh. ii. 9,—"thug e 'anam féin

'na éiric air son mhòran," Mata xx. 28. Bha "aingidheachd gach aoin againn" air a leagadh airsan, Isa. liii. 6;—" Neach a ghiùlain ar peacaidhean e féin 'na chorp féin air a chrann," 1 Phead. ii. 24; " ghràdhach e an eaglais, agus thug se e féin air a son," Eph. v. 25; Taisb. i. 5, 6. Ach tha so anabarrach soilleir air gach làimh, gu'n robh rùn Chriosd, 'na fhulangasaibh agus 'na thabhartas, suidhichte a mhain air maith an taghaidh, chum iad a bhi gabhta le Dia; a' fulang air ar son, "am firean air son nan neo-fhìrean, chum gu'n tugadh e sinne gu Dia."

2. Chum an comh-chomunn so a dheananmh fairfe air taobh Chriosd, tha e mar an ceudna air iarraidh,—

(1.) Gu'm bitheadh so air a chur ris na rinn e,—eadhon, *tairgsean an t-soisgeil* de'n fhìreantachd iomlan agus de'n deadh-ghean sin maille ri Dia a tha 'g éiridh o'n ùmhachd iomlan a thug e, agus o na fulangasaibh a choimhlion e. Tha iad so dà-fhìllte :—

[1.] *Foillseachail*, ann an geallaidhibh sin an t-soisgeil ris am bheil cumha coimhcheangailte. Marcus xvi. 15, "Ge b'e 'chreideas agus a bhaistear, saorar e;" "Thigibh a m'ionnsuidh, agus bheir mise suaimhneas dhuibh," Mata xi. 28; "Mar a thog Maois suas an nathair 's an fhasach, mar sin is éigin do Mhae an duine bhi air a thogail suas: chum ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha mhaireannach aige;" "is e Criosd crioch an lagha chum fireantachd do gach neach a chreideas," Rom. x. 4; agus earrannan eile gun àireamh. A nis, tha tairgsean foillseachail mar so anabarrach luachmhor annta féin, tha mòr chaomhneas annta, agus ma ni daoine tair orra, bithidh iad 'nam "boltrach bàis chum bàis;" ach tha fios aig an Tighearn Iosa nach leòir litir lom a' gheallaidh, ciod sam bith cho soilleir as a dh'fheudas e bhi air a chumail a mach, gu bhi deanamh neach sam bith de a chuid féin comasach a bhi dùnadh a stigh r'a fhìreantachd-san ann an rathad a bhcireadh còir dhoibh ann; uime sin,—

[2.] Ann an tairgse so an t-soisgeil de dheadh-ghean Dhé, air sgàth na rinn agus na dh'fhuiling Criosd, tha *layh air a shuidheachadh*, gu'm bi na h-uile neach a ghabhas ris an tairgse gabhta 'an deadh-ghean le Dia. Ach is aithne do Chriosd eor agus suidheachadh gach anam a bhuiteas dha anns an t-saoghal: tha fios aige nach dean so an gnothach fathast; mar cuir e féin gu h-éifeachdach ann an seilbh air iad, tha na h-uile ni gun tairbhe. Uime sin,—

(2.) Tha e 'cur an *Spioraid Naoimh d'an ionnsuidh, chum am beothachadh*, Eoin vi. 63,—chum gu'n “eluinn na mairbh a ghuth,” Eoin v. 25 ; agus a chum a bhi 'g oibreachadh anna gach ni a tha air 'iarraidh uatha, 'gan deanamh 'nan luchd-comhpairt d'a fhìreantachd chum a bhi gabhta le Dia.

Mar so tha Criod a' buintinn r'a chuid féin :—’na bheatha agus ’na bhàs b'e a rùn fìreantachd oibreachadh agus a choimh-lionadh air an son, chum, air dhoibh a bhi air an cur ann an seilbh oirre, gu'n seasadh iad gabhta gu h-iomlan 'am fianuis Dé. Uime sin tha é 'ga cur 'nan tairgse, a' leigeadh ris dhoibh cho neo-sheachanta feumail agus luachmhor as a ta i d'an anamaibh, 'gam brosnachadh suas gu bhi 'ga miannachadh agus gu bhi 'cur mòr mheas oirre ; agus fa dheòidh, 'ga buileachadh gu h-éifeachdach orra, 'ga cur as an leth mar an cuid féin, chum air a sgàth, agus da trid, agus innte, gu'm bitheadh iad gu h-iomlan gabhta maille ris an Athair.

Tha dà ni feumail chum gu'm bitheamaid gabhta le Dia :—

An ceud ni,—Gu'n d' thugadh riarachadh air son ar n-eas-ùmhachd,—air son na h-uile ni a rinn sinn an aghaidh ceartais agus onoir Dhé ; agus gu bheil Dia air a réiteachadh d'ar taobh : ni nach b'urrainn air dhòigh sam bith a bhi deanta, ach le bhi giùlan peanais an lagha. Rinn sinn a nochdadh a cheana gu bheil so deanta le bàs Chriosd. Rinneadh e le Dia “na pheacadh” air ar son, 2 Cor. 21,—agus mar an ceudna “na mhalla-chadh,” Gal. iii. 13. Do bhrigh so tha sinne air ar saoradh,—air ar saoradh o chionta peacaidh, o bhinn an lagha, o fheirg Dhé, Rom. viii. 33, 34. Tha sinn air ar fireanachadh, air ar cur fa sgaoil, air ar saoradh o dhiteadh, a cheann gu'n d' fhuair Criod bàs,—gu'n do “ghiùlain e ar peacaidhean 'na chorpa féin air a chrann,” 1 Phead. ii. 24.

An dara ni,—Gu bheil fìreantachd an lagha air a coimh-lionadh, agus an ùmhachd sin air a tabhairt a bha air a h-iarraidh aig ar làmhaibh. Agus tha so deanta le beatha Chriosd, Rom. v. 18, 19. O'n dà ni so air taobh Chriosd, tha dà phriomh thoradh ag éiridh d'ar taobh-ne, coimh-fhreagarrach ris a chor anns am bheil sinn, agus an cumha air an gabh Dia ruinn :—

An ceud thoradh,—Ar saoradh o chionta peacaidh, ionnus nach bi ar n-eas-ùmhachd air a cur as ar leth. Tha so againn tre bhàs Chriosd ; do bhrigh gu'n robh ar peacaidhean air am meas dha-san, cha mheasar tuilleadh dhuinn iad, 2 Cor. v. 21; Isa. liii. 12.

An dara toradh,—Fìreantachd a bhi air a cur as ar leth, ionnus gu'm bitheamaid air ar meas gu h-iomlan fìreanta fa chomhair Dhé; agus tha so againn tre bheatha Chriosd. Tha 'fhìreantachd-san ann an toirt ùmhachd do'n lagh air a meas dhuinne. Agus mar so tha sinn gabhta gu h-iomlan le Dia. Air dhuinn a bhi air ar saoradh o chiont ar n-eas-ùmhachd trid bàs Chriosd, agus air do fhìreantachd a bheatha bhi air a meas dhuinn, tha sith agus càirdeas againn maille ri Dia. Is ann ri so, ma seadh, a their sinn gràs an deadh-ghean maille ri Dia, anns am bheil comh-chomunn againn ris an Tighearn Iosa Chriosd.

Is e a dh' fhagadh againn a nis r'a dheanamh, a bhi 'nochd-adh cionnus a tha comh-chomunn eadar-dhealaichte aig na naomhaibh ri Chriosd anns a' ghràs so anns am bheil iad gabhta le Dia, agus cionnus a tha an dearbh-bheachd a tha r'a fhaotainn air air a chumail beò leis a' chomh-chomunn sin,—oir tha an comhfhurtachd agus a' bheath' a tha coimhcheangaille ris r'a bhi air 'ath-nuadhachadh gach aon là. As eugmhais so, ciod a bhitheadh ann ar beatha ach ifrinn féin; cha-n urrainn sith no aoibhneas a bhi air an sealbhachadh leinn, ach na tha 'g éiridh suas uaith. Ciod air bith tomhas ar dearbh-bheachd shoisgeulaich air a bhi gabhta le Dia, agus gu bheil e ann an sith ruinn, is e sin féin tomhas ar comhfhurtachd, ar n-aoibhneis, seadh, agus ar naomhachd mar an ceudna.

Ach mu'n tig sinn gu bhi labhairt ann an rathad sònruichte air ar comh-chomunn cleachdail ris an Tighearn Iosa anns an ni so, tha dà chunnuil chudthromach a dh' fheumas sinn a ghiùlan air falbh;—an ceud aon a' bualadh an aghaidh an réite sin a tha againn tre bhàs Chriosd, agus an aon eile an aghaidh an t-saors' a tha againn tre 'bheatha.

Cunnuil 1. A thaobh na saors' a tha againn tre bhàs Chriosd, feudaidh cuid a ràdh, "Ma's e's gu bheil an taghadh air an saoradh, air an deanamh rídh, agus air am fuasgladh trid bàs, agus fuil, agus crann-ceusaidh Chriosd, cionnus, ma seadh, nach robh iad uile air an saoradh 'nam pearsaibh féin aig bàs Chriosd, no air a' chuid a's lughá, cho luadh as a tha iad air am breith, ach an àite sin gu bheil mòran diubh beò air son uine fhada anns an t-saoghal fo fheirg Dhé, mar mhi-chreidlich fo bhinn agus fo chunhachd ditidh an lagha? Eoin iii. 36. C' arson nach 'eil iad air an saoradh air ball an déigh do'n éiric a bhi air a h-iocadh agus an réite bhi air a deanamh air au son?"

Cunnuil 2. "Ma's e's gu bheil ùmhachd beatha Chriosd

air a meas dhuinne, agus gur i sin ar fireantachd fa chomhair Dhé, *ciod am feum a tha dhuinne ùmhlachd idir a thabhairt?* Nach 'eil ar n-ùrnuighean, ar saothrachadh, ar faire, ar trasgadh, ar déircean,—nach 'eil uile thoraidhean na naomhachd, ann an gloine cridhe agus 'an tarbhachd caithe-beatha, gun stà agus 'an diomhanas? Ma tha so mar so, cò air am bi èèram idir, no ciod am feum a bhitheas ann, a bhi naomh, agus iriosal, agus fireanta, agus macanta, agus measarra, agus foighidneach, agus maith, agus siochail, no a bhi meudachadh ann an oibríbh matha anns an t-saoghal?

1. Le cuideachadh Dhé, ni sinn an dà chunnul so a ghiùlan gu h-aithghearr as an rathad, agus 'an sin theid sinu air aghaidh leis an teagast a tha 'measg ar làmhan, a thaobh ar comh-chomuinn ri Criod :—

(1.) Air do Chriosd obair ar réite ri Dia a ghabhail os làimh, —an obair air son an d' thàinig e chum an t-saoghail, —agus air dha an réite sin a choimhlionadh 'na bhàs, bha e anns an t-suidheachadh sin air a shònachadh agus air a bheachdachadh mar phearsa coitchionn agus follaiseach, ann an ionad na muinnitir sin air son an robh e gu réite ri Dia a dheanamh tre 'fhlangasaibh. Uime sin is esan an “t-eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoinibh,” 1 Tim. ii. 5, —is e sin, neach a ghabh os làimh do Dhia air ar son, mar a tha na briathrau an déagh sin a' nochdad, rann 6, “A thug e féin 'na éiric air son nan uile,” —is e mar an ceudna “urras a' choimhcheangail a's fearr,” Eabh. vii. 22; a' gabhail os làimh air an son-san agus as an leith-san ris an d' rinneadh an coimhcheangal sin. Mar sin theirear gu'n d' thugadh e “mar choimhcheangal do'n t-sluagh,” Isa. xlvi. 6; agus mar “cheann-iùil,” caib. lv. 4. B' esan an dara Adhamh, 1 Cor. xv. 45, 47, chum fireantachd d'a shliochd spioradail, mar a bha an ceud Adhamh 'na cheann peacaidh d'a shliochd nàdurra, Rom. v. 15-19.

(2.) Bha e mar so 'na phearsa coitchionn agus follaiseach, gu sònruichte do bhrigh na nithe so a leanas :—

[1.] Ann an rathad coitchionn, bha e mar sin o'n choimhcheangal a bha eadar e féin agus an t-Athair air son na crìche sin. Tha cumhachan a' choimhcheangail sin againn ann an Isa. liii., tha am brigh againn mar an ceudna ann an Salm xl. 7, 8; Eabh. x. 8-10. Uaith so b'e an t-Athair a Dhia féin; ni a tha 'na ghealladh coimhcheangail, Salm lxxxix. 26; Eabh. i. 5. Do bhrigh so mar an ceudna chuireadh air leth e leis an Athair air son na h-oibre so, Isa. xlvi. 1, 6; Eoin iii. 16. Mar sin bha

"comhairle na sìth" air teachd gu bhi "eatorra araoon," Sech. vi. 13; is e sin, eadar an t-Athair agus am Mac. Agus tha am Mac a' deanamh gairdeachais o shiorruidheachd ann a bhi 'smuaineachadh air an obair so, Gnàth-fhoc. viii. 22-30. A thaobh na h-àithne sin a fhuair e chum na h-oibre, agus na geallaidhean a rinneadh dha innse, agus an cuideachadh a thugadh dha, rinn sinn an làimhseachadh a cheana ann an àite eile.

[2.] Bha e mar sin o thiodhlac àrd-uachdarach, agus o shuidheachadh, agus o rèin an Athar, a' deanamh thairis an taghaidh do Chriosd anns a' choimhcheangal so, chum a bhi air an saoradh leis agus air an deanamh réidh ris féin. "Bu leatsa iad, agus thug thu dhomhsa iad," Eoin xvii. 6. B'e cuid Dhé iad a thaobh a rèin shiorruidh anns an taghadh, agus thug e thairis do Chriosd iad a chum a bhi air an saoradh. Uime sin tha Chriosd a' toirt mar ainm dhoibh, a "chaoraich féin," mu'n robh iad fathast air an gairm gu h-éifeachdach leis, Eoin x. 15, 16, a' leagadh sios a bheatha air an son mar a chaoraich; agus mar sin mar an ceudna theirear gu bheil sinn air ar "taghadh ann-san," Eph. i. 4, no air ar roimh-òrduchadh chum a bhi 'faotainn uile thoraidhean sin gràidh Dhé tre Iosa Chriosd, a thugadh thairis d'a làmhaibh-san air son na crìche sin,

[3.] Bha e mar sin ann an *gabhall os làimh a bhi 'fulang* na bha dligheach dhoibh-san, agus a bhi' coimhlionadh na bha fiachnaichte orra, chum iad a bhi air an saoradh, air an deanamh réidh, agus gu'm bitheadh iad gabhta le Dia. Agus tha e 'gabhall os làimh gach neach a fhuair e mar so o'n Athair a thoirt suas a rìs d'a làmhaibh, gun chall no dochann, Eoin xvii. 2, 12; mar a rinn Iacob an spréidh a fhuair e o Laban, Gen. xxxi. 39, 40. Labhair sinn a cheana air an dà ni so ann an àite eile, ann an làimhseachadh a' choimhcheangail a bha eadar an t-Athair agus am Mac, air dhòigh 's nach 'eil aobhar dhuinn a thogail a rìs ann an so.

[4.] Air dhoibh-san a bhi mar so air an *tubhairt* do Chriosd, agus air dha-san gabhall os làimh air an son, ann an rathad a bhi coimhlionadh gach ni a bha fiachnaichte orra, fhuair Chriosd, *air an son agus as an leth, uile ghealluidhean nan uile thròc-airean*, agus nan gràs, agus nan sochair, a bha iadsan gu fhaotainn air sgàth na ghabh e os làimh air an son. Do bhrigh so theirear gu bheil a' bheatha mhaireannach air a gealltuinn le Dia "roimh chruthachadh an t-saoghail," Titus i. 2; is e sin, do'n Mhac, air ar son, air dha-san gabhall os làimh air ar son.

Theirear mar an ceudna gu'n d' thugadh dhuinne gràs "roimh thoiseach an t-saoghail," 2 Tim. i. 9; is e sin, ann an Criosc, ar ceann coimhcheangail, ar n-eadar-mheadhonair, agus ar fear-ionad.

[5.] Air do Chriosc a bhi mar so 'na phearsa follaiseach, 'na eadar-mheadhonair, 'na urras, agus 'na fhear-ionad na h-eaglais, bha e air 'fhuasgladh, air 'fhìreanachadh, agus air a shaoradh—a thaobh éifeachd agus toillteannais—o na h-uile ni a dh' fheudadh a bhi air a chur as a leth anns an t-suidheachadh sin, air ball air dha gabhail os làimh air an son; agus, ann an rathad gairme follaisich, bha e air a shaoradh air do'n obair dearbh choimhlionadh 'fhaotainn ann agus leis; a thaobh éifeachd agus toillteannais na h-oibre, bha e air a shaoradh air ball, tha sinn ag ràdh, air dha a gabhail air tùs os làimh, agus sin air chreideas a dhìlseachd: agus trid sin bha uile naoimh an t-Sean-tiomnaidh air an saoradh 'na fhuil coimh-ionann ruinne. Ann an rathad gairme follaisich, bha e air a shaoradh an uair a bha "piantan a' bhàis air am fuasgladh," agus "a dhearbhadh e 'bhi 'na Mhac do Dhia le cumhachd, tre 'aiseirigh o na mairbh," Rom. i. 4,—Dia ag ràdh ris, "Is tu mo Mhac-sa, an diugh ghin mi thu," Salm ii. 7. Ann an Isa. l. 5-9, tha Criosc a' nochdadh a mhuinghin a thaobh an t-saoraidh so. Agus ann an 1 Tim. iii. 16, tha air 'ainmeachadh gu'n "d' fhìreanaicheadh e." Is e so, ma seadh, a tha sinn a' ciallachadh le Criosc a bhi air a shaoradh mar phearsa follaiseach:—Air do Dhia a dheanamh fo'n lagh, air an son-sau a bha mar sin, Gal. iv. 4, agus a dheanamh 'na pheacadh 'nan ionad, fosgailte do'n pheanas a thoill am peacadh, 2 Cor. v. 21; agus mar sin cumhachd a thoirt do'n lagh, agus do cheartas, agus do uile thoraidhibh a' mhallaichaidh, dusgadh 'na aghaidh, Isa. liii. 6;—air dha-san a nis na h-uile ni a choimhlionadh a bha air iarraidh air, rann 12, dh' fhuasgail Dia piantan agus cumhachd a bhàis, ghabh e ris, agus bha e làn toilichte leis, a thaobh coimhlionaidh na h-oibre, Eoin xvii. 3-6; rinn e a ghairm saor o'n chumha fo'n robh e, Gníomh. xiii.; agus thug e dha gealladh nan uile nithe maith sin air an do shocraich e a chridhe agus a mhiannaich 'anam. Air a bhunait so tha uile gheallaidean Dhé do Chriosc, agus coimhlionadh nan geallaidean sin, air an stéidheachadh agus air an togail, agus mar an ceudna na h-uile misneach a thugadh dha gu bhi tagair nan geallaidean sin, Salm ii. 8; ni mar an ceudna a rinn e, Eoin xvii. Is e so, ma seadh, am bunait einnteach agus seasmhach sin air am bheil ar saorsa air

a daingneachadh, agus air am bheil sinn gabhail le Dia. Air do Chriosd mar ar n-urras a bhi air 'fhuasgladh agus air fhìreanachadh, agus air a ghairm gu follaiseach saor o na fiachaibh sin uile fo'n robh e, agus air dha riarachadh a thabhairt air son an uile sin gu leir a ghniomhaich sinne, tha maitheanas coitchionn a nis air a sheulachadh dhuinn uile, a tha gu bhi air a thagradh air ar son, gach neach fa leth, anns an dòigh a chomharaicheadh. Oir,—

[6.] Air do Chriosd a bhi mar so air a shaoradh mar phears follaiseach, bha e 'na ni ceart do Dhia, o chomh-aontachadh a' choimhcheangail a bha eadar e féin agus an t-eadar-mheadhonair, gu'm bitheadh iadsan uile air son an do sheas e steach, air an cur ann an seilbh air uile thoraidhibh a bhàis, ann an réite ri Dia, Rom. v. 8-11; chum, mar a fhuair Criosd fuasgladh coitchionn air an son gu léir, gu'm bitheadh iadsan a nis, gach neach fa leth dhiubh, air an cur ann an seilbh air mar an ceudna. Tha so air a nochdadhl auns na briathraibh sin gu léir a tha 'eur an céill na coimh-iomlaid sin a rùnaich Dia a bhithheadh eadar Criosd agus an eaglais anns an ni so : Faic 2 Cor. v. 11; Gal. iii. 13; 1 Phead. ii. 21, 24;—air an labhair sinn an déagh so.

[7.] Air dhoibh a bhi mar so air an saoradh ann an coimhcheangal an Eadar-mheadhonair—o'm bheil e air a ràdh gu'n do cheusadh iad maille ris, gu'n d' fhuair iad bàs maille ris, gu'n d' adhlaiceadh iad maille ris, gu'n d' éirich iad maille ris, agus gu'n do shuidh iad sios maille ris ann an ionadaibh nèamhaidh,— agus air dha a bhi 'na ni ceart do Dhia gu'm bitheadh iad air an saoradh gu pearsanta ann an coimhcheangal nan gràs, bha e uime sin air a shuidheachadh leis an Athair, leis a' Mhac, agus leis an Spiorad Naomh, gu'm bitheadh dòigh an saoraidh gu pearsanta o bhinn agus o mhallachadh an lagha, 'na dhòigh agus 'na fhrithealadh anns am bitheadh *cliù glòir saoir ghràis Dé gu mòr air àrdachadh*, Eph. i. 5-7. Is e suidheachadh Dhé gu'm bitheadh agaimh uchd-mhacachd na cloinne. Is e meadhon an t-suidheachaidh sin, Iosa Criosd; is e dòigh sònruichte a choimhlionaidh, an t-saorsa sin a tha 'na fhuil; is i a' chrioch, cliù glòir a ghràis. Agus uime sin,—

[8.] Gus am bheil lànachd sin aimsir an saoraidh air a choimhlionadh a shuidhicheadh agus a chomharaicheadh air an son 'nan ginealachaidh fa leth, tha iad *gu pearsanta* fo mhallachadh an lagha; agus do bhrìgh sin, fosgailte a réir an lagha, do fheirg Dhé, o'm bi iad gun teagamh air an saoradh;—tha iad

mar so, tha sinn ag ràdh, fosgailte gu pearsanta do'n lagh, agus do mhallachadh an lagha ; gidheadh cha-n ann idir le ceud rùn a' mhallachaidh, ann an rathad a bhi 'ga chur 'an gniomh, ach mar a tha e 'na mheadhon air a chomharachadh gu bhi cuid-eachadh an èolais air Criod, agus an dòigh anns am bheil iad gu bhi gabhta le Dia air a sgàth. 'Nuair a tha so air faotainn coimhlionaidh, tha an ceangal coimcheangail sin ris an lagh gu bràth air sgaoladh o chéile ; air bhi dha air a chumail suas a dh'ionnsuidh so ann an rùn gràidh, a chionn nach b'urrainn iad, do bhrìgh an eoir anns an robh iad, a bhi air an deanamh 'nan luchd-comhpait do Chriosd as 'eugmhais, ann an rathad a bhith-eadh a chum cliù glòir gràis Dé.

[9.] Do bhrìgh gur i crioch frithealaidh saoir ghràis Dé a bhi 'glòrachadh na Trionaid gu léir, is e an dòigh a shuidhicheadh agus a chomharaicheadh chum a bhi deanamh sin, *a bhi 'g éridh a dh'ionnsuidh gràidh an Athar tre obair an Spioraid agus ful a' Mhic.* Tha teachd a mach a' ghràidh dhiadhaidh d'ar n-ionnsuidh-ne a tòiseachadh aig an Athair, air a thoirt air aghaidh leis a' Mhic, agus air a chomhpàirteachadh leis an Spiorad ; an t-Athair a' rùnachadh, am Mac a' cosnadh, agus an Spiorad ag oibreachadh gu h-éifeachdach : is e so, ma seadh, an dòigh a shuidhicheadh. Tha sinn air tùs a' faotainn comhpait tre obair an Spioraid, chum eòir pearsanta ann am ful a' Mhic, trid am bheil sinn gabhta leis an Athair.

Is e so, ma seadh, an t-òrdugh anns am bheil sinn air ar tabhairt a dh' ionnsuidh staid fabhair ris an Athair, chum glòire Dhé tre Iosa Criod :—

Anns a' cheud àite,—Chum gu'm bitheadh an Spiorad air a ghùbrachadh, tha e air a bhualeachadh oirnn chum ar beothachadh, agus ar n-iompachadh, agus creidimh 'oibreachadh annainn, Rom. viii. 11 ; Eph. i. 19, 20 ; a réir uile gheallaidhean a' choimhcheangail, Isa. iv. 4, 5 ; Esec. xi. 19, xxxvi. 26.

Anns an dara àite,—'Nuair a tha so air a choimhlionadh annainn, tha sinn anns an dearbh thiotadh sin féin, *chum glòir a' Mhic*, agus a réir suidheachaiddh a' choimhcheangail, a' faotainn eòir ann am ful Chriosd, a thaobh nan sochair a choisinn e air ar son da trid ; seadh, tha an dearbh obair so a tha an Spiorad féin a' coimhlionadh 'na thoradh agus na earrann de chosnadh Chriosd. Ach tha sinn a' labhairt mu ar fiosrachadh anns an niso, air am bheil comhpàirteachadh an Spioraid a' dol air thoiseach. Agus,—

Anns an treas àite,—Chum glòir an Athar, tha sinn gabhta-

leis, air ar fireanachadh, air ar saoradh o chiont, ar peacaidhean air am maitheadh, agus "sìth againn ri Dia," Rom. v. 1. Mar so "tha slighe againn gu dol a steach tre Chriosd le aon Spiorad chum an Athar," Eph. ii. 17. Ionnuis gu bheil araon an t-Athair, agus am Mac, agus an Spiorad Naomh air an glòrachadh ann ar fireanachadh agus ar deanamh taitneach 'am fianuis Dé ; tha an t-Athair air a ghlòrachadh 'na shaor ghràdh, am Mac ann an iomlanachd a chosnайдh, agus an Spiorad amu an éifeachd 'oibreachaidh.

[10.] Tha so uile, ma seadh, anns gach earrann fa leth dheth, 'na thoradh cho mor air toillteannas Chriosd as ar leth, ann an rathad cosnайдh agus buileachaidh, as ged a bhithear maid air ar n-atharrachadh do nèamh air ball an déigh a bhàis ; a mhain gur e so an rathad saoraidh a chomharaicheadh, chum gu'm bitheadh an Trionaид gu léir air a glòrachadh ann. Agus fòghnadh so mar fhreagrach air a' cheud chnuuil. Ged a tha ar réite ri Dia, agus na h-uile meadhon trid am bheil i air a coimhlionadh, air an cosnadh gu h-iomlan le bàs Chriosd ; gidheadh tha sinn air ar cur ann an seilbh oirre anns an rathad sin a bha air 'ainmeachadh, chum clù glòir saoir ghràis Dé.

2. Is i an dara cunnuil, "*Ma's e 's gu bheil fireantachd agus ùmhlaichd Chriosd do'n lagh air am meas dhuinne, ciol am feum a tha dhuinne ùmhlaichd a thabhairt?*" Bheir sinn freagrach air a' chnuuil so mar an ceudna gu h-aithghearr anns na beachdaibh fa leth a leanas :—

(1.) Tha e 'na ni anabarrach cudthromach gu'm bitheadh ar n-ùmhlaichd shoisgeulach air a suidheachadh air bonn cheart,— nach bitheadh i aon chuid air a *h-àrdachadh a dh'ionnsuidh staid*, no suidheachaidh, no feuma, no crìche, nach d'thugadh dhi le Dia ; agus, air an làimh eile, nach bitheadh *aobhar*, no crìoch, no feum sam bith a bhuineas dhi air a thoirt air falbh, air a lagachadh, no air a lughdachadh. Tha euid a' leagadh sios ar n-ùmhlaichd agus oibre ar creidimh mar stéidh ar fireanachaidh ; euid, mar an cumha sin air am bheil fireantachd Chriosd air am meas dhuinn ; euid, air an dara làimh, ag amhare oirre mar an deasachadh sin a dh'fheumas neach chum a bhi air 'fhireanachadh ; euid, air an làimh eile, 'ga dùnadhbh a mach gu h-iomlan, agus a' tionndadh gràis ar Dé-ne gu maenus. Cha-n e ar gnothach aig an àm an connsachadh eadar dhealaichte so a bheachdachadh ; a mhain gu bheil sinn ag ràdh, air an aobhar so, agus air iomadh aobhar eile, gu bheil e ro ionchuidh gu'm

bitheadh ar n-ùmhachd ann animeachd maille ri Dia air a suidheachadh air bonn ceart.

(2.) Cha-n'eil sinn air dhòigh sam bith a' toirt an àite cheudna sin d'ar n-ùmhachd féin do Dhia, as a tha sinn a' toirt do ùmhachd Chriosd air a meas dhuinn. Nam bitheadh, blitheadh iad da rireadh neo-fhreagarrach d'a chéile. Agus uime sin, iadsan uile a tha cumail a mach gur i ar n-ùmhachd cumha no aobhar ar fireanachaiddh, tha iad ag aicheadh gu bheil ùmhachd Chriosd idir air a meas dhuinn. Tha fireantachd Chriosd air a meas dhuinn, mar am bonn air am bheil sinn gabhta le Dia, agus air ar meas 'nar fìreanaibh 'na fhianuis, agus tha sinn da rìreadh mar sin a thaobh ar staid, ged nach 'eil a thaobh ar nàduir. Tha sinn cho fireanta le ùmhachd Chriosd a bhi air a meas dhuinn, as a b'urrainn Adhamh a bhi le fireantachd iomlan a bhi air a coimhlionadh leis. Mar sin Rom. v. 18, tre ùmhachd aoin duine tha sinn air ar deanamh 'nar fìreanaibh,—air ar deanamh da rìreadh fireanta, agus mar sin gabhta le Dia; amhuil a rinneadh sinn da rìreadh 'nar peacaich tre eas-ùmhachd Adhaimh, agus mar pheacaich a bha sinn air ar meas. Anns an ni ceudna so bha an t-abstol a' miannachadh a bhi air 'fhaotainn, an aghaidh fhìreantachd féin, Phil. iii. 9. Ach cha-n i ar n-ùmhachd féin an fhìreantachd sin air sgith am bheil sinn air ar fireanachadh, agus air bonn am bheil sinn gabhta le Dia ; ged a tha e a réir toil' Dé gu'm bitheamaid a' meudachadh innte. Tha an t-abstol a' cur an céill agus a' daingneachadh an eadar-dhealachaidh so, ionnu nach urrainn ni sam bith a bhi ni's soilleire : Eph. ii. 8-10, "Oir is ann le gràs a tha sibh air bhur tèarnadh, tre chreidimh ; agus sin, cha-n ann uaibh fein ; is e tiodhlac Dhé e : cha'n ann o oibrabh, chum nach deanadh neach air bith uaill. Oir is sinne 'obair-san, air ar cruthachadh ann an Iosa Criosd chum deadh oibre, air son an d' ullaich Dia roimh-làimh sinn, chum gu'n gluaiseamaid annta." Tha sinn air ar tèarnadh, no air ar fireanachadh—oir is e sin air am bheil an t-abstol a labhairt—"o ghràs, tre chreidimh,"—creidimh a tha gabhail ri Iosa Criosd agus 'ùmhachd-san ; "cha'n ann o oibrabh, chum nach deanadh neach air bith uaill." Ach ciod iad na h-oibre sin a tha an t-abstol a' dùnadh a mach ? Tha e dùnadh a mach oibre nan creideach, mar a tha soilleir o na briathraibh a tha air ball a' leantuinn : " 'Oir is sinne ' obair-san, sinne creidich, le ar n-ùmhachd agus ar n-oibrabh, air am bheil mi a' labhairt." "Seadh ; ach ciod, ma ta, am feum a tha idir dhoibh ?" Tha

feum dhoibh fathast : "Oir is sinne obair-san, air ar cruthachadh ann an Iosa Criod chum deadh oibre."

Tha dà ni a tha an t-abstol a' cur 'an céill anns na briathraibh so :—

[1.] An t-aobhar nach urrainn sinn a bhi air ar téarnadh o oibríbh,—eadhon, do bhrigh nach 'eil iad deanta 'nar *neart fén*; ni a dh'fheumas a bhi deanta ma's e 's gu'm bi sinn air ar téarnadh no air ar fireanachadh leò. "Ach," a deir an t-abstol, "cha-n'eil so mar so, oir is sinne 'obair-san,"—tha ar n-oibre uile air an oibreachadh annainn o shaor ghras éifeachdach agus neo-thoillteanach.

[2.] Neo-sheachantachd dheadh oibre, ged nach urrainn iad ar téarnadh; agus sin do bhrigh gu'n d'òrdúich Dia roimh-laimh sinn, chum gu'n gluaiseamaid amta : ni a tha 'na aobhar ni's leòir air son ar n-ùmhlachd, ciod air bith feum a tha dhi.

Ma bhitheas a' cheisid a nis air a cur, "Ciod iad, ma seadh, fior aobhairean soisgeulach ar n-ùmhlachd? ciod iad na feuman àraidh a tha dhi? ciod a tha 'gar gluasad d'a h-ionnsuidh? ciod iad na reusonan air a son o'm feud sinn a dhearbhadh gur ni neo-sheachanta 'tha innte, agus o'm bi ar n-anaman air an cur fo impidh gu bhi 'meudachadh innte?" Tha iad so, tha sinn ag ràdh, cho lìonmhòr, agus cho fillte suas ann an diomhair-eachd an t-soisgeil agus 'am frithéaladh gràis, tha iad air an sgaoileadh cho farsuinn thar toil fhoillsichte Dhé gu léir, as nach urrainn duinn gabhail os làimh an toirt fainear gu mion, no an dlighe beachdachaidh a thoirt doibh, air eagal a bhi 'tionndadh ro fhad' a thaobh o ar priomh rùn. Bheir sinn seachad beagan cheann a mhain air am feudamaid leudachadh gu léir; ach cha dean sinn ach an ainmeachadh gu h-aithghearr :—

Anns a' cheud àite,—Tha ar n-ùmhlachd choitchionn agus ar deadh oibre neo-sheachanta feumail, o chomharachadh àrd-uachdarach agus o *thoil* Dé, an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh.

Ann an rathad coitchionn : "Is i so toil Dé, eadhon bhur naomhachadh-sa," no gu'm bitheadh sibh naomh, 1 Tesal. iv. 3. Is i so toil Dé, is e so an ni a tha e 'g àithne dhuinn,—gu'm bitheamaid naomh, agus umhal, agus a' deanamh a thoile mar a tha na h-ainglean air nèamh. Dh'fheudamaid leudachadh air ceartas, agus air neo-sheachantachd, agus air tarbhachd aobhair so ar n-ùmhlachd; agus ged nach bitheadh aobhar eile air a

son ach so féin, dh'fhòghnadh e,—ma's i toil Dé ar n-ùmhachd, is dleasannas oirnn i :—

Ann an rathad àraidh : Is e suidheachadh no comharachadh an Athar i. Is i toil an Athar i, Eph. ii. 10. Tha an t-Athair air 'ainmeachadh gu pearsanta, air do Chriosd a bhi air 'ainmeachadh mar eadar-mheadhonair. Is e òrduchadh agus suidheachadh a' Mhic i mar eadar-mheadhonair, Eoin xv. 16, "Dh'òrduich mise sibh, chum gu'n tugadh sibh a mach toradh," toradh na h-ùmhachd, "agus gu maireadh blur toradh." Agus tha an Spiorad Naomh a' comharachadh agusa' suidheachadh nan creideach chum oibre ùmhachd agus naomhachd, agus a chum a bhi' nam meadhonaibh naomhachaidh do mhuinnitir eile. Mar sin, air mhodh àraidh, Gníomh. xiii. 2, tha e 'suidheachadh agus a' comharachadh dhaoine a dh'ionnsuidh oibre mòire sin na h-ùmhachd ann an searmonachadh an t-soisgeil. Agus ann a bhi peacachadh, tha daoine 'peacachadh na aghaidh-san mar an ceudna.

Anns an dara àite,—Is iad ar naomhachd, ar n-ùmhachd, ar deadh oibre, aon de chriochainbh àraidh frithcalaidh sin an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, anns an bheil glòir Dhé air a h-àrdachadh ann ar sláinte,—aon de chriochainbh gràidh taghaidh an Athar, gràidh cosnaidh a' Mhic, agus gràidh oibreachaidh an Spioraid :—

Air tùs,—Is i ar n-ùmhachd aon de chriochainbh àraidh gràidh taghaidh an Athar, Eph. i. 4, "Thagh e sinne, chum gu'm bith-eamaid naomha agus neo-choireach 'na lèathair." Mar sin mar an ceudna Isa. iv. 3, 4. B'e a rùn agus a chrioch ann ar taghadh, gu'm bitheamaid naomha agus neo-choireach 'na lèathair-san ann an gràdh. Is e so a tha e gu bhi coimhlionadh annta-san a's leis. "Thagh e sinne o thùs chum sláinte, tre naomhachadh an Spioraid, agus creidsinn na firinn," 2 Tesal. ii. 13. Rùnaich an t-Athair so mar cheud chrioch neo-mheadhonaich a ghràidh taghaidh ; agus tha e 'cumail suas a ghràidh sin r'ar n-aghaidh mar mheadhon brosnachaidh oirnn a dh' ionnsuidh naomhachd, 1 Eoin iv. 8-10.

A rìs,—Tha i'na crioch àraidh aig gràdh barraichte a' Mhic; air am bheil fianaisean gun àireamh. Cha dean sinn ach a h-aon no dhà 'ainmeachadh :—Titus ii. 14, "A thug e féin air ar son, chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha féin sluagh sònruichte, eudmhor mu dheadh oibríbh." B'e so a rùn ann a bhi 'ga thoirt féin air ar son ; mar ann an Eph. v. 25-27, "Ghràdhaich Criosd an eaglais, agus thug se e féin air a son ; chum gu naomhaicheadh agus gu'n

glanadh e i le ionnlad an uisge tre an fhocal ; chum gu'n cuireadh e 'na lathair féin i 'na h-eaglais ghlòrmhoir, gun smal, gun phreasadh, no ni air bith d'an leithidibh sin ; ach a chum gu'm bitheadh i naomh, agus neo-lochdach," 2 Cor. v. 15 ; Rom. vi. 11.

Anns an àite mu dheireadh.—Is i so an dearbh obair a tha aig grùdh an Spioraid Naoimh. Tha 'obair-san gu léir oirnn, agus annainn, agus air ar son, a' coimh-sheasamh ann a bhi 'gar n-ullachadh air son lùmhlaechd ; 'gar cuideachadh innte, agus a' toirt a mach a toraidhean annainn. Agus tha e 'deananh so 'an aghaidh fireantachd sam bith de'r n-oibreachadh féin, aon chuid roimh sin, no gu bhi air a dheanamh suas leis, Titus iii. 5. Cha-n 'eil aobhar dhuinn a bhi 'leudachadh air so. Tha toraidhean an Spioraid aithnichte, Gal. v. 22, 23.

Mar so, ma seadh, tha stéidh dà-fhille againn air son neo-sheachantachd ar n-lùmhlaechd agus ar naomhachd phearsanta :— Is ann de chomharachadh Dhé i, tha so air 'aithne leis ; agus is i aon de chriocheibh àraidi agus neo-mheadhonach frithealaichd cedar-dhealaichte an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh i, ann an obair ar slàinte. Ma tha àrd-uachdaranachd Dhé os ar ceann gu bhi air 'aideachadh, ma tha a ghràdh dhuinn gu bhi air a chur 'am meas, ma tha obair na Trionaid uile-bheannaichte annainn agus air ar son gu bhi air a cur 'an suim, tha ar n-lùmhlaechd neo-sheachanta dhuinn.

Anns an treas àite,—Tha ar n-lùmhlaechd neo-sheachanta do bhrìgh na críoch' a tha aice ; agus sin a thaobh Dhe, d'ar taobh féin, agus a thaobh an t-saoghal :—

Air tùs,—Is i críoch ar n-lùmhlaechd a thaobh Dhé a *ghlòir agus 'onoir*, Mal. i. 6. Is e so onoir Dhé,—na bheir sinn dha. Tha e flor gu'n gabh Dia 'onoir féin o'n cheannairceach a's calma agus a's àrdanaiche anns an t-saoghal ; ach na h-uile ni a tha sinn a' toirt da, is ann 'an rathad ar n-lùmhlaechd. Ciod air bith ni a tha sinn, no a dh' fheudas sinn a bhi, is e so a shuim,— Dia a ghlòrachadh le ar n-lùmhlaechd. Ach ni's ro àraidi,—

Is i glòir an Athar i. Mata v. 16, "Gu ma h-ann mar sin a dhealraicreas bhur solus an lathair dhaoine, chum gu faic iad bhur deadh oibre, agus gu'n toir iad glòir do bhur n-Athair a tha air nèamh." Tha an t-Athair air a ghlòrachadh an uair a tha sinn ag imeachd ann an solus a' chreidimh. Tha toraidhean a ghràidh, a ghràis, agus a chaoimhneis, r'am faicinn annainn ; agus tha Dia air a ghlòrachadh as ar leth. Agus a rìs,—

Tha am *Mac air a ghlòrachadh* d'a trid. Is i toil Dé gu'n

tugadh na h-uile dhaoine urram do'n Mhac, amhuil mar a ta iad a' toirt urraim do'n Athair, Eoin v. 23. Agus eionnus a tha so deanta? Le bhi creidsinn ann, Eoin xiv. 1; agus le bhi ùmhachadh da. Uaith so, Eoin xvii. 10, tha e 'g ràdh gu bheil e air a ghlòrachadh ann an creidich; agus tha e 'guidhe air son meudachaidh gràis agus aonaidh d' an taobh, chum gu'm bitheadh e air a ghlòrachadh ni's mò, agus gu'm bitheadh fios aig na h-uile dhaoinibh gu'n robh esan, mar eadar-mheadhonair, air a chur o Dhia. Mar an ceudna,—

Tha an *Spiorad air a ghlòrachadh* innte. Tha ar n-eas-ùmh-lachd a' eur doilgheis air, Eph. iv. 30; agus uime sin tha e air a ghlòrachadh an uair a tha sinn a' giùlan toraidh. Tha còmh-nuidh aig annainn, mar 'na theampull, nach fheudar a thruailleadh. Is iomchuidh naomhachd d'a àite-còmhnuidh-san gu bràth.

A nis, mar 'eil ni's leòir anns na labhradh gu bhi 'deanamh soilleir neo-sheachantachd ar n-ùmh-lachd, is éigin duinn a smuaineachadh gu bheil sinn a' labhairt ri daoinibh aig nach 'eil spéis aon chuid do àrd-uachdaranaichd Dhé, do ghràdh, no do ghlòir an Athar, a' Mhic, no an Spioraid Naoimh. Labhradh daoine mar is àill leò, ged a robh ar n-ùmh-lachd gu léir air a eur air chùl, agus 'an neo-shuim—ni a tha mi-chomasach, oir cha-n 'eil Dia mi-chothromach, gu'n di-chuimhnicheadh e obair agus saothair ar gràidh,—gidheadh, ann an so tha bonn agus aobharan air son an tuilleadh ùmhachd do Dhia na a bhitheas comasach dhuinn a thoirt da am feadh a tha ar cuairt againn air thalamh. Tha sinn a' labhairt mu aobharan agus mu bhonn soisgealach ar n-ùmh-lachd, agus cha-n ann orra sin a tha nàdurra agus o'n lagh, aobharan a tha neo-sheachanta do'n chinneadh-daoine gu léir. Ach,—

A rìs,—Tha crìoch thrì-filte aig ar n-ùmh-lachd d'ar taobh féin:—Air tùs,—*Urram*: A rìs, *Sìth*: Anns an àite mu dheireadh, *Tarbhachd*.

Air tùs,—*Urram*. Is ann trid ar naomhachd a tha sinn air ar deanamh cosmhuil ri Dia, agus a tha ionhaigh Dhé air a h-ath-nuadhachadh annainn. B'e so ar n-urram 'nar ceud chruthachadh, b'e so a dh' àrdaich sinn os ceann gach creutair eile fo nèamh,—gu'n d' rinneadh sinn ann an ionhaigh Dhé. Chaill sinn so tre'n pheacadh, agus rinneadh sinn mar na h-ainmhidh-ibh a theid bàs. Cha-n'eil ni eile a ni ar n-àrdachadh a rìs a dh' ionnsuidh an urraim cheudna, ann an giùlan ionhaigh Dhé, ach naomhachd a mhain. “Bithibh-sa naomha,” deir Dia, “oir

tha mise naomh," 1 Phead. i. 16; agus, "Bithibh-sa coimhlionta"—is e sin, ann an deanamh maith—"mar a tha bhur n-Athair a tha air nèamh coimhlionta," Mata v. 48,—coimhlionta ann an cosmuileachd agus 'an comh-chumadh ris. Ann an so, ma seadh, tha iomhaigh Dhé air a h-ath-nuadhachadh; Eph. iv. 23, 24, ann an so tha sinn "a' eur umainn a' nuadh-dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé, ann an fireantachd agus ann am fior naomhachd." B'e so an ni sin air tús maille ris an robh uachdaranaachd agus cumhachd; agus cha-n'eil maise no àilleachd idir anns an t-saoghal fathast, ach na tha coimhcheangailte ris. Bhitheadh e soirbh a nochdadadh gur e so a tha' deanamh dhaoine urramach agus luachmhor ann an sealladh Dhé, agus ainglean, agus dhaoine; gur e so a mhain an ni air nach deanar tàir, agus a tha measail aig an Tighearn; bhitheadh e soirbh a nochdadadh cia cho tàireil as a tha iadsan uile air am meas leis anns nach 'eil e,—seadh, gur gràineileachd leis iad fèin agus an slighean uile.

A ris,—Tha sìth 'na crìoch aice. Is ann trid na h-ùmhachd a tha comh-chomunn againn ri Dia, anns am bheil sìth r' a sealbhachadh. "Tha na h-aingidh cosmuilis ris a' mhuir bhuirte, oir cha-n urrainn i a bhi aig fois;" agus, "Cha-n'eil sìth, deir mo Dhia, do na h-aingidh," Isa. lvii. 20, 21. Cha-n'eil sìth, no fois, no suaimhneas, r'a fhaotainn fad as o Dhia, no ann an staid dealachaидh uaith. Is e Dia suaimhneas ar n-anama. Ann an solus a ghnùis tha beatha agus sìth. A nis, "ma għluiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan anns an t-solus, tha comunn again r'a chéile," 1 Eoin i. 7; agus gu firinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criod, rann 3. Esan a tha 'g imeachd ann an solus na h-ùmhachd nuaidhe, tha comunn aige ri Dia, agus 'na lathair-san tha lànachd aoibhneis gu bràth; as eugmhais so, cha-n'eil ann ach dorchadas, agus seacharan, agus aimhreit.

Anns an àite mu dheireadh,—Tha tarbhachd na crìoch aice. Is duine gun mhaith air bith an duine gun naomhachd. "B' fhionain thorrach Israel," deir am faidh, "thug e mach toradh dha féin." Agus ciod mar sin am feum a bha ann? Cha robh feum sam bith. "An gabhar enag dheth," tha faidh eile 'g ràdh, "a chrochadh soithich air bith air?" Cha-n'eil feum air bith ann an eraobh gun toradh, ach a gearradh sios chum a losgaidh. Ciod air bith an coslas tarbhachd a dh' fheudas a bhi air daoinibh a tha 'deanamh seirbhis freasdail Dé'n nan ginealachaidh, bhitheadh e furasda dhuinn a nochdadadh gur maith a dheanadh an

eaglais agus an saoghal an gnothach as an eugmhais, agus gu bheil iad, da rireadh, anna féin gun mhaith air bith. Cha'n'eil duine air bith 'na mhaith choitchionn ach an duine naomh.

Tha a' chrìoch a tha aig ar n-ùmhlachd a thaobh *mhuinnitir eile* iom-fhillteach :—

Tha i, *anns a' cheul àite*, 'na meadhon *dearbhail peacaidh* agus druideadh beòil air euid de naimhdibh Dhé, araon anns an t-saoghal so agus anns an t-saoghal ri teachd :—1. *Ann an t-saoghal so.* 1 Phead. iii. 16, "Air dhuibh deadh choguis a bhi agaibh ; chum 'nuair a tha iad a labhairt uile 'n 'ur n-aghaidh mar luchd mi-ghníomh, gu'n gabh iadsan näire a tha 'toirt toibheim do 'ur deadh chaithe-beatha ann an Criod." Le bhi coimhead deadh choguis tha näire air a cur air daoinibh air son an casaidean bréige ; chum air bhi d' an naimhdeas agus am fuath do shlighibh Dhé 'gam brosnachadh gu bhi labhairt gu toibheumach mu'n aideachadh, gu'm bitheadh an coint air a dhearbhadh agus iad féin air an cur gu näire, mar ghadaiche air a ghlaicadh, le naomhachd agus deadh chaithe-beatha nan creideach, agus air an éigneachadh gu bhi 'g aideachadh gu bheil Dia do rireadh 'nam measg, agus gu bheil iad féin aingidh, Eoin xvii. 23. 2. *Ann an t-saoghal ri teachd.* Tha e air a ràdh gu'n toir na naoimh breth air an t-saoghal. Agus ni iad sin, mar air iomadh dòigh eile, air an dòigh so :—bitheidh an deadh oibre, am fireantachd, an naomhachd, air an toirt air lom, agus air an taisbeanadh fa chomhair an t-saoghal gu léir ; agus uaith sin bitheidh ceartas uile bhreitheanais Dé an aghaidh nan aingidh air a chur an sólus. "Faicibh," a deir Criod, "iad so a nis a tha mise 'g aideachadh, air an d' rinn sibhse tair agus d'an d' thug sibh fuath ; faicibh an oibre 'gan lean-tuinn : so agus sud mar a rinneadh leò, 'nuair a bha sibhse 'g aoirneagan 'nar gràimeileachdaibh," Mata xxv. 42, 43.

Tha i, *anns an dara àite*, na meadhon iompachaidh air muinntir eile. 1 Phead. ii. 12, "Air dhuibh deadh chaithe-beatha 'bhi agaibh 'am measg nan Cinneach ; chum 'an àite uile a labhairt umaibh mar luchd mi-ghníomh, gu'n dean iad, o bhur deadh oibríbh a chi iad, Dia a ghàrrachadh ann an là an fhiosrachaidh," Mata v. 16. Thugadh buaidh eadhon air luchd cùinidh, luchd geur-leanmhuinn, agus luchd-labhairt uile, leimeachd naoimh agus chunbhalaich luchd-aideachaidh ; agus air do là am fiosrachaidh féin teachd, ghàrraich iad Dia air a shon, 1 Phead. iii. 1, 2.

Tha i, *anns an treas àite*, na meadhon *tairbhe do na h'uile* ;

ann an euid le bhi 'cumail bhreitheanas air an ais o fluigheall nan daoine, amhuil a bhithheadh Sodom air a ghleidheadh air sgàth dheichnear ionraean ; agus ann an euid le bhi comhpàirt-eachadh maith riu-san ris am bi an gnothach 'nan ginealach. Tha naomhachd a' deanamh duine mhaith de dhuine, tarbhach do na h-uile ; agus tha muinntir eile ag itheadh de thoraidhibh sin an Spioraid a tha e 'gìnlan a ghnàth.

Tha i, *anns a' cheathramh àite*, neo-sheachanta a thaobh *staid* agus suidheachaidh *dhuinne 'tha air am fireanachadh*; agus sin eo aca a bheachdaicheas sinn iad a thaobh an staid anns am bheil iad gabhta le Dia, no a thaobh staid an naomhachaidh :—
 1. Tha iad gabhta 'dh' ionnsuidh staid cairdeis ris an Dia naomh, aig am bheil a shùilean ni's gloine na gu'n amhairc e air an ole,—leis am fuathach gach ni neo-ghlan. Agus nach 'eil e neo-sheachanta dhoibh-san a tha gabhta na fhianuis, a tha 'g imeachd 'na làthair,—seadh, aig am bheil còmhnuill 'na uchd, gu'm bitheadh iad naomh? Nach buineadh dhoibh an uile dhichioll a chleachdadhl chum iad fèin a ghanadh “o gach uile shalachar feòla agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal Dhé,” 2 Cor. vii. 1. 2. A thaobh *naomhachaidh*. Tha cruthachadh nuadh againn annainn, 2 Cor. v. 17. Tha an cruthachadh nnadh so air a bheathachadh, air 'altrum, air 'eirid-neachadh, agus air a chumail suas, le toraidhibh na naomhachd. Ciod a' chrioch air son an d' thug Dia dhuinn eridheachan nuadha, agus nàdur nuadh? An ann a chum gu'n euireamaid as doibh? an ann a chum gu'n tachdamaid an cruthachadh nuadh so anns a' bholg? 'n ann a chum gu'n tugamaid thairis e mar chobhartaich do làmhaibh an t-seann duine?

Tha i neo-sheachanta, *anns a' chuirgeadh àite*, a thaobh an *àite sin a tha aig naomhachd* anns a' chiomhcheangal nuadh; agus tha e dà-fhillte :—1. Is *meadhon* e a dh' ionnsuidh crìche. Chomharaich Dia naomhachd mar am meadhon, agus mar an t-sligte a dh' ionnsuidh na beatha maireannaich sin a tha,—mar a tha i innte fèin,—'na saor thiodhlac o Dhia tre Iosa Criosd, gidheadh—a thaobh suidheachaidh ar n-ùmhlaechd mar mheadhon ruigheachd oirre—a tha 'na duais o Dhia, agus Dia ann a bhi 'ga buileachadh 'na fhear-duaiseachaidh. Ged nach i ar n-ùmhlaechd aon chuid aobhar no cumha ar fireanachaidh, gidheadh is i so an t-sligte a chomharaich Dia anns am bheil sinne gu bhi 'g imeachd chum slainte 'fhaotainn. Agus uime sin, esan aig am bheil dòchas na beatha maireannaich ann fèin, glanaidh se e fèin, eadhon mar a tha esan glan: agus an neach

nach imich anns an t-slighe so, cha ruig e gu bràth crìoch na slighe; oir as eugmhais naomhachd cha-n fhaic neach air bith Dia. 2. Tha e 'na fhanuis agus 'na gheall-daingnich na h-uchd-mhacachd,—'na *chomharadh* agus 'na dhearbhadh gràis; is e sin, a bhi gabhta le Dia. Agus tha e mar an ceudna 'na mheadhon *giùlan a mach ar breith-buidheachais* gu léir do Dhia.

A nis, cha-n'eil aon air bith de na h-aobhairibh so a th'againn air son neo-sheachantachd ar n-ùmhlachd, agus ar deadh oibre, agus ar fireantachd pearsanta, nach fheumadh an tuilleadh seanachais chum 'fhosgladh suas agus a mhíneachadh, na a bhuilich sinn orra gu léir; agus tha aobharan gun àireamh eile air a son, nach urrainn sinn 'ainmeachadh. An neach sin, ma seadh, an déigh so uile, nach 'eil a' meas gu bheil ar naomhachd choitchionn agus ar n-ùmhlachd neo-sheachanta dhuinn, gun a dhol g'a h-àrdachadh ann an àite ùmhlachd agus fireantachd Chriosd, bitheadh e salach a ghnàth.

Air do na cunnuibh so a bhi air an toirt as an rathad, agus air dhuinn a chur an céill ann an toiseach a' chaibideil so, ciod a tha deanta air taobh Chriosd chum ar comh-chomuinn a bli ris, anns a' chuid sin de ghràs coisinnte anns am bheil sinn gabhta le Dia, theid sinn a nis air ar n-aghaidh chum a bhi 'nochdadhl ciod a tha air 'iarraidh oirnne, agus ciod r'a choimh-lionadh leinn, chum gu'm bitheadh an comh-chomunn a' faotainn cleachdaidh. Tha so, ma seadh, a' coimh-sheasamh anns na nitibh fa leth so a leanas:—

1. Tha na *naoimh le'n uile chrùlhe a' moladh agus ag aontachadh* ri fireantachd so Chriosd, mar an fhìreantachd sin a mhain a tha gu h-iomlan coimhlionta, agus a tha comasach an deanamh taitneach 'am fianuis Dé: anns am bheil sè nithe air an smuaineachadh.—

(1.) An *lùn-dearbhachd* a tha aca air neo-sheachantachd fireantachd chum seasaimh 'am fianuis Dé. Tha so a ghnàth 'nan smuaintibh; tha so 'gan leantuinn ré am beatha gu léir. Tha mòran a' caitheamh an làithean ann an reasgachd agus 'an cruas, a' cur misge ri pathadh, gun a' cheisd gu bràth 'fheòrachd ciod a' s cor doibh an uair a chuireas iad eos thar stairs-nich na siorruidheachd; tha cuid a' cluich an ùine agus an anaman air falbh, a sìol-chur gaoithe nan dòchas faoin, agus ag ullachadh fogharaidh cuairt-ghaoith na feirge; achi a ta so a luidh aig lochdar comh-chomuinn nan naomh uile r Chriosd,—eadhon, dearbhachd domhain, suidhichte, freumhaichte, air neo-sheachantachd fireantachd anns an seas iad 'an làthair Dhé.

Tha naomhachd a nàduir, fireantachd a riaghlaidh, gèiread a làgha, namhunn a chorruich, a ghnàth fa'n comhair. Thugadh dearbh-shoilleireachd dhoibh uile mu pheacadh, agus fhuair siad iad féin 'an ire dol fodha ann an doimhneachdaibh an dioghaltais a thoill e. Dh' éirich an glaodh sin uatha gu léir, "Fheara agus a bhràithre, ciod a ni sinn ?" "Ciod leis an tig sinn ann am fianuis an Tighearna ?" agus thàinig iad uile gu bhi 'comh-dhùinadh gur diomhain a bhi 'g altrum dòchais dol as mar a tha iad a thaobh nàduir. Ma tha Dia 'na Dhia naomh agus firinneach, aig am bheil a shìlilibh ni's gloine na gu'n amhaire e air cle, feumaidh iad fireantachd a bhi aca chum seasaimh 'na fhanuis ; agus tha fios aca ciod an glaodh a thig aon là uatha-san a tha 'gam misneachadh féin air dhòigh eile, Isa. Ixiii. 1-5.

(2.) Tha iad a' cur am fireantachd féin anns na meidhibh, agus 'ga faotainn easbhuidheach ; agus sin ann an da rathad :—

[1.] Ann an rathad *coitchionn*, tha iad 'ga faotainn gu h-uile easbhuidheach, 'nan ceud theachd 'am fianuis Dé. Air do dhaoinibh dearbh-shoilleireachd 'thaotainn air neo-sheachantaichd fireantachd, ni iad gréim air na h-uile ni o'm feud coslas fuasglaidh teachd. Mar dhaoinibh ullamh air dol fodha ann an uisgibh domhain, ni iad gréim air ni sam bith chum am beath' a shaoradh, ged nach dearbhadh e dhoibh ach mar bhioran grod, a theid sios do'n doimhne maille riu. B' e so cor nan Iudhach, Rom. ix. 31, 32 ; rinn iad gréim air an lagh, agus cha tugadh e saorsa dhoibh ; agus cionnus a chaidh iad a dhìth leis tha an t-abstol a 'eur an ceilidh, caib. x. 1-4. Chuir an lagh iad 'an ceann fireantachd 'oibreachadh air an son féin. Rinn so an làmhan a chumail 'an gréim, agus an eridheachan 'an dòchas ; ach rinn e an cumail mar an ceudna o bhì strìochadh do fhìreantachd Dhé. Ann an so tha mòran a' dol a mugh, gun a bhi 'faotainn ceuma ni's dlùithe do Dhia rè am beatha gu léir. Tha na naoimh a' cur chìul ri so ; gun a bhi 'cur muinghin air bith anns an fheòil ; tha fios aca nach 'eil tairbhe dhoibh anns na h-uile ni a ni iad, no anns an lagh féin, air dha 'bhi anmhunn tre'n fheòil. Faie breth Phoil air an fhìreantachd a's comhlionta 'tha ann an comas duine, Phil. iii. 8-10. Tha iad a' giùlan so gach là 'nan inntinnibh, a' lionadh suas an smuaintean leis, nach bi iad gu bràth gabhta le Dia, no air am fireanachadh leis, air son ni sam bith a rinn iad, no a' surrainn iad a dheanamh a chaoidh. Tha so a' gleidheadh an anaman iriosal, làn de smuaintibh m'an gràineileachd féin, rè an làithibh uile.

[2.] Ann an rathad ni's *sònruichte*. Tha iad a' cur an gniomharan sònruichte fa leth anns na meidhibh, agus 'gam faotainn easbhuidheach, a thaobh na coimhliontachd sin air sgàth am bitheadh iad gabhta le Dia. "Oh!" deir an creideach, "mar bitheadh ni air bith agam chum mo mholadh do Dhia ach an tòruigh so, no an dleasanns so, no an làmh an nachdar so a fhuaire mi air buaireadh, anns am bheil mi féin a' faicinn iomadh easbhuidh, cionnus a b' urrainn mi idir teachd 'na lèathair le dànochd? An dean mise, ma seadh, trusgan fireantachd a bhréideadh r'a chéile á mo dhleasannasaibh a's fearr? Mo thruaighe! tha iad gu léir mar luideig shalaich," Isa. lxiv. 6. Tha na smuaintean so maille riu 'nan dleasannasaibh gu léir, agus 'nan gniomharaibh a's taghta:—"A Thighearna, eicd a tha annam aig a' chuid a's fearr? C'ait am bheil am freagarrachd sin a's cubhaidh do d' naomhachd 'nam dhleasannasaibh a's barraichte? O bi tròcaireach dhomh a thaobh an ni a's coimhlionta a rinn mi riabh! " Neh. xiii. 22. 'Nuair a gheibh duine a tha bò air na mhothaicheas e ni-éigin de fharsuinn-eachd 'na dhleasannasaibh, ni-éigin de bhuaidh os ceann peacaidh no buairidh, eniadaichidh se e féin, amhuil a rinn Micah air dha Lebhitheach 'fhaotainn mar shagart: cha-n'eil a nis teagamh nach éirich gu maith dha; beannaichidh Dia gu cinnteach a nis e: tha a chridhe a nis gu suaimhneach; tha sìth aige anns na rinn e. Ach an neach aig am bheil comh-chomunn ri Criod, an uair a' s àird' a tha e ann an dleasannasaibh na naomhachaidh agus na naomhachd, is ann a' s gloine a bhreithneachadh air a neo-tharbhaechd féin, a' cur cuil ris na h-uile smuain a dh' fhendadh a bhi 'g éiridh suas 'na chridhe ann an rathad a bhi 'foiseachadh annta. Labhraidh e r'a anam féin, "Seadh, am bheil na nithe sin mòr ann ad shtùilibh? Mo thruaighe! tha do ghnothach ris an Dia a tha neo-chriochnach ceart, a tha 'g amharc a steach tre dhòiomhanas do smuaintean, air nach 'eil agad ach ro bheag eòlais; agus nam buineadh e riut a réir do gniomharan a' s barraichte, bhitheadh tu air do ghearradh as."

(3.) Tha iad a' moladh *fìreantachd* so *Chriod*, a' cur mòr luach oirre, agus a' deanamh gairdeachais innte, chum an deanamh taitneach 'am fianuis Dé.—an fhìreantachd sin a dh' oibrich agus a dh' ullaich e air an son; air dhi a bhi air a foills-eachadh dhoibh, tha an eridheachan ag aontachadh rithe, agus a' foiseachadh innte. Isa xlvi. 24, "Gu cinnteach," deir neach, "anns an Tighearn tha agam fìreantachd agus neart." Is i cainnt an eridhe air dhoibh aithne 'fhaotainn air fìreantachd so

Dhé ann ann Iosa Criod : " Ann an so tha fireantachd da rireadh, ann an so tha àite suaimhneis aig m' anam. Mar an ceannnaiche anns an t-soisgeul (Mata. xiii. 45, 46) a fhuair an nèanhuid ro luachmhoir, bha mo shùil 'an so agus 'an sud 'an aire mo chuideachaidh, ach bha e fathast 'am fada nam ; chaith mi mo neart air ni nach b'aran : ach 'an so tha, gun amharus, saoibhreas a mhaireas dhomh gu siorruidh !" Ann a' cheud fhoillseachadh a tha an t-anam bochd sin a' faotainn de fhìreantachd so Chriosd, chum a bhi gabhta le Dia, a bha 'saothrachadh gu goirt air son suaimhneis gun a bhi 'ga fhaotainn, cionnus a nis a tha e air a ghlacadh 'am buillsgean an iongantais, gun chomas aige e féin a cheannsachadh ! Tha e a nis ag aontachadh le uile chridhe ris an fhìreantachd so air son dà aobhar :—

[1.] Do bhrigh an lánachd *gliocais neo-chriochnaich* a tha e 'faicinn innte. " Dhoibh-san a chreideas," deir an t-abstol, " is e Chriosd air a cheusadh 'gliocas Dé,' " 1 Cor. i. 24. Tha iad a' faicinn gliocais neo-chriochnaich anns an dòigh so air a bhi 'gan deanamh taitneach do Dhia. " Nach e m'anam bochd a bh' anns an doreh," a deir e nis, " ciod na teanntachdan iom-cheisteach anns an robh mo chosan an sàs ! Cionnus a dh' iadh na h-iom-chomhairlean dorch ud mu m' anam, gun bhealach mo shaoraidh 'am fradharc mo shùla ! Dh' amhaire mi a steach, ach cha d'fhuaireadh leam ach peacadh, agus uamhunn, agus eagal, agus oillt-chrith ; dh' amhaire mi suas, ach thionndaidh rium lasan na feirge agus a' mhallaichaidh dhioghaltaich. Bha fios agam gu'n robh Dia ro naomh agus fireanta, agus nach seasadh ni neo-ghlan 'na fhianuis ; bha fios agam gu'n robh mi bochd, agus gráineil agus peacach ; ach cionnus a thigeamaid gu chéile 'an sìth, bha so 'am folach uam. Ach ann am fireantachd so Chriosd tha saoghal de ghliocas a' fosgladh suas dhomh, a' sgapadh nan iomcheist o'chéile, agus a' réiteachadh gach deacaireachd 'an sìth." " O doimhne saoibhris araon gliocais agus èolais Dé !" Rom. xi. 33 ; Col. ii. 3. Ach labhair sinn air so a cheana.

[2.] Do bhrigh an *lánachd gràis* a tha ann. Tha fios aige gu'n d'rinn am peacadh slighe nan gràs a dhùnadh suas 'na aghaidh ; agus a mheud 's gur e foillseachadh a ghràis an ni sònruichte a chuir Dia air thoiseach air féin, bha esan ann féin gu tur air a dhùnadh a mach uaith. Ach a nis, a bhi faicinn fireantachd iomlain air a h-uallachadh, agus gidheadh ro phailteas gràis air 'fhoillseachadh, tha so a' toirt anabarr toil-inntinn do'n anam ;—Dia a bhi 'buintinn ris a' pheacach gu h-iomlan o ghràs, agus r'a fhìrinn féin gu h-iomlan a réir ceart-

ais, tha so a' lionadh a smuaintean. Tha Dia anns gach àite a toirt dearbh-chinnte dhuinn gu bheil an fhireantachd so uile o ghràs. "Cha-n ann o oibribh ni's mò, ach o ghràs," Rom. xi. 6, mar a tha an t-abstol gu soilleir a' nochdad, Eph. ii. 7-9. Tha ullachadh na fireantachd so gu h-iomlan o shaoibhreas gràis agus caoimhneis. Tha i air a buileachadh oirnn gu h-iomlan o ghràs, cha-n ann idir o oibribh ; ged a tha i innle fein 'na fireantachd oibre, gidheadh dhuinne tha i gu h-iomlan o ghràs. Mar sin ann an Titus iii. 4-7, "Ach an uair a dh-fhoillsicheadh caoimhneas agus gràdh Dhé ar Slànuighir do dhaoinibh, cha-n ann o oibribh fireantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair fein shaor e sinn, tre ionnlad na h-ath-ghineamhunn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh ; a dhoirt e oirnn gu saoibhir, tre Iosa Criosd ar Slànnighear ; chum air dhuinn a bhi air ar fireanachadh tre a ghràs-san, gu'm bith-eamaid air ar deanamh 'nar n-oighreachaibh a réir dòchais na beatha maireannacha." Is e an tobar o'm bheil am frithealadh so uile 'g éridh, caoimhneas agus gràdh ; is e sin, *gràs*, rann 4. Tha dòigh a chomhpàirteachaidh, cha-n ann o oibribh fireantachd a rinn sinne, ach tre ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh, rann 5 ; is e meadhon buileachaidh an Spioraid, Iosa Criosd, rann 6 ; agus an obair ann fein uile o ghràs, rann 7. Tha na h-uile focal air a chleachdadh ann an so, ach ro bheag, leis am b' urraim saoibhreas ro phailt gràis, agus caoimhneis, agus tròcair, agus maitheis Dhé a bhi air an cur an céill, agus iad uile 'cuideachadh air aghaidh na h-oibre so. Mar : 1. A *mhaitheas*, a chaomhalachd, ullamhachd Dhé air a bhi 'ga chomhpàirteachadh fein agus na nithe maith a tha aige a dh' fheudas a bhi tarbhach dhuinn. 2. A *thròcair*, a ghràdh, aomadh a eridhe a dh' ionnsuidh 'bli cuideachadh, agus a fuasgladh orra-san air am bheil a ghràdh a' socrachadh. 3. *Tròcair a' mhaitheanais*, iochd, agus anmhuinneachd d'an taobh-san a tha 'fulang ; agus mar an ceudna fialaidheachd saor a mhaitheanais, agus gràdh neo-thoillteanach. Agus so uile trid-san a's e "Dia ar Slànuighair,"—tha e 'cleachdadh uile bhuadhan so a nàduir d'ar taobh chum ar tèarnadh ; agus ann a bhi 'ga bhuileachadh, tha e 'toirt an Spioraid Naoimh ann an rathad a bhi 'ga dhòrtadh a mach, mar uisge á soitheach, mar a tha am focal a ciallachadh, gun stad no briseadh a theachd air ; agus sin cha-n ann a réir tomhais bige, ach gu saoibhir, ann am pailteas : agus, a thaobh na h-oibre fein, theirear ann an so ann an rathad araidh, "Air ar fireanachadh tre a ghràs-san,"—gràs an Ti a tha mar so 'na

nàdur. Ann an so, ma seadh, tha naoimh Dhé a' deanamh mòr ghàirdeachais 'nan comh-chomunn ri Criod,—gu bheil an dòigh anns am bheil iad gabhta 'na fhianuis 'na dhòigh gràis, agus caoimhneis, agus tròcair, chum nach deanadh iad naill anna féin, ach anns an Tighearn agus 'na mhaitheas ag ràdh, "Cia mor do mhaitheas ! cia mòr do thoirbheartas !"

(4.) Tha iad a' moladh na fireantachd so, agus a' deanamh gairdeachais innse, mar *mheadhon sìthe ro mhòr agus tèaruit-eachd* d'an anamaibh féin. Tha cuimhne aca air an staid agus air a chor anns an robh iad am feadh a bha iad a' dol mu'n cuairt a' eur am fireantachd féin air chois, gun a bhi 'strìochdadadh do fhìreantachd Criod,—cia cho truagh as a bha iad air an luasgadh thuig agus uaith le smuaintaibh iom-chomhairleach, luaineach, gun tèmh. Air uairibh gu dòchaisach, misneachail, uairibh eile làn eagail ; air uairibh a' smuaineachadh gu'n robh chìsean gu maith maille riù, ach ann an tiotadh 'gam faotainn féin air dhearbh blruachaibh na h-ifrinn, air bhi d'an coguisibh air am pianadh agus air an reubadh le eiont agus eagal : ach a nis, "air dhoibh a bhi air am fireanachadh tre chreidimh tha sìth aca ri Dia," Rom. v. 1. Ann an so tha ciùine, agus scèimheachd, agus fois ; cha-n e mhain gu bheil an stoirm air dol seachad, ach tha iad féin anns a' chala 'bu mhiannach leò. Tha sìth sheasmhach aca ri Dia. Uaith so tha an t-iomradh sin air Criod air a dheanamh do'n anam bhochd, Isa. xxxii. 2. "Agus bithidh duine mar ionad-fasgaidh o'n ghaoth, agus mar dhìdein o'n doinninn ; mar shruthaibh uisge ann an àite tioram, mar sgàil creige mòire ann an tir airsnealich." Gaoth agus doinionn, tart agus airsueul,—ciod a nis a chuireas trioblaid air an anam ann an Criod ? tha didean agus ionad-fasgaidh aige, sruthan uisge agus sgàil creige mòire, chum a dhòn. Is i so diomhaireachd mhòr a' chreidimh anns a' ghnothach sin anns am bheil peacach gabhta le Dia :—gu bheil an creideach a' faotainn ni's leòir coimhcheangailte ris féin gu bhi eadhon a' reubadh sgairt a chridhe, agus 'ga lionadh le h-eagalaibh agus uamhunn agus iomaguin ré a làithibh uile, gidheadh ann an Criod gu bheil e ann an sìth iomlain ri Dia, Isa. xxvi. 3 ; Salm iv. 6-8. Do bhrigh so tha anama nan creideach ag àrd-mholadh an Tighearn Iosa, gu'm feud iad a nis amhare air gnùis Dhé le dànachd, le muinghin, le h-aoibhneas, le dearbhachd, agus sìth,—gu'm feud iad an Athair a ghairm dheth, an socrachadh féin air a ghràdh agusimeachd sios agus suas ann an sìth, gun eagal. Cia cho glòrmhor as a ta Mac Dhé anns a' ghràs so ! Tha cuimhne aca

air an t-searbhadas agus an domblas a dh' ith iad, air an fhion-geur a dh' bl iad le'n deuraibh ;—tha cuimhne aca air oilt-chrith an anama, mar dhuilleach a' chrithinn 'an luasgadh na gaoithe. Cia lion innleahd a bha iad a eleachdad, 'nuair a smuainicheadh iad idir air Dia, gu bhi 'gam folach féin o a ghnùis, agus gu bhi teieheadh air falbh as a shealladh ! Ach a nis, a bhi ann an tèaruinteahd agus 'an sìth, cionnus a tha so a' maothaehadh an eridhe !

(5.) Tha iad *a' moladh* na fireantachd so le'n uile chridhe, do bhrigh gu bheil i 'na meadhon àrdachaidh agus urramachaidh ro mhòir air an Tighearn Iosa, d'an d' thug an anaman gràdh. Air dhoibh aon uair eòlas 'fhaotainn air, cha-n' eil ni eile a' s miannaiche leò na gu'm bitheadh e air 'urramachadh agus air a ghilbraehadh gus a cheum a's àirde, chum àrd-eheannais a bhi aige anns na h-uile ni. A nis, cha-n' eil ni sam bith a ghineas urram do Chriosd ann ar eridheachaibh, cosmhuil ri aithne 'bhi againn air mar a rinneadh dhuinn e le Dia 'na "ghlioeas agus 'na fhìreantachd," 1 Cor. i. 30. Cha-n e gur e Criosd an earrann so no an earrann ud eile de ar sìth 'am fianuis Dé ; ach is e féin an t-iomlan. Tha fios aca, do bhrigh gu'n d' oibrich e an sìth ri Dia, gu bheil e,—

[1.] Air urramachadh leis an *Athair*. Phil. ii. 7-11, "Chuir se e féin ann an dìmeas, a' gabhal air féin cruth seirbhisich, air a dheanamh ann an eoslas dhaoine ; agus air dha 'bhi air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh' irioslaich se e féin, agus bha e ìmhul gu bàs, eadhon bàs a chroinn-cheusaidh. Air an aobhar sin dh' àrdaieh Dia e gu ro àrd mar an ceudna, agus thug e dha ainm os ceann gach uile ainm ; chum do ainm Iosa gu'n lùbadh gaeil glùn, de nithibh a tha air nèamh, agus de nithibh a tha air thalamh, agus de nithibh a tha fo'n talamh, agus gu'n aidieheadh gaeil teangadh gur e Iosa Criosd an Tighearn, chum glòire Dhé an Athar." Cò dhiu o tha am focal "air an aobhar sin" a' comharachadh *aobhair* anns na briathraibh so, no a mhain *toradh*, tha so soilleir, gu'n robh an Tighearn Iosa, do bhrigh 'fhlungas, agus mar chrieh nam fulangas sin, air 'urramachadh agus air àrdaehadh le Dia a dh' ionnsuidh àrd-eheannais, agus inbheachd, agus úghdarrais do-labhairt ; eadhon a réir geallaidh Dhé dha, Isa. liii. 11, 12 ; Gniomh. ii. 36, v. 30, 31. Agus uime sin theirear, "'nuair a għlan e ar peacaidhean troimh féin, shuidh e air deas láimh na Mòrachd anns na h-àrdaibh, Eab. i. 3.

[2.] Do bhrigh so tha e air 'urramachadh le uile *ainglibh nèimh*, eadhon do bhrigh na h-oibre mòire so trid am bheil e

'toirt pheacach a dh' ionnsuidh Dhé ; oir cha-n e mhain gu bheil iad a' cromadh sios agus a' mliannachadh a bhi 'g amhare a steach a dh' ionnsuidh dlomhaireachd a chroinn-cheusaidh, 1 Phead. i. 12, ach tha iad mar an ceudna a' toirt aoraidh agus molaidh dha a ghnáth air an aobhar so : Taisb. v. 11-14, "Agus chuala mi guth mhòran aingeal timchioll na rìgh-chaithreach, agus nam beathaichean, agus nan seanairean : agus b'e an àireamh deich mìle uair deich mìle, agus miltean de mhiltibh ; ag ràdh le guth arð, Is airidh an t-Uan a chaidh a mharbhadh air cumhachd, agus urram, agus glòir, agus moladh 'fhaotainn. Agus chuala mi guth uile chreutair a tha air nèamh, agus air an talamh, agus fo'n talamh, agus a tha air a chuan, agus na h-uile ni a tha annta, ag ràdh, Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd, gu robh dha-san a tha 'na shuidh air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal. Agus thubhairt na ceithir beò-chreutairean, Amen. Agus thuit na ceithir seanairean fichead sios, agus rinn iad aoradh dhasan a tha beò gu saoghal nan saoghal." Is e an t-aobhar a tha air 'ainmeachadh air son an naomh-laoidh iongantaich agus ghlòrmhoir so,—an t-urramachadh agus an glòrachadh so air Iosa Criosd le uile armaitl nèimh, eadhon, gur e an t-Uan e a bha air a mharbhadh ; is e sin, do bhrigh oibre ar saoraidh agus ar toirt a dh' ionnsuidh Dhé. Agus cha bheag an t-aobhar subhachais agus gairdeachais do anam-airbh nan naomh, fios a bhi aca gu bhéil uile ainglean Dhé, uile armaitl nèimh, nach do pheacaich riabh, a' deanamh gairdeachais gun támh, a' cliùthachadh agus a' moladh an Tighearn Iosa, air son gu'n d'rinn e iadsan a thoirt a dh' ionnsuidh Dhé ann an deadh-ghean agus 'an sìth.

[3.] Tha e air 'urramachadh le a naomhaile uile air feadh an t-suoghaile gu lèir ; agus gu cinnteach, mar bitheadh, cò a bheir-eadh urram dha ? Mar 'eil iad a' toirt urraim dha-san amhuil mar a bheir iad do'n Athair, is iad a's neo-airidh de na h-uile dhaoinibh. Ach faic eiod a tha iad a' deanamh, Taisb. i. 5, 6, "Dhasan a ghràdhdaich sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhibh 'na fhuil féin, agus a rinn rìghrean dhinn agus sagartan do Dhia agus d'a Athair-san ; dha-san gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen." Caib. v. 8-10, "Thuit na ceithir beò-chreutairean, agus na ceithir seanairean fichead sios an làthair an Uain, agus aig gach aon diubh clàrsachean agus tuis-shoithichean òir lèu de nitibh deadh-fhàile, nithe a's iad ùrnuighean nan naomh. Agus shéinn iad òran nuadh, ag ràhh, Is airidh thusa air an leabhar a ghlacadh, agus

a sheulachan 'fhosgladh, do bhrìgh gu'n do mharbhadh thu, agus gu'n do shaor thu sinne do Dhia le d' fhuil féin, as gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach; agus gu'n d' rinn thu rìghrean dhinn agus sagartan d'ar Dia: agus rìghichidh sinn air an talamh." Tha aoradh mòr agus naomh na h-eaglais Chriosdail a' coimh-sheasamh ann a bhi 'toirt urraim agus glòire do'n Tighearn Iosa: air an aobhar sin tha iad 'ga ghràdhachadh, 'ga urramachadh, agus a' gabhail tlachd ann; mar sin an t-abstol, Phil. iii. 8; agus a' chéile, Dàn Shol. v. 9-16. Agus sin do bhrìgh,—

(6.) Gu bheil iad le'n uile chridhe a' moladh na fireantachd so, agus an dòigh so anns am bheil iad gabhta le Dia, do bhrìgh a' ghlòir a tha 'g tiridh do Dhia uith. Am feadh a bha iad a' saothrachadh fo chionta peacaidh, is e a bha 'cur an anaman fo imcheist, gu'n robh an tèarnadh-san neo-fhreagarrach do ghlòir an Dé mhòir, air a mheud 's gu'n robh a cheartas, agus a dhìlseachd, agus 'fhìrinn, uile ann an comh-bhoinn chum sgríos a pheacaidh; agus cionnus idir a b' urrainn iad tèarnadh as gun dochann do ghlòir nam buadh sin, bha so 'am folach uatha. Ach a nis, tre fhoillseachadh na fireantachd so o chreidimh gu creidimh, tha iad a' faicinn gu soilleir gu bheil uile bhuadhan Dhé gu ro mhòr air an glòrachadh ann a bhi' frithealadh maithseanais, ann a bhi fireanachadh, agus a gabhail ri peacaich bhochda; mar a thug sinn a cheana fainear.

Is e so, ma seadh, an ceud rathad anns am bheil comh-chomunn làthail aig na naomhaibh ris an Tighearn Iosa Criosd anns a' chuid sin de ghràs coisinn te Chriosd anns am bheil iad gabhta le Dia: tha iad a' beachdachadh air, tha iad ag aontachadh ris, tha iad a' deanamh gairdeachais anns an rathad so anns am bheil iad a' sealbhachadh deadh-ghean Dhé, agus mar an ceudna anns an ni féin a tha iad a' sealbhachadh.

2. Tha *comh-iomlaid* air a deanamh leò ri Criosd a thaobh am peacaidhean féin agus 'fhireantachd-san. Tha earrannan fa leth coimhcheangailte ri so mar an ceudna:—

(1.) Tha iad a ghnàth a' cumail beò air an cridheachaibh *mothachaidh de'n chiont* agus de'n olc a tha anns a' pheacadh; eadhon an uair a dh' fheudas dearbh-bheachd comhfhurtail a bhi aca air gu bheil am pearsa gabhta le Dia. Tha dearbh-bheachd air maitheanas a' toirt air falbh an uamhuiinn agus an eagail a tha coimhcheangailte ris a' pheacadh, gidheadh cha-n'eil e 'toirt air falbh mothachaidh ceirt de' n chiont a tha ann. Is e cleachdadh lathail nan naomh a bhi 'beachdachadh a bhros-

nachaidh mhòir a tha anns a' pheacadh,—am peacaidhean fèin, peacadh an nàduir agus peacadh an cleachdaidh ; chum a bhi air an deanamh gràineil 'nan scalladh fèin air a shon ; is e an cleachdad a bhi 'ga thoirt ri aghaidh uamhais an Tighearna, agus a bhi 'toirt breth mar so orra fèin a ghnàth. Tha iad a' deanamh so gu coitehionn. "Tha mo pheacadh a' m' lèathair a ghnàth," deir Daibhidh. Tha iad a' cur a' pheacaidh 'nan lèathair fèin, cha-n ann chum eagail agus geilt a chur air an anamaibh, ach a chum gu'm bitheadh mothachadh ceart de'n oile a tha ann air a chumail beò air an eridheachaibh.

(2.) Tha iad a' cruinneachadh nam peacadh sin 'nan smuaintibh mu nach robh fathast *gnothach àraighe* deanta eadar iad fèin agus Dia ann an Criod, no, ma's e 's gn'n do thoisich iad air, nach d' thug an obair fathast gu h-lre mar bu ehòir. Chan'eil ni sam bith a's eagalaiche na duine a bhi comasach a chiont a chnàmh gu socaireach ;—am peacadh a bhi 'g amhare air anns an eudann, agus, theagamh, a' labhairt bhriathran eagalach ris, gidheadh a bhi comasach a chur a thaobh le mairnealachd agus mi-chùram, gun a bhi teachd a dh'ionnsuidh deuchainn dhileas leis, a thaobh a staid agus a shuidheachaida coimhecheangailte ris. Is e so, ma seadh, cleachdad a nan naomh :—tha iad a' cruinneachadh am peacaidhean r'a chéile, 'gan cur ann am meidhibh an lugha, a' toirt fainear agus a' beachdachadh an uamharrachd agus an droch thoillteanais ; agus 'an sin,—

(3.) Tha iad a' deanamh na coimh-iomlaid sin ri Criod a dh' ainmlich sinn ; is e sin,—

[1.] Tha iad a' creidsinn gu'n do ghiùlain Iosa Criod, a réir toil agus suidheachaidh an Athar, peanas nam peacadh sin air an son, a tha a nis a' seasamh suas r'an aghaidh ; agus tha iad gu dùrachdach a' toirt fainear, agus tre chreidimh a' faotainn buaidh air na h-uile cunnuil mhi-chreideach a tha 'eur 'an aghaidh sin, Isa. liii. 6 ; 2 Cor. v. 21. Rinn e ceartas Dé cho cinnteach a riarrachadh air an son as ged a bhitheadh am peacach fèin, anns an dearbh thiotadh sin fèin, air a thilgeadh sios do ifrinn air an son.

[2.] Tha iad ag éisdeachd ri guth Chriosd 'gan euireadh d'a ionnsuidh fèin le'n uallaichibh, "Thigibh a' m' ionnsuidh-sa, sibhse uile tha ri saothair, agus fo throm uallach. agus bheir mise suaimhneas dhuibh ;"—"Thigibh le'r n-uallaichibh ; thig, anam bhochd, le do chiont peacaidh." C' uime, Thighearna ? ciod a dheanamh ? "C' uime, deir Criod, is iad sin mo chuid-sa ; an còrdadh so rinn mise ri m' Athair, gu'n tiginn, agus gu'n gabhainn do chuid-sa peacaidhean, chum an giùlan air falbh :

b' iad sin mo chrannechur. Thoir d' uallach agus do pheacaidh-ean thairis dhomh-sa. Cha-n'eil fios agad-sa ciod a ni thu riù ; ach is maith is aithne dhomh-sa eionnus a ni mi am buileachadh, eionnus gu'm bi Dia air a ghlòrachadh, agus d' anam-sa air a thèarnadh." Air a so,—

[3.] Tha iad a'leagadh sios *am peacaidhean aig crann-ceusaidh Chriosd*, air a ghuailibh féin. Is e so ionnsuidh mòr agus misneachail a' chreidimh, an t-anam a bhi 'ga thilgeadh féin, aig crann-ceusaidh Chriosd, air gràs, agus dilseachd, agus firinn Dhé, ag ràdh, "Ah ! nach do bhruthadh e air son m' aingidh-eachd ? nach do lotadh e air son mo pheacaidh ? nach do leagadh air-san smachdachadh mo shìthe ? Seadh, rinneadh e 'na pheacadh air mo shon. Ann an so bheir mi suas mo pheacaidhean dha-san a tha comasach an giùlan air falbh. Is e so a ta e 'g iarraidh aig mo làmhaibh, gu'm bithinn toileach gu'n gabhadh e féin os làimh iad ; ni ris am bheil mi ag aontachadh le m' uile chridhe." Is i so obair na h-uile là ; cha-n aithne dhomhsa eionnus a dh' fheudas sith ri Dia a bhi air a gleidheadh as 'eughnais. Ma 's e gnìomh an anama a bhi gabhail ri Chriosd, mar a rinneadh e 'na pheacadh air ar son, feumaidh sinn gabhail ris mar neach a tha galhail ar peacaidhean air féin. Cha-n ann mar gu'm bitheadh e a' fulang no a' bàsachadh a'ris ; ach mar a bha creidimh nan naomh fo'n t-Sean-tiomnidh a' toirt sin 'am fagus doibh, agus fa chomhair an sùl, nach robh fathast air a choimhlionadh, Eabb. xi. 1, is amhui sin a tha creidimh a nis a' toirt sin 'am fagus a bha air a choimhlionadh o chionn iomadh ginealach. Is e so aithne bhi againn air Croisd agus esan air a cheusadh.

[4.] Air dhoilbh mar so am peacaidhean a thoirt suas tre chreidimh do Chriosd, agus a bli 'faicinn Dhé 'gan leagadh uile air, tha iad a nis a' tarruing 'am fagus, agus a' gabhail na fir-eantachd sin naith a dh' oibrich e air an son ; agus mar sin a' coimhlionadh an ni sin a labhair an t-abstol, 2 Cor. v. 21, "Rinneadh esan do nach b' aithne peacadh, 'na iobairt-pheacaidh air ar son-ne, chum gu'm bitheamaid air ar deanamh 'nar fireantachd Dhé annsan." Tha iad a' beachdachadh air 'ga thairgse féin agus 'Thìreantachd dhoibh, chum a bhi 'na fireantachd air an son fa chomhair Dhé ; tha iad 'ga ghabhail, agus a dùnadh ris ann, agus mar sin a' coimhlionadh iomlaid agus malairteachaidh beannichte so a' chreidimh. Tha diom, agus mallachadh, agus fearg, agus bàs, agus eiont, air an gabhail gu léir leis-san, agus air an giùlan air falbh. Gach ni a bhuiteas

dhuinn de'n nàdur so tha sinn a' fagail aige, agus a' faotainn uaith graidh, agus beatha, agus fireantachd, agus sìthe.

Cunnuil. Ach feudaidh neach a ràdh, "Is cinnteach nach urrainn an dòigh cleachdaidh so a bhi taitneach do Chriosd. Ciod ! an e gu'n tig sinne gach là d' a ionnsuidh le ar salachar, ar ciont, agus ar peacaidhean ? Nach e a their e ruinn an gleidheadh againn féin, gur e ar euid féin iad ? An e gu'm bi sinne a ghnàth a' tabhairt pheacadh, agus a' faotainn fireantachd ?"

Freagradh. Cha-n'eil ni sam bith eile anns am mò am bheil do thoil-inntinn aig Iosa Criod, na gu'm bitheadh a naoimh a ghnàth ann an cleachdadhl a' chomh-chomunn so ris, ann an tabhaint agus ann an gabhail. Oir,—

1. Tha so *gu ro mhòr a' cur urraim* air, agus a' toirt dha na glòire sin a's dligheach dha. Tha iomadh, gu cinnteach, a their ris, "A Thighearn, a Thighearn," agus a tha 'deanamh luaidh air 'ainm, gidheadh nach 'eil idir a' cur urraim air. Agus cionnus sin ? Tha iad a' toirt'oibre féin as a làmhaibh, agus 'ga cur as leth nithe eile ; tha an euid féin aithreachais, agus an euid dleasannas, a' giùlan an euid aingidheachd. Cha-n i so cainnt am beul ; ach is e so an cleachdadhl. Ma tha comhionmlaid idir deanta le a thaobh peacaidh, 's ann riù féin, r'an anamaibh féin. B'e obair Chriosd ann an teachd chum an t-saoghal a bhi "giùlan ar n-euceartan," agus 'anam féin a thoirt 'na éiric air son ar peacaidhean. An cupan sin a dh' bl e, bha e air a lionadh suas le ar peacaidhibh, a thaohh a' pheanais a bha dligheach dhoibh. Ciod, ma seadh, an t-eas-urram a's mò a dh' fheudas a bhi air a thoirt do'n Tighearn Iosa, na bhi 'cur na h-oibre so as leth ni sam bith eile, agus a bhi smaoineachadh a bhi air ar cur saor o'n pheacadh air dhòigh sam bith eile ? Ann an so, ma seadh, tha Criod, tha sinn ag ràdh, air urramachadh da rireadh, nuair a theid sinn d'a ionnsuihh tre chreidimh le ar peacaidhibh, agus a their sinn ris, "A Thighearna, is i so d' obair féin ; is i so erloch do theachd chum an t-saoghal ; 'se so an ni a ghabh thu os laimh a dheanamh. Tha thu 'gairm air son m' uallaich, a tha ni's truime na gur urrainn mi a ghiùlan ; gabh e, Fhir-saoraidh bheannaichte. Tha thu 'tairgse dhomh d' fhìreantachd ; is e sin mo chuid agus mo chuibhrionn." Is ann 'an sin a tha Criod air 'urramachadh, agus glòir na réite air a cur as a leth, 'nuair a dh' imicheas sinn maille ris anns a' chomh-chomunn so.

2. Tha so *gu ro mhòr a' cosnadh gràidh anama nan naomh*

dha, agus 'gan co-éigneachadh gu bhi 'cur meas air féin, air a ghràdh, air 'fhìreantachd, agus air a ghràs. Agus, gu cinnteach, ni iad sin, an uair a tha cleachdadhlàthail a' chomh-chomuinn so air 'fhaotainn leò. Cò nach tugadh gràdh *dha*? "Bha mise," deir an t-anam bochd, "maille ris an Tighearn Iosa, dh' fhag mi mo pheacadhean agus m' uallach aige; agus rinn e mo chòmhdaich le 'fhìreantachd, anns an tig mi am fagus do Dhia le dànanachd. Bha mi *marbh*, ach a nis tha mi *beò*, oir fluair e bàs air mo shon; bha mi *mallaichte*, ach a nis tha mi 'sealbhachadh a' *bheannachaidh*, oir rinneadh esan 'na *mhallachadh air mo shon*; bha m' anam 'an àmhghar, ach a nis tha *sìth* agam, oir leagadh air-san smachdachadh mo shithe. Ciod a dheanainn, cha robh fios agam, no c'ait an giùlaininn mo *dholgrios* air falbh; ach annsan tha m' anam air 'factainn *aoibhneis a tha air dol thar labhairt agus làn de ghàidhlig*. Mar dean mi nis a ghràdhachadh, mar bi mo thlachd ann, mar bi mi ùmhal da, mar bi mi *beò* dha, mar bàsaichinn air a shon, is miosa mi na na deamhain a tha 'san t-slochd." A nis is e dùn mòr Chriosd anns an t-saoghal gu'm bitheadh an t-aite a's àird aige ann an eridhachailh agus ann am meas a' phobuill, an t-àrd-cheannas a bhi aige ann an sin, mar a tha e aige ann féin anns na h-uile ni,—cha-n ann air 'utagachadh sios agus suas 'am measg nithe eile, ach a bhi na h-uile, anns na h-uile. Agus mar so tha naoimh Dhé air an deanamh ullamh chum meas a bhi aca air, air dhoibh teachd a steachd anns a' chomh-chomunn so maille ris.

Cunnuil. Seadh, ach their thusa, "Ma tha so mar so, ciod am feum a tha dhuinne *aithreachas agus ath-leasachadh a dheanamh?* ciod a tha r'a dheanamh ach a dhol a dh' ionnsuidh Chriosd tre chreidimh, a dheanamh na h-iomlaid so ris: agus mar sin feudaidh sinn peacachadh, chum gu'm meudaichear gràs."

Freagradh. Cha-n'eil sinn a' toirt breth air pearsa neach sam bith; ach so feumaidh sinn a ràdh, nach 'eil sinn a tuigsinn cionnus a's urrainn *flor aithne bhi aig neach sam bith air Iosa Criost, a tha toirt àite do'n chunnuil so*, nach 'eil aon chuid 'an sàs ann an liontabh a bhuairidh, no air seacharan fo neul dorchadais: tha sinn, co dhiu, cinnteach à aon ni, gu bheil an comh-chomunn so ann féin a' giúlan thoraidhean a tha gu h-iomlan eadar-dhealaichte o'n chunnuil so. Oir,—

1. A thaobh aithreachais; tha sinn a' meas gur e aithreachas soisgeulach a tha air a chiallachadh. A thaobh an aithreachais-

laghail agus thràilleil sin, a tha làn eagail, agus uamhuinn, agus oillt, agus féin-ghràidh, agus àmhluidh roimh ghnùis Dé, tha sinn ag aideachadh gur ann a tha an comh-chomunn so 'ga thoirt air falbh, 'ga bhacadh, 'ga thilgeadh a mach, maille ris an daorsa agus an t-eagal a tha coimhcheangailte ris ; ach a thaobh an aithreachais shoisgeulaich, a tha 'coimh-sheasamh ann am bròn diadhaidh os ceann peacaidh, agus ann an treigsinn a' pheacaidh,—aithreachas a tha 'sruthadh o chreidimh, o ghràdh, agus o ghràin do'n pheacadh, do bhrìgh e 'bhi 'an aghaidh an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, an aghaidh lagh' agus soisgeil,—tha e mi-chomasach, tha sinn ag ràdh, gu'm bitheadh an t-aithreachas so air a bhacadh leis a chomh-chomunn so ri Criod. Chuir sinn a cheana an céill gu bheil stéidh a chomh-chomuinn so air a leagadh ann am beachdachadh domhain agus suidhichte gach là air a' pheacadh, 'na chiont, 'na ghràineileachd, agus air ar gràineileachd fein do bhrìgh peacaidh ; gu bheil mothachadh air an ni so gu bhi air a chumail beò air eridheachaibh nan uile leis am miann an comh-chomunn so ri Criod a shealbhachadh : as eugmhais so cha bhi meas ac' air Criod. A nis, cionnus a tha e comasach gu'm bitheadh an creideach gach là a' lionadh a chridhe le smuaintibh mu ghràineileachd a' pheacaidh air gach laimh,—'na uamharrachd an aghaidh lagh' agus soisgeil, an aghaidh gràidh agus gràis, 'na thruaighihih anns a' bheatha so, agus 'na uamhasaibh anns a' bhàs, agus a' gabhail gràin de 'féin air a shon,—cionnus a dh' fheudas so uile a bhi 'faotainn coimhlionadh, agus e 'bhi 'na choigreach do'n bhròn diadhaidh? Is e so anns am bheil iad a' dol iomrall,—tha stéidh a' chomh-chomuinn so air a leagadh anns an dearbh ni sin a tha iadsan a' meas a chuireadh bun os ceann leis.

2. Ach ciod a their sinn a thaobh *ùmhlachd*? "Ma tha Criod mar so air a ghlòrachadh agus air 'urramachadh ann an gabhail ar peacaidhean, mar is mò a bheir sinn d'a ionnsuidh, is ann is mò a ghlòraicheadh e." Cha smuainicheadh neach gu'm bitheadh an cunnuil so air a cur air a bonn, mar bitheadh an Spiorad Naomh, d'an aithne ciod a tha anns an duine, air a togail air an son, agus 'nan ainm, Rom. vi. 1-3. Air do'n teagasc cheudna sin air an robh sinn a' labhairt a bhi air a chur 'an céill leis an abstol, caib. v. 18-20, tha an cunnuil ceudna so air a gnàthachadh 'na aghaidh : agus d'an taobh-san a tha 'meas gu bheil cudthrom air bith intte, dheanamaid an treòrachadh a dh' ionnsuidh freagraidh an abstoil anns a' chaibideil sin ; agus mar an ceudna a dh' ionnsuidh na chaidh a labhairt a cheana a

thaobh neo-sheachantachd ar n-ùmhachd, eadhon ged a tha fireantachd Chriosd air a meas dhuinn.

Ach their thu, "Cionnus a tha sinn gu dhol 'an ceann an dleasannais so? ciod iad na meadhonan a tha sinn gu bhi gnàthachadh?"

Tha tri dòighibh àraidh anns am bheil an creidimh 'ga chleachdadadh féin ann :—

(1.) Ann am *beachd-smuaineachadh*. Tha an cridhe a' dol thairis 'na smuaintibh air na nithibh sin a thugadh fainear, air uairibh a' gabhail gach earrann air leth, air uairibh 'gan gabhail maraon, a nis a' socrachadh air aon ni, agus a rìs air ni eile, agus air uairibh a' dol thairis air an iomlan. Tha an t-anam, theagamh, aig aon àm, a' beachdachadh gu sònruichte air a nàdur peacach féin, agus 'ga chur féin fo näire agus féin-ghràin air e shon; air uairibh tha e air a lionadh le smuaintibh mu fhìreantachd Chriosd, agus le h-aoibhneas do labhairt agus làn de ghlòir do bhrìgh sin. Gu h-àraidh aig amaihb sònruichte, 'nuair a tha e air a chràdh agus air 'uallachadh le dearmad a chridhe féin, no le briseadh a mach na truallidheachd a tha ann, theid an t-anam 'an sin thairis air an obair gu léir, agus mar sin a' cur thuig a ghnothach gu h-ìre bhuidhaich maille ri Dia, chum a bhi 'togail na sìthe a dh' oibrich Chriosd air a shon.

(2.) Ann am beachdachadh air, agus a' *rannsachadh ann an geallaichibh* an t-soisgeil, anns am bheil na nithe so gu léir air an cumail a mach :—oirdheirceas, lànachd, agus uile-fhreagarachd fireantachd Chriosd, gach uile fhìreantachd meallta air a chur air cùl, agus an comh-ionlaid sin a tha deanta ann an gràdh Dhé; air an do labhradh a cheana.

(3.) Ann an *ùrnuigh*. Anns an dleasannas so tha an anaman a' dol thairis air an obair so gach aon là; tha an comh-chomunn so, ma seadh, aig uile naoimh Dhé ris an Tighearn Iosa, a thaobh a ghràis sin anns am bheil iad gabhta le Dia; an ceud ni sin a bha r'a thoirt fainear.

CAIBIDEIL IX.

Air comh-chomunn ri Criod ann an naomhachd—Na gniomharan fa leth a tha air an cur as leth Chriosd ann :—I. 'Eadar-ghuidhe ; 2. A' cur an Spioraid ; 3. A' buileachadh bith nan gràs—Ciod e sin, agus ciod anns am bheil e a' coimh-sheasamh—So air a chosnadh le Criod ; air a bhuleachadh leis—Air gràs cleachdailh—Cionnus a tha na naoimh ann an cleachdadhl comh-chomuinn ri Criod anns na nithibh so ; air a nochdadhl ann an nithibh fa leth.

II. Tha sinn a nis anns an ath àite gu bhi 'toirt fainear ar comh-chomuinn ris an Tighearn Iosa ann an gràs sin na naomh-achaidh agus a' ghlanaidh, air an d' rinneadh iomradh a cheana, anns gach ceum agus edar-dhealachadh fa leth a bhuiteas dha. Agus ann a bhi 'deanamh so, leanaidh sinn an t-òrdugh sin a bha againn ; agus nochdaidh sinn,—1. Ciod iad *cleachdailhean* àraidh an Tighearn Iosa Criod a thaobh a' chomh-chomuinn so ; agus, 2. Ciod e dleasanns nan naomh ann. Ann an aon fhocal,—Cionnus a tha comh-chomunn againn ri Criod ann an *naomhachd*, cho maith ri comh-chomunn a bhi ris ann am *fìreantachd* ; agus sin gu h-aithghearr :—

1. Tha cleachdailhean air leth air an cur as leth Chriosd a thaobh an ni so ; mar,—

(1.) 'Eadar-ghuidhe ris an Athair, air bonn a thabhartais as leth a chuid fèin, gu'm builicheadh e' orra an Spiorad Naomh. Ròghnaich sinn töiseachadh ann an so, air dhuinn labhairt a cheana mu'n tabhartas fèin ; air modh eile, tha na h-uile ni r'a lorgachadh suas a dh' ionnsuidh na tobrach sin. Is ann 'an sin a tha stéidh na h-uile tròcair spioradail air a leagadh ; mar a bheir sinn mar an ceudna fainear an déigh so. A nis, tha an Spiorad Naomh, mar a tha e na Spiorad gràis, agus naomhachd, agus comhfurtachaidh dhuinne, de chosnadh Chriosd air ar son. Is e so, a thaobh brigh, gealladh mòr a' choimhcheangail nuaidh, Esec. xi. 19, "Cuiridh mi spiorad nuadh an taobh a stigh dhuibh ;" mar sin mar an ceudna, caib. xxxvi. 27 ; Ier. xxxii. 39, 40 ; agus iomadh àite eile, mu'n labhair sinn 'an déigh so. Is e Criod eadar-niheadhonair agus "urras a' choimhcheangail nuaidh" so, Eabh. vii. 22, "Rinneadh Iosa 'na urras air coimhcheangal a's fearr." Is esan a ghabh os làimh air taobh Dhé agus air taobh dhaoine : air taobh *dhaoine*, *chum riarrachaidh a thabhairt*; air taobh *Dhé*, *chum a bhi buileachadh*

gràis a' gheallaidh; mar ann an caib. ix. 15; “Agus air a shon so is esan eadar-mheadhonair an tiomnaidh-nuaidh, ionnus tre fhulangas a bhàis, chum saorsa nan euceart a bha fo'n cheud thiomadh a chosnadhl, gu'm faigheadh iadsan a tha air an gairm gealladh na h-oighreachd shiorruidh.” Thug e araon riachadh air son peacaidl agus rinn e an gealladh a chosnadhl. Tha e 'faotainn a' ghràidh agus a' chaoimhneis sin gu léir a tha 'nan toraidhibh a' choimhcheangail, air dha féin a bhi an ceud ghealladh a ta ann, Gen. iii. 15; air do'n iomlan a bhi “air a shuidheachadh anns gach ni,” 2 Sam. xxiii. 5, chum gu'm bitheadh fuigheall a thoraidhean air 'thaotainn gu léir uaith-san, gu'm bitheadh iad an crochadh air, agus air an cosnadhl leis, chum “gu'm bitheadh aige àrd-cheannas anns na h-uile,” Col. i. 18; a' réir a' chomh-chòrlaidh sin a rinneadh ris, Isa. liii. 12. Tha toraidhean a choimhcheangail gu léir, ma seadh, 'nan luach cosnaidh fola Chriosd; agus uime sin an Spiorad mar an ceudna, mar a tha e 'na ghealladh anns a' choimhcheangal sin, 1 Cor. i. 30. A nis, tha toradh agus cosnadhl a bhàis gu léir air a fhrithealadh o'n Athair tre eadar-ghuidhe Chriosd. Gheall e d'a dheisciobluibh, Eoin xiv. 16-18, gu'n leanadh e suas an obair a ghabh e os làimh air an son, agus gu'n guidheadh e an t-Athair air son an Spioraid, mar thoradh a chosnaidh. Uime sin tha e 'g innseadh dhoibh nach guidhe e an t-Athair air son a ghràidh dhoibh, do bhrìgh nach e gràdh siorruidh an Athair *toradh* cosnaidh Chriosd, ach *tobar* a chosnaidh: ach an Spiorad, is toradh a chosnaidhe; “air a shon-san,” a deir Criod, “guidhidh mi an t-Athair.” Agus ciod air bith ni a tha Criod mar eadar-mheadhonair a' guidhe air an Athair a bhuiileachadh oirnn, is earrann sin d'a chosnadhl, Salm ii. 8; Isa. liii. 12,—ni a thugadh dha ann an gealladh, air dha gabhail os làimh toil Dé a choimhlionadh. Agus is e so an ceud ni a tha r'a bheachdachadh anns an Tighearn Iosa, a thaobh comhpàirteachaidh Spioraid na naomhachaidd agus a' ghlanaidh, an ceud ni a tha r'a bheachdachadh ann an comh-chomunn ris ann,—gu bheil e 'g eadar-ghuidhe ris an Athair, gu'm bitheadh an Spiorad air a bhuiileachadh oirnn mar thoradh a bhàis as ar leth. Is e so an dàimh anns am bheil Spiorad na naomhachd, mar a tha e air a bhuiileachadh oirne, a' seasamh do'n réite a rinn Criod. Is e Criod stéidh mòr coimhcheangail nan gràs; air dha a bhi air òrduchadh o shiorruidheachd agus air a thabhairt gu saor chum a bhi 'cosnadhl nan nithe maith sin gu léir a tha ann. Agus air dha gealladh an Spioraid Naoimh 'fhaotainn, Gniomh. ii. 33,

tha e 'ga dhòrtadh a mach air a chuid féin. Tha an creidimh a' beachdachadh air so, agus 'ga thoirt fainear. Oir,—

(2.) Air do Chriosd freagradh 'ùrnuigh 'fhaotainn, oir tha an t-Athair "a ghnàth ag éisdeachd ris," tha e 'cur an Spioraid chum còmhnuidh a dheanamh ann an eridheachaibh a naomh 'na ionad féin, chum a bhi coimhlionadh anna agus air an son na h-uile ni a tha aige féin r'a dheanamh. Ann an so, anns an dara àite, tha Criosd r'a bhi air a bheachdachadh tre chreidimh; agus sin cha-n ann a mhain a thaobh ceud bhuileachaidh an Spioraid ann ar eridheachaibh, ach mar an ceudna ann a bhi 'ga leasachadh annainn a ghnàth, a' tarruing a mach agus a' beothachadh suas għluasadan an Spioraid a tha chòmhnuidh annainn a dh'ionnsuidh beò-chleachdaidh ni's ro éifeachdaich. Uaith so, ged a tha e 'g ràdh, Eoin xiv. 16, gu'n toir an t-Athair dhoibh an comhfhurtair, do bhrigh am priomh fhrith-ealadh àrd-uachdranach a bhi 'na làmhaibh, agus do bhrigh gu bheil e teachd a mach uaith tre eadar-ghuidhe Chriosd; gidheadh, a chionn nach 'eil e air a bhuiileachadh oirnn gu neomheadhonach o làimh an Athar, ach, mar gu'm b'ann, air a dheanamh thairis do làimh Chriosd air ar son, tha e uime sin ag ràdh, caib. xv. 26, "An Comhfhurtair a chuireas mise do 'ur n-ionnsuidh o'n Athair;" is e sin, a thaobh dearbh bhuiileachaidh an Spioraid, tha e teachd o làimh Chriosd féin. Tha esan 'ga fhaotainn o'n Athair, agus 'an sin 'ga chur a dh'ionnsuidh a naomh. Mar sin, caib. xvi. 7, "Cuiridh mi esan." Agus ann an rainn 14, 15, tha e 'nochdadhl cionnus a chuireas se e. Eheir e dha de 'chuid féin chum a bhuiileachadh orra : "Gheibh e de m' chuid-sa (mo chuid-sa ann an rathad sònruichte,—mo chuid-sa, mar eadar-mheadhonair,—toradh mo bheatha agus mo bhàis a chum naomhachd), agus nochdaidh e dhuibh-sa e." Ach labhraidh sinn air na nithibh so an déigh so. Is e so, ma seadh, an dara ni a tha an Tighearn Iosa Criosd a' deanamh, agus a tha ri bhi air a bheachdachadh ann :—Tha e 'cur a Spioraid Naoimh féin a dh'ionnsuidh ar eridheachan; neach a's e ëughdair éifeachdach ar naomhachaidh agus ar naomhachd gu léir,—a' beothachadh, a' soillseachadh, agus a' glanadh anama nan naomh. Chuir sinn 'an céill a cheana ann an leabhar eile cionnus a tha ar n-aonadh ri Criosd, maille ris gach sochair a tha coimhcheangailte ris, a' sruthadh o chomhpáirteachadh so an Spioraid ruinn chum còmhnuidh a dheanamh maille ruinn agus annainn; anns am bheil an ni so uile mar an ceudna air 'fhosgladh suas ni's farsuinne. Tha so, ma seadh,

ri bhi air a bheachdachadh ann tre chreidimh, a thaobh an Spioraid féin.

(3.) Tha sin ann ris an abair sinn an *cruthachadh nuadh*; 'se sin, toradh an Spioraid,—an spiorad sinn a tha air a bhreith o'n Spiorad, Eoin iii. 6. An ni sin a tha air a bhreith o'n Spiorad Naomh, no air 'oibreachadh leis, ann an eridhe no ann an anam an duine anns an ath-ghineamhuinn, an ni sin a tha 'deanamh creutair nuaidh dheth, is spiorad e,—is spiorad e mu choinnimh na feòla, no an naimhdeis sin a tha annainn a thaobh nàduir 'an aghaidh Dhé. Is e a th'ann creidimh, gràdh, aoibhneas, dòchas, agus uile ghràsan eile an t-soisgeil, a thaobh am freumh no am bith choitchionn, agus mu'm bheil an dà ni so r'a thoirt fainear:—

[1.] Ged a tha iomadh gràs eadar-dhealaichte air an ainmeachadh, gidheadh cha-n'eil iomadh freumh no bith eadar-dhealaichte annainn coimh-fhreagarrach riu sin; ach a mhain an t-aon bhith spioradail 'ga chleachdadhl féin ann an gnìomharaibh no air dhòighibh eadar-dhealaichte a réir nan cuspair fa leth air am bheil a chleachdadhl a' dol a mach: agus mar sin tha e 'faotainn ainn eadar-dhealaichte, cha'n ann a thaobh a *bhith* anns an anam, ach a thaobh a *chleachdaidh*, air a chuspairibh fa leth; is e aon fhreumh a tha 'giulan nan geug eadar-dhealaichte so.

[2.] Is e so a tha sinn a' eiallachadh leis a' chruthachadh nuadh so,—*bith, no beatha nuadh, gràsmhor, agus spioradail, air a chruthachadh, agus air a bhuleachadh air an anam, tre'm bheil e air 'ath-nuadhachadh 'na uile bhuidheanibh agus aignidhibh, agus mar sin air 'uidheamachadh agus air a deeanamh comasach a bhi 'g inneachd a mach ann an slighe na h-ùmhlaechd, do gach aithne dhiaulhaidl a chuireadh r'a aghaidh, u réir inntinn Dhé.* Mar eisempleir: Tha an inntinn a' breitheachadh nithe spioradail air mhodh spioradail; agus ann an deanamh sin is *solas* e. Tha uile bhuidhean an anam' a' dùnadh ri Criod, mar a tha e air 'fhoillseachadh ann an geallaidhibh an t-soisgeil, air son fireantachd agus sláinte; agus ann an sin is *creidimh* e; agus do bhrigh gur e so am prìomh chleachdadhl gràis anns an anam, tha an t-iomlan gu tric air 'ainmeachadh air. Mar sin a rìs, an uair a tha e foiseachadh air Dia ann an Criod, le tlachd, agus togradh, agus toil-inntinn, is *gràdh* e; an cleachdadhl gràis sin a tha freagarrach do uile bhuidheanibh ar n-anama air son na h-uile gnìomh beò agus spioradail, a réir am feum' nàdurra fa leth. A nis tha so ag eadar-dhealachadh,—

Anns a' cheud àite,—O Spiorad Chriosd a tha 'chòmhnuidh anns na naomhaibh ; oir is gnè cruthaichte 'tha ann. Tha an Spiorad a chòmhnuidh annainn mar flear-oibreachaidh saor ann an àite-còmhnuidh naomh. Tha an cruthachadh nuadh so, mar ghnè, a' fantuinn annainn, mar na àite-còmhnuidh freagarach féin, agus aig nach 'eil bith dealachte o'n anam anns am bheil e, agus a dh'fheudas a bhi air a leasachadh no air a bhacadh ann an iomadh dòigh agus tomhas.

Anns an dura àite,—Tha e 'g eadar-dhealachadh o ghràs cleachdaidh, a tha caochlaidheach. Is e a th'ann an gràs cleachdaidh, éifeachd agus cuideachadh diadhaidh air a fhrith-ealadh, ann an rathad a bhi 'g oibreachadh gnìomh' no dleasannais spioradail air bith ann agus leis an anam, nach robh idir ann roimh an dleasannas, agus nach d'fhan air dha bhi air a choimhlionadh, "Dia ag oibreachadh annainn araon an toil agus an gnìomh." Ach tha bith nan gràs a ghnàth 'chòmhnuidh annainn, a' fagail an anama 'na fhonn freagarrach air son gach gnìomh naomh agus spioradail a choimhlionadh, a dh'fheudas a bhi air iarraidh aig ar làmhaibh, fo fhrithealachadh gràis cleachdaidh. Agus,—

Anns an treas àite,—Feulaidh e bhi air a mheuduchadh agus air a lughdachadh, mar a bha air 'ainmeachadh. Tha e ni's mò agus ni's éifeachdaich ann an euid na ann an euid eile; seadh, anns an neach cendna, tha e ni's mò aig aon àm na tha e aig àm eile. Agus uaith so tha iomradh againn cho tric anns na Sgriobtuiribh air bàsachadh, air erionadh, air milleadh, air gearan, air ath-bheothachadh, agus air aoibhneas.

Air dhuinn na nithe so a roimh-bheachdachadh mu nàdur a' chruthachaidh nuaidh, bheir sinn a nis fainear ciod a tha sinn gu bhi beachdachadh anns an Tighearn Iosa d'a thaobh, chum ar comh-chomuinn a bhi ris ann,—ciod iad na nithe sin a tha deanta leis d'a thaobh?—

Mar a thubhaint sinn mu'n Spiorad, mar sin, *anns a' cheud àite*, tha sinn ag rádh a thaobh so, is ann de *chosnadh Chriosd* e, agus tha e gu bhi air a bheachdachadh mar sin. "Thiodhlaiceadh dhuinne air son Chriosd creidsinn ann," Phil. i. 29. Tha an Tighearn, air son Chriosd, a' buileachadh creidimh oirnn, do bhrigh e bhi air a chosnadh leis air ar son, agus—a réir an riaghailte ceudna—na h-uile gràs eile. "Bheannaich e sinne leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh nèamhaidh ann an Criosd," Eph. i. 3. "Ann an Criosd;" is e sin, ann agus trid na réite sin a rinn e air ar son. Tha

tabhartas agus eadar-ghuidh Chriosd aig iochdar an fhrith-ealaidh so. Mar bitheadh gràs air a chosnadh leis d'an trid, cha bhithheadh anam gu bràth a shealbhacheadh e. Tha na h-uile gràs a teachd o'n tobar so. Agus ann a bhi 'ga fhaotainn o Chriosd, is éigin duinn ar stùl a chumail a ghnàth air ciod a chosd e dha. 'Nuair nach 'eil so deanta, tha creidimh air a lagachadh 'na chleachdaidhean àraidh féin. Tha eadar-ghuidh Chriosd gu léir air a stéidheachadh air a thabhartas, 1 Eoin ii. 1, 2. A nis, tha e 'g eadar-ghuidhe air son buileachaidh gach ni a choisinn e le a bhàs, agus cha-n'eil air son ni's mò, no ni's lugh na sin, mar a dh'ainmich sinn gu tric. Agus tha e 'guidhe gu'm bitheadh a naoimh gu léir air an cur ann an seilbh air bith so nan gràs air am bheil sinn a labhairt, Eoin xvii. 17. Na'm bitheamaid a ghnàth a' beachdachadh air na h-uile gràs mar thoradh cosnaidh Chriosd, dheanadh e ar cridheachan gu ro mhòr a cheangal ris ann an gràdh : agus as eugmhais a bheachdachaidh so, cha-n'eil e comasach dhuinn gràs air bith 'iarraidh, no stìl a bhi ris, a réir suidheachaidh an t-soisgeil. Cha-n'eil e idir 'na lughdachadh air saor ghràs an Athar, a bhi 'g amhare air ni sam bith mar thoradh cosnaidh Chriosd ; is ann o shaor ghràs an Athar a rinn Criod an cosnadh sin : agus ann a bhi 'faotainn gràis o Dhia, cha-n'eil comh-chomunn againn ri Criod, ged is e féin ionmhas agus tigh-tasgaidh nan uile ghràs, as eugmhais a bhi 'g amhare air mar thoradh a chosnaidh. Choisinn e air ar son gu'm bitheamaid air ar naomhachadh gu h-iomlan, gu'm bitheadh beatha againn annainn, gu'm bitheamaid iriosal, naomh, creideach, a roinn na criche maille ris na cumhachdaich, le bhi 'sgrios oibre an diabhul annainn.

Tha an Tighearn Iosa, *anns an dara àite*, cha-n e mhain a cosnadh a' ghràis so, ach mar an ceudna 'ga chomhpairteachadh r'a naomhaibh : "As a lànachd-san fhuair sinn uile, agus gràs air son gràis," Eoin i. 16 :—

Tha e 'deanamh so, air tùs, a chionn gu bheil an t-Athair 'ga chur ann an seilbh, ann a bhi 'faotainn geallaidh an Spioraid, air a ghràs sin gu léir a choisinn e, a réir suidheachaidh a' choimhecheangail ; ni a's e an t-iomlain air am bheil tèum chum a bhi 'toirt a mhòran mac do ghlòir. "B'e deadh-thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd annsan," Col. i. 19, —'gu'm bitheadh e air a chur ann an seilbh air lànachd a' ghràis sin a tha feumail air son a phobuill. Tha e féin ag ràdh gur e so "an cumhachd a thugadh dha a' bheatha mhaireannach a

thoirt do na daoine taghta," Eoin xvii. 2 ; an cumhachd sin a's e, cha-n e mhain a chomas a toirt dhoibh, ach mar an ceudna a choir a tha aige air sin a dheanamh. Uime sin, air do'n Athair na h-uile ni a dheanamh thairis dha, tha Criod a' leagadh sin mar an stéidh air am bheil e 'cuireadh pheacach d'a ionnsuidh féin chum suaimhneis fhaotainn : " Tha na h-uile ni air an tabhairt thairis dhomh-sa o m' Athair," Mata xi. 27. " Thigibh a m' ionnsuidh, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh," rann 28. Air do'n Athair an coimhcheangal so a dheanamh ris, agus an gealladh so 'thoirt da, 'nuair a dheanadh esan " 'anam 'na lobairt-réitich, gu'm faiceadh e a shliochd, agus gu'n soirbhicheadh rùn an Tighearna 'na lèimh," Isa. liii. 10, anns na rainn an déigh sin, tha " dòrtadh a mach anama gu bàs, agus gu'n do ghiùlain e peacadh mhòrain," air a leagadh mar bhunait cosnaidh na nithe sin a tha leantuinn :—1. Fireanachadh : " Le eòlas air-san ni m' òglach fireanach mòran fhìreanachadh." 2. Naomhachadh ; ann an " sgrios oibre an diabhuil, rainn 11, 12." Mar so, ma seadh, rinneadh ar n-àrd-shagart tròcaireach na shealbhadair mòr nan uile ghràs, chum a bhi 'ga fhrithealadh oirnn a réir a dheadh-ghean féin, a' beothachadh an dream a's aill leis. Tha an lànachd so ann mar ar ceann, a mheud 's nach d' thugadh dha an Spiorad a réir tomhais—Eoin iii. 34—neach a's e bann an aonaidh eadar esan agus sinne, 1 Cor. vi. 17 ; agus ann a bhi 'ga chumail-san an ceann, tha sinn air ar lionadh le a lànachd-san, Eph. i. 22, 23. Tha an lànachd so aige-san mar phearsa coitchionn, ris an d' carbadh e as ar leth, Rom. v. 14-17. " Tha an t-Adhamh deireannach air a dheanamh," air ar son-ne, " 'na Spiorad a bheothaicheas," 1 Cor. xv. 45. Tha e mar an ceudna 'na ionmhas a ghràis so ann an seadh modhannail agus lagha : cha-n ann a mhain mar a " b'e deadh-thoil an Athar gu'n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd ann," Col. i. 19 ; ach mar an ceudna do bhrigh gu bheil bunait frithealaidh a' ghràis so gu léir air a leagadh anns an réite a rinn e, mar a thug sinn fainear.

Tha e deanamh so, a ris, a chionn, air dha 'bhi air a chur ann an seilbh air a' chumhachd, air an t-sochair, agus air an lànachd so, gu bheil e a' comharachadh an Spioraid gu bhi 'gabhall de'n lànachd so, chum a bhi 'ga fhrithealadh oirnne : " Gheibh e de m' chuid-sa agus nochdaidh e dhuibh-sa e," Eoin xvi. 15. Tha an Spiorad a' gabhall de lànachd so Chriod, agus ann an ainm an Tighearn Iosa 'ga bhuileachadh orra-san a tha gu bhi air an naomhachadh leis. A thaobh dòigh agus éifeachd uile-chumh-

achdaich Spioraid nan gràs anns am bheil so deanta leis—is e sin, anns am bheil e 'cur a shluagh sònruichte féin ann an sealbh air gràs—labhraidih sinn air a ris an déigh so.

Anns an àite mu dheireadh, A thaobh *gràis cleachdaidh* no na feartan agus an cumhachd sin trid am bheil na naoimh air an deanamh comasach a bhi 'coimhlionadh dhleasannas a réir inntinn Dhé, cha-n'eil aobhar dhuinn a bhi 'leudachadh ni's fhaide. Labhair sinn a cheana air na tha coimhcheangailte ri ar comh-chomunn ris an Tighearn Iosa ann.

Tha aon ni eile r'a thoirt fainear a thaobh na nithe sin a dh' ainmich sinn, agus 'an sin theid sinn ar aghaidh chum an dòigh anns am bheil comh-chomunn againn ri Criod anna; agus is e sin, gu feud na nithe sin uile 'bhi air am beachdachadh ann an dà rathad :—1. A thaobh an *ceud bhualeachaidh* air an anam. 2. A thaobh an *còmhnuidh agus am fàs* ann, 'nan tomh-asaibh fa leth.

Anns a' cheud seadh, a thaobh ceud bhualeachaidh an Spioraid air an anam, 'ga thogail o bhàs gu beatha, cha-n'eil comh-chomunn air bith aig na naomhaibh ri Criod ann, ach sin a mhain a tha coimh-sheasamh anns an anam a bhi 'na chuspair oibreachaidh an Spioraid ann a bhi comhpàirteachadh beatha agus cumhachd ris, am feadh a tha e féin fathast na thàmh. Tha iad ann an so mar chnàmhaibh marbha an fhàidh; tha an anail a' séideadh orra, agus tha iad beò; no mar Lasarus anns an uaigh; tha Criod a' gairm, agus tha iad a teachd a mach, air do bheatha agus cumhachd a bhi ann an comh-chuideachd na gairme. Gidheadh cha-n-e so an ni air am bheil sinn gu sònruichte a' labhairt; ach an dara seadh, a thaobh leasachaidh éifeachdaich an Spioraid agus meudachaidh gràis, araon a thaobh bith agus cleachdaidh, tre'm bheil ar naomhachadh a' fàs, agus ar n-imeachd maille ri Dia air a neartachadh,—toraidhean ar n-ùmhachd a' meudachadh, agus ar eridheachan air an daing-neachadh ni's mò an aghaidh buairidh. Agus 'an sin,—

2. Tha comh-chomunn aca ri Criod. Bheir sinn a nis fainear ciod anns am bheil e aca ris, agus cionnus a tha e 'faotainn coimhlionaidh.

Tha an Tighearn Iosa a ghnàth air a bheachdachadh leò mar Ioseph mòr an Tiomnaidh nuaidh aig am bheil buileachadh uile ionmhasan rioghachd nèimh air 'earbsa ris; mar neach anns an do thoilich an t-Athair na h-uile ni a chruinneachadh ann an aon cheann, Eph. i. 10, chum uaith-san gu'm bitheadh na h-uile ni air am frithealadh a mach dhoibh. Annsan tha gach uile

iomlanachd, annsan tha an Spiorad a' gabhail còmhnuidh gun tomhas. Agus tha na naoimh a' beachdachadh air lànachd an Ioseiph so, a thaobh an eoir fèin, anns na tri nithibh a leanas:—

(1.) Anns an ullachadh a rinneadh air son frithealaidh so nan gràs, ann an *éifeachd réiteachaidh agus glanaidh folu Chriosd*. Cha-n e mhain gu'n robh an fhuil so 'na h-iobairt-réitich mar a bha i air a toirt suas, ach bha i mar an ceudna 'na h-iobairt-ghlanaidh mar a bha i air a dòrtadh a mach. Tha an t-abstol a' toirt so fainear ann an rathad ro chomharaichte, Eabh. ix. 13, 14, "Oir ma ni fuil tharbh agus ghabhar, agus luithre aighe air a crathadh air an dream a bha neo-ghlan, an naomh-achadh chum glanaidh na feòla ; eia mòr a's mò 'ni fuil Chriosd, a thug e fèin suas tre'n Spiorad shiorruidh gun lochd do Dhia, bhur coguis-se 'ghlanadh o oibríbh marbha chum seirbhis a dheanamh do'n Dia bheò ?" Is i fuil so Chriosd a tha coimh-fhreagair ris na h-uile deas-ghnath samhlach fo'n lagh a bha air son glanaidh na feòla ; agus, uime sin aig am bheil feartan spioradail glanaidh agus naomhachaidh innse fèin, mar a tha i air a h-iobradh suas agus air a dòrtadh a mach. Uime sin, goirear dhi, "Tobar air son peacaidh agus neo-ghloine," Sech. xiii. 1 ; is e sin, chum peacaidh a ghlanadh agus a thoirt air falbh ;—"Tobar air 'fhosgladh ;" tobar ullaichte, feartach, éifeachdach, ann fèin, mu'n deachaidh neach fathast ann ; do bhrigh e 'bhi air a dhòrtadh a mach, air a shuidheachadh agus air a chomharachadh air son na crìche sin. Tha na naomh a' faicinn gu bheil iad fathast anabarrach truaillte anna fèin ; agus gun amharus, tha e 'na shealladh ni's spioradail' a bhi 'faicinn truaillidheachd a' pheacaidh, na 'tha e a bhi 'mothachadh a chiont' a mhain. Tha mothachadh air ciont' ag éiridh o'n pheacadh a bhi air a dhearbhadh air a choguis, agus bithidh e a réir tomhais an dearbhaidd sin ; ach tha sealladh air an truaillidheachd a tha anns a' pheacadh ag éiridh gu tric o bheachd air naomhachd Dhé agus a shlighean gu léir. Uaith so tha an glaodh sin a' dusgadh o'n cridheachaibh le làire anna fèin, "Neo-ghlan, neo-ghlan,"—neo-ghlan 'nan nàdur, neo-ghlan 'nam pearsaibh, neo-ghlan 'nan caithe-beatha ; air an aoirneagan ann am fuil an gràineileachd ; an cridheachan a thaobh nàduir mar shlochd shalachair, agus am beatha mar òtrach. Tha fios aca, mar an ceudna, nach teid ni air bith neo-ghlan a steach do rioghachd Dhé, agus nach fhaigh e àite anns an nuadh Ierusalem; tha fios aca gu bheil Dia de shùilibh ni's gloine na gu'n amhaire e air olc. Is grain leò seal tuinn orra fain ; agus cionnus is dàna dhoibh

seasamh 'na fhianuis? Ciod an ioc-shlaint a chleachdas iad? "Ged nigh siad iad féin le natar, agus ged ghabh iad mòran slàpuinn, gidheadh tha an aingidheachd fathast air a chomharachadh," Ier. ii. 22. Ciod, ma seadh, leis an tig iad 'am fianuis an Tighearna? Chum so a ghiulan air falbh, tha iad ag amhare, tha sinn ag ràdh, anns a' cheud àite, ri feartaibh glanaidh fola Chriosd, a tha comasach an glanadh o'm peacaidhibh gu léir, 1 Eoin i. 7: an tobar o'm bheil na feartan glanaidh sin a' sruthadh, a ni fa dheòidh an sal agus an spotan gu léir a ghiulan air falbh, chum iad a bhi air an nochadh glormhoir, gun smal, gun phreasadh, 'na làthair féin, Eph. v. 26, 27. Tha an smuaintean a' socrachadh air so tre chreidimh, tha iad 'ga chnuasachadh 'nan inntinnibh agus 'nan spioradaibh. Ann an so tha creidimh a' faotainn beatha agus spionnaidh nuaidh, 'nuair a bha mothachadh air gràineileachd a' pheacaidh 'an ire a neart a chlaoide. Ann an so tha tobar air 'fhosgladh: thig 'am fagus, 'anam bhochd, agus faic am maise, an fhìor-ghloine, agus an éifeachd a tha ann. Ann an so tha stéidh air a leagadh air son na h-oibre sin 'bu mhiann leinn a bhi air a coimhlionadh. Tha aon tarruing anail de chomh-chomunn ri Criosd ann an so tre chreidimh ni's éifeachdaich chum glanaidh an anama, agus a chnm a bhi meudachadh gràis, na miltean àl ann an cleachdadh nan oidhirp a tha féin-dheanta.

(2.) Tha iad a' beachdachadh fola Chriosd *mar fhuil a' chrathaidh*. Ann an teachd a dh' ionnsuidh "Iosa, eadar-mheadhonair a choimhecheangail nuaidh," tha iad a' teachd a "chum fola a' chrathaidh," Eabh. xii. 24. Cha dean a bhi 'beachdachadh fola Chriosd air a dòrtadh de féin salachar a għlanadh air falbh. Cha-n e mhain gu bheil "dòrtadh fola" ann, as eugmhais nach 'eil maitheanas, Eabh. ix. 22; ach tha mar an ceudna "crathadh fola" ann, as eugmhais nach 'eil glanadh ann. Tha an t-abstol a' leudachadh air an ni so ann an Eabh. ix. 19-23, "An uair a labhradh gach uile àithne a réir an lagha ris an t-sluagh uile le Maois, air dha fuil laogh agus għabhar a għabħail, maille ri huusge agus oluinn scarlaid, agus hiosop, chrath e iad araon air an leabhar agus air an t-sluagh uile, ag ràdh, Is i so fuil an tiomnaidh a dh' àithn Dia dħuibh. Os barr, chrath e mar an ceudna an fhuil air a' phailliun, agus air soithichibh na naomh-sheirblis uile. Agus is beag nach 'eil na h-uile nithe air an glanadh le fuil a réir an lagha; agus as eugmhais dòrtadh fola cha-n'eil maitheanas r'a fhaotainn. B' fheumail uime sin gu'm bittheadh samhlaidh nan nithe a tha 's na nèamhan air an

glanadh leò so ; ach na nithe nèamhaidh féin le iobairtibh a b'fhearr na iad so." Bha ful Chriosd air a coimeas, anns a' cheud àite, leis an abstol ri ful nan iobairt, mar a bha i air a toirt suas, a thaobh an t-saors' a rinn i 'aslachadh a mach, agus nam beannachdan a choisinn i ; tha i a ris air a coimeas rìs an fhuil sin mar a bha i air a crathadh, a thaobh a comh-chuir a chum glanaidh agus naomhachd. Agus tha e 'g innseadh dhuinn cionnus a rinneadh an crathadh so : bha hiosop air a thumadh ann am ful na h-iobairt, agus mar sin air a chrathadh air gach ni agus neach a bha gu bhi air a għlanadh ; mar a bha air ḥorduchadh mar an cendna a thaobh an uain chàisg, Eesod. xii. 7. Uaith so, tha Daibhidh fo mhothachadh air gràineileachd a' pheacaidh, ag īrnuiġ gu'm bithealh e air a "għlanadh le hiosop," Salm li. 7. Tha e soilleir, uime sin, gu'n robh sūl shònruichte aig a' chrathadh so ri neo-ghloine agus salachar a' pheacaidh, do bhrigh, ann an ḥorduchadh iobairt air bith, an déigh an uain a dh' airmichealh, nach 'eil iomradh idir air a dheanamh air ful a bhi air a crathadh le hiosop, ach anna sin a mhain aig an robh sūl ri *glanadh* ; mar anns an luibhre, Lebh. xiv. 6 ; agus na h-uile salachadh eile, Aireamh xix. 18 : anns an rann mu dheireadh so a dh' airmich sinn, cha-n e, gu cimteach, crathadh fola a ta ann, ach crathadh uisge an dealachaidh; ni a tha mar an cendna 'na shamħladh comħaraichte air ful Chriosd, tobar sin an dealachaidh o shalachar a' pheacaidh, Sech. xiii. 1. A nis, tha am badan hiosop so, anns an d' ullaicheadh ful a' għlanaidh chum a bhi air a crathadh air an neo-ghlan, a' ciallachadh dhuinne geallaidhean saor an t-soisgeil ann an Criosd. Tha feartan glanaidh fola Chriosd 'nan luidhe anns na geallaidhibh, eadlon mar a bha ful nan iobairt anns a' bhad hiosop, ullamh chum crathaidh orra-san a thigeadh 'am fagus. Uime sin tha an t-abstol a' tarruing a' bhrosnachaidh sin chum naomhachd coitchinn o na geallaidhibh a bhi air am faotainn : "Uime sin, a mhuijnntir mo għrāidh, air dhuinne na geallaidhean so a bhi againn, glanamid sinn féin o gach uile shalachar feċċa agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagħal Dhé," 2 Cor. vii. 1. So, ma seadh, tha na naoimh a' deanamh :—tha iad a' gabħail beachd air ful Chriosd mar a tha i anns a' għeallad, ullamh air sruthadh a mach air an anam, chum a bhi 'ga għlanadh ; uaith so tha feartan ionnlaid agus glanaidh air an comhpàrteachadh riu, agus le ful Chriosd tha iad gu bhi air an glanadh o gach uile pheacadh, 1 Eoin. i. 7. Ach an fhad so, ged a tha ful a glanaidh mar so air a h-ullachadh,

tha an t-anam fathast, mar gu'm b'ann, dealaichte uaithe. Ged a tha i air a dòrtadh chum a bhi 'g ionnlad, agus a' glanadh, agus a' naomhachadh, ged a tha i air a togail ann am badan hiosoip nan geallaidhean, gidheadh feudaidh an t-anam a bhi fathast gun comhpairt air bith fhaotainn dhi, Air an aobhar sin,—

(3.) Tha iad ag amharc air Criod mar a tha e, 'na Spiorad fèin, na aon *fhear-frithealaidh an Spioraid, agus gach uile ghràs* naomhachaidh agus naomhachd air an anam. Tha iad a' tort fainear gu'n d'thugadh dha o Dhia ann am freagradh na h-eadar-ghuidhe, gu'm bitheadh uile thoraidhean a chosnadhl air an deanamh éifeachdach leis, chum glanaidh agus naomhachaidh a shlòigh gu léir, a dh' ionnsuidh inbhe ro ghlòrmhoir na naomhachd. Tha fios aca gur ann tre'n Spiorad a tha so gu coimh-lionadh fhaotainn, a r'ir nan geallaidhean gun àireamh a thugadh air son na criche sin. Tha e gus an fhuil sin a *chrathadh* air an anamaibh, tha e gus an naomhachd sin a *chruthachadh* annta air am bheil am miann ; tha e fèin gu bhi annta na *thobar* uisge a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich. Anns an t-suidheachadh so tha iad ag amharc ri Iosa : ann an so tha creidimh 'ga shocrachadh fèin, le stùil ri frithealadh a mach an Spiorad leis air son nan crioch so gu leir ; a' measgadh nan geallaidhean le creidimh, agus mar sin a' faotainn comhpairt de'n ghràs sin gu léir a tha annta. Is e so, ma seadh, an cleachdadhl, is e so an comh-chomunn ri Criod ; is e so beatha a' chreidimh, a thaobh gràis agus naomhachd. Is bean-naichte an t-anam sin a tha air a chleachdadhl ann : "Bithidh e mar chraobh air a suidheachadh ri taobh nan uisgeachan, a sgaoileas a mach a freumhan ri taobh an t-srutha, agus nach mothaich c'uin a thig an tart ; ach aig am bheil a duilleach uaine, agus air nach bi ionagain ann am bliadhna na tiormachd, ni mò a sguireas i a thoirt seachad toraidh," Ier. xvii. 8. B' àill le muinnir eile fo dhearbhadh peacaidh, aig nach 'eil eòlas air Criod, no comh-chomunn ris 'na fhlolangasaibh, naomhachd a shniomh a mach as an com fèin ; air 'oibreachadh 'nan neart fèin. Theid iad 'na cheann le na h-oidhirpibh ; agus leanaidh iad suas na h-oidhirpean le bòidibh, dleasannasaibh, rùintibh, agus geallaidhibh, ann am fallus an gruaidh rè an là gu léir. Mar so tha iad a' leantuinn air an aghaidh car seal, gus am bheil an cealgaireachd gu tric a' criochnachadh ann an treigsinn an aideachaidd gu follaiseach. Tha naoimh Dhé, air an laimh eile, 'nan ceudimeachd maille ris, ag cur 'an cunntais ris gu bheil uireasbhuidh thri-filte air an làmhaibh :—[1.] Tha feum aca

air *Spiorad na naomhachd* còmhnuidh a dheanamh anna. [2.] Tha feum aca air *sòl na naomhachd* a bhi air a shuidheachadh anna. [3.] Tha feum aca gach uair air *cuideachadh gràis* chum an oibre gu léir a choimhlionadh air an son ; tha fios aca mar faigh iad na nithe so, nach teid aca gu bràth, 'nan neart no 'nan oidhirpibh féin, air aon ghnìomh naomh a choimhlionadh 'am fianuis an Tighearna. Tha fios aca nach 'eil iad foghainteach anna fein,—as eugmhais Chriosd nach teid aca air ni sam bith : uime sin tha an sùil ris a ghnàth, mar an neach ris an d'earbadh lànachd nan nithe so uile air an son ; agus mar sin a' faotainn an uireasbhuidhean uile air an leasachadh uaith tre chreidimh. Mar so, tha sinn ag ràdh, tha comh-chomunn aig na naomhaibh ri Chriosd, a thaobh an *naomhachaidh* agus an naomhachd. Uaith-san tha an Spiorad air 'faotainn leò chum còmhnuidh a dheanamh anna ; uaith-san tha iad a' faotainn *sòl na beatha nuaidh*, ni a's e freumh an ùmhlachd nuaidh gu léir ; uaith-san tha cuideachadh gràis air son na h-uile dleasannas chum am bheil iad air an gairm. Tha an tòine agus am beatha gu léir air an caitheadh maille ris ann an rathad a bhi feitheamh air ann an dòchas, agus a' faotainn nam beannachd so uaith, air na h-aobhairibh a dh' ainmicheadh a cheana. Is ann gu diomhain a tha sùil ri cuideachadh o bheanntaibh eile ; 's ann gu diomhain a tha daoine a' caitheadh an neirt, a' leantuinn an déagh fireantachd, ma tha iad as eugmhais so. Socraich d' anam ann an so, cha-n fhan thu ann gus an cuirear gu näire thu. Is e so an rathad, an t-aon rathad, gu bhi 'faotainn foillseachaidh éifeachdaich agus làin air còmhnuidh a bhi aig an Spiorad annainn,—gu bhi 'faotainn ar eridheachan air an glanadh, ar coguisean air an ionnlad, ar peacaidhean air am marbhadh, ar gràsan air am meudachadh, ar n-anaman air an deanamh, iriosal, naomh, eudmhor, creideach,—cosmhuil ris féin ; an t-aon rathad chum ar beatha gu léir a bhi tarbhach, agus ar bàs comlhfhurtail. Fanamaid ann an so, ag amharc air Chriosd tre chreidimh, chum a bhi teachd suas a dh' ionnsuidh tomhais sin a' chomh-chumaidh ris a chuireadh air leth dhuinn anns an t-saoghal so, chum an uair a chi sinn e mar a tha e, gu'm bi sinn cosmhuil ris.

CAIBIDEIL X.

Air comh-chomunn ri Criod ann an sochairibh—Air uchd-mhacachd ; a nàdur, a thoraidhean—Sochairean àraidih coimhcheangalit ris ; saorsa, còir, dànanachd, àmhghar—Comh-chomunn ri Criod anna so.

III. Is e an treas ni anns am bheil comh-chomunn againn ri Criod, gràs nan sochair fa chomhair Dhé ; is e sin, mar an treas ceann de ghràs coisinn te Chriod. Tha na sochairean sin mòr agus do-àireamh a tha sinn a' sealbhachadh tre Chriod,—sochairean a dheanadh beatha duine a lionadh suas ann a bhi 'gan àireamh gu mion, agus cha-n e ni a dh' fheudas a bhi air 'fhill-eadh suas ann an àireamh theire de thaobh-dhuilleagaibh. Gabhaidh sinn beachd orra a mhain anns an tobar o'm bheil iad ag éiridh agus a' sruthadh,—agus is e sin ar n-uchd-mhacachd : “A muinntir mo ghràidh, a nis is sinne mic Dhé,” 1 Eoin iii. 2. Is e so tobar-shoehair mòr nan naomh. Aeh eia uaith a tha an t-sochair so againn ? Eadhon o ghràdh an Athar. “Feuch-aibh, ciod a ghnè ghràidh a thug an t-Athair dhuinne, gu'n goirteadh clann Dé dhinn !” rann 1. Ach cò tre'm bheil an t-urram so gu neo-mheadhonach againn ? “A mhead as a ghabh ri Criod, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nam mic do Dhia,” Eoin i. 12. Bha e féin air a chomharachadh 'na cheud-ghin 'am measg mhòran bhràithrean, Rom. viii. 29 ; agus air dhuinne 'bhi air ar gabhail leis mar bhràithribh, Eabh. ii. 11, rinneadh sinn 'nar cloinn do Dhia. A nis, a mhead 's gur e Dia ar n-Athair, tre bhi 'na Athair do Chriod, agus gur sinn a chlann, tre bhi 'nar braithribh do Chriod, agus do bhrigh gur e so tobar agus suim gach urraim, agus sochair, agus còir a bhuineas duinn, bheir sinn fainear car tiota nàdur gnìomh so an uchd-mhacachd, tre'm bheil sinn air ar cur ann an seilbh air an staid agus air a chòir so.

A nis, is e a th' anns an uchd-mhacachd creideach a bhi air atharrachadh gu h-ùghdarrach, le Iosa Criod, o theaghlaich an t-saoghal agus an t-Satain, a dh' ionnsuidh teaghlaich Dhé, agus còir air a toirt dha ann an uile shochairibh an teaghlaich sin.

Chum gu'm bitheadh neach air 'uchd-mhacachadh gu coimh-lionta, tha na cuig nithe so a leanas feumail :—

1. Gu'm buin e *da rireadh*, agus 'na chòir féin, do theaghlaich eile, edar-dhealaichte o'n teaghlaich sin chum am bheil e gu bhi

air 'uchd-mhacachadh. Feumaidh e bhi 'na mhac teaghlaich éigin 'na chòir fèin, mar a tha na h-uile dhaoine.

2. Gu'm bi *teaghlaich* eile ann anns am bheil e gu bhi air a shuidheachadh, agus anns nach 'eil còir air bith aige ann fèin. Ma tha duine sam bith a' teachd a stigh do theaghlaich le còir *phearsanta*, ciod air bith cho fad as a thaobh dàimh' as a dh' fheudadh e a bhi, cha-n'eil an duine sin air 'uchd-mhacachadh. Ma tha am fear-dàimh sin eadhon a's fhaid' as a' faotainn a stigh chum oighreachd teaghlaich air bàs nan oighreachan a's dilse, ged nach robh a chòir roimh sin air bheag cheum os ceann neo-ni, gidheadh is mac dligheach an teaghlaich e,—cha-n'eil e air 'uchd-mhacachadh. Ann an uchd-mhacachd cha-n'eil an comas a's lugha gu bhi aige air an oighreachd a thagrath 'na chòir fèin.

3. Gu bheil *atharrachadh* ùghdarrach agus laghail air a dheanamh air, o aon teaghlaich gu teaghlaich eile, le neach aig am bheil ùghdarris sin a dheanamh. A réir an lagh' a bha ann o shean, cha robh e ann an comas neach an t-sochair so a fhrith-ealadh do neach eile mar a chitheadh e fèin iomchuidh. Dh' fheumadh e bhi deanta le h-ùghdarris a' chumhachd rioghail.

4: Gu'm bi an t-uchd-mhac air 'fhuasgladh o na h-uile ceangal agus cumha fo'n robh e do'n teaghlaich sin o'm bheil e air atharrachadh; mar bi so deanta cha-n urrainn e a bhi ann an rathad sam bith feumail do'n teaghlaich sin anns am bheil e gu bhi air a shuidheachadh. Cha-n urrainn e seirbhis a dheanamh do dhá thighearn, agus ni's lugha na sin do dhà athair.

5. Gu bheil e air a chur ann an seilbh, air dha a bhi air 'uchd-mhacachadh, air uile chòirichibh agus *shochairibh* an teaghlaich sin anns an bheil e air a shuidheachadh, air dhòigh cho iomlan agus cho diongmhalta as ged a bn mhac nàdurra an teaghlaich e.

A nis, tha na nithe so gu léir a' faotainn coimhliouaidh ann an uchd-mhacachd nan creideach:—

1. Buinidh iad 'nan còir fèin do theaghlaich eile eadar-dhealaichte o'n teaghlaich sin chum am bheil iad air an uchd-mhacachadh. Tha iad a thaobh nàduir 'nan "cloinn feirge," Eph. ii. 3,—mic na feirge,—tha iad de'n teaghlaich sin d'an oighreachd dligheach "fearg,"—teaghlaich d'an ainm "cumh achd an dorchadais," Col. i. 13; oir is ann a mach as a sin a tha Dia 'gan "atharrachadh a dh' ionnsuidh rioghachd Mic a ghràidh." Is e so teaghlaich an t-saoghal agus an t-Satain, d'am buin creidich a thaobh nàduir. Tha còir aca ann an oighreachd

an teaghlaich sin,—eadhon, fearg, mallachadh, bàs, agus ifrinn. Agus annta féin, tha iad gu h-iomlan eu-comasach air fuasgladh 'fhaotainn as an teaghlaich sin: tha an duine làidir fo làn airm 'gan gleidheadh fo cheannsail. Tha an cor nàdurra 'na chor teaghlaich, aig am bheil gach ni a bhvineas do theaghlaich coimhcheangailte ris, — dleasannais agus seirbhis teaghlaich, còirichean agus inbhe teaghlaich, dàimhean agus modh teaghlaich. Buinidh iad do theaghlaich dubh a' pheacaidh agus an t-Satain.

2. Tha teaghlaich eile ann chum am bheil iad gu bhi air an atharrachadh, agus anns nach 'eil seilbh air bith aca 'nan còir féin. Is e so an teaghlaich sin air nèamh agus air thalamh a dh' ainmichear air ainm Chriosd, Eph. iii. 15,— teaghlaich mòr Dhé. Tha tigh agus teaghlaich aig Dia air son a chloinne; cuid dhiubh air an altrum leis air saoibhreas a ghráis, agus cuid eile air an sàsachadh le lànachd a ghlòire. Is e so an tigh anns am bheil an Tighearn Iosa 'na flear-frithealaidh mòr, oir b'e deadh thoil an Athar "gu'n cruinnicheadh e annu an aon na h-uile nithe ann an Criosd, araon na nithe a tha air nèamh, agus na nithe a tha air thalamh, eadhon ann-san," Eph. i. 10. Is e an tigh so àros nam mac agus nan nighean, a tha 'tarruing gu paitl á saoibhreas gràis Dé. Ann an teaghlaich so cha-n'eil còir air bith aca annta féin, tha iad gu h-iomlan 'nan coimhich dha, Eph. ii. 12, gun chomas ni air bith a thagradh a tha ann. Air do Dhia Adhamh 'fhuadach a mach as a' ghàrradh, agus na h-uile rathad pillidh a dhùnadh suas le claidheamh lasrach, a bha ullamh air a ghearradh sios na'm b'e 's gu'n cuireadh e aghaidh air, tha so gu soilleir a' nochdadhbh gu'n do chaill e féin, agus na h-uile 'bha 'na leas-raidh, na h-uile còir air teachd am fagus do Dhia ann an dàimh teaghlaich. Cha d' fhangadh a' chòir a's lugha aig nàdur truaillte, mallaichte, air ni sam bith de Dhia. Air an aobhar sin,—

3. Tha atharrachadh ùghdarrach aca o'n aon teaghlaich chum an teaghlaich eile. Cha-n'eil e deanta *os iosal*, ann an rathad fealltach, ach ann an rathad ùghdarrais. Eoin i. 12, "A mheud as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia,"—thug e dhoibh cumhachd no ùghdarris. Bha iad air an cur ann an seilbh air cumhachd, agus inbhe, agus còir so nam mac, le gnìomh *cuit lagha*, agus fhuair e coimhlionadh d'an taobh a réir riaghailte lagha. Goirear deth leis an abstol, a bhi 'gar deanamh "iomchuidh chum a bhi 'nar luchd-comhpairt a dh'

oighreachd nan naomh 's an t-solus ;"—air ar n-àrdachadh le h-ùghdarris lagha chum a bhi 'nar buill de'n teaghlaich sin anns am bheil Dia 'na Athair, anns an e Criosd am bràthair a's sine, anns am bheil naoimh agus ainglean 'nam bràithribh agus 'nan comh-chloinn, agus d'an oighreachd crùn neo-bhàsmhor agus neo-thruaillidh, nach searg as.

A nis, tha atharrachadh ùghdarrach so nan creideach o aon teaghlaich gu teaghlaich eile a' coimh-sheasamh anns an dà ni so :—

(1). *Gairm agus foillseachadh éiseachdach* air a thabhairt, gu bheil an t-uchd-mhae air 'fhuasgladh o na h-nile ceangal agus cumha fo'n robh e do'n teaghlaich sin d'am buineadh e gu nàdurra. Agus tha a' ghairm so air a tabhairt do thrì chus-pairibh :—

[1]. Do na *h-ainglibh*. Tha so air a chur an cíll dhoibh-san ; tha iadsan 'nam mic do Dhia, agus uime sin tha iad de'n teaghlaich sin chum am bheil an t-uchd-mhae air a ghabhail a stigh ; agus a chionn gu bheil, buinidh dhoibh 'fhaotainn a mach cò iad a tha air an cur ann an seilbh air còirichibh an teaghlaich sin, chum gu'n dean iad dleasannais an teaghlaich a choimhlionadh d'an taobh. Dhoibh-san, ma seadh, tha so air a chur 'an cíll, gu bheil creidich air am fuasgladh o theaghlaich a' pheacaidh agus na *h-ifrinn*, chum a bhi 'nan coimh-mhic agus 'nan coimh-sheirblisich maille riu fèin. Agus tha so air a chur 'an cíll dhoibh ann an dà rathad :—

Anns a' cheud àite,—Ann an rathad *coitchionn*, le *teagascg an t-soisgeil*. Eph. iii. 10, "Chum gu'n deantadh aithnichte do na *h-uachdaranaachdaibh*, agus do na *cumhachdaibh* ann an ionadaibh *nèamhaidh*, leis an eaglais, gliocas eugsamhui Dhé."

Tha an gliocas so air a dheanamh aithnichte do na *h-ainglibh* leis an eaglais, aon chuid mar a thugadh thairis teagascg an *t-soisgeil* dhi, no mar a tha i fèin air a cruinneachadh leis an *t-soisgeul*. Agus ciod e gliocas 'so Dhé a tha mar so air a dheanamh aithnichte do uachdaranaachdaibh agus do chumhachdaibh ? Eadhon so, "gu'm bitheadh na Cinnich 'nan comh-oighreachaibh agus 'nan comh-chorp" maille ruinne, rann 6. An diomhaireachd sin gu'm bitheadh peacaich de na Cinnich air an uchd-mhacachadh o thràillealachd teaghlaich an *t-saoghal*, chum eòir oighreachan 'fhaotainn, agus a bhi air an deanamh 'nam mic ann an teaghlaich Dhé,—is e so an gliocas a rinneadh mar so aithnichte dhoibh. Agus cionnus a rinneadh aithnichte

e o thus? Bha e "air fhoillseachadh d'a abstolaibh naomha agus d'a fhàidhlibh tre an Spiorad," rann 5.

Anns an dura àite,—Ann an rathad àraidih, le taisbeanadh neo-mheadhonach. 'Nuair a tha anam air bith air 'fhuasgladh o theaghlaich an t-saoghalil so, tha sin air a dheanamh aithnichte do na h-ainglibh. "Tha gairdeachas an làthair ainglean Dhé, air son aoine pheacaich a ni aithreachas," Lucas xv. 10; is e sin, tha gairdeachas air a dheanamh 'nam measg, agus leò. A nis, cha chomasach do na h-ainglibh fios neo-mhearachdach a bhi aca anna féin air fior aithreachas a' pheacaich; is obair sin a tha 'dol air chleachdadhl anns an t-seòmar uaigneach sin do nach 'eil iuchair aig neach air bith ach aig Iosa Criod; agus leis-san tha so air 'fhoillseachadh dhoibh, 'nuair a tha cùram àraidih an anama sin air a chur air an làmhaibh. Tha na nithe so, ma seadh, a' faotainn coimhlionaidh an làthair nan aingeal, Lucas xii. 8, 9. Tha Criod ag aideachadh ainmean a bhràithrean 'nan làthair, Taisb. iii. 5. 'Nuair a tha e 'gan gabhail a steach a dh' ionnsuidh an teaghlach sin anns am bheil iad féin, Eabh. xii. 22, tha e 'cur 'an céill doibh gur mic iad, chum gu'n deanadh iad an dleasannas a choimhlionadh d'an taobh, Eabh. i. 14.

[2]. Tha so air a chur 'an céill ann an rathad dioghaltais *do Shatain*, uachdaran mòr an teaghlach sin anns an robh iad fo smachd. 'Nuair a tha an Tighearn Iosa a' fuasgladh anama o chumhachd an duine làdir, aramaichte sin, tha e 'ga chuibh-reachadh,—'ga cheangal o chleachdadhl a' chumhachd agus an tighearnais sin os a cheann a bha roimh aige. Agus le sin tha fios aige gu'n do shaoradh an t-anam ud as a theaghlaich, agus gach ionnsuidh tuilleadh a bheir e air, is ann a briseadh a stigh a tha e air seilbh agus oighreachd an Tighearn Iosa Criod.

[3]. Tha e mar an ceudna air a chur an céill do *choguis an uchd-mhic féin*. Tha Spiorad Chriosd a' deanamh fianuis do chridhe agus do choguis a' chreidich gu bheil e air 'fhuasgladh o na h-uile ceangal agus dàimh ri teaghlach Shatain, agus gu'n d' rinneadh e 'na mhae do Dhia, Rom. viii. 14, 15,—'ga dheanamh comasach a bhi glaothaich, "Abba, Athair," Gal. iv. 6. Labhraidh sinn an déigh so air na nithibh fa leth a th' ann am fianuis so an Spioraid, agus mar a tha e 'sgaoladh a' cheangail a bha eadar an t-anam agus an t-seann dàimh. Agus is e so an ceud ni anns am bheil atharrachadh so nan creideach a' coimh-sheasamh.

(2). Tha suidheachadh àughdarrach air a dheanamh air a

chreideach ann an teaghlaich Dhé, agus e air a chur ann an seilbh air uile chòirichibh nam mac. A nis, tha so a' filleadh suas ann iomadh gniomh eadar-dhealaichte d' ar taobh-ne :—

[1]. Ainm nuadh air a thabhairt do'n chreideach ann an cloich ghil, Taisb. ii. 15. Tha na h-uchd-mhic gu bhi 'giùlan ainmean nuadha ; tha iad ag atharrachadh nan ainmean a bha aca anns an t-seann teaghlaich, chum a bhi 'giùlan ainmean an teaghlaich sin chum am bheil iad air an atharrachadh. Is e an t-ainm nuadh sin, "Leanabh Dhé." Is e so an t-ainm nuadh a tha air a thabhairt anns an uchd-mhacachd ; agus cha-n-eil duine sam bith d' an aithne ciod a tha anns an ainm sin, ach esan a mhain a tha 'ga fhaotainn. Agus tha an t-ainm nuadh so air a thabhairt agus air a sgriobhadh ann an cloich ghil ;—an *comharadh* air an teid ar gabhail a steach do thigh Dhé. Tha a' chlach gheal a' deanamh fianuis gu bheil an t-anam air a shaoradh ann an cuirt lagha. Tha ar n-uchd-mhacachd air a stéidheachadh air an fhuasgladh a fhuair sinn ann am ful Iosa ; agus nime sin an t-ainm nuadh air a' chloich ghil a' samhlachadh nan sochair a tha coimhcheangailte ris an fhuasgladh sin. Tha a chlach gheal a' *sqaoladh a' cheangail* a bha aig an anam ris a' cheud theaghlaich ; tha an t-ainm nuadh a' toirt *dol a steach* dha anns an teaghlaich eile.

[2]. Tha 'ainm air a sgriobhadh sios air ainm-chlar teaghlaich Dhé, trid am bheil e gabhta steach a dh' ionnsuidh comuinn an teaghlaich. Goirear de so "sgriobhadh tighe Israel," Esec. xiii. 9 ; is e sin, an rola anns am bheil uile ainmean tighe Israel, teaghlaich Dhé, air an sgriobhadh. Tha ainm-chlar a theaghlaich uile aig Dia ; is aithne do Chriosd a chaoraich féin air an ainm. "Comharaichidh an Tighearn, 'nuair a sgriobhas e sios na fineachan, gu'n d' rugadh am fear so an sud," Salm lxxxvii. 6. Is e so, ma seadh, duilleag de leabhar beatha an Uain.

[3]. Fiannis air a deanamh d'a choguis gu bheil e gabhta le Dia, mar sin 'ga dheanamh comasach e féin a ghiùlan mar leanabh, Rom. viii. 15 ; Gal. iv. 5, 6.

4. Is e an dà ni mu dheireadh a tha air iarraidh anns an uchd-mhacachd, gu bheil an t-uchd-mhac air a shaoradh o na *h-uile ceangal* fo'n robh e do'n teaghlaich anns an robh e, agus gu bheil e air a chur ann an seilbh air *còirichibh agus air soch-airibh* an teaghlaich sin chum am bheil e air 'atharrachadh. A nis, do bhrigh gu bheil an dà ni so a' filleadh suas annta an t-ionmlan de thoraidhibh sin an uchd-mhacachaidh anns an bheil

comh-chomunn againn ri Criod, ni sinn an làimhseachadh, taobh ri taobh, fo na ceithir chinn so :—(1). *Saorsa*. (2). *Còir*. (3). *Dànachd*. (4). *Smachdaeachadh*. Is iad so na ceithir nithe sin, coimhcheangailte ri teaghlaich an uchd-mhic, a tha e nis a' faotainn air dha bhi air 'uchd-mhacachadh, agus anns am bheil comh-chomunn aige ris an Tighearn Iosa :—

(1). *Saorsa*. Bha an Tighearn Iosa air 'ùngadh le Spiorad Iehobhah gu bhi 'g éigheach fuasglaidh do na braighdibh, Isa. lxi. 1; agus "far am bheil Spiorad an Tighearna"—is e sin, Spiorad Chriod air a bhuiileachadh oirnn leis, do bhrigh a bhi 'nar mic,—"tha saorsa an sin," 2 Cor. iii. 17. Tha na h-uile saorsa spioradail o Spiorad na h-uchd-mhacachd; cha-n'eil ach fuasgailteachd neo-mheasarra anns na h-uile saorsa eile 'dh' fheudas daoine bhi leigeadh orra a bhi aca. Mar sin tha an t-abstol a' eur an céill, Gal. iv. 6, 7, "Chuir Dia Spiorad a Mhic féin ann bhur eridheachaibh, ag éigheach, Abba, Athair. Uime sin cha seirbhiseach thu ni's mò,"—cha-n ann ni's mò fo dhaorsa, ach a' sealbhachadh saorsa nam mac. Agus tha sùil aig an t-saorsa so,—

[1]. Air tùs, ris an teaghlaich o'm bheil an t-uchd-mhae air 'atharrachadh: an t-saorsa sin a tha aige o na h-uile ceangal fo'n robh e dha. A nis' anns an t-seadh so, tha saorsa nan naomh tre'n uchd-mhacachd aon chuid o sin a tha 'na *fhlòr dhaorsa*, no o sin nach 'eil ach ann an *coslas*:—

Anns a' cheud àite,—Tha sin a tha na *fhlòr dhaorsa* coimhcheangailte ri toradh dà-fhillte lagh' agus peacaidh. Air do lagh modhannail, neo-chaochlaidbeach Dhé, agus do'n pheacadh coinneachadh r'a chéile a thaobh neach air bith, bha, agus tha, toradh dà-fhillte coimhcheangailte ris :—

An ceud thoradh,—Lagh nuadh deas-ghnàth' air a shuidheachadh, a bha 'gan gleidheadh-san uile fo dhaorsa d'an d'thugadh e, Col. ii. 14.

An dara toradh,—Eigneachadh nàdurra an lagha—gu bhi labhairt mar sin—orra-san a tha fodha, le a neart agus 'eifeachd an aghaidh peacaidh; anns am bheil na tri nithe so :—

An ceud ni, Géire, agus uamhunn an lagha ann a 'bhi 'g àithe.

An dara ni, Anmhuiinneachd an lagha tre'n fheòil, a thaobh a bhi 'faotainn coimhlionaidh, agus mar sin a neo-fhoghainteachd air son na crìche sin a bha air tùs air a comharachadh dha.

An treas ni, Na tha coimhcheangailte ri *briseadh* an lagha; a dh'fheudar ainmeachadh fo dhà cheann :—1. Mallachadh. 2.

Bàs. Labhraidh sinn gle aithghearr orra so, a chionn gu bheil iad gu coitchionn air an làimhseachadh, agus air an eadachadh leis na h-uile.

Anns an dara àite,—Tha an daorsa sin nach 'eil ach ann an *coslas* a' coimh-sheasamh anns a' chumhachd a dh'fheudas neach sam bith a bhi 'gabhair os ceann na *coguis*, air do shaorsa 'bhi aon uair air 'thaotainn tre Chriosd :—

Is e ceud thoradh sin lagh' agus peacaidh, ma seadh, o'm bheil creidich air an saoradh, *lagh suidhichte nan deas-ghnath*, ni, a réir fianuis nan abstol, a bha na chuing nach robb aon chuid ar n-aithreachean (anns a' chreidimh) no sinne comasach a ghiùlan, Gniomh. xv. 10; uime sin rinn Criosd "làmh-sgrìobhaidh nan òrduighean a dhubbadh a mach d'ar taobh-ne, a bha'nar n-aghaidh, agus thug e as an t-slighe i, air dha a sparradh ri a chrann-ceusaidh-san," Col. ii. 14; agus air an aobhar sin tha an t-abstol, air dha reusonachadh fada 'bhi aige a thaobh an t-saorsa sin a tha againn o'n lagh sin, a' comh-dhunadh leis an earail sin : "Seasaibh gu daingean anns an t-saorsa leis an d'rinn Criosd saor sinn," Gal. v. 1.

A ris, a thaobh *lagh' nam moilhanna*, tha tri nithe coimh-cheangailte ris o'm bheil sinn air ar saoradh :—

An ceul ni, *Cruailhas* agus uamhunn an lagha ann a bhi 'g àithne. Eabh. xii. 18-22, "Oir cha d'thàinig sibh chum an t-sléibh ris am feudtadh beantuinn, agus a bha losgadh le teine, no chum duibhre, agus dorchadais, agus doininn, agus fuaim na trompaid, agus guth nam briathar, ionnus gu'n do ghuidh an dream a chual' e nach labhairteadh am focal riu tuilleadh ; ach tha sibh air teachd gu sliabh Shioin." Tha sinn air ar saoradh o fhrithealadh sin an lagha a bha air a thabhairt le h-eagal agus uamhunn, agus mar sin ag agradh ùmhachadh le cruadhas, cha do ghairmeadh sinn chum an t-suidheachaidh so.

An dara ni, Tha sinn air ar saoradh o'n lagh mar *mheadhon fìreantachd*, air dha 'bhi neo-fhoghainteach air son na crìche sin, do bhrigh ar neo-chomas-ne coimhlionadh a thoirt da, Rom. viii. 2, 3; Gal. iii. 21—23. A chionn gu bheil o neo-chomasach beatha 'thaotainn tre'n lagh, tha sinn air ar saoradh uaith a thaobh na crìche sin, agus sin le fìreantachd Chriosd, Rom. viii. 3.

An treas ni, Tha sinn air ar saoradh o'n dà ni so a tha coimh-cheangailte ri *briseadh an lagha* :—1. *Mallachadh*. Tha mallachadh eagalach ag iom-chòmhachd na feirge sin gu léir a tha choimhcheangailte ris an lagh, a thaobh eusaontais ; agus uaith

so tha sinn gu h-iomlan air ar saoradh. "Shaor Criod sinne o mhallachadh an lagha, air dha 'bhi air ar a deanamh 'na mhallachadh air ar son," Gal. iii. 13. 2. *Bòs*, Eabh. ii. 15; agus coimhcheangailte ri sin, o Shatan, Eabh. ii. 14, Col. i. 13; o pheacadh, Rom. vi. 14, 1 Phead. 1. 18; o'n t-saoghal, Gal. i. 4; maille ris gach agartas agus ni eile 'tha coimhcheangailte riu gu léir, Gal. iv. 3—5; Col. ii. 20; as eugmhais nach b'urrainn duinn a bhi beò car aon là.

Is e an ni sin eile 'tha cuid ag agradh agus a' leigeadh orra 'bhi aca—ged nach robh sinn riamh ann am firinn fo fhiachaibh dha, ach ann an Criod air ar deanamh gu h-iomlan saor uaithe,—cumhachd a bhi 'ceangal sios na coguis le lagh no suidheachadh sam bith nach 'eil o Dhia, Col. ii. 20—22.

[2.] Tha sùil aig an t-saorsa so, *anns an dara àite*, ri sin a tha againn *ann an teaghlaich Dhé*, cho maith ris an t-saorsa sin a tha againn *o theaghlaich Shatain*. Tha mic saor. Tha ùmh-lachd mhac na h-ùmh-lachd shaoir; tha Spiorad an Tighearn aca; agus far am bheil esan, tha saorsa an sin, 2 Cor. iii. 17. Mar Spiorad uchd-mhacachd, tha e 'an aghaidh spioraid sin [na daorsa, Rom. viii. 15. A nis, is e a th'ann an saorsa so teaghlaich ar n-Athar, a tha againn mar mhic agus mar chloinn air ar n-uchd mhacachadh le Criod tre'n Spiorad, farsuinneachd spioradail eridhe, tre'm bheil clann Dhé agimeachd ann an uile shlighibh na h-ùmh-lachd naoimh ann an Criod, gu saor, gu toileach, gu neo-chealgach, gun eagal, gun uamhunn, gun daorsa, agus gun chuing.

Is e so, tha sinn ag ràdh, ar saorsa ann an teaghlaich ar n-Athar: dh'ainmich sinn a cheana ciod o'm bheil an t-saorsa so againn.

Tha *Gibeonaich* ann a tha coimhcheangailte o'n taobh a muigh ri teaghlaich Dhé, a tha 'deanamh seirbhis a thighe mar *thràillealachd* am beatha. Is e freumh na h-ùmh-lachd sin a tha iad a' coimhlionadh, *spiorad daorsa* chum eagail, Rom. viii. 15; is e an *riaghailt* a tha aca 'na ceann, an lagh 'na uamhunn agus na chrudhas, ga tagradh uatha gus an fheoirling dhereannaich, gun tròcair, gun lughdachadh; is i a' *chrios* a tha 'nan amhare innte, teicheadh o'n fleirg a tha chum teachd, beul*na coguis a dhruideadh, agus fireantachd a chur air chois mar' gu'm b'ann tre oibríbh an lagha. Mar so tha iad a' deanamh seirbhis d'an coguisibh fein, gu tràilleil, gu saothrachail, agus gu neo-tharbhach, uile làithean am beatha.

Aig na naomhaibh, air an làimh eile, tha farsuinneachd eridhe

tre'n uchd-mhacachd ann an uile shlighibh na h-ùmhachd naoimhe. "Gluaisidh mi ann am farsuinneachd," deir Daibhidh, "a chionn gu'n iarr mi do reachdan," Salm exix. 45; Rom. viii. 2, 21; Eoin viii. 32, 33, 36. A nis, tha iomadh ni anns am bheil farsuinneachd no saorsa mhacail so an Spioraid a' coimh-sheasamh :—

Anns a' cheud àite,—Ann am freumhaibh sin an uile sheirbhis spioradail, beatha agus gràdh ;—an ceud ni a' toirt eomais na h-ùmhachd dhoibh ; an dara ni a' toirt aoibhneis agus millseachd dhoibh innte :—

Is e ceud fhreumh na h-ùmhachd *beatha* ; tha so a' toirt neirt dhoibh a thaobh dhleasannas na h-ùmhachd. "Shaor lagh Spioraid na beatha, ann an Iosa Criosd, mise o lagh a' pheacaidh agus a' bhàis," Rom. viii. 2. Tha e 'gan saoradh, tha e 'gan giùlan a mach ann an slighibh na h-ùmhachd le saorsa ; ionnus gu bheil iad ag imeachd a réir an Spioraid, rann 1, tha lagh so Spioraid na beatha na fhreumh oibreachaidh dhoibh. "Tha Criosd beò annam," deir an t-abstol, "agus a bheath' a tha mi nis a' caitheadh 'san fheòil, tha mi 'ga caitheadh tre chreidimh Mhic Dhé ;"—"A bheath' a tha mi nis a caitheadh 'san fheòil—is e sin, an ùmhachd a tha mi toirt do Dhia am feadh a tha mi anns an fheòil,—tha i 'g éiridh o fhreumh beatha, Criosd a tha beò annam," Gal. ii. 20. Tha neart aca, ma seadh, chum a bhi beò do Dhia, o Chriosd annta, am feadh a tha Spiorad, na beatha o Chriosd 'gan giùlan a mach ann an cleachdadh na h-ùmhachd. Cha-n fhas ach carraig gun bheatha o fhreumh marbh ; tha gniomharan beò ag éiridh o fhreumh beatha.

Uaith so feudar fhaicinn ciod an t-eadar-dhealachadh a tha eadar an t-saorsa sin a tha tràillean a leigeadh orra a bhi aca, agus an t-saorsa a tha dligheach do chloinn :—

*An ceud eadar-dhealachadh,—Tha tràillean a' gabhail saorsa o dhleasannas ; tha clann a' faotainn saorsa *anns* an dleasannas. Cha-n'eil mearachd a's mò anns an t-saoghal na sin a tha 'saoilsinn gu bheil saorsa na cloinne ann an tigh Dhé a' coimh-sheasamh ann an so,—eadhon gu feud iad dleasannais a choimhlionadh no saorsa 'ghabhail ann a bhi 'gan dearmad ; gu bheil cead aca roghainn a dheanamh eadar seirbhis a choimhlionadh ann an teaghlaich Dhé, no 'f hagail gun deanamh mar a chi iad iomchuidh. Is e a tha sin saorsa air a goid le tràillibh, agus cha-n e an t-saorsa sin a tha an Spiorad a' frithealadh air a' chloinn.*

Tha saorsa nam mac a' coimh-sheasamh ann am farsuinneachd

spioradail eridhe, 'gan giùlan a mach gu nàdurra agus gu gnèidh-eil ann an uile shlighibh aoraidh Dhé. 'Nuair a tha iad 'gam faotainn féin ceangailte suas annta, tha iad a' gleachdadadh ri Dia air son fuasglaidh, agus gu bràth cha-n'eil iad riaraichte le bhi cuairteachadh dhleasannas, mar 'eil sin deanta leò mar ann an Criod, le eridheachaibh saora, neo-chealgach, gun chuing. Tha saorsa nan seirbhiseach, ma seadh, o dhleasannas ; ach saorsa nam mac *anns* an dleasannas.

An dara ealair-dhealachadh,—Tha saorsa nan tràill no nan seirbhiseach air a tarruing o *bhreithneachadh mearachdach*, meallta ; tha saorsa nam mac o chumhachd Spioraid nan gràs a tha 'chòmhnuidh annta ; ann an cainnt eile, tha saorsa nan seirbhiseach air a faotainn o bhreithneachadh marbh o'n taobh a muigh ; tha saorsa nam mac o fhreumh beò anns an taobh a stigh.

A rìs : Is e dara freumh na h-ùmhlachd *gràdh* ; tha so a' toirt tlachd agus toil-inntinn dhoibh ann a bhi 'ga coimhlionadh. Eoin xiv. 15, "Ma's toigh leibh mise," tha Criod ag ràdh, "coimhidibh m' àitheantan." Is e gràdh freumh an dleasannas gu léir ; agus uime sin tha an Tighearn a' filleadh suas ar n-ùmhlachd gu léir ann an gràdh do Dhia agus d'ar coimhearsnach ; agus Pol, air an aobhar cheudna, ag innseadh dhuinn gur e an "gràdh coimhlionadh an lagha," Rom. xiii. 10. Far am bheil gràdh ann an dleasannas air bith, tha e coimhlionta ann an Criod. Cia cho tric as a tha Daibhidh, eadhon le h-iongantas, a' cur an céill a' ghràidh so 'naimeachd maille ri Dia ! "O," a deir e, "eia taitneach leam d' àitheantan !" Tha so a' toirt toil-inutinn do na naomhaibh, eadhon nach 'eil àitheantan Criod doilghiosach dhoibh. Cha robh seirbhis chruaidh Iacoib doilghiosach dha do bhrìgh a ghràidh do Rachel. Chan-eil aon air bith do dhleasannasaibh a' chreidich doilghiosach dha, do bhrìgh a ghràidh do Criod. Theid iad an ceann na h-uile ni, do bhrìgh so, le tlachd agus toil-inntinn. Do bhrìgh so, tha ciocras orra air son cothroim imeachd maille ri Dia,—a' plosgartaich an déagh tuillidh comais ; ni anns am bheil earrann mhòr de'n t-saorsa nìhacail so a' coimh-sheasamh. Tha e a' toirt aoibhneis dhoibh 'nan ùmhlachd. "Chan-eil eagal ann an gràdh ; ach tilgidh gràdh diongmhalta an t-eagal a mach," 1 Eoin iv. 18. Air do'n anam a bhi ann an cleachdadadh a ghràidh anns an ùmhlachd, tha an t-eagal sin air a thilgeadh a mach a tha na thoradh daorsa air a spiorad. A nis, air do'n dà

bhith so—beatha agus gràdh—a bhi 'faotainn coimh-chleach-daidh, tha saorsa agus farsuinneachd eridhe coimhecheangailte ris, gu h-anabarrach am fad air falbh o'n t-suidheachadh thràil-leil, cheangailte sin anns am bheil mòran agimeachd, a tha 'nan coigrieb do uchd-mhaeachd na cloiune.

Anns an dura àite.—Tha an t-saorsa so a' coimh-sheasamh mar an ceudna anns gu bheil *cuspair* an ùmhlaichd air 'fhoill-seachadh dhoibh mar chuspair *ion-mhiannaichte*, am feadh a tha e do mhuinntir eile 'na chuspair *eagalach*. 'Nan teachd dlùth do Dhia, tha iad a' beachdachadh air mar *Athair*; tha iad a' gairm an Athair féin deth, Gal. iv. 6, cha-n ann ann an cainnt a mhain, ach ann an spiorad nam mae. Tha Dia ann an Criosd a ghàth fa'n comhair; cha-n ann a mhain mar neach a tha airidh air an urram agus an ùmhlaichd sin gu léir a tha e 'g àithne, ach mar an eudna mar neach anns am bheil iad gu bhi 'faotainn anabarr toil-inntinn, mar neach a tha uile-fhoghain-teach gu bhi sàsaechadh uile thograidhean an anama. 'Nuair a dh' fheudas muinntir eile a bhi 'pasgadh an talanna ann an neapaicin, ag amhare air Dia mar mhaighstir geur-theann, tha iadsan a' buileachadh an neirt gus a cheum a's àirde, mar mhuinntir a tha tarruing dlùth dha-san a tha gu gràsmhor a' tabhairt duais uaith. Tha iad air an gluasad 'nan imeachd le freumh beatha agus gràidh 'nan anamaibh, a dh' ionnsuidh uchd an Athar bheò agus ghràdhais e; cha-n'eil iad ach ag ath-philleadh an neirt a thugadh dhoibh a dh' ionnsuidh na tobrach o'n d' thàinig e.

Anns an treas aite.—Is e 'tha 'gan *gluasad* 'nan ùmhlaichd *gràdh*, 2 Cor. v. 14. Air dhoibh a bhi 'measrachadh gràidh an Athar, tha iad air an giùlan a mach gu h-éifeachdach ann an cleachdadhl a ghràidh, chum a bhi 'gan toirt féin seachad dha-san a tha 'na ghràdh. Cia mòr an t-saorsa tha ann an so! eiod am farsuinneachd spioraid a'tha anna-tsan a tha 'g imeachd a réir an riaghailte so! Is iad companaich mhuinntir eile 'nan slighibh, dorchadas, agus eagal, agus daorsa, agus coguis chiontach, coimhecheangailte r'an dòehasaibh fireantachd gu léir; ach aig a' chloinn tha solus, agus gràdh, agus toil-inntinn 'nan uile imeachd maille ri Dia. Tha an saoghal 'na choigreach iomlan do chridhe nam mac ann an tigh an Athar.

Anns a' cheithreamh àite.—A thaobh *dbigh* na h-ùmhlaichd, tha i air a coimhlionadh leò gu *toileach*. Tha iad 'gan toirt féin seachad do Dhia, "mar dhream a tha beò o na mairbh," Rom. vi. 13; tha iad 'ga dheanamh gu *toileach*, gu *suilbhire*, gu *saor*.

"Le m' uile chridhe," deir Daibhidh gu tric. Tha iad 'gan toirt féin do Dhia "nam beò-lobairt," Rom. xii. 1, agus 'nan lobairt thoileach.

Anns a' chuigeadh aite.—Is e rìaghailte an imeachd maille ri Dia lagh na saorsa, saor o a chumhachd eagalach bagraidh, agus ditidh, agus mallachaiddh, agus marbhaidh ; agus ann anu fuil Iosa, air a dheanamh milis, tlusail, tarbhach, seòlach,—cuideachail mar riaghailt imeachd anns a' bheatha nuaidh sin a fhuair iad, cha-n ann mar mheadhon oibreacaidh air son beatha nach 'eil aca. Dh'fheudamaid tuilleadh eisempleir 'ainmeachadh. Fòghnadh iad so aig an àm gu bhi 'nochdadh na saorsa sin a tha aig cloinn Dhé 'na theaghlach ann an slighibh na h-ùmhlachd, air am bheil na Gibeonaich bhochda 'nan coigrich.

(2.) Is e an dara ni a tha aig cloinn Dhé tre'n uchd-mhacachd còir. Tha còir aca air uile shochairibh an teaghlach sin chum am bheil iad air an atharrachadh. Is e so sàr-inbhe nam fior mhac ann an teaghlach air bith. Air do Shàrah bhi 'g iarraidh Ishmael a thilgeadh a mach, b'e fath a tagraidh gu'm bu mhac na ban-tràille e, Gen. xxi. 10, agus mar sin nach b' fhìor leanabh an teaghlach e ; agus uime sin gun chòir air bith aige 'bhi na chomh-oighre maille ri Isaac. Is e reusonachadh an abstoil mar an ceudna, "Cha seirbhisich ni's mo sinn ach clann, agus ma's clann, is oighreachan, Rom. viii. 14—17,—"mar chloinn tha còir againn : agus a mheud 's nach 'eil a chòir so againn a thaobh breith—air dhuinn a bhi gu nàdurra 'nar cloinn feirge —thugadh dhuinn i tre'n uchd-mhacachd."

A nis, ann an so tha còir dà-fhillte aig na naomhaibh :—1. Còir àraighe, a thaobh nithe spioradail. 2. Còir leanmhuiinneach, a thaobh nithe aimsireil :—

[1.] A thaobh a' cheud chòir, a tha aca mar uchd-mhic ann an nthibh spioradail, tha so mar an ceudna dà-fhillte :—(1.) Tha àite, agus ainm, agus suidheachadh aca ann an tigh Dhé, anns an àm a tha làthair, agus ann an uile shochairean agus fhrithealaidhean an tigh sin. (2.) Tha còir aca ann an lànachd oighreachd mhòir na glòire anns an *t-saoghal chum teachd*,—lanachd na rioghachd a choisinneadh air son an teaghlach sin gu léir anns an bheil iad, le Iosa Criod :—

Anns a' cheud àite,—Tha còir agus seilbh aca ann am *frithealaidh* teaghlach Dhé gu léir anns an àm a tha làthair.

¶ Is e priomh sheadh an fhrithealaidh so, àrd-riaghlaidh tigh Dhé a bhi ann an làmhaibh an Tighearn Iosa Criod, ann an suidheachadh òrduighean, agus ann a bhi 'comhpairteachadh an

Spioraid, chum beatha agus éifeachd a chur anna chum na críche sin air son an robh iad air an suidheachadh. A nis, is iad a chlann priomh chuspairean an fhrithealaidh so ; tha so uile air an son, agus air a chleachdadhbh d'an taobh. Thug Dia Iosa Criosc gu bhi “’na cheann os ceann nan uile nithe do'n eaglais, a tha ’na corp aige,” Eph. i. 22, 23 : thug e esan gu bhi na cheann os ceann na nithe spioradail sin gu léir, agus dh' earb e an riaghlaigh tughdarrach gu léir ris, chum tairbhe agus leas na h-eaglais, eadhon teaghlaich Dhé. Tha so uile deanta leis air son maith agus buannachd nam mòran mhac sin a bheir e dh'ionnsuidh glòire, Eabh. ii. 10 ; faic Eph. iv. 8—13. Is i críoch an Tighearn Iosa ann an suidheachadh òrduighean an t-soisgeil, agus luchd-frithealaidh nan òrdugh sin, “na naoimh a dheasachadh, chum oibre na ministreileachd, chum togail suas cuirp Chriosd.” Tha na h-uile ni air an son-san, tha na h-uile ni air son an teaghlaich. Ann an so tha dilseachd Chriosd air a cleachdadhbh, tha e dileas ann an tigh Dhé uile, Eabh. iii. 2. Uime sin tha an t-abstol ag innseadh do na Corintianaich gu'm buin frithealaidhean agus òrduighean so an t-soisgeil gu léir dhoibh,—gu bheil iad uile air an son. Ciod air bith buannachd a tha'n saoghal a' faotainn tre nithibh an t-soisgeil—agus is mòr sin air iomadh dòigh—is ann air sgàth cloinne na teaghlaich so a tha iad ’ga fhaotainn. Is e so, ma seadh, rùn agus críoch an Tighearn Iosa ann an suidheachadh uile òrduighean agus fhrith-ealaidhean an t-soisgeil,—gu'm bitheadh iad chum tairbhe tighe agus teaghlaich Dhé, maille r'a chloinn agus a sheirbhisich gu léir ann.

Tha e fior gu bheil am focal air a shearmonachadh do'n t-saoghal uile, chum a bhi 'cruinneachadh cloinne rùin Dhé r'a chéile a tha air an sgapadh sios agus suas air feadh an t-saoghail, agus a chum a chuid eile 'fhangail gun leisgeul ; gidheadh is i priomh chríoch agus rùn an Tighearna anns an fhocal, a bhi cruinneachadh r' a chéile oighreachan na slàinte a dh' ionnsuillh 'bhi 'sealbhachadh na cuirme sin a dh' ullaicheadh leis de nithibh blasda làn de smior 'na thigh féin.

A ris : is ann aca-san a mhain a tha còir ann an òrduighibh an t-soisgeil, agus ann an sochairibh teaghlaich Dhé, mar a tha iad sin air am frithealadh 'na eaglais a réir 'inntinn féin. Is i an eaglais “tigh Dhé,” 1 Tim. iii. 15 ; Eabh. iii. 6 ; anns am bheil e 'gleidheadh agus a' cumail suas a theaghlaich uile, 'gan riaghlaigh a réir 'inntinn agus a thoile féin. A nis, cò aig am bi còir air bith ann an tigh Dhé, ach a mhain aig a' chloinn ?

Cha cheadaich sinne còir do neach air bith 'nar tighibh féin ach d'ar cloinn féin ; agus am bheil thu saoilsinn gu'n ceadaich Dia sin do neach air bith na thigh féin ach d' a chloinn a mhain mar an ceudna ? Am bheil e iomchuidh "aran na cloinne 'ghabhail agus a thilgeadh chum nan con ?" Chi sinn nach 'eil còir air bith aig aon neach eile ach aig cloinn air sochairibh tigh Dhé, ma bheir sinn fainear,—

Air tùs, Nàdur an tigh sin. The e air a dheanamh suas de mhuinnntir do nach comasach còir no àite 'fhaotainn ann ach mar chloinn uchd-mhacaichte. Tha e air a dheanamh suas de "chlachaibh beò," 1 Phead. ii. 5;—"ginealach taghta, sagartachd rioghail, cinneach naomh, sluagh sònruichte," rann 9 ; "naoimh agus braithrean dileas ann an Criod," Eph. i. 1; Col. i. 2 ;—sluagh a tha "uile 'nam fireanaibh," Isa. Ix. 21 ; tha an tigh so gu léir 'na aitreibh ro ghlòrmhor, caib. liv. 11-14,—tha slighe an tighe 'na "shligh na naomhachd," troimh nach siubhail neach neòghan, caib. xxxv. 8 ; seadh, gu soilleir, is iad "mic agus nigheanan an Tighearn Uile-chumhachdaich," agus iadsan a mhain, 2 Cor. vi. 17, 18 ; tha 'chuid eile gu léir air an dùnad a mach, Taisb. xxi. 27. Tha e fìor gu bheil mòran gu tric a' goid a steach do thigh mòr Dhé ; agus mar sin gheibhear ann "cha-n e mhain soithichean òir agus airgid, ach mar an eundna soithichean fiodha, agus creadha," 2 Tim. ii. 20 ; ach tha iad so a mhain a' goid a steach, mar a tha Iudas a labhairt, rann 4, cha-n'eil còir no seilbh air bith aca ann.

Ach a ris : Tha sochairean an tighe de leithid a' nàduir as nach 'eil freagarrachd no buannachd annta do neach eile. Ciod am feum a tha ann a bhi 'toirt bìdh do dhuine marbh ? Am fas e neartmhор leis ? An cuir an lòn 'am meud e ? Tha na h-uile ni ann an teaghlaich agus 'an tigh Dhé 'na lòn air son anama beò. A nis, is iad a' chlann a mhain a tha beò, tha na h-uile neach eile marbh ann an euceartaibh agus 'am peacaidhibh. Ciod am feum a bhitheas ann an samhlaidhean o'n taobh a muigh, as eugmhais beatha agus cumhachd ? Ciod air bith sochair air an amhaire sinn a bluineas do na naomhaibh ann an teaghlaich Dhé, chi sinn gu bheil freagarrachd annta uile do chreidich ; agus, ann a bhi 'gam buileachadh air an t-saoghal, nach bitheadh ann ach a' cur nèamhnuid' ann an soc na muic.

Is iad mic an teaghlaich a mhain, ma seadh, aig am bheil a' chòir so ; tha comunn aca r'a chéile, agus an comunn sin aca ris an Athair agus ris a' Mhac Iosa Criod ; tha iad a' foillseachadh

bàis an Tighearna gus an tig e; tha uile òrduighean an tighe, agus frithealadh nan òrduighean sin air an earbsa riu. Agus co a thig a steach eadar iad agus a bhi 'sealbhachadh no eòrach so, no a chumias iad air an' ais o sin a rinn Criod a chosnadhl air an son? Agus bheir an Tighearn dhoibh fa dheòidh anns gach àite cridheachan gu bhi 'deanamh feum de'n chòir so d'a réir sin, chum an easan a philleadhl o bheanntaibh an t-seacharain, gun ionad an suaimhneis a dhi-chuimhneachadh tuilleadh.

Anns an dara àite,—Tha eòir aca air *lànachd* na h-oighreachd ann an glòir a rinn Criod a chosnadhl air son an teaghlach s' gu léir. Mar sin tha an t-abstol a' cur 'an céill, Rom. viii. 17, "Ma's clann, is oighreachan; oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criod." Tha clann Dhé uile 'nan "ceudghin," Eabh. xii. 23; agus uime sin tha iad uile 'nan oighreachaibh: air an aobhar sin tha cudthrom na glòire sin gu léir a dh' ulluicheadh air an son a' faotainn mar ainm "an oighreachd," Col. i. 13, "Oighreachd nan naomh anns an t-solus." "Ma's le Criod sibh, is sibh siol Abrahaim gun amharus, agus is oighreachan sibh a réir a' gheallaidh," Gal. iii. 29. Oighreachan a' gheallaidh; is e sin, air na h-uile ni a bha air a ghealltuinn do Abraham ann agus maille ri Criod.

Tha tri nithe a thaobh so air am bheil clann Dé air an deanamh 'nan oighreachaibh :—

An ceud ni, An *gealladh*; mar ann an Gal. iii. 29, agus Eabh. vi. 17. Tha Dia "a' feuchainn neo-chaochlaindheachd a chomhairle do oighreachaibh a' gheallaidh;" mar sin tha Abraham, Isaac, agus Jacob air an ainmeachadh mar "chomh-oighreachaibh a' gheallaidh cheudna," Eabh. xi. 9. Thug Dia gealladh ro inbheach ann an Criod, roimh bhunait an domhain, anns am bheil saoradh o na h-nile h-ole air 'fhillleadhl suas, agus anns an do ghabh e os làimh na h-uile ni maith a bhuleachadh air a' chloinn. Tha e 'filleadhl ann saoradh o na h-uile h-ole a thugadh orra tre chionta peacaidh agus aintighearnas Shàtain, agus eòir-sheilbh as an leth ann an uile bheannachdaibh spioradail nan ionadan nèamhaidh ann an Iosa Criod. Air an aobhar sin, ann an Eabh. ix. 15, tha an Spiorad Naomh a' toirt mar ainm air "gealladh na h-oighreachd shiorruidh." Tha clann uchd-mhacaichte Dhé, ma seadh, 'nan oighreachaibh, anns a' cheud àite, air a' ghealladh. Ciod air bith ni a th'anns a' ghealladh a thug Dia air tùs do'n duine an déigh a thuitem, agus a bha o'n àm sin air 'ath-nuadhachadh leis, agus air a dhaingneachadh le a mhionnaibh; tha iadsan 'nan oighreachaibh

air, agus tha còir an tagraigdh air an oighreachd a' seasamh dhoibh ann an cùirtibh na flaitheanais.

An dara ni, Tha iad 'nan oighreachaibh air *fìreantachd* Eabh. xi. 7. Bha Noah na oighre na fìreantachd sin a tha o chreidimh; ni de'm bheil Peadar a' gairm "oighreachan air gràs na beatha," 1 Phead. iii. 7. Agus tha Seumas a' cur an dà ni cuideachd, caib. ii. 5, "oighreachan air an rioghachd a gheall Dia;" is e sin, air rioghachd nan gràs, agus an fìreantachd a tha ann. Agus a thaobh so tha an t-abstol ag innseadh dhuinn, Eph. i. 11, gu'n "d'fhuair sinn oighreachd;" oighreachd a tha e mar an ceudna ag ainmeachadh coimhcheangailte ris an fìreantachd a tha o chreidimh, Gniomh. xxvi. 18. A nis, tha an fìreantachd, agus an gràs, agus an oighreachd so a' ciallachadh, cha-n e mhain an fìreantachd sin air am bheil sinn 'nar Inchd-comhpairt anns a' bheatha so, ach mar an ceudna erioch agus fairfeachd na fireantachd sin ann an glòir; mar a tha air a dheanamh cinnteach anns an ath àite,—

An treas ni, Tha iad 'nan "oighreachaibh na slàinte," Eabh. i. 14, agus "'nan oighreachaibh a réir dòchais na beatha maireannaich," Titus iii. 7; ni de'm bheil Peadar a' gairm "oighreachd neo-thruaillidh," 1 Phead. i. 4; agus Pol, "duais na h-oighreachd," Col. iii. 24,—is e sin, fairfeachd oighreachd sin an t-soluis agus na naomhachd a tha iad a cheana 'sealbhachadh. Mar so, ma seadh, tha slàinte ionlan Chriosd r'a bheachdachadh gu h-eadar-dhealaichte; 1. Stéidh na slàinte, na geallaidean; 2. Meadhonan na slàinte, fireantachd agus naomhachd; agus, 3. Crioch na slàinte, glòir shiorruidh. Tha còir aig mic Dhé air an ionlan, do bhrigh g'un d'rinneadh iad 'nan oighreachaibh maille ri Criosd.

Is iad so, ma seadh, na priomh nithe anns am bheil còir sin nan naomh a' coimh-sheasamh a tha aca tre'n uchd-mhacaichd; agus a dh'fheudar 'ainmeachadh ann am focal, anns gur e an Tighearn féin an cuibhrionn agus an oighreachd, agus is iadsan oighreachd an Tighearna; agus cia cho saoibhir as a ta a' chuibhrionn a tha aca! thuit an crannchur dhoibh ann an ionadaibh aoibhneach.

[2.] A bhàrr air a chòir *àraidh* so, tha còir *leanmhuinneach* aig mic uchd-mhacaichte Dhé,—còir a thaobh nithe na beatha so; is e sin, anns a' chuibhrionn sin dheth a thoilicheas Dia a chur 'nan làmhaibh. Is e Criosd "oighre nan uile nithe," Eabh. i. 2; bha na h-uile còir air nithibh maith a' chruthachaidh air a call tre'n pheacadh. Rinn an Tighearn air tùs, 'na

àrd-uachdaranaachd féin, na h-uile ni a dheanamh thairis air son feum an duine ; dh'òrduich e fuigheall oibre a làmh, gach ni 'na àite féin, chum a bhi cuideachail dha. Rinn am peacadh an suidheachadh so a thilgeadh bun os ceann,—bha na h-uile ni air a chur saor o'n iochdranachd so dha ; gidheadh, air dhoibh a bhi air an tionndadh a thaobh tre'n t-saorsa sin o phrìomh chrìch an comharachaiddh, cha-n'eil ann dhoibh ach earrann de'n diomhanas agus de'n mhallaachadh fo'm bheil iad. Tha e 'na eucoir do ni air bith gu'm bitheadh e air a chur a thaobh o na chrìch sin air son an robh e air tùs air a chomharachaiddh. Bha an cruthachadh gu léir tre'n pheacadh air a leigeadh fuasgailte o bhi fo riaghlaadh iochdaran air bith ; agus air do'n duine tuiteam o'n inbhe sin anns an robh uachdaranaachd aige os ceann nan creutairean agus seilbh anna, cha-n'eil a nis an comas a's lugh aige còir air bith a thagradh anna. Ach a nis, air do'n Tighearn rùnachadh cuibhrionn a ghabhail d'a ionnsuidh féin o mheall leagta a' chinne-dhaoine, agus an comharachaiddh 'nan oighreacaibh na sláinte, cha-n'eil e air ball a' sgrios oibre a' chruthachaida, ach tha e 'gan gleidheadh chum a bhi cuideachail dhoibh 'nan oilthireachd. Chum na crìche so tha còirichean nan nithe sin gu léir a chaill an ceud Adhamh, air an deanamh thairis do'n dara Adhamh, a chomharaich Dia 'na "oighre nan uile nithe." Agus mar sin, air do chloinn an uchd-mhacachd a bhi 'nan "comh-oighreacaibh maille ri Criod," tha còir aca-san mar an ceudna ann an nithibh a' chruthachaida so. Chum a bhi soilleireachadh ciod anns am bheil a' chòir so a' coimh-sheasamh, bheir sinn seachad na beachdan so a leanas :—

Anns a' chéud àite,—Cha-n'eil an còir a tha aca-san coimhionann ri còir Chriod ; is e sin, àrd-uachdaaranach agus os ceann nan uile, chum a chuid féin a bhualeachadh mar is àill leis ; ach tha an còir-san 'na chòir iochdaranaach, ionnus gu feum iad eunntas a thoirt as a bhualeachadh a ni iad air na nithibh sin anns am bheil còir aca. Tha còir Chriod na còir *Tighearn'* an tighe, tha còir nan naomh na còir *sheirbhiseach*.

Anns an dara àite,—Gu bheil còir aig cloinn Dhé gu léir air an *talamh gu h-ionlan*, a's leis an Tighearn, maille r'a lànachd ; agus sin anns an dà sheadh so :—

An ceud seadh, Gu bheil Tighearn àrd-uachdaranaach na talmhainn 'ga chumail suas a mhain air an son, agus air an sgàth ; cha-n'eil anns na h-uile neach eile ach *luchd-seilbh midhligheach*, a' briseadh a stigh air crìochaibh an Tighearna, gun chòir no cead uaith.

An dara seadh, Gu'n do gheall Criosc dhoibh rioghachd agus uachdaranaichd na talmhainn, anns an dòigh sin anns am faic e iomchuidh 'na fhreasdal a chur gu buil ; is e sin, gu'm bi riaghladh na talmhainn air a chleachdadh ann an rathad a bhitheas chum an leas.

Anns an treas àite,—Tha a' chòir so a tha aca na còdair spioradail, nach 'eil a' toirt seilbh siobhalta dhoibh ann, ach a mhain a' naomhachadh na còrach agus an t-seilbh a tha air am buileachadh. Shònraich Dia 'na fhreasdal crìochan aite-còmhnuidh dhaoine, Gniomh. xvii. 26, a' ceadachadh do dhaoinibh an t-saoghal euibhrionn a shealbhachadh ann, agus sin gu tric euibhrionn làn agus saoibhir ; agus sin air sgàth na cloinne, chum nach briseadh ainmhidhean sin na frith, a riuneadh chum a bhi air an sgrios, a steach fuasgailte air an t-seilbh uile. Uime sine,—

Anns a' cheathramh àite,—Cha-n 'eil còir air bith aig neach fa leth de chloinn an uchd-mhacachd ann an euibhrionn air bith de nithibh saoghalta, anns nach d' thugadh còir siobhalta dha ann am freasdal Dhé. Ach,—

Anns a' chuigeamh àite,—Tha an dà ni so aca tre'n uchd-mhacachd :—1. Ciod air bith euibhrionn a thoilicheas Dia a thoirt doibh, tha còir aca air, mar a rinneadh thairis e do Chriosd, agus cha-n ann mar a tha e 'na luidh fo'n mhallaichadh agus fo'n diomhanas a tha air teachd air a' chruthachadh tre'n pheacadh ; agus uime sin cha ghairmear gu bràth gu cunntas iad air son a bhi glacadh seilbh de'n ni sin nach buin doibh, mar a tharlas do chloinn sin nan daoine gu léir a tha 'deanamh gréime ainneartaich air na nithibh sin a chuir Dia saor o bhi fo thighearnas dhoibh do bhrìgh peacaidh. 2. Tha iad air an treòrachadh, tre na chòir so a tha aca, gu feum naomhachaidh a dheanamh de na nithibh a tha iad mar so a' sealbhachadh ; a mheud 's gu bheil iad annnta féin nan geall-duingnich dhoibh air gràdh an Athar, air an ionnlad ann am fuil Chriosd, agus 'nan nithibh a tha 'eur impidh gràidh air an spioradaibh a bhi beò dha-san a tha 'toirt nan uile nithe dhoibh gu saoibhir r'an sealbhachadh.

Is e so, ma seadh, an dara ni a tha againn tre'n uchd-mhacachd ; agus uaith so gabhaidh sinn oirnn a ràdh a thaobh man mi-chreideach, nach 'eil fior chòir aca air ni sam bith a tha iad a' sealbhachadh.

Cha-n 'eil fior chòir chinnteach aca, tha sinn ag ràdh, eadhon air na nithibh aimsireil sin a tha 'nan làmhaibh ; tha e fior

gu bheil còir shiobhalta aca orra 'nan dàimhibh gach aon d'a chéile, ach cha-n 'eil còir naomhachaidh aca a thaobh an anama féin. Tha còir aca a sheasas dhoibh ann an cuirtibh dhaoine, ach cha-n 'eil còir aca a sheasas 'am fiamuis Dhé, no ann an cuirt an coguis féin. Is doilgheasach an là dhoibh anns am feum iad eunntas a thoirt do Dhia as na h-uile ni a rinn iad a shealbhachadh. Cha-n e 'mhain gu'm bi iad air an gairm gu eunntas a thaobh a' mi-bhuileachadh am rinneadh leo air na nithibh sin a shealbhaich iad, anns nach do ghlioraich iad esan annta agus leo d' am buineadh iad ; ach mar an ceudna, a thaobh gu'n do chuir iad eadbon an lámhan air creutairibh Dhé, agus gu'n d' rinn iad an eumail uatha-san air sgàth am bheil iad air an gleidheadh o bhi air an sgrios. 'Nuair a ghlacas Dia na glòire 'na lámhaibh iad, aon chuid 'nan coguisibh ann an so, no anns a' bhreitheanas an déigh so, agus a labhras e le h-uamhunn a' bhreitheimh dhioghaltaich, "Cheadaich mi dhuibh arbhar, agus fion, agus oladh, a shealbhachadh,—cuibhrionn pait de mo chreutairibh ; bha sibh 'gar n-aorimeagan féin ann an saoibhreas agus sògh, am feadh a bha oighreachan dligeach nan nithe sin bochd, agus iosal, agus diblidh aig 'ur dorsaibh ;—thugaibh a nis eunntas air bhur stiùbhhardachd. Ciod a rinn sibh a bhuleachadh air seirbheis agus air eur air aghaidh an t-soisgeil ? Ciod a thug sibh dhoibh-san do nach d' ullaicheadh ni sam bith ? ciod an leasachadh a rinn sibh air bochdaiinn nan naomh ? An robh bhur lámh ullamh, agus bhur n-inntinn toileach, na h-uile ni a leagadh sios air mo sgàth-sa ?"—nuair is éigin doibh freagair ann am firinn, "A Thighearna, bha, gun amharus, cuibhrionn mòr againn anns an t-saoghal ; ach ghabh sinn e mar ar euid féin, a' meas gu fendamaid ar euid féin a bhuleachadh mar a b' àill leinn. Dh'ith sinn na nithe reamhra, agus dh' ol sinn nithe milse, agus dh' fhag sinn am fuigheall d'ar naoidheanaibh : rinn sinn cuibhrionn a bhuleachadh air ar n-ana-miannaibh, cuibhrionn air ar càirdibh ; ach is fior nach d' rinn sinn duinn féin càirdean le Mamon so na h-eucorach,—cha do chuir sinn ar lámh ri soirbheachadh an t-soisgeil ; cha do leasaich sinn uireasbhuidhean do naomh : agus a nis, feuch, is éigin duinn bàsachadh :"—mar sin mar an ceudna, 'nuair a theid an Tighearn air aghaidh, cha-n ann a mhain a ghabhail eunntais diubh a thaobh am mi-bhuileachaidh air na nithibh sin, ach mar an ceudna a thaobh an còir annta, agus a their e riù, "Is leam-sa an talamh agus a làn. Rinn mi, gun

amharus, na nithe sin a thoirt thairis do'n duine air tÙs ; ach chailleadh a' chòir sin tre'n pheacadh : rinn mi an aisig air son mo naomh a mhain. Ciod uime, ma seadh, an do ghlac ar làmhan mar chobhairtich na nithe sin nach buineadh idir dhuibh? e' arson a dh' eignich sibh na crentairean a chruthaich mi, gu bhi 'deanamh seirbhis dhuibh féin agus do 'ur n-anamannaibh, air dhomh au saoradh o bhi fo thighearnas dhuibh? Thugaibh dhomh mo *lion*, *m' olainn*, *agus m' fhion*; ruisgidh mi lomnochd sibh mar anns an là 'an d' rugadh sibh; dioghaileadh mi bhur spuinneadh oirbh, agus bhur seilbh eucorach anns na nithibh sin nach b'e bhur euid féin :”—ciod, tha sinn ag ràdh, a ni daoine anns an là sin?

(3.) Is e an treas sochair a tha againn anns an uchd-mhacacl'd *dùinachd*. Ach rinn sinn so a thoirt fainear a cheana ann an labhairt mu oirdheireas Chriosd mar an t-slighe anns am bheil sinn a' tarruing dlùth do Dhia ; agus uime sin cha dean sinn a thogail a rìs anns an àite so.

(4.) Is e an ceathramh ni *ámhgar*; buinidh so mar an ceudna do sochairibh na cloinne, mar a tha e 'na thoradh gràidh a' trebrachadh a dh' ionnsuidh buannachdan spioradail agus comh-chumaidh ri Chriosd, agus mar a tha e air a choimh-mheasgadh le millseachd a láthaireachd féin, Eabhd. xii. 3-6 ; ach air na nithibh fa leth so cha-n fhead sinn a bhi 'leudachadh.

Is e so, tha sinn ag ràdh, *tobar* nan sochair sin gu léir a choisinn Chriosd air ar son, anns am bheil mar an ceudna comh-chomunn againn ris : comh-chomunn ann an *ainm*; tha sinn (mar a tha e féin) 'nar cloinn do Dhia : comh-chomunn ann an *còir*; is oighreachan sinn, agus comh-oighreachan maille ri Chriosd ; comh-chomunn ann an *cosmhuitreachd*; roimh-òrduich-eadh sinn chum a bhi comh-chosmhuil ri ceul-ghin an teaghlach; comh-chomunn ann an *urram*; cha näire leis braithrean a ghairm dhinn ; comh-chomunn ann am *fulangasaibh*; dh' fhòghluim e 'mhblachd o na nithibh a dh' fhuiling e, agus smachdaichear gach mac ris an gabhair: comh-chomunn ris 'na *rioghachd*; rioghaichidh sinn maille ris. Ach air na nithibh so uile feumaidh sinn labhairt ann an rathad sònruichte ann an àite eile, agus air an aobhar sin cha dean sinn an leantuinn a mach ni's fhaide aig an àm.

EARRANN III.

CAIBIDEIL I.]

AIR COMH-CHOMUNN RIS AN SPIORAD NAOMH.

Stéidh ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh (Eoin xvi. 1—7) air 'fhosgladh suas—Comhfurtair ; eo e ? An Spiorad Naomh ; a thoil fén 'na theachd d' ar n-ionnsuidh ; air a chur mar an ceudna le Criod—An Spiorad air a chur mar fhear-naomhachaidh agus mar chomhfhurtair—Na nithe tha coimhecheangailte r'a theachd air an toirt fainear—Stéidh a theachd, Eoin xv. 26—A theachd a mach o'n Athair dà-fhillte ; a thaoblh pearsantachd, no a thaoblh dreachd—Cuid de nithibh a tha r'a bheachdachadh a thaoblh a theachd a mach ann an rathad dreachd—Dòigh a bhuleachaidh oirnn—Tha e air a bhuleachadh gu saor : air a chur gu h-iughdarrach—Am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh, eionnus nach fhendar a mhaitheadh—Cionus a tha an Spiorad gu bli air 'iarraidh air an Athair—Ciod e sin doilgeas a chur air an Spiorad—An Spiorad air a dhòrtadh a mach—Cionus a tha e air a ghabhail ; tre chridimh—Cleachdaidhean a' chreidimh ann an 'gabhall an Spioraid Naoimh — A chòmhnuidh maille riunn, eionnus air a chur 'an cèill—Cionus a dh' fheudas sinn ar comhfurtachd a chall am feadh a tha an Comhfurtair a' fantuinu maille riunn.

THA stéidh a' chomh-chomuinn sin gu léir a tha againn ris an Spiorad Naomh a' coimh-sheasamh 'na *theachdairreachd*, no gu bheil e air a chur le Iosa Criod chum a bhi na chomhfurtair dhuinn ; uime sin tha brìgh an fhirthealaidh sin gu léir r'a bhi air a bheachdachadh anns a' chéud àite, chum 's gu'm bitheadh breithmeachadh ceart againn air a' chomh-chomuinn mu'm bheil sinn gu bhi labhairt. A nis, do bhrìgh gu bheil prìomh ghealladh an Spiorad agus na nithe àraidh a tha coimh-cheangailte ris, maille ris a' mhaith a tha r'a fhaotainn agus an t-ole a tha air a bhacadh leis, air an eur sios ann an toiseach an t-sèathamh caibideil deug de shoisgeil Eoin, gabhaidh sinn beachd air mar a tha e ann an sin air a chur an cèill.

'Nuair a bha ar Slànuighear beannaichte gus an saoghal so 'fhagail, air dha a dheanamh aithnichte d' a dheiisciobluibh, 'am measg nithe eile, cionnus a rachadh gabhail riu gu coitchionn ann, tha e nis a' toirt dhoibh fàth ionraidh na sgeòile dubhaich, a chionn iad a bhi cho thàirseach agus lag-chridheach air dhoibh cluinnntinn gu'n robh e nis gu dealachadh riu. Rann 1, "Na nithe so labhair mi ribh, chum nach faigheadh sibh oilbheum;"—"Thug mi fios duibh," tha e 'g ràdh, "air na nitheibh so roimh-làimh—is e sin, na nithe a tha sibh gu bhi 'fulang—air eagal gu'm bitheadh sibhse, anama bochda! a bha 'g altrum dochais gu'm bitheadh bhur càradh air sheòl eile, air bhur glacadh le h-ioghnadh, ionnus gu faigheadh sibh oilbheum annam-sa, agus a' m' theagasg, agus gu'n tuiteadh sibh air falbh uam. Ach a nis, tha rabhadh agaibh, agus tha fhios agaibh ciod ris am feud sibh sùil a bhi agaibh. Seadh," a deir e, rann 2, "air dhomh fios a thoirt duibh ann an rathad coitchionn gu'm bi sibh air bhur geur-leanimhuinn, tha mi nis ag innseadh dhuibh gu soilleir gu'm bi na h-uile dhaoine ann an *comh-bhoinn* 'n 'ur n-aghaidh, a' cur an cumhachd 'an cleachdadh chum bhur sgrios."—"Cuiridh iad as an t-sionagog sibh; seadh, thig an uair, ge b'e neach a mharbhas sibh, gu'n saoil e gu bheil e 'deanamh seirbhis do Dhia."—"Cuiridh an cumhachd *eaglaiseil* a mach as an comunn sibh,—cuiridh iad a mach as an t-sionagog sibh: agus gus nach bi sùil air bith agaibh gu'n dean an *t-uachdaran* aimsireil bhur teasairginn uatha, is ann a *mharbhas* iad sibh: agus a chum gu'm bi fios agaibh gu'n dean iad obair choimhliona dheth, gun ghrabadh no smachd, saoilidh iad gur ann a tha iad a' deanamh seirbhis do Dhia; ni so am brosnachadh 'n 'ur n-aghaidh gu h-ain-ioc'hdmhor gus a' cheum a's fhaide mach."

"Ach is cruaidh an deuchainn so," dh' fhendadh iad a ràdh, "am bheil ar cor mar sin, gu'n saoil daoine, ann a bhi 'gar marbhadh, gu'n dean iad an coguisean a mholaadh do Dhia?" "Seadh, eadhon mar sin," tha an Tighearn ag ràdh; "ach gidheadh, chum nach bi sibh air bhur mealladh, agus nach bi bhur coguisean fo bhruailean air son an dànanadais, bitheadh fhios agaibh gur e an aineolas dall gun athadh a's aobhar am baralach euthaich," rann 3, "Agus ni iad na nithe so, do bhrigh nach aithne dhoibh an t-Athair, no mise."

B'e so, ma seadh, an càradh a bha 'feitheamh nan deisciobul. Ach e'arson a rinn ar Slànuighear na nithe so aithnichte dhoibh aig an àm so, gu bhi 'cur eagail agus imcheist r'an doilgheas

agus am bròn ? ciod an tairbhe' bhithheadh ann doibh ? "Tha aobhairean cudthromach," deir am Maighstir beannaichte, rann 4, "air son na nithe so innseadh dhuibh ; gu sònruichtie, chum, mar a bhitheas sibh air bhur n-ullachadh air an son, gu'm bi sibh mar an ceudna air blur cumail suas, 'nuair a thig iad oirbh, le bhi smuaineachadh air mo Dhiadhachd agus n' uile-fhiosrachd, a thug fios dhuibh orra roimh-làimh," "Ach dh' innis mi na nithe so dhuibh, chum 'nuair a thig an t-àm, gu'n cuimhnich sibh gu'n d' innis mi dhuibh iad," rann 4, "Ach ma tha fios 'fhaotainn orra cho *feumail*, cionnus nach d' thug thu fios dhuinn orra *o thuis*,—"nuair a *ghairmu* thu sinn chum do leantuinn ?" "Eadhon," deir an Tighearn, "do bhrìgh nach robh feum air bith air a shon ; oir am feadh a bha mi maille ribh bha dion agus seòladh am fagus duibh"—"Ach cha dubhairt mi na nithe so ribh *o thuis*, do bhrìgh gu'n robh mi maille ribh : ach a nis tha cuisean air sheòl eile ; is éigin domh bhur fagail," rann 4. "Aeh d' ar taobh-sa, tha sibh cho mòr air bhur lionadh le h-iongnadh agus bròn, as nach 'eil neach agaibh a' fèòraich dhiom 'Cait am bheil thu dol ;' oir nan smuainicheadh sibh uime so, bheireadh e gu cinnteach saorsa dhuibh, a chionn gu bheil mi 'dol a ghabhail seilbh air mo ghlòir, agus a chur air aghaidh oibre bhur slàinte : ach tha eagal agus bròn air tuiteam air blur crideachaibh, ionnus nach 'eil sibh uiread as a fèòraich an déagh fuasglaidh," rainn 5, 6. Air a sin tha an Tighearn a' cur an eòill nam briathran iongant ach sin, rann 7, "Gidheadh tha mi ag innseadh dhuibh na firinn ; Is buannachd dhuibh mise a dh' fhalbh : oir mar falbh mi, cha tig an Comhfhurtair do bhur n-ionnsuidh ; ach ma dh' fhalbas mi, cuiridh mi esan do 'ur n-ionnsuidh."

Do bhrìgh, ma seadh, gur e an raun so *stèadh àrailli* na dh' fheudas a bhi air a labhairt an déagh so, feumaidh sinn beachdachadh sònruichtie a dheanamh air na briathraibh agus an eadar-mhineachadh ; agus sin araon a thaobh roimh-ràdh an rainn, agus an dian-chainnt a tha air a cleachdadh ann, maille ris an reuson a tha coimh-cheangailte ris.

1. An roimh-ràdh,—"Gidheadh tha mi ag innseadh dhuibh na firinn :"—

(1.) Tha an ceud fhocal, "gidheadh," ag eadar-dhealachadh seanachais ; cha-n ann a' togail cunnul an aghaidh ni sam bith a labhair e fèin roimh sin, ach an aghaidh breithneachaidh mhearrachdaich nan deisciobul. "Tha fios agam gur dubhach bhur smuaintean a thaobh nan nithe so ; gidheadh."

(2.) "Tha mi ag innseadh dhuibh na firinn." Tha na briathran anabarrach brìghmhor, agus a' nochdadh gu bheil ni-éigin ro chomharaichte gu leantuinn. Air tùs, "Mise,"— "Tha mise 'ga innseadh dhuibh ; mise tha 'g 'ur gràdhachadh, mise aig am bheil cùram dhibh, agus a tha ann an àine ghearr gu mo bheatha 'leagadh sios air bhur son ; is iad so mo bhriathran deireannach, chum gu'n creid sibh mi ; eadhon mise an fhìrinn féin, tha mise 'ga innseadh dhuibh." Agus,—

A rìs, "Tha mi ag innseadh dhuibh na firinn." "Tha iomadh breithneachadh claoen air deanamh gréim air bhur eridheachaibh túirseach, amharusach. Tha sibh a' meas, nam b'e 's gu'm fanainn maille ribh, gu feudadh na h-uile so a bhi gu léir air am bacadh ; aeh, mo thruaighe ! cha-n'eil fhios agaibh ciod a tha chum bhur leas, no ciod a tha idir iomchuidh. 'Tha mi ag innseadh dhuibh na firinn ;' eadhon an fhìrinn féin ; uime sin, bitheadh bhur eridheachan sàmhach innte." Tha feum air dearbhadh an déigh dearbhaidh, chum iadsan a chomhfhurtachadh a tha air an tilgeadh sios 'an diobhail misnich, fo eagal gu'n d'rinn Criod a làthaireachd a dhealachadh riu, co aca a bhitheas an t-eagal sin firinneach no meallta.

Is e so, ma seadh, roimh-ràdh bhriathran sin ar Slànuighir a bha e gu chur an céill ann an dian-chàinnt chudthromraig, chum a bhi saoradh smuaintean nan deisciobul o chlaon-bheachd-aibh ciùrrail, agus an inntiimean ullachadh air son na firinne móire sin a bha e gu labhairt.

2. Na briathran féin : "Is buannachd dhuibh mis a dh' fhalbh."

Tha dà ni annta :—*Triall* Criod ; agus buannachd a thrialla d'a deisciobluidh.

A thaobh a thrialla, tha e aithnichte ciod a tha air a chiallachadh leis ;—a làthaireachd chorporra a bhi air a toirt air falbh o'n talamh an déigh na h-aisceirigh, air "do nèamh a ghabhail gu aimsiribh aisig nan uile nithe," Gniomh iii. 21 ; oir a thaobh a Dhiadhachd, agus cleachdaidh a ghràidh agus a chùraim d'an taobh, gheall e a bhi maille riu gu deireadh an t-saoghail, Mata xxviii. 20. A thaobh a thrialla, tha e 'g ràdh, "Tha e comhchuideachail do bhur maith ; tha e tarbhach dhuinh ; tha e chum bhur leas ; freagraidh e a' chrìoch a tha agaibh anns an amhare." Is e so seadh an fhocail a rinn sinne eadar-theangachadh "buannachd,"—"Tha e chum buannachd agus tairbhe dhuibh." Is e so, ma seadh, an ni a tha ar Slànuighear a' cur

an céill, agus sin leis an dian-chainnt a dh' ainmich sinn, ag iarraidh a bhi 'daingneachadh nan deisciobul tùirseach ann an firinn an ni a labhair e,—eadhon, gu'm bitheadh a thriall, a bha 'eur eagail agus imcheist orra, air a thionndadh a chum buannachd agus tairbhe dhoibh.

3. A nis, ged a dh' fheudadh e bhi air 'earbsa gu'n comh-aontaicheadh iad ri focal na firinn so ann féin a labhair Criod, gidlheadh do bhrigh gu'n robh gnothach coitchionn aca ris an ni sin a b'e *bunachar na firinne* sin, tha e 'deanamh sin aithnichte dhoibh mar an ceudna; agus a chum gu'n aidlicheamaid gu'm bu ni mòr sin a bheireadh dearbh-chinnite dhoibh gu'm bu ràdh fior a labhair e riu, tha e 'ga chur an céill ann an rathad aicheadh agus aideaehaiddh: "Mar falbh mi, cha tig e; ach ma dh' fhalbhas mi, euiridh mi e." A thaobh trialla Chriod labhair sinn air a cheana: bheir sinn a nis fainear teachd agus eur a' Chomhflurtair, an ni mar an ceudna a bha sinn a' rùnachadh.

"An Comhflurtair :" Tha dà sheadh comharaichte aig an fhocal so anns na Sgriobtuiribh anns a' cheud chàimit,—"fear-tagraidh" agus "comhflurtair ;" tha am focal air a chleachdadh anns a' cheud seadh so a thaobh ar Slànuighir ann an 1 Eoin ii. 1. Feudaidh teagamh a bhi ann, eo an t-eadar-theangachadh a's cothromraighe anns an àite so fear-tagraidh no comhflurtair.

Ma dh' amhaireeas sinn eor nan deisciobul aig an àm anns an robh na briathran air an labhairt,—làn bròin agus imcheist,—is e a's coltaiche gur e an Comhflurtair eadar-theangachadh a's freagarraich: "Lìon dubh-bhròn bhur eridhe; ach euiridh mise an Comhflurtair do bhur n-ionnsuidh ;" agus ma dh' amhaireeas sinn air na briathraibh a tha leantuinn, anns am bheil an obair shònruichte sin air a h-ainmeachadh a dheanadh e 'nuair a thigeadh e, chi sinn mar an ceudna gu'n robh feum aca air mar Fhear-tagraidh, chum aobhar Chriod a thagradh an aghaidh an t-saoghal, rann 8. Ròghnaichidh sium an gealladh 'eadar-theangachadh ann an comh-chòrdadh ri aobhar a fhrith-ealaidh, eadhon dubh-bhròn nan deisciobul, agus mar sin an t-ainm "An Comhflurtair" a ghnàthachadh.

Ann an caib. xv. 26, tha ar Slànuighear beannaichte a' eur an céill eo è an Comhflurtair so. "Spiorad na firinn ;" is e sin, an Spiorad Naomh, a tha foillseachadh gach uile fhirinn do chloinn nan daoine. A nis, tha dà ni air an ainmeachadh

a thaobh a' Chomhfhurtair so :—(1.) Gu'n *tig* e. (2.) Gu'n *enir* Criod e.

(1.) Gu'n *tig* e. Tha gealladh a theachd, air do'n chumha sin coimhlionadh 'fhaotainn, Criod a dhol air falbh, air 'filleadh ann an àicheadh a theachd as eugmhais a' choimhlionaidh sin : “ Mar falbh mise, cha *tig* e ; ”—“ Ma dh' fhalbhas mi, *thig* e.” Mar sin, ann an teachd an Spioraid, cha-n e mhain gu bheil e air a chur le Criod, ach tha a thoil féin 'na theachd : “ *Thig* e,”—tha a thoil féin anns an obair.

(2.) “ Cuiridh mise e.” Tha an Tighearn a' teagastg nan deisciobul ceum air cheum anns an diomhaireachd so,—'eur an Spioraid. Ann an caib. xiv. 16, tha e ag ràdh, “ *Guilhidh mise an t-Athair*, agus bheir e dhuibh Comhfhurtair eile ; ” ann an leantuinn a mach a theagaisg tha e cosnadh ceum eile air an creidimh, rann 26, “ Ach an Comhfhurtair, an Spiorad Naoimh, a chuireas an t-Athair uaith a' m' aium-sa ; ” ach ann an caib. xv. 26, tha e ag ràdh, “ *Cuiridh mise e o'n Athair* ; ” agus ann an so, gu neo-mheadhonach, “ *Cuiridh mise e.*” Bha cur an Spioraid mar so le Criod—ni a tha dearbhadh a theachd a mach uaith-san am Mac mar an ceudna—na dhiomhaireachd cho mòr, as nach b' urrainn iad a ghiùlain comhla, uime sin tha e 'gan teagastg ann mar so ceum air cheum.

Is i so suim na cluise :—Tha làthaireachd an Spioraid Naoimh maille ri creidich mar a tha e na chomhfhurtair, air a chur le Criod air son uile chriòchan a gheallaidh, ni's fearr agus ni's tarbhaiche dhoibh na b' urrainn làthaireachd air bith corporra Chriod a bhi, air do'n aon iobairt sin air son peacaidh a bhi air a coimhlionadh a bha e gu thabhairt suas.

A nis, tha an Spiorad Naomh air a ghealltuinn fo bheach-dachadh dà-flillte :—[1.] Mar *Spiorad naomhachaidh* do'n taghadh, chum an iompachadh agus creidich a dheanamh dhiubh. [2.] Mar *Spiorad comhfhurtachaidh* do chreidich, ann a bhi 'comh-chur riu uile shochairean bàis agus cosnadh Criod : is ann anns an dara seadh so a mhain a tha Criod a' labhairt uime ann an so. A nis, a thaobh a làthaireachd maille ruinn anns an t-seadh so, agus na crìochan air son am bheil e air a chur, oir is e sin a tha 's an amhare, thugaibh fainear,—*anns a' cheud àite*,—*Eiridh* agus tobar an fhrithealaidh so ; *anns an dara àite*,—An *dòigh* anns am bheil e air a bhuleachadh ; *anns an treas àite*,—An *dòigh* anns am bheil sinne 'ga ghabhail ; *anns a' cheathramh àite*,—*Còmhnuidh an Spioraid maille rninn* ; *anns a' chuigeamh àite*,—A *chleachdaidhean annainn* ;

anns an t-sèathamh àite,—Ciod iad toraidhean 'oibreachaidh annainn : agus 'an sin bithidh e air a nochdadh o na nithibh so uile cionnus a tha comh-chomunn againn ris.

Bheir sinn fainear gu h-aithghearr, ma seadh, ciod a tha na Sgriobtuirean a' labhairt mu na nithibh fa leth so :—

Anns a' cheud àite,—A thaobh tobair a theachd, tha sin air 'ainmeachadh ann an Eoin xv. 26, "Tha e teachd a mach o'n Athair ;" is e so tobar an fhrithealaidh so, tha e teachd a mach o'n Athair. A nis tha dà sheadh anns am bheil an Spiorad a teachd a mach o'n Athair :—

*An ceud seadh,—A thaobh *bith* agus pearsantachd.*

*An dura seadh,—A thaobh *fritheulaidh*, ann an obair gràis. A thaobh a' cheud seadh—anns an e Spiorad an Athar agus a' Mhic e, a teachd a mach uatha araon o'n uile shiorruidheachd, mar sin a' faotainn a bhith agus a phearsantachd—cha-n'eil sinn gu bhi labhairt: tha e de làndur eadar-dhealaichte o sin a tha measg ar làmhan. Is ann ann, gun amharus, a tha ceud stéidh ar comh-chomuinn ris, agus ar n-aoraidh dha, a luidh; ach do bhrigh nach ruigeamaid air a bheag sam *bith* eile ann am beachdachadh lom na diomhaireachd so, ach *comh-aontachadh a chreidimh ris* mar air fhoillseachadh, maille ri coimhlionadh nan dleasannas sin a's e dlighe a phearsa a mhain mar a tha comhpait aige ann am *bith* na Diadhachd, cha leudaich sinn air aig an àm so.*

Anns an àite sin de'n fhìrinn a dh' ainmich sin, tha *teachd a mach* an Spioraid air 'ainmeachadh ann an seadh a *fhrith-eulaidh*, chum a bhi 'eur air aghaidh oibre na saoir ghràis. Tha e air a labhairt uime ann an coimhcheangal ri e bhi air a chur le Criod an déigh a dhol suas air nèamh: "Cuiridh mi esan a tha teachd a mach,"—is e sin, "a tha teachd a mach an uair a tha mi 'ga chur." Mur a tha e sgriobhta a thaobh Dhé, "Tha an Tighearn a' teachd a mach as 'ait," Isa. xxvi. 21, cha-n ann a thaobh a bhi 'g atharrachadh àite-còmhnuaidh, ach a thaobh na h-oibre nuaidh sin a bha e gu choimhlionadh; mar sin tha an Tighearn a' teachd a mach as 'ait "a smachdachadh luchd-àiteachaiddh na talmhainn." Mar sin is ann a thaobh na h-oibre sònruichte a tha an Spiorad gu dheanamh a tha esan a' teachd a mach,—eadhon chum fianuis a dheanamh mu thim-chioll Chriosd: ni nach urrainn a bhi air a chur as a leth a thaobh a *teachd a mach o shiorruidheachd*, ach a thaobh a *fhrithealaidh*; eadhon mar a theirear mu Chriosd, "Thainig e mach o Dhia." Air do'n Athair a bhi air 'ainmeachadh ann

an so as eugmhais a' Mhic, tha sùil aige sin ris na ceumaibh foillseachaidh sin a thug sinn fainear, tre'm bheil ar Slànuighear a' fosgladh suas na diomhaireachd so d'a dheisciobluibh. Tha e 'labhairt an ni ceudna d'a thaobh féin, Eoin xvi. 7. Agus tha dàimh so an Spioraid ris an Athair agus ris a' Mhae ann an teachd a mach, uatha maraon a thaobh oibreachaidh, a dearbhadh a dhàimh riu ann féin 'na theachd a mach o shiorruidheachd, a thaobh a phearsantachd ; mu'n do labhair sinn roimh.

Tha tri nithe r'am bheachdachadh ann an stéidh an fhrithcalaidh so, a thaobh ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh :—

An cend ni,—Gu bheil toil an Spioraid anns an *obair*: “Tha e féin a' teachd a mach.” Tha iomradh air a dheanamh gu tric—mar a chi sinn an déigh so—air an Spiorad a bhi air a chur, air a thabhairt, agus air a dhòrtadh a mach ; gidheadh a chum nach bitheadh e air a bbreithmeachadh gu'n robh an Spiorad so gu h-iomlan 'na spiorad *iochdarach cruthaichte*,—na sheirbhiseach a mhain, mar a bha euid gu toibheumach a' labhairt, no eadhon air dhòigh àraidh, a thaobh a phearsantachd, nach robh ann ach feart oibreachaidh Dhé, mar a bha euid eile a' meas,—tha buadhan pearsanta air an eur as a leth anns an obair so, a tha 'dearbhadh a phearsantachd agus a shaoir thoil féin mar phearsa. Tha e “teachd a mach o'n Athair” de 'shaor thoil féin.

An dara ni,—*Irioslachd* an Spioraid Naoimh anns an fhrithcaladh so, ann an teachd a mach o'n Athair agus o'n Mhae, a thaobh na h-oibre so : chum a bhi 'gabhairt oibre Comhfhurtair air féin, amhail a ghabh am Mac obair Fir-saoraidh : air an labhair sinn an déigh so.

An treas ni,—Tha an t-Athair air 'fhoillseachadh mar *thobar* an iomlain, chum gu'm bitheadh aithne againn air 'oibrigh ann an leantuinn a mach a ghràidh taghaidh, a tha anns na h-uile h-àit air a chur as leth an Athar. Is e so, ma seadh, an t-òrdugh a tha air a nochdadh ann an so :—Air tùs, tha *rùn gràidh* an Athar ann, tobar an iomlain ; a ris tha *guidhe a' Mhic* ann, Eoin xiv. 16, ni a tha 'filleadh ann a thoillteanas agus a chosnadhl ; agus a' leantuinn so tha saor *theachd a mach* an Spioraid Naoimh. Agus tha so a' deanamh fianuis, mar an ceudna, air stéidh an teagaisg so gu lèir air am bheil sinn a' labhairt,—eadhon, ar comh-chomunn eadar-dhealaichte ris an Athair ann an gràdh, ris a' Mhae ann an gràs, agus ris an Spiorad Naomh ann an comhfhurtachd. Is e so dorus agus slighe a' chomh-chomuinn sin ris an Spiorad Naomh a dh' ionnsuidh am bheil sinn air ar gairm. Air dhuinn a bhi 'g amhare tre chreidimh

air toil ghràsmhoir agus bheannaichte an Spioraid, air 'irioslachd neo-echríochnaich agus do-labhait, mar stéidh nan oibre sin gu léir a tha e 'coimhlionadh annainn, agus nan sochair air am bheil e 'gar eur ann an seilbh, tha ar n-anaman a' gabhlail eòlais àraidh air, agus an tograidhean, an aignidhean, agus am buidh-eachas, a' cleachdadhl air: air an labhair sinn an déigh so. Is e so an ceud ni a tha r'a bheachdachadh ann ar comh-chomunn ris an Spiorad Naomh.

Anns an dura àite,— An dòigh anns am bheil e air a *bhuileachadh*, no air a comhpairteachadh ruinn o'n tobar so, tha so mar an ceudna r'a thoirt fainear; agus tha tri nithe air am filleadhl suas ann:—

An ceud ni,— Gu bheil e air a thabhairt *gu saor*: “*Bheir e dhniibh Comhfhurtair eile*,” Eoin. xiv. 16. Cha-n'eil aobhar a bhi 'buanchadh ann a bhi 'dearbhadhl so. Cha-n'eil ni sam bith a's tric a tha air 'ainmeachadh ann an coimhcheangal ri comhpairteachadh an Spioraid na gu bheil e air a bhuleachadh agus air a ghabhlail mar shaor thiodhlae: “*Bheir e an Spiorad Naomh dhoibh-san a dh' iarras e.*” An ni sin a tha 'na thiodhlae tha e saor. Tha Spiorad nan gràs air a bhuleachadh o ghràs: cha-n e mhain gu bheil e na thiodhlae mar Spiorad iompachaidl agus naomhachaidh, ach mar an ceudna mar Spiorad comhfhurtachaidh, an seadh sin fós anns am bheil sinn a' labhairt uime; tha e air a ghealltuinn ann an rathad a bhi air a *thabhairt* do chreidich. Uaith so theirear gu bheil an Spiorad air 'fhaotainn, tre'n t-soisgeul, cha-n ann tre'n lagh, Gal. iii. 2; is e sin, o ghràs a mhain, cha-n ann o ar *cosnallh féin*. Agus tha oibre an Spioraid gu léir annainn a 'faotainn mar ainnm “*saor thiodh-lacan*.” Tha e air a bhuleachadh gu saor, agus tha e 'g oibreachadh gu saor; agus tha na tomhasan eadar-dhealaichte sin anns am bheil e air fhaotainn le creidich, air son chriochan sin na comhfhurtachd a bheir sinn fainear,—chriochan a tha mòr, agus lionmhòr agus do-labhait,—tha iad nile 'g éiridh o so, gu bheil e air a bhuleachadh oirnn mar shaor thiodhlae. Is i so a chòir air am bheil sinn 'ga shealbhachadh agus 'ga mhealtruinn, eadhon eoir na *saoir thiodhlaie*. Mar so tha sinn gu bhi 'ga bheachdachadh, mar so tha sinn gu bhi 'ga iarraidh, mar so tha sinn gu bhi 'ga fhaotainn. Tha ni eile, mar an ceudna, ris am bheil an creidimh a' dùnadh a stigh ann ar comh-chomunn ris a' Chomhfhurtair;—is e sin, coimh-cheangal agus comh-aontachadh toil' an Spioraid ri saor thiodhlae an Athar agus a' Mhic ; an ceud ni ag amharc ri oibreachadh eadar-dhealaichte na Diadh-

achd ann am pears' an Spioraid Naoimh ; an ni eile ri òrdugh cleachdaidh na Trionaid gu léir ann an obair ar slàinte tre Iosa Criod. Ann an so tha an t-anam a' deanamh gairdeachais anns a' Chomhfhurtair,—a mheud 's gu bheil e toileach air teachd d'a ionnsuidh, agus a bhi air a bhuleachadh air. Agus do bhrigh gu bheil so uile o shaor thoil agus o shaor thiodhlac, tha gràs gu mòr air 'ardachadh ann.

An dura ni,—Gu bheil e air a thabhairt le *h-ùghdarras*. Uime sin theirear gu bheil e air a CHUR. “An Comhfhurtair a chuireas an t-Athair uauth a' m' ainm-sa,” Eoin. xiv. 26 ; agus, caib. xv. 26, “A chuireas mise do 'ur n-ionnsuidh o'n Athair, agus a ris, “Cuiridh mi esan do 'ur n-ionnsuidh,” caib. xvi. 7. Mar a tha teachdaireachd so an Spioraid Naoimh leis an Athair agus leis a' Mhac a' coimh-fhreagairt an òrduigh anns am bheil bith aig na pearsaibh anns an Trionaid bheannaichte, agus a theachd a mach uatha maraon, is amhuil sin a tha e mar an ceudna a' coimh-fhreagairt an òrduigh oibreachaidh sin a ghabh gach pearsa gu toileach os làimh, mar a dh'ainmich sinn, air son coimhlionaidh oibre ar slainte. Tha ann an so, air dhòigh ro àraidh, irioslachd an Spioraid Naoimh, 'na ghràdh d'ar taobh, ann a bhi teachd d'ar n-ionnsuidh air teachdaireachd ùghdaraich an Athair agus a' Mhic anns an obair so ; ni anns nach 'eil idir iochdranachd no neo-ionannachd a thaobh *bithe*, ach a mhain a thaobh *dreuchd*, anns an obair so. Is e dreuchd an Spioraid Naoimh a bhi 'na fhear-tagraidh air ar son, agus 'na chomh-fhurtair annainn ; agus anns an t-seadh so (cha-n ann mar a tha e ann féin) tha e mar so air a chur gu h-ùghdarach leis an Athair agus leis a' Mhac. Tha e 'na ghnàth-fhocail aithnichte nach 'eil “neo-ionannachd dreuchd' a toirt air falbh ionannachd nàduir.” Cha-n 'eil iochdranachd so an Spioraid (ma dh' fleudar sin a ràdh uime), no a neo-ionannachd a thaobh dreuchd' air dhòigh sam bith a' lughdachadh 'ionannachd a nàduir ris an Athair agus ris a' Mhac ; ni's mo na tha teachdaireachd a' Mhic o'n Athair a' lughdachadh ionannachd a nàduir-san. Agus tha breithneachadh ceart ann am mòran de dhìomhaireachdaibh an t-soisgeil, agus òrduchadh ceart ar eridheachan féin ann an comh-chomunn ris, gu mòr an crochadh air teachdaireachd ùghdaraich so an Spioraid Naoimh.

Uaith so, anns a' cheud àite, tha am peacadh an aghaidh an Spioraid Naoimh—cha-n 'eil sinn ag ràdh aig an àm ciod e am peacadh sin—'na pheacadh as nach fhaighear maitheanas, agus aig am bheil ceannaireas coimhcheangailte ris nach 'eil r' a

fhaontainn ann am peacadh air bith eile,—is e sin, do bhrigh nach 'eil e a' teachd, agus nach 'eil e ag oibreachadh, 'na ainm féin a mhain (ged a tha e 'deanamh sin 'na ainm féin mar an ceudna), ach ann an ainm, agus le h-ùghdarras an Athar agus a' Mhic, o'm bheil, agus leis am bheil e air a chur ; agus uime sin ann a bhi peacachadh 'na aghaidh-san, tha am peacadh sin air a ghniomhachadh an aghaidh ùghdararais Dhé gu h-iomlan, an aghaidh gràidh gu léir na Trionaid, agus an aghaidh irioslachd a's mò gach pearsa fa leth ann an obair ar slainte. Is ann do bhrigh teachdaireachd ùghdaraich an Spioraid, tha sinn ag ràdh, a tha am peacadh so na pheacadh as nach fhaighear maitheanas ; —tha e na pheacadh an aghaidh gràidh comh-fhoillsichte an Athar, a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh. Agus, na'm b'e sin ar gnothach aig an àm, dh'fheudamaid, o na bheachdachadh so, fior nàdur a' pheacaidh an aghaidh an Spioraid Naoimh a' rannsachadh. Feumaidh, gu cinnteach, gu bheil e a' coimh-sheasamh ann an tarcuis a bhi deanta air oibreachadh éigin an Spioraid, mar a tha e 'gniomhachadh ann an ainm, agus le h-ùghdarras na Trionaid gu léir, agus sin 'nan irioslachd do-labhairt ann an obair ar slainte. Ach cha bhuin so do'n teagastg shònraichte a tha r'ar n-aghaidh.

Uaith so, anns an dara àite, tha sinn gu bhi 'guidhe an Athar agus a' Mhic air son an Spiorad a bhuileachadh oirnn. "Bheir bhur n-Athair nèamhaidh an Spiorad Naomh dhoibh-san a dh' iarras air e," Lucas xi. 13. A nis, tha an Spiorad Naomh, a chionn gur Dia e, gu bhi air asalachadh leinn, agus tha ar n-ùrnuighean gu bhi air an cur suas ris, coimh-ionann ris an Athair agus ris a' Mhae ; mar a rinn sinn a dhearbhadh ann an àit eile. Cionnus, ma seadh, a tha sinn gu bhi 'guidhe an Athar air a shon—mar a tha sinn mar an cendna a' deanamh 'nar n-uile ùrnuighibh—agus gu bheil sinn gu bhi 'guidhe air féin a theachd maille ruinn agus ar ficsrachadh, agus còmhnuidh a ghabhail maille ruinn ? 'Nuair a tha ar n-ùrnuighean air an cur suas ris féin, tha sinn gu bhi 'beachdachadh air mar is Dia e os ceann nan uile, beannaichte gu siorruidh ; 'nuair a tha sinn a' guidhe an Athar agus a' Mhic air a shon, tha sinn a' beachdachadh air anns an *teachdaireachd* sin air am bheil e air a chur a mach uatha. Agus, gu cinnteach, air bhi do Dha e féin 'fhoillseachadh gu ro phailt dhuinn ann an òrdugh an fhrith-ealaidh so, buinidh dhuinne—mar is gnàth le Criodaidhíbh gu coitchionn a dheanamh—a bhi 'meudachadh ann an cleachd-

aidhibh aoraidh coimh-fhreagarrach ris an fhoillseachadh sin, ann ar comh-chomunn ris; is e sin, cha-n ann a mhain do phears' an Spiorad Naoimh e féin, ach gu h-àraidh do'n Athair agus do'n Mhac air a shon, a réir an fhrithealaidh so.

Uaith so, anns an treas àite, tha eudthrom sònruichte air a leagadh air an earail sin, "Na cuiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhé," Eph. iv. 30,—do bhràigh gu bheil e 'teachd d'ar n-ionnsuidh ann an ainnm, agus le gràdh, agus ann an irioslachd na Trionaid bheannaichte gu léir. Tha e 'na an-tromachadh ro mhòr peacaidh ni sam bith a dheanamh a chuireadh doilgheas air, air dha a bhi mar so air a chur air son na crìche sin a bheir sinn fainear an déigh so. Tha dùil aige ri comh-chaidreamh suilbhír maille ruinn, mar is ceart a dh'fhendas e, araon air a sgàth féin, agus air sgàth na h-oibre sin air son am bheil e 'teachd ; ach tuilleadh fös, 'nuair a tha e air a chur a mach o'n Athair agus o'n Mhac, le h-ùghdarris a bhi 'comhpairteachadh an gràidh agus an grais r'ar n-anamaibh,—is e so an ni a bhuiineadh a bhi do-labhairt luachmhor aig creidich. Is e so, ma seadh, an dara ni a tha r'a bheachdachadh ann an *dòigh* a bhuiileachaidh oirnn,—tha e air a chur le h-ùghdarris.

An treas ni,—Tha e sgrìobhta gu bheil e air a *dòrtadh a mach* oirnn, Titus iii. 6,—“An Spiorad Naomh a dhòirt e oirnu gu saoibhir.” Agus b'e so am prìomh doigh-labhairt anns an robh comhpairteachadh an Spioraid air 'ainmeachadh fo'n t-Seann-tiomnadh ; air do dhòmhairreachd an Athar agus a' Mhic agus teachdaireachd ùghdarraich an Spioraid uatha 'bhi ann an tomhas folaithe. Isa. xxxii. 15, “Gus an dòirtear a nuas oirnn an Spiorad o'n àird, agus gu'm bi am fasach 'na mhachair thorracha, agus gu'm measar a mhachair thorrach 'na frìdh ;” is e sin, gus am bi na Cinnich air an gairm, agus na h-Iudhaich air an cur air cùl. Agus a ris, caib. xliv. 3, “Dòirtidh mi mach mo Spiorad air do shliochd, agus mo bheannachd air do ghineil.” Tha an fhìrinn inbheach sin eile, Sech. xii. 10, a ghnàth 'nar smuaintibh. A nis, tha an doigh-labhairt so air a ghnàthachadh, mar a tha aithnichte, o bhi 'samhlachadh an Spioraid ri h-uisge ; agus sin ann an coimh-cheangal ris na h-uile feum nàdurra agus samhlach a th'anns an uisge : ni air nach urrainn duinn aig an àm a bhi leudachadh ; theaganh gu bheil an samhladh air a ghnàthachadh gu h-àraidh a thaobh *éifeachd agus pailteis*.

A nis, tha an dòigh-labhairt tri-fillte so, *a' tabhairt, a' cur,* agus *a' dòrtadh e mach*, an Spioraid, *a' toirt ri ar n-aghaidh tri buaidhean mòra coimhcheangail nan gràs* :—*Anns a' cheud àite, gu*

bheil e *saor*; tha an Spiorad air a *thabhairt*. *Anns an dara àite*, Gu bheil e air a shuidheachadh a réir òrduigh anns na h-uile ni, agus cinn teach, o ghràdh an Athar, le cosuadh a Mhic; agus uime sin tha 'chainnt eadar-dhealaichte sin air a cleachdadhl,—an t-Athair 'ga chur, agus am Mac 'ga chur o'n Athair, air bli dha 'na thiodhlac gràidh an Athar, agus 'na chosnadh fola a' Mhic. *Anns an treas àite*, An éifeachd a ta ann, mar a thug sinn fainear ma dheireadh. Is e so an dara ni a tha r'a bheachdachadh ann ar comh-chomunn ris an Spiorad Naomh.

Anns an treas àite,—An dòigh anns ambheil sinne a' *gabhair* an Spioraid; agus bithidl sinn ni's aithghearra air a cheann so. Tha sinn gu bli 'toirt fainear ann an so an ni sin a labhradh a cheana mu'n Spiorad, air a bheachdachadh mar Spiorad *naomh-achaidh* agus mar Spiorad *comhfhurtachaidh*. Ann an gabhair an Spioraid air tòis mar Spiorad naomhaichaidh tha an t-anam 'na thàmh, amhuil a ghabhas soitheach uisge a bhitheas air a dhòrtadh ann. Tha e teachd mar a ghaoith air cnàmhaibh tioram an fhàidhe, agus 'gan toirt beò; tha e 'teachd a dh' ionnsuidh chridheachan marbha, agus 'gam beòthachadh, le gniomh uile-chumhachdach a thréim neirt: ach, air an làimh eile, mar Spiorad comhfhurtachaidh, tha ar gabhair ris air sheòl eile. Ann an t-seadh so tha an Tiglearn ag innseadh dhuinn nach "urrainn an saoghal a ghabhair," Eoin xiv. 17, "do bhrigh nach 'eil e 'ga fhaicinn, agus nach aithne dha e: ach is aithne dhuibh-se e, oir tha e 'fantuinn maille ribh, agus bithidl e annaibh." Tha e soilleir o'n chuid mu dheireadh de'n rann gur e an Spiorad mar Spiorad comhfhurtachaidh a tha air a ghealltuinn, do bhrigh gu bheil ionradh air a dheanamh air e 'bhi fantuinn annta aig an àm cheudna anns am bhcil e air a ghealltuinn dhoibh. Iha e annta mar Spiorad beothachaidh agus naomhaichaidh 'nuair a bha e air a ghealltuinn mar Spiorad sólais agus comhfhurtachaidh, gu bli fantuinn maille riù air son na crìche sin. A nis, an comas so a tha air aicheadh a bhi aig an *t-saoghal*, maille ris an reuson air a shon, nach urrainn iad an Spiorad a ghabhair, do bhrigh nach aithne dhoibh e, tha e air a chur as leth nan *creideach*; tha comas aca-san a ghabhair, do bhrigh gur aitlne dhoibh e. Ionnus gu bheil cumhachd gniomhach air a cleachdadhl leis an anam ann an gabhair ris an Spiorad chum comhfhurtachd, ged nach 'eil sin ann ann an gabhair ris chum ath-ghineamhuinn agus naomhachaidh. Agus is e an comas so cumhachd a' chreidimh. Mar sin

Gal. iii. 2, fhuair iad an Spiorad o éisdeachd a' chreidimh ;—creidimh air a ghn anna tre shearmonachadh an t-soisgeil, leis an d' rinneadh comasach iad an Spiorad a ghabhail. Uime sin tha cleachdadh a' chreidimh air 'ainmeachadh mar an deasachadh eridhe sin a tha 'għmnath 'għabħail ris an Spiorad Naomh. Eoin vii. 39, "Labhair e so mu'n Spiorad, a bha iadsan a chreideadh ann gu fhaighinn." Is iad creidich, ma seadh, a tha mar so a' faotainn an Spioraid ; agus tha iad 'ga fhaotainn tre chreidimh. A nis, tha tri cleachdāidhean àraidih anns am bheil an creidimh a' dol a mach ann an għabħail an Spioraid Naoimh. Cha dean sinn ach an ainmeachadh :—

An ceud ċleachdadh,— Tha e 'beachdachadh an Spioraid, anns an *fħrithealadh* sin a dh' ainnmich sinn, mar a tha e air a *għealltuinn*. Is e creidimh a mhain a's urrainn buannachd a tharruing as na geallaidhibh, Eabh. iv. 2. A nis tha e faotainn mar ainm "Spiorad a' għeallaidh," Eph. i. 13,—an Spiorad sin a tha air a għealltuinn anns a'choimħcheangal ; agus tha sinne a'faotainn geallaidh an Spioraid tre chreidimh, Gal. iii. 14 : ionnus gure a bhi 'faotainn an Spioraid tre chreidimh, a bli 'ga fhaotainn mar a tha e air a għealltuinn. Tha stil a' chreidimh air gealladh Dhé agus gealladh Iosa Criod air son cur an Spioraid, chum a bhi coimħlionadh nan crīochan sin gu léir a tha an creidimh a' miannachadh ; mar so tha e 'feitheamh gu muinghineach, a' measgadħ a' għeallaidh leis féin, gus am bi an Spiorad air fhaotainn leis.

An dara cleachdadh,— An *urnuigh*. Tha e air a bhuiileachadh mar Spiorad athchuinge, chum gu'n iarramaid e mar Spiorad comhfurtachd, Lucas xi. 13 ; agus, gu cinniteach, 'se so sàr obair a chreidimh anns an t-saogħal so,—eadhon a bhi 'g aslach Dhé air son an Spioraid, ann an ainm Chriod, aon chuid gu neo-mheadħonach air son an Spioraid féin, no fo ainm toraidh na feart ēgin a tha e 'g oibreachadh.

An treas cleachdadh,— Tha an creidimh ag altrum an Spioraid, le bhi 'toirt fuinear a *għluasadan* anns an anam, agus 'gan cur gu buil a réir 'inntinn agus a thoil' féin ; agus is e so na tha sinn a' rūnachadh a labhairt air an treas ceann so, no sinn a bhi 'għabħail an Spioraid mar air a chur le Iosa Criod. Tha sinn a' deanamh sin tre chreidimh, ag amħarc air mar chosnadh Chriod, agus mar għealladh an Athar ; tha sinn mar so 'ga iarraidih aig l-ħamhaibh Dhé, agus 'ga fhaotainn.

Anns a' cheathramh dite,— Is e an t-ath ni a tha r'a bheachdachadh, còmhnuidh an Spioraid maille ruinn. A nis tha dà

rathad anns am bheil so air a chur an cíll anns na Sgriobtuir-ibh :—1. Ann an rathad *coitchionn*. Tha an ni féin air 'ainm-eachadh, is e sin, gu'n gabh e còmhnuidh maille ruinn. 2. Ann an rathad *àraidh*. A thaobh an dòigh anns am bheil e gu bhi maille ruinn, is ann 'le bhi 'gabhair *còmhnuidh annaim*. Air còmhnuidh an Spioraid annainn labhair sinn gu farsuinn ann an àit eile, ionnus nach 'eil sinn a rùnachadh a thogail a rìs ann an so. A mhain so,—A mheud 's gu bheil an Spiorad air a bheachdachadh, mar a thug sinn fainear, mar Spiorad naomhachaидh, no mar Spiorad comhfhurtachaidh, theirear gu bheil e gabhair còmhnuidh annainn gu sònruichte mar a tha e na Spiorad naomhachaидh, no theagamh gu bheil anns an t-seadh sin a mhain : ni a tha soilleir o'n obair a tha e deanamh mar a tha e 'chòmhnuidh annainn,—tha e 'beothachadh agus a' naomhachadh, Rom. viii. 11 ; agus o'n dòigh anns am bheil e 'chomhnuidh annainn,—mar ann an teampull, a tha e 'naomhachadh trid a' chòmhnuidh sin ; agus mar an ceudna o a mbaireannachd anns a' chòmhnuidh sin,—ni, gu soilleir, aig am bheil suil ri obair na naomhachaидh a mhain : gidheadh anns an t-seadh choitechionn tha a' chòmhnuidh so air a cur as a leth mar chomhfhurtair, Eoin xiv. 16, " Fanaidh e maille ribh gu bràth." A nis, na tha de dheacaireachd coimhcheangailte ris a ghealladh so, tha e gu léir na huidh ann an so,—A mheud 's gu bheil Spiorad na naomhachaидh a chòmhnuidh annainn a ghnàth, agus mar sin gu bheil e eu-comasach gu'n cailleamaid ar naomhachd gu h-ionlan, cionnus, ma seadh, air an làimh eile, gu feud sinn ar *comhfhurtachd* a chall gu h-ionlan, ma's e 's gu bheil an *Comhfhurtair* gu bhi 'fantuinn maille ruinn gu bràth ? Beagan bheachd anns an dol seachad chum so 'fhosgladh suas :—

An ceud bheachd, Thugadh an gealladh sin do na deisciobluibh gu fanadh an Spiorad maille riu *gu bràth*, mu choinnimh *fantuinn Chriosd* maille riu. Bha Criodl maille riu anns an fheòil air son iùine bhig, aqua bha e a nis 'gam fagail, agus a' dol chum an Athar. Bha e féin gu neo-mheadhonach na chomhfhurtair dhoibh car tannuill, ach a nis bha e air ti am fagail ; uime sin, ged a gheall e dhoibh comhfhurtair eile, dh' fheudadh iad a bhi fo eagal nach deanadh e ami fiosrachadh ach air son iùine bhig mar an ceudna, agus an sin gu'm bitheadh an cor ni's miosa na bha e riagh. " Ni h-eadh," deir ar Slànuighear, " na bitheadh eagal sin oirbh : is e so am *frithealadh deireannach* ; agus cha'n-eil atharrachadh gu bhi ann. 'Nuair a dh' fhalphas mise, tha an Comhfhurtair gu fuigheall na h-oibre a choimhlionadh :

cha-n'eil dùil gu bhi agaibh ri fear eile, agus esan tha mi a nis a gealltuinn dhuibh ; ni mo a dh' fhagas e sibh, ach fanaidh e maille ribh gu bràth."

An dara beachd, Feudaidh an Comhfhurtair *fantuinn* maille ruinn a ghnàth, ged nach bitheadh e a ghnàth 'gar *comhfhurtachd* ; fendaidh esan a's e an Comhfhurtair a bhi maille ruinn, ged nach bitheadh e a ghnàth an ceann na h-oibre sin. A thaobh chriochan na naomhachaidh thae a ghnàth maille ruinn. B'e so cor Dhaibhidh, Salm li. 11, 12, "Na toir do Spiorad Naomh uam." Bha Spiorad na naomhachaidh fathast maille ri Daibhidh ; ach a deir e, "Aisig dhomh gairdeachas do shlàinte," —is e sin, Spiorad na comhfhurtachd, a chaill e, am feadh a bha e fathast aige mar Spiorad na naomhachaidh.

An treas beachd, Feudaidh an Comhfhurtair *fantuinn mar chomhfhurtair*, 'nuair nach 'eil e frithealadh *dearbh chomhfhurtachd* air an anam. A thaobh bith na naomhachd, cha-n urrainn e, gu cinnteach, còmhnuidh a ghabhail annainn, as eugmhais oibre na naomhachaidh a chur air aghaidh ; oir tha teampull Dé naomh ;—ach a thaobh a chomhfhurtachd, tha a chleachd-aidhean gu h-iomlan àrd-uachdarach ; ionnus gu feud e còmhnuidh a dheanamh annainn, as eugmhais a bhi frithealadh comhfhurtachd oirnn.

An ceathramh beachd, Tha an Spiorad gu tric *ag oibreachadh* a dh' ionnsuidh comhfhurtachd, agus 'ga tairgse dhuinn, 'nuair nach gabh sinn comhfhurtachd uaith ; tha an tobar am fagus, ach cha-n'eil sinne 'ga fhaiciunn,—tha sinn a' diùltadh comhfhurtachd. Chuir sinn an céill a cheana gu bheil an Spiorad mar Spiorad naomhachaidh a teachd le cumhachd, gu bhi buadhachadh air eridhe m-chreideach ; tha an Spiorad mar chomhfhurtair a teachd la millseachd, chum a bhi air a ghabhail ann an eridhe a tha ann an cleachdadhl creidimh. Tha e a' labha ir agus cha chreid sinn gur e a ghuth a tha ann ; tha e 'sineadh a mach a shòlasan, agus cha ghabh sinn riu. "Shruth mo leòn," deir Daibhidh, "dhiùlt m' anam sòlas a ghabhail."

An cuigeamh beachd, Tha mi 'g àicheadh gu bheil an Spiorad Naomh aig àm sam bith a'fagail anam' a' chreidich *gu h-iomlan* agus *gu buileach as eugmhais comhfhurtachd*. Feudaidh neach a bhi ann an dorchadas, agus fo neul, a' diùltadh comhfhurtachd, —feudaidh e bhi gun chomhfhurtachd fhaotainn no 'shealbhachadh ; gidheadh tha freumh sòlais ann, a bhitheas fathast air a tharruing a mach : agus uime sin, 'nuair a tha Dia a' gealltuinn gu'n leigheis e peacaich, agus gu'n aisig e sòlasan

dhoibh, mar ann an Isa. lvii. 18, tha an gealladh sin air a thabhairt, cha-n ann do bhrigh gu'n robh iad gu h-iomlan as eugmhais comhfhurtachd, ach nach robh i ac anns an tomhas sin a bha feumail dhoibh. Cha-n e ar rùn aig an àm a bhi 'toirt fainear na dòighean eadar-dhealaichte anns am bi daoine a' diùltadh sòlais, agus a' teachd gearr air a' chomhfhùrtachd làidir sin a tha Dia toileach gu'n gabhamaid uaith. Mar so, ma seadh, air do'n Spiorad a bhi air a chur agus air a thabhairt, tha e fantuinn maille ri anamaibh nan creideach,—cha-n fhag e iad, ged a tha ionadh dòigh agus tomhas anns an dean se e fèin fhoillseachadh na oibreachadh : mu'n labhair sinn anns an ath àite.

CAIBIDEIL II.

Air oibreachadh an Spioraid Naoimh annainn, air dha a bhi air a bhuiileachadh,—Tha e 'g oibreachadh gu h-éifeachdach, a' coimh-roinn ruinn.

AIR dhuinn a chur an cèill mar so cia uaith agus cionnus a tha an Spiorad Naomh air a bhuiileachadh oirnn mar Spiorad na comhfhurtachd, tha sinn a nis air teachd gu bhi 'toirt fainear,—

Anns a' chinigeamh òite,—Ciod iad a chleachdlaidhean annainn agus d'ar taobh, air dha a bhi mar so air a bhuiileachadh oirm, agus air 'fhaotainn leinn. A nis, ann an so tha dà cheann coitchionn r'a bheachdachadh :—*An ceud cheann*, Dòigh agus gnè a chleachdailhean annainn, a tha air an eur an cèill ann an ionadh rathad ; agus, *an dara ceann*, Toraidhean àraidih a chleachdlaidhean annainn, anns am bheil comh-chomunn againn ris. Tha ionadh doigh-labhairt air an gnàthachadh a thaobh a' cheud chinn ; theid sinn thairis orra gu h-aithghearr :—

An ceud cheann,—Tha e 'g oibreachadh gu h-éifeachdach, 1 Cor. xii. 11, “Na nithe so uile tha an t-aon Spiorad ag oibreachadh ;”—is e sin, *gu h-éifeachdach*. Tha e air a labhairt anns an àite so, gun teagamh, a thaobh comh-roinn nan tiadhlaean ; ach tha comhpairteachadh nan gràs agus nan sochair air an dòigh cheudna. Tha e 'deanamh sin le bhi 'g oibreachadh : ni a tha dearbhadh pearsantachd an Spioraid, gu sònruichte air a bheachdachadh ann an coimh-cheangal ris na briathraighe a tha leantuinn, “A' roinn ris gach aon fa leth a réir mar is àill leis” —is e *pearsa* a mhain a's urrainn oibreachadh a réir mar is àill

leis, cainnt a tha air a gnàthachadh gu soilleir mu Dhia, Eph. i. 11 ;—agus ann an coimh-cheangal ri rann 6, roimh sin, tha e gu soilleir a' dearbhadh a Dhiadhachd. An ni ceudna sin a tha ann an so air a chur as a leth mar an Spiorad a tha air a bhuil eachadh oirnn, tha e air a chur as a leth anns an rann sin mar Dhia féin : “ Tha eadar-dhealachadh oibreachaidh ann, ach is e an t-aon Dia a tha 'g oibreachadh nan uile nithe anns na h-uile ; ” an ni ceudna sin a tha againn annu an so ann am briathraibh eile, “ Na nithe sin uile tha an t-aon Spiorad ceudna ag oibreachadh, a' roinn ris gaeil aon fa leth a réir mar is àill leis.” Ciod air bith, ma seadh, a tha againn uaith-san, tha e againn ann an rathad an oibreachaidh éifeachdaich so. Cha-n ann ann an rathad a bhi 'reusonachadh ruinn, agus a' cur impidh oirnn le comhairlibh agus brosnachaidh libh modhamail a mhain, agus an sin 'gar fagail gu bhi deanamh feum dhiubh mar is fearr a dh' fheudas sinn, ach tha e féin ag oibreachadh gu h-éifeachdach annainn, ciod air bith gràs no comhfhurtachd a tha e buileachadh oirnn.

A rìs : A thaobh dòigh oibreachaidh an Spioraid, anns an rann so féin tha air 'ainmeachadh gu bheil e 'roinn ris gach aon fa leth a réir mar is àill leis. Ann a' chomh-roinn so tha roghainn, agus breithneachadh, agus saorsa toil, air an cur ris an oibreachadh. Esan a tha 'comh-roinn air iomadh dòigh, tha e 'deanamh sin ann an cleachdadhl a roghainne, agus a bhreithneachaidh, agus a shaoir thoil féin. Mar so, ma seadh, tha cleachdaidhean an Spioraid 'na fhrithealaidhean uile : do neach, tha e 'toirt aoin ni ann an rathad inbheach ; do neach eile, ni eile ;—do neach, ann an aon tomhas, do neach eile, ann an tomhas eile. Mar so, 'na àrd-uachdar anachd, tha na naoimh air an cumail a ghnàth eisimeileach air. Tha e 'comh-roinn mar is àill leis ;—cò nach bitheadh toilichte le a chuibhrionn ? ciod a' chóir is urrainn neach air bith a thagradhanns an ni sin a tha e 'comh-roinn mar is àill leis ? mar a tha soilleir,—

Anns an àite mu dheireadh air a cheann so, Ann gu bheil an Spiorad a' tabhairt gu saor gach ni a tha e 'buileachadh. “ Labhair iad le teangaibh eile, a réir mar a thug an Spiorad comas labhairt dhoibh,” Gniomh. ii. 4. Thug e dhoibh iad ; is e sin, gu saor : ciod air bith ni a tha e 'buileachadh, tha e 'ga bhuileachadh mar a shaor-thiodhlac féin. Agus uime sin tha e r'a bheachdachadh, ann an suidheachadh oibre mòire sin ar sláinte, nach 'eil cleachdadhl aoin phearsa air bith a' briseadh a stigh air saorsa pearsa eile : mar sin tha gràdh an Athar ann an

cur a Mhic 'na ghràdh saor, agus cha-n'eil làmh air bith air a chur ann an saorsa gràidh a' Mhic anns gu bheil e air a chur leis an Athair, ach a ta e féin gu saor a' leagadh sios a bheatha air ar son; ni mò a tha riarachadh agus cosnadh a' Mhic a' briseadh saorsa gràidh an Athar ann a bhi maitheadh peacaidh agus a' gabhairt ruinn air sgàth sin; mar sin mar an ceudna cha-n'eil saorsa an Spioraid ann an tomhas air bith air a lughdachadh 'na oibreachadh le bhi air a chur a mach leis an Athair agus leis a Mhae, ach a ta e 'buileachadh gu saor na h-uile ni a tha e 'tabhairt. Agus tha so uile do bhrigh gu bheil toil an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, ionann ann am bith; ionnus gu bheil comh-chomhairle nam pearsa gu léir ann an cleachadh gach pearsa fa leth.

Mar so, ann an rathad coitchionn, tha dòigh agus gnè oibreachaidh an Spioraid annainn agus d'ar taobh, air bhi dha air a bhuleachadh oirnu, air a chur an cùill. Tha cumhachd, agus roghainn, agus saorsa, gn soilleir air am filleadh suas anns an dòigh-labhairt a thug sinn fainear. Cha-n e obair sònruichte sam bith an Spioraid d'ar taobh a tha ann an so air a chur 'an cùill, ach an dòigh anns am bheil e 'g oibreachadh nan toraidhean sin a bheir sinn air ball fainear.

An dura ceann,—Is e an ni mu dheireadh a tha r'a thoirt fainear chum a bhi 'fosgladh suas nan nithe sin a tha mar stéidh a' chomh-chomuinn a tha againn ris an Spiorad Naomh, eadhon,—

Na toraidhean a tha 'leantuinn oibreachaidh an Spioraid, air dha a bhi mar so air a chur; ni mar an ceudna a ni sinn, cha-n ann ann an rathad a bhi 'gan cruinneachadh fo chinn-theagaisg fa leth, ach le bhi 'gan togail mar a tha sinn 'gam faotainn air an sgoileadh sios suas air feadh na firinn,—a' leantuinn sios nan toraidhean sin a's ro shònruichte o na toraidhibh a tha air an ainmeachadh ann an rathad coitchionn, gun a bhi 'rùnachadh gach toradh fa leth a chruinneachadh, ach a mhain iad sin a's ro shoilleire 'tha air an eur sios.

Ach feumar a thoirt fainear ann an so a ris, mar a rinneadh a cheana, gu bheil sinn a' labhairt mu'n Spiorad gu sònruichte mar chomhfhurtair, agus cha-n ann mar Spiorad *naomhachaidh*; agus uime sin, is éigin duinn obair mhòr na naomhachaideil 'fhangail aig an àm,—an obair sin anns am bheil an Spiorad a ghnàth a' comhpairteachadh soluis, agus cumhachd, agus neirt nuaidh ruinn uile làithean ar beatha, tre bhi 'faotainn gràis naomhachaideil uaith.

Ni mò a bheir sinn fainear na nithe sin a tha an Comhfhurtair ag oibreachadh anns na creidich a thaobh mhuinnitir eile, ann a bhi 'deanamh fianuis d'an taobh, agus ann an toirt dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal, a réir a gheallaidh sin, Eoin xvi. 8, anns am bheil e air dhòigh àraidh 'na fhear-tagraidh air an son ; ach a mhain na nithe sin a tha e mar chomlifhurtair ag oibreachadh annnta-san agus d'an taobh-san air am bheil e air a bhualeachadh.

CAIBIDEIL III.

Air na nithibh sin anns am bheil comh-chomunn againn ris an Spiorad Naomh—Tha e 'toirt gu cuimhne na nithe a labhradh le Criod, Eoin xiv. 26—An dòigh anns am bheil e 'deanamh sin—Tha an Spiorad a' glòrachadh Chriosd ann an eridheachaibh nan creideach, Eoin xvi. 14, tha e 'dòrtadh a mach gràidh Dhé annnta—Fianuis an Spioraid, ciod e, Rom. viii. 16—Seulachadh an Spioraid, Eph. i. 13—An seadh anns am bheil an Spiorad 'na gheall-daingnich ; air taobh Dhè, air taobh nan naomh—An t-eadar-dhealachadh eadar geall-daingnich an Spioraid agus a bhi blasad chumhachdan an t-saoghal ri teachd—Ungadh an Spioraid, Isa. xi. 2, 3—Teagastg an Spioraid Naoimh—Cionnus 'na Spiorad uchd-mhacachd agus athchuinge.

Na nithe sin a dh' ainmich sinn anns na caibideilibh a chaidh seachad mar thoraidhibh oibreachaidh an Spioraid Naoimh annainn, no d'ar taobh, is iad sin fèin na nithe anns am bheil comh-chomunn àraidh againn ris mar ar comhfhurtair : na nithe ceudna sin bheir sinn a nis fainear.

1. An ceud ni agus an ni a's ro choitchionna gheibh sinn ann an Eoin xiv. 26, "Teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithe, agus euridh e'n cuimhne dhuibh na h-uile ni a labhair mise ribh." Tha dà ni anns a' ghealladh so :—(1.) Teagastg an Spioraid, (2.) A thoirt gu cuimhne. A thaobh a theagaisg, labhraidh sinn air an déagh so, 'nuair a bheir sinn fainear àngadh an Spioraid.

Is e an ceud ghealladh coitchionn a thugadh dhuinn air mar chomhfhurtair, gu'n toir e gu cuimhne na nithe sin a labhair Criod. "Bheir e oirbh na nithe sin uile 'ath-chuimhneachadh." A nis, feudaidh so mar an ceudna a bli air a bheachdachadh dà rathad :—

[1.] A mhain a thaobh nan nithe sin annnta fèin mar a bha

iad air na labhairt. Mar sin tha an Tighearn ann an so a' gealltuinn d'a abstoil gu'n cuireadh an Spiorad Naomh 'an cuimhne dhoibh, le h-éifeachd neo-mheadhonach deachdaidh, na nithe sin a labhair e riu, chum trid a dheachdadadh-san gu'm bitheadh iad comasach an sgríobhadh agus an searmonachadh air son maith agus tairbhe na h-eaglais. Mar sin tha Peadar a' cur an céill, 2 Litir i. 21, "Labhair daoine naomha Dhé, mar a shéadadh iad leis an Spiorad Naomh"—is e sin, ann an sgríobhadh nan Sgriobtuirean,—bha iad air an togail agus air an giùlan suas os an ceann féin, chum a bhi labhairt a bhriathran, agus gach ni a rinn e dheachdadadh dhoibh. Bha na h-abstoil air mòran de na labhair Criosd riu a dhù-chuimhneachadh, no dh' fhéudadh iad fathast an di-chuimhneachadh ; agus na nithe sin féin air an robh cuimhne aca, ann an rathad na cuimline nàdurraiche, cha robh e na stéidh diongmhulta ni's leòir air an son-san a dhol 'gan sgríobhadh sios mar sin, chum a bhi nan riaghailte creidimh do'n eaglais. Oir cha-n'eil focal na faidheadaireachd a teachd o għluasadaibh inntinn duine air bith ; cha-n'eil e 'g éiridh o bhreithneachadh, o thugse, no o chuimhne uaigneich neach air bith. Uime sin, gheall Criosd gu'n deanadh an Spiorad Naomh an obair so ; chum trid-san gu'm bitheadh iad comasach na h-uile ni a labhair e riu a chur an céill gu neo-mhearachdach. Agus do bhrigh so bhithedd am focal sin ann an Lucas i. 3, "Air faotainn dearbh fhios nan uile nithe dhomh o'n fhior thoiseach," air eadar-theangachadh ni bn chothromaiche, "Air faotainn dearbh fhios nan uile nithe dhomh o'n airde,"—a' comharachadh a mach tobar a bhreithneachaidh anns na nithibh sin, tre'n robh e comasach an eur an céill gu neo-thuiteamach mar riaghailte creidimh do'n eaglais ; is e so an seadh a's dhùithe do'n cheud chainnt, na sin a tha 'ga għabhaill ann an coimh-cheangul ri toiseach nan nithe sin annta féin.

[2.] A thaobh na *comhfurtachd* a tha fillte suas anns na nithe sin a labhair e, ni, tha e gle choltach, a's e earrann mhòr de rùn a gheallaidh so. Bha e roimh sin a' labhairt nithe riu a bha freagarrach gu bhi 'toirt comhfurtachd dhoibh ; bha e 'toirt gheallaidhean luachmhor dhoibh a thaobh comh-leasachaidh nan nithe sin a bha iad gu bhi 'faotainn uaith anns a bheatha so,—geallaidhean mu għrādh an Athar, mu' n għlōir a bha e 'g ulluchadh air an son, anns an robh comhfurtachd do-labhairt dhoibh, agus aoibhneas a bha län de għlōir. Ach mar gu'n abradh e, "Tha fios agam eia cho neo-f hogħainteach as a ta sibh air na nithe sin a bhuileachadh ann an rathad comh-

fhurstachd dhuibh féin ; uime sin ni an Spiorad an ath-bheothachadh ann bhur n-inntinnibh, nan làn neart agus éifeachd, air son na críche sin mu'n do labhair mi ribh iad." Agus ann an so tha aon aoibhar air son gu'm bitheadh *neo-láthaireachd chorporra* Chriosd air a deanamh suas le làthaireachd an Spioraid. Am feadh a bha e féin maille riu, cia cho beag éifeachd as a bha aig na geallaidhibh nèamhaidh sin a thug e dhoibh air an eridheach-aibh ! Aeh air teachd do'n Spiorad, eionnus a rinn e na h-uile ni a lionadh le h-aoibhneas dhoibh ! Bha an obair àraidih sin a bhuineadh dha féin do bhrìgh na h-oifig' a bha aige, air a gleidheadh dha, chum gu'm bitheadh esan mar an ceudna air a ghliòrachadh. Agus is i so obair-san gu deireadh an t-saoghal, — a bhi 'toirt gheallaidhean Chriosd a dh' ionnsuidh ar n-inntinnean agus ar eridheachan, chum a bhi frithealadh a' chomhfhurtachd, an aoibhneis, agus a' mhìllseachd, a tha amta oirnn, gu h-anabarrach os ceann na bha na deisciobuil a' faotainn annta, 'nuair a labhair Criosd riu iad gu pearsanta ; bha an éifeachd ghràsmhor a bha annta air a dùnadh suas ann an tomhas, chum, mar a thubhairt sinn, gu'm bitheadh frithealadh an Spiorad air a ghliòrachadh. Mar sin tha na briathran a tha' leantuinn a gheallaidh so, rann 27, " Tha mi 'fagail sìth agaibh mo shìth-sa tha mi toirt duibh." Air do'n Chomhfhurtair a bhi air a chur chum gach ui a labhair Criosd a thoir an cuimhne, tha sithe agus saorsa o bhuaireas eridhe a' leantuinn sin ; ciod air bith an tomhas sìthe, no saorsa, no comhfhurtachd, no aoibhneas, no cumail suas, a bha aig àm sam bith air a bhuileachadh oirnn, tre aon air bith de gheallaidhibh Chriosd, no obair air bith a rinneadh leis, buinidh e gu léir do fhrithealadh so a' Chomhfhurtair. Bu ðiomhain duinn a bhi cleachdadadh ar comasan nàdurra ann a bhi 'cuimhneachadh agus a' beachdachadh gheallaidhean Chriosd ; bhitheadh e gu léir gun tairbhe,—tha e mar sin gach là : aeh air do'n Chomhfhurtair an obair a ghabhail os làimh, bithidh i deanta da rìreadh. Bheir sinn fainear an déigh so mar a tha comh-chomunn àraidih againn ris ann an so, ann an creidimh agus 'an tÙmhachd, anns a' chomhfhurtachd a tha air a faotainn ann agus tre gheallaidhibh Chriosd air an toirt 'gar cuimhne leis. Tha so, ann an rathad coitchionn, air 'fhaotainn :—air do'n Tighearn Iosa Criosd éifeachd nan geallaidhean sin a thug e gu pearsanta do na h-abstoil 'nan àmhgar 'fagail aig an Spiorad Naomh, a thaobh an comhfhurtachd a bha annta, feudaidh sinn fhaicinn ann an sin ciod e *tobar neomheadhonach* na h-uile comhfhurtachd spioradail a tha againn

anns an t-saoghal so, agus an comh-chomunn a tha againn ris an Spiorad Naomh innte.

A mhain gu feum sinn ann an so, agus anns na nithibh a leanas, an dòigh anns am bheil an Spiorad ag oibreacbadh an ni so a chumail a ghnàth 'nar cuimhne, agus an t-àite a tha aig a chumhaechd, aig a thoil, agus aig a mhaitheas na oibreacbadh. Tha e deanamh so,—*Anns a' cheud àite*,—*Gu cumhachdach*, no gu h-éifeachdach ; *Anns an dara àite*.—*Mar is àill leis : Anns an treas àite*,—*Gu suor*,

Anns a' cheud àite,—*Gu cumhachdach* : agus uime sin bitidh comhfhurtachd o bhriathraibh agus o gheallaidhibh Chriosd a' briseadh a stigh air uairibh tre na h-uile tagluinn a dh' ionnsuidh a choir a's dubhaiche agus a's duirche a dh' fhendas a bhi air a smuaineachadh ; thig e, agus euiridh e iolach mholaidh ann an beul dhaoine ann an slochd a' phriosain, bheir e dhoibh gairdeachas a dheanamh anns na lasraichibh, a' deanamh uaill' ann an àmhgharaibh : euiridh e an eridheachan air ghean ann an geimhlibh, ann an innealaibh pianaidh, ann am buairidhibh, agus anns na teanntachdaibh a's mò a dh' fheudar a smuaineachadh. Cia uaith a tha so ? tha an Spiorad ag oibreacbadh gu h-éifeachdach, tha a chumhaechd anns an obair ; oibriehidh e, agus eo a chuireas bacadh air ? Ma's e's gu'n toir an Spiorad geallaidhean Chriosd chum ar cuimhne gu bhi 'gar comhfhurtachadh, cha dean aon chuid Satan, no daoine, no peacadh, no saoghal, no bàs, ar comhfhurtachd a bhriseadh. Tha fios aig na naomhaibh, aig am bheil comh-chomunn ris an Spiorad, air an ni so chum am buannachd. Air uairibh tha na nèamhan dorch os an eeann, agus an talamh air chrith fo'n cosailbh, tha àmhgharan agus teannbachdan folluiseach agus pearsanta air an lionadh 'nan sealladh le h-uamhunn agus dorchadas, ionnuis gu bheil an eridheachan 'gan treigsinn r'an aghaidh ; —ann an so, ma seadh, tha am fuasgladh r'a fhaotainn, agus ath-bheothaehadh an spioradan ; cha-n'eil an comhfhurtachd no an tilgeadh sios an crochadh air uidheachadh air bith o'n taobh a muigh, no air cor air bith anns am feud an eridheachan fèin a bhi, aeh air oibreacbadh cumhachdach agus éifeachdach an Spioraid Naomhe, d'am bheil iad 'gan toirt fèin thairis tre chreidimh.

Anns a dara àite,—*Mar is àill leis*,—a' comh-roinn ris gach neach mar is àill leis ; agus do bhrigh sin tha eadar-dhealachadh mòr 'na oibreacbadh araon a thaobl aoin neach fa leth agus a thaobl iomadh. Feudaidh an neach ceudna a bhi air uairibh làn aoibhneis agus comhfhurtachd 'am meadhon àmhghair mhòir,—

a' faotainn millseachd anns na h-uile gealladh 'nuair a tha a theanntachdan trom ; aig àm eile, eadhon anns an deuchainn a's lugh, feudaidh e bhi 'ramnsachadh nan geallaidhean ag iarraidh comhfhurtachd, ach cha-n'eil e 'ga fhaotainn. Agus is e an t-aobhar, gu bheil an Spiorad a' comh-roinn mar is àill leis. Is ionann sin a tha e mar an cendna a thaobh iomadh : tha cuid a' faotainn beatha agus comhfhurtachd anns na h-uile gealladh ; cuid eile nach blais ach ro bheag rè an làithibh uile ; agus sin uile air an aobhar cheudna. Agus tha sùil àraidh aig a' chreidimh air so ann an gnothach na comhfhurtachd gu léir :—tha e 'an crochadh air toil àrd-uachdarach an Spioraid Naoimh ; agus mar sin cha-n'eil e ceangailte sios ri riaghaitibh no dòigh cleachdaidh àraidh air bith. Tha e 'ga chleachdadhl féin ann a bhi 'feitheamh air-san airson coimhlionaidh deagh-ghean a thoile 'na àm iomchuidh fein.

Anns an treas àite,—Gu suor. Tha mòran de'n eadar-dhealachadh a th'ann am frithdealadh na comhfhurtachd tre gheallaidhibh an crochadh air saorsa so an Spioraid 'na oibreachadh. Is ann do bhrìgh so a tha comhfhurtachd air uairibh air a frithdealadh 'nuair nach robh dùil idir rithe, seadh, 'nuair a bha na h-uile h-aobhar air an t-saoghal aig an anam a bhi 'sealltuinn air son àmhaghair agus bròin ; mar so air uairibh is e an ceud mheadhon e gu bhi pilleadh an anam' a th' anns a' chùl-sleamhnachadh, aig am feudadh dùil a bhi, ann an ceartas, ri bhi air a chur gu buileach air eùl. Agus tha na beachdan so r'an leantuinn a mach anns na h-uile toradh eile 'tha an Comh-fhurtair ag oibreachadh : mu'n labhair sinn an déigh so. Anns a' cheud thoradh choitchionn so, ma seadh, d'ar taobh, tha comh-chomunn againn ris an Spiorad Naomh. Tha beatha agus eifeachd ar comhfhurtachd gu léir air am filleadh suas ann an geallaidhibh Chriosd. Is iad sinciochan ar sòlais gu léir. Cò aig nach 'eil fios air cho neo-tharbhach as a ta iad ann an litir luim an fhocail, eadhon 'nuair a dh' fheudas a' chuis a bhi air a leasachadh gus a cheum a's àirde le ar beachd-smuaineachadh annnta ? agus mar an ceudna air uairibh mar a bhriseas iad a steach air an anam gu buadhach, caomh, le feartaibh beath' agus treòir, 'nuair nach robh dùil idir ris. Tha an creidimh ann an so a' deanamh gnothaich àraidh ris an Spiorad Naomh. Tha e 'beachdachadh nan geallaidhean annnta féin ; a' sealltuinn suas ris, a' feitheamh air a shon, a' toirt fainear a theachd anns a' ghealladh a tha r'a aghaidh,—'ga aideachadh 'na obair agus 'na efeachd. Cho luath as a ta an t-anam a' faotainn gu bheil

beath' a' gheallaidh a' blàthachadh a chridhe, 'ga fhuasgladh, 'ga eiridneachadh, 'ga neartachadh, 'ga shaoradh o eagal, o imcheist no o thrioblaid, buinidh dha a thoirt fainear gu bheil an Spiorad Naomh ann an sin; agus ni sin a ghairdeachas a leasachadh, agus a threòrachadh a dh' ionnsuidh comh-chomuinn ris.

2. Is i dara obair choitchionn an Spiorad Naoimh a bheir sinn fainear, sin a tha air 'ainmeachadh ann an Eoin xvi. 14, "Bheir an Comhfurtair glòir dhomh-sa; oir gheibh e de m' chuid-sa, agus nochdaidh e dhuibh-sa e." Is i obair an Spioraid a bhi *glòrachadh Chriosd*: o'm feud sinn 'fhaicinn, anns an dol seachad, cio cho faid air falbh as a tha an spiorad sin o'n Chomhflurtair a tha 'ga chur féin suas ann an ionad Chriosd; a shamhuil sin de spiorad as a tha 'g ràdh gu bheil e na h-uile ni ann féin; ionnus, air a shon-san a dh' fluiling aig Ierusalem, nach 'eil aobhar a bhi gabhail dragh m'a thimchioll; air do'n spiorad so a nis a bhi na h-uile ni. Cha-n e so an Comhfurtair. Is i obair-san a bhi *glòrachadh Chriosd*,—esan a rinn a chur. Tha so, ma seadh, 'na chomharadh soilleir air spiorad bréige, eiod sam bith ni a dh' fheudas e 'bhi 'gabail air féin, mar e so is obair aige, a bhi 'glòrachadh a Chriosd sin a bha a nis a labhairt ris na h-abstoil; agus tha iad so liomhhor a tha air dol a mach air feadh an t-saoghal. Aeh eiod a ni an Spiorad so, chum Criosd a bhi air a ghlòrachadh? "Gheibh e," tha e 'g ràdh, "de m' chuid-sa." Tha an rann a leanas a' eur an cíll eiod iad na nithe sin: "Na h-uile ni a tha aig an Athair, is leam-sa iad; air an aobhar so thubhairt mi gu'm faigh e de m'chuid-sa." Cha-n'eil an Slànuighear a' labhairt ann an so mu bhith agus mu bhuadhaibh siorruidh an Athar agus a' Mhic, ach mu'n ghras a tha air a chomhpairteachadh ruinne d'an trid. Tha Criosd a' gairm de na nithe so, "Mo chuid-sa," air bhi dhoibh 'nan toradh a chosnайдh agus na réite sin a rinn e: is e so an t-aobhar gu bheil e ag ràdh, "Na h-uile ni a tha aig an Athair is leam-sa iad;" is e sin, na h-uile ni a dh' ulluch an t-Athair 'na ghràdh siorruidh gu bhi air am frithealadh a mach ann am fuil a' Mhic,—uile thoraidhean rùin taghaidh Dhé. "Na nithe so," a deir e, "gheibh an Comhfurtair;" is e sin, bithidh iad air an earbsa ris chum am buileachadh ann an rathad a bhitheas air son bhur buannachd, agus sin air son na crìche sin a thugadh a cheana fainear." Mar sin tha a' lean-tuinn, "Agus nochdaidh e, no cuiridh e 'an cíll, agus ni e aithnichte dhuibh-sa e." Air a mhodh so, ma seadh, tha e 'na chomhflurtair. Tha e 'foillseachadh do anamaibh pheacach

nithe maith sin coimhcheangail nan gràs, a rinn an t-Athair 'ulluchadh, agus a rinn am Mac a chosnad. Tha e 'foillseachadh dhuinn tròcair, agus gràis, agus maitheanais, agus fireantachd, agus deadh-ghean maille ri Dia; a' leigeadh ris dhuinn gur iad sin nithe Chriosd, a choisinn e air ar son; 'gan nochdadh dhuinn chum ar comhfhurtachd agus ar daingneachaidh. Na nithe so, tha sinn ag ràdh, tha an Comhfhurtair a' eur 'an céill gu h-éifeachdach do anamaibh nan creideach; a' toirt dhoibh an aithneachadh chum an tairbhe fèin;—an aithneachadh mar air tìùs nithe an Athar, air an ulluchadh o shiorruidheachd 'na ghràdh agus 'na dheadh-thoil fèin; an aithneachadh mar an cendna mar thoradh cosnaidh a' Mhic, air an tasgaidh suas ann an coimhcheangal nan gràs a chum ar leas. Is ann 'an sin a tha Criosd air 'àrdaehadh agus air a ghlorachadh 'nan eridheachaibh; is ann 'an sin a tha fios aca ciod an Slànuighear agus am Fear-saoraidh a ta e ann. Cha-n 'eil anam gu bràth air a thoirt gu bhi 'glòrachadh agus ag urramachadh Chriosd fo shealladh na saorsa shiorruidh sin a rinn e 'chosnad air a shon, nach 'eil sin 'na thoradh àraidh oibreachaidh an Spioraid Naoimh ann mar ar Comhfhurtair. “Cha-n urrainn duine sam bith a ràdh gur e Iosa an Tighearn, ach tre an Spioradh Naomh,” 1 Cor. xii. 3.

3. Tha e “dòrtadh a mach gràidh Dhé ann ar eridheachaibh,” Rom. v. 5. Tha e cho soilleir o'n choimh-theagast gur e gràidh Dhé dhuinne, agus nach e ar gràidh-ne do Dhia, a tha air a chiallachadh ann an so, as nach 'eil dòigh air leasachadh soluis a chur ris. A nis, tha gràdh Dhé aon chuid 'na ghràdh *taghaidh* no 'na ghràdh *tlachd*,—gràdh a rùin maith a dheanamh dhuinn, no gràdh a dheadh-ghean agus a tlachd annainn. Tha iad so araon air an gairm gràidh Dhe gu tric anns na Sgriobtuiribh, mar a chuir sinn a cheana 'an céill. A nis, cionnus a dh' fheudas iad so a bhi air an dòrtadh a mach ann ar eridheachaibh? Cha-n 'eil iad air an dòrtadh a mach mar sin annta fèin, ach a mhain ann am mothachadh a bhi air a thabhairt dhuinn orrà,—measrachadh spioradail a bhi againn annta. Tha e “‘dòrtadh a mach” a ghràidh; am focal ceudna sin a tha air a chleachdad a thaobh an Spioraid ann a bhi 'ga bhuileachadh oirnn, Titus iii. 6. Tha Dia 'ga dhòrtadh oirnn gu saoibhir; mar sin tha an Spiorad a' dòrtadh a mach gràidh Dhé 'nar eridheachaibh. Gun a bhi 'leantuinn a mach an dòigh-labhairt shamhlach a tha annta, is e seadh nam briathran, gu bheil an Comhfhurtair a' toirt dearbh-bheachd

shaoibhir agus mhilis dhuinn air gràdh Dhé, anns am bheil an t-anam a' faotainn toil-imntinn, agus riarachaidh. Is i so 'obair-san, ma seadh, agus tha e 'ga coimhlionadh gu h-éifeachdach. Agus nach tròcair do-labhairt da rireadh e, gu'm bitheadh anam bochd, peacach, a' faotainn dearbh-bheachd chomhfhurtail agus shaoibhir, a' sgaoladh air feadh nam buadh 'nan aigne, air gu bheil Dia ann an Criod a' toirt gràidh dha, a' gabhail tlachd ann,—gu bheil e taitneach leis, agus gu bheil smuaintean truacantais agus caoimhneis aige dha.

Tha na nithe so againn, ma seadh, ann an rathad sònruichte o'n Spiorad Naomh; is i 'obair àraidh féin iad. Mar a tha 'oibre gu léir 'nan oibríbh gràidh agus caoimhneis, is amhuil sin a tha an obair so trid am bheil e 'comhpairteachaidh mothachaidh de gràdh an Athar 'ga choimh-mheasgadh féin maille r'a għluasadaibh annainn gu léir. Agus mar a tha comh-chomunn àraidh againn ris féin ann, is amhuil sin a tha comh-chomunn againn trid-san ris an Athair, eadhon 'na għraddh, a tha air a mhodh so air a dhòrtadh a mach 'nar eridheachaibh: cha-n e mhain a' deanamh gairdeachais ann, agus a' glòrachadh an Spioraid Naoimh, a tha 'dòrtadh a mach a' għraddh, ach mar an ceudna ann-san d'an gràdh e. Agus is ionann sin a tha e mar an ceudna a thaobh a' Mhic, ann an gabhail de a chuid, agus 'ga nochdadh dhuinn, mar a thug sinn fainear. Na tha de fħlaitheanas air talamh againn, is ann 'an so a tha e luidh; agus tha dòigh ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh ann, a' coimh-flireagairt ris na bha air a labhairt a cheana.

4: Tha toradh eile an Spioraid againn ann an Rom. viii. 16, "Tha an Spiorad féin a' deanamh fianuis maille r'ar spiorad-ne, gur sinn clann Dhé." Tha fios cò d' an cloinn sinn a thaobh nàduir,—clann Shàtain agus a mhallachaidh, clann na feirge. Tre'n Spiorad tha sinn air ar eur ann an inbhe eile, air ar n-uchd-mħacachadh 'nar cloinn do Dħia, a mheud 's gu'n d'rinneadh clann ar n-Athar dhinn tre bhi 'faotainn Spioraid ar n-Athar. Uime sin goirear dheth, rann 15, "Spiorad na h-uchd-mħacachd." A nis, do bhrīgh gu bheil fuigheall a' leantuinn ris an anam de'n għnè sin a bha aige anns an t-seann shuidheachadh, bithidh teagħamh air uairibh a' togail cinn ann, am bheil e da rireadh 'na leanabh do Dħia; agus 'an aghaidh so, tha an t-anam a nis a' eur air bonn a thagraidh, mar ann an gnothach ro chudthromach, agus a' eur gach dearbhadh 'an gréim a dh' fheudas a bhi aige, chum a chòir a dhlon. Tha an Spiorad a' teachd agus a' deanamh fianuis anns a' chūis.

Tha an dòigh-labhairt so air a ghnathachadh o chleachdadhl cuirt-lagha a thaobh chòirichean agus fhanuisean. Tha am breitheamh air suidh ; tha an tagaireach a' cur a stigh a chòir, a' toirt air an aghaidh nam fianuisean, agus a' tagair a chùis féin ; tha a luchd-casaid air an taobh eile a' cleachdadhl na h-uile meadhon chum a chuid fianuisean a lagachadh, agus a thagrachd a chur fo bheud, agus a chòirichean a thilgeadh bun os ceann. Ann am meadhon a' chonnsachaidh, tha urra uasal a teachd a stigh do'n chùirt a tha ro aithnichte agus cliùiteach air son treibh dhireis, agus a' deanamh fianuis gu soilleir agus gu diongmhalta air taobh an tagairich, ionnus gu bheil beòil a nàimhdean air an druidealbh, agus cridhe an duine bhochd air a chur air ghean. Is amhail a tha e anns a' chùis so. Tha an t-anam, fo chumhachd dìtidh a choguis féin, air a tharruing 'am fianuis lagh Dhé. Tha e 'cur a stigh a chòir,—gur leanabh le Dia e, gu'm buin e do theaghlaich Dhé ; agus a chum na crìche so tha e toirt air an aghaidh a chuid fianuisean, eadhon na h-uile ni leis am bheil an creidimh a' toirt seilbh dha aum an Dia. Tha Satan, aig an àm cheudna, air cruinneachadh a neart 'na aghaidh ; tha am peacadh agus an lagh 'ga chuideachadh ; tha mòran ghaoid air am faotainn na fhanuisean ; tha teagamh air a chur anna gu léir ; agus tha an t-anam bochd an crochadh eadar beath' agus bàs a thaobh na crìche. Ann am meadhon an tagraigdh agus na h-iorgaill tha an Comhfhurtair a teachd, agus le focal geallaiddh, no air dhòigh éigin eile, a' frithealadh dearbh-bheachd chomhfhurtail air a chridhe gu'n seas a chòirichean da, agus gur leanabh le Dia e, gus am bheil gach cunnail a chaidh air bonn 'na aghaidh air an cur bun os ceann. Agus mar sin theirear uime gu bheil e “'deanamh fianuis maille r'ar spiorad-ne.” Nuair a tha ar spiorad-ne a' tagradh an còir, tha esan a' teachd a stigh agus a' deanamh fianuis air an taobh ; aig an àm cheudna 'gar deanamh comasach a bhi cleachdadhl na h-ùmhlachd mhacail agus ghnèitheil sin a tha “glaodhaich, Abba, Athair,” Gal. iv. 6. Gleidheamaid cuimhne fathast air dòigh oibreachaidh an Spioraid, a dh' ainmich sinn a cheana,—gu bheil e 'g oibreachadh gu h-éifeachdach, mar is aill leis, agus gu saor. Uime sin tha an connsachadh so air uairibh a' leantuinn fada, —an tagradh a' dol air aghaidh mòran bhliadhnaicheadh. Air uairibh tha an là coltach ri dhol leis an lagh, tha am peacadh agus Satan a' togail cinn ; agus tha an t-anam bochd air tuiteam fo uamhunn a thaobh chòirichean na h-oighreachd. Theagamh

gu bheil an fhianuis a tha ann féin, o chleachdadadh a chreidimh, o obair na naomhachaidh, agus o fhiosrachadh nan àm a dh' fhàladh, a' cumail misnich 'na thagradh le tomhas de bheatha agus de chomhfhurtachd; ach cha-n'eil an obair fathast deanta, cha-n'eil a bhuaidh fathast air a toir a mach, gus am bheil an Spiorad, a tha 'g oibreachadh gu saor agus gu h-éifeachdaich, mar is aill leis, a' teachd a stigh le 'fhianuis-san mar an ceudna; a' còmhdaich a chumhachd le focal geallaidh, ionnus gur éigin do gach taobh a thoirt fainear, agus mar sin a' toirt a chonnsachaidh gu crìch.

Ann an so tha e 'toirt comh-chomuinn naoimh dhuinn ris féin. Tha an t-anam ag aithneachadh a ghuth 'nuair a labhras e, "Cha-n fhuaim duine fuaim a bheòil." Tha ni-éigin ro inbheach ann air son cumhachd chruthaichte sam bith. 'Nuair a chronaich an Tighearn Iosa Criosd na gaothan agus an fhairge le aon fhocal, dh' aithnich gach neach a bha maille ris gu'n robh eumhachd diadhaidh am fagus doibh, Mata viii. 25-27. Agus an uair a tha an Spiorad Naomh le aon fhocal a' ciùineachadh buaireis agus àraidh an anama, a' toirt sàmhchair agus tèaruinnteachd a steach gu h-obann, tha e 'g aithneachadh a chumhachd dhiadhaidh, agus a' deanamh gairdeachais na làthair.

5. *Tha e 'gar seulachadh.* "Chuireadh seula oirbh le Spiorad Naomh sin a' gheallaidh," Eph. i. 13; agus a ris, "Na cuiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhé, leis an do chuireadh seula oirbh gu là na saorsa," caib. iv. 30. Cha-n'eil mi gle shoilleir ann am fior sheadh àraidh an t-samhlaidh so; an ni sin anns am bheil mi dearbhta a thaobh inntinn Dhé ann, bheir mi seachad gu h-aithghearr. Tha dà ni r'a bheachdachadh ann an seula:—(1.) *Nàdur* an t-seula. (2.) *Am feum a tha ann.*

(1.) Tha *nàdur* an t-seulachaidh a' coimh-sheasamh ann a bhi comhpairteachadh ìomhaigh an t-seula ris an ni sin a tha air a sheulachadh. Is e sin a bhi seulachadh ni sam bith,— ìomhaigh an t-seula 'bhi air a chomhpairteachadh ris. Ann an t-seadh so, bhitheadh ar seulachadh a' ciallachadh ìomhaigh Dhé a bhi gu h-éifeachdach air a comhpairteachadh ruinn. Tha an Spiorad anns na creidich, ann a bhi comhpairteachadh ìomhaigh Dhé, ann am fireantachd agus fìor naomhachd, ris an anam, 'gar seulachadh. A' gabhail an t-samhlaidh aig an àm o nàdur seulachaidh, tha neach air a sheulachadh leis an Spiorad, 'nuair a tha comharadh so an Spioraid Naoimh aige

ann an rathad a bhi na dhearbhadh d'a anam gu bheil e gabhta le Dia. Agus anns an t-seadh so theirear gu bheil ar Slànuighear air a sheulachadh le Dia, Eoin vi. 27, o'n chomharadh cumhachd, agus gliocais, agus mòrachd Dhé, a bha air ann an cur an gnìomh oibre a dhreuchda.

(2.) Tha crioch an t-seulachaidh dà-fhìllte :—

[1.] Gu bhi 'daingneachadh còir sgriobhtha. Ann an gnothachaibh so, tha daoine 'eur an seula ri sgrìobhadh chum a bhi 'daingneachadh an *toirt thairis* a rinneadh leò ann ; agus air dha so a bhi deanta tha 'chuis a nis do-fhuasgalte. No feudaidh e bhi deanta chum a bhi daingneachadh fianuis a tha neach a deanamh a thaobh firinn ni sònruichte. B'e so gnàth nan Iudhach :—air do neach fianuis fhùrinneach a dheanamh air taobh ni air bith, agus air do'n fhanuis a bhi gabhta leis a bhreitheamh, bha esan air ball a' cur a sheula ris, chum a dhaingneachadh ann am breitheanas. Agus uaithe so theirear, a thaobh an neach a tha 'gabhall ri fianuis Chriosd, gu'n do "chuir e a sheula ris, gu bheil Dia flor," Eoin iii. 33. Is e focal a' gheallaidh *còir-sgriobhtha* mòr beatha agus slàinte do anamaibh nan creideach. Agus a chum gu'm bitheadh làn dearbh-bheachd againn air firinn agus neo-chaochlaindheachd a' gheallaidh, tha Dia a' toirt dhuinn a' Spioraid chum ar cridheachan a riarachadh d'a thaobh ; agus mar sin tha e 'gar seulachadh, eadhon le bhi toir dearbh-chinnte d' ar cridheach-aibh air seasmhachd nan geallaidean sin. Ach, ged a tha mòran luchd-mìneachaidh a gabhall a' bheachd so, cha-n'eil sinn a' faicinn cionnus a dh' fheudas so a bhi 'comh-chòrdadh ri flor sheadh an fhocail. Cha-n'eil e air a ràdh gu bheil an gealladh air a sheulachadh, ach gu bheil sinne air ar seulachadh ; agus an uair a tha sinn a' seulachadh còir-sgriobhtha do neach sam bith, cha-n abair sinn gu bheil an duine air a sheulachadh, ach a mhain an sgrìobhadh.

[2.] Is i dara crioch an t-seulachaidh a bhi 'cur air leth, a' comharachadh, agus a' gleidheadh gu tèaruinte. Is i so crioch an t-seulachaidh. Cuiridh daoine an seula air sin a tha iad a' cur air leth agus a' gleidheadh gu tèaruinte air an son féin. Ann an t-seadh so, gu soilleir, theirear gu bheil seirbhisich Dhé air an seulachadh, Taisb. vii. 4 ; is e sin, tha comharadh Dhé orra, mar a muinntir shònruichte féin,—oir tha an seulachadh so a' coimh-fhreagairt ris a chomharadh a chuireadh orra sin ann an Esec. ix. 4. Tha creidich air an seulachadh, ma seadh, an uair a tha iad air an cur fo chomharadh Dhé chum a

bhi 'nan oighreachaibh air an t-seilbh a choisneadh, agus a chum a bhi air an gleidheadh gu tèaruinte gu là na saorsa. A nis, ma's e so an seulachadh a tha air a chiallachadh, cha-n e gniomh a mhothaichear anns a' chridhe a tha ann, ach gniomh tèaruinteachd air a' phearsa. Tha an t-Athair a' toirt thairis an taghaidh do làmhaibh Chriosd chum a bhi air an saoradh; air dhoibh a bhi air an saoradh, tha iad ann an àm Dhé air an gairm leis an Spiorad, agus air an eur fo chomharadh air son Dhé, agus mar sin 'gan toirt féin seachad do làmhaibh an Athar.

Ma theid a' cheisid a nis a chur, "Cò aca dhiubh so an seadh a tha gu sònruichte air a chiallachadh le sinn' a bhi air ar seulachadh leis an Spiorad Naomh?" Freagam, An ceud seadh, gun a bhi dùnadh a mach an dara seadh. Tha sinn air ar seulachadh gu là na saorsa, an uair a tha mothachadh nuadh air a thoirt dhuinn de gràdh Dhé, agus dearbh-bheachd comh-flurtail air gu bheil sinn gabhta leis, agus sin uile o'n chomharadh agus o'n iomhaigh a tha an Spiorad a' seulachadh air ar n-anamaibh. Ach labhair sinn a cheana air so gu léir ann an àite eile.

Mar so, ma seadh, tha an Spiorad Naomh a' comhpairteachadh 'iomhaigh féin ruinn; ni a's e mar an ceudna iomhaigh an Athar agus a' Mhic. "Tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-iomhaigh so, mar le Spiorad an Tighearna," 2 Cor. iii. 18; agus ann a bhi deanamh so, tha e 'gar toirt a dh'ionnsuidh comh-chomuinn ris féin. Tha ar cosmuileachd ris a' toirt dànaechd dhuinn maille ris. Is ann ri 'obair a tha ar sùil, is ann air son a thoraidhean a tha sinn ag ùrnuigh; agus an uair a tha toradh air bith gràis, no foillseachadh air bith iomhaigh Chriosd annainn, a' toirt dearbh-bheachd dhuinn air gu'n do chuirreadh air leth sinn do Dhia, tha comh-chomunn againn ris ann.

6. *Tha e 'na gheall-daingnich dhuinn.* 2 Cor. i. 22, "Thug e dhuinn geall-daingnich an Spioraid ann ar eridheachaibh;" caib. v. 5, "A thug dhuinn mar an ceudna geall-daingnich an Spioraid;" mar sin mar an ceudna, Eph. i. 13, 14, "Chuireadh seula oirbh le Spiorad Naomh sin a' gheallaidh, neach a's e geall-daingnich ar n-oighreachd-ne." Annas a' cheud dà àite, tha air 'ainmeachadh gu bheil geall-daingnich an Spioraid againn; anns an àite mu dheireadh, gur e an Spiorad féin ar geall-daingnich: tha an Spiorad air 'ainmeachadh, ma seadh, anns a' cheud dà àite, cha-n ann mar aobhar a' ghill-daingnich, ach mar an geall-daingnich féin. Is e an Spiorad féin, ma seadh, ar geall-daingnich, mar anns an rann mu dheireadh a dh' ainmich-

eadh. Cuiridh e ni-éigin de sholus dhuinn air an t-sochair so a tha sinn a' faotainn tre'n Chomhfhurtair, ma bheir sinn fainear ciod a tha air a chiallachadh leis "an Spiorad" ann an so, agus ciod leis "a' gheall-daingnich":—

(1.) Bha cuid a' cur na ceiske—tha sinn a' saoilsinn air bheag tairbhe—ciod an *gràs*, no ciod an tiodhlac àraidih o'n Spiorad a tha air a chiallachadh leis a gheall-daingnich so. Is e an Spiorad féin *gu pearsanta* a tha air 'ainmeachadh mar an geall-daingnich, 2 Cor. i. 22. Is e Dia a thug geall-daingnich an Spioraid ann ar eridheachaibh: cainnt a tha coimh-fhreagairt ri sin ann an Gal. iv. 6, "Chuir Dia Spiorad a Mhic féin ann bhur eridheachaibh;" is e sin, an Spiorad *gu pearsanta*; oir cha-n'eil ni sam bith eile a dh' fheudas a bhi air 'ainmeachadh mar Spiorad a' Mhic; agus ann an Eph. i. 14, thug e dhuinn an Spiorad, neach a's e an geall-daingnich so. Is e Spiorad a' gheallaidh e féin, ma seadh, an geall-daingnich; agus ann a bhi 'faotainn an Spioraid tha sinn a' faotainn a' ghìll-daingnich.

(2.) Uime sin is geall-daingnich e. Is e a tha am focal a' ciallachadh ann an so, *earrann* a tha air a faotainn de'n *iomlan* a tha ri teachd an déigh so, agus gun a bhi ann ach earrann, a réir gnàth na comh-mhalairt 'am measg dhaoine, o'm bheil an samhladh air a ghnàthachadh. Is e a th'anns a' gheall-daingnich, ma seadh, cuid de luach ni air bith, no earrann de chòir air bith, air a bhuleachadh roimh-laimh, *gu bhi* 'deanamh cinnteach dha-san a tha 'ga fhaotainn gu'm faigh e an t-iomlan a chaidh a ghealltuinn, 'nuair a thig an t-àm a chaidh a chomharachadh.

Tha dà ni air iarruidh ann an geall-daingnich:—

[1.] Gu bheil e 'na earrann de'n iomlan,—gu bheil e de'n *aon ghnè agus de'n aon nàduri ris*; eadhon mar a bheir sinn bonn airgid seachad mar gheall-daingnich an iomlain sin a tha sinn gu iocadh an déigh so.

[2.] Gu bheil e 'na *dhaingneachadh geallaidh*; air tùs tha an t-iomlan air a ghealltuinn, agus 'an sin, tha an geall-daingnich air a bhuleachadh ann an rathad a bhi' daingneachadh coimhlionaidh a' gheallaidh sin.

Mar sin féin tha an Spiorad 'na gheall-daingnich. Tha Dia a' toirt dhuinn geallaidh na beatha maireannaich. Chum so a dhaingneachadh dhuinn tha e mar an ceudna a' toirt dhuinn a Spioraid; a tha mar cheud thoradh a' gheallaidh, chum ar deanamh cinnteach as an iomlain. Uime sin, goirear dheth

geall-daingnich na h-oighreachd a tha air a gealltuinn agus air a cosnadh.

Agus feudaidh sinn a bheachdachadh ann an so cionnus is urrainn e a bhi na gheall-daingnich air taobh Dhé, a tha 'ga bhuileachadh ; agus cionnus air taobh nan creideach, a tha 'ga fhaotainn :—

Anns a' cheud àite,— Tha e na gheall-daingnich *air taobh Dhé*, anns gu bheil Dia 'ga bhuleachadh mar *earrann ro inbheach* de'n oighreachd féin, agus a tha de'n aon ghnè ris an iomlan, mar bu chòir do gheall-daingnich a bhi. Tha iomlanachd na h-oighreachd a chailb a ghealltuinn a' coimh-sheasamh ann an lànachd an Spioraid ann am mealtuinn Dhé. 'Nuair a bheir an Spiorad sin a thugadh dhuinn anns an t-saoghal so air falbh gu h-ionlan gach peacadh agus bròn, agus a ni e comasach sinn air a bhi 'sealbhachadh glòire Dhé 'na làthair, is e so lànachd oighreachd a' gheallaidh. Mar sin is e an Spiorad sin a thugadh dhuinn chum ar n-uidheamachadh air son a bhi 'mealtuinn Dhé ann an tomhas, anns an t-saoghal so, geall-daingnich an iomlain.

Tha so deanta le Dia, chum dearbh-chinnte a thoirt dhuinn, agus ar daingneachadh anns an oighreachd. Air dha a' liuthad barantas a thoirt dhuinn an taobh a muigh dhinn,—'fhocal féin, a gheallaidhean, a choimhcheangal, a mhionnan, le foillseachadh de'dhìlseachd agus a neo-chaochlaidheachd annt'uile,—thoilich e gu gràsinhor e gu'm bitheadh barantas eile againn anns an taobh a stigh, Isa. lix. 21, chum gu'm bitheadh gach uile chinnteachd againn a tha sinn comasach a ghabhail. Ciod tuilleadh is urrainn a bhi deanta ? Ann am buileachadh oirnn an Spioraid Naoimh, thug e dhuinn ceud-thoradh na glòire, an dearbhadh a's mò air a ghràdh, agus geall-daingnich an iomlain.

Anns an dara dite,— Tha e na gheall-daingnich air taobh nan creideach, air a mheud's gu bheil e 'toirt eòlais dhoibh air an dàni so :—

An ceud ni, Gràdh Dhe. Air dhoibh a bhi gabhta leis, tha sin a' deanamh aithnichte dhoibh gu'n d' fhuair iad deadh-ghean na shùilibh,—gu bheil e 'na Athair dhoibh, agus gu'm buin e riu mar r'a chloinn ; agus air an aobhar sin, gu'm bi an oighreachd air an son. Tha e 'eur a Spioraid ann ar eridheach-aibh, "ag éigheach, Abba, Athair," Gal. iv. 6. Agus ciod an comh-dhùinadh a dh'fheudas creidich a tharruing o so ? Rann 7, "Uime sin cha seirbhisich sinn ni's mò, ach mie ; agus ma's

mic, is oighreachan air Dia." Agus a rìs, Rom. viii. 17, "Ma's clann, is oighreachan ; oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criosd." Air do'n Spiorad dearbh-bheachd a thoirt dhuinn air gur clann sinn, is e an comh-dhùnadh, " Ma's clann, is oighreachan, oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criosd." Tha còir againn, ma seadh, ann an oighreachd, agus dearbhadh air a chòir sin. Is e so, ma ta' am feum a tha sinn a' faotainn ann,—eadhon an Spiorad a bhi 'toirt dearbh-chinnte dhuinn air a bhi 'nar mic, agus air a bhi gabhta le Dia ar n-Athair. Agus ciod i oighreachd so na glòire ? " Ma, dh' fhuilingeas sinn maille ris, glòraichear sinn maille ris mar an ceudna." Agus ann an 1 Eoin iii. 24, tha fianuis againn air gu bheil an Spiorad air a bhuleachadh air son na crèche so. " Le so is aithne dhuinn gu bheil esan a' fuireach annainn, o'n Spiorad a thug e dhuinn." Tha an t-abstol a' labhairt air ar n-aonadh ri Dia, mar a tha e 'cur an céill ann an toiseach an rainn, " An ti a choimhdeas 'aitheanta-san, tha e gabhail còmhnuidh ann, agus esan ann-sau ;"—ach labhair sinn air an aonadh so ann an àite eile. A nis, tha eòlas an aonaidh so againn, eadhon o'n Spiorad a thug e dhuinn,—tha an Spiorad a' toirt aithne dhuinn air. Cha-n e gu bheil a leithid so de aithne againn, ach gu bheil an comh-dhùnadh a tha r'a tharruing cothromach agus firinneach a' fein, " Tha sinn a' faotainn de a Spiorad, uime sin tha Dia a chòmhnuidh annainn, agus sinne ann an Dia : " oir is ann tre'n Spiorad sin a tha e 'chòmhnuidh annainn, agus a tha còir againn ann-san. Gidheadh a thaobh mothachaidh de'n ni so, tha sin air a bhuleachadh mar is àill leis.

An dara ni, Air do'n Spiorad a bhi air a bhuleachadh mar gheall-daingnich, tha sin a' toirt aithne do chreidich air an *oighreachd a bhuiteas doibh*, 1 Cor. ii. 9, 10. Mar a tha geall-daingnich, air dha a bhi 'na earrann de'n ionlan, a' toirt aithne air gné an ionlain, is amhail sin a tha an Spiorad a deanamh ; mar a dh'fheudadh a bhi air a choimh-dhearbhadh ann an ionad rathad.

Mar sin, ma seadh, tha e anns na h-uile seadh gu coimhlionta na gheall-daingnich,—air a thabhairt le Dia, air a ghabhail leinne, mar cheud thoradh ar n-oighreachd, agus mar dhearbh-bheachd na h-oighreachd sin. Is e an tomhas a tha againn de'n Spiorad an tomhas ceudna a tha againn de néamh ann an seilbh air talamh, agus mar an ceudna an tomhas a tha againn de dhearbh-bheachd air lànachd na h-oighreachd an déigh so. Is e

so an suidheachadh anns am bheil e air a bheachdachadh le creidich ann am frithealadh nan gràs 'nuair a tha iad a' gabhail ris agus a' deanamh gairdeachais ann. Tha iad a' deanamh gairdeachais anns na h-uile gniomh gràsmhor, féin-dhearbhata, a tha e 'g oibreachadh 'nan cridheachaibh, mar bhoinne air teachd a nuas o nèamh, a tha beothachadh mìann an anama an déigh a chuain o'n d' thàinig e. Agus mar 'eil na h-uile toradh gràis air a lorgachadh leinn a dh' ionnsuidh so, tha sinn a' dearmad oibre an Spioraid Naoimh annainn agus d'ar taobh. Cha d' fhagadh a nis dhuinn ach gu'n cuireamaid eadar-dhealachadh, ann am beagan fhocal, eadar creidich a bhi 'faotainn an Spioraid mar gheall-daingnich na h-oighreachd gu léir, agus cealgairean a bhi "blasad de chumhachdaibh an t-saoghail ri teachd, Eabh. vi. 5. A thaobh coslais, tha blasad de chumhachdaibh an t-saoghail ri teachd coimh-ionann ri geall-daingnich na h-oighreachd :—

An ceud eadar-dhealachadh, Cha-n'eil bonn idir air son a bhi smuaineachadh gu bheil "cumhachdan an t-saoghail ri teachd" anns an àite so a' ciallachadh aoibhneas na h-oighreachd nèamh-aidh. Cha-n'eil a' chainnt sin air a gnàthachadh d'an taobh ann an àite sam bith, ni mò a tha i freagarrach gu bhi cur an céill na glòire sin a bhitheas air a foillseachadh, agus air am bi sinn 'nar luchd-seilbh. Is e, gun teaganbh, a tha air a chiallachadh leis, ministrealachd cumhachdach orduighean agus fhrithhealaidean an t-soisgeil, d'an goirear ann an so—a réir gnàth na cànanà Eabhruidhich—cumhachdan, no nithe mòra éifeachdach an t-saoghail ri teachd. Ach,—

An dara eadar-dhealachadh, Ged a smuainicheamaid gu bheil "cumhachdan an t-saoghail ri teachd" a' ciallachadh glòire na h-oighreachd nèamhaidh, tha eadar-dhealachadh mòr eadar a bhi 'gabhair blasaid neo-sheasmhaich de sin féin, agus geall-daingnich mhaireannach a bhi air 'fhaotainn o Dhia. Cha-n ionann idir a bhi 'gabhair blasaid de na nitibh nèamhaidh, as a bhi 'gam faotainn ann an làn dearbh-bheachd o ghràdh Dhé. Fendaidh smuaintean a' chealgair a bhi air an àrdachadh car tamuill a dh' ionnsuidh mòran aoibhneis agus toil-inntinn fo bheachdachadh air nithe maith rioghachd Dhé anna féin; ach tha an Spiorad Naomh, mar gheall-daingnich, a' toirt dearbh-bheachd anna mar nitibh a dh' ulluicheadh air ar son ann an gràdh Dhé agus le cosnadh a Mhic Iosa Criod. So anns an dol seachad.

7. Tha an Spiorad *ag ùngadh* chreideach, 2 Cor. i. 21. "Tha

ùngadh againn o'n Ti naomh, agus is aithne dhuinn na h-uile nithe," 1 Eoin ii. 20, 27. Cha-n urrainn duinn, aig an àm, a bhi 'lorgachadh suas an dòigh-labhairt so a dh' ionnsuidh a chinn-aobhair, do bhrìgh gu'n d' rinn sinn a cheana e ann an àite eile. Tha feum nan ùngaidhean anns an eaglais Iudhach, —tha seadh agus brìgh nan samhlaidhean a bha coimhchean-gailte riu,—tha na dreuchdan chum an robh daoine air an coisrigeadh d'an trid,—tha so uile aig lochdair na cainnte so ; agus gu sònruichte ùngadh Chriosd, o'm bheil e 'faotainn mar ainm a' Mesias, agus an Criosd, air do'n uidheamachadh sin a rinneadh air chum a bhi coimhlionadh dreuchda na h-eadar-mheadhonaireachd gu léir a bhi air 'ainmeachadh mar an ceudna mar 'ungadh, Daniel ix. 24. Theirear mu Chriosd mar an ceudna gu bheil e air "ùngadh le h-oladh aoibhneis os ceann a chompanach," Eabh. i. 9 ; ni a tha coimh-ionann ri sin ann an Eoin iii. 34, "Cha-n ann a réir tomhais a tha Dia a' toirt an Spioraid da." Tha sinne, aig am bheil an Spiorad a réir tomhais, air ar n-ùngadh le "h-oladh an aoibhneis ;" ach aig Criosd tha lànachd an Spioraid, o'm bheil sinne a' faotainn ar tomhais : tha esan air 'ùngadh os ar ceann, "chum gu'm bitheadh an t-àrd-cheannas aige anns na h-uile nithibh." Tha e aithnichte cionnus a bha Criosd air 'ùngadh a dh' ionnsuidh a dhreuchd' thri-fillte faidhe, sagairt, agus righ, agus mar an ceudna cionnus a tha comh-roinn againne 'na oifigibh, do bhrìgh an ùngaidh sin trid am bheil an Spiorad ceudna a chòmhnuidh annsan agus annainne, ionnus gu'n d' rinneadh sinn 'nar rìghribh, agus 'nar sagartaibh, agus 'nar faidhibh do Dhia,—tha so, tha sinn ag ràdh, aithnichte, agus thogadh e mòran ùine a dhol g'a làimh-seachadh ; os bàrr, cha-n e ar rùn a bhi 'deanamh a bheag sam bith eile ach na nithe féin 'ainmachadh.

Cha dean sinn, uime sin, ach aon àite a chomharachadh, anns am bheil comhpairteachadh an Spioraid ann an ùngadh so Chriosd air 'ainmeachadh, agus air am bheil sinne 'nar luchd-comhpairt, 'nar tomhas féin, trid an ùngaidh sin, uaith-san agus maille ris, —agus is e sin, Isa. xi. 2, 3, "Agus gabhaidh Spiorad an Tigh-earna còmhnuidh air, Spiorad gliocais agus tuigse, Spiorad comhairle agus cumhachd, Spiorad eòlais agus eagail an Tigh-earna." Tha iomadh feart a bhuineas do Chriosd, o'n Spiorad leis an robh e gu saoibhir air 'ùngadh, air an ainmeachadh ann an so. Tha feartan gliocais, agus comhairle, agus tuigse, gu sònruichte air an cur 'an céill ; agus do bhrìgh so theirear gu bheil "uile ionnhais a' ghliocais agus an eòlais folaichte ann,"

Col. ii. 3. Agus ged nach 'eil ann an so ach earrann de uidh-eamachadh Chriosd air son cleachdaidh a dhreuchda, gidheadh is i an earrann sin i ris am bheil toradh ar n-ùngaidh-ne gu sònruichte a' coimh-fhreagairt : mar sin 1 Eoin ii. 20, 27, is i obair an ùngaidh a bhi 'gar teagascg ; agus ann a bhi 'deanamh sin, tha an Spiorad 'na Spiorad gliocais agus tuigse, 'na Spiorad comhairle, agus eòlais, agus eagail an Tighearna. B'e an gealladh mòr a bha coimhcheangailte ri teachd a' Chomhfhurtair, gu'n teagaisgeadh e sinn, Eoin xiv. 26,—gu'n treòraicheadh e sinn chum gach uile fhìrinne, caib. xvi. 13. Tha an teagascg so a tha sinn a' faotainn o'n Spiorad Naomh, ar Comhfhurtair, ann an inntinn agus toil Dhé, 'na earrann comharaichte de'n ùngadh a tha againn uaith ; agus an earrann sin a mhain a bheir sinn fainear aig an àm. Ceadaitchibh dhomh a mhain a ràdh gu bheil teagasc tri-fillte air 'thaotainn o'n Spiorad :—

(1.) Teagascg an *dearbhaidh* agus an t-soillseachaidh. Mar sin tha an Spiorad a' teagascg an t-saoghail—is e sin, mòran a tha ann—tre shearmonachadh an fhocail ; a' réir a gheallaidh sin, Eoin xvi. 8.

(2.) Teagascg Spioraid na *naomhachaidh* ; a' fosgladh nan stíleán dalla, a' buileachadh tuigse nuaidh, a' dealradh a steach 'nar eridheachaibh, ehnim eòlais glòire Dhé a thoirt dhuinn ann an gnùis Iosa Criod ; 'gar deanamh comasach nithe spioradail a ghabhail d'ar n-ionnsuidh ann an solus spioradail, 1 Cor. ii. 13 ; a' buileachadh eòlais slàinteil ann an diomhaireachd an t-soisgeil : agus tha an teagascg so coitchionn do na creidich uile 'nan tomh-asaibh fa leth.

(3.) Teagascg Spioraid na *comhfhurtachd*,—teagascg a tha 'eur millseachd, agus tairbhe, agus aoibhneis, do'n anam, anns na h-uile foillseachadh a tha e 'faotainn ann an inntinn agus toil Dé ann an solus Spioraid na naomhachaidh. Ann an so tha oladh an Spioraid a' faotainn mar aimm "oladh aoibhneis,"—ni a tha 'giùlan aoibhneis agus subhachais maille ris ; agus tha foillseachadh an Spioraid so air aimm Chriosd 'ga dheanamh "mar oladh ùngaidh air a dòrtadh a mach," a tha 'tarruing anaman na dhéigh le h-aoibhneas agus tlachd, Dàn Shol. i. 3. Tha fiosrachadh làitheil againn air gur lionmhòr iad aig am bheil ro bheag de bhlas, agus de mhìllseachd, agus de thlachd 'nan anamaibh anns na firinnibh sin anns am bheil eadhon eòlas agus creidimh slàinteil aca ; ach an uair a tha sinn air ar teagascg leis an ùngadh so, Oh, eia cho blasda 's a bitheas na h-uile ni a's aithne dhuinn mu Dhia ! Feudaidh sinn so

'fhaicinn anns an áite sin ann an Eoin far am bheil iomradh againn air teagascg an ùngaidh so, tha sùil àraidh aige ri teagascg an Spioraid oirnn ann an gràdh Dhé ann an Criosd, agus dealradh glan a ghnùis ; an ni sin, mar a tha Daibhidh a' labhairt, a chuireas aoibhneas ann ar cridheachaibh, Salm iv. 6, 7.

Tha so againn, ma seadh, tre'n Spiorad :—tha e 'teagascg dhuinn mu ghràdh Dhé ann an Criosd ; tha e 'deanamh fìrinnean agus nithe maith an t-soisgeil mar fhion air a dheadh tharruing agus mar chuirim shòghmhoir d' ar n-anamaibh,—a' coimh-mheasgadh aoibhneis agus gairdeachais eridhe maille ris na h-uile ni a's aithne dhuinn mu Dhia ; ni a tha na mheadhon gleidhidh air an anam ann am fagusachd do'n fhìrinn. Tha an t-abstol a' labhairt n'ar teagascg trid an ùngaidh so, mar am meadhon tre'm bheil sinn air ar gleidheadh o thruailleadh. Gu cinnteach, is e aithne bhi againn air firinn sam bith 'na chumhachd, 'na mhìllseachd, 'na aoibhneas, agus 'na għairdeachas, meadhon mòr ar seasmhachd ann a bhi 'gleidheadh agus a' cumail na firinn sin. Bithidh iadsan ullamh ni's leòir air an fhìrinn 'iomlaid air son na bréige, nach 'eil a' faotainn ni's mò de mhìllseachd anns an dara ni na tha iad anns an ni eile. Is éigin domh maitheanas an leughadair 'iarraidh air son a bhi 'dol thairis air nithibh mòra so an t-soisgeil cho aithghearr ; a chionn gur e mo rùn aig an àm a bhi 'gan *ainmeachadh* a mhain, cha-n e a bhi 'gam *fosgladh* suas. Dh' fheumadh aon obair so an Spioraid Naoimh, nam bitheadh e air a leantuinn a mach, an tuilleadh seanachais na 's urrainn sinn a bhualeachadh air an iomlan a tha measg ar làmhan. Tha na h-uile sochair a tha sinn a' sealbhachadh, tha an inbheachd agus an t-urram leis an d' rinneadh ar sgeadachadh, tha ar coisrigeadh gu léir do Dhia, tha ar n-uaisleachd agus ar rioghachadh, tha ar còir anns na h-uile sochair eaglais, agus ar comas tarruing dlùth do Dhia ann an cleachdadh an aoraidh, tha an dealachadh a rinneadh oirnn o'n t-saoghal, tha an t-ainm sin leis an ainmichear sinn, tha an t-saorsa sin a tha sinn a' mealtuinn,—tha so uile a' sruthadh o'n cheann so, tha iad uile 'nam meuraibh o fħreumh oibreachaidh so an Spioraid Naoimh. Cha d' ainmich sinn ach a mhain ar teagascg trid an ùngaidh so,—teagascg a tha 'giùlan gairdeachais agus aoibhneis maille ris, le bhi 'toir mothachaidh d'ar eridheachaibh de firinn an ni sin anns am bheil sinn air ar teagascg. 'Nuair a tha sinn a' faotainn aon air bith de fħirinnibh maith an t-soisgeil a' teachd dhachaidh a dh' ionnsuidh ar n-anama le beatha, agus ēifeachd, agus cumhachd, a' cur subhachais

'nar eridheachaibh, agus 'gar n-atharrachadh a dh' ionnsuidh na h-iomhaigh ceudna,—tha an Spiorad Naomh 'an sin aig 'obair, tha e 'dortadh a mach na h-olaidh.

8. Tha *uchd-mhacachd* mar an ceudna againn tre'n Spiorad ; uime sin goirear dheth, "Spiorad na h-uchd-mhacachd;" is e sin, aon chuid, an Spiorad a tha air a bhuleachadh air na h-uchd-mhic, chum an daingneachadh ann, agus mothachadh a ghin 'nan eridheachaibh de gràdh uchd-mhacachaidh an Athar ; air neo an Spiorad a tha 'buileachadh an t-sochair sin orra, mar ann an Eoin i. 12. Ni mò a tha sin ann an Gal. iv. 6, an aghaidh so ; oir feudaidh Dia Spiorad nan athchuinge a chur ann ar eridheachaibh, do bhrìgh a bhi 'nar mic, agus gidheadh a bhi air ar n-uchd-mhacachadh leis an Spiorad. Ach labhair sinn uime so ann an àite eile.

9. Tha e mar an ceudna a' faotainn mar aimm "*Spiorad nun athchuingean* ;" a rēir a' gheallaidh sin, Sech. xii. 10 ; agus ann an Rom. viii. 26, 27, Gal. iv. 6, tha sinn a' faicinn cionnus a tha e 'g oibreachadh sin annainn ; uaith so mar an ceudna theirear gu bheil sinn "a' deanamh ùrnuigh anns an Spiorad Naomh." Feudaidh ar n-ùrnuighean a bhi air am beachdachadh dà rathad :—

(1.) Anns a' cheud àite, mar *dheasannas spioradail* air 'aithne dhuinn le Dia ; agus mar sin tha iad air an oibreachadh annainn le Spiorad na naomhachaidh, a tha 'gar cuideachadh ann an coimhlionadh ar dleasannas gu léir, le bhi 'cur uile bhuadhan an anama air ghleus 'nan cleachdaidhibh spioradail fa leth annta.

(2.) Mar *mheadhon air a bhi 'cumail suas ar comh-chomuinn* ri Dia, tre'm bheil sinn a' dòrtadh a mach ar eridheachan gu milis ann am brollach ar n-Athar, agus a' faotainn bhlasadan ùrachaidh de a ghràdh. Cha-n'eil uair sam bith anns am mò a tha an t-anam air o ghlacadh suas le gràdh Dhé na 'nuair a tha an Spiorad 'ga thoirt ann an dlùth chomh-chomunn ris ann an cleachdadhan dleasannais so ; ni mar an ceudna a tha e deanamh mar Spiorad na comhfhurtachd, an Spiorad a bha air a ghealltuinn mar Chomhfhurtair. Agus is e so an t-ath ni a tha r'a bheachdachadh ann ar comh-chomunn ris an Spiorad Naomh,—eadhon, na toraidhean àraighe sin a tha e 'g oibreachadh annainn, agus d'ar taobh, air dha a bhi air a bhuleachadh oirnn, agus a bhi 'gniomhachadh annainn anns an dòigh a dh'ainmich sinn. Agus is iad na toraidhean sin,—geallaidhean Chriosd air an toirt gu cuimhne leis, a' glòrachadh Chriosd 'nar

eridheachaibh, a' dòrtadh a mach gràidh Dhé annainn, a' deanamh fianuis maille ruinn a thaobh ar staid agus ar coir spioradail, 'gar sealachadh 'gu là na saorsa (air bhi dha 'na gheall-daingnich ar n-oighreachd), 'gar n-ùngadh le comhfhurtachd shochairean an t-soisgeil, a' daingneachadh ar n-uchdmhacachd, agus a bhi 'làthair maille ruinn 'nar n-athchuingean. Ann an so, ma seadh, tha gliocas a' chreidimh,—a bhi 'faotainn a mach agus a' coinneachadh ris a' Chomhfhurtair anns na nitibh so uile; gun a bhi 'call a' mhìllseachd a tha annta, le bhi 'fantuinn ann an aineolas air an ùghdair, no a' teachd gearr ann an ath-dhìol na h-ùmhìachd sin a tha air àithne dhuinn.

CAIBIDEIL IV.

Toraidhean coitchionn oibreachaidh sin an Spioraid Naoimh a dh-ainmich sinn ann an eridheachaibh nan creideach—Comhfhurtachd; na nithe tha coimhcheangailte ris, sithe, aoibhneas—Cionnus a tha sin air oibreachadh gu neo-mheadhonach, agus gu meadhonach.

AIR dhuinn teachd an fhad so ann a bhi 'nochdadadh dòigh ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh, agus air dhuinn na h-oibre sin a's inbheiche agus a's aithnichte 'tha e 'gnìomhachadh a chur an céill, dh'fhangadh againn a nis a bhi 'g ainmeachadh ciod iad *toraidhean coitchionn* nan oibre sin ann an eridheachaibh nan creideach; agus air dhuinn sin a choimhlionadh, bitidh sinn, aig a chuid a's lugha, air iomradh a dheanamh air prìomh chinn a fhrithealaidh agus 'oibreachaidh ann an coimhcheangal nan gràs. A nis—mar a rinneadh leinn a thaobh oibre an Spioraid—cha dean sinn a bheag tuilleadh a thaobh toraidhean 'oibreachaidh, ach a mhain an ainmeachadh; do bhrìgh nach e idir ar rùn a bhi 'fosgladh suas nàduir nan toraidhean, ach a mhain a bhi nochdadadh ciod an dàimh anns am bheil iad a' seasamh do'n ghnothach àraighe a tha measg ar lamhan :—

1. Is e an ceud thoradh dhiubh so, ma seadh, *comhfhurtachd* : Bha na deisciobuil "a' siubhal ann an eagal an Tighearna, agus ann an comhfhurtachd an Spioraid Naoimh," Gniomh. ix. 3. Is e fèin "an Comhfhurtair," agus is e "comhfhurtachd" a tha e buileachadh : tha comhfhurtachd againn o 'oibreachadh annainn, agus d'ar taobh. Is e so ceud thoradh coitchionn

frithealaidh agus oibreachaidh a' Chomhfhurtair. Ciod air bith àite anns am bheil ionradh air a dheanamh anns na Sgriobtuiribh air comhfhurtachd agus sòlas a bhi air am frith-ealaadh air na naomhaibh—mar a tha deanta gu tric—is e toradh àraidh oibreachaidh an Spioraid Naoimh e d'an taobh. Tha comhfhurtachd a' coinh-sheasamh gu coitchionn ann a bhi 'toir fois agus toil-inntinn do'n anam ann am meadhon àmhgharan, no ann an rathad a bhi 'ga shaoradh asda, agus sin le bhi beachdachadh air maith éigin anns am bheil còir aige, agus a tha 'faotainn làimh an uachdar air an àmhghar no air an imcheist ris am bheil e 'gleachdad. 'Nuair a tha ionradh air a dheanamh air fior chomhfhurtachd agus sòlas, is ann ann an coimhcheangal ri àmhghar no imcheist éigin; mar a tha an t-abstol a' labhairt, 2 Cor. i. 5, 6, "Mar a tha fulangais Chriosd paitl annainne, is amhuil sin tha ar comhfhurtachd-ne mar an ceudna paitl tre Chriosd." Tha na fulangais agus an comhfhurtachd air an cur mu choinnimh a chéile, air do'n ni mu dheireadh a bhi 'na fhuasgladh o'n cheud ni; mar sin tha uile gheallaidhean na comhfhurtachd, agus an ionradh anns na Sgriobtuiribh gu léir air an cumail a mach a ghnàth mar fhusgladh an aghaidh àmhghar.

Agus, mar a dh'ainmich sinn, tha comhfhurtachd ag éiridh o lìthaireachd no o bheachdachadh maith éigin, a tha toir barrachd air an àmhghar no air an imcheist an aghaidh am bheil sinn a' gleachdad. A nis tha tobraichean ar comhfhurtachd gu h-ionlan a' luidh ann an oibreachadh sin an Spioraid Naoimh a thug sinn fainear. Cha-n'eil comhfhurtachd r'a faotainn ach annta; agus cha-n'eil àmhghar sam bith anns nach fheud, agus an aghaidh nach fheud, sinn comhfhurtachd 'fhaotainn d'an trid. Cha-n'eil tuilleadh air iarraidh chum duine a bhi 'faotainn comhfhurtachd ann an suidheachadh sam bith, ach gu'm bitheadh maith éigin a lìthair aige a bhithheadh a deanamh an uile a bha 'ga shàrachadh 'na neo-ni 'na shùilibh. Smuainich-eamaid duine a bhi 'fulang na h-àmhghair a's mò anns an comasach do leanabh Dhé tuiteam,—gu bheil comh-chruinn-eachadh nan olc sin gu léir air bualadh air a tha Pol a' cur air chunnatas, Rom. viii. 35-39; bitheadh an duine so air an Spiorad Naomh 'fhaotainn a' coimhlionadh nan oibre sin d'a thaobh a dh' ainmich sinn, agus, a dh'aindeoin nan 'amhgharan sin uile, bithidh a chomhfhurtachd a' meudachadh. Smuainich-eamaid gu bheil mothachadh de gràdh Dhé air a dhòrtadh a mach na chridhe, gu bheil fianuis shoilleir aige ann féin gur

leanabh Dhé e, gu bheil e gabhta leis, gu bheil e air a sheulachadh agus air a chomharachadh le Dia air a shon féin, gu bheil e na eighre air uile gheallaidhíbhbh Dhé, agus mar sin air aghaidh,—bitheadh na nithe so aige, agus tha e mi-chomasach do'n duine sin gun a bhi 'deanamh buaidh-chaithream os ceann nan àmhgharan sin gu léir.

Is ann o thobar so ar comhfurtachd a tha na h-iomraighean sin againn oirre anns na Sgriobtuiribh anns am bheil na buaidhean a bhuineas dhi, agus na nithe a tha coimhcheangailte rithe, air an ainmeachadh ; mar,—

(1.) Gu bheil *i maireannach*. Uime sin goirear dhi "Sòlas siorruidh," 2 Tesal. ii. 16, "Dia, eadhon ar n-Athair-ne, a ghràdhhaich sinn, agus a thug dhuinn sòlas siorruidh ;"—is e sin, comhfurtachd nach teich mar dheataich ; agus sin do bhrig gu bheil a tobar ann an nithibh a tha siorruidh. Feudaidh tomhas de chomhfurtachd bhàsmhoir a bhi air Thaotainn car tamuill o nithibh bàsmhor ; ach an sòlas maireannach a tha againn o'n Spiorad Naomh, tha a thobraichean aige ann an nithibh siorruidh,—gràdh siorruidh, saorsa siorruidh, eighreachd shiorruidh.

(2.) Gu bheil *i làidir*. Eabh. vi. 18, "Chum gu'm bitheadh comhfurtachd làidir aig eighreachaibh a gheallaidh." Mar a tha naimhdeas agus àmhgharan neartmhor a' cruinneachadh air uairibh 'nar n-aghaidh, aig am bheil an cuibhriechean làidir, is amhuil sin a tha ar comhfurtachd làidir,—tha i 'meudachadh, tha i do-chlaoide. Tha i 'na comhfurtachd a dh'fhosgaileas slighe dhi 'féin tre na h-uile grabadh ; tha i 'daingneachadh agus a' neartachadh a chridhe fo'n àmhghar a's mò : tha i 'meudachadh treis' an anama, agus 'ga dheanamh comasach ni sam bith a ghiùlan gu suilibhre chum am bheil e air a ghairm ; agus sin do bhrig gu bheil a tobar uaith-san a tha neartmhor.

(3.) Gu bheil *i luachmhor*. Mar sin tha an t-abstol 'ga deanamh 'na meadhon brosnachaidh chum àmhlaichd air na Philipianaich a tha e 'g earalachadh, caib. ii. 1, "Ma tha comhfurtachd air bith ann an Criod ;"—" Ma tha sibh a' cur luach agus meas air bith air trècair luachmhor so na comhfurtachd ann an Criod, guidheam oirbh air na comhfurtachdaibh sin, bitheadh e mar so maille ribh."

Agus is e so an ceud thoradh coitchionn a tha oibre mòra sin an Spioraid Naoimh air an d'rinn sinn iomradh a' giùlan ann an eridheachaibh nan creideach. A nis, tha so na ghnothach cho

mòr agus cho farsuinn, a' filleadh suas ann a liuthad de ar cùramaibh spioradail ann ar n-imeachd maille ri Dia, as gu bheil an Spiorad Naomh air faotainn 'ainm uaith, a thaobh na h-oibre sin gu léir a tha aige r'a choimhlionadh annainn, is e an Comh-flurtair e; mar a tha Iosa Criod a' faotainn mar aimm, Fear-saoraidh agus Slànuighear na h-eaglais, o obair sin na saorsa agus na slàinte a choimhlion e. A nis, mar nach 'eil comh-flurtachd air bith againn ach o'n Spiorad Naomh, is amhuil sin nach 'eil obair air bith a tha e cleachdadhl d'ar taobh ris nach 'eil an toradh ceudna coimhcheangailte, ann an tomhas mòr no beag. Seadh, gabhaidh sinn oirnn a ràdh, ciod air bith a dh'fheudas a bhi againn a thaobh gnè 'nan nithe sin a dh'ainmich sinn nach 'eil a' toirt comhflurtachd maille ris, aig a chuid a's lugh a anns an fhreumh, mar 'eil e anns an toradh abaich, cha-n ann o'n Spiorad Naomh a tha e. A thaobh an dòigh anns am bheil comhflurtachd a' sruthadh o na h-oibríbh sin a tha e 'coimhlionadh annainn, buinidh sin do gach suidheachadh àraidh fa leth. Tha an comunn sin a tha againn ris a' coimh-sheasamh, ann an tomhas mòr, anns a' chomh-flurtachd a tha sinn a' faotainn uaith. Tha so a' deanamh gràidh an Spioraid luachmhòr dhuinn; a' teagascg dhuinn cò a dh' ionnsuidh a theid sinn 'nar n-uile àmhghar,—cò air son am buineadh dhuinn a bhi 'g ùrnuigh, agus cò ris a ni sinn ùrnuigh, —cò air son am buineadh dhuinn a bhi 'feitheamh 'nar n-imcheistibh gu léir.

2. Tha *sìth* mar an ceudna 'na toradh na h-oibre so. Rom. xv. 13, "Gu'n lionadh Dia an dòchais sibhse do'n uile shìth ann an creidsinn, chum gu'm bi sibh paitt ann an dòchas, tre chumhachd an Spioraid Naoimh." Cha'n e mhain gu bheil cumhachd an Spioraid Naoimh air a chleachdadhl a thaobh an dòchais, ach mar an ceudna a thaobh ar sìthe ann an creidsinn. Mar sin tha iad coimh-cheangailte anns na geallaidhbih sin, Eoin xiv. 26, 27, "Cuiridh mise an Comhflurtair do 'ur n-ionnsuidh;" agus ciod a tha gu bhi leantuinn sin? "Sith," a deir e, "tha mi fagail agaibh, mo shìth-sa a ta mi toirt duibh." Agus cha-n'eil Criod aon chuid a' fagail a shìthe; no a' buileachadh a shìthe, ann an rathad air bith eile ach le bhi 'buileachadh a' Chomhflurtair orra. Tha sìth so Criod a' coimh-sheasamh ann am mothachadh a bhi aig an anam de bhi gabhta gu càirdeil le Dia. Mar sin theirear gur e Criod "ar sìth-ne," Eph. ii. 14, le bhi 'marbhadh an naimhdeis eadar Dia agus sinne, agus le bhi dubhadh a mach làmh-sgrìobhaidh

nan ordraighean a bha 'nar n-aghaidh. Rom. v. 1, "Air dhuinn a bhi air ar fìreanachadh tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia." Is e dearbh-bheachd comhfhurtail air a bhi gabhta le Dia ann an Criosd a tha 'luidh aig lochdar na sìthe so ; tha e 'filleadh suas ann saorsa o'n fheirg shiorruidh, o fhuath, o mhallaichadh, o dhíteadh,—so uile a' drùghadh gu milis air anam agus coguis.

Tha so, ma seadh, 'na *mheur* o'n fhreumh cheudna, 'na thoradh oibreacaidh sin an Spiorad Naoimh a chaidh ainm-eachadh. Smuainicheamaid duine a bhi air a thaghadh ann an gràdh siorruidh an Athar, air a shaoradh tre fhuil a' Mhic, agus air fhìreanachadh gu saor le gràs Dé, ionnuis gu bheil còir aige ann an uile gheallaidhibh an t-soisgeil ; gidheadh cha-n urrainu an duine so, le reusonachadh air bith a chridhe féin, no le beachdachadh air bith air na geallaidhibh annta féin, no air gràdh agus gràs Chriosd annta 'a bhi anns an tomhas a's lugha air a dhaingneachadh ann an sìth, gus am bheil sin air a fhrithealadh air mar thoradh oibreacaidh an Spiorad Naoimh ann agus d'a thaobh. Is e a th'ann an "sìth" toradh an Spiorad, Gal. v. 22. Tha cùbhraidheachd an Spiorad na "bheatha agus 'na shìth," Rom. viii. 6. Ciod idir a th'againn ach na tha uaith agus d'a thrid ?

3. Is e an treas toradh *aoibhneas*. Goirear de'n Spiorad, mar a dh'ainmich sinn, "Oladh aoibhneis," Eabh. i. 9. Tha àngadh an Spiorad a' toirt aoibhneis maille ris, Isa. lxi. 3, "Oladh aoibhneis 'an àite bròin." Tha rioghachd Dhé a' coimh-sheasamh ann am "fìreantachd agus sìth, agus aoibhneas anns an Spiorad Naomh," Rom. xiv. 17 ; "Ghabh sibh ris an fhocal le h-aoibhneas an Spiorad Naoimhe," 1 Tesal. i. 6,—"le h-aoibhneas," mar a tha Peadar ag innseadh do na creidich, "air dol thar labhairt, agus làn de ghlòr," 1 Phead. i. 8. Is i obair ro chomharaichte a' Chomhfhurtair a th'ann a bhi 'toirt aoibhneis do chridheachaibh nan creideach ; agus tha e 'deanamh sin trid na nithibh fa leth sin a dh'ainmich sinn. An "gair-deachas ann an dòchas glòire Dhé," a tha air 'ainmeachadh ann an Rom. v. 2, agus a ghiùllaineas an t-anam tre àmhghar air bith, eadhon a' deanamh uaill annta, tha a thobar aige o'n Spiorad a bhi "dòrtadh a mach gràidh Dhé ann ar eridheachaibh," rann 5. A nis, tha dà rathad anns am bheil an Spiorad ag oibreacachadh an aoibhneis so ann an eridheachaibh nan creideach :—

(1.) Tha e 'ga dheanamh *gu neo-mheadhonach* uaith féin, as

eugmhais oibre no gniomharan air bith eile an Spioraid, agus as eugmhais reusonachaидh no comh-dhùnайдh air bith air ar taobh-ne. Mar ann an obair na *naomhachaidh* tha e 'na thobar uisge a' sruthadh suas anns an anam; is amhuil sin ann am buileachadh *comhfhurtachd*, euiridh e anaman agus intinnnean dhaoine gu neo-mheadhonach ann am fonn aoibhneach, agus shubhach, agus spioradail, 'gan lionadh le gairdeachas agus gean;—cha-n e gu bheil so ag éiridh o bheachdachadh ar eridheachan air gràdh Dhé, ach mar is docha a' toirt cleachd-aidh do'n bheachdachadh sin. 'Nuair a tha e 'dòrtadh a mach gràidh Dhé 'nar eridheachaibh, agus mar sin 'gan lionadh le gairdeachas le oibreachadh neo-mheadhonach a ghniomha sin féin—mar a thug e do Eoin Baistidh briosgadh le h-aoibhneas anns a' bhroinn air teachd do mhathair Iosa am fagus,—tha an t-anam a nis mar thoradh air sin 'ga thogail féin suas ann am beachdachadh air gràdh Dhé, o'm bheil aoibhneas agus gairdeachas mar an ceudna a' sruthadh. A thaobh an aoibhneis neo-mheadhonaich so, cha-n urrainn sinn cunntas a thoirt as, ach gu bheil an Spiorad 'ga oibreachadh an uair a's àill leis, agus mar is àill leis. Tha e 'ga shileadh a steach anns an anam gu h-uaigneach, tlàth, a' buadhachadh an aghaidh na h-uile h-eagal agus doilgheas, 'ga lionadh le subhachas agus gean; agus air uairibh a' glacadh suas na h-inttinn le h-àrd-aoibhneas air dol thar labhairt.

(2.) *Gu meadhonach.* Tre mheadhon nan oibre sin eile a tha e 'g oibreachadh d'ar taobh, tha e toirt mothachaidh dhùinn de gràdh Dhé, air a bhi gabhta agus air ar n-uchd-mhacachadh leis; agus 'gar deanamh comasach, tre 'bhi beachdachadh sin, air a bhi gabhail an aoibhneis so. Bitheadh na nithe sin a labhair sinn a cheana a thaobh oibreachaidh an Spioraid d'ar taobh air am beachdachadh,—an dearbh-bheachd a tha e toirt dhùinn ai gràdh Dhé, ciod an cumhachd agus a' bheatha agus an dearbh-chinnite a tha e buileachadh, ciod an geall-daingnich air ar sonas shiorruidh,—agus bithidh e ro shoilleir gu bheil bunait diongmhalta air a leagadh air son cleachdaidh an aoibhneis agus a ghairdeachais so. Cha-n e gu bheil sinne comasach ar eridheachan féin oibreachadh suas a' dh' ionnsuidh a chleachdaidh so le reusonachadh no comh-dhùnadh nàdurra air bith a dh' fheudas sinn féin a bhi tarriuing o na nitibh a labhradh; is i obair shònruichte an Spioraid a bli 'deanamh sin ann agus tre na meadhonaibh, eadhon mar is i obair-san a bhi 'ga dheanamh gu neo-mheadhonach. Tha dòigh oibreachaidh a' ghairdeachais so

anns a' chridhe air 'ainmeachadh ann an Salm xxiii. 5, 6, "Dh'ung thu le h-oladh mo cheann ;" agus uaith so tha an comh-dhùinadh sin air a tharruing ann an rathad gairdeachais, " Gu cinnteach leanaidh maith agus tròcair mi uile làithean mo bheatha." A thaobh toraidh so a' Chomhfhurtair, faic Isa. xxxv. air fad.

4. Tha *dòchas* mar an ceudna 'na thoradh oibreachaidh so an Spioraid Naoimh annainn agus d'ar taobh, Rom. xv. 13. Is iad so, tha sinn ag ràdh, toraidhean coitchionn oibreachaidh an Spioraid Naoimh ann an eridheachaibh nan creideach ; agus nam feudamaid beachdachadh orra 'n am freumh, maille ris gach meangan a tha fàs suas uatha, ann an rathad aoibhneis, dearbh-bheachd, dànanachd, muinghin, dòchais, uaille, agus an samhul sin, chitheamaid 'an sin ciod a' bhuaidh a tha iad a' cleachdadhbh anns a' chomh-chomunn sin gu léir a tha againn ri Dia. Ach cha-n'eil sinn ach a mhain ag ainmeachadh cheanntheagast, agus a' luathachadh a dh'ionnsuidh sin a tha fathast air thoiseach oirnn. Is e dòigh coitchionn agus sònruichte ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh a bhuiineadh dhuinn a thoirt fainear air ball 'an déagh so, ach gu bheil cuid de bheachdaibh eile anns an àite so a teachd gu neo-sheachanta r'ar n-aghaidh.

CAIBIDEIL V.

Cuid de bheachdaibh air an tarruing o na thugadh a cheana fainear a thaobh an Spioraid—An tarcuis a tha deanta le cuid air frithealadh an Spiorad gu léir—Diomhanas chuid eile a tha leigeadh orra an Spiorad a bhi aca—An Spiorad bréige nir a nochdadadh.

AIR dhuinn teachd gu ruige so, thigeadh dhuinn a nis a nochdadadh eionnus a tha an comh-chomunn so againn ris an Spiorad Naomh anns na nthibh sin a chuireadh sios mar 'obair àraighe fèin d'ar taobh ; ach gu bheil cuid de bheusaibh meallaidh anns an t-saoghal, air gach làimh, a thaobh *frithealaidh* so an Spioraid Naoimh,—cuid a' deanamh tarcuis air an fhìor obair, agus cuid eile a leigeadh orra sin a bhi aca nach d'fhuair iad riamh, ionnus nach urrainn duinn gun an toirt fainear anns an dol seachad : ni mar an ceudna a ni sinn anns a' chaibideil so.

Gabhamaid sealladh, ma seadh, air staid agus suidheachadh na muinntir sin, ged a tha iad ag aideachadh a bhi 'creidsinn soisgeil Iosa Criod, gidheadh a tha 'deanamh dimeas agus

tarcuis air Spiorad Chriosd, agus sin a thaobh 'oibreachaidh, a thiodhlacan, a ghràsan, agus a fhrithealaidean gu léir d'a eaglaisibh agus d'a naomhaibh. Am feadh a bha Criod anns an t-saoghal maille r'a dheisciobluibh, cha d'fhag e gealladh ni's luachmhoir aca, aon chuid a thaobh am maith féin, no soirbh-eachaidh na h-oibre sin a dh'earb e riu, na gu'n tugadh e dhoibh an Spiorad Naomh. Theagaisg e dhoibh an t-Athair a ghuidhe air a shon, mar ni a bha cho neo-sheachanta feumail dhoibh ri aran do chloinn, Lucas xi. 13. Esan gheall e dhoibh, mar thobar uisge a bhitheadh a' sruthadh suas amnta, 'gan ùrachadh, 'gan neartachadh, agus 'gan comhfurtachadh chum na beatha maireannaich, Eoin vii. 37-39 ; mar an ceudna chum a bhi 'eur air aghaidh agus a coimhlionadh oibre sin na ministreileachd a dh' earbadh riu, Eoin xvi. 8-11 ; maille ris gach sochair agus obair inbheach a dh'ainmicheadh roimh. Agus air dol suas dha air nèamh, tha so air a leagadh mar stéidh frithealaideh ghlòrmhoir sin thiodhlacan agus ghràsan an Spioraid a tha air 'ainmeachadh ann an Eph. iv. 8, 11, 12,—eadhon gu'n d'fhuair e o'n Athair gealladh an Spioraid Naoimh, Gnoimh. ii. 33; agus sin air dhòigh cho inbheach as gu'm bitheadh an t-eadar-dhealachadh a bu mhò agus a bu ghlòrmhoire air a chur eadar frithealachadh an t-seann choimhcheangail agus a' choimhcheangail nuaidh. Agus tha daimh áraidh aig obair na ministreileachd gu léir ris an Spiorad Naomh, ged nach e ar gnothach aig an àm a bhi 'dearbhadh sin. Tha e 'gairm dhaoine chum na h-oibre sin ; tha e 'gan uidheamachadh le tiodhlacan agus comasan air a son, 1 Cor. xii. 7-10 : tha iad air an eur air leth air son na h-oibre, Gnoimh. xiii. 2. Mar sin cha-n'eil anns an diadhachd sin gu léir a tha sinn ag aideachadh ach neo-ni, as eugmhais frithealaidh so an Spioraid ; ni mò a tha toradh air bith aiseiridh Chriosd o na mairbh r'a fhaotainn as 'eugmhais.

Air do nthibh a bhi mar so, ma seadh,—gur e an Spiorad freumh, agus beatha, agus anam, ar n-aoraidh agus ar n-ùmh-lachd do Dhia, ar comhfurtachd, ar naomhachaidh, agus oibre na ministreileachd gu léir,—gur e brigh an iomlain e ; gidheadh fhuaireas naimhdeas Shàtain agus aingidheachd dhaoine air dhol gu h-an-dàna ann an comh-bhoinn, chum an Spiorad Naomh a dhùnad a mach gu h-iomlan o fhrithealaidhíbh an t-soisgeil gu léir.

Air tùs, cha-n e mhain gu'n robh a *thiodhlacan* agus a ghràsan air an eur fo mhi-chliù, ach is beag nach robh iad air an dùnad a mach o aoradh f'hollaisceach na h-eaglais, le bhi

suidheachadh modh sàrachail seirbhis, gu bhi air a leughadh leis a' mhinisteir ; ni nach 'eil na thiodhlac àraidh an Spioraid Naoimh do neach air bith, agus nach buin do'n nhinistreileachd idir. Is iongantach r'a smuaineachadh ciod na tagraighean agus na leisgeulan a bha air an tionnsgnadh agus air an gnàthachadh le daoinibh fèghlumta chum a bhi 'dionadh agus a bhi 'cumail na seirbhis so air chois,—tagraighean agus leisgeulan air an tarruing o *sheanachd* na seirbhis, o'n làimh a bha aig *martaicheadh* ann a bhi 'ga cur suas agus ann a bhi 'ga moladh, gu'n robh eireachdas agus riaghailteachd air an daing-neachadh agus air an earalachadh d'a trid ann an aoradh Dhé. Ach b'e am priomh ceann-conspoid air an taobh-san, agus sin air an do chleachd iad an snas-chaimnt fhileanta, ath-iarrtuis bhith-bhriathrach agus amaideach dhaoine a bha 'g ùrnuigh leis an Spiorad. 'Nuair a thuit iad air an argumaid so, bha na h-uile ni—mar a mheas iad féin—air a thilgeadh bun os ceann leò, agus luchd-aideachaидh an Spiorad air an deanamh 'nan cuius-nihagaидh ni's lebhir ;—mac-sambuil cuilbheartachd Shàtain agus amaideachd do-rannsachaidh chridheachan dhaoine. Is e so suim an cuid reusonachaидh ann am beagan bhriathran,—“Ged a gheall an Tighearn Iosa Criod gu'm bith-eadh an Spiorad Naomh maille r'a eaglais féin gu deireadh an t-saoghal, chum a bhi 'g uidheamachadh dhaoine le tiodhlacan agus comasan air son an aoraidh sin a chur air aghaidh a dh' àithne e féin, agus ris an gabh e aig ar làmhaibh, gidheadh cha-n 'eil an obair a' faotainn coimhlionaidh mar bu chòir ; cha-n 'eil na tiodhlacan a tha e 'buileachadh foghainteach air son na crìche sin, aon chuid a thaobh dleasannais na h-ùrnuigh no teagaisg an fhocail, agus, uime sin, cha-n e mhain gu'n dean sinne daoine a chuideachadh le ar seòlaidhean féin, ach bacaidh sinn doibh tiodhlacan an Spiorad a chleachdadh idir.” Is e so, tha sinn ag ràdh, brìgh an iomlain, mar a dh' fheudadh sinn a dhearbhadh gu soilleir, nam b'e sin ar gnothach aig an àm. Cha-n 'eil aobhar dhuinn ann an so a bhi 'eur an cùill na h-uile do-àireamh a tha 'fas suas o'n fhreumh so, ann an rathad a bhi 'eur dhaoine air leth air son na ministreileachd nach do bhlais riàmh “eumhachdan an t-saoghal ri teachd,” agus do nach d' thug an Spiorad Naomh riàmh tiodhlacan air son na crìche sin ; ann an rathad a bhi 'eur suas, agus a' meudachadh ann an gnè aoraidh mhòr-chuisich o'n taobh a muigh, gu h-iomlan air sheacharan o chumhachd agus a aon-fhillteachd an t-soisgeil ; agus ann an rathad a bhi dùnadh

beòil, a' milleadh, agus a' fogradh, dhaoine aig an robh cumhachd agus làn-dearbhachd an Spioraid ann an comh-chuid-eachd am ministreileachd. Is e so, ma seadh, an ni a th' air ar n-aire, eadhon a bhi 'comharachadh an tareuis fhollaisich a tha deanta air an Spiorad Naomh, 'na thiodhlacan agus 'na ghràsan, maille r'am frithealadh ann an eaglais Dé, eadhon far am bheil an soisgeul air 'aideachadh.

A ris : tha e 'na ni anabarrach brònach a bhi 'g ath-chuimh-neachadh ciod na toraidhean a bha an tareuis so air an Spiorad a' giùlan ann an daoinibh 'nan uile shlighibh. Bha ainm an Spioraid air teachd gu bhi 'na fhocal maslachaidh. Ma bha duine ag aideachadh an Spioraid, no a chuideachadh ann an ùrnuigh, bu leòir sin chum a dheanamh 'na bhall-foehaid agus 'na chuis-bhurta do gach seòrsa dhaoine o na ehrannaig gu bord an tigh-chluiche. "Ciod so ! tha thusa làn de'n Spiorad ; ni thusa ùrnuigh leis an Spiorad ; tha an tiodhlac agadsa : cluinn-eamaid, ma seadh, do bhaothaireachd ;"—agus gidheadh, theagamh gu measadh na daoine so gu'n d' rinneadh eucoir orra mar bitheadh iad air ami meas 'nan Criodaidhean. Criodaidhean ! seadh, nach 'eil cuid diubh a ghabh orra féin a dhol a threòrachadh an treud,—seadh, tuilleadh fös, a dhìrich suas ceum no dhà os ceann nam bràithrean, ag agradh riaghlaidh agus uachdaranaichd os an ceann ; gidheadh dheanadh iad so gnothach de bhi tilgeadh taire agus maslaidh air tiodhlacaibh Spioraid Naoimh Dhé. Agus ma's e so suidheachadh eridhe a bha aca-san, ciod ris am feudamaid dùil a bhi uatha-san a bha 'g aideachadh na mi-naomhaechd gu follaiseach ? Cha ghabh e smuaineachadh ciod an àirde toibhheim gus an d' éirich an cleachdadadh so. Gu'n deòinicheadh an Tighearn nach 'eil fuigheall air bith fathast 'nar measg de'n taois mhallaichte so ! Tha eagarsaich dhroch-mhuint fathast air uairibh a' togail cinn. An e so comh-chomunn sin an Spioraid Naoimh a dh' ionnsuidh am bheil creidich air an gairm ? Am bheil se 'na fhàilteachadh cubhaidh air-san a gheall ar Slànuighear a chur, chum a bhi 'deanamh suas a lèthaireachd corporra féin, ionnus nach bitheadh call againn de a dhol air falbh ? Nach leòir e gu'm bitheadh daoine riaraichte le a shamhuil sin de dhoille bhaoghalta, as, air dhoibh a bhi fo ainm Chriosdaidhean, nach amhaire iad ni's àirde air son an comhfhurtachd na a threòbraichear iad le beachdaibh modhannail a tha coitchionn do na Cinnich, ach, air do neach de phearsaibh naomh agus uile-bheannaithe na Trionaid dreuchd comhfhurtair a ghabhail

air féin air ar son, gu feum iad cur na aghaidh-san agus a mhaslachadh mar an ceudna? Cha-n 'eil ni sam bith a's mò a tha 'nochdad' eia cho tearc as a tha iadsan aig am bheil còir anns an ainm bheannaichte sin air am bheil sinn air ar n-ainm-eachadh. Ach cha-n àite so gu bhi leantuinn a mach an t-seanachais so. Is e a tha air ar n-aire ann, a bhi dearbhadh amaideachd agus enthaich dhaoine gu coitchionn, a tha 'g aideachadh soisgeil Chriosd, agus gidheadh a tha 'diteadh agus a' deanamh tarcuis air a Spiorad annta-san uile anns am bheil a thoraidhean air am foillseachadh. Bitheamaid eudmhòr mu thiodhlacan an Spioraid, cha-n ann a' gabhail faramaid riù.

O na chaidh a labhairt feudaidh sinn mar an ceudna na spioradan sin a dhearbhadh a tha air dol a mach air feadh an t-saoghal, agus a bha 'gan cleachdad' féin ann, àm an déigh àma, riamh o chaidh Chriosd suas air nèamh. Bha aingidheachd na ginealaich a dh' fhàlbh agus a tha dol seachad a' coimh-sheasamh ann an naimhdeas mhallaichte, fhollaiseach an aghaidh an Spioraid Naoimh. Ach bha Dia a' riaghadh os an ceann a thaobh nan nithe sin anns an do għluais iad gu h-andàna. Tha Sàtan, leis an ionmuinn làmh an uachdar a bhi aige mar dhia an t-saoghal so, agus leis nach miann còmh-nuidh a dheanamh gu h-iomlan ann an cruth air bith a chaidh thilgeadh sios ann am freasdal Dhé, a nis air e féin a chur ann an cruth aingil soillse; theid e a nis ann an cruth an Spioraid. Ach tha "spioradan mealltach" ann, 1 Tim. iv. 1; agus thugadh aithne dhuinn gun a bhi "creidsinn gach uile spiorad, ach na spioradan a dhearbhadh," 1 Eoin iv. 1; agus is e an t-aobhair, "Do bhrigh gu bheil mòran fhàidhean bréige air dol a mach do'n t-saoghal;"—is e sin, daoine a bhitheadh a gabhail orra foillseachadh theagasan nuadh' fhaotainn tre'n Spiorad; tha Pol a' cur an cíll am mealltaireachd, 2 Tesal. ii. 2, a' gairm air daoinibh "gun a bli gu h-ealamh air an crathadh 'nan intinnibh le spiorad." Gu cinnteach is ann a tha spioradan nan làithean so cho neo-cheanalta, garbh, as gu'm feud duine air ro bheag breithneachaidh am faotainn a mach; agus gidheadh tha an eumhachd meallaidh cho ēifeachdach as gu bheil mòran air an glacadh 'nan cluain. Tha aon ni soilleir do na h-uile,—gu bheil an Sàtan, a réir a chleas abhaistich 'na mheallaidhibh uile, a nis 'ga chleachdad' féin, a thaobh coslais, calg-dhireach an aghaidh nan doigh a bha aige roimh.

O cheann àine ghoirid, bha aomadh a chuilbheartan, mar a thug sinn fainear, a' moladh suas órdraighean aoraidh as eugmhais an Spioraid, 'ga chur-san sios fo mhasladh agus tair; — ach a nis, is e a tha air a mholadh suas leis *spiorad* as eugmhais agus an aghaidh órdraighean aoraidh, 'gan cumail-san suas mar bhall-amais nan an-fhocal. Roimh so is e a bhitheadh aige *ministreileachd* as eugmhais an *Spioraid*; — a nis, *Spiorad* as eugmhais a' mhinistreileachd. Roimh so, dh' fhòghnadh *leughadh* an fhocail, as eugmhais searmonachaидh no urning leis an Spiorad; — a nis, is leoир an *Spiorad* as eugmhais leughaidh no ramhsachaидh na firinn. Roimh so, cheadaicheadh e do dhaoinibh gabhail ann an rathad litireil ris na rinn Criodh anns an fheòil; — a nis, is e a tha aige Criodh anns an Spiorad a mbain, ag àicheadh gu'n d' thàinig e idir anns an fheòil, — dearbh chomharadh an spioraid bhreige sin an aghaidh am bheil an t-abstol a' toirt rabhaidh, 1 Eoin iv. 1. A nis do bhrigh gu bheil e ro chinnteach gur e an Spiorad ris am bheil sinne gu bhi 'gabail agus ag eisdeachd, an Spiorad sin a gheall Criodh a chur, cuireamaid na spioradan bréige sin eile fo dhearbhadh gu h-aithghearr, le cuid de na toraidhibh sin air son an do gheall Chriodh an Spiorad Naomh a bhuleachadh:—

B'e ceud thoradh coitchionn an Spioraid, mar a thug sinn fainear, gu'n tugadh e gu cuimhne na nithe a labhair Criodh chum ar treòrachaидh agus ar comhfhurtachd. B'i so an obair a bha gu bhi aig an Spiorad Naomh a thaobh nan abstol, a bha gu bhi 'sgriobhadh nan Sgriobtuirean; agus b'i so an obair a bha gu bhi aige a thaobh nan creideach gu crich an t-saoghal. A nis, na nithe sin a labhair agus a rinn Criodh, "tha iad sgriobhta chum gu'n creideamaid, agus ag creidsinn duinn, gu'm bitheadh againn beatha troimh 'ainm-san," Eoin xx. 31; tha iad sgriobhta anns na Sgriobtuiribh. Is i so, ma seadh, obair an Spioraid a gheall Criodh; — bheir e g'ar cuimhne, agus bheir e tuigse dhuinn ann am briathraibh Chriodh anns na Sgriobtuiribh, chum ar treòrachaидh agus ar comhfhurtachd. An i so, a nis, obair an spioraid sin a tha air dol a mach air feadh an t-saoghal, a' claoadh mhòran? Na h-uile ni ach sin. Is e gnothach an spioraid so a bhi 'eur sios fo mhi-chliù na nithe sin a labhair Criodh anns an fhocal, a' gabhail *thaisbeannadh nuadha* air féin, agus a' treòrachadh dhaoine air falbh o'n fhocal sgriobhta, anns am bheil obair Dhé gu lèir agus uile gheallaidhean Chriodh air an eur an céill.

A ris: is i obair an Spioraid sin a gheall Criodh a bhi 'ga

ghlòrachadh : “Bheir esan glòir dhomhsa ; oir gheibh e de m’ chuid-sa agus nochdaidh e dhuibh-sa e,” Eoin xvi. 14. Bha e gu esan a bha gu fulang aig Ierusalem, agus a bha aig an àm sin a’ labhairt r’ a dheisciobluibh, a dheanamh glòrmhoir, agus urramach, agus luachmhoir, ann an eridheachaibh nan creideach ; agus sin le bhi ’nochdadhbh a chuid-sa dhoibh, eadhon a ghràdh, agus a chaoimhneas, agus a ghràs, agus toraidhean a chosnaidh. Is i so obair an Spioraid. Is i obair an spioraid sin a tha anns an t-saoghal a bhi ’ga ghlòrachadh féin, a’ ruith a Chriosd sin sios fo theanga nan inisg a dh’fhuiling air ar son, agus sin mar Chriosd a tha’n taobh a muigh dhinn, air am bheil an spiorad so a’ deanamh tàire, eadhon a réir aideachaidh. Is e a ghlòir agus ’onoir féin an t-ionlan a tha air ’aire ; a’ tionndadh riaghailteachd fhrithealaidhean Dhé gu h-ionlan bun os ceann. Air do thobar an ionlain a bhi ann an gràdh an Athar, thàinig am Mac a ghlòrachadh an Athar. Is i a chainnt a ghmàth, “Chann’eil mi ag iarraidh mo ghlòire féin, ach glòir an Ti a chuir uaith mi.” Air do’n Mhae obair na saorsa a thoirt air a h-aghaidh, bha e a nis gu bhi air a ghlòrachadh maille ris an Athair. Mar sin féin tha e ’guidhe, Eoin xvii. 1, “Thàinig an uair, glòraich do Mhae ;” agus sin leis a ghlòir a bha aige mu’n robh an saoghal ann, an uair a ghabh e os làimh, ann an comh-chomhairle ris an Athair, a bhi ’toirt a dh’ionnsuidh coimhlionaidh uile rùintean a ghràidh. Uime sin tha an Spiorad Naomh a nis, air a chur, agus is i ’obair-san a bhi ’glòrachadh a’ Mhic. Ach a nis, mar a thubhaint sinn, tha spiorad air teachd a mach d’an obair gu h-ionlan a bhi ’ga ghlòrachadh féin ; o’m bheil e soirbh ni’s leòir ’aithneachadh eia as da.

Os barr : tha an Spiorad Naomh, mar a thug sinn fainear, a’ dòrtadh a mach gràidh Dhé ann ar eridheachaibh, agus le sin ’gan lionadh le h-aoibhneas, agus sìth, agus dòchas ; a’ ciùin-eachadh agus ag iùrachadh chridheachan na muinntir sin anns am bheil e a chòmhnuidh ; a’ toirt saorsa agus fois, muinghin agus dànamachd cloinne dhoibh. An spiorad sin anns am bheil daoine a nis a’ deanamh uaille, is spiorad daorsa e, d’an obair gu h-ionlain a bhi ’cur dhaoine fo uamh-chrith ; ’gan tilgeadh ann an suidheachadh neo-mhaeail spioraid ; ’gan iom-ruagadh thuig agus uaith le h-oillt agus daorsa, ag òl suas an *smioralachd nàdurra*, agus a’ seacachadh sios an duine gu h-ionlan. Cha mhòr ni a’s soilleire a tha ’nochdadhbh nach e an spiorad sin a tha nis ag oibreachadh ann an euid de dhaoinibh an Comhfhurtair a gheall Criod, na so,—gu bheil e ’na spiorad daorsa agus

traillealachd anna-san anns am bheil e, agus 'na spiorad an-iochd agus dìmeas a thaobh mhuinntir eile ; calg-dhireach an aghaidh an Spioraid Naoimh ann an creidich, agus 'an aghaidh nan eriochan sin gu léir air son am bheil e air a bhuleachadh orra mar Spiorad na h-uehd-mhaeacdh agus na comhfhurtachd.

Gu bhi 'g ainmeachadh aoin eisampleir eile : tha an Spiorad Naomh a tha air a bhuleachadh air creidich 'na Spiorad ùrnuaigh agus athchuinge ; mar a bha air a nochdad. Tha an spiorad sin air am bheil sinn a nis a labhairt, a' gabhail air féin a bhi 'giulan dhaoine os ceann an samhuil sin de mheadhonaibh diblidh agus tâireil comh-chomuinn ri Dia. Ann am focal, bhitheadh e gle shoirbh a dhol thairis air uile thoraidhible innbeach an Spioraid Naoimh ann agus a thaobh nan creideach, agus a nochdad gu bheil spiorad meallta ar làtha 'ga chleachadh féin calg-dhireach 'an aghaidh gach aoin dinbh. Air a' mhodh so, ma seadh, tha Satan air dhol thairis o aon chruth gu cruth eile,—o naimhdeas nimheil, truagh, an aghaidh Spioraid Chriod, a dh'ionnsnidh cruth mhallaichte anns am bheil e 'g imeachd 'an riochd an Spioraid ; a ghnath air son nan eriochan ceudna.

Dh' fheudamaid iomadh eisampleir eile a thoirt seachad air an tareuis no air a mhi-bhuleachadh a tha deanta air frithdealadh so an Spioraid. Is iad sin a dh' ainnmich sinn na h-eisampleirean a's comharaichte, anns am bheil a' chuid eile gu léir fillte suas ; agus cha teid sinn ni's fhaide a thaobh o ar priomhtheagast.

CAIBIDEIL VI.

Air comh-chomunn àraidh ris an Spiorad Naomh—Ulluchadh air a shon — Meas air na sochairibh a tha sinn a' faotainn da thrid—Ciod anns am bheil, agus ciod an aghaidh am bheil e 'gar comhfhurtachadh ; ciod leis am bheil e 'deanamh sin, agus cionnus.

AIR do'n t-slighe a bhi mar so air a deanamh réidh dhuinn, tha sinn a nis air teachd gu bhi 'nochdad eionnus a tha comh-chomunn àraidh againn ris an Spiorad Naomh, mar a tha e air a ghealltuinn le Criod gu bhi 'na chomhfhurtair dhuinn, agus mar a tha e 'g oibreachadh ar comhfhurtachd le na meadhonaibh sin a thug sinn a cheana fainear. A nis, ann a bhi deanamh

so, is e an ceud ni a ni sinn, a bhi 'tairgse ni-éigin a dh'fheudas a bhi 'na ulluchadh oirnn air son an dleasannais so a tha r'ar n-aghaidh ; agus sin le bhi trèorachadh anama nan creideach a dh'ionnsuidh meas dlichich a chur air obair sin an Spioraid d'ar taobh, o'm bheil e 'faotainn mar ainm, ar Comhfhurtair.

Chum ar eridheachan a thogail, ma seadh, a dh'ionnsuidh an t-suidheachaидh so, agus ar n-ulluchadh air son an dleasannais a dh'ainmich sinn, thugamaid fainear na trè nithe so :—

I. *Ciod an ughairil am bheil e 'gar comhfhurtachadh.*

II. *Ciod leis am bheil e 'gar comhfhurtachadh.*

III. *Ciod e freumh a cleachdlaidhean agus 'oibreachaidh gu léir annainn air son ar comhfhurtachul.*

I. Cha-n'eil ach trè nithe 'n ar n-oilthireachd gu léir air thalamh anns am bheil sòlasan an Spioraid Naoimh feumail agus neo-sheachanta dhuinn :—

1. Ar *n-àmhgħaran*. Is e àmhgħar earrann de'n deasachadh a rinn Dia na thigh féin air son a chloinne, Eabh. xii. 5, 6. Tha e aithnichte gu coitchionn cia cho eug-samhuil as a tha aobharan, meadhanan, feuman, agus toraidhean na h-àmhgħair. Tha a thomhas féin air a chomharachadh do gach neach. Is buaireadh a bhi gu h-ionlan as an eugmhais ; agus mar sin is àmhgħar ann an tomhas a bhi as eugmhais àmhgħair. Tha sinn gu bhi labhairt, ma seadh, air so,—gu bheil feum againn air comhfhurtachdaibh an Spioraid Naoimh 'nar n-àmhgħaraibh gu léir. Tha e nàdurra do dhuine a bhi 'ga fluasgladh féin, anns na h-uile dòigh agus meadhom, 'nuair a tha a chosan 'an sàs. Bithidh cleachdadħ dhaoine 'nan teamtachdaibh a réir aigeantachd an càileachd nàdurra. "Giùlainidh spiorad duine a laigse ;" aig a' chuid a's lugha, gleachdaidh e ris.

Tha aon de dhà olc mhòr a tha gu coitchionn a' deanamh gréim air daoinibh 'nan àmhgħaraibh, agus a tha 'gan cumail o bhi 'gan giùlan féin gu dligheach annta. Tha an t-abstol 'gan ainmeachadh maraon, Eabh. xii. 5, "Na euir suarach smachdachadh an Tighearna, agus na fannaiċh an uair a chronaichear leis thu." Tha daoine gu nàdurra a' tuiteam fo aon de'n dà olc so ; tha iad aon chuid a' cur suarach smachdachaidh an Tighearna, no a' fannachadh fodha.

(1.) Tha daoine 'ga chur suarach. Tha iad a' meas nach 'eil ann ach ni *eutrom no coitchionn* a tha air teachd orra ; cha-n'eil làmh Dhé idir air a toirt fainear ann ; gheibh iad seòl air an gnothach féin a dheanamh air bheag dragh air a shon ; tha iad ag amhare air inncalaibh agus aobhairibh faiesinneach na

h-àmhghair, agus a' dol an ceann iad fèin fhireanachadh agus a dhòn, le ro bheag aire aca air Dia no a làimh ann. Agus is e an t-aobhar air son so, gu bheil iad a' glacadh furtachd d'an ionnsuidh 'nan àmhgharaibh anns nach dean Dia a ghràs a choimh-mheasgadh ; tha iad a' gnàthachadh mheadhoma fuasglaidh nach do chomharaich Dia, ionnus gu bheil iad a' call an iomlain de'n bhuanmachd a bha coimhcheangailte r'an àmhgharaibh. Agus is amhul sin a ni gach uile dhuine a theid an ceann an fhéin-fhusglaidh le ni sam bith eile ach comhfurtachdan an Spioraid Naoimh.

(2.) Tha iad a' fannachadh fo'n deuchainnibh agus an àmhgharaibh ; ni mar an ceudna a tha'n t-abstol a' eronachadh, rann 12. Tha an ceud mhuianntir a' cur suarach euideachaiddh an Spioraid Naoimh tre uabhar an eridhe ; tha an dara buidheann 'ga dhiùltadh tre dhubbhachais spioraid, agus mar sin a' fannachadh fo chudthrom an àmhgharan. Agus eo 'nar measg, ach ro theare, nach 'eil a' toirt oilbheim air an dara làimh no air an làimh eile ? Mar bitheamaid air fhòghlum smachdachadh an Tighearna a chur 'am beag suim, agus ro bheag aire 'ghabhail d'a chleachdaidhibh d'ar taobh, chitheamaid gu'n robh aimsir ar n-àmhgharan a' deanamh suas earrainn móire de'r cuairt air thalamh.

A nis, cha-n'eil dòigh anns an urrainn ar n-anaman a bhi air an cleachdadhl gu ceart fo àmhghar air bith, ionnus gu'm bi a ghlòir aig Dia, agus buannachd spioradail againne, ach tre chomhfhurtachdaibh an Spioraid Naoimh. Is e na gheall ar Slànuighear d'a dheisciobluibh, 'nuair a dh'innis e dhoibh mu na deuchainnibh agus na h-àmhgharaibh mòra sin a bha gu coinneachadh riu, "Cuiridh mi an Spiorad, an Comhfhurtair, d'ar n-ionnsuidh ; bheir esan sìth dhùibh annam-sa, 'nuair a bhitheas àmhghar agaibh anns an t-saoghal. Ni esan bhur treòrachadh agus bhur stiùireadh, agus gleidhidh e sibh 'nar deuchainnibh gu léir." Agus is amhul sin a tharladh, mar a tha an t-abstol a' eur an eòill, 2 Cor. i. 4-6 ; seadh, agus cuiridh so an t-anam ann an cleachdadhl an aoibhneis, agus na sithe, agus an t-suaimhneis, agus an toil-inntinn a's àirde, eadhon fo na h-àmhgharaibh a's deuchainniche. Mar sin an t-abstol ceudna, Rom. v. 3, "Tha sinn a' deanamh naill ann an trioblaidibh." Is e focal ro mhòr a tha e cleachdadhl. Thubhaint e roimh sin, "Tha sinn a' deanamh gairdeachais ann an dòchas glòire Dhé," rann 2. Seadh, ach ciod ma chuairticear sinn le trioblaidibh agus àmhgharaibh air gach taobh ? "C'uime, eadhon annnta

sin mar an ceudna," a deir e, " ni sinn uaill ; ni sinn uaill ann an trioblaidibh." Ach cionnus gu bheil ar spioradan mar so air an neartachadh gu bhi 'gan cleachdadadh féin gu cubhaidh anns na h-àmhgharaibh, ionnus gu'n deanamaid uaill annta anns an Tighearna ? Tha e 'g innseadh dhuinn, rann 5, eadhon do bhrigh gu bheil "gràdh Dhé air a dhòrtadh a mach ann ar eridheachaibh leis an Spiorad Naomh." Agus do bhrigh so theirear mu chreidlich gu'n do "ghabh iad ris an fhocal ann am mòr-àmhghar, le h-aoibhneas an Spioraid Naoimh," 1 Tesal. i. 6; agus gu'n do "ghabh iad le luathghair ri creachadh am maoin." Is e so, ma seadh, a tha sinn a' ciallachadh :—nach 'eil dòigh anns an urrainn anaman a bhi air an cleachdadadh gu buannachdail ann an àmhghar air bith, ach a mhain tre *chomhfhurtachdaibh an Spioraid Naoimh*. Uime sin, ma's e's gu bheil e' na chìram oirbh nach caill sibh toraidhean bhur deuchainnean, bhur buairidhean, agus bhur n-àmhgharan gu léir, foghlumaibh mòr mheas a chur air sin tre'm bheil iad a mhain air an deanamh buannachdail.

2. Is e am *peacadh dara uallach* ar beatha, agus an uallach a's ro mhò. Is ann ri aghaidh na h-uallaich so a tha comhfhurtachd an Spioraid Naoimh air mhodh àraidh freagarach. Mar sin Eabh. vi. 17, 18, far am bheil stùil aig na briathraibh ris a mharbháiche fo'n lagh, neach, air dha duine a mharbhadh gun fhios da, agus cionta fol a tharruing air féin, a theich gu grad air son tèaruinteachd chum a bhaile dhlon. 'Se an t-aon dìdean mòr a tha againne o chionta peacaidh an Tighearn Iosa Crioss; agus is ann ann a bhi 'teicheadh d'a ionnsuidh-san a tha an Spiorad a' frithealadh comhfhurtachd oirnn. Tha *mothachadh de pheacadh* a' lionadh a' chridhe le trioblaid agus imcheist; tha an *Spiorad Naomh* a' frithealadh sìth' oirnn ann an Crioss; —tha am peacadh a' gintinn eagail na feirge; tha an Spiorad Naomh a' dòrtadh a mach gràidh Dhé ann ar eridheachaibh;—o'n pheacadh tha Sàtan agus an lagh 'gar casaid, mar chuspairibh fuath Dhé; tha an Spiorad a' deanamh fiannuis maille r'ar spiorad-ne gur sinn clann Dé. Cha-n'eil inneal air bith a dh' fheudas am peacadh a chleachdadadh an aghaidh ar sìthe, nach 'eil oibreachadh éigin an Spioraid Naoimh uile-fhreagarrach air son a bhi 'ga thilgeadh sios.

3. Tha comhfhurtachdan an Spioraid neo-sheachanta dhuinn mar an ceudna ann an *uile shlighibh ar n-ùmhlaichd*, chum gu'n imicheamaid annta gu suilbhir, gu togarrach, agus gu foighidneach a dh' ionnsuidh na crìche. Bithidh so air a nochdadadh

ni's ro shoilleire, 'nuair a thig sinn gu bhi 'tairgseadh sheòlaidhean air son ar comh-chomuinn ris a' Chomhfhurtair bheann-aichte so. Ann am focal, ma seadh, ann an uile gnothaichibh na beatha so, agus 'nar n-uile dhòchasaibh a thaobh na beatha maireannaich, tha sinn a' seasamh 'an aire chomhfhurtachd an Spioraid Naoimh.

As an eugmhais, ni sinn aon chuid ar n-àmhgharan a chur suarach no fannaichidh sinn fodhpa, agus bithidh Dia air a dhearmad a thaobh a chrìochan anna.

As an eugmhais, ni am *peacadh* aon chuid ar cruadhachadh chum a bhi 'ga chur 'an neo-shuim, no ar tilgeadh sios chum a bhi dearmad nam meadhonan a tha gu gràsmhor air an ulluchadh 'na aghaidh.

As an eugmhais, ni *dleasannasan* aon chuid ar séideadh suas le h-uabhar, no ar fagail as eugmhais a' mhìllseachd sin a tha anns an nuadh ùmhachd.

As an eugmhais, ni *soirbheachadh saoghalta* ar fagail feòlmhor, collaidh, a' deoghal ar toil-inntinnean asda; mar sin 'gar fagail 'nar truaghanaibh lapach ri aghaidh dhenchainnean nan àmhghar.

As an eugmhais, ni *comhfhurtachd ar dàimhean* ar dealachadh o Dhia, agus air dhuinn an call, theid ar eridheachan bàs mar chridhe Nabail.

As an eugmhais, ni *dosgайн* na h-eaglais ar claidh, agus chaitig a soirbheachadh 'nar n-aire.

As an eugmhais, bithidh ar n-obair gun *ghliocas*, ar cor gun *shìth*, ar *dleasannas* gun *neart*, ar deuchainn gun *bhuaidh*, ar staid gun *aoibhneas*, ar beatha gun *chomhfhurtachd*, ar bàs gun *sholus*.

A nis, is iad ar n-àmhgharan, ar peacaidhean, agus ar n-ùmhachd, maille ris gach ni a tha coimhcheangailte riu fa leth, gnothaichean mòra ar beatha gu léir. Ciod air bith ni a tha sinn a thaobh Dhé tha e fillte suas anna so, agus 'nar cleachadh féin gu dligheach anna, agus anna sin mar an ceudna a tha 'seasamh mu'n coinnimh fa leth,* a tha teachd fo'n riaghailte cheudna; tre na nithe so uile tha sreach de chomhfhurtachd a ruith o'n Spiorad Naomh, a tha 'toirt crìche aoibhneich dhuinn d'an taobh air fad. Cia cho truagh as a tha cor nan anama bochd sin a tha as eugmhais nan comhfhurtachdan so! Cia cho faoin as a ta na h-innleachdan a ghnathraigheas

* "Their contraries."

iad'nan airc ! Cia treun na gaisgich ris am feum iad gleachdadadh 'nan aonar ! agus eo ac a tha buaidh air fhaotainn orra no tha coslas na buaidh air an taobh, cha-n'eil aca 'nan deuchainnean uile ach an searbhachd !

II. Is e an dara ni a tha r'a bheachdachadh chum a bhi 'teagasc dhuinn meas ceart a chur air comhfhurtachdaibh an Spiorad Naoimh,—ciod leis am bheil e' gar comhfhurtachadh ? A nis, feudaidh so a bhi air 'ainmeachadh fo'n dà cheann a thug sinn a cheana fainear,—gràdh an Athar, agus gràs a' Mhic. Tha uile shòlasan an Spioraid a' coimh-sheasamh ann a bhi toirt eòlais dhuinn air gràdh an Athar agus gràs a' Mhic, ann an rathad a bhi 'gan comh-chur ruinn ; agus cha-n'eil ni air bith anna araon nach 'eil e 'deanamh na mheadhon comhfhurtachd dhuinn : ionnus, gun amharus, gu bheil ar comh-chomunn againn ris an Athair 'na ghràdh, agus ris a' Mhac 'na ghràs, tre oibreachadh an Spioraid Naoimh.

I. Tha e *comhpairteachadh* ruinn, agus a' toirt eòlais dhuinn air, gràdh an Athar. Air d'ar Slànuighear beannaichte fios a thoirt d'a dheisciobluibh air bunait sin an t-sòlais a bha an Comhfhurtair gu 'fhrìthealadh orra (Eoin. xvi. 27), tha e 'dùnadhb suas an iomlain le na briathraigheibh so, "Is toigh leis an Athair féin sibh." Tha an Comhfhurtair air a thabhairt, ma seadh, chum a bhi 'toirt aithne dhuinn air so,—eadhon gur e Dia ar n-Athair, agus gur toigh leis sinn. Ann an rathad àraighe, gu bheil an t-Athair, cend pearsa na Trionaid, air a bheachdachadh gu h-eadar-dhealaichte, 'gar gràdhachadh. Is ann do bhrigh so a tha iomradh air a dheanamh cho tric air teachd a mach an Spioraid o'n Athair, do bhrigh gu bheil e teachd air theachdaireachd a ghràidh, chum eòlais a thoirt do chridheachaibh nan creideach air, chum gu'm bitheadh iad air an comhfhurtachadh agus air an daingneachadh. Ann a bhi 'toirt dearbh-chinnte dhuinn air gràdh siorruidh agus neo-chaochlaideach an Athair, tha e 'lionadh ar cridheachan le sòlas. Agus, gu cinnteach tha nile chleachdaidhean sin an Spioraid a thug sinn a cheana fainear, ag aomadh a dh' ionnsuidh so. Chuala sibh a cheana mu'n ghràdh so 'na oirlheimerceas barraichte. Ciod air bith ni a tha ion-mhiannaichte ann, tha e mar so air a chomhpairteachadh ruinn leis an Spiorad Naomh. Agus cha-n e mhain gu bheil mothachadh de'n ni so a' toirt fuasglaidh dhuinn, ach tha e mar an ceudna 'gar deanamh comasach anns na h-uile suidheachadh gairdeachas a dheanamh a tha 'dol thar labhairt agus làn de ghlòir. Cha-n ann le cinneas arbhair, agus fiona,

agus olaidh, a tha e comhfurtachadh ar n-anama, ach le dealradh gnùis Dhé féin oirnn, Salm iv. 6, 7. Feudaidh an t-anam so aig am bheil an Spiorad a ràdh,—“Tha *fuath* aig an t-saoghal dhomh, ach tha gràdh aig m’ Athair dhomh. Tha daoine a’ deanamh tàire orm mar *chealyair*; aeh tha gràdh aig m’ Athair dhomh mar *leanabh*. Anns an t-saoghal so tha mi *bochd*; aeh is *suibhir* m’ oighreachd ann an gràdh m’ Athar. Tha mi air mo *theannachadh* anns na h-uile nithibh; ach tha *uran gu leòir* ann an tigh m’ Athar. Tha neart mo pheacaidh agus m’ ana-mliann a’ dusgadh gu h-uaigneach mo *chaoidh*, far nach beachdaich sùil mo bhròn; ach tha mi a ghnàth ann an sealladh sùla m’ Athar, agus is truacant’ a chridhe do m’ thaobh. Ann an glaealbh a chaoimhneis, a’s fearr na beatha, ni mi gairdeachas ann an téinn, agus naill ann an àmhghar, seadh, luathghair mar bhudadhaiche nàmhaid. Ged a mharbhadh mi ré an là gu léir, cha-n’eil *uigein* mo dhoruinn gun tomhas, no *cnairt* mo dheuchainn gun chrièh; ach cò a ni sgeul air *leud*, agus *doimhne*, agus *àirde* sin gràidh m’ Athar ?” Dh’ fheudamaid glòir oibreachaidh so an Spioraid ann a bhi ’gar comhfurtachadh le gràdh an Athar ’àrdachadh suas, le bhi ’ga choimeas ris gach uile mheadhon aoibhneis agus sòlais eile gu léir; agus mar sin am falamhachd a chur ’an solus ri aghaidh a lànachd,—iad so uile gun tairbhe, ach sud, na h-uile ni; agus mar an ceudna le bhi ’nochdadh feartan sin ’oibreachaidh a chuir sinn a cheana an céill.

2. A ris: tha e ’deanamh so le bhi ’comhpairteachadh ruinn, agus a’ toirt eòlais dhuinn air, *grùis Chriosd*,—uile thoraidhean a chosnайдh, agus ion-mhiannachd a phearsa, mar a tha còir againn ann. Tha gràs Chriosd, mar a thug sinn a cheana fainear, air ’filleadh suas fo dhà cheann,—gràs, no oirdheirceas a phearsa, agus gràs a dhreuchd agus ’oibre. Tha an Spiorad Naomh a’ frithealadh comhfurtachd oirnn trid an dà ni so, Eoin. xvi. 14. Tha e ’glòrachadh Chriosd le bhi ’foillseachadh ’oirdheirceis agus ion-mhiannachd do chreidlich, mar an neach sin a tha “sònruichte am measg dheich mìle,—gu léir ion-mhuinn :” agus tha e mar an ceudna a’ nochdadh euid Chriosd dhoibh,—a ghràdh, a ghràs, uile thoraidhean a bhàis, agus fhulangais, agus ’aiseirigh, agus ’eadar-ghuidhe: mar sin a’ neartachadh an eridheachan agus an anaman. Agus ciod air bith sonas a tha ann am maiteanas peaceaидh, ann an saorsa o’n mhallaichadh, agus o’n fheirg ri teachd, ann am fireanachadh agus uchd-mhacachd, maille ris gach sochair do-àireamh a tha

coimhcheangailte riu ann an dòchas sin na glòire a thugadh dhuinn, tha iad uile 'teachd a stigh fo'n cheann so.

III. Is e an treas ni a tha r'a bheachdachadh chum na crìche ceudna, *freumh* agus tobar uile chleachdaidhean an Spioraid air son ar comhfhurtachd; agus tha so 'gar treòrachadh ceum ni's fhaisge air a' comh-chomunn sin ris, air am bheil sinn gu labhairt. A nis, is e sin a ghràdh mòr agus 'irioslachd neo-chrioch-nach fèin. Tha e teachd a mach o'n Athair gu toileach chum a bhi 'na comhfhurtair dhuinn. Bha fios aige ciod a bha sinn ann, agus ciod a bha 'nar comas, agus cionnus a chleachdamaid sinn fèin d'a thaobh,—bha fios aige gu'n cuireamaid doilgheas air, gu'm brosnaicheamaid e, gu'm muchamaid a ghluaasan, gu'n truailleamaid 'aite-còmhnuidh; agus gidheadh thigeadh e chum a bhi 'na comhfhurtair dhuinn. 'Nnair nach 'eil sinn a' beachdachadh mar bu chòir dhuinn air gràdh mòr so an Spioraid Naoimh, tha freumhan ar n-ùmhlachd gu léir air an lagachadh. Nam bitheadh còmhnuidh sheasmhach aig an ni so 'nar eridheachaibh, cia cho ionmuinn agus cho luachmhor as a bhithheadh 'oibreachadh agus a chleachdaidhean gu léir againn! Gu cinn-teach, cha-n'eil ni sam bith luachmhor ach sin a tha teachd o ghràdh agus o dheadh-ghean. Is e so dòigh na Fìrinn chum a bhi 'brosnachadh suas ar eridheachan a dh'ionnsuidh meas cheirt agus dhligheich a bhi againn air ar saorsa tre Iosa Criosd. Tha air 'innseadh dhuinn gu'n d'rinn se gu saor e; gu'n do leag e sios a bheatha o 'shaor thoil fèin; gun d'rinn e so uile o ghràdh. "An so dh' fhoillsicheadh gràdh Dhé dhuinne, anns gu'n do leag esan sios 'anam fèin air ar son;" "Ghràdhaich e sinn, agus thug se e fèin air ar son;" "Ghràdhaich e sinn, agus dh' ionnlaid e sinn o ar peacaidhbih 'na fhuil fèin." Tha ar cor agus ar suidheachadh mar an cendna air a chur ri so, 'nuair a ghabh esan os làimh air ar son,—bha sinn 'nar peacaich, 'nar naimhdibh, marbh, 'nar coimhich; eadhon 'an sin ghràdhaich e sinn, fhuair e bàs air ar son, agus dh' ionnlaid e sinn 'na fhuil fèin. Nach fheud sinn uaith so, mar an ceudna, meas a bhi againn air frithealadh an Spioraid chum ar comhfhurtachd? Chum na crìche so tha e teachd a mach o'n Athair, a' comh-roinn mar is àill leis, ag oibreachadh mar is toil leis. Agus ciod a tha sinn ann, air son am bheil e 'coimhlionadh na h-oibre so? Rag-mhuinealach, coirbte, mi-thaingeil; a' cur doilgheis air, agus 'ga bhrosnachadh. Gidheadh 'na ghràdh agus 'na chaomhalachd tha e buanachadh ann an deanamh mhaith dhuinn. Thugemaid fainear gràdh so an Spioraid Naoimh tre chreidimh. Is e ceann

agus tobar a' chomh-chomuinn sin e gu léir a tha againn ris anns a' bheatha so. Tha so air a labhairt a mhain, mar a dh' ainmich sinn, chum ar eridheachan ulluchadh air son a' chomh-chomuinn sin; agus eia cho beag as a ta e de na dh' fheudadh a bhi air a labhairt! Cia mòr an leasachadh a dh' fheudadh na beachdan so 'fhaotainn aig air làmhaibh! Cia do-àircamh an àircamh a db' fheudadh a bhi air a chur riu! Fègħnadh e gu bheil e air a dheanamh soilleir, o'n a chaidh a labhairt, gu bheil an comh-chomunn so 'am measg nan dleasan-nas a's mò, agus nan sochair a's luachmhoire 'tha anns an t-soisgeul.

CAIBIDEIL VII.

Air doigh coitchionn cleachdaidh nan naomh 'nan comh-chomunn ris an Spiorad Naomh.

'Nuair a chuir sinn roimh so an cíill cleachdailhean an Spioraid Naoimh annainn, nochd sinn air tús dòigh coitchionn nan cleachdaidhean sin; mar sin féin a nis, ann a bhi cur an cíill ath-philleadh cleachdail ar n-anama dha, bheir sinn air tús fainear cleachdaidhean coitchionn a' chreidimh a thaobh oibre so an Spioraid Naoimh, agus 'an sin thig sinn gu bhi labhairt mu nitibh fa leth. A nis, tha trì dòighean coitchionn anns am bheil an t-anam 'ga ghiùlan féin anns a' chomh-chomunn so, air an cur 'an cíill anns na Sgriobtuiribh *gu toirmisgte*, gidheadh a' filleadh dhleasannas *òrduichte* annta uile. A nis, is iad sin, —1. *Gun dolgheas a chur air.* 2. *Gun a għluasadlan a mhuxxadh.* 3. *Gun chur 'na aghaidh.*

Tha trì nithe r'am beachdachadh anns an Spiorad Naomh:—(1.) A *phearsa*, mar a tha e 'chòmhnuidh annainn; (2.) A *għluasadlan grāis*; (3.) 'Oibreachadh ann an òrduighibh an fhocail agus nan sacramaid;—uile chum na cricħe ceudna.

A nis, tha na trì nithe so a' coimh-fħreagairt ris na trì rabh-aidhean a chaidh ainmeachadh:—(1.) Gun *dolgheas a chur air*, a thaobh a *phearsa* 'na chòmhnuidh annainn. (2.) Gun a *mhuxxadh*, a thaobh a *għluasadlan grāis*. (3.) Gun *chur 'na aghaidh*, a thaobh *òrduighean Chriosd*, agus a thiodħlacen air son am frithealaiddh. A nis, do bhrīgh gu bheil dleasannas coitchionn nan creideach gu léir, 'nan comh-chomunn ris an

Spiorad Naomh, air 'fhillleadh suas anns na trì nithibh so, ni sinn ann làimhseachadh fa leth :—

1. Tha sùil a' cheud rabhaidh gu neo-mheadhonach *ri pearsa* an Spioraid, mar a tha e 'chòmhnuidh annainn. Tha so agaínn ann an Eph. iv. 30, "Na euiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhé." Ann an Isa. Ixiii. 10, tha gearran air a dheanamh 'nan aghaidh-san a chuir doilgheas air Spiorad Dhé; o'm bheil an rabhadh so gle choltach air a tharruing. Tha e soilleir gur e pearsa an Spioraid Naoimh a tha air a chiallachadh ann an so,—

(1.) O'n dòigh-labhairt a tha air a ghnàthachadh anns a' cheud chainnt, "An Spiorad Naomh sin;" agus mar an ceudna,—

(2.) O'n obair a tha air a cur as a leth anns na briathraibh a tha leantuinn, "Leis an do chuireadh seula oirbh gu là na saorsa;" ni, mar a chaithd a nochdad, a's e obair an Spioraid Naoimh. A nis, a mheud 's gu feud so a bhi air a thuiginn mu'n Spiorad aon chuid ann am muinntir eile, no annainn féin, tha e soilleir gu bheil an t-abstol 'ga chleachdadh anns an dara seadh, le bhi cur an t-sochair inbheich sin ris a tha sinn féin a' sealbhachadh uaith : tha e 'gar seulachadh gu là na saorsa.

Faiceamaid, ma seadh, aomadh na cainnte so, mar a tha i 'filleadh suas ceud riaghailte coitchionn ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh,— "Na euiribh doilgheas air an Spiorad."

Feudaidh am focal sin "a' cur doilgheis," a bhi air a bheachdadadh aon chuid *gu gnìomhach*, d'an taobh-san a tha cur an doilgheis; no *gu fulangach*, d'an taobh-san air an do chuireadh doilgheas. Ann an dara seadh so tha a' chainnt air a cleachdadh gu samhlach. Cha-n urrainn an Spiorad a bhi anns an t-seadh so air a chur fo dhoilgheas, no fo bhròn; ni anns am bheil caochlaidheachd agus laigse air am filleadh,—a tha gu h-uile neo-fhreagarrach do ionlanachdaibh neo-chriòchnach a nàduir; gidheadh feudaidh daoine sin a dheanamh gu gnìomhach a tha gu nàdurra 'cur doilgheis air neach sam bith aig am bheil inntinn chàirdeil d'ar taobh mar a tha aig an Spiorad Naomh. Mar 'eil doilgheas air a chur air mar so, beag taing dhuinne air a shon, ach d'a nàdur neo-chaochlaidheach féin. Mar sin tha dà ni air an comharachadh le na briathraibh :—

An ceud ni,—Gu bheil eridhe an Spioraid air iomairt d'ar taobh mar chridhe caraide ghràdhach, thlusail, mhaoth, *curamach m'ar leas*; uime sin theirear gu bheil ar mi-bheusan a' cur doilgheis air; amhui a dh' fhuilingeadh caraid o mhi-ghnèith-

eileachd a neach d'an d'thug e gràdh. Agus is e so an ni air am bheil sinn gu h-àraidh gu bhi beachdachadh mar aobhar agus stéidh an rabhaidh so,—eadhon gràdh, agus caoimhneas, agus caomhalachd an Spioraid Naoimh d'ar taobh. “Na cuiribh doilgheas air.”

An dara ni.—Gu feud sinn a bhi ciontach de na nithibh sin a tha annta fèin *freagarrach gu bhi cur doilgheis air*; oir chann'eil ar peacadh-ne idir ni's lughna ged a bhithheadh e 'fulang doilgheis mar a dh' fhuilingeas sinn fèin. A nis, tha an t-abstol a' eur an ceill anns a' choimh-theagasg cionnus a tha doilgheas mar so air a chur air an Spiorad, rainn 21—24. Tha e 'bros-nachadh suas a dh'ionnsuidh fais na naomhachaidh, agus uile thoraidhean na h-ath-ghineamhuinn, rainn 25—29. A ris, tha e 'comhairleachadh an aghaidh iomadh ole a bha cronail d'an soirbheachadh spioradail, agus a' leantuinn suas an iomlain leis an earail choitchionn sin, “Na cuiribh doilgheas air Spiorad Naomh Dhé ;” is e sin, le bhi teachd gearr air an naomhachadh choitchionn sin a tha ar suidheachadh ann an Criod ag agairt. Tha *dleasunnas gnàomhach* air 'fhlileadh anns an rabhadh so, gun doilgheas a chur air an Spiorad,—eadhon, gu'n leanamaid an déigh naomhachd coitehinn do bhrìgh gràidh, agus caoimhneas, agus caomhalachd so an Spioraid Naoimh. Is e so stéidh a' chomh-chomuinn a tha againn gu coitchionn ris. 'Nuair a tha an t-anam a' toirt fainear gràidh, agus caoimhneas, agus caomhalachd an Spioraid Naoimh dha; 'nuair a bheachdaicheas e uile thoraidhean agus chleachdaidhean a ghraídheus a dhealbh-ghean d'a thaobh; 'nuair a ni e gach coslas uile a sheachnad, agus a dh'imicheas e ann an uile dhleasannasaibh na naomhachd, do bhrìgh caomh-chùram so an Spioraid 'nar slighibh agus 'nar nimeachd gu léir,—an sin thae 'g imeachd ann an comh-chomunn ris. 'Nuair a tha sinn a' toirt fainear gu bheil an Spiorad Naomh, ar Comhfhurtair, a' gabhail toil-inntinn 'nar n-ùmhachd, agus gu bheil doilgheas air a chur air le ar peacadhribh agus ar n-amaideachd, 'nuair a tha so na bhrosnachadh oirnn a dh' ionnsuidh imeachd dlùth maille ri Dia anns an uile naomhachd, tha sinn 'an sin ag imeachd, tha sinn ag ràdh, ann an ceud shligh choitchionn ar comh-chomuinn ris.

Fanamaid 'an so ear tiota beag. Tha sinn a' call araon *cumhachd agus toil-inntinn* ar n-ùmhachd a chionn nach 'eil sinn a' toirt so fainear. Tha sinn a' faicinn e'arson a tha an Spiorad Naomh a' gabhail os làimh a bhi 'na chomhfhurtair dhuinn, agus ciod na meadhonan leis am bheil e 'eur an gniomh na

dreuchda sin d'ar taobh ; agus cia cho mi-chubhaidh as a ta e a bhi 'cur doilgheis air-san a tha air teachd chum comhfhurtachd a fhrithealadh oirnn ! Cleachdadh an t-anam e féin tre chreidimh ann an smuaineachadh air so ann an uile shlighibh na h-ùmh-lachd, agus gabhadh e gu eridhe e : " Thoilich e an Spiorad Naomh, 'na ghràdh, 'na chaoimhneas, agus 'na irioslachd neo-chrìochnaich, a theachd gu bhi 'na chomhfhurtair dhomh ; tha e 'deanamh sin gu toileach, gu saor, agus gu cumhachdach. Ciod nach d' fhuair mi uaith ! ann an lionmhoireachd m' imcheistean eionnus a dh' iùraich e m' anam ! Am bheil e comasach dhomh a bhi idir beò car aon là as eugmhais a shòlasan ? Agus an e gu'm bi mise neo-shuimeil a thaobh sin a tha 'na chùram aige-san ? An e gu'n cuir mi doilgheas air le dearmad, agus peacadh, agus amайдeachd ? Nach dean a ghràdh mo choimh-éigneachadh gu bhi 'g imeachd na fhianuis chum gach uile thoileachaidh ? " Mar so tha comh-chomunn againn ris gu coitchionn.

2. Tha an dara rabhadh againn ann an 1 Tesal. v. 19, " Na muchaibh an Spiorad." Tha eadar-dhealachadh bheachd 'am measg dhaoine a thaobh seadh nam briathran so. Tha euid ag ràdh, " An Spiorad ann am muinntir eile, is e sin, an tiodhlacan spioradail ; " ach bhitheadh sin coimh-ionann ris an rann a tha 'leantuinn, " Na deanaibh tair air faidheadaireachd." Cuid eile ag ràdh, " An solus a chuir Dia suas 'nar eridheachaibh ; " ach c'aite an goirear " an Spiorad " de sin ann féin ? Is e an Spiorad Naomh féin a tha air a chiallachadh ann an so, cha-n ann gu neo-nheadhonach, a thaobh a phearsa—an seadh sin anns am bheil doilgheas air a chur air, ni a tha 'na aigne pearsanta,—ach a thaobh a *ghluasad an gràis, a chleachduidhean, agus oibreachaidh*. Bha an Spiorad Naomh air a shamhlachadh leis an teine a bha a ghnàth air a chumail beò air an altair. Tha e mar an ceudna a' faotainn mar ainm " Spiorad losgaidh." Tha iomadh aobhar air son an t-samhlaidh so, air nach 'eil sinn gu labhairt ann an so. A nis, an uair a tha neach a' cur an aghaidh oibreachaidh nàdurra teine, 's ann ann an rathad a bli 'ga mhuchadh. Mar sin an uair a chuirear an aghaidh ghluasad an Spioraid Naoimh, tha sin air a ghairm " muchadh an Spioraid," amhul a ni connadh fliuch a thilgear air an teine. O'n t-samhladh chéudna tha an earail sin air a tabhairt, a bhi " 'g ath-bheothachadh thiodhlac Dhé,"—a' leasachadh teine nan tiodhlac a tha annainn. Tha an Spioraid Naomh ri strì ruinn, ag oibreachadh annainn, agus a' gluasad annainn air

iomadh dòigh chum ar fais ann an gràs, agus toraidh a ghiùlan iomchuidh air an nàdur nuadh a bhuilich e oirnn. “Thugaibh an aire,” mar gu’n abradh an t-abstol, “nach euir sibh ’an neo-shuim e ’na oibreachadh, tre chumhachd bhur buairidhcean agus bhur n-ana-miann, air eagal a bhacadh ’na dheadh-ghean do ’ur taobh ; is e sin an t-aomadh nàdurra a tha amaiibh.”

Is e so, ma seadh, an dara riaghait coitchiomm air son ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh. Tha sùil aige ri ’oibreachadh gràsmhor annainn agus leinn. Tha iomadh dòigh eadar-dhealaichte anns am bheil an Spiorad Naomh a’ cleachadh, agus a’ saothrachadh, agus a’ cur an gniomh a chumhachd annainn ; ann an euid le bhi gluasad os ceann a’ ghràis a thugadh dhuinn, agus a’ toirt ath-bleothachaill dha ; aun an euid le bhi ’buileachadh gràis as ùr oirnn o Iosa Criod, eoincheangailte ri amaiibh sònruichte air son a chleachdaidh, a’ beothachadh suas għluasadan gràsmhor annainn gu h-obann, no ri aghaidh dleasannais ;—agus so uile chum ar enideachadh air aghaidh ’nar n-imbhlachd agus ’nar n-imeachd maille ri Dia. Tha e dleasannach oirnn, ma seadh, a bhi beachdachadh na tobrach o’m bheil iad a’ sruthadh, agus na crìche chum am bheil iad ’gar treorachadh. Uaith so tha comh-chomunn againn ris an Spiorad Naomh, ’nuair is urrainn duinn a bheachdachadh mar lighdair neo-mheadhonach gach leasachaidh, agus euid-eachaidh, agus saorsa, a tha sinn a’ faotainn tre għrūs,—mar thobair uile chleachdaidhean agus thograidhean, agus għluas-adan gràsmhor ar eridheachan, agus na h-uile gleachdadħ agus eathachadh an aghaidh peacaidh. ’Nuair a bheir sinn fainear, tha sinn ag riadh, cleachdaidhean agus oibreachadh so gu léir an Spioraid anns an aomadh a tha annta dh’ ionnsuidh ar comh-flurtachd, agus an uair a tha sinn air an aobhar sin air ar deanamh cùramach agus faċilieach chum a bhi ’gam buileachadh uile a dh’ ionnsuidh na crìche air son am bheil iad air an comharachadh, mar nithe a tha teachd uaith-san a tha cho gràdhach, agus eho eaoimhneil, agus eho tlusail d’ar taobh,—an sin tha comh-chomunn againn ris.

Is e so a tha sinn a’ ciallachadh,—tha gach uile chleachdadħ gràsmhor an Spioraid bheannaichte ’nar n-anamaibh, agus d’an taobh, r’ a bhi air a bheachdachadh a għnath tre chreidimh mar ni a tha *teachd uaith-san* air dhòigh āraidi ; tha inntinn agus toil-mhaith an Spioraid r’ a thoirt faincar ann. Agus naith so bithidh cùram agus dichioll air an gin annainn a bhi ’cur gu buil na h-uile gluasad a tha e ’g oibreachadh ; bithidh ar

n-anaman ag urramachadh a làthaireachd, agus ag altrum spéis spioradail d'a naomhachd ; mar sin a' tighinn gu bhi cleachdta 'na chomh-chomunn.

3. Tha sùil an treas rabhaidh ris an Spiorad agus ri 'obair ann am frithealadh *òrduigh mhòir sin an fhocail*. Tha Stephen ag innseadh do na h-Iudhaich, Gníomh. vii. 51, gu'n robh iad "a ghnàth a' cur an aghaidh an Spiorad Naoimh. Cionnus a rinn iad e ? Eadhon mar a rinn an aithrichean : "Mar a rinn bhur n-aithrichean, mar sin tha sibhse deanamh." Cionnus a chuir an aithrichean an aghaidh an Spioraid Naoimh ? Rann 52, "Rinn iad geur-leamhluinn air na faidhibh, agus mharbh siad iad ; " 'n uair a chuir iad an aghaidh nam faidhean ann an searmonachadh an t-soisgeil, no ann an roimh-fhoillseachadh teachd an Fhìrein, chuir iad an aghaidh an Spioraid Naoimh. A nis, an uair a tha muinntir a' deanamh tair air searmonachadh an fhocail, tha iad a' cur an aghaidh an Spioraid Naoimh, do bhrigh gu bheil tiodhlac an t-searmonachaíd air a faotainn uaith-san. "Tha foillseachadh an Spiorad air a thoirt do gach neach, chum tairbhe," 1 Cor. vii. 7. Uime sin, an uair a tha ar Slànuighear a' toirt geallaidh an Spiorad d'a dheisciob-luibh, gu'm bitheadh e 'lathair maille riu gu bhi 'toirt dearbh-shoilleireachaidh do'n t-saoghal, tha e 'g innseadh dhoibh gu'n toir e beul agus gliocas dhoibh nach bi an naimhdean uile com-asach air labhairt no cur 'na aghaidh, Lucas xxi. 15 ; agus air bhi do'n ghealladh so coimhlionadh 'thaotainn ann an Stephen, tha e sgríobhta nach "b'urrainn iad cur an aghaidh a' ghliocais agus an spioraid leis an do labhair e," Gníomh. vi. 10. Air do'n Spiorad Naomh, ma seadh, ministreileachd a chur suas anns an eaglais, a' cur dhaoine air leth air a son, 'gan uidheam-achadh le tiodhlacan agus comasan air son frithealaidh an fhocail ; 'nuair nach 'eil daoine ùmhail do'n fhocal sin, 'nuair a tha iad a' cur 'na aghaidh, gun a bhi 'gan strìochdadh féin da, tha iad a' cur an aghaidh an Spioraid Naoimh. Tha rabhadh air a thoirt dhuinn an aghaidh so, ma seadh, ann an eisampleiribh aingidheachd mhuinntir eile. Agus tha so a' filleadh suas ann an treas riaghailte coitchionn air son ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh :—ann am frithealadh focail an t-soisgeil, tha sùil gu bhi againn air ùghdarras, air gliocas, agus air maitheas an Spioraid Naoimh, ann a bhi 'g uidheamachadh dhaoine le comasan freagarrach air son na crìche sin, agus mar an ceudna air a làthaireachd féin maille riu chum an deanamh éifeachdach, agus tha sinn gu ùmhlachd a strìochdadh dha do bhrigh sin.

Air an aobhar so, tha sinn ag ràdh, agus air a ghrunnd so, tha ùmhlaichd r'a strìochdadadh do'n fhocal, 'na *fhrithdealadh mhinistreileach*,—do bhrigh gur e an Spiorad Naomh, agus esan a mhain, a tha 'g uidheamachadh dhaoine air son na eriche sin. 'Nuair a tha sinn a' strìochdadadh gu h-iriosal ri aghaidh an fhocail, fo na bheachd so, tha comh-chomunn againn an sin ris an Spiorad Naomh anns an òrdugh sin. Ach tha so gu coitchionn air a thoirt fainear.

CAIBIDEIL VIII.

Seòlaidhean sònruichte air son comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh.

Mu'n tig sinn gu bhi 'g ainmeachadh sheòlaidhean sònruichte air son ar comh-chomuinn ris an Spiorad Naomh, feumaidh sinn euid de *rabhaidhean* a thoirt seachad ann an coimhcheangal riu, a thaobh aoraidh an Spioraid.

Anns a' chenù aite,—Is e nàdur na diadhachd reuson agus aobhar gach uile aoraidh; ionnus gu bheil e mi-chomasach aoradh a thoirt do *phearsa air leth*, as eugmhais aoraidh a thoirt mar an ceudna do'n *Trionaíd gu lèir*. Bha euid ag àicheadh, agus eha b'ann gun aobhar, gu'm b' iad na pearsachan, air am beachdachadh *mar phearsaibh, prìomh aobhur* agus euspair an aoraidh dhiadhaidh; is e sin, air am beachdachadh fo bheachd lòm aobhair am pearsantachd, ni a' s e an dàimh anns am bheil iad a' seasamh d' a chéile. Ach buinidh an t-aoradh so do nàdur agus do bhith na diadhachd, agus do na pearsaibh *eadur-dhealaichte* mar a tha iad air am beachdachadh ann an *ionannachd* a' bhith sin féin. Do bhrigh so tha an dòigh ùrnuigh sin a tha 'eur suas na h-athchuinge ceudna ris gach pearsa air leth —mar anns an Liordan*—'na dhòigh gun Bharantas, mar 'eil e 'na dhòigh aingidh. Tha e smuaineachadh gu bheil aoradh air a thoirt do aon phearsa, agus nach 'eil do phearsa eile, 'nuair a tha aoradh air a thoirt do gach pearsa mar Dhia, agus gu bheil gach pearsa mar sin;—mar gu'n iarramaid air tùs ni-éigin air an Athair, agus air dha ar n-iarrtus a dheònachadh, gu'n iarramaid a' ris air a' Mhae e, agus mar sin air an Spiorad Naomh; mar sin a cleachdadadh tri ghuionmhara aoraidh a thaobh an aoin ni, le sùil ri éisdeachd 'fhaotainn agus an ni ceudna bhi

* Leabhar ùrnuigh na h-eaglais Sasunnaich. Ead.

air a bhuleachadh tri uairean eadar-dhealaichte, 'nuair a tha na n-oibre sin gu léir a tha teachd a mach o'n Trionaid do-roinnte.

Is e cuspair dligeach agus àraidh an aoraidh dhiadhaidh agus nan athchuinge *bith Dhé*, 'na oirdheirceas neo-chriochnach, 'na imbheachd, 'na mhòralachd, agus 'na aobharachd, mar phriomh aobhar àrd-uachdaranaach nan uile nithe. A nis, tha so coitchionn do na tri pearsaibh gu léir, agus buinidh e do gach pearsa fa leth; cha-n ann fo bheachd lom am pearsantachd, ach mar Dhia os ceann nan uile, beannaichte gu siorruidh. Tha sùil an aoraidh dhiadhaidh air sin a tha coitchionn do na pearsaibh uile; ionnus gu bheil aoradh air a thoirt dhoibh uile anns na h-uile gniomh molaidh agus aoraidh. Tha na creatairean a chruthaicheadh a' toirt aoraidh d'an Cruithfhear; agus an duine, dha-san a chruthaich e a réir ionhaigh féin,—eadhon, esan o'm bheil "gach uile dheadh thabhartas agus gach uile thiodhlac iomlan" a teachd a nuas: so uile a' cur an céill Dhé mar Dhia. Uime sin,—

Anns an dara àite,—'Nuair a tha sinn a' tòiseachadh ar n-ùrnuighean do Dhia an t-Athair, agus 'gan eriochnachadh ann an ainm Iosa Criosd, is e am Mac cuspair ar n-ùrnuighean agus ar n-aoraidh 'nan tòiseachadh coimh-ionann ris an Athair, ged a tha am Mac air dhòigh àraidh air 'ainmeachadh mar eadar-mheadhonair'nan eriochnachadh,—cha-n ann mar Mhae dha féin, ach mar eadar-mheadhonair do'n Trionaid gu léir, no do Dhia ann an Trionaid phearsachan. Ach ann an asluchadh Dhé an Athar tha sinn ag asluchadh na h-uile pearsa; do-bhrigh gu bheil sinn ag asluchadh an Athar mar Dhia, agus gur Dia gach pearsa.

Anns an treas àite,—Anns an *riaghailte nèamhaidh* sin a tha againn ann an Eph. ii. 18, tha so gu léir air a chur 'an céill. Tha e sgrìobhta ann an sin gu bheil dol a steach againn 'nar n-aoradh "chum an Athar;" agus sin "tre Chriosd," no eadar-mheadhonaireachd Chriosd; "tre aon Spiorad," no le cuideachadh an Spioraid. Tha eadar-dhealachadh phearsachan ann an so a thaobh an oibreachaидh fa leth, ach cha-n' eil an t-eadar-dhealachadh sin idir deanta d'an taobh mar chuspair ar n-aoraidh. Oir ann ar dol a steach do Dhia, tha aoradh air a thoirt do'n Mhae agus do'n Spiorad Naomh coimh-ionann ris an Athair; a mhain so,—gur e gràs sin an Athar a tha sinn a' faotainn tre eadar-mheadhonaireachd a' Mhic agus le cuideachadh an Spioraid, an ni sin air son am bheil sinn a' tarruing dlùth do Dhia.

Mar sin an uair a tha sinn air ar tabhairt, tre fhrithealadh cedar-dhealaichte ni Trionaid, agus gach pearsa fa leth, gu bhi 'cleachdadhl aoraidh a' chreidimh air pearsa air bith, tha sinn anns a' chleachdadhl sin a' toirt aoraidh do'n Trionaid gu léir, agus do gach pearsa fa leth ann, eo ac' a tha sinn a' gairm air mar an t-Athair, mar am Mae, no mar an Spiorad Naomh. Ionuus gu bheil so againn r'a bheachdachadh anns an ni so gu léir,—nuair a tha sinn air ar tarraing gu bhi 'toirt aoraidh do phearsa cedar-dhealaichte air bith, le obair air bith a tha gu sònruichte air a eur as leth a' phearsa sin—gun a bhi gu bràth a' dùnadh a mach comh-aontachd nam pearsachan eile—gidheadh cha-n'eil sinn aig an àm sin a' toirt aoraidh do'n phearsa sinn a mhain, ach mar an ceudna do'n Diadhachd gu léir.

*Anns a' cheathramh àite,—*Air dhuinn na rabhaidhean so a thoirt seachad, tha sinn ag riadh gu bheil sin gu *aoradh eadar-dhealaichte* a thoirt do'n Spiorad Naomh. Mar a tha creidimh ri 'bhi air a chleachdadhl a thaobh an Athar agus a' Mhic, Eoin xiv. 1, "Tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna,"—is amhuil sin a tha e ri 'bhi air a chleachdadhl mar an ceudna a thaobh an Spiorad Naomh. Air do Chriosd a bhi 'coimhlionadh oibre móire na réite, tha e 'gairm a dheisciobul gu bhi cleachdadhl creidimh air fein; agus a nis gu bheil an Spiorad Naomh a' coimhlionadh na h-oibre sin a thugadh thairis dha-san, tha esan mar an ceudna ag iarraidh an ni ceudna. Agus do bhrigh so tha ionradh air a dheanamh air an oibreachadh cedar-dhealaichte : "Tha m' Athair ag oibreachadh gus a nis, agus tha mise ag oibreachadh." A nis, mar nach e cedar-mheadhonaireachd a' Mhic fior aobhar ar n-aoraidh dha—ged a tha e na bhrosnachadh cumhachdach d'a ionnsuidh—ach a Dhiadhachd, is amhuil sin cha-n'eil sinn a' toirt aoraidh do'n Spiorad Naomh do bhrigh gur e *ar comhfhurtair* e, ach do bhrigh gur Dia e; ged a tha e na bhrosnachadh cumhachdach d'a ionnsuidh gu bheil e na chomhfhurtair dhuinn.

Is e so, ma seadh, suim ar ceud sheòlaidh :—bu chubhaidh gu'n deanadh gràs, agus gràdh, agus cleachlaidhean, agus toraidhean an Spioraid Naomh, mar ar comhfhurtair, ar cur thuige agus ar gluasad suas gu bhi 'toirt gràidh agus aoraidh dha, gu bhi creidsinn ann agus a' gairm air ainn;—ged a tha so uile, air dhuinn a bhi 'ga chleachdadhl d'a thaobh-san mar Dhia, air a chleachdadhl a thaobh nam pearsa eile mar an ceudna, agus

sin mar Dhia. A mhain gu bheil sinn air ar cur thuige le toraidh-ibh a ghráidh gu bhi 'toirt aoraidh eadar-dhealaichte dha.

Air do na nithe so a bhi air an roimh-smuaineachadh, fòghlum-adh na naoimh creidimh a chleachdadadh gu h-eadar-dhealaichte air an Spiorad Naomh, mar aobhar neo-mheadhonach agus éifeachdach nan nithe maithe sin gu léir a dh'ainmicheadh ;— creidimh, tha sinn ag ràdh, gu bhi creidsinn ann agus gu bhi toirt àmhlaichd dha anns na h-uile nithibh ; seadh, creidimh, cha-n e mac-meanmna. Tha eadar-dhealachadh nam pearsachan anns an Trionaid 'na ni air am bheil sinn gu bhi cleachdadadh ar creidimh, cha-n e ar mac-meanmna. Mar so, ma seadh, air do na Sgriobtuiribh a bhi 'cur na nithe sin mu'n do labhair sinn as lethi éifeachd neo-mheadhonaich an Spioraid Naoimh, ann an rathad cho làn, cho tric, agus cho soilleir, tha an creidimh a dùnadh ris anns an fhoillseachadh sin, a' toirt aire shònruichte dha, a' toirt aoraidh dha, a' deanamh seirbhis dha, a' feitheamh air a shon, 'ga asluchadh agus 'ga mholadh ;—na nithe so uile, tha sinn ag ràdh, tha na naoimh a' deanamh tre chreidimh. Is e pearsa an Spioraid Naoimh, 'ga fhoillseachadh féin anns na h-oibríbh agus anns na toraidhíbh sin, cuspair àraidh ar n-aoraidh. Uime sin, an uair bu chòir dha-san urram sònruichte 'bhi air a chur air, agus nach 'eil sin deanta, tha peacadh sònruichte air a chiontachadh 'na aghaidh. Ann an Gniomh. v. 3, tha e sgriobhta gu'n d' rinn Ananias breug do'n Spiorad Naomh,— cha-n ann do Dhia ; ni, ann a bhi 'ga ghabhail a réir a *bhitheadh*, a bhitheadh a' ciallachadh na Trionaid gu léir, ach air dhòigh àraidh do'n Spiorad Naomh. Is ann air-san a bha urram sònruichte an tiodhlaic sin gu bhi air a chur mu'n d'rinn Ananias an t-aideachadh, agus air dha breugnachadh ann, bha peacadh sònruichte air a chiontachadh 'na aghaidh. Ach feumaidh sinn so a roinn beagan ni's fhaide 'na earrannan fa leth :—

Leagamaid eudthrom sònruichte, ma seadh, air uile chleachd-aidhibh an Spiorad Naoimh anns na nithibh fa leth a dh' ainmich sinn, da bhrigh so, gur toraidhean a ghràidh agus a chumhachd d'ar taobh iad. Tha an creidimh a' toirt fainear a *chaoimhneis anns na h-uile nithibh*. Tha e gu tric 'ga chleachdadadh féin mar chomhfhurtair d'ar taobh, gidheadh cha-n'eil sinn gu h-uile air ar comhfhurtachadh,— cha-n'eil sinn a' toirt fainear ciod a tha e 'deanamh. 'An sin tha doilgeas air a chur air. Na'm measg-san a tha 'gabhall agus ag aideachadh an t-sòlais a tha e taigse agus a frithealadh, cia cho teare an àireamh a tha beachdachadh air mar an Comh-

fhurtair, agus a' deanamh gairdeachais ann mar bu chòir ! Anns na h-uile gnìomh comhfhurtachd a tha an creideach a' faotainn, tha e mar dhleasannas air a bhi 'dearcadh tre chreidimh air so,—“ Tha so o'n Spiorad Naomh ; is esan an Comhfhurtair, Dia nan uile chomhfhurtachd ; tha fios agam nach 'eil aoibhneas, no sìth, no dòchas, no comhfhnrtachd r'a fhaotainn, ach sin a tha esan ag oibreachadh agus a' buileachadh ; agus a chum sin a bhuileachadh ormsa, dh' irioslaich se e féin gu toileach a dh' ionnsuidh dreuchd' so a' chomhfhurtair. Bha a ghràdh ann, agus do bhrigh gu'n robh, tha e buanachadh ann. Chuireadh e mar an ceudna leis an Athair agus leis a' Mhac air son na crèche sin. C'aite am bheil tobar m'aoibhneis ach anns an Spiorad Naomh ! no eiochan mo shòlais ach anns a' Chomhfhurtair ! Ciod, a nis, an luach a chuireas mi air a ghràdh ! cionnus a nochdas mi mo mheas air an tròcair a fhuair mi !”

Tha e iomechuidh, tha sinn ag ràdh, gu'm bitheadh so deanta ann an uile chleachdaidhean fa leth an Spioraid Naoimh d'ar taobh ; oir tha eomh-chomunn againn ris ann, mar a dh' ainmich sinn ann an toirt fainear gach ni fa leth. Ma's ann a' dòrtadh a mach gràidh Dhé 'nar eridheach-aibh a tha e, no a' deanamh fianuis air ar n-uchd-inhasachd, tha an t-anam a' toirt fainear a làthaireachd, a' enuasachadh a ghràidh, agus 'irioslachaidh, agus a mhaitheis, agus a chaoimhneis ; tha e air a lionadh le h-urram dha, a' meudachadh curaim gun doilgheas a chur air, agus a' saothrachadh chum a theampull agus 'aite-còmhnuidh a ghleidheadh neo-thruaillidh agus naomh.

A ris : tha ar comh-chomunn ris a' gintinn molaidh, agus buidheachais, agus urrainn, agus glòrachaiddh, agus beannachaidh, annainn dha, do bhrigh nan tròeair agus nan sochair a tha sinn a' faotainn uaith ; a tha ro lionmhor. Ann an so, ma seadh, tha ar n-ath sheòladh a' coimh-sheasanh. Tha an ni ceudna deanta leinn do Mhac Dhé do bhrigh ar saoraidh leis : “ Dhasan a ghràdhaich sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhibh 'na fhuil féin, dhasan gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal,” Taisb. i. 5, 6. Agus nach dligheach am moladh agus am beannachadh ceudna dhasan leis am bheil obair na saorsa air a deanamh éifeachdach d'ar taobh ? neach a ghabh ar comhfhurtachd os làimh le gràdh cho neo-chriochnach ri gràdh a' Mhic ann an obair ar saoraidh. 'Nuair a tha aoibhneas a' blàthachadh ar eridheachan, 'nuair a tha sinn

air ar cumail suas 'an sìth, agus air ar daingneachadh 'nar n-ùmhlaichd, thugamaid dha a' moladh a's cubhaidh d'a ainm ; beannaicheamaid e, agus deanamaid gairdeachas ann.

Agus cha bheag an earrann de'r comh-chomunn ris a bhi mar so a' glòrachadh an Spiorad Naoimh ann an cleachdadhl na buidheachais, an uair a tha *mothachadh spioradail* aig ar eridheachaibh de a shòlasaibh. 'Nuair a tha an creideach a beachdachadh a shaor thoil' anns an obair so, a theachd a mach o'n Athair, agus e bhi air a chur leis a' Mhac air son na crìche so,—'nuair a bheir e fainear 'irioslachd, agus a ghràdh, agus a chaoimhneas ann, bitidh 'anam air a dhòrtadh a mach ann am buidheachas agus 'am moladh dha, am feadh a tha an dleasannas féin a' sileadh millseachd thar 'uile bhudadhaibh. Cha-n'eil dleasannas air bith a's mò a dh' fhagas de chùbhraidheachd na flaithinnis anns an anam na e so.

Tha ar comh-chomunn ris a' luidh mar an ceudna 'nar n-ùrn-uighibh ris air son a bhi 'coimhlionadh oibre sin ar comhfhurtachd annainn a ghabh e os làimh. Tha Eoin a' guidhe air son gràis agus sìthe o na *seachd Spioraidlibh* a tha'm fianuis na righ-chaithreach, eadhon an Spiorad Naoimh, aig am bheil iomlanachd agus coimhliontachd 'na oibrigh uile. Tha an earrann so d'a aoradh air a h-ainmeachadh gu soilleir agus gu tric anns an Sgriobtuiribh ; agus tha gach earrann eile gu neosheachanta coimhcheangailte ris. Thugadh na naoimh fainear ciod na feumaich a tha annnta air toraidhribh sin an Spiorad Naoimh a chaidh 'ainmeachadh, maille ri mòran eile a dh'fheudadh a bhi air an luaidh ; smuanicheadh iad air na sochairibh sin gu léir air am bheil sinn 'nar luchd-comhpairt ; euimhnicheadh iad gu bheil e 'gan roinn mar is àill leis, gu bheil am buileachadh àrd-uachdaranaich 'na làmhaibh ; agus bitidh iad air an ulluchadh air son an dleasannais so.

Chuir sinn an cíll a cheana eionnus agus ciod an seadh anns am bheil so gu bhi air a choimhlionadh : thug sinn mar an ceudna fainear ciod e *pròlmh* reuson agus euspair an aoraidh so. Ann an dleasannas féin tha earrann nach 'eil beag de bheatha, agus de cífeachd, agus de spionnadhl a' chreidimh air a chleachdadhl ; agus tha sinn a' teachd gearr air an fharsuinneachd spioraid sin chum am bheil sinn air ar gairm, ann an deanamh gnothaich ri Dia, agus air ar cumhannachadh o bhi 'gimeachd ann an leud a shlighean, mar 'eil sinn a' fòghlum a bhi 'ga choinneachadh le 'aoradh féin, anns na h-uile rathad anns an àill leis a bhi 'ga chomhpairteachadh féin ruinn. Tha e deanamh

sin, a thaobh nan nithe a dh' ainmich sinn, ann am pearsa an Spioraid Naoimh. Ann a' phearsa sin tha sinn a' coinneachadh Dhé le ar n-ùrnuighibh agus ar n-athchuingibh 'na ghràdh, 'na ghràs, agus 'na lèghdarris.

A ris : beachdaichibh air mar a tha e 'ga irioslachadh féin ann an teachd a mach mar so o'n Athair agus o'n Mhae chum a bhi 'na chomhfhurtair dhuinn, agus deanaibh an t-Athair a ghuidh gach là air a shon ann an ainm Iosa Criod. Is i so obair làthail nan creideach. Tha iad ag amharc air agus a' beachdachadh an Spioraid Naoimh mar a gheall Dia a chur. Tha fios aea gu bheil an gràs, an sìth, an tròcair, an aoibhneas, agus an dòchas gu léir paisgte suas anns a' ghealladh so. Oir is ann trid-sau mar a tha e air a ghealltuinn, agus trid-san a mhain, a tha na nithe so air an comhpairteachadh ruinn. Uime sin, ma tha a' bheatha sin a tha sinn beò do Dhia, no aoibhneas na beatha sin, fiughail 'nar sùilibh, tha againn ri bhi 'meudachadh ann an so, ag asluchadh an Athar air a shon, mar a dh' asluicheas clann am parantan air son an arain làthail. Agus an uair a tha sinn a' guidhe air son an Spioraid Naoimh, agus 'ga fhaotainn, tha comh-chomunn againn ris an Athair 'na ghràdh, o'm bheil e air a chur, agus ris a' Mhae 'na ghràs, trid am bheil e air 'faotainn air ar son; mar sin mar an ceudna tha comh-chomunn againn ris féin, do bhràgh 'irioslachd thoilich d'ar taobh anns an fhrithealadh so. Tha ar n-uile iarrtais air son an Spioraid Naoimh a' filleadh annta gu bheil sinn a' dùnadh ris na nitibh so gu léir. O saoibhreas gràis Dé !

Tha earrann eile de'r comh-chomunn ris a' coimh-sheasamh ann a bhi 'gar n-ùmhìlachadh fein air son ar mi-ghnèidheileachd dha. Gu'n do chuir sinn doilgeas air a thaobh a phearsa, gu'n do mhùch sinn e a thaobh għluasadan a għrauis, gu'n do chuir sinn 'na aghaidh 'na òrdnuighibh, tha so uile 'na aobhar bròin; mar a thug sinn fainear. Bitheadh ar n-anama air an ùmhìlachadh 'na fħianuis do bhràgh so. Tha an earrann so de'n bhròn diadhaidh, maille ri smuaintean uime, cho freagarrach ri ni sam bith eile, gu bhi drùghadh air ar eridheachaibh ann an irioslachd, agus fuath do'n pheacadh. Dh'fheudamaid a dhol air aghaidh ann a bhi beachdachadh an samħu il so de nitibh; agus mar an ceudna an comh-chuir ri toraidhibh sònruichte sin an Spioraid Naoimh a dh'ainmicheadh; ach cha do rūnaich sin ach a mhain a bhi 'comharachadh cheann nan teagasc, agus a bhi 'fagail an comh-chuir do mħuinntir eile.

Dùnaidh sinn suas an teagasc so gu léir le eid de bheachd-

aibh mu chor agus mu shuidheachadh bhrònach dhaoine aig nach 'eil cuid sam bith ann an gealladh so an Spioraid, agus nach d'rinneadh nan luchd-comhpairt d'a shòlasaibh :—

I. Cha-n'eil fìor shòlas no fìor ehomhfhurtachd idir aca, ciod air bith eor no suidheachadh anns am bheil iad. Am bheil iad ann an àmhghar no ann an trioblaid?—is éigin doibh an uallach féin iomechair; agus is furasd' aithneachadh eia cho anmhunn as a tha iad ri' aghaidh, ma's e's gur toigh le Dia a làmh a leagadh orra ann an tomhas air bith os ceann ni gnàthaichte. Feudaidh daoine calmachd spioraid a ghlacadh thuca, agus iad féin a chrioslachadh le rùintibh mòra chum a bhi 'gleachd an aghaidh an àmhgharan; ach an uair nach 'eil so ag éiridh ach a mhain o aigeantachd nàdurra duine,—

(1.) Cha-n'eil ann mar is trice ach coslas o'n taobh a mach. Tha e deanta do blàrigh muinntir eile, chum nach faiceadh iad an gnùis a bhi fo sprochd. Tha an eridheachan air an ith suas le trioblaidibh agus imcheistibh inntinn. Tha an smuaintean iom-chomhairleach a' gleachd gun tèmh, ach gu bràth gun a bhi 'faotainn na buайдhe. Tha gach trioblaid nuadh, gach caochladh beag 'nan deuchainnibh, 'gan ceangal sios fo champar nuadh. Is rùn gun bhonn a tha 'beathachadh am misnéich, uime sin luaisgear gu soirbh an seasmhachd.

(2.) Ciod idir a tha 'nan rùintibh agus 'nam bunailteas a's misneachail? Ciod ach comh-ghleachd ri Dia, a rinn an ceangal anns an rib,—ùspairt na deargainn fo chudthrom na beinne. Seadh, ged a dh'fheudas iad a bhi 'g oidhirpeachadh foighidin a chleachdadhbh o aobhairibh nàdurra o'n taobh a mach, gidheadh cha-n'eil ann uile ach cathachadh ri Dia,—a' strì ri bhi sàmhach fo'n t-slat a leag Dia orra chum an cuir fo bhuaireas. Cha-n'eil Dia a' smachdachadh dhaoine a tha as eugmhais an Spioraid, chum a bhi 'cleachdadhbh am foighidin; ach gu bhi 'eur buaireis fo'n t-sìth agus an tèaruinteachd anns am bheil iad. 'Nuair a tha iad 'gan armachadh féin le foighidin agus misneach, is ann a chum a bhi 'gleidheadh an daingneich as an dean Dia an tilgeadh a mach, air neo is ann a tha e 'gan deanamh ni's abaiche air son léir-sgrios. Is e so a' chuid a's fearr de'n comhfhurtachd ann an là an aire.

(3.) Ma's e's gu bheil iad a' gealltuinn dhoibh féin a bheag sam bith de chùram Dhé d'an taobh,—mar a ni iad gu tric, ann an aon rathad no rathad eile, gu sònruichte 'nuair a tha iad air an ruagadh o ionadaibh fasgaidh eile,—cha-n'eil 'nan saorsa gu léir ach aisling an duine ocrache, a tha 'saoilsinn gu bheil e 'g

itheadh agus ag òl, agus air a neartachadh ; ach air dha dusgadh, tha e cloerach, falamh. Is amhuil sin iadsan a thaobh na saorsa sin gu léir a tha iad a' gealltuinn dhoibh féin o Dhia, agus an cumail suas a tha iad a' saoilsinn a bhi aca uaith. 'Nuair a dhùisgeas iad aig an là dheireannach, agus a chi iad gach ni gu soilleir, bithidh e aithnichte dhoibh gu'n robh Dia 'na namhaid dhoibh, a' deanamh gàire r'au sgrios, agus fanoيد an uair a bhí an eagalan orra.

Is e so, ma seadh, an eor 'nan àmhghar. Am bheil e idir ní's fearr maille riu 'nan soirbheas ? Tha so, gun amharus, mòr air uairibh, agus gu h-ióngantach air a chur an céill anns na Sgriobtuiribh, araon a thaobh am beatha, agus an crìch dheireannaich, a tha gu tric slothchail, sàmhach. Aeh am bheil fìor chomhfhurtachd aca rè an làithibh uile ? Tha iad ag itheadh, ag òl, a' eadail, agus a' deanamh subhach, agus theagamh a' tasgaidh suas dhoibh féin ; ach eia cho beag as a tha na nithe sin uile 'gan eadar-dhealachadh o na h-ainmhidhlibh a gheibh bàs ! Tha beachd gu coitchionn air a ghabhail air ciod an tairbhe 'bha aig Solamh o bhi 'sealbhachadh na nithe so, agus o bhi blasad na millseachd a bha anna, gu mòr os ceamu neach sam bith de chloinn nan daoine 'nar ginealach-ne. Tha an sgeul a tha aige r'a innseadh m'an timechioll mar an ceudna aithnichte : "Is diomhanas uile iad agus buaras spioraid." Is e so, ma seadh, an sólas :—fuaim droighnich fo phoit, boillsgeadh obaum agus lasair, a chriochnaicheas cho obann anns an dorch. Ionnus gu bheil araon doirbheas agus soirbheas 'gam marbhadh, agus co aca is gáir e no gul doibh, is e is dual dhoibh am bàs.

2. Cha-n'eil sìth aca, aon chuid ri Dia, no anna fein. Tha fiosagain gu bheil mòran dhiubh, air bunaitibh agus air dòchasaibh meallta, a' gleidheadh innleachd air nitibh a chumail ann an gnè shàmhchair, ni mò is e mo ghnothach aig an àm a bhi 'nochdadh fealltachd agus mi-flallaineachd an sìthe ; ach a mhain gur e so an eor. Air do shìth fhìrinneach agus dhiong-mhalta a bhi 'na toradh an Spioraid Naoimh ann an eridh-eachaibh nan creideach—mar a thug sunu fainear,—cha-n urrainn a samhuil sin de shìth a bhi aca-san nach d' rimneadh riagh 'nan luchd-comhpairt de'n Spiorad. Feulaidh iad, gun amharus, a bhi 'glaodhaich, "Sith, sith," 'nuair a tha sgrios obann aig an dorus. Is iad freumhan na sìthe sin a tha aca, mar a bhitheadh e soirbh ní's leòir a nochdadh, dorehadas no aineolas, feall na coguis, féin-flìreantaichd, agus dòchas meallta. Feulaidh uile chleachdaidhean an sìthe a bhi air an

lorgachadh a dhí' ionnsuidh nam freumh so; agus eiod an tairbhe 'bhitheas anna dhoibh anns an là anns an gabh Dia gnothach riu?

3. Dh' fheudamaid an ni ceudna a ràdh a thaobh an *aoibhneis* agus an *dòchais*;—tha iad meallta agus bàsmhor. Beachdaich-eadh iadsan, ma seadh, air so, a bha 'gan riarachadh fèin le einnteachd air an eòir ann an nithibh maith an t-soisgeil, agus gidheadh a bha deanamh tareuis air Spiorad Chriosd. Tha fios agam gu bheil iad lìomhlor a tha 'g aideachadh an Spioraid, agus gidheadh a tha 'nan coigrich air a ghràs; ach ma theid iadsan a dhùth anns nach 'eil e 'gabhair còmhnuidh le cumhachd, ged a bhitheadh iad 'nan aideachadh a buintinn gu caoimhmeil ris agus a' cur urraim air, c'ait an nochdar iadsan a tha 'cur 'na aghaidh agus 'ga mhaslachadh? Tha an Sgriobtuir a' cur an eàill dhuinn, mar 'eil Spiorad Chriosd annainn, gu bheil sinn marbh, 'nar daoine 'chuireadh air eùl,—cha bhuin sinn do Chriosd. As eugmhais an Spioraid cha chomasach dhuibh aon air bith de na toraidhibh glòrmhor sin a bhi agaibh a chaidh ainmeachadh, a tha e 'g oibreachadh a thaobh nan creideach; agus tha sibh cho fad o bhi 'fèòraich am bheil e annaibh no nach 'eil, as gur ann a tha sibh ullamh air fochaid a dheanamh orra-san anns am bheil e. An e nach 'eil neach idir a tha 'g aideachadh an t-soisgeil, nach do chuir riabh a cheisd ann am firinn an robh iad 'nan luchd-comhpairt de'n Spiorad Naomh no nach robh? Sibhs' a tha 'ga mheas 'na ni neònach a samhail sin de cheisd a bhi air a eur, a tha 'g amhare air na h-uile dhaoinibh a tha 'ga aideachadh mar mhealltairibh amaideach, an Tighearn gu'n deanadh bhur dùsgadh a dh' ionnsuidh seallaidh de'r eor mu'm bi e tuilleadh as anmoch! Ma's e's nach 'eil an Spiorad Naomh a chòmhnuidh annaibh, mar 'eil e 'na chomhfhurtair dhuibh, cha mhò na sin is e Dia bhur n-Athair, no am Mae bhur Fear-tagraigdh, agus cha-n'eil cuibhrionn air bith agaibh anns an t-soisgeul. O gu'n dùisgeadh Dia anam bochd éigin gu bhi 'toirt so fainear, mu'n tig dearmad agus tareuis an Spioraid Naoimh a dh' ionnsuidh iùre na tàire sin o nach 'eil leigheas!—gu'n deanadh an Tighearn uile amaideachd an cridheachan a leigeadh ris dhoibh, chum gu'm bitheadh *nàire* agus amhlaoadh orra, agus nach deanadh iad gu h-an-dàna ni's mo!





